



b. 8.  
H.M. 20.

250 A: 300











X  
AN

# TEACHDAIRE GAELACH,

O BHEALLTUINN 1830 GU BEALLTUINN 1831.

---

"An là a chì 's nach fhaic."

---

AN DARA LEABHAR, ANNS A BHEIL DA THEACHDAIRE DHEUG.




W. R. M'PHUN, PUBLISHER, GLASGOW;

W. BLACKWOOD, AND MACLACHLAN & STEWART,  
EDINBURGH.

---

1831.



MACLURE, PRINTER, TRONGATE, GLASGOW.

## INDEX.

	PAGE
AFRICANS, Scriptural Prophecies regarding them, . . . . .	193
Algiers, Account of . . . . .	55
Allan Beag, Letter from . . . . .	213
America, Letter from an Emigrant in . . . . .	123
Anacreon, First Ode of, translated, . . . . .	90
Anecdotes, Interesting . . . . .	143, 144
Armada, Spanish . . . . .	135
Appearances, Luminous, at sea during the night, . . . . .	177
 BABYLON, Scriptural Prophecies regarding . . . . .	97
Baloon, Account of . . . . .	39
Banner of Coll, a Legend, . . . . .	44
Banyan Tree, Account of . . . . .	255
Beaver, Natural History of the . . . . .	256
Beautiful Maid, a Poem, . . . . .	263
Bible, a Poem, . . . . .	239
Bittern, the great American, Account of . . . . .	69
Bread-fruit Tree, Account of . . . . .	233
Butter Tree, Account of . . . . .	233
Burger, A Poem from the German of . . . . .	117
 CAMERONS, A Legend regarding them, <sup>(Vol. 4.)</sup> . . . . .	213
Casquet, A Poem from the, translated, . . . . .	141
Celtic Dinner at Glasgow, Account of . . . . .	184
Child, the Pious, Account of . . . . .	258
Christ, The Birth of, a Hymn, . . . . .	191
Christmas, Reflections on the festival of . . . . .	190
Christian's Farewell to the world, . . . . .	103
— Lament, . . . . .	17
Christ, Duty of trusting in, a Hymn, . . . . .	16
Coll, Miss M'L—n of, Elegy on death of . . . . .	263
Colla Ciottach, History of . . . . .	113
Commandments, the ten, in verse, . . . . .	35
Communion Sabbath, the . . . . .	73
Contentment, a Poem, . . . . .	19
Cubber Burr Tree, Account of . . . . .	255
Concluding address by the Editor, . . . . .	280

	PAGE
DERRIVS, The Turkish, a tale, . . . . .	167
Dialogues, Familiar,—Evils of Litigation, . . . . .	6
————— Shipwrecks, . . . . .	169
————— Polar Regions, . . . . .	245
————— Revolution in France, . . . . .	86
————— Reform, . . . . .	224
————— Machinery, . . . . .	226
————— Early and imprudent Marriages, the evils of	196
Divination, Pretences to the power of . . . . .	141
Doubt, a Poem, . . . . .	43
Dreams, Letter on . . . . .	41
Dunavartie, Massacre of . . . . .	90
 EARTH, Form of . . . . .	136, 162
———— Motion and Rotation, . . . . .	112
East Indies, Superstitions of . . . . .	17
Egypt, Scriptural Prophecies regarding it, . . . . .	217
Erin gu bràth, Translation of . . . . .	117
Exile, Lament of MacCruimein, . . . . .	165
 GAELIC Language and its kindred Dialects, . . . . .	57
———— Publications, New . . . . .	30, 48
———— Professor in Scotch Universities, . . . . .	206
———— Psalm Book, an admirable version of . . . . .	216
General Assembly at Glasgow 1638, Account of . . . . .	201
Glasgow Colonial Society, Account of . . . . .	95
Ghosts, Absurd Superstition of . . . . .	127
———— and Witchcraft, . . . . .	159
Goats, the Hunters of the Wild, a Legend, . . . . .	30
God, The Love and Favour of, a Poem, . . . . .	30
Gray, Auld Robin, a Poem translated, . . . . .	78
 HAY Tea, the virtues of, in feeding Cattle, . . . . .	216
Heber, a Poem by, translated, . . . . .	123
Hero, the, a Poem, . . . . .	161
Henry the VIII of England, . . . . .	165
Highland Legend of Murcha Gearr of Lochbuy, . . . . .	277
Highland Piper and Wolves, Anecdote of . . . . .	212
Homer, Translation from, by E. M'Lachlan, . . . . .	161
Hope, The Christian's, a Poem, . . . . .	35
Hypocrisy unfolded, . . . . .	20

	PAGE
<b>IDUMEA</b> , Scriptural Prophecy regarding . . . . .	146
Inverlochy, Battle of . . . . .	133
Jews, Scriptural Prophecies regarding the . . . . .	241, 265
— their number, . . . . .	268
<b>KING</b> George IV. Death and Character of . . . . .	52
— Moral reflections on his death, . . . . .	53
— Iorram to . . . . .	69
King William the IV. Biographical sketch of . . . . .	54
Knox, John, Biographical sketches of . . . . .	59, 83, 104, 130
<b>LEGEND</b> —Highland Lairds of Coll and Barra, . . . . .	67
— Ewen of the Little Head, . . . . .	92
Letter from Ireland in Irish Orthography, . . . . .	38
Lochaber no more—translation, . . . . .	44
<b>MISERY</b> , a Poem, . . . . .	5
Mother, Narrative of a Pious . . . . .	115
Mouth, Structure of the Human . . . . .	270
Milk Tree, Account of . . . . .	232
<b>NEW-YEAR'S-EVE</b> , a Poem, . . . . .	209
Nineveh, Prophecies regarding . . . . .	121
<b>PALM</b> Tree, Account of . . . . .	234
Paul's, St. Voyage, a Poem, . . . . .	19
Peggy, my, a Poem, . . . . .	166
Prognostics of the Weather, . . . . .	182, 210
<b>REPROOF</b> , Seasonable . . . . .	143
Rivers, Origin of . . . . .	177
Richard, Poor . . . . .	11
Rose, Red, a Poem translated, . . . . .	119
Ring dropping, . . . . .	279
<b>ABBATH</b> , On the Sanctification of . . . . .	207
— Rules for the Sanctification of . . . . .	268
— a Poem, . . . . .	83
— Easter, a Poem, . . . . .	276
Sennacherib, a Hymn, . . . . .	94
Scotland, History of, in a series of articles, . . . . .	154, 179, 221, 252, 272
Second-sight, Pretensions to, exposed, . . . . .	141

	PAGE
Sick, Visiting the . . . . .	80
Shipwrecks, . . . . .	172
Song, by E. M <sup>c</sup> Lachlan of Aberdeen, . . . . .	215
Shinty Match at Glasgow, Account of . . . . .	211
Solemn League and Covenant, . . . . .	177
Spirits, Evils of Ardent . . . . .	23
Spring, a Poem, . . . . .	14
Summer, a Poem, . . . . .	279
Supper, Lord's, On the . . . . .	1, 25
————— Excuses for not coming to, exposed, . . . . .	49
Superstition of Highlanders exposed, . . . . .	44
————— A most absurd one, . . . . .	44
Swearer, Prayer of, explained, . . . . .	21
THOMSON, Rev. Dr. Andrew, of Edinburgh, his death, . . . . .	240
Tides, Theory of . . . . .	195
Tiree, The Fisherman of, a Poem, . . . . .	238
Trees, Account of Wonderful . . . . .	251
——— Fountain tree, Account of . . . . .	234
WALKS of Usefulness, The Minister's . . . . .	80
Wills, Duty of making them enforced, . . . . .	204
Whale Fishery, Account of . . . . .	229
Word in Season, . . . . .	144
Wonder, an Anecdote, . . . . .	71
World, a fallacious Flatterer, a Poem, . . . . .	46

AN

# TEACHDAIRE GAELACH.

CEUD MHIOS AN T-SAMHRAIDH.

XIII. AIREAMH. 1830.

MU SHACRAMAID NA SUIPEARACH.

1 Cor. xi. 24. *Deanaibh so mar chumhneachan ormsa.*

A THAOBH gu bheil an t-àm sin de'n bhliadh' a' tarraig dlùth, anns am bitheanta leo air feadh na Gaeltachd, cuimhn' a chumail air bàs agus fulangais an t-Slànuighir bheannaichte, tha dòchas againn nach measar le'r luchd-dùthche mi-ionchuidh, sinn a sgriobhadh beagan m'an chùis chudhrromaich so anns an àireamh so, agus ann an euid diubhsan a leanas.

A chum beachd fìrinneach a bhi againn air na nithibh sin tha e air an toirt gu'r cuimhne anns an òrdugh so, is feumail duinn a thuig-sinn, gu'n robh an duine air tùs air a chruthachadhl ann an aill-eachd na naomhachd. Ann an gàradh Edein bha e air a chuaireachadh leis gach maitheas; agus bha aige co'-chomunn sòlasach ri Dia. Ach thuit e o'n staid àrd agus shona sin, agus dh'fhas e truaillidh agus ciontach. Leis mar thainig sinn o pharantaibh peacach, tha sinn uile ciontach; agus fo bhinne bàis. Ann an Adhamh bhàsaich na h-uile, agus le eas-umhlachd-san, tha gach aon a thainig uaith, ann an staid pheacach. Pheacaich na h-uile,

agus thainig iad gearr air glòir Dhe. Thainig peacadh a steach do'n t-saoghal, agus bàs trid a pheacaidh; agus bu cheart-bhreitheach do Dhia sgrios a thoirt air a Chinne-dhaonna gu liomlan. Gidheadh, nochd Dia, a tha saibhir ann an tròcair's an iochd, a chàirdeas, agus chaomhainn e, ag ràdh, Saor e o dhol sios do'n t-slochd; fhuair mise éirc. B'e'n Slanuighear a gheall e, Mac na mnà, a bha gu tighinn 'an lànachd na h-aimsir, a bha gu ceann na nathrach a bhruthadh, agus gu iobairt choilioni' réite a thoirt suas air son peacaidh an t-saoghal. Ré cheithir mìle bliadhna, bha fiughair gu'n coilionadh Dia an gealladh a thug e gu tràthail seachad. Agus cha robh anns gach iobairt a thugadh seachad o thoiseach an t-saoghal, o'n uan a dh'fobradh le Abel, gus an là sin anns an d'thug Criod suas a spiorad air Calbhari, ach samhluidhean dorch air an aon iobairt mhòir sin, trid a' bheil Dia a'deanamh an t-saoghal réidh ris fein.

Fo'n t-Sean-Tiomnadh, bha iobairtean àraidh air an òrduchadh le Dia. Nam measg so, bha uan

r'a ìobradh air gach maduinn agus feasgar mar shamhladh sonraicht rois-laimh air bàs an Ti naomh sin, a tha air ainmeachadh, Uan De a ta toirt air falbh peacaidh an t-saoghal. Bha an t-uam Càisg air a chur gu bàs mar a ta fios aig gach aon a tha eolach air am Biobull, air an àm san do shaor Dia a shluagh féin a laimh nan Eipheid-each; agus bha cuirm na Càisg air a coimhead o bhliadhna gu bliadhna, mar chuimhneachan air an t-saorsa mhiorbhuileach sin. Tha'n dòigh air an robh an t-uam ri bli air a mharbhadh, agus a chuir sin ri bhi air a cumail, anns gach beachd is urrainn duinn a ghabhail air a chùis, na shamhladh soilleir air an òrdugh naomh mu bheil sinn a labhairt. An déigh dhoibh an tighean a għlanadh o gach taois-ghoirt, bu chleachda leo an àm na Càisg a choimhead, aran a ghabbail, īrnuigh bluidheachais a thairgse, na dheigh sin an t-aran a bhriseadh, agus a thoirt r'a itheadh dhoibhsan a bha cruinn. Dh'òl iad an sin fion, a cupain a bha fa'n comhair, le aidmheil thaingeil air son maitheas De as an leth, agus a' cur an céill na nithe a rinn Dia air son Israel. Cho-dhunadh a chuir le laoidh mholaidh.

Air feasgar an là sin, nach di-chuimhnichear gu bràth, an là m'an d' fhuiling Criod am bàs, choinnich e a dheisciobuil ann an seòmar uachdair ann an Ierusalem, clum gun itheadh e an t-uam-càisge maille riù. Ann an ionad sin shuidh e sios leo gu tûrsach, trom. Le mòr thogradh, deir esan, mhian-naich mi a Chàisg so itheadh maille ribh aon uair eile m'am fuiling mi. Bha fhios aige gun robh an deuchainn dheireannach a' tarraing dlù. Gun robh an cion-fath m'an d' thainig e chum

an t-saoghal a nis gu bhi air a chriochnachadh. Chunnaic a shùil uile-leirsineach gach ni bha ri tachairt. Bha fhios aige gun do għabb a h-aon d'a dheisciobluibh os laimh a bħrāth d'a naimhdib; agus an ùine għoirid gun tréig-eadh an t-iomlan diubh e. Bha'n t-àm sin a' tarraing dlù, 's an robh an t-aodhair ri bli air a bhualadh agus an treud ri bli air an sgap-adh: an t-àm anns an robh cumhachdan ifrin r'an gamħlas agus r'an innleachdan fheuchainn 'na aghaidh;—an t-àm anns an robh Athair glòrmhor r'a threigsinn. Nuair thainig an t-àm so, shuidh e sios leis an dà flear dheug; bha'n t-aran agus am fion air a bhord, rinn e iad nan samħluidhean air a chorp, a bha nis gu bhi air a reubadh, agus air fħu il bha nis gu bhi air a' dòrtadh; agus mar so shuidhich e òrdugh na Suipearach a tha ri bli air a choimhead le luchd-leanmhuinn fein o linn gu linn gu deireadh an t-saoghal. Tha e soilleir o bhriathraibh Chriosd air an àm sin gu'n d' thainig Sacramaid na Suipearach ann an àite cuirm na Càisge. 'Se so, a deir esan cupan an Tiomnaidh Nuadh ann am fħulse. Thug e ainni ûr air a chupan. 'Se bha ann roimh sin cupan an t-Seann Tiomnaidh, mar chuimhneachan air an t-saorsadh a fhuaradh trid fuil an uain-chàisg; ach as a so a mach, 's e th'ann cup an Tiomnaidh Nuaidh, ann am fuil an Ti naomh sin air nach robh an t-uam sin ach na shamhladh. Cup an Tiomnaidh Nuaidh, no an Tiomnadh deireannach, a chaidh a dhòrtadh, cha'n ann air son saorsa aimsireil pobull àraidi, ach air son maitheanas peacaidh do mhòrain; do'n mhòr àireamh a leanas iad gus an d' thig an saogħal gu eriċċi.

Ghlac Criod an t-aran, agus le ùrnuigh agus taingealachd chuir e air leth e mar shamhladh air a chorpa; *bhris se e*, a' leige ris gun robh a chorpa ri bhi air a leòn, air a bhruthadh, agus air a chràdh; gum fuilingeadh e am bàs, chum a shluagh a shaoradh; agus dh' àithn e do gach aon d'a dheisciob-luibh iad "a dh'itheadh de'n aran sin mar chuimhneachan air-san;" agus mar so a' teagasg dhoibh an doigh air am bitheadh iobairt réitich eifeachdach chum an saoradh. Air a mhodh cheudna ghabh e'n cupan, agus air dha ùrnuigh agus a thaingealachd a chur a rìs an céill dh'iarr e orra " iad a dh'òl uile dheth;" mar bha'm fion na shamhladh air f'huil, a bha'n ùine ghearr ri bhi air a dòrtadh, a chos-nadh sochairean an nuadh choi-cheangail; agus chum an daigh-neach air son maitheanais peacaidh do na h-uile chreidich.

Tha iomad ainm air a thoirt air an òrdugh naomh so. Tha e air ainmeachadh na Shàcramaid; focal nach 'eil ri fhaotainn anns na Scriobtuiribh, ach a tha ciallachadh bòid, no mionnan, a bha gnàthaichte am measg nan Ròimh-each, leis an robh an saighdear ga cheangal fèin gu bhi dileas d'a cheannard: A' leigeadh ris duinn, gu bheil an Criosduidh anns an òrdugh so ga cheangal fèin fo na geallaine is tinne a bhi dileas do Cheannard a shlainte.

Tha e air ainmeachadh Suipeir an Tighearna leis an Abstol e fèin; agus tha e soilleir cia mar a fhuair e an t-ainm sin. Shuidhicheadh e anns an fheasgar, an déigh suipeir an uain-chàisg; agus tha fhios ag-ainn gu'm b'i an t-suipeir an lòn bu phailte bha aig na h-Iudhaich.

Tha e air ainmeachadh an Comunach, do thaobh a cho'-cho-muinn a tha aca-san a tha co-

pairteachadh dheth air mhodh iomchuidh, le Criod an ceann, agus le gach ball d'a eaglais choitchionn aig a bheil a spiorad, agus a tha ann an càirdeas ris.

Do thaobh *nàdur* an òrdugh naomh so, feudar a ràdh ann am briathraibh coitchionn, gu bheil e na chuimn' air Criod agus air na rinn agus na dh' fhuiling e air son pheacach. 'Se cainnt an òrduigh so, " Deanaibh so mar chuimhneachan air Criod." Tha e na chuimhneachan air iobairt mhòir a chroinn-cheusaidh. Tha so soilleiro na briathraibh a chleachadh an àm suidheachadh an òrduigh, 'Se so mo chorps', a deir Criod, a chaidh a bhriseadh air 'ur son, agus 's i so m' fhuil a chaidh a dhòrtadh air 'ur son. Tha briseadh an arain agus taosadh an fhòná, a' foilseachadh dhuinn bàs Chriod, mar gum bitheadh e air a chéusadh fa chomhair ar sùl. Agus a h-uile neach a tha suidhe aig a bhord sin, tha iad air an gairm gu amharc suas le creidimh d'a ionnsuidh-san a bha air a cheusadh air an son; a db' f'huiling nan aobhar, agus a chuireadhl gu dòruinn chum gu'm biodh iadsan air an saoradh. Ann an òrdugh so tha Criosduigh-ean a'deanamh uaill ann an crann-ceusaidh Chriod, trid a' bheil Dia air a ghàrrachadh, agus daoine air an saoradh; agus a'leigeadh ris nach 'eil stéigh dòchais aca ach trid eifeachd na li-lobairt réitich sin air a bheil an t-aran agus am fion nan comharadh.

A rìs, is cuirm spioradail Sacramaid na Suipearach, anns a bheil fìrinne an t-soisgeil air an cur mu choinneamh ar sùl, anns a bheil sochairean agus beannachdan an t-soisgeil air an tairgse do dheiisciobuil Chriod, agus trid creidimh air an gabhail

d'an ionnsuidh. Ann an soisgeul Chriosd tha beannachdan air an uimeachadh air son uireasbuidh a chinne-dhaonna, agus anns an òrdugh naomh so, tha cuireadh aig a bhochd agus aig an sfeumach teachd agus a bhi air am beathachadh le sochairibh na slàinte. Tha Dia trid an spioraid ag aiseag d'an ionnsuidh gach ni maith a gheall e. Ann an òrdugh so tha Criosd agus maitheanas peacaidh, agus sìth o Dhia air an taigse gu saor. Tha fuarain na beatha air am fosgladh suas, tha tobraighean na slàinte air an leige ris, agus tha cuireadh aig gach neach air a bheil tart, iad a theachd gun air-giod agus gun luach. Ann an lòn spioradail a tha'n so air a chur mu choinneamh chreideach, tha'n anama a' teachd beo air an lànachd a ta ann an Criosd; agus as an lànachd sin tha iad a' faighinn gràs gu cuideachadh leo anns gach àm feuma. An lorg so tha iad a' cinneachadh ann an gràs agus ann an eòlas an Tighearn Iosa Criosd. Tha'n ercidimh ann an Iosa air a neartachadh. Tha iad a' deanamh uaill ann mar am Fàidh, a tha soilleireachadh an inntinn, d' an treòrachadh san t-slighe cheart; agus tha d'an deanamh glic chum slainte shiorruidh. Tha iad a' deanamh uaill as mar an Ard-shagart dileas, a bliàsaich, am firean air son an neo-fhlìrean, a tha deanamh eadar-ghuidhe air an son, a tha ga'm beannachadh le beannachdaibh spioradail o ionadaibh àrda. Agus aig a chuirn so mar an ceudna, tha'n ercidimh ann an Iosa mar *Righ* a phobuill air a neartachadh gu mòr. Tha iad a' mothachadh a chumhachd, a' ceannsachadh an spioradaibh ceannaireach gan cumail suas san t-slighe cheirt; agus le a chumhachd

d'an treorachadh trid creidimh chum slainte.

A ris, Tha òrdugh na Suipearach na shuaicheantas sonraicht air Criosdalachd, agus dhoibhsan a tha co'·pairteachadh dheth na chomharradh foillaiseach gu bheil iad a' gabhail Chriosd mar an Slanuighear, agus deònach bhi air an riaghlaadh leis, agus ùmhlaichd a thoirt d'a uile àithcantaibh. Is co'·ionann e 'sa ràdh, an làthair mòran fhianuisean, gu bheil iad ag earbs' ann' am bàs an Fhirschaoraidh, mar stéigh an dòchais agus an sonais; o so suas gu 'n caith ad am beatha, a géilleadh do ùighdarras ar Tighearna, ullamh gu strìochadh da fhocal, agus a dheanamh ni 's àill leis; gum meas iad mar am biadh agus an deoch gach ni a tha taitneach dhà-san a dheanamh, agus gun dlù-lean iad gach là ris-san is e annsachd an n-anama,

A ris, Tha Suipeir an Tighearna air a suidheachadh chum cridheachan Chriosduighean a cheangal ri chéile ann am bannabilgràidh. Aig bord an Tighearna, tha a luchd-leanmuinn a' suidhe mar chàirdean, mar bhràithrean, agus mar bhuill do chàch a chéile. Tha iad a' co'·pairteachadh de'n aon aran, agus ag òl as an aon chupan, air an ceangal so 'n aon chùlmhant, nan luchd-leanmuinn air an aon Cheannard, nan cloinn do'n aon Athair, ag imeachd san aon t-slighe, an dùil ris an aon dachaidh, agus nan oighreachan airan aon ghlòir. So uile tha air a leige ris duinn ann an Sacramaid na Suipearach. Aig cuirm na Suipearach thugadh an àithne so seachad mar ghràdhach mise sibhse, gràdhàicheadh sibhse càch a chéile: agus tha Criosd a' scusamh aig ceann a bhùird, ge

b'e àite bheil e air a sgaoileadh, agus ag ràdh r'a'luchd-leanmhuinn, Aithne nuadh tha mi toirt duibh, gun d' thugadh sibh gràdh d'a chéile.

Anns an àite fa dheireadh, Le òrdugh na Suipearach tha sinn air ar n-earalachadh gu bli deas airson dara teachd ar Slanuighear. "Oir cia tric a dh' itheas sibh do 'n aran so, agus a dh' òlas sibh do'n chupan so, tha sibh a' foill-seachadh bàis ar Tighearna gus an d'thig e." Anns a bheachd so nach sòlasach an t-òrdugh Sàcramaid na Suipearach. Esan air a bheil sinn a' cumail cuimhne mar so air a bhàs, tha e beo, agus bithidh e beo gu bràth; agus thig e f'hast a thoirt breth air an t-saoghal. O bhreitheamh a ghràdh-aich a phobull, eadlion chum bàis, ciod na beannachdan ris nach feud dùil a bhi aca uaithe? Gach Criosduidh aig bord communachaidh a' smuainteachadh air obair choilionta Chiost, tha e

air a tharruing gu lionmhoireachd a pheacaidh a dhi-chuimhneachadh; gu f'heòraich, Cò a dhíteas? agus tha e freagairt le dòchas agus dealas naomh; 'Se Criosd a bhàs-aich. Gabhaidh mi cupan na sláinte, agus iocam mo bhòidean do'n Ti as aird.

Mar so dh' f'heuch sinn gu ro-aithghearr nàdur an òrdugh naomh so a chur an céill. Gun teagamh 'se dleasnas gach Criosduidh co-pairteachadh dheth. 'Si so àithne shoilleir an Tighearna, agus àithne dheireichannach. Leis so tha a chàirdean a' taisbeineadh an gràdh agus an taingealachd dha, agus gan dealachadh fein uathasan a ta suarach uime, agus gun suim d'a iarrtas.—Ciòd a ta air iarraidh orrasan a dheanamh, leis am b' àill Suipeir an Tighearn a ghabhail gu h-iomchuidh? 'So ceist a dh' oidheirpicheas sinn a fhreagrachd san ath-àireamh.

*Campsie Màigh 1d. 1830.*

### C' AITE 'BHEIL TRUAIGHE?

Tha gach sligh' air an gluais sinn an taobh so do'n uaigh,  
Air a h-iathadh m'an cuairt leis gach deuchainn ro chruaidh;  
Ach ged tha air gach laimh ioma doilgheas, is òdas;  
Cha'n'eil anns an t-saoghal so truaighe gun dòchas.

An diobarach is laige, cha'n'eil e gun taic,  
Ris an earb' e le misnich na àmhghar, 's na airc.  
Tha mìlse r'a fhaotainn sa chupan is seirbhe;  
'S tha reult a' toirt soillse anns an oidhche is doirbhe.

Chunna mi'm peacach 'na airsneul 's na sgùlos,  
Fo uallach na h-aing'eachd air aomadh a sios;  
Ach bha Grian ait an dòchais na glòr os a cheann  
A'dearsadh roimh dheuraibh, gu h-aoidheil 's gu ciùin.

Chunnaic mi'n t-euslaint' fo larguin ga chlaoidh,  
 Bu chianail a chàramh, 's bu deis'neach a chaoidh ;  
 Ach bha misneach san t-sùil a chinn lag-sheallach fann,  
 'S bha fiughair na slainte mar adhart fo cheann.

Chuuna mi bhantrach, 's i sìunt' air an uaigh,  
 Bha na deurau gu frasach a' sileadh o gruaidh ;  
 'Si gun chobhair gun taic, ach na dilleachdain mhaoth  
 Bha tuireadh gu leanabail, 's iad sìnnite r'a taobh.

Ach rinnu isc bun anns gach gealltannas gràidh,  
 Agus sheall i le aiteas air maduinn an àigh,  
 Ann an siabar gach deur, 's an leighs'ear gach crìdh' ;  
 'S anns an coinnich luchd-daimh ann an àros na sìth.

Agus shiubhail mi m' smuaintibh an saoghal gu lèir,  
 Troi'n f'hàsach bu duaichnidh, 's troi' gheannaibh nan déur ;  
 Ach bha dòchas 's gach ionad toirt misneach 's gach cùs,  
 Mar tha 'ghrian anns gach ionad toirt soills' agus blàs.

Ach chì mi a tighinn àrd latha na soillse,  
 An latha nach tionndaidh gu feasgar no oidhche ;  
 Tha dòchas an f'hìrean air tionndadh gu buaidh.  
 Tha'n t-aingidh gun dòchas—Feuch ! iomlan, no truagh.

J. M'L.

---

#### COMHIRADH NAN CNOC.

*Pàra mòr agus Dòmhnull a Bhùth.*

**DOMH.** Fait ort a Phàra mhòir.  
 Tha mi tuigsinn gun robh thu as  
 a bhaile ; cha'n e na h-uile là a  
 chuireas tu suas am breacan uaine,  
 Cò as a thug thu choiseachd ?

**PARA.** Cha bu mhaith leam  
 droch fhreagairt a thoirt ort, ach  
 ge nach can mi, mar thuirt Ailean  
 nan con e, Gun d'thug a'm'chasan,  
 feudaidh mi le fìrinn a ràdh,  
 Gur coma leam cò as. Bha mi'n  
 diugh 'sa bhaile-mhòr, is cha'b'e  
 baile na biatachd ; cùl nio laimhe  
 ris an dà latha so.

**DOMH.** Shaoilinn thus a tha  
 chòmhnuidh ann an uaigneas a  
 Ghlinn-duibh, gum bu bheothachadh  
 mòr dhuit sgrìob a thoirt air  
 uairibh do'n bhaile mhòr a dh'  
 an harb an t-saoghal.

**PARA.** Ma tha 'm bail' ud na  
 shambladh air an t-saoghal, cha'n  
 ioghnadh leam daoin' a chluinn-tinn  
 ag ràdh, An saoghal bochd,  
 mosach. 'S mi nach iarradh a  
 chausair tioram ocrach a chois-  
 eachd ri m' bheo. Ged a dh'  
 f'hàillnichinn air an t-sràid leis a

ghorta, cha 'n 'eil dùil agam gu'm feòraicheadh iad Ciòd, a dh'f hairich an duine bochd ?

**DOMH.** An robh thu aig mòd an t-Siorram an diugh, no 'n cual' thu cionnas a chaidh do Iain bàn agus do Chailleach an òir ?

**PARA.** Cha teichd olcas ; Fhuair i 'n lagh air Iain bochd, 's cha b'e mo roghainn a bha 'n uachdar. Gnothach nàr, càin a chur air an duine bhochd, air son ruith de 'n teangaiddh a thoirt do'n Chaillich ghrainde ; agus 'se chuid is miosa, ged is ann ris na enuic tha mi ga ràdh, nach dubhaint e focal ach an fhìrinn.

**DOMH.** Tha'n fhìrinn fein air uairibh searbh ; ach is maith gu bheil lagh ann ; agus nach feud esan no duin' eile a dhroch nàdur a bhrùchdadadh a mach a reir a mhìann, gun e dhìoladh air a shon. 'Se 'n lagh fein an gille.

**PARA.** Is minic a chuala mi Gille nan car, agus b'e sin esan ; lagh na dunach do gach duine a dh' fheuchas ris. 'Se pailteachd an lagha, gorta na tire. Bha cairdeas agus deadh-choimhnears-nachd, tlus, seirc, agus caoimhneas, onoir agus fìrinn eadar duine agus duine, gus an cuala sinn iomradh air na fithich chìocrach sin na Sgrìobhairean, creachadoirean gun choguis gun iochd ; spùinneed-airean gun näire—

**DOMH.** Thoir an aire dhuit fhein, a Phàruig, cuimhnich mar dh'éirich do Iain bàn ; agus tha priosun ùr a nis sa bhaile mhòr.

**PARA.** Cha 'n eagal domh, tha 'n lagh air mo thaobh, seasaidh a bhreug mi. Deun a mach gun dubhaint mi e ; cha 'n 'eil dà fhianuis agad mar bha aig Cailleach an òir. Sin agad an lagh ; agus mar thuirt mi cheana, 'se

milleadh na duthcha e. Chunnaic mi là, agus bu tearuinte do dhuine gleadar de bhata daraich a thoirt do bhalach am fad an leith-chinn, no buitseach a ràdh a' nis ri Cailleach an òir.

**DOMH.** Nach mòr am beannachadh sin, teang' Iain bhàin, agus bata Phàra mhòir a bhi fo'n lagh ; agus gum faigh an duine 's bochda ceartas an aghaidh an duine is saibhire.

**PARA.** Air t-athais ; cha 'n 'eil an lagh ri f haotainn a nasguidh ; mar biodh an t-òr aig a chaillich cha chluinne iomradh air teang' Iain bhàin. An t-aon aig a'bheil an t-òr gheibh e 'n lagh ; agus matha gamhlás aige ri duine bochd sam bith, cha 'n 'eil aige ach a h-aon de abhagan an lagha a stuige ris, agus ma gheibh e as gun aileadh am fiacall a blii na shàil feudaidh se e fein a mheas fortanach. An cluinn thu, Dhòmhnuill, tha mis ag ràdh riut, nach robh anns na Gaidhsirean bochda ach fealadhà an coimeas riu so ; fhad 'sa dh' fhanas duine o ghnothaichibh mi-laghail, cha ruig e leas bonn-a-h-ochedh a thoirt orra san ; ach 's gann is urrainn duine a nis e fein a ghiùlan saor o lagh, agus tha do chuir 's do lùban ann, gum feumadh duine a tha 'n sàs ann a bheag no mhòr de ghnothaichean, am Maor ruadh a bhi na chois gach ceum a théid e. Mo bheannachd air an àm a dh'fhalbh 'n uair nach robh Sgriobhair, maor-righ, no tearraid san dùthach. 'S mi bha thall 'sa chunn-aic e.

**DÒMH.** 'S beag tha f hios agad ciod a tha thu 'g ràdh. Nam biodh tus eolach air eachdruidh na tire cha labhradh tu mar sin : an uair nach robh lagh ann, ach focal an uachdarain, agus a dh' fheud-

adh e le sméide na corraig leum air cheann a dheanamh air aon neach a thogradh e; agus an uair a bha a cheatharna bhochd nan tràillean. 'Se cothrom an lagha urram na dùthcha.

**PARA.** Air do shocair a Dhòmhnuill; bha thusa gu deimh-in fad an Glaschu, agus tha sgoil agad, agus comas labhairt; ach air a shon sin uile, feumaidh mi cur a'd'aghaidh; cha'n e cothrom an lagha urram na dùthcha; ach laghanna cothromach, agus ceart-as, air am feud daoine bochd ruigheachd gun òr gun airgiod; agus 'se so sochair a bh' aca 'sa Ghaeltachd m' am facas riambh Sgrìobhair no Bàta-smùide nar measg. San àm sin 'nuair a thigeadh eadar dithis (nì is éiginn tachairt air uairibh) rachadh iad gu h-earbais an làthair uaislean na dùthcha, na daoine tuigseach ceanalta, a thogadh, 'sa bha chòmhruidh nam measg, a bha eolach air gnothaichibh tire, agus a b' urrainn labhairt ruinn nar cainnt fein; bha focal nan daoine so dhuinn mar lagh; agus cha do chuir sinn rianlh an ag e. Bha chùis air a socrachadh gun mhoille gun chostas: bha réit air a dheanamh san àm, agus cha robh tuille mu dheibhinn. Cha robh smaoineach aig duine sam bith, ann an cuij de ghnothaichibh, dol seachad air a Mhinisteir agus air an t-Seisean, agus ann an gnothaichibh eile seachad air an uachdar; ach a nis, ma chaogas fleasgach òg a shuïl ri caileig, a suas a bhoineid chonnlachaich 's air falbh leatha gu fear-lagha, a dheanamh a mach gealladh pòsaidh na aghaidh, agus tha e co maith do 'n Ghille bhochd a gabhail, agus dol gu lagh leatha.

**DòMH.** Tha thu di-chuimhneachadh gu bheil breitheanna anns

gach cuirt, agus nach ceadaich iad foirneart a dheanamh air daoinibh bochd. Nach'eil thu earbsach as an t-Siorram?

**PARA.** 'S mi a tha! Dh' earbainn ri f'hocal mo chuid de 'n t-saoghal, ge nach 'eil sin mòr, taing do 'n lagh air a shon. Cha'n eagal leam nach bi ceartas na bhreith; ach is rud a tha mi 'gearan gum bi comas aig na Sgrìobhadairean daoine bochd a shlaodadh m'a choinneamh gun f'hiös e'ar son, le duine sam bith leis am miann a choimhearsnachd bhochd a sgiùrsadh le lagh; agus a dhìolas dhoibhse air son a dheanamh.

**DòMH.** Cia mar dh' fheudas sin a nis a bhith? Cia mar dh' f'heudainse cur as duitse le lagh?

**PARA.** Innseamaisa sin duit. Thoir thus airgiod leat, agus rach do bhail' àraid nach ainmich mi, agus abair ris an Sgrìobhadair leam, leat, Cuir Pàra mòr gu lagh; agus 's meallta mise mar faigh esan dòigh air mis a thoirt an làthair an t-Siorram, ge nach biodh do leithsgeul ann ach gun do chrath am mart maol agam a dà chluais riut. Lagh, na shochair aig daoine bochda! tha mi 'g rádh riut, ged a spònadh tu 'n cota breacain so o'n druim agam, a' cur an céill gum bu leat fein e, m'ar b'urrainn domh le cruas nan dorn a chumail uait, b' fhearr dhomh a thoirt duit, seach dol gu lagh, ni ged abhuidhninn, a bhiodh dhomh na chall.

**DOMH.** Tha beagan de'n f'hìrin anns na labhairt thu, ach air a shon sin, tha daoine ni's pòncaile nan gnothaichibh na bha iad; agus bha feum aig na Gaedheil air sin; cha'n 'eil iad comharrachte air seasamh ri 'n latha.

**PARA.** Mo thruaighe, is duilich dhoibh! Ach an saoil thu an

dean an lagh ni 's fearr iad. Feudaidh e an deanamh gu lùb-ach, carach, sedlta, ach cha tig an là a ni e iad fìrinneach, onarach. Chunnaic mi latha a bha sgaile air a bhois, co maith ri *Bill* agus urras; ach dh' fhalbh an là sin; cha 'n fhothainn a nis ach *stamp* an ceann gach gnothaich. Am faic thu chorrag ud, a Dhòmhnuill, chuir mi ri *Bill* i aon uair, ach ma chuir, cha chuir a rìs; b' fhearr leam a cur air an ealaig fo 'n tuaidh; is mis a thuig cionnas a ta na Sgriobhadairean a' deanamh am beartais.

**DOMH.** C'ar son a ta thu ri gearan nan aghaidh-san; Ciod e *Bill*, ach gealladh fo d'laimh gun diòl thu na fiachan a thae'giùlan air latha àraighe; agus ma sheasas tu ris sin, cha ruig thu leas puinneag chàil a thoirt air an lagh. Thig dàil gu dorus, agus bu chòir dhuits' an là a chuimhneachadh.

**PARA.** A chuimhneachadh! 'S mi bha ga chuimhneachadh, ma bha, b' iad mìosan bu ghiorra dh' fhairich mise riabh. Ach sheas mi mo latha.—

**DOMH.** Mu sheas, ciod an smàdadhbh a tha agad air na Sgriobhadairean?

**PARA.** Chuir thu stad a' m-sheanachias. Tha cuimhn' agad sinn a bhi air *Roupa Fir-na-Craige* an uraidh. Cò nach robh ann? bha an spréidh co math, an dàil co fada, 's an t-uisge-beatha co pailt. Chaidh riaghailtean na ceannachd a leughadh ann am beurladh; cha-chuala mi aon fhocal a thuig mi ach aon ràn a thug am maor ruadh as, Dàil bliadh'n a dhaoine uaisle. Thuit am mart maol orm fèin; agus mu fheasgar dh' iarradh orm dol a stigh maille ri càch. A' bheil thu maith air an sgriobhadh, ars' am fear-lagha? Cha 'n eil, ars' mise, B'fhearr leam iomair' a

bholladh a tharruing direach leis an t-seisrich, na sgrìob leth oir-leach air fad, a tharruing le peann mar bu chòir dhomh; ach feuchaidh mi ris. Nach e seachd puinnd agus cùig-deug a tha'n so? 'Se sin do chuid-sa dheth, ars' esan, ach le cion paipeir freagarrach, b' éiginn domh Lachlann Mac Fhionnlaidh a chuir san aon bhoinn riutsa, ach 's e 'n aon ni e. Cha 'n eil teagambh nach è, a deir mise; Ma dliòlas esan a chuid fein, cha bhi mis air deireadh. Tha mi cinnteach as a sin, ars' an Sgriobhair; le pheann fada cùl a chluaise, agus fiamhl ghàir air a ghnùis. Thugaibh dram do Phàruig còir, agus cuiribh a stigh Lachlann. Ciod a th' agad air, ach thainig an latha, is bha mise réidh air a shon. Ruigear fear na Craige, agus tairgear luach a mhait mhaoil; ruig ars' esan an Sgriobhair aig a bheil na *Billichean*: dhùin e 'n dorus air mo shròin, gun fheòdraich an robh beul air m' aghaidh. Cha robh comas air. Thug mi fèin am baile mòr orm, agus ràinig mi mo charaid an Sgriobhair. Bha mòd an t-Siorram gu suidhe, agus cha labhradh e focal rium gu h-anamoch. Tha 'n sruth, a deir mis' a tilleadhbh agus an latha dol seachad. Ma tha deir esan, tha latha, agus sruth eile a' tighinn. Cha robh comas air! Dh' fhalbh mi sa bhabhdaireachd feadh, a bhaile o uinneig gu uinneig. Fa dheireadh thachair am Maor ruadh orm, agus dh' innis mi dha mar bha. Marbhaisg air an sgadan, ars' esan, 'se tha sailte am bliadhna: Tha mi air mo chlaoidh leis a phathadh. Thuig mi fhein mar bha chùis, 's gum bu luate deoch no sgeul. Chaidh sinn a stigh, bhual mi fhein am bord, agus glaodar leth-bhodach de *Rum*

dearg. Fhuair mi mòran seanachais o'n Mhaor, agus gheall e dol leam 'nuair a sgaoileadh am mòd. Rinn e sin, thachair an Sgriobhair oirnn, agus ultach phaipeirean aige. Lean sinn a stigh e, agus thaig mi dha luach a mhait mhaoil. Nach 'eil e'n sin agaibh, arsa mise, gun pheighinn a dhì air. Thòisich e air a chunntas. Chuir am Maor cagar a' m' chluais, Faigh t-ainm as a *Bhill*. Tapadhl leat, a deir mise. Tha do chuidse de'n t-suim an so, a deir an Sgriobhair; ach c' àite bheil Lachlann? Is coma leam c' àit a' bheil e. Biodh gach fear a' toirt sgairbh a' creagan dha fein; thugaibh m' ainm as a *Bhill*. Sin rud, a bhobaig, nach 'eil a'm chomas a dheanamh. Tha mi faicinn gu bheil e *conjunct*. Mata tha bitheadh aige Ciod e sin domhsa? Nach do dhìol mise mo chuid fein deth? Rinn thu sin, ach tha thu ceangailte air son cuid Lachlainn cuideachd; agus mar bi thusa, no esan an so an ceann seachduin, cluinnidh tu uamsa air dòigh nach bi ro-thaitneach. Cha 'n 'eil comas air, a deir mise. Slàn libh! Sin a nis, a Dhòmhnuill, an lagh, as a' bheil thu deanamh na h-uiread mhòr-chuis.

**DOMH.** Ciod eile, ach an lagh, agus ceartas cuideachd.

**PARA.** Cluipereachd a dhuine, agus cha bu cheartas. Nach dubhaint e'n lathair f' hianuisean an là a chuir mi m' ainm ris, Nach robb mi stigh ach air son mo chuid fein. Ach ciod e am fàth bhi gearan? Cha robb sgillinn aig Lachlann bochd air an àm, achi rainig sinn caraid nam feumach, Fear *Acha-da-seillean*, mac an deadh athar. Fhuair sinn air ar facal uaithe-san na thog am *Bill*, achi ma thog, 's ann na chois a

bha 'n sgathadh; cunntas air a tharruing a mach le dubh agus dearg, co boidheach ri aon suidheacha breacain a chunnaic thu riamb, agus os cionn dà phunnd-shasunnach de chostas. 'Sin agad a nis an lagh as a' bheil na h-uiread thlachd agad.

**DOMH.** Na dhéigh sin uile cha d'rinn am fear-lagba aeh a dhleasnas. Bha 'n lagh air a thaobh.

**PARA.** Bha 'n rosad air a thaobh; ach eò bu shiòbhalta na e an là a chaidh mi stigh a shocrachadh ris. Is duilich leam ars esan a dhuine chòir mar thachair, cha mbaith a fhuaras Lachlann ort; ach ma thogras tu, bheir mis air na h-uile sgillinn a dhìoladh le costas. Cha 'n 'eil teagamh agam 'Ille mbaith; ach rachadh Pàra mòr a db' iarrайдh na déire' m' an leigeadh e leat dol an sàs ann an Lachlann còir. Gabh na fhuair thu, a deir mise, agus slàn leat.

**DOMH.** Sin agad maith an lagha; ni e thusa, agus do leithid faicil-leach ciod a ni sibh, gun ghealladh a thoirt nach co'-gheall sibh.

**PARA.** Tog dheth, na cluinnneam tuilleadh m'an chùis. Nan saoilinn gun ruigeadh mo ghuth gach cearnadh de'n Ghaeltachd, o mhullach Beinn-ibheis, dhirinn i moch am màireach, agus mar so labhrainn, "Fheara, 'sa dhaoine, sibhse a tha 'g àiteachadh tir nam Beann, nan Gleann, 's nam breacan, éisidh ri Para mòr, oir 's minic a thainig comhairle righ a beul an amadain. Seachnaibh an lagh. Uachdarana na dùthcha, seasainibh 'ur daoine, agus saoraibh iad o làmhaibh an luchd-lagha. Cha 'n 'eil sgillinn a bheir iad uath-san nach fairich sibhs a chall. A Mhinisteire an t-soisgeil, caralaichibh 'ur luchd-éisdeachd an aghaidh iad a dhol gu lagh, nochd-

aibh dhoibh a chall, agus comh-airlichibh iad gu sìth agus réite. A mhuianntir mo dhùthcha eadar thuath agus cheatharna, ma thig connsachadh nar measg leigibh a chùis gu ràidhe dithis de dhaoine còire. Tha uaislean f' bathast 'n ur measg, a sgoilteas an lagh, agus aig a' bheil báigh ribh, rachaibh d' an ionnsuidh: agus sibhse a luchd-lagha, agus a Sgriobhairean, cuimhnichibh gu bheil bàs a' feitheamh oirbh, agus breitheamh os ur ceann d'an éiginn duibh cunnatas a thabhairt.

T. O.

O'n sgùir na mnathan de'n f' highe's de 'n t-snlomhach,  
 'S na daoine de ghearradh na coille 's de 'n iasgach,  
 'Sa dh' fhàs iad air ti 's air dibh laidir eo miannach,  
 'S ioma oibreacdh a chaitheadh mu'n d' fhuaradh fo rian i'.

Ma's miann leat a bhi saibhir, smaoineich air ni chaonadh cho math 's air nì fhaotainn. Cha do mhéudaich na h-Innsean beairteas na Spàinne, chionn gu bheil i a cur g' an ionnsaidh na tha iadsan a' cur g'a h-ionnsaidhse. Leigibh dhibh ur n-ana-caithean amайдeach, uime sin, agus cha bhi urad aobhair agaibh a bhi gearain mu amanan cruaidh, air eisean trom, agus air teaghlaichean caithteach, chionn,

Ni mnathan 'us ceilg, agus cluith, agus òl,

An stòras ro bheag, 'us an eas'bhuidh ro mhòr.

## AN T-SLIGHE GU BEAIRTEAS.

II. *Earraun.*

Thòisich borbhanaich mhòr am measg an t-sluagh 'nuair a labhair fear na Crionndaich na briathran fu dheireadh,—shéid fear a shròn, ghabh fear eile grein tombaca, fear eile snoisean, thog fear a bhoineid, agus thachais e a cheann, agus an déigh dhoibh iad fein mar so a cheartachadh, rinn iad cròileagan mu'n cuairt do'n t-seann duine chòir mar bha iad roimhe, agus ghabh esan an sin air adhart mar so: An urad so, mo chàirdean, mu dheanadas, agus mu chùram duine mu a ghothach féin, is leòr e. Ach, a bhàrr air a bhi deanadach, èùramach, féumaidh sinn a bhi caontach, mar an céudna, ma's àill leinn dearbhphiseach a bhi air ar deanadas. Mur h-eòl do dhuine na gheibh e a ghleidheadh, faodaidh e a shròn a chumail ris a chloich-lìombaidh ré a bheatha, agus bàsachadh gun pheighinn aige mu dheireadh thall. Ní ròic tiomnidh folamh; agus

Caithidh tu na bheathaiceadh dà phàiste a' cumail àillis ri aon mhiabhéus. Theagamh gu'm faod thu bhi 'm barail nach mòr an ni corr uair beagan tì, beagan dibhe, beagan bìdh shòghair, no deise car riomhach, agus cuirm bheag an dràsta 'sa rithist: ach, cuimhnich, Gun dean ioma beagan, mòran. Seachainn costusan beaga. Bàthaidh toll beag long mhòr, mar a thuirt Callum Sèolta; agus, a rìs, Cuiridh beul milis thu shireadh na déirce; agus, os bàrr, Ni amadain cuirmean, ach ni daoine glic an ithe. Tha sibh ann an so gu léir air cruinneadh-adh cuideachd gus taingse thoirt air na nithean breagha's air na rudan rudanach a ta r' an reic an so. Their sibh *deagh-bhathar* riutha, ach, mur toir sibh an aire,

faodaidh iad a bhi 'nan droch-bhathar do chuid agaibh. Tha sibh an dùil gu'n reicear saor iad, agus theagamh gu dearbh, gun reicear na's saoir iad na chaidh an ceannach, ach, ma's è's nach eil feum agaibhs' orra, 's éudar gu'n bi iad daor dhuibh. Cuimh-nichibh ciod a thuirt Callum Seòlta, Ma cheannaicheas tu nì air nach eil féum agad, 's éudar dhuit gu goirid do ghoireas a reic. Agus, a ris, smuainich agad fein, mu'n gabh thu cùnnradh mòr. Se blhrigh a thàig Callum an so, nach eil an cùnnradh clo math, theagamh, 'sa shaoilear, agus gu'n faod am bargan tuille cron na math a dheanamh dhuit, le d' chuir ann ad ghaile a'd' ghnothach an déis-laimh; chionn thuirt e ann an aít' eile, 'S ioma neach a chaidh a dholaidh le deagh chùnnradh a cheannach, agus is amaideach an nì airgiot a chur amach a cheannach aithreachais; agus, a dh' aindcoin so, tha daoine gach latha a' cleachdadhl na góraiche so air an leithidean so de mhargainean, le bhi 'deanamh dì chuiumhn air briathran Challum Sheòlta. 'S ioma neach a chùm a bhrù fein falamh, air sgàth trusgan riomhach a chur m'a dhronnaig; ach, mar thuirt Callum Seòlta, Cuiridh éideadh riomhach as an teine, mar a ta sìoda, sròl, scàrlaid, 'us àilleagain eile.'

Fàguidh sioda, 's sròl, 'us scàrlaid  
Gun teine gu'n tuar an f'hàrdach.

Cha 'n nithean iad sin a ta féumail do'n bheatha; is gann gu 'm faodar *goireasan* a ràdh riù: ach, a dh' aindcoin so, cia lionar neach aig am beil déigh orra, dir-each air chionn am bòichead! Leò sin, agus le h-anacaitheamh eile, tha na h-uaislean a' tuiteam gu bochdaimh, gus an éudar

dhoibh a bhi 'g iarraidh coingheill air a muinnitir air an robh iad roimhe a' deanamh tàir, ach a ghléidh an lèrach le bhi deanadach, caontach. Anòt an cás mar so, thu e soilleir gur h-àirdé tuathanach air a chasan, na duin' uasal air a ghlùinean, mar a thuirt Callum Seòlta. Theagamh gun d'f'hàgadh cuid bheag aca, nach b'frios dhoibh cia mar a f'huaradh i. Tha iad an barail gur h-e'n lath' e, agus nach tig an oiche tuille; agus nach fhiach e a luaidh beagan a chaitheamh-as na h-urad. Ma bhithear a' sìr-thoirt as a chiste-mhine, gun a bhi cur idir intte, cha'n fhada gus an ruigear am màs, mar a thuirt Callum Seòlta, agus an sin, 'nuair a bhios an tobar traoidhte, bidh miadb ac' air luach an uisge. Ach dh' fhaodadh fios so a bli aca roimhe, na 'n robh iad air gabhail na comhairle so. Na'm bu mhath leat fios a bhi agad air luachmhorachd an airgid, rach 'us faigh beagan de'n coingheall; chionn an neach a theid a dh' iarraidh an iasad, théid e dh' iarraidh a bhròin, mar a thuirt Callum Seòlta; agus is ionan ceudna do 'n neach a bheir an t-iasad uaithe 'nuair a thig e 'ga iarraidh air a leithid so de shluagh. Tha Callum a' toirt comhairl'eile, agus ag ràdh,

Tha uaill-mhiann an trusgaum gu cinn-teach 'na mhallaichd;  
Na toilich do mhiann, gus am feuch thu  
do sporan.

Agus, a rìs, Tha 'n uaill 'na bleidire cho mòr ris an easbhidh, agus ro mhòran na's uaibhriche.

Ma cheannaicheas tu aon riomhadh, feumaidh tu *deich* eile a cheannach, chum 's gu 'm bi d' uighinn uile a rèir a chéile, Ach, mar a thuirt Callum Seòlta, Is fhasa dhuit a cheud togradh a

stamnadh, na na thig 'na dhéigh a thoileachadh: agus is co mòr an amaideachd do na daoine bochda bhi 'g aithris air na daoine beairteach, 's ged dh' fhéuchadh losgann ri e fén a shéideadh gu mèudachd daimh.

Faodaidh loingeas mòr dol air taisdeal fada,  
Ach féumaidh sgothan beaga seòladh  
dlù do'n chladach.

Coma co dhiubh, is gòraich i so air an tig peanas obuinn; chionn, mar a thuirt Callum Seòlta, An uail a ghabhas a diot-mhòr maille ri *diomhanas*, gabhaidh i a suipeir maille ri *tàir*. Ghabh uail a lòn-maidne maille ri paitteas, a diot-mhòr maille ri gainne, agus a suipeir maille ri michliu. 'Na dhéigh so gu léir, ciod a's féum do'n uail-thrusgain so, air am beilear a' cur urad an cunnart, agus a ta toirt urad, de dh' fhlangas air mòran? Cha'n urrainn e sláinte 'slìneadh, no cràdh a lughdachadh; cha mhèudaich e toileachasan duine, tha e a' togail farmaid, agus a' greasad truaighe.

Ach, cia cuthaich an ní e 'bhi dol an ainfhiach air sgàth an leithide sin de nithean gun fheum! Tha taigse sèa miosan dàlach againn, air son na cheann-aicheas sinn air an fheill so, theagamh gu'n d'thug so air cuid againn tighinn g'a h-ionnsuidh le dith 'n airgid ullamh, an dòchas gu'm faodamaid riòmhadh fhaotainn ga chion. Ach, mo thruaigheil thugaibh an aire ciod anisibh mu'n cuir sibh sibh fein fo ainfhiach. Tha sibh a' cur bhur saorsa ann an comas duin'eile, le dol 'na ainfhiach. Mur bi sibh comasach air an ainfhiach a dhìoladh aig an àm shuidhichte, bi'dh nàir' oirbh an uair a chì sibh an tag-

raighe; bi'dh sibh fo eagal, an uair a labhras sibh ris; gabhaidh sibh lethsgéulan truagha, taireil, siopach, agus tachraidh dhuibh uigh air'n-uigh, gu'n caill sibh cuimhne air an *fhirinn*, agus teannaidh sibh ri dù-bhréugaireachd; chionn mar a thuirt Callum Seòlta, 'S i cheud dubhaile dol am fiachan, 's an ath té teannadh ris na breugan; agus a rìs, Ni na breugan marcachd air muin nam fiachan — A nise cha tig do *Bhreatunnach*, a rugadh 'na dhuine saor, näire bhi air roimh dhuine ta beò, no eagal a bhi air labhairt ris.

An déigh dhuibh am bathar a cheannach, theaganach nach bi mòr-an cuimhne agaibh air a dhìoladh; ach, mar a thuirt Callum Seòlta, Is fearr meomhair luchd an tag-raidh na cuimhne luchd nam fiach, agus tha iad ro mhath air an fheill a chumhail air an latha. Thig an latha gun fhiös dhuit; iarrar am páidheadh, mu'm bi thu deas air a shon; no, ma's è 's gu bheil cuimhn' agad air an ainfhiach, an dàil a shaoil thu bhi glé fhada, fàsaidh i gle ghoirid, mar is dluthaithe a theannas an t-àm ort. Saoilidh tu gu'ndeachaidh sgiathan ris an aimsir. 'S goirid leòsan an Carmhus do'n eudar airgiod a dhìol air a chàisg. Tha sibh am barail, theagamh, gu'm bheil sibh an trà so ann an cor math, rathail, agus nach mòr an call dhuibh beagan ana-caitheamh; ach,

Cha mhair a ghrian-mhaidne ré an là;  
Roimh'n aois 'us roimh'n easbhuidh  
dean caonadh trà.

Faodaidh buannachd a bhi neo-bhunailteach, neo chinnteach; ach, ré 'ur beatha, tha caitheamh seasmhach, cinnteach; agus, Is flusa dà theallach a thogail, na

teine a chumail ri h-aon diubh,  
mar a thuirt Callum Seòlta ; agus,  
Is fearr dol a laidhe gun suipeir  
na bhi 'n drip le h-ainfhiach.

Is gliocas agus riasun an teag-  
asg so mo chàirdean ; ach, 'na  
dheigh so gu léir, ged is gasda na  
nithean 'ur dichioll, 'ur caontachd  
agus 'ur crionnachd fein, na dean-  
aibh tuille 'sa choir de dh'earbs'  
asda ; chionn faodaidh iad 'ur  
mealladh's ur milleadh gu buileach  
gun bheannachadh *neamh* a bhi  
maille riu ; uime sin iarraig  
beannachadh Dhia gu h-ùmhail ;  
agus na bitibh mi-sheirceil ris a  
nihuinnitir air nach eil a bhilath gu  
bheil e'n dràsd acasan, ach dean-  
aibh còmhnuadh 'us comhl'hurtachd  
riu. Cuimhnichibh gu'n d'  
fhuiling Iob, ach gu'n d'thainig  
piseach 'na lorg sin air.

Agus a nise, gu bhi criochnachadh  
Is daor an sgoil sgoil anfhiosrachaidh ;  
ach cha'n ionnsaich amadain  
ann an sgoil ach i, agus is gann gu'n  
ionnsaich iad int'e fein ; chionn,  
Tha e fior gur comas dhuinn  
comhairle thoirt seachad, ged nach  
teid againn airgiùlan a chompairt-  
eachadh, mar thuirt Callum Seòlta.  
Coma, cuimhnichibh so, Am fear  
nach gabh comhairle, gabhaidh e  
cònlong, mar a thuirt Callum Seòlta ;  
agus a rìs mar h-éisd thu ri

riasan, bheir e peileart dhuit anns  
na fiacan."

So mar a chriochnaich an seann  
duine a briathran. Dh'éisd an  
sluagh ris, agus dh'aidich iad gu  
leir gan robh an teagasg réusanta,  
ceart ; ach thòisich iad air ball ri  
dol calg-dhìreach'na aghaidh, mar  
nach biodh ann ach searmoin  
chumanta. Thòisich an f'héill, agus  
ma thòisich, thòisich gach fear ri  
tairgse, 's gach fear a stri co b'  
àirdre thogadh prìs a bhathair, a  
dh'aindeoin nan earailean a thug  
fear na Crionndaich orra, 's an  
eagail a bh'orra fein as na cisean.  
Bha mise gle uallach a bhi cluinn-  
tinn m'ainm fein cho tric'ga luaidh  
aig an t-seann duine chòir, ged a  
bha f'hios agam nach ann am  
cheann fein a choinnich trian a  
ghliocais air son an d'thug e dhomh  
creideas. Coma, smuainich mi agam  
fein nach curiinn a chuid comhairle-  
ean ri m' chluais, agus ged a bha  
rùn orm aodach còta a cheannach  
air an fheill 'nuair a dh'f'lag mi 'n  
tigh thainig fotham ri linn seanchas  
fir na Crionndach, gun caithinn mo  
shean chòta treis eile, agus sid ri  
siubhal mi. A léughadair, ma  
ni thusa a leithid cheudna bidh  
urad bhuannachd agad 'sa bha aig  
do sheirbhiseach dileas.

A. B. R. CALLUM SEOLTA.

### ORAN AN EARRAICHI.

An toiseach an Earraich bidh an t-òran a fas,  
Mar chinneas na lusan am broilleach a bhlàis :  
Tha Nàdur fas ait, dh' fhalbh aobhar a leòin,  
Nach cluinn thu na Ceileirean sheinneas na h-eòin !

Tha'n Geamhradh a teicheadh o'n deas chum an Tuath,  
'S an àite fuachd feannach am blàs faotnuinn buaidh ;  
'S na buidh'nean chlach mheallain bha sgaiteach o chéin,  
Air leaghadh gu tiàs ann an deàrsa na gréin,

Tha a Ghrian nis a' sgaoileadh a gairdean a mach,  
 O'n Ear gus an Iar tha i 'g iarraidh mar theach ;  
 'S an t-sòbhrag bha greis uainn a' folach a cinn,  
 Le caomh mhais a breacadh nam monaidh 's na glinn.

Ach Earraich, ged chaidh uait na baideil air chall  
 'Sa db' f'hàg iad an Ard-thìr is còmhnard nan Gall,  
 Dean faicill mar ghaisgeach, na smuainich air suain,  
 Mu'm pill iad mar f'hithich a mhilleadh nan uan.

Tha'n t-oirein gun euslain a' reubadh nan cnoc,  
 'Sa tiunnda' nan neoinean measg ùir anns a ghlaic ;  
 Fear eile gu sùrdail a sgapadh an f'hrois,  
 Agus each is cliath-chliata nan deann aig a chois.

Tha bàr-gucag an Fhoghair ag at air a chraoibh,  
 Is li uaine an Earraich a' sgaoileadh gach taobh ;  
 Tha'n tom-seangan a gluasad, 's a chuileag gu mear,  
 A dannsadh 'sa ghrian-ghath tha sìneadh o'n Ear

Tha 'm foghnan a sìneadh a shleaghan amach,  
 Toirt dùlan do'n Gheamhradh ris pilleadh gu theach .  
 Cha'n ieghnadh leam idir mar chinneas am feur,  
 Tha grian anns an linne, 's aon eile 's an speur

Tha choill a bha lomnochd, a' feedail 'sa ghaoith  
 Ga còmhdaich' le duilieach, is blàithibh gach taobh :  
 Is taitneach au sealladh bhi 'g amharc a suas,  
 Is srauman an t-seillein a seirm ann am chluais.

S an Atha na h-ëisg tha ri mireadh gun chlos,  
 'A sìreadh nan cuileag taobh geal-bhuinne cas ;  
 'S cu-donn air scòr craige air chrith gu bhi shios,  
 An doimhneachd an aigein thoirt bradaidh a nìos.

Tha ghobhar a faochuadh ri aodann a clinaip,  
 A teagastg d'a minnean an ealain air streap ;  
 Agus uan a sior mhireag mu'n cuairt air a phreas,  
 'Sa mhàthair ga shireadh mu bruachaibh an eas.

Air ard uilinn Chruachain tha gluasad nan eun,  
 Am fitheach, an croman, 's an iolaire threun ;  
 'S gu mo cluasaibh tha tighinn ard laugan an f'héidh  
 Is cèòlan na h-ainmir 's i leigeil na spréidh

Tha ghrian nis air Iuidhe air Earrach an àigh,  
 Is e le aoidh dol a liubhairt na h-àil suas do Mhàigh'.  
 Chi mi'n Samhradh a tighinn air uillinn nan càrn  
 S gàir ait anns na gleannaibh, 's an coille Mhuc-càrn!'

o. T.

*Bruach ruadh, 31la de'n Mhart 1830.*

---

EARBSA AN CRIGSD AIRSON  
 CUIDEACHAIDH TIMEIL AGUS  
 SAORSA IOMLAN.

An-earbsa bi siubhal,  
 Mo Shlan'ear tha m' chuidleachd,  
 'S e toileach, is murraich,  
 'S ni m' fhurtachd a'm fhéum :  
 Sior ghleachdáin le h-ùrnuig,  
 S ni esan an tìurn domh,  
 Le Criod 'g am shòr stiùralt  
 Cha chùram leam bëud.

Ged is doilleir an ròd domh,  
 'Ghnàth geilleam d'a òrdugh  
 'S ni esan mo sheòladh,  
 'S bheir lòn domh gun dì :  
 Ged fhaillnich gu huileach  
 Gach creutair 's a chruinne,  
 Thig 'fhoical a thuirt e,  
 Cha chunnart gu crèbh.

Tha 'ghràdh 'bha roimh caoin domh  
 A' baeadh dhomh shaoilsinn  
 Gu'm sag e ri m' shaogh'l mi  
 Am aonar gun taic :  
 Tha h-uil' Ebenéser,  
 Mar chuimhneachan féumail,  
 Gràdh "thug 's bheir E Fein as  
 Gach éiginn mi mach."

Gu m' aiseag gu slainte,  
 Chaomh-fhair e mo ghnàthchadh,

Tràill Shatain 'nuair bha mi,  
 Ag àbhachd ri sgrios :  
 'S an d' rinn e mo threòrach  
 'Chur amsan mo dhiùchais,  
 'S am fag e gu brònach  
 An dòruinn mi nis ?

C'uim bhithinn fo' an-tlachd  
 'Thaobh easbhuiddh no àmghair  
 Gach trioblaid am chranncur  
 Roimh laimh nochd E Fein :  
 'S tre thrioblaidibh goirte,  
 Mar 's fios domh o 'Fhoical,  
 Tha eighreachan sonais  
 'Ceum lorgach an Trèath.

Cho searbh 's a bha'n cup sin  
 Cha bhreithnich aon duine,  
 'Dh'ol Iosa gu h-uile,  
 A' fulang 'n ait dhaoin !  
 B'i 'shligh'se bu dhoimich'  
 'S bu sheirbhe gun choimeas :  
 O anam, faic 'f hoighdin !  
 'S o 'oideas na claoin.

O'n dh'aomas a fhreasdal  
 Gach aon ni gu m' leas domh,  
 Is millis a mheasam  
 Searbh leigheas uaithe Fein :  
 An dràsda an aireas,  
 Ach 'n aithghearr an aiteas  
 'S mi sin, O cia taitneach  
 Buaidh-chaithream a sheinn !

End. LE DONN-SHUIL.  
*Tobar-mhuire 1829.*

## BRON A CRIOSDUIDH.

*Salm cxix, 158. Chunnaic mi luchd-easaontais agus bha doilgheas orm.*

Mo smaointean tha fo bhròn,  
'S beag air sòlas mo luaidh,  
Mo chridhe tha 'ga leòn,  
Agus deòir air mo ghruaidh,  
Bhi 'faicinn, gach aon lò,  
Dol an t-sloigh pheacaich, thruaigh,—  
'Se nach urrainn mi g'am fòir  
Tha 'cur beo-ghuin 'nam smuain.

Tha 'n saoghal 'ga aonairt  
An aolach 's an gràin ;  
Tha daorach, 'us draosdacobd,  
'Us baobhachd 's gach àit' ;  
Tha Dia 's am Fear-saoraidh  
Gach aon la 'gan cràdh,  
Leis na daoine tha 'g aomadh  
'Nan sraon chum a bhàis !

Cha'n f hiù leotha gaol  
An Fhir-shaoraidh no Dhé !  
Ach 's fiù leo an saoghal !  
Se 'faoineis an spéis !  
Gur saoithreach iad, daonnan,  
'Nan saod-ruith na dhèigh,  
Ged 'se caoir-lasair 's braoin  
Ghoirt luach-saoithreach na rëis !

Mo Dhia ! leam is truagh so  
Mu'n cuairt domh 'nuair chì  
Mi buaireadh, 'us tuairgneadh,  
'S an sluagh dol a dhò !  
Tha bruaidlein 'us uamhas  
Gach uair air mo chrù  
Iad bhi suarach mu'n Uan  
Thogadh suas chum an sith !

Ghuilinn agus chaoininn  
G an saoradh o'u bhàs ;  
Ach tuireamh cha dean faochadh,  
'S gur faoin domh mo chràdh ;  
Mur sìn thu fèin do ghairdean,  
Cha'n fhaod iad bhi slàn.

O ! tarruing iad le gaol riut,  
S le caomhachd do ghràis !

A. E. R.

## COR LUCHD AITEACHAIDH INNSE NA H-AIRD AN EAR.

## A Theachdaire Ainmeil,

Fuilingibh dhomh cor luchd aiteachaidh Innse 'na h-àird an Eara leigeadh ris do'm luchd dùcha ionmhuinn, oir tha fhios agam gu bheil moran diubh aig nach eil am beachd a's lugha air.

Tha'n t-Olla urramach agus ar fear-dùcha fein Claudius Buchanan ag innse dhuinn gu bheil na miltean agus na muilleana ann an Asia nach cuala riamh iomradh air an Dia bheò, no idir air a Mhac Iosa Chriosc, ach a ta sleuchdadhl do iomhaigh bhréige, obair lamhan dhaoine ! Chunnaic e le shùilibh fein miltean a thainig, cuid diubh asdar dà mhios le'm mnaithibh agus le'n cloinn a dheanamh aoraidh do'n òmhaigh *Juggernaut* ! Mar is coltach anns an dùthaich theith sin tha na ceudan a'faghail a bhàis air an turus mhuladach so, agus air an iteadh le eòin agus le coin mu'm buileach a bheir iad suas an deò ! Chum an dia bréige thoileachadh tha mòran diubh 'gan leigeadh fein nan sìneadh air an lèr gus an teid cuibhlean an tùir anns am bheil an iodhail thairis orra agus a' marbhàr iad ! Tha e mar chleachdadhl aca cuideachd 'nuair a shiubhlas fear-pòsda a bhantrach bhèo a losgadh maille r'a chorp, agus so le làn toil na bantraich fein ! Chaidh còrr a's dà cheud a losgadh beò air a mhodhl so anns a bhliadhna 1803, mu astar dheich-mile-fichead m'an cuairt do Chalcutta; agus an ath leith-

bhliadhna cuig-fichead 's a cuig-deug! Tha so gráineil da-rìreadh ach co air nach tig gairisinn 'nuair a chluinneas e gu bheil moran de na *Hindoos* aig am bheil a ghnà's an leanaba nighean a mhort cho luath 's a bheirear iad, agus gur hiad na màthraichean, am bitheantas, le'n lamhaibh fein a ta 'ga dheanamh! Ann an iomadh àite cha'n eil prìosanach a theid a ghlacadh an cogadh nach marbh agus nach ith iad: cha'n e mhàin, ach nuair theid neach o'f heum, le sean aois, theid a chasgradh, agus itheadh le 'chaidhbh is dillse, agus sin air iarrtas fein! O! 'Leughadair! an tug thu riamh taing do Dhia o' d' chridhe gu'n d' rugadh tu ann an tìr nam beann —ann an Gaeltachd na h-Alba? Mar tug O! dean a nis e, 's dean gu tric e. O! thusa 'ta cleachdadh ùrnuigh, an d' asluich thu riamh le dùrachd anama gu'n caill-eadh Sàtan a chumhachd os ceann nan cinneach agus gu'n tigeadh rioghachd Mhic Dhe? Mar d' asluich O! dean a nis e,—dean gu tric e. Codhunaidh mi'n litir so a Theachdaire rùnaich le sgeula beag fior mu dhithis òganach mhicasail, Abdiel agus Sabat, o theaghlaichibh árd agus urramach ann an Arabia. Chaidh an oilcan le cheile an creidimh a chriosd-bhrèige Mahomet, agus, o bha iad le cheile beartach agus diomhanach smuaínich iad dol air chuairt, chum sealladh fhaotainn air an tsaothal. Air an cuairt rainig iad àite ris an abrar *Cabul*. Anns an àite so fhuair Abdiel post ard fuidh righ na dùcha, ach ghabh Sabat air agbaidh gus an d'rainig e *Tartari*. M'un robh Abdiel fad ann an *Cabul* chaidh iompachadh a chum a chreidimh Chriosduidh le Biobull a thainig 'na rathad;

chum e inntinn dha fein cho fad 'sa b'urrainn da, oir bha fhios aige nach robh ach am bàs roimhe do reir lagha na rioghachd nam faighte 'mach mar bha. Ach cha robh e 'na chomas inntinn a chleith fada; 'nuair a lasar an cridhe le ola nan gràs *feumaidh* gun dealraich e'n dorchadas,—cha robh e comasach do Abdiel cràbhach cuir suas le luchd iodhol-aoraidh gun an cronachadh: se rinn e, uime sin, mhùth e 'eudach, theich e 'chum nan eaglaisean Crìosduidh, agus bu cham gach rathad dha gus an d'rainig e baile mor Thartari, far an do choinnich a sheana chompanach Sabat e. Thainig e gu cluasaibh Shabait gu'n do dh' atharaich e a chreidimh agus gu'n tug e chasan as, agus cha bu mhò leis na bhi toilichte. Chunnaic Abdeil a chunnart agus thilg se e fein air tràcair Shabait: dh'innis e mar dh'oibrich an Spiorad Naomh air a chridhe agus ghuidh e a leigeadh as le 'bheatha air sgà an t-sean chairdeis. Ach cha robh truas no tràcair aige r'a fhaotainn o Shabat, thug e mu'n ear a ghlacadh agus a thoirt a mach, agus chruinnich am baile mar aon duine na aghaidh. Thairgeadh a bheatha dha nan àiceadh e Criosd. "Cha'n àicheidh," ars' esan, "cha'n urrainn mi àiceadh, 's e amhàin cuspair mo dhòchais." 'Nuair a chual iad so ghearr iad aon de 'lamhan dheth o chaol an dùirn. Thraig Leigh a bha làthair air iarrtas an righ a leigheas, air chumhnant e'dh àicheadh a chreidimh. Do'n cheist so cha tug e freagairt, ach cosmhuil ri Stephen beannuichte, dli'amhairc e gu seas-mhach ri neamh, mar gum biodh e 'g ùrnuigh as leith a naimhdibh aig nach robh fios ciod bha iad a' deanamh:—ghearr iad an sin an

làmh eile dheth, ach cha d'thainig atharrachadh air. Sheall e le sealladh lan gràidh agus maitheanais air Sabat a bhrath e; agus nuair a chunnaic an co'thional e cur amhach air an ealaig, chu'm gu'n sgaire cheann o cholainn bha iad làn ioghnaidh, agus shaoileadh neach gu'n robh e 'gan cluinntinn ag eigeach *Is ni ùr so*.

Shaoil Sabat an toiseach nach biodh a charaid cho dileas d'a aidmheil 's am bàs fhulang, ach 'nuair chunnaic e mar thachair thuit e fuidh liunn-dubh, agus agartas coguis, mar Iudas eile; agus cha bu tàmh no fois da ach sìos a's suas ag iarraidh fois nach robh r'a faotainn. Ma dheireadh rainig e *Visagapatum*, far na thachair an Tiomna Nuadh ris ann an càinain na h-aird an Ear. Leugh se e le mòr chùram agus iomguin agus chunnaic Spiorad nan gràs iomchuidh a shuilean fhosgladh cosmhuil ri Saul o Tharsus, chum an creidimh a bha e aon uair a sgrios a sheasamh a nis mar dheadh shaighd'ear! Beagan na dheigh so chaidh e h-uile ceum gu Madras, astar *thri-cheud-mile*, chum a bhi air a bhaisteadh, agus tha e nis a' searmonachadh an t-soisgeil, agus ag eadar-theangachadh nan sgriobhtur gu càinainean rioghachd Phersia.

AN GAEL ANNS A BHAILE.  
Glaschu, 1830.

### TURUS CUAIN PHOIL.

Ma's eiginn gu'n teid Pòl do'n Ròimh,  
Cha'n aobhar oilt dha'n enan;  
Oir tha e, tearuint air gach laimh  
Le òrdugh Dhe nach gluais.

Ged chaidh an long san robh e luasg,  
'S an doininn chruaidh a bh' ann,

An gealladh thar gach ni thug buaidh,  
'S cha deachaidh h-aon a chall.

Iosa' an Dia d'am buineadh Pòl,  
A dh'f huasglas anns gach cruas;  
Dh' aidich gach aon a bha san luing,  
Mar chobhair dheas san uair!

Ged nach robh ghrian no reultan ris  
Bha earbsa Phòil an Dia;  
'S ghleidh creideamh anam ciùin gun  
sgàth  
'Nuair chrithich càch le fiamh.

Na naoimh mar so tha air an luasg  
Air chuan na beath'so bhos;  
Ach gràs tha deanamh cinnteach dhoibh,  
Gun rnig iad caladh fois.

Tha 'n latha tighinn anns an seas  
Iad uil' aig cathair Chriosd;  
'S bidh 'n stoirm' a th' aca leigil ris  
A chumhachd mor ga 'n dion.

Na'n cuairt a dol roimh'n bheatha so  
Bidh aca iomadh gà'dh;  
Tha 'n saoghal an dùil gun teid an call,  
Ach 'gleidhidh Ios' iad slàn.

A Dhe ged 's enuimhe sinn tha faoin  
Tha 'd f hocal naomh ar dòigh,  
'S thèid sinn roimh mhile stoirm a chum,  
Gun ruig sinn thu fadheòigh.

Ead. le S. C.

---

### *Mu bhi toilichte le'r crann-chur.*

Ann an séimh abhuinn bhòidhich bha tri briceanan lurach air fiamh an airgid. Ge nach robh easbhuidh ni air bith orra, dh' fhàs dithis diubh neo-thoilichte le 'n staid, gun bhi 'gabhlail tlachd ann an aon ni a bha iad a' meal-tuinn, agus do ghnà an tòir air ni-

eiginn a b' fhearr. Chum pean-as a dheanamh orra, lcis-san a rinn iad ; chaidh a ràdh riu, gum faigheadh iad gach ni bu mhiann leo. Thoir dhomh, a deir am fear bu shine, sgiathan mar tha aig eunlaith an athair, agus an sin bithidh mi làn-toilichte. Fhuair e sin, agus ghabh e mòr-thlachid ann a' bhi falbh air iteig. Dhìrich e ro àrd, agus dl' amhairceadh e sios le tàir air uil' iasgaibh an domhain, Leumadh e thar muir agus monadh, gus an d' fhas e sgith agus fann le cion bìdh, thainig e nuas chum an làir chum lòn fhaotainn. Dh' eirich dha gur ann a theirinn e a measg chreagan agus gaineach gun blàrigh, far nach robh a bheag r'a itheadh no r'a òl. Agus mar so chriochnaich e a bheatha ann an truaighe mhòir.

Thuirt an dara bricein, cha 'n 'eil mo dhéigs' air sgiathan gu triall air turasaibh cunnartach, far nach fios domh ciod a thachras orm : bhithinn làn thoilichte nam b'aithne dhomh cionnas a sheachnainn innleachdan dhaoine agus cunnartan baoghalach eile. Chaidh inntinn a shoillseachadh anns

a chùis so, agus thuirt e ris sein, is mi a nis an t-iasd is sonadh a tha san abhainn. Chum se e fein as gach gàbhadh. 'Nuair a chith-eadh e cuileag a'snàmh air uachdar an uisce, no baoiteag a'dol sios leis an t-sruth, cha robh chridh' aige greim a dheanamh oirre, air eagal gum bitheadh dubhan annta. Mar so chum se e fein fo ghnàiomaguin, gun bhiadh gun chodal, m' an éireadh sgorradh dha. Struigh e o là gu là air falbh, agus fa dheireadli le eagal a bhàis, bhàsaich e am' bàs bu deacaire flulang.

Thuirt am breac a b' òige, gun robh e fein toilichte le chrannchur ; agus nach robh toil aige ach a bhi gu ciùin sàmhach, agus striochdta le uile neart do thoil a Chruithfhear. Mar so bha'm breac beag a cosg a laithean gu sìochail suaimhneach ; bha e do ghnà taingcil toilichte ge b'e ni a thigeadh air. Ann an aon f'ocal, b'e bricein bu shonadh a bhasan abhainn ; a chionn gur e bhi toilicht' agus striochdta do thoil a Chruithfhear na nithe is cumhachdaich ann an sonas mhic an duine.

P. M'F.

---

### CEALGAIREACIID AIR A LEIGEADH RIS.

*No Gaol an t-saoghail air a chronachadh*

Mar so, deir fàidhe mòr na Tuirc'  
 " Tha earruinn shonraicht de na mhui  
 'S ma thach'ras e aig àm air bith,  
 Gun ith feur leamhuin ormsa dh'1  
 Sàsuichte, na ocrach, 's aon chuid e,  
 Iomsgarar e a mach à neamh."  
 Cha d' innis Mahomet mar so,  
 Am ball bha glan, na 'm ball nach robh;

Nam biodh e air deanamh sin,  
 Dh' itheadh iad a chuid bha glau ;  
 Ach air son earruinne, shaoil iad cruaidh  
 A mhuc gu leir a bhacadh uath ;  
 'S dh' fheuch iad gach doigh gu dheanamh mach  
 Cia 'm ball bha aig an f'hàidh 'n a bheachd.  
 Do thòisich iad o sin a mach,  
 Ri connsach stri is easaonachd.  
 Roghnuich a bhuidheann so an druim,  
 'S fearr leis a bhuidheann ud a bhroinn,  
 Cuid eile leis am fearr an ceann,  
 'Their nach 'eil cron na peacadh ann.  
 Dream cile (càirdean do na Bàirde)  
 Tha 'g àicheadh so 's nach creid gu brath e  
 Gu bheil 's an iorball lochd air bith  
 Is uime sin gu feud iad ith'—  
 Mar so, le coguis saor o shrian  
 Gun eagal roimh Fhàidh', na fiamli,  
 Tha na Mahometach gun sgàth,  
 Aig itheadh suas na muic' gach tràth,  
 A Chriosduighean, tha sibh ri gaire,  
 Ruibh fein ma seadh an sgeula càireamh,  
 'S feoruichibh ri 'r eridhe fein,  
 'M bheil sùbhse a' deanamh mar an cendna.  
 "Tréigibh an saoghal" Dubhrar ruibh,—  
 "Tha Sinne a' deanamh sin deir sibh—  
 'M feadh sa tha fear 'n 'ur measg a' cluituinn  
 Gur neo-chinnte dha bhi cluith air chairteau ;  
 Fear eile thug do chleasachd toil,  
 Nach creid gu bheil innt' beud no cron ;  
 Fear leis an caomh bhi 'g éisdeachd ciùil,  
 'S fear bhi falbh le gunn 'as cù,  
 Fear leis am fearr bhi ruagadh fùidh,  
 'S fear bhi ruith air seang-each rëis,  
 Mhuc mhor an t-saoghal, taid mar so  
 Ag itheadh suas gu lóir gach lò,  
 Air nàbuidh chuir gach fear diubh beum !  
 Ach 's toigh leis caob cho maith ris fein.

Ead le OIGFHEAR.

URNUIGH FEAR NAM MIONN,  
 NO

*A mhionnan air am mìneachadh.*

An e ! gun dean fear nam mionn

ùrnuigh ! Ni, co dhiubh a shaoil-  
 eas tu e no nach saoil, cha 'n 'eil  
 guidheachan a their thu nach ùr-  
 nuigh a th' ann,—ga leigeadh gu

ràidhe an De Naomh Uile-chumhachdaich, a tha thu mar so co dalma is ainm naomh a luaidh ann ad bhilibh an-diadhaidh.

Agus ciod air leat, Fhir nan guidheachan, a tha thu 'g iarraidh, 'nuair a tha na mionnan oillteil sin a'ruith co dlù o d' bheul, eadh-on sgrios, sgrios-siorruidh? Bi air bhall-chrith, a P'héacach, am feadh a dh' innseas mise dhuit Gu bheil dà sheadh aig t-urnuigh: An toiseach tha thu 'guidheadh, gu 'n caille tu sonas siorruidh! Agus a rìs, gun tuiteadh tu ann an truaighe bhith-bhuan!

'Nuair a ghuidheas tu Leir-sgrios ort fein, Nach 'eil thu ann an seadh ag ràdh mar a leanas? "O Dhe! tha thu comasach air peanas siorruidh a dheanamh orm ann an Ifinn: uime sin, na biodh a h-aon de m' pheacaidh air am maitheadh! Ach biodh gach bòid a thug mi, gach breug a dh' innis mi, gach Sàbaid a mhinaomhaich mi, agus gach peacadh a chuir mi an gniomh, an smuain, an guth, no an deanadas, ag éiridh suas ann am breitheanas a'm aghaidh, chum m' fhàgail fodha gu siorruidh. Nior robh am feasd co-pairt agam de d'shlainte. Gun robh m' anam agus mo chorpa a dh' casbhuidh gach sonais, an dà chuid sa bheatha so, agus anns an ath-bheatha! Na faiceam do ghnùis am feasd ann an sìth; nior mheal mi gu bràth do dheadh-ghean, no do chairdeas; agus na racham a choidha steach do rioghachd nèimh!" 'Se so a cheud seadh a th' aig t-ùrnugh—Cluinn-eamaid an dara seadh.

"O Dhe, gu'm bitheam, cha 'n e mhàin, air mo dhruideadh a mach a nèamh, ach air mo dhruideadh a stigh ann an ifinn! Gun robh uile bhuill mo chuirp le cràdh neo-chriochnach, agus uile cheud-

faithean m' anama air an claoiдаile uamhunn agus eadòchas siorruidh! Gun robh mo chòmhnuidh ann an duibhre dorchadais, agus gu ma h-iad is companaich dhomh daoine malluichte agus deamhuin! Taosg a nuas orm do dhibhfhearg is caithtiche; cuir an gniomh orm t' uile chorruich agus do mhalluchd; cuir an òrdugh t-uile uabhas ann am aghaidh; agus socraicheadh do chorruich ghargh, theinntich, agus eagallaich orm! Bi a'd' nàmhuid shiorruidh dhomh, agus dean peanas bith-bhuan orm, agus claoiдаile mi gu suthain agus gu neo-chriochnach ann an Ifinn!"

A pheacaich nam mionn, 'Si so t-ùrnugh!!! O! guidheachan eagallach! O! uabhas nan uabhas! An caomh leat t-ath-chuinge? Gabh beachd oirre A' bheil thu d'a rìreadh a'd' ùrnugh, no an ann a tha thu ri *fanoid* air Dia? A' bheil do dhéigh air Leir-sgrios? An caomh leat cràdh siorruidh? Ma tha mionnaich romhad. Mar is mò a mhionnaicheas tu, 's ann is mò do thruaighe; agus theagamh is luaithe a ruigeas tu Ifinn.—A' bheil sgreamh ort ris a chainnt so? A' bheil e cur déistinn air t-anam? A' bheil t-fhuil a' fionnarachadh a'd' chuislibh? A' bheil thu mothachail air olc mionnachadh minnaomha? Cia liugha uair a thug thu toibheum do Dhia Nèimhe? Nach iomad uair a ghuidh thu air Dia do sgrios ann am bliadhna, am mòs, ann an aon là? Ni h-eadh, ach nach iomadh uair a ghuidh thu ann an ùine aon uair gun rachadh do sgrios? Nach 'eil thu f'hathast ann an Ifinn? Gabhaibh iogh-nadh O! Nèamha, agus biodh iongantas ort O! thalaimh, ri maithreas agus fad-fhulangais an De sin a tha luchd nam mionn a' mi-

naomhachadh co uamhasach. A pheacaich, bi taingeil, nach do fhreagair Dia t-ùrnuihn! t-ùrnuihn *eagallach*; gun do chum Dia air ais iarrtais do bhile neogloin! Na cluinneadh e am feasd tuilleadh mionnan o' d' theangaidh mhi-naomha, air eagal gur iad do chainnt dheireannach air thalamh, agus gu 'm faigheadh do ghuidheachain am freagradh ann an Ifrinn. O! biodh do mhionnan air an tionndadh chum asluchaidh! Gabh aithreachas, agus pill a dh' ionnsuidh Chriosd, a chaidh gu bàs air son a luchd-casgraiddh. Agus an sin, (ged a mhionnaich thu a choilion uair 'sa tha reultan san speur, agus gaineanmh air traigh na fairge,) tuigidh tu mar aobhar gairdeachais shiorruidh, gu bheil gràdh gu leoir na chridhe, agus tairbhe ni's leoir na f'huil, a mhaiteadh do pheacaidh, agus a chum t-anam a shàbhalaadh.—A pheacaich! an comasach dhuit Dia agus Slanuighear mar sin a mhi-ghnàthachadh? Nach'eil do choguis ag ràdh *Nior leigeadh Dia?* Eadhon mar sin, Amen.

Ead. le P.'M'F.

---

### CRON DIUBHALACH DIBHE LAIDIR

" Is anaoibhin dhoibhsan a dh' éireas gu moch 'sa mhaduinn, a dhol an déigh dibhe laidir." Isa. 5. 11.

Tha 'n earrann so de 'n fhocal naomh a' furan air n-aire chum cùis m'an ainmig a chluinnear o'n chrannaig. Cha robh am peacadh d'a bheil am faidh 'an so a' faighail coireadh, iomraiteach am measg muintir a dhùchadh, no idir r'a linn fein : Dh' f'heudta nach robh e sonraicht air aon àm no aig

sluagh sam bith. Ach eia air bith mar tha sin, cha chuir aon neach an teagamh nach 'eil an crónachadh agus an sanus a tha air ainmeachadh fior f'hreagarach d' ar linn fein. Cha ghnothach ùr, san t-saoghal thruaillidh so, gu'n rachadh mi-dhiadhachd am meud an cois soirbheachaidh. Tha'm fonn is fearr a' giùlan an luibh is gaigre. Tha mi-bheus dhaoin' a' fàs ni's mó ann am meadhon lanachd agus pailteis Cha'n ion domh 'ur n-aomadh, gu beachd a ghabhail air an Eiphid 's air Sodom, chum nithe f'haotainn a dhearbas a chùis so. Fosglaibh 'ur sùilean, agus tha 'n dearbhadh far comhair; dearbhadh, a tha 'g éiridh o gach cearnadh agus baile 'n ar dùthaich; dearbhadh a dhùisgeas suas 'nar n-inntinn, an da chuid geur-mhothachadh agus oillt.

Cosmhul ris gach cleachda eile air a bheil daoine toigheach, tha leithsgeul mi-mheasarrachd gu minic air a ghabhail fo ainmean ciatach agus tlà. Ach 'se 'n tainm ceart air *legion*. Cha 'n aithrigh e air leithsgeul ach air achmhasan. Feudar gu cothromach a ràdh, gu bheil e san tir so na nàmhuid ni's mó do bheatha agus do shonas dhaoine, na cogadh, gorta, agus plàigh. Nach lionmhòr iadsan a rugadh le tuigse agus toinisg, a rinn e nan amadain! Nach iomad fear saibhir agus feumail a thionndaidh e gu bhi nan neo-dhaoine mi-mheasail! Nach iomad teaghlaich a dh' f'hogair e o'n ionadaibh còmhnuidh chum na sráide; o phailteas gu bochduinn agus gu truaighe! Ach, 's ann a tha e do ghnà ag éiridh suas m'ar timchioll, agus ag at suas mar thuil. Tha e cur an aghaidh gach ùghdarrais agus eireachdais. Tha e sguabadh air falbh ar n-òigrídh annam mi-chliuchum na h-uaigne.

Tha e bagradh leir-sgrios a tharr-uing air ar deagh-bheus, agus air ar reachdan urramach suidhichte. Gun teagamh tha 'm peacadh so ni's mò an aon àite na ann an aít' eile, ach is eùis eagail e ge b'e aít' anns am bi e.

Tha iomad aon a tha'n déigh air deoch làdir air a chumail an cleth rè uine mhòr fo riaghait shuidhichte, 's gur gann a bheir iadsan is eolaich umpa fainear e. Air uairibh tha'n ciocras air a shàsadh, ach air dòigh co faicilleach, 's gun teagamh, rè bhliadhnaichean, nach 'eil dochair air a dheanamh dhoibh—no idir amharus air a dhùsgadh ann an càch. Ach a

chuid a chuid fàsaidh an togradh so tuille's laidir. Rè seal, theaganbh gur leòir leis aon sgaile anns a mhaduinn. Gun sgàth air roimh chunnart, tha a chiocras a' meudachadh le cleachda; gus am fàs e, mar tha 'm fàidh gu drùighteach ag ràdh, déigheil air deoch laidir. Gu mall, ach cinnteach, tha 'n cleachda a' dol air aghaidh, ga fhadhairt fein ann an co'-dhealbh an duine, tha e air mhisg air an t-sràid, gun umhaill do näire no dh' agartas-coguis; tha e air call a chàileachd, a theanga 'sa thoinisg —annan aon f'hoical, tha e cailte; —a shlainte, a mhaoin, a chliu, a chorpa agus anam air an *leir-sgrios*.

Théid a chuid eile dheth so san ath Theachdaire.—P. M'F.



### NAIGHEACHDAN.

Is ann air an là fa dheireadh de'n Mhios a chuirear a so suas a mach an Teachdaire 'an aít a cheud là.

Cha'n 'eil tùin againn air naigh-eachdan a chur san àireamh so,

ach a mhàin naigheachd is taitneach leis gach aon neach, gu bheil ar *deadh* Righ a' dol ni's fearr; agus tha dòchas againn gu'n caomhainn am freasdal duinn e, gus am bi e na sheann duine.



### FOCAL SAN DEALACHIADH.

*Là liomhoireachd ar Càirdean cha'n urrainn duinn air an àm freagradh a thoirt orra, aelbheir sinn oidhleirp air san ath-Theachdaire. Mile taing do Bhodach nan Noigeanan.*

AN

## TEACHDAIRE GAELACH.

MIOS MEADHONACH AN T-SAMHRAIDH.

XIV. AIREAMH. 1830.

MU'N ULLACHADH A THA IOMCHUIDH FA CHOMHAIR  
TEACHD CHUM SUIPEIR AN TIGHEARNA.

Amos, iv. 12. "Ullaich thu fein gu còdhail a chumail ri d' Dhia, O,  
Israel."

DH'FHEUCH sinn anns an àireamh  
fa dheireadh de'n Teachdaire, nà-  
dur Sàcramaid na Suipearach a'  
leigeadh ris, agus cia mòr 's a bha  
e mar fhiachaibh air gach neach  
d'a bheil gràdh do'n t-Slanuighear  
bheannuichte, co'-pairteachadh de  
'n òrdugh naomha sin.

Is muladach, gu dearbh, ri thoirt  
fainear a liugha h-aon, a chrioth-  
naicheadh le h-oillt roimh Chriosd  
àicheadh, no a chantuinn nach  
robh spéis no suim aca dheth,  
gidheadh a tha o bhliadhna gu  
bliadhna a' deanamh dearmad air  
an òrdugh naomha so, a dh'áithn  
e dhoibh a choimhead mar dhear-  
bhadh air an gràdh dbà. Ach ged  
is e dleasnas gach Criosduidh  
ùmhlichd a thoirt do àithne dheir-  
eannach ar Slanuighir, tha e iom-  
chuidh gun rannsuicheadh gach  
neach a chor fein, agus gun iarr-  
adh iad an t-ullachadh sin a dh'  
fhàgas iad nan aidheannan tait-  
neach aig a chuirm spioradail so.  
Tha ullachadh feumail, agus uil'  
iomchuidh.

Ann an leughadhlí no ann an  
éisdeachd an fhocail, ann am

feitheamh air Dia ann an aoradhl  
follaiseach no teaghlaich, tha e  
ceadaichte do Chriosduibh agus  
do pheacachaibh suidhe le chéile;  
ach mu thimchioll bord an Tighearna  
tha freiceadan naomh air a  
chàramh, agus ma tha 'dhànadas  
aig neach sam bith teachd air  
aghaidh as eug'ais trusgan na  
bainnse, tha e 'g ith' agus ag ôl  
breitheanas dha fein.

Ann an gairm air peacaich  
teachd a dh'ionnsuidh Chriosd,  
cha'n eil e comasach do mhini-  
steiribh an t-soisgeil, an cuireadh  
fialuidh farsuing a dh' earbadh riu,  
a dheanamh ni's coitcionna na  
tha saor-ghràs Dhe ann an Criosd  
ga fhàgail, gun eadar-dhealachadh  
a chur eadar duine agus duine.  
Tha iad r'an guth a thogail gu  
h-àrd, agus éigheach air gach  
neach air a'bheil tart iad a theachd  
chum tobar nan uisgeacha beo;  
tha iad ri innse do'n t-sluagh, Gu  
bheil an Spiorad agus a bhean  
nuadh phòsd' ag ràdh riu, iad a  
theachd; agus ge b'e neach a thig  
nach cuirear air chor air bith cùl  
riu. Tha iad rí chur an céill gun

sgàth, Gur e beatha nam peacach is gràineile teachd chum Chriosd co maith ris na daoin' is fearr ; co maith ri Pòl, no Peadar, no Eoin; seadh, gur e am beatha gu uile shaibhris dho-rannsachaiddh Chriosd, co maith ri spioradaibh nam fírcan chum sochairean nèimhe.

Seadh tha iad ri dol a mach gus na rathaidibh mòra agus na gàrachaibh, agus daoine cho'-éigneachadh gu teachd a steach, cha'n ann gu dearbhl le ainneart chorporra, ach an toil a chosnadh, an táladh, air an dara laimh le cuireannaibh agus tairgsibh an t-soisgeil, agus air an laimh eile, uamhasan an Tighearn a chur fa'n comhair, air chor 's ma dhiultas iad teachd gu Chriosd, nach ann gun chuireadh.

Ach, ged a tha an cuireadh chum teachd gu Chriosd coitchionn, is iadsan a mhàin a ghéill do'n chuireadh sin, agus an lorg sin a tha nan deisciobuil da-san, ris an gabhar aig bord an Tighearna. 'S iad so a mhàin is urrainn a bhàs a chuimhneachadh leis na h-aignibh agus na smuaintibh teas-chridheach, taingeil, dealasach, anns a' bheil fonn agus spiorad a chomunaich a' co'-sheasamh. 'Si so, ma ta, an dòigh òrduichte, daoin' a theachd air thùs chum Chriosd, agus an déigh dhoibh deagh stéigh dòchais a bhi aca gun d' thug an Spiorad Naomh so m'an cuairt, an sin, agus an sin a mhàin 's e'm beatha aig bord an Tighearna. Ann am briathraibh eile, m'am feud neach a bhi na fhear co'-pairt taitneach aig bord an Tighearna, feumaidh e bhi na fhior chriosduidh. Ach cò e am fior chriosduidh? Tha esan a tha làn thuigsinn gu bheil e ann fein na pheacach truaillidh caillte; a tha mothachail air ciont' agus

gràinealachd a chridhie; a ghabh aithreachas d'a pheacaiddh; a tha fiosrach nach 'eil ach a mhàin aon slighe chum slainte, eadhon trid creidimh ann an Criosd; a tha 'g earbsa as-san air son saoraidh, agus a tha miannachadh thar gach ni esan fhaotainn, agus a bhi air fhaotainn ann; a tha mothachadh a ghràidh ga'n co'-éigneachadh, gu bhi beo, cha'n ann doibh fein ach dhà-san a bhàsuich air an son. Esan nach 'eil air a shaoradh o chumbachd a pheacaiddh, agus nach buin do rioghachd nan gràs, esan air a bheil am peacadh a' faotainn làmh an uachdar, agus anns nach eil spiorad Dhe a riaghlaibh, cha'n fheud e air chor air bith teachd air aghaidh gu bord an Tighearna. Tha'n duine so 'an naimlideas do Dhia, agus uime sin cha'n urrainn e gabhail ri Chriosd Mac a ghràidh. Tha gràsan an aithreachais, a chreidimh, na h-irisleachd, na seirc, agus an leithide sin, feumail chum gabhail gu h-iomchuidh de Shuipeir an Tighearna. Do thaobh nàdair tha na nithe sin a dh'eas-bhuidh air daoinibh; agus gus an gabhar ris an Spiorad Naomh, cha'n 'eil aon dhiubh sin na dhearbhadh air abheatha spioradail. Ged a bheir sinn pailteas bìdh agus dibhe do dhuine marbh, cha toir e gu beatha e, cha mhò a bheathaicheas se e; air a mhodh cheudna, cha dean an t-òrdugh so feum do dhuine a tha marbh ann am peacadh, as eug'ais aigne agus togradh spioradail.

Fèdraicheamaid a nis, Ciòd tha feumail do'n dream sin a dheanamh leis an àill Suipeir an Tighearn a ghabhail gu h-iomchuidh? Tha so gu ro mhaith air a fhreagradh ann an Leabhar aithghearr nan ceist. " Is feumail dhoibh iad fein a cheasnachadh 'nan eòlas chum aithne dheanamh air corp

an Tighearna; ma'n creidimh chum beatha an anama a tharruing as; m'an aithreachas; m'an gràdh; agus m'an nuadh-ùmhachd: air eagal, le teachd gu mi-ionchuidh, gu'n itheadh no gun òladh iad breitheanas dhoibh fein." Tha e soilleir gu bheil e cunnartach teachd gu neo-ionchuidh, agus gu bheil an deasachadh ceart a' co-sheasamh ann am fein-cheasnachadh, dol an uaigneas o làthair an t-saoghal, sinn fhein a chàramh, mar ann am fianuis De, còmhnhadh an Spioraid Naoimh asluchadh, am feadh a rannsaicheamaid ar cridheachan, agus a chuireamaid thuige ar n-anama chum freagradh soilleir a thoirt. Anns an fhreagradh do'n cheist a chuir sinn sìos, tha cùig nithe sonraicht air an ainmeachadh, m'am bu chòir dhuinn sinn fein a cheasnachadh: eadhon ar n-eòlas, ar creidimh, ar n-aithreachas, ar gràdh, agus ar nuadh-ùmhachd.

1. Tha eòlas feumail chum aithne dheanamh air corp an Tighearn anns an t-Sàcramaid: 's e sin, mar thuirt an Diadhair urramach Mr. Eoin Wilson, "Eadar dhealachadh ceart a chur eadar na comharaidh o'n leth a muigh, agus na nithe spioradail a ta air an cialluchadh leo; agus tuigse ionchuidh a bhi againn air mòr luach, agus oirdheirceas cuirp agus fola Chriosd, agus air na sochaireibh a chosnadhl leis, agus mar an ceudna aithne bhi againn air ro-mheud fulangais ar Tighearna, chum 's gu'm biodh an gràdh a nochd e le sin, a' drùghadh gu domhain air ar n-anamaibh, agus mòr dhoilghios oirnn air son ar peacaidh a tharrainn air-san iad."

A chum an eòlas a mheudachadh, leughadh luchd-comunaich gu càramach roimh-laimh, na h-earrainnean sin de na Sgriobtuiribh

tha soilleireachadh dhuinn iobairt-reitich ar Slanuighir, mar ann Isaii.; ma bhàs, mar ann an Eoin 19.; gne an nuadhChoi'-cheangail, mar ann an Eabh. viii. cunntas m' an òrdugh mar tha e againn ann am focal De, Mat. xxvi. 26—30; Marc. xiv. 22—26; Luc. xxii. 15—20; 1 Cor. x. 16—18; xi. 17—34; agus na thuirt ar Tighearna mu thimchioll gné, feumalachd, agus tairbhe creidimh annsan; Eoin vi. 28—71. M'an tig sibh air ur n-aghaidh ceasnaichibh sibh fein a thaobh ur n-eòlais; faighibh a mach a' bheil tomhas ionchuidh agaibh dheth, air Dia, ann an aonachd a nàdúr, agus trionaid a phearsaidh. Air an duine an staid a neo-chiontais, agus mar an ceudna na dhéigh. Air Criosd an t-Eadar-mheadhonair, 'na dhà nàdur, agus na thri oifigibh. Air co-cheangal nan gràs, agus slighe na saorsa trid fìreantachd urrais Chriosd. Air seuailbh a cho-cheangail, gu sonraicht air Suipeir an Tighearna, agus air a chrìch gus an d-òrduicheadh i. Feòraichibh mar an ceudna a' bheil ur 'n-eolas slainteil na ghné. Feudaidh sibh a mheas gu bheil e mar so, ma tha e 'g ur n-irisleachadh, agus 'g ur lionadh le doilghios air son ur peacaidh. Ma bhios e 'cur fein-spéis air chùl, agus 'g ur treòrachadh dli'ionnsuidh Chriosd, agus fhìreantachd a mhàin, mar stéigh ur dòchais. Ma bhios e ag oibreachadh air ur cridhe agus air ur beatha mar aon, chum ur n-uile dhìchioll a ghnàthachadh gu bhi cosmuil ri Chriosd ur Ceannard naomha.

2. Tha luchd-comunaich ri iad fein a cheasnachadh mu thimchioll an creidimh. Tha creidimh feumail ann an Suipeir an Tighearna, chum beatha tharruing o

Chriosd air a cheusadh, no bhi càramh sochairean agus toraidh a bhàis-san r'ar n-anamaibh. Tha so a' ciallachadh ciòcrais an anama an déigh air Criosd, agus a bhi ga dhlùth-ghabhail trid creidimh; tuigear le so mar an ceudna gu bheil an t-anam ceangalite ri Criosd, agus a' faghail co'-roinn de shochairean a bhàis-san; gu bheil mòr thlachd aig an anam ann, agus gu bheil e tarruing beatha, neart, agus fàs uizith sin.

A' bheil agaibhs' an creidimh so? Beo-chreidimh ann an tròcair Dhe trid Chriosd? A' bheil mothachadh air ur peacaidh gar n-aomadh gu iarraidh mar pheac-airch bhochda chailte, na sochairean sin a tha air an tasgividh suas ann an Criosd? Is iadsan a mhàin aig a' bheil eolas air, agus a tha 'g earbs' a Criosd a tha ann an staid uimichte air son teachd gu Suipeir an Tighearna. Thug-aibh an aire uime sin nach ann air ur maitheas, no air ar deanadair fein a tha sibh ag earbsa.

3. Ceasnaicheadh Luchd-comunaich iad fein a thaobh an aithreachais. Is feumail duinn an àm a bhi 'g ath-nuadhachadh ar cùmh-nanta ri Dia, bhi tùrsach air son gach briseadh agus cùl-shleumh-nachadh san aimsir a chaidh seach-ad; chum ann an amharc air an-t-Slanuighear a'dòrtadh fhola, gu'm bitheamaid ri bròn air son ar peacaidh, a tharraing an dòruinn sin uile air-san; chum 's gu'n gabhamaid ri Criosd air a bhriseadh, le cridheachaibh briste, agus gu'n cuireamaid romhainn gu daingeann 'na neart-san nach lot sinn e le'r peacaibh ni's mó.

Anns an ni so, is còir do gach neach a bhi ro-flaicilleach, a dh' fhaicinn am bi ar n-aithreachas a réir an t-soisgeil. Tha e mar sin, ma ta am mothachadh a ta againn

air a pheacadh 'gar cur a dh'ionn-suidh Chriosd a mhàin, mar leigh an anama; ma tha ar bròn air son peacaidh iomlan, air son truaill-eachd ar nàduir, co maith rì'r droch gnionharra; ma tha sinn gu tréibh-dhireach ag iarraidh fuasg-laidh o gach peacadh, agus truaill-eachd, ag oidheirpeachadh naomhachd iomlan; agus cùramach a sheachnadh gach peacaidh, agus a dheanamh gach dleasnas is aithne dhuinn, a thaobh Dhe agus dhaoine.

Am buin an t-aithreachas so dhuibhse? A' bheil agaibhse fuath air a pheacadh, agus an cridhe briste brùite air a shon; agus an do chuir sibh romhaibh le còmhnhadh Dhe gach peacadh a thréigsinn, agus a bhi beo, o so a mach, dha-san? ma's ann mar so a tha chùis, deanaibh deas gu còdhail a chumail ri Dia.

4. Ceasnuicheadh luchd comun-aich iad fein n'an gràdh. Is cuirm ghràidh Sàcramaid na Suipearach, anns a bheil an taisbean is mó a fhuair an saoghal riamh air gràdh Dhe do pheacaich; agus bu chòir dhuinn uime sin an gràdh is mó àrach 'n ar cridheachaibh, agus a nochadh 'nar giùlan, eadhon gràdh do Dia, agus gràdh do'n Fhear-shaoraidh; gràdh d'a luchd muinntir-san, seadh fòs d'àr naimhdibh.

Feuchadh gach neach e fein anns a chùis so chum gun tuigeadh e bheil fior ghràdh aige do Dbia, agus do Chriosd. An ion-mhuinn leis Dia os cionn gach ni; 'n e togradh ar cridheachan àithcantan gu léir a choimhead? A' bheil eagal oirbh roimh a dhiom, agus ag iarraidh a ghloir anns gach ni? a' deanamh gairdeachas ri soirbheachadh an t-soisgeil, a' bheil sibh fo bhròn 'nuair dh' fholaicheas ur caraid is airde a

ghnùis oirbh, a' bheil sibh a' plosgartaich na dhéigh, le dian thogradh gu bhi cosmuil ris? Ge nach 'eil tomhas ur gràidh m' ar bu mhiann libh, an urrainn duibh a chùis a leigeadh gu fianuis De, ag ràdh, A Thighearna, tha fios agad gu bheil gràdh agam ort? Ma tha chùis mar so, tha fàth mis-nich agaibh teachd air ur n-adhart gu bord an Tighearna.

Agus a thaoblh ur gràidh do dhaoinibh, feuchaibh nach 'eil sibh ag àrach fuath, farmad, mirùn, no gamhlas do neach sam-bith. Fosgail an soisgeul, agus leughi na tha Criod ag ràdh do thaobh so, Mat. v. 23. Is soirbh fhaicinn uaithe so gur peacadh trom teachd gu bord an Tighearn ma tha sinn ag altrum naimhdeas nar cridhe an aghaidh aon duine air agbaidh an t-saoghail.

5. Tha nuadh ùmhachd ann mar an ceudna a dh'fheumas sinn a thaisbeana m'an d'thig sinn gu bord an Tighearna. Cha 'n fhoghain duinn a ràdh gu bheil eòlas, creidimh, agus gràdh againn, gun do ghabh, no gu'n gabh sinn aithreachas; ach feumaidh sinn teachd gu Suipeir an Tighearna le rùn-suidhichte, nuadh ùmhachd a chur an gniomh ann an neart Chriosd; cùl a chur ris gach aon pheacadh, agus an t-Uan a leantuinn ge b'e taobh a théid e. Is diomlain gach ni eile ma tha sinn an déigh làimhe anns an ùmhachd so. Fanadh gach peacach air ais. Cridheachan a tha làn de cheilg, de mhi-run, agus de dh'fhamrad, tha iad air an toirmeasg o theachd gu cuirm so a ghràidh. Cosan a ta gluasad ann an slighe an uilc, gum ma dàna leo leum thairis air a challaid naomh a tha cuairteachadh a bhùird. Na beoil sin a tha air an truailleadh le labhairt ghràineil, le mionnachadh agus draosdachd,

cha'n airidh iad air itheadh de'n aran no òl de 'n f'hion, comharan faicinneach air corp agus ful an t-Slanuighir.

Uime sin ceasnachéadh gach neach e fein, air eagal teachd gu mi-ionchuidh a dh' ionnsuidh na cuirme so.

*Anns an àite fa dheireadh,* 'S ann o Dhia a tha 'n t-uidheamachadh ceart a' teachd, agus bu chòir so iarraidh ann an ùrnuigh dhùrachdach aig cathair nan gràs. Ma nithear dearmad air so, feudaidh fein-cheasnachadh tionndadh mach dhuibh na chulaidh mheallaidh agus bhuiridh Tha 'n cridhe cealgach thar nan uile nithibh, agus tha'm buaireadar gu carach seolta gur n-aomadh gu shaoilsinn gu bheil sinn ni's fearr na tha sinn; uime sin buinidh dhuinn còmhnhadh an Spioraid asluchadh gu dùrachdach, oir is ann amhàin uaithe-san a tha gach gràs feumail a' teachd; agus tha e d'an gealladh dhà-san a dh' iarras iad trid Chriosd. Tha trusgan na bainse air a thairgse gu saor.

*Iarraibh agus gheibh sibh.* Guidhibh gun ullaicheadh Dia ur n-anama chum teachd dlù dha fein; gun ath-bheothaicheadh e gach gràs feumail annaibh, agus gun d'thugadh e iad gu gniomhara beothail; agus mar sin gun deasaicheadh e sibh chum nach d'thig sibh gu neo-ionchuidh chum a bhùird. Tòg do ghuth, ag ràdh, Thig a Spioraid bheannaichte, agus séid air na cnàmha tioran so— Gluais air uisgibh nan òrduighean, agus thoir m'an cuairt an cruthachadh nuadh. “Eirich, a ghaoth a tuath, agus thig, a ghaoth a deas, séid air feadh mo liosa, rachadh faille cùbhraidih a spòsraidih a mach. Thigeadh m'annsachd d'a lios, agus itheadh e a thoradh taitneach.”

*Campsie.*

T. M'L.

## MOLADH AIRSON CAOIMHNEAS GRADHACH AN TIGHEARNA.

SALM Ixiii. 3.

O m' anam, nis gu fonnmhòr gluais,  
 Chum cliu d' Fhearr-saoraidh àigh a luaidh ;  
 'S ceart-dhligheach dha-san d' òran gaoil,  
 A chaoimhneas gràdhach O cia saor !

Churznaic e mi 's an tuiteam caillt',  
 Ach'n deigh sin nile thug dhomh gràdh ;  
 O chall 's o dhòruinn shaor mi fòs ;  
 A chaoimhneas gràdhach, O cia mòr !

Biodh naimhdean mòr, le'n ionad feachd,  
 Biodh talamh 's ifrinn m' aghaidh gleachd,  
 Stiuraidh e m' anam slan 's gach cùm,  
 A chaoimhneas gràdhach O cia trèun !

'N uair dhòmhlaich dragh, mar neoil fo ghruaim,  
 'G ard-bhuaireadh torruinn b'oillteil fuaim,  
 'N sin lainmh ri m' anam sheas e ghnath,  
 A chaoimhneas gradhach O cia blàth !

'S tric mhoth'chein leam am peac, am chridh  
 'Gam thoirt air seacharan o Chriesd ;  
 'S ged dhearmaid mi e ionad uair,  
 A chaoimhneas gràidh cha d'thug e nam.

'S gearr gus an triallam gleann an sgàil,  
 'S gearr gus am bi mo chorpa gun chàil ;  
 O moladh ! m'ospag 's deireannaich  
 A chaoimhneas gràdhach ann am chrich.

Sgiath-shiubhladh m'anam 'n siu an àird  
 Do shaoghal àigh 's nach eriochmaich là ;  
 'S cuiream le h-aoibhneas àrd an cùill  
 A chaoimhneas gràidh gn bràth air neamh.

Ead. le DONN-SHUIL.

SGEUL AIR SEALGAIR NAM  
 FIADH-GHABHAR.

Ann am baile beag a measg nam

beann ; thachair do bhuauchaillean  
 ghabhar a bhi cruinn air oidhche  
 gheamhraidh ; bha iad a' cur seachli-  
 ad na h-aimsir mar bu ghnà ag

aithris sgeulachdan, ag innse naigheachdan, agus a' gabhail dhuanag. Bha iad nan daoin' òga, an àird an neirt; agus thionndaidh an còmhradh air éuchd agus tréubhantas an gniombara gaisg-eil fein; an ionnsuidhean dàna air bearra nan creag; luaths' agus seòltachd an con, agus a liugha dol as miorbhualeach abha aca fein a sealgaireachd nam fiadh ghabhar, o sgàirneach gu sgàirneach. —Dh'innseadh iomad sgeul a bha iongantach ri éisdeachd, co dhiùbh bha na nach robh iad fior.—Anns a chuideachd so, thachair do sheann duine àraidh a bhi làthair air leth o chàch, nach do labhair a bheag o thainig e stigh—ach dh' éisd e gu furachair ris gach sgeul a chaidh aithris leis na lasgairean òga—gach fear dhiubh ag innseadh gach caol-thearnadh o'n d' thainig e fein, air muir agus air tìr.

Air uairibh, gu dearbh, bheir-eadh e gne de thogail air a ghuailníbh,—dh' amhairceadh e suas gu mullach an tighe. Thòisich e ri crongan beag òrain fo anail—an sin thionndaidh e a shùl air na fleasgaich òga, le seorsa amharuis na ghnùis, mar nach bitheadh e uile gu léir a' creidsinn gach sgeul a bha iad ag innseadh. Bu chiat-ach, eireachdail an duin' e, fior shamhladh na chruth's na dhealbh air seann laoch Gaidhealach; a dhà shùl ghorm co beo thogarrach 'sa bha iad riamh. Bha chumadh gu féitheach calma, agus ged a bha e ni-éiginn air searga le aois, bha e soilleir gun robh e na òige na chorpa stàilinn, 's na anam teine. Aig a chois na chuaireig am blàs an teine, bha madadh molach glas, aosda mar bha a mhaighstir, agus do réir coslais neartmhòrlùthmhòr.

Cha chreid mi, arsa fear do na daoin' òga, 's e tionndadh a nunn a

dh' ionnsuidh an t-seann laoch, nach seann sealgair a tha againn an so: mar 'eil mi meallta, bha e fein agus a chù glas an garbhlach nam beann co tric ri h-aon againn. Cha'n fheud mi àicheadh, a deir esan, nach do chuir mi seachad a chuid a b'fhearr de m' làithean a' ruagadh a bhuic, ach cha tainig mi as gach gâbhadh co tearuinte ribhse, Fhuair mi mo dhochann gu trôm, ge nach 'eil aobhar gearain agam, ach mòran cionfath a bhi taingeil do'n Fhreasdal chaomh a theasraig mi. Chuala mi air an oidhche nochd iomadh sgeul iongantach agaibhse m'ar tapachd fein, agus a liugha caol thearnadh o'n d' thainig sibh; ach bu duilich leam do rìreadh nach cuala mi aon aideachadh uaibh mu chaoimhneas gràidh agus suil-choimhead an Ti ghràsmhoir a chum ar ceumannna o shleumhachadh, agus ar n-anama o dhol sios gu bàs. Oigridh ghaolaich! bha mise co òg ribhse, agus co moiteil as mo thapachd fein; ach taing gan robh dhàsan a smachdaich mi na dhòigh fein, ann an caol thearnadh a dheonachadh dhomh air oidhche àraidh, nach d' théid as mo chuimhne am fad 'sa bhios an deò annam.

Theann na buachailean gu léir m'an cuairt d'a le mòr urram, agus dh' asluich iad air e dh'innse dhoibh na thachair dha an oidhche bha na bheachd.

Ni mi sin, a deir esan, agus cha chluionn sibh smid ach an fhìrinn.

Tha nis os ceann fichead bliadhna o na thachair dhomh bhi mach, air là arайдh, air a bheinn a' sealg. Fhuair mi sealladh air gabhar fhiadhaich, agus mar bha mi 'g èaladh oirre, agus goirid o bhi 'n astar urchair dhi, thainig mi le dian chabhaig gu sgor craige co àrd sa bha san dùthaich, os ceann sluichd a bha na ceudan

troidh air doimhneachd. Ann an dian-thogradh na seilge, 's gun sùil a thoirt roinham, gabhar roid agus leumar thairis chum àit' a shaoil mi bha na chreig, no na thalamh daingean, ach 's mis a bh' air mo mhealladh gu goirt; oir ciod a bh' ann ach meall mòr de shneachda reòdhta, a mhòthaich mi, leis a chudhrom a thainig air, a' géilleadh fotham. Thug mi sùil os mo cheann agus faicear am meall sneachdaidh so a' fuasgladh o'n chreig, anhaircear fotham, ach cha robh aigeal an t-sluichd ri fhaicinn; gun phreas no craobh a chuireadh grab' air mi thuiteam. Thug mi ionnsuidh air greim a dheanamh air stachd a bha os mo cheann, ach 'se 'n ionnsuidh so a luathaich na thachair—chuala mi gleadhraich shliglich ant-sneachd-ai reòdhta a' dealachadh o'n chreig—charaich e rìs fotham—chaidh crith an uamhais roi 'm chuislibh uile—thainig reachd a' m' uchd—ghlaodh mi mach le oillt, 'nuair a dh' fhaireach mi nis an t-àit air an robh mi am sheasamh a' failleachadh. O Dhe! arsa mise, chaidh as domh! A Thigh-earn, air sgàth Chriosd, gabh ri m'anam! Bhrist am meall, agus air falbh chaidh mi: thainig tuain-eulaich am cheann, agus chaill mi gach mothachadh!

'Nuair thainig mi gu m'thùr bha 'm feasgar a' ciaradh m' an cuairt domh. Bha mi air mo chòmh-dachadh le sneachda, bha mo shleadh seilge briste ri m' thaebh, agus mo mhedadadh dileas na shìn-eadh air m'uchd, chum mo dhion o'nfhuachd. An creutair truagh, ars' an seann duine, 's an deur a' critheadh na shùil, is fad o dh' fhalbh e, agus a mhac, (is e ga bhrìodal aig a choasaibh,) tha e sean a nis; ach ge nach biodh agams' ach aon ghreim arain, agus

aon blàraon uisce, bu leis-san cuibhlionn diubh, air sgàth athar.

Dh' amhairec an cù suas, mar gun tuigeadh e na thuirt a mhaighstir; oir dh' amhairec e air leis a mliòg-shùil bhlàth sin is gnà le coin a nochdadh dhoibhsan is caomh leo.

Mhòthaich mi, ars' an sealgair, mi fein gu rag neo-chlis gu gluasad, agus enàmhan goirteis air feadh gach ball diom, co mòr agus nach b'urrainn domh aon dochann ainmeachadh thar dochann eile. Dh' oidheirpich mi éiridh, ach nochd so dhomh c' àit an robh an dochann bu mhò.—Thuit mi sios a rìs,—bha mo shliasaid briste. A thuilleadh air so, bha dithis de mheoir mo làimhe deise air am briseadh, agus aon aig mo làimh chlì, agus bha mi gu h-iomlan air mo bhruthadh. Ach bha mi beo l agus an uair a dh' amhairec mi suas air a bhinnein o'n do thuit mi, is gann a shaoilinn gu 'm b' urrainn da sin fein a bhith.

Bha 'n t-àite san robh mi a' m' shìneadh, na shlochd domhain eadar dà chreig, a dol am farsuingeachd mar bha iad a' sgaoile o chéile. Bha steall thoireannach uisce, mar nhuing eich fliadhach, a' leum o'n chreig os mo cheann, ach a thaobh an doimhne, sgaoileadh e na cheo man d'rainig e far an robh mise.

Thòisich an oidhche ri ciaradh m'am thimchioll, agus sin ni bu luarithe le doimhneachd an àite san robh mi. Shéid a ghaoth gu doinionnach o cheithir àirdibh an aidheir, mar gu 'm biodh còdhail aca san àite sin. Thèaruinn mi o aon bhàs uamhasach, ach cha robh mi saor o eagal roi'bhàs a b'oillteile, a chionn gu robh e ni b' fhadalaiche, agus ni bu doirbhe r'a fhuolang. Bha eagal orm gum bàsaichinn leis an fhuachd, no leis

an acras, no le mo chreuchdan nach robh air gabhair aca. Chaill mi gach dòchas, agus oidheirp sain bith gu'm chòmhnuadh cha robh m' chomas a dheanamh. Bha mo chù a' donnalaich gu brònach ri m' thaobh, agus an déigh dha aon sealladh muladach a thoirt orm, dh' fhág e mi. Nuair a chaill mi sealladh air dh' fhairich mi mar gu'm biodh mo glreim deireannach de'n bheatha so air mo thréig-sinn, mar gu 'm biodh caraid mo chuim air m' fhàgail gu bàsachadh. Shaoil mi, a deir mi, nach tréig-eadh mo ghaothar glas mi; agus cha nàr leam aideachadh gun do shil mo dheòir.

Bha'n saoghal a nis, mar gu 'm biodh e, air a dhùnadh o'm shealladh gu bràth;—mo bhean, mo chlann, mo dhachaidh ghràdhach, cha robh fiughair rì'm faicinn ni's mó. Smuainich mi air sòlais an dachaidh sin, agus thuig mi cia deuchainneach an ni a bhi air ar gearradh air falbh o'n t-saoghals', agus a liugha snuim laidir a ta gar ceangal ris. Mar dh' iath an dorchadas m'am thimchioll, smuaintich mi air mo mhaoi a bha gu h-iomaguineach a'feitheamh farum na coise sin nach ruigeadh a dorus a chaoidh! Chunnaic mi, air leam, mo lurachain bheaga mhaoth nan suidhèm'an ghealbhan, agus chuala mi briagail mhilis am bedòl. Chunnaic mi'n cròithlein maoth ag éirigh chur fàilt orm a strì ri chéile cò bu luaithe a streapadh suas ri brollach an athar chum a phòg f haotainn. Féidh-ghaire shòlasach am màthar ag altachadh mo bheatha, agus ag iarraidh air ar muirghinn bheag fuireach air an ais. Sud an dealbh a tharraing mi a m' inntinn, ach shéid a ghaoth, dhùmhlaich an dorchadas, agus thainig cadha uisg a nuas o'n eas, a fhliuch mi, agus a red

air m' uachdar. Bha mi air mo chuaireachadh le cas-chreagan uamhasach air gach taobh dhomh; b'e'n sneachda mo leaba—seadh, leaba mo bhàis. A m' aonar, gun neach ris an deanainn mo ghearan, agus eadhon gun dùl gu 'm biodh mo chorp air a chàramh ie ùir mo shinnis. As a so, a deir mise, cha 'n éirich mi tuille; ach ciod a dh' éireas do m' anam? So a cheist a dhùisg an t-uamhas. Thainig uile ghniomhara mo bheatha gu m' chuimhne, an Dia gràsmhor air an d' rinn mi dichuimhn, an Slanuighear caomh air an d' rinn mi dearmad, an Spiorad Naomh a chuir mi na aghaidh, na cuireannan a dhìult mi, agus an t-siorruidheachd a bha nis a' fosgladh fa m' chomhair, thainig na nithe so uile nan làn uambas a m' làthair, agus dhùisg iad an iargain anama sin nach urrainn cainnt a chur an céill, agus air nach comasach dhomh smuainteachadh gun oillt. Bha mi mar so a m' shineadh a m' chulaidh-thruais gu dearbh. Faidheòigh dhealruich fairleus an dòchais orm. Air mullach a bhinnein o'n do thuit mi, bha frith-rathad o'n bhaile san robh mo chòmhnuidh, gu baile beag eile mu thuaiream sé' mìl' air falbh. Cha do mheas mi so na mheadhon gu dol as; oir fo dhùbhar oidhche is ainmig a bha iad ga thadhall. Ach ann an tiota, 'nuair is lugha bha fiughair agam ris, chunnaic mi pladha soluis a' fann-shnàmh air an fhrith-rathad ud; agus smuaintich mi gur ni bh' ann fear do mhuinnitir a bhaile a' dol dachaidh le lochrann. B'e sin a bh'ann! Bi'dh mi fhathast air mo thearnadh, thuirt mi! agus ghlaodh mi le m' uile neart, chum cais-meachd a thoirt do'n fhear-thuruis. Ach shéid oiteag laidir shoibhhis am aghaidh, agus phill mo ghlaodh

gun esan a ruigheachd. Cha do stad an solus—cha d' thugadh freagradh do m' ghlaodh.

“ Co dh'f heudas cruaidd-spairn na mionaid sin a thuigsim? An duin' a tha'n cunnart a bhi bâite, mar tha e toirt na h-oidheirp dheireannaich, 's a' faireachduinn nan tonn ag iathadh uime; an ciontach mar tha e dìreadh ri fàradh na croiche, agus f' liughair dhicireannach a' teicheadh uaithe;—feudaidh iad sin, agus iad sin a mhàin a thuigsinн an staid san robh mise. Shocraich a nis m'an-dòchas. Mhothaich mi gu'n robh m' uair dheireannach a' tarruing dlù: dh' oidh-eirpich mi mo smuainte a thogail o'n t-saoghal so, agus an socrachadh air an ath-bheatha. Ach bha 'n spàrn uamhasach. Mar a dh' oidh-eirpich mi mifein uidheamachadh air son a bhàis, thigeadh toil do 'n bheatha so air m'aigne san àm. Nan d'thigeadh fuaim gu m' chluais, thogainn mo cheann a dh' éisdeachd; nan d' thigeadh sgàil' air a chreig, dh' amhaircinn ciod a bh'ann; ach sguireadhl an fluaim, agus shiubhladh an sgàil' air falbh; agus luidhinn a rìs sios air an t-sneachda, agus dh'fheùchainn dol am uidheam air son a bhàis.

“ Faidheoigh, (gu là mo chrìche cuimhnichidh mi a mhionaid sin,) air leam gun d'thug oiteag shoirbh-eis am' ionnsuidh fuaim, a dh' aithnidh mi; dhùrich mi air m'uillinn le cabhaig nach mòr nach do chuir erioch orm—dh' eisd mi—bha gach ni na thosd—dh' éirich a ghaoth agus bha mi 'n teagamh an cuala mi rìs e,—an treas glaodh a chuir a' teagamh mi! 'se tabhann Oscar dhileis a bli'ann, a comharachadh a mach an ionaid san robh mis a m' shìneadh. A rìs chuala mi a chomhartaich chruaidh sgairteil mar dhùlthaich e ri mullach na creige. An sin sheas e,

a' sior chomhartaich, gus am faca mi iomad tòrr-leus air an aisridh air an d'thainig e, 's a dhùlthaich an gradaig ris. Thainig iolach air oiteag an anamoich: dh'oidheirpich mi a freagairt mar a b'f hearr a dh' fheud mi. Air an àm so cha diongadh e a bheag co dhiùbh a chluinneadh no nach cluinneadh iad mi; oir co luath so thainig na soluis far an robh an cù na sheasamh, ghrad leum e sios an cas blhruthach, a' deanamh greim bàis air na leachdaibh corrach, ga leige fein na shìneadh air feedh sneachd-aidh agus ùrach, gus an d'thainig e a dh' aon leum far an robh mi, agus cha mhòr nach do chuir e as domh le beadradh, a' toirt air mac-talla nan creag co'-f hreagradh le àrd chomhartaich.

Thug mo choimhearsnaich an aire nis do'n àite san robh mi. Theirinn iad a'm'ionnsuidh. Mo chàirdean gaolach, mar do nithoathaich sibh am mùghadh a ta eadar eadoch-asagus tearuinteachd--obhí tréigte gu fior charthannachd agus dlù chaoimhneas—o bhàs gu beatha—cha chomasach dhuibh a smuainteachadh an tuil de shòlas dian agus strìochdta a thainig san àm sin air m'anam. Cha robh a nis annsachd mo chridhe na banntraig! cha robh mo chlann a nis nan dilleachdain! Bha mi air m' aiseag gu beatha, do'n t-saoghal, do dhòchas, do shonas! agus air son so uile, fo laimh an f'breasdail, 's ann an comaine gràidh agus tairis-neachd madaidh bhochd a ta mi! 'Nuair a bhios ur làmh togta suas gu'r cù a bhualadh—stadaibh—agus smuaintichibh air an t-seirbh-is a rinn seanOscar d'a mhaighstir.

O's ceann na h-uile ni, tuig-ibh agus aidichibh lambh an Tigh-earn anns gach caol-thearnadh roimh bheil sibh a' teachd. Bithibh eolach air ur Dia ann an

laithibh ur neart; agus a' cuimhneachadh co buailteach's a tha sibh do sgiorradh agus do bhàs; oidhearpichibh a bhi do glinà deas. Nam bitheadh Dia air m' fhiorsachadhs'le bàs air an oidhch' a dh'ainmich mi, chaochail mi gun dòchas, agus cha robh an dòrainn na h-oidhche sin ach earlais fhaoin air dòrainn na h-oidhche sin air nach dealraich maduinn. Buidheachas dha-san a chaomhainn mi agus a bheannaich an sgiorradh sin domh, chum mo thoirt d'a ionnsuidh-san a thainig a shaoradh pheacach.

'S an uair a stricidas mì do'n bhàs,  
'Nad sgàth-sa maiream beò!

Ead. le A. B. R.

### NA DEICH AITHNTEAN, AN DAN GAELACH.

*An cèud chlár.*

- I. Na biodh Dia eil'agad roimh m'ghnùis.
- II. Do dhealbh air bith na lùb do ghlùn.
- III. Air ainm do Dhia na gairm gu faoín.
- IV. Dean là na fois a chumail naomh.

*An dara clàr.*

- V. Thoirmeas do t'athair'us do d'mhàth'r.
- VI. Le ainneart na cuir neach gu bàs.
- VII. O strìopachas cum glan do chorpa.
- VIII. Na goid, ged thachras dhuit bhi bochd.
- IX. Na tog sgeul-bréighe 'n aghaidh neach.
- X. Na sanntaich nì 's le d' choimhears-nach.

Ead. le A. B. R.

### CRON DIUBHALACH.

*Dibhe laidir.*

### AN DARA EARRANN.

Cha'n ann a mhàin air daoraich ghràineil a tha ar n-achmasain air an tabhairt; achi air gach anabharra ann an òl, a tha treòrachadh chum na dubhailc so. Feudar ionad fear a mheas na phòiteir nach facas riamh a'call a chas leis an daoraich.

Thugamaid a nis fainear càll-eiginn de'n TRUAIGHE a tha 'g ciridh o òl neo-mheasarra.

1. Tha e cur as do DHICHIOLL.  
Tha ar gnè agus ar cor sa bheatha

DOCHAS A CHRIOSDUIDII.

A Chriosd, a stéigh mo dhòchais bhuain,  
Mo thobar buadhach slàint.  
Gu'm faighear annuds' mi gach uair,  
'S gu'n cunam suas do chàs!

Do ghràdh-sa lasadh aum am chràdh';—  
Cum d'reach mi ri d' reachd;  
Do mholadh deanam le àrd-strì,  
Tog m' inntinn riut le tlachd.

Au uair 'thig dubhar air mo spèur,  
'S a shéideas stoirmean cruaidh,  
Thoir sùil gu caomh orm ann am fheum  
'S as m' éiginn tog mi suas.

'Nuair dh' éireas caithrim àrd do chliù  
'S na cuirtean fial gu h-àrd;  
Gleus m'aigne-sa a sheinn duit ciùil,  
Le dùrachd lasrach gràidh.

Do chliù 'bhi falbh air sgiathan òir  
An t-Soisgeil, 'se mo rùn!  
A' sgaoileadh dorchadais le 'ghlòir,  
'Us sùlais feadh gach dùch'.

O thobair lomlain iochd 'us gràis,  
A'd' lànachd diol na's leòr!

so, a' fàgail ceaird éiginn feumail duinn. Cha luaithe chruthaich Dia an duine, na shonraicheadh e obair shonraichte dha. B'ann de na h-àitheantan a liuthair Dia air mhodh mòralach air Sliabh Shinai, "Sèa làithean saothraichidh tu." Tha bhi gu saothrachail gniomhach na dhleasnas air a theagast dhuinn anns na Scriobtuiribh le iomad àithne shoilleir, agus iomad samhladh fiachail, ach is leor a ràdh gu bheil an ceangal fo bheil e gar cur air a theagast le eisimpleir ar Slanuighear. Tha'n t-olc a tha'g èiridh do iomad neach, o chleachdannaibh dearmadach, soilleir do gach aon. Cha'n fheum sinn gliocas Sholamh a bhi againn gu thuiginn "gun eudaich diomhanas duine le luideagaibh;" no idir deachdaidh Phoil gu thoirt fainear c'ar son bu chòir do dhaoinibh *saoi'treachadh gu ciùin*, mu b'aill leo an aran *fein* iteadh.

Cha'n eil teagamh air bith ann an so, gu bheil *misg* agus *diomhanas* an dlù-dhaimh r'a chéile. Far a' bheil an dara h-aon is tric a bhitheas an t-aon eile. Am fear a bhios an tòir air dibh làidir, fàsaidh e mar an ceudna dearmadach na ghnothaichibh. An t-àm bu chòir a bhuileachadh air an fhearrann no anns a bhùth tha e ga chosd ann an cuideachd fhaoin. Tha chreideas a fàil-neadh—tha e air a mheas mar neach caillte leis gach duine deadhbheusach d'an aithne e.

2. Tha bhi'n toir air deoch laidir a' cur as do *SHLAINTE* duine. Tha e feumail a bhi ni's soilleire ma'n chuis so, a chionn gu bheil moran am barail gu bheil deoch laidir feumail d'an slainte.

Tha léigh ainmeil a' cur sios a'ireannu niliòr de euslaintean ag

éiridh o bhi 'g òl, agus ag ràdh "Gu'n gabhadh e leabhar mòr a chur an cíeil gach galar eile a tha tàrmachadh o'n ghnàthachadh sin." Tha e 'g innseadh mu dhà léigh eile, a thuirt gun robh fo theas loisgeach nan Innsean, deoch a' lughdachadh neart a chuirp, ga fhàgail ni's buailtiche do eucailibh eile agus neo-chomasach air oibreachadh far am biodh spionadh feumail. Nach minic a chluinnear e air a radh, gun robh leth-cheud no tri fishead bliadhna roimhe so. Cha'n ion duinn a smuaineachadh nach e na tha iad ag òl is cion-fath air an laigsinn sin. Is iomad òganach treubhach a dh'fheudadh a bhi nam meas do'n dùthaich agus nam beannachd do'n t-saoghal, a tha leis an òl, air an call do'n dà chuid. Tha samhradh am beatha luchdaichte le laigsinn sean aois.

3. Tha bhi leantuinn an òil a' tàrmachadh **BOCHDAINN**. Cha'n-eil ùin' a' lughdachadh firinn nan nithe sin. "Le diomhanas nan làmh snidhidh an tigh troimhe." "Esan a leanas an déigh dhaoine diomhain, bithidh hochdann gu leòir aige." 'S iad cleachdanna dearmaid agus anabbarradh òil is caithtich air earras duine na aon ni eile. Mar biodh ann ach luach na dibhe dlí'hòghnadh oighreachd do phòiteir fad a bheatha: am feadh a ta am pail-teas air a struidheadh le mi-stuamachd, agus is broineagan agus bleideireachd a bhios na lorg. "Feudar airgiod a chailleadh no a chosdar fhaotainn; ach cha do thachair sin do'n aimsir a struidhean: cha'n'eil call ann co diùbh-lach ris." Is bitheanta le cunnatas a phòiteir a bhi gcurr. Gnoth-

aichean air an dearmad—ceannachd amaideach air an deanamh,—creideas air a chall—fearann, tigh, agus airneis air an reic, agus an sin na maoir agus am priosun a chur crioch air an iomlan. Tha na chaidh a ràdh mu dhubaile eile, fior m'an aon so “Gabhaidh e a bhiadh maidne maille ri paitteas, a dhìnneir maille ri bochdann, agus a shuipeir maille ri tàir !”

4. Bheir deoch laidir air falbh A CHIALL. Tha am fear a bhios air mhisiag, air mhearaichinn. Tha e co mòr as a riaghait ri aon fhear cuthaich san rioghachd. Ma ni e cleachda bhi do glinà air mhisiag, falbhaidh a thoinisg, caillidh e a chuinhne, agus théid ceud-faithean inntinn uile an dolaidh, gus am fàs e fa dheireadh na *ùmaidh*. Nach bu docharach an ni do dhuinc e fein a leòn gu tròm. Nach mòr is mò e chall a chéille ? Is aobhar-thruais le daoinibh esan a rugadh na amadan, no a chaill a chiall le tinneas no le sgorradh eile. Ach cha'n urainnear am feasd tâmailte gu leòir a thoirt dhasan a chuireas e fein as a riaghait.

5. Cuiridh cleachda bhi 'n tòir air dibh laidir duine gun bhi na urrainn a bhi ann ancompanas caidreach ri muinntir eile. Ciod an cuspair air thalamh is mi-thaitniche agus is gràineala na fear air dall na daoraich ? A' bheil e'g oidheir-peachadh coiseachd ? Faic mar thuislicheas e. Is gann a ghiaineas a chasan clisbeach a cholann. A'bheil e 'g oidheir-peachadh labhairt ! Ma tha e na urrainn a dheanamh, nach amaideach, draosda, agus mi-naomh a chainnt ! Cha 'n 'eil aon chuid cainnt no giùlan, mothachadh no suaireas aige a bhuineas do neach na chéill. Tha e mi-iomchuidh

air gach cuideachda chòir air bith ; mi-iomchuidh air companas dhaoine, oir tha 'n ciall aca ; mi-iomchuidh air comunn nam brùidean, oir mar thug duine fainear, “ Tha na brùidean mar rinn Dia iad, ach tha 'm pòitear mar rinn ana-mianna agus an droch-spiorad e.”

Tha'n t-amadan bochd, a chaill a chiall le gnionh an fhreasdail, a' faighinn cairdeis o gach neach a chì e ; agus tha gach doras fosgalite dha chum aoigheachd fhialuidh a bhualeachadh air an t-seachranaich bhochd, chum fasgadh agus dion a thoirt dà. Ach ciod an teaghlaichcòirleis nach b'fhuathach ùipeir de dhuine misgeach gun mhothachadh gun toinisg a thigheinn nam measg ? Is gann is urrainn a chairdean is dìslé fhlang. Rinn geòcaireachd Nabail co mòr e na nhac do Bheilial, 's nach feud neach labhairt ris. Nach bu neoshuaire a fhreagrachd do iarrtas Dhaibhidh, ag asluchadh beagan lòin dha fein agus d'a chompanaich a bha 'nan éiginn. Leis a bhrosnachadh laidir so, ghéill deagh nàdur Dhaibhidh do 'n bhuaireadh, agus dh'fhalbh e fein agus a dhaoine fo'n làn armaibh chum dioghalas a dheanamh air Nabail. Bha'n sin rogha mnà aig fear misgeach, agus ceithir cheud fear fo'n armaibh a tighinn a sgrios an teaghlaich. Ciod a ghabhadh deanamh ? Bha clach no maide co iomchuidh air comhairl'a thoirt'sa bha Nabail. Chaidh corruiach Dhaibhidh an tiot' a dh' aon taobh le crionnachd agus fiughantachd Abigail. 'Nuair a phill i dhachaidh, cha robh feum dh'i focal a ràdh ris, oir bha e *ro-mhisgeach*. Air an ath-nhaduinn 'nuair a dh' fhalbh a dhaorach, dh' innis i dha an caol thearnadh a bha aig an teaghlaich. An

sin bhàsaich a chridhe an taobh a stigh dheth, agus bha emar chloich. Co dhiùbh is ann leis an oillt so, no le toradh gnà mhisg, cha 'n fhios duinn, ach cha robh e beo aeb deich làithean, agus cha chuala sinn gun robh cumha no bas-bhualadh mu dhéibhinn.

A chuid eile ri bhi san ath-theachdaire.

### LITIR EIRIONNACH.

Fhuair sinn an litir a leanas o cheann ghoirid a Eirinn. Is duilich leinn gun do chum an Sgriobh-air uainn ainm, agus ionad còmh-nuidh; oir bu taitneach leinn co-chomunn a bhi againn ris; agus bithidh sinn na chomain air son aon ni a chuireas e d'ar n-ionnsuidh, mu thimchioll staid na h-Eirinn. Smuaintich sinn gu 'm biodh ar Càirdean Gaelach toileach an litir so fhaicinn, anns a cheart dhreach anns an d' thainig i, gun atharrachadh air bith, chum gu'm faic iad an dlù-dhaimh a tha eadar Cànmhuin na dà Dhùthcha.

A dhuine uasail onoruigthe,

Le mheas mhòr, gabhaim cead anois lìtir bheag a chur chug-ad, ag iarraidh do bharamhuile ar an chiùs so sìos. Is feidir le mo dhùil a bheith ar na sgrìobhadh ann beagan d' fhocalailbhi. Is miàu liom o fhios a bheith agam, ma's teidir le Gael Eirinnach, comhnadh arbith do thabhairt duit san obair a ta tu deanamh, iodh-lion, sgrìobhadh do leabhair mbòr lùaigh, an Theachdaire Ghaelaigh. B' fhéidir go m-beidh se iongantach, àmaideach ad'shùilibh, Eirinnach a bhicith tairgeadhlidh ar bith don leabhar sin. Ach ni èigin damh a radh leat gur mòr an chosmhulachd a ta eadar cainnt

Ghaelic na nAlbannach agus nan Eirinnach. Is beag an feum a ta agam ar d'innsin go d-tuigtear Gael Albannach go ro mhaith 'sa choigeadh thuath d'Eirinn, 'sè sin Uladh; agus ar mothaothasa, feedamsa do leabhar a leigheadh gan mòran trioblòide. Ach nìl me dearbhtha ar aon chor go d-tuigeann na h-Albannaigh fear Eirinnach go lèir, agus go mbeith sgrìbhinn Ghaeil Eirionnaigh, soillèir so-thuigsin dòibh. Cha raibh mesfèin ariamh sa Ghaeltachd, agus cha' n' fhacas ariamh Gael Eirinnach do bhì annsin: uime sin taim aineolach go hiomlàn ar an cluìs.

Gidheadh, is aithne dhamh go d-tainic mòràn dochlannaibh Chò-nail, agus do mhuintir eile amach as a Ghaeltacht fad' o shoin, agus gur rinneadar airtriudhadh a g-condae Antrum, agus go bhuil a g-cainnt-san annsin gus an là aniu gan mòran aithriughadh. Tuille, ta oiléan beag a g-cùan an chondae sin dar ainnm Ràtheri ann a bhuil an Ghaelic Albannach ar na labhairt gan choimh-measgadh ar bith.

Da m-beidh na daoine aiteachas na h-ionaid sin, mùinte go ceart, budh f' heumuil agus luachmhor do leabhsara dhòibh: ach (le näire a deirim è) ta an Ghaeltachd fàda fàda roimh' an duthchaidh so a thaobh fhoghlum; agus nil achi tamull beag aimsire o shoin, do thòisigh cuideachd do dhaoinibh uaisle, tir-ghradhaighe, sgoilean Gaelic a chur ar bun san choigeadh so, agus leabhair Gaelic a chur a g-clò gach bliadhán o so amach.

Ge a ta do Theachdaire ar na chur amach ar son na Gaeltachd' amhàin, ta dòchus agam go mbeidh gradh brathareamhui eadar na Gael ann gach tir, mar do bhi an-llòd; agus go d-taitneocha rud

beag a thiomchioll Eirinn bhoicht ar uairibh le na hAlbannaigh. B' fheidir liom càileighin do sheansgeultaibh na tire so, no mionchunndas ar a neithibh, sa h-aitibh iongantacha do thabhairt duit; 'sas eigin duit a fhios a bheith agad go bhuil mòràn da leithid sin 'nar measg.

Ann aon fhocal, budh mhaith liom, a dbuine fhoghlumhtha, don-inneosa dhomh san g-ceud aireamh don Teachdaire, ma's feidir liom a bheith feumail duit, le sgrìobhadh ann mo chanmluin fèin.

Agusanois, ag fanmuinn no go g-cluinse me d'fhreagra,

Is me,

do charaid, firinneach deagh-thoileach.

#### O. DOMHNUILL.

*Ag Beul-fears' de, Bealtain.* 1830.

---

#### BATA NAN SPEUR.\*

O cheann ghoirid bha aon diubh so air a nochadh ann an Glaschu, a dh'éirich suas am fianuis àireamh anabarrach shluagh, a bha cruinn chum an sealladh fhaicinn. Dh'éirich e suas, le dithis fhear sa charbad, gu àirde mhòr anns an athar, agus an déigh dhà bhi air a luasgadh air ais agus air adhart anns an iarmait, fo mheachainn an t-soirbhis, theirinn e gun sgiorrhadh gun tubaist, mu sheachd mìle, taobh na h-àird an Ear do Ghlacchu.

Tha seachd bliadhna a's dà f'high-ead o na dh' fheuchadh an toiseach ris an innleachd so. Bu Fhrangach a cheud fhear a dhùrich suas ann am Bata nan Speur, ann an Ceanna-bhaile mòr na

Fràinge; agus 'se Eadailteach, d'am b'ainm *Lunardi*, a cheud aon a dh' fheuch ris ann am Breatunn. An là chaidh esan suas ann an Dun-eidin, bha 'n sluagh a bha cruinn thar tomhas mòr, thainig laigsinn air mòran do'n chuideachd, agus chaochail aon bhan-tighearna leis an eagal.

Tha na Bataichean so, no na Carbadan speur so, air an deanamh de shioda làdir, cruinn na chumadh, mu leth-cheud troidh air tuighead, no sa choislinn.\* Tha 'n t-aotroman mòr sioda so air a lìonadh le gnè àile ni's eatruime na àile cumannata nan speur, agus an lorg so tha e 'g éirigh os a cheann ceart mar dh'cireas àrcan air uachdar uisge. Crotchta ris a chruinn-Mheall mhòr so, tha carbad beag anns a bheil iadsan a tha dol air a chuairt-adhair so a suidhe, agus 'nuair is miann leo tearnadh, leigidh iad as beagan de'n deataich a tha anns an aotraman mhòr.

Tha cuid de dhaoin' ann a tha meas gur peacadh an oidheirp so a thoirt, agus gur dalma an nì do mhac an duine bhi seòladh roimh 'n adhar; ach 's faoin an smuainteachadh so; oir cha'n'eil teagamh sam bith nach feadar na Bataichean speur so a thoirt chum a leithid de fhoirfeachd'sa dh'f'hàgas feumail iad ann an rùin dhiomhair an Fhreasdail, chum leas a chinneadhaoin a chur air aghaidh. Cha'n'eil a dhì orra gu so a dheanamh ach inneal stiùraidh, agus ac-fhuinn, leis an oibrichear iad mar loingeas air chuan, agus cò dh'fleudas a ràdh bheil so eacom-sach? Cha'n fhadha o'n a shaolite gun robh an duine sin as a

\* Balloon.

† Diameter.

bheachd, a theireadh gu'm faice-amaid r'ar latha fein loingeas gun seòl gun ràmh, a' siubhal gu luath o àite gu àite gun suim do shiruth no do shoirbheas. Cò a shaoileadh gum faiceadh e Carbadan, agus Fèunaidh mhòr a' falbh air lom an rathaid, le luaths'a mhiolchoin, gun each gun ainmhidh, agus gu labhairt 'an cainnt chumannata, cò ghabhadh mar a bheo-shlaint an t-àm sin fhaicinn sam bi na Bàtaichean adhair co lion-mhor ris na Bàtaichean smùide, leis am bi daoine air an giùlan leo thar muir a's monadh, ge b'e taobh is miann leo.

T. O.

---

### SORAIDH BHUAN DO'N GHAELTACHD.

Tha nis an t-àm air dlùthachadh  
San eigin domh bhi dealachadh,  
Ri garbhlach nan stùcan,  
Is cluante glas nam bealaichean—  
Ri réidhleán gorm nan ròsan,  
A bharra-gheal is an neonain—  
Ri Albainn' dachaidh m'oige,  
Is àros chliùiteach m'athairichean.

Gur cianail nis a tà mi,  
S' gur thàrsach, trom tba m'aigue-sa,  
Bhi smaointeach air na làithibh,  
Tha nis gu bràth a seachad orm ;  
Air mire 's aighear m'oige  
Séimh mhaisealachd nan lòinteann,  
Air scalg a dol an òrdugh,  
'S air còisridh bhinn na maduinne.

Gur mise tha fodh bhruaidlean,  
'S cha chomas domh bhi farasda,  
Tha mulad mor gam ruagadh ;  
'S tha smaointe trom air m'aire-sa—  
A mi bhi nise fagail,  
Mo chompanach 's mo chairdean,  
An tìr san deachaidh m' àrach,  
Bhi nis gu brònach dealach uaip.

Gur tric air maduinн shamhraidh,  
Chaidh mi a mach sa chambanaich,  
Measg griumeas àluin gharbh-chrioch,  
Is cas-chreag àrd a langanich ;  
A beachdachadh le sòlas.

Air ciatachas na böichead ;  
Air àireamh 's maise stòras,  
No cuairte feadh a farsuingeachd.

Se coill 'nam bad a b'fhiu leam.  
Se eraobh nan dos bhi n t-aice rium,  
Fodh dhuilleach uain' a lùbadh,  
Gu dosrach ciùin ; a b' aite leam—  
Be'm' annsachd riamh bhi dlù ri,  
Ard-choille is òg-fhiùrain,  
Is beithe'n fhàile chùbhraidh,  
A lùb fo dhruehd na maduinne.

Gur e mo rùn 's mo dhéighsa,  
Coill' o'n d-thig pongaibh mileanta—  
Gorm-luachair, eoin nan geugaibh,  
A' seinn air barr nan meangama.  
Gur blasd air maduinn òga,  
An uiseag is an smèòrach,  
Is teaghlaich beag na còisridh,  
Gur binn co-sheirm an ceileireachd.

'Sann leam a b'ait bhi direadh,  
Ri beanntaibh àrd nam firichean ;  
Feadh ghleann is ghlaichd is fhrìthean,  
Is aoibhinn tric bha m'imeachd-sa—  
San leamsa riamh a b'aobhach,  
Bhi siubhal ris an aonach,  
Sam bi ruadh-dhamh is maoisleach,  
A' gabhail cuairt, 'sa mire air.

Air feasgar bòidhreach ceitein,  
'S minic subhach rachailhsa,  
Gu sruth nan gleann a dh'eisdeachd  
Ri'n toirnrich sheimh dol seachad orm :  
'M aonar 's tric a bha mi,  
Gu glachdan gorm nan àrd-bheann,  
Aig gabhail ceòl sa mìnran,  
'S Mac Talla thall a freagairt dhomh.

Ged tha mi nis a trialladh,  
Chum dùthaich chian nach aithne  
dhomh—

Tha mo chridhe ghna 's mo mbiannsa,  
 An tir mo ghràidh gun ath'rachadh ;  
 Ach gabham cead an tràthsa,  
 D'on tir ata mi fàgail,  
 Mo bheannachd nis gu bràth aic,  
 'S gun robh gach sonas maireann innt.

Mo bheannachd leis gach tr-eun-laoch,  
 Fearail cròdha curanta,  
 A Chompanach nach trèigeadh,  
 'S nach diobradh an àm cunnairt e :—  
 Buan-shoraidh' a Ghaidheil threuna,  
 Dhuihb fein, do'r tir 's do 'r n-éididh,  
 Mo bheannachd leibh le deuraibh  
 Cha'n fhaic—cha 'n fhaic mi tuille  
 sibh.

Lan shonas chaoidh is sòlas  
 Fhior chompanaich gar leanachds,

Caomh-chomunn aigh am òige,  
 Mo dhùrachd mhaith 's mo bheannachd  
 leibh ;  
 Le ceol is aighear 's stùgradh,  
 Stric subhach hha ar n'ùine,  
 'S o'm críd' gur e mo rìnsa,  
 A ghnà bhi chòmhnuidh maille ribh.

Nis beannachd leibh a chairdean  
 Is soraidh bhuan mun dealuich sinn—  
 Le Adhall san deachaidh m' àrach,  
 Srath-Tadh' as Tulaich-mhaighe thall !  
 Beannachd leis a Ghaeltachd,  
 'S ged tha mi nis ga fàgail,  
 Se gu mòr a b'f hearr leam,  
 Gum be gu bràth mo dhachaidh i.

*Lagan-Ràt, 1830.*

D. F.

### LOCHABAR NI'S MO.

Cead slàn le Lochabar 's le Síne mo ghaoil,  
 Leis am b éibhinn mo laithean air àiridh an fhraoich—  
 Lochabar ni 's mò—Lochabar ni 's mò,  
 Ach, dh'f heuta nach till sinn do Lochabar ni 's mò !  
 'Se t fhàgail mo Shìne chuir mi shile nan deur  
 'S cha'n e eagal ro nàmh air dearg-àraich nan creuchd,  
 Na siubhal a'n cein air cuan beuchdach thonn mhòr,  
 Gun mo dhùil ri tigh'n dhachaidh do Lochabar ni's mò !

Ach se àilleachd na maighdinn agus aoibhneas a gràidh,  
 Duais eudmhor nan gaisgeach a's euchdach astar 's na blair,  
 A dhealras romh mhìltean an clùs an righ a's an daimh,  
 Choisneas eliù agus onair bho theudaibh soluis nan clàr.  
 Mar sin iarram gun adhadh aodan cath nan lann geur,  
 'S ma's dù dhomh tigh'n dhachaidh 'n cliu maireann nan treun,  
 Bheir mi cridhe ga h ionnsui' a bhios iomlan gun ghò,  
 'S cha'n f hág mi mo chaileag a's Lochabar ni 's mò !

CREAGANACH.

### FREAGRADH D O LITIR AN AISLINGICHE.

A Theachdair' urramaich, mi litir o dhuine ta air a chiùbh-  
 Ann an àireamh xii leugh radh 's air a riasladh le aslingibh  
 VOL. II. F

na h-oidhche. Tha ghalar cho-coltaich ri m' ghalar fein 's nach dùraichd mi gu'n f'hàilte chur air. 'S iomadh oidhche f'linch f'huar a ta mise air chuan, 's an f'hairge na caoraibh geala dol tharum,— 's iomadh oidhche tha mi gam' ruagadh le tarbh's mi gun chomas mi fein a thoirt as, agus 's gann gu bheil oidhche nach 'eil mi 'dol le stallaichd ceudan aitheamh air àirde! Thug mi o cheann ghoirid gu leughadh leabhrachean feuch idir am faighinn a mach cia aca bha no nach robh seadh ann am bruadair, agus, le'r ceadsa, innse mi nis do'm bhràthair an *t-Aislingiche* mo bharail.

Tha mi làn chreidsinn gu bheil ann an *lionmhoireachd* aislingean, mar ann an lionmhoireachd bhriathar, mòran diomhanais, (Eccles. v. 7.) achi tha mi creid-sinn cuideachd, *feumaidh* mi chreidsinn gu bheil Dia 'labhairt aon nair, seadh dà uair ged' nach toir duine fainear, ann an *aisling*, ann an sealadh na h-oidhche, 'nuair a thuiteas codal trom air daoinibh; Iob. xxxiii. 15. 16.

Tha cuid de dhaoine 's ar leo nach' eil e duineil geill a thoirt do aislingean, ach se mo bharail fein, a labhairt na frinn mar tha i am chridhe, an neach a chuireas cùl ri aislingean gu *h-iomlan* mar ni gun seadh gu'm bheil e cur cùl ris a Bhiobull! Thainig Dia gu Abimelech ann an *aisling* san oidhche. Labhair aingeal an Tighearna ri Iacob ann an *aisling*. Bu chomharaichte dà *aisling* Ioscp! —aisling righ Pharaoh, agus an t-saighd'ear Iùdhaich. Thainig an Tighearna gu Saul, gu Solamh, gu Daniel, agus gu Nebuchadnesar ann an *aislingibh* na h-oidhche, agus thainig iad uile gu crìch!

Is gealladh e a bhuineas do linn

an t-soisgeil *gu'm bruadar ar seann daoine bruadar* Ioel ii. 28. agus chaidh a choimh-lionadh, ann an euid, 'nuair thainig an t-aingeal gu Ioseph ann an aisling mu àm bréith ar Slanuighear! 'S ann ann an aisling na h-oidhche f' huair e rabhadh teicheadh do 'n Eiphit, agus a chaidh innse dha mu bhàs Heroid, agus co chuireas an teaganh nach h-ann o'n àirde bha bruadar bean Phontius Philate?

Do thaobh ciod is *aobhar* do bhruadara cha'n urrainn mi dheanamh a mach. Tha'n t-aobhar a ta 'n "T-aislingiche" 'toirt seachad air innse cho böidheach 's gum bheil mi ullamh gu' chreidsinn co aca tha e fior no nach 'eil. Tha'm Feallsanach Baxter a' cumail a mach gum bheil iad a tighinn *o spioradaibh neo-chorpara, a ta thaobh-eigin a' cogar an cluais na h-inntinn!* Dh'fhaodainn mile dearbhadh a thoirt o eachdraidh gu bheil seadh aig *cuid* de bhruadair. Bhruadar *Alcibiades* beagan m'an do mhortadh e dìreach mar thachair.—Dh'innis *Pelitus* roimh laimh, o *aisling* a bhruadar e, mar thachair do *Phompey*. Mu thuairm tri cheud bliadhna roimh theachd Chriosd dhiult *Iaddau*, àrd shagart nan Iudhach, *mionnachadh* a bhi dileas do Alastair uaibhreach mac Philip.

Thog Alastair uaibhreach air'na chorruich a chum Ierusalem, eadar shagarta agus shluagh a sgrios gun tròcair! 'Nuair chuala Iaddau so dh'òrduich e là troisg agus iriosla-chaidh, agus air an oidhche sin fein *bhruadar* e nach éireadh dochann aon chuid dha fein no do'n Bhaile-mhòr,—e dh' fhosgladh nan geatacha, agus nuair chitheadh e Alastair uaibhreach a tighinn le

chuid feachd dol a mach na choin-eamhl ann an éideadh an ionaid naoimh. 'S ann mar so a bha, dh' innis Iaddau 'aisling', rinn gach duine deas, agus cho luath sa thainig Alastair am fradharc chaidh Iaddau fein a mach air ceann a chòlain bhig air éideadh ann an corcur, an scarlaid, agus leis a chrùn-sagairt air an robh ainn Dhe. 'Nuair chunnaic Alastair uaibhreach an t-àrd shagart ghabh e air aghaidh agus rinn e aoradh do'n ainn a bha air a chrùn-shagairt! Ghabh a shluagh mòr iognadhl agus dh' fheòraich iad ciod bu chiall da? am fear a bha na chuspair-aoraidh do'n t-saoghal e fein a nis a sleuchdad do shagart! "Cha 'n e 'n sagart" ars, Alastair "d'am bheil mi sleuchdad, ach an Dia a ta e' giùlan ainne. Tha cuimhn' agam 'nuair bha mi ann am *Macedon*, a' cnuasachd ciod mar chìosnaichinn Asia, gu'm faca mi ann an *aisling* a cheart duine so air éideadh mar tha e nis, agus 'se 'chomhairlich dhomh falbh, agus a rinn cinnteach mi a buaidh f'haotainn air Darius." Tri laithean m'an deach Easbuig *Smyrna* a mhòrt arson a chrcidimh, bhruadair e gun do loisgeadh a chluasag! Ach ciod a 'ruigeas mise leas tuilleadh a ràdh! chunnaic mi fein, agus chunnaic daoine creideasach a's aithne dhomh bruadair cho comharaichte s'gu'n d'innseadh dhuinn roimh laimh an coimhlionadh! 'S aithne dhomh bantighearn a bhruadair gu'n robh a bràthair a marcachd capuil, agus gu'n do thilg si e: beagan na dheigh so chaidh a bhàthadh! chunnaic mi fein gu'n do chaili mi fiacail beagan m'an do shiubhail bràthair caomh dhomh! Arson a bhi'n crochadh le ròineig ris a ghealaich, 's a'n leithide sin, cha 'n 'eil annt' ach tràma lighe:

theagamh gu'n robh a churrachd-òidhcé bhar an *Aislingiche*, no gun robh car'na amhaich air an adhart. Bh'f hearr leam co dhiu, gun deanadh se e fein aithnichte do'n

GHAEL ANNS A BHAILE.

### AN TEAGAMH.

Si cùis bu mhiann leam f' hiosrachadh,  
Le rùn 'us dùrachd mòr  
'M bheil gràdh agam do'n Tighearna  
'M bheil agam annsan còir?

Nam' ghràdh leam e, am buanaichinn  
Fo bhàs, cho fuar gun stà?  
Cha b'urrainn iadsan bhi nis truaigh,  
Nach cuala riamh mu' ghràdh.

Am biodh mo chrìdh cho mairtheann  
chruaidh?  
Urnuigh na h-uallach mhòir?  
Gach diomhanas gun stà ga m' chràdh  
Nam ghràdh leam Righ na gloir?

Nuair dhearcam le mo shùil asteach,  
Cia diomhain dorch mo chrìdh!  
Truailidh, lan do dh' as-creidimh  
Mo thruaighe! An leanabh mi?

Nuair dh' eisdeam, leugham, dh' as-luicheam,  
Tha m'euslaint throm ga m'chlaoidh;  
Sibhs' le'n ionmhuinn Dia gu fior,  
An cor so, an aithne dhuibhs'?

S bròn leam mo thoil a bhi co rag;  
'S daorsa dhomh ciont an gnàth:  
An deanainn caoidh airson mo thruaighe  
'S mi buileach fuar gun ghràdh?

Am b' ionmhuinn leam do chairdean  
caomh,  
An t-slighe dhireach réidh?  
A faighinn ann aol ghealladh brìgh,  
Mar b' ionmhuinn leam thu fein?

A Thigearn ! cuir a' teagamh mi,  
Do d' shluagh 's tu fein is grian ;  
Dealraich air toradh òg do ghráis,  
Ma se 's gun d' f häs e riabh :

'se ainm an àite 'san do chuireadh  
an cath, Sruthan nan ceann.  
D. C. Ead. le P. M'F.

Guidheam guu gràdh-aicheam 'ni's mò  
Ma thug fñi riabh dhuit gràdh ;  
Deonuich, mar d' thug, gun tòiseaicheam,  
Gun dàil a chuir an là.  
Ead. leis an EILEANACH.

### Bratach Thigearn Chola.

Bha toil aig Mac' Illeathain Dhuairet an cothrom a ghabhail air Tigearn Chola, le oidheirp a thoirt air an Eilean a ghlacadh ; agus chaidh e gu math air aghaidh chum Caisteil Bhreachdachaidh a ruigheachd m'an d' thugadh an aire dhà. 'Nuair a thachair so, chaidh Tigearn Chola na ghrad uidheam leis na dh'fheud e ga chuid daoine, agus chaidh e mach na chòdhail. Choinnich iad mar mhile do Bhreachdachadh, air baile d'an ainm Tottarönüll. Ann an deanamh deas fa chomhair a chatha, thug Triath Chola fainear gun do dhi-chuimhnicheadh a bhratach, ni a chuir doimheadas mòr air. Na gabh ort e, arsa sean cheatharnach làidir gramail, 'se teachd gu 'toiseach na muinntir, a' tilgeadh uaith a bhoineid, agus a leigeadh ris ceann maol sgailceach, air an do chuir e a làmb. So a deir esan, bratach nach téid troidh air ah-ais gu h-oidhche. Cha ruigear a leas a ràdh gun do ghlac an t-aon mhire-chatha an t-iomlan diubh. Chaidh iad an sàs annta, agus chuir iad ruaig iomlan air an naimhdibh.

B'e ainm an t-seann laoich sgailcich, Dòmhnull Mùgach. Agus

A Theachdaire Ghaelaich, Tha mi a' faicinn, agus tha mi a' faicinn le taitneas, gum bheil sibh a togail 'ur guth an aghaidh mòran deth na barairean mearachdach, ga bheil ar luchd-dùthcha a toirt géill. Se dùrachd mo chridh, uime sin, gun 'soirbhicheadh libh agus gum bitheadh an Teachdaire ri fhaicinn anns gach àite 's am bheil a Ghaelig air a labhaint. Ged tha sibh a' faotainn cus miodail, is còir an fhìrinn innseadh; is éiginn dhomh a ràdh gum bheil dòchas agam gum bi sibh 'n ur meadhon air mòran eòlais a' sgaileadh air feadh na Gaeltachd. Ann an ùine ghoirid bithidh gach amaideas agus saobh-bharail air a' fuadach air falbh ; agus airson buitsichean agus fiossaichean cha bhi cas aca air an seas iad. Ma chi sinn feoghainn de 'n t-seòrsa so a' gabhail mòran orra, cha bhi ag-ainn ach a ràdh riu :

Thugaibh, thugaibh, bo ! bo !  
An t-Olladh Leodach 's biodag air ;  
Faicill oirbh an taobh sin thall,  
Bheir e an ceann a thiota dhibh.

Tha aobhar againn a bhi taing-eil nach eil air luchd-dùthcha faisg air co aineolach 'sa bha iado cheann beagan bhliadhna. Ged is faoin an duine Iain Mòr, théid e seach-ad air a chladh air an dubh mheadhon oidhche, gun fhiamh, gun eagal. Na'n innseadh Alastair Aotram gu'n cual e ceòl anns a chnoc bhiorach, theirte gun robh e air bhoile : agus nan abradh

Gille-nan-litir gun d'thug na sìthichean togail do thùr a bhealaich, cha 'neil duine 's an dùthraig a bheireadh: feart air.

Ach ged tha so mar so, tha mòran fhathast ri dheanamh: cha do thréig gach uile amайдeachd sinn idir.

Cha mharbhadh Dòmlinnull Buachaille, mart air Di-h-aoine, ged bhithheadh bean - an - tighe gun fheoil fad na bliadhna. Tha mòr amharus aig Fionnladh Brocair gur h-i a chailleach Ruadh a chunnaic e a dol tre'n bhuaille, ann an riochd maighich; oir ged thilg e oirre dà uair, cha do dhearg an luaidh air a craicionn.

Tha feoghainn 's an dùthraig air nach toir an saoghal a chreid-sinn, nach eil Murcha nan cleas a dol a dh'Eirinn, gach bliadhna, ann an guag uibhe; gun fhios c'arson a ta iad a toirt creideas do leithid, ach gun dubhaint Donncha Seoladair (neach leis an deise a bhreug na'n fhìrinn) gu'm fac e fein e a seòladh seachad air eilean nam Manach.

Tha Mairi nan gisreag an dùil nach eil lighiche 's an dùthraig cho maith rithe fein, agus a gabhail oirre nach eil tinneas sam bith nach striochd da cumhachd. Loisg Coinneach na grìosach a chas an la roimhe—chuir e fios air Mairi, Leighisidh mise thu a thiota ars' ise: cha bhi agam ach buintinn ri do chois le m' theangai, agus fo cheann seachduin bitheidh i slàn; nach bitheadh mo theanga fein co maith ri d'theangasa arsa Coinneach? Cha bhithheadh idir arsa Mairi, oir dh'ith mise deth àinean na beisd-duinn. Bha Calum lap-anach a' fulang leis a ghréim lòinidh agus thàinig Mairi dh' amharc air: Cuiridh mi Eoghan far am bheil thu, ars' ise, dannsaidh e air do dhruim, agus cha bhi beud ort

—thainig Eoghan dh' ionnsuidh an t-saoghail air dhoigh nach ainmich mi.

Tinneasan eile cuiridh i air falbh le gisreagan. Air uairibh cuiridh i tinneas neach eile oirre fein. uairean eile air a chù bhreac, uairean eile air a choileach dhubbh. Tha duine na mo choinhearsnachd a chuir fios air Mairi o cheann ghoirid. Ubh! ars' ise, ghabh sùil ort, ach leighisidh mise thu gu h-aithghearr. 'S ann mar sin a bha: co bha tinn ach Mairi? bha i faisg air a bhàs. Ciod a ta 'cur ort, a Mhàiri arsa Fearchar. Tha mi cinnteach, fhreagair Mairi, nach eil thu gun fhios agad; chuir mi do thinneas orm fein. Mata, arsa Fearchar, gu an fhìrinn innseadh, cha robh mise idir tinn: ach tha mi anis fiosrach gum bheil thusa a mealladh muinntir, le bhi tagradh dhuit fein cumhachd nach eil idir agad.

Tha mi a' guidhe oirbhse, a Theachdaire, comhairle a thoirt do na mealltairean sin, agus do'n muinntir a ta air am mealladh. Cha'n eisd iad riumsa—ach dh'eisdeadh ribhse, oir tha earbsa mhòr aca as bhur gliocas. Le so a dheanamh cuiridh sibh comain air ioma neach agus gu h-âraid air.

#### IAR-THIUATHACH.

#### MANAIDHEAN.

An diugh chunnaic mi'n searrach 'sa chùl rium, o cheann tuille 's mìos chunnaic mi 'n t-seilcheag air an lichd luim; 'se sin air a cheum-choise ri taobh an rathaid, mar thigeadh do dh'fhear coiseachd: Air son na cuathaige, tha e gu math deacair do fhear a blrios sa bhaile mhòr a cluinntin,

an t-aon chuid le mìr, a bhi no gun bhi na bhroinn. Nam buin-inns' anis do'n t-seann saoghal, agus do na daoinibh gisreagach a dh' fhalbh, theirinn, mar thuirt Iacob, *Tha na nithe ud uile a' m' aghaidh*; no theirinn mar thuirt an Seana Ghael, *S' eagallach mi nach téid a bhliadhna so leam.* Cha'n eil annta sin ach gisreagan agus rabhachan dhaoine saoghalta, agus, feudaidh e bith gu'm faigh iad freagradh saoghalta, d'a réir, ach rabhachan a chreidich, tha iad a mhàin air am faotuinn ann an geallaibh an t-soisgeil; 's e sin focal De. Ciod mar bhiodh dùil agamsa gun sealladh comharan saoghalta d'am thaobh, ach mar

sheallas an saoghal fein, agus mar sheall e riamh—gu dubharach duaichnidh, mar mhuime choimhich fhuaire gun thus? Do thaobh nithe nàdurra, 's e sin, 'nuair a sheallas mi air taobh an t-saoghal, c'arson a shaoilinn gu'm biodh iad ni b' fhàbharraiche do m' thaobh air a bhliadhna so na bha iad air gach bliadhna a chaidh seachad? ach 'nuair a sheallas mi air taobh Dhe, tha 'fhearsdal caomh, 'sa ghràs ro-thràcaireach: —O so iunnsaich an seoladh so, O! m' anam! na gabh suim de chomharan saoghalta, 's na cuir taic an gairdein feòla; ach cuir do thaic ri Dia, o'm faigh na dìll-eachdain tròcair.

SEUMAS.

## AN SAOGHAL.

Bi'bh falbh, bi'bh falbh, a smuaintean faoin,  
 Cha toir mi éisdeachd dhuibh san àm;  
 Le'r miodal tlà, 's le'r dealbhan bréige,  
 Cha leur dhomh rìs an ròd ach càm.

Com an d'thugainns' gràdh do'n t-saoghal?  
 Mar mhuime choimhich fhuaire o thus:  
 Cha d' f heuch e cairdeas domh na caoin,  
 Ach dhearbh e ascaoin domh 's gach cuis.

Bha mi 'na eis'meil iomad uair,  
 Mo thruaigh gun robh! oir dh' f heuch e luath,  
 Cairdeas no caoin nach robh do m'thaobh,  
 Ach cùl na laimhe, 's anail f huar.

Ach deanadh iads' am bun de'n t-saoghal,  
 Tha faotainn caoimhneas uaith, a's càird;  
 Ach dhomhsa cha'n eil math no brìgh,  
 Ach anns an Ti a ta os àird.

Na'n gabhairnns' anns a pheacadh saors',  
 Bu ghast'le saoghal bhi tabhairt duais;  
 'S nan labhrainn mar a dh'iarradh e,  
 Bu chaomh mo chonaltradh gach uair.

Nan deanainn miodal ris, a's géill,  
 D'a chleachda eacorach, 's da chéill,  
 Thionndadh a chridhe rium gu blàth.  
 'S gu bràth cha bhiodh e rium 'am feirg.

Ach coma leam do mhiodal ciùin;  
 Tha puinnsein folaicht'ann ad bheul;  
 Marbhatach tha d'anail do mo chliù,  
 'S do chomunn súgach do mo chré.

Ged sgaoil thu t-àilleachd roi' mo shúil,  
 Tha cliuchdaireachd a steach fo d' chléith;  
 Ro chaochlaideach tha d' aigne f huar,  
 'S gur faide uam thu'n diugh na'n dé.

Cha toir thu sonas daingeann buan,  
 Cha'n'eil thu ann ach faileas bréig;  
 Carach, ro-iomluaineach gach uair,  
 A's com an seallainns' ort le speis?

Cha toir tbu sonas, 's suaimhneas crìdh,  
 Cha'n'eil iad agad ri'n toirt uait;  
 Is iads' a ni asd' taic a's dion.  
 Ni thu sa chrích an diobradh truagh.

Feuch dhomhs' an duine tha gun ghaoid,  
 No'n t-aon san t-saoghal a ta gun olc,  
 Is feuchaidh mise dhuit an Ti  
 A bheir dhuit dioladh as gach lochd.

Ach dhomhs' gur fearr bhi sealltainn suas,  
 Mar chire san anamoch ris an spàrr;  
 'S bbi fuasgailt mar mo chleoc do'n t-saogh'l'  
 'S uil' f haoineis saltraidh mi fo m' shàil.

## NAIGHEACHDAN.

'S ann le mòr dhoilghios a chuala sinn air an àm so gun do chaochail ar n-àrd Uachdaran saoghalta Righ Deorsa an Ceathramh: Duine co caomh-chridheach, agus Righ co dleasnach 's a shuidh riabhach air Cathair Bhreatuinn. Cha'n 'eil e 'nar comas san Aireann so, a bheag a ràdh mu thimchioll na cùise so ach m'as beo sinn gus an athi mhìos labhraidi

sinn tuille uime. Rioghaichidh am bràthair is faigse dha 'na àite, so ainm Righ Ulileam an Ceathramh.

Tha cosnadh soirbh r'a fhaotainn; ach tha mhin ag éiridh; agus cha'n 'eil am miagh a b'âbhais air crodh no air caoraich. Tha san àite so coslas maith air a bharr.

## LEABHRUICHEAN URA GAELIG.

Thainig o cheann ghoirid cuid diubh so d'ar n-ionnsuidh, agus tha sinn a meas iomchuidh an ainmeachadh ann an so, ge nach 'eil e 'nar comas 's an àm cùnnatas mion a thoirt m'an timchioll.

Tha leabhar ùr d' an ainm "DLEASANNAS NA CLOINNE, bhi 'g iarraidh agus a gràdhachadh Chriosd. Leis an Urramach Donncha Grannt, ministeir Fharais."

Leugh sinn am leabhar beag so le mòr thatineachd. Tha e do rìreadh anns gach dòigh na leabhar maith-cha'n aithne dhuinn ni's fearr do'n t-seòrsa: tha e maith 'sa Bheurla, 'sa cha do chaill e 'bheag

's an eadar-theangachadh. Tha ghaelig gasda.

Fhuair sinn dà leabhar eile, a chuireadhl 'an Gaelic le Iain Rose ann an Abaràrdair—UBHLAN OIR, airson muinntir òg, le T. Brooks.

Agus

"AN GILLE RUITH NEAMHUIDH, le Iain Buinian."

Tha'n dà leabhar so luachmhòr le gach creidmheach a leugh iad riamh. Dhùraiceamaid iad a bhi anns gach tigh 'sa Ghàidhealtachd—Soirbhbeachadh leis-san a chuir a mach iad 'an Gaelic eo furasd' a leughadh agus a thuigsinn! agus mòran taing dha airson a dheagh litreach.

## FOCAL SAN DEALACHADH.

Tha sinn ag locadh mòran taing d' ar càirdean lionmhòr air son an caoimhneis. Bheir sinn o àm gu h-àm àite do na nithibh luachmhòr a chuireas iad d'ar n-ionnsuidh.

AN

## TEACHDAIRE GAELACH.

MIOS DEIREANNACH AN T-SAMHRUIDH.

XV. AIREAMH. 1830.

MU NA LEITHSGEIL A THA DAOINE GU MINIC A' TAIRGSE  
AIR SON A BHI FUIREACH AIR AN AIS O SHUIPEIR AN  
TIGHEARNA.

Isa. lvii. 14. “ *Thugaibh air falbh gach ceap-tuislidh a rathad mo shluaign.*

Dh'oirpitch sinn roimhe so, nàdur Sàcramaid na Suipearach a mhìn-eachadh, agus an t-uidheamachadh a ta feumail chum teachd air mhodh iomchuidh chum na cuirme sin. Ach ged is i àithne dheireannach ar Slanuighir so a dheanamh mar chuimhneachan air-san, agus ged is meadhon gràis an t-òrduig so, co tarbhach air son maith anama dhaoine; is cianail ri thoirt fainear an àireamh mhòr a tha 'g aidmheil a bhi nan Criosd-uighean, a tha fuireach air an ais o'n chuirn ghràidh so, a dh'aindeoin gach cuireadbh càirdel a tha iad a' faotainn. Tha a leithsgeul fein aig gach neach, leis a' bheil e 'g oir' peachadh a choguis a thàladh gu suain, agus a chur mar fhiachaibh air féin gu bheil e tearuinte dhà, dàil a chur an géill a thoirt do àithne shoilleir agus dheireannaich Chriosd. Tha dòchas againn, uime sin, nach measar mi-ionchuidh gun labhra maid beagan air cuid de na leithsgeulan sin is bitheanta chluinnear o dhaoinibh.

'Se 'n leithsgeul is cudthrom-

VOL. II.

aich tha cuid a' gabhail, nach 'eil iad airidh airteachd air an aghaidh; gu bheil fhios aca gur peacadh trom tighinn gu neo-ionchuidh, agus uime sin gur tearuinte dhoibh fuireach air an ais.

Tha'n lethsgeul so leis am bu mhiann le cuid de dhaoine urram a thaisbeanadh do'n òrdugh, ag éiridh, mar is ro thrice, o aineolas, ann a mheud agus nach 'eil iad a' toirt fainear an t-eadar-dhealachadh soilleir eadar duine bhi NEO-AIRIDH ann fein, agus an comanach a ghabhail gu MI-IOMCHUIDH. Tha'n droing is fearr neo-airidh, agus an déigh gach saothair agus uidheamachadh is urrainn duinn a dheanamh, tha sinn an seadh àraighe neo-airidh air an spruileach a thuiteas o bhòrd an Tighearna, gun tighinn air suidhe sìos aig cuirm co shòleimde. Mar gabh deisciobuil Chriosd an comanach gus am mothach siad iad fein làn airidh cha'n'eil fhios c'uin a thigeadh iad air an aghaidh, Mar is mò a leigeas Spiorad nan gràs ris do dhaoinibh an staid fein, agus

G

## NAIGHEACHDAN.

'S ann le mòr dhoilghios a chuala sinn air an àm so gun do chaochail ar n-àrd Uachdaran saoghalta Righ Deorsa an Ceathramh: Duine co caomh-chridheach, agus Righ co dleasnach 's a shuidhriamh air Cathair Bhreatuinn. Cha'n 'eil e 'nar comas san Aireamh so, a bheag a ràdh mu thimchioll na cùise so ach m'as beo sinn gus an ath mhìos labhraiddh

sinn tuille uime. Rioghaichidh am bràthair is faigse dha 'na àite, so ainm Righ Ulileam an Ceathramh.

Tha cosnadh soirbh r'a fhaotainn; ach tha mhin ag éiridh; agus cha'n 'cill am miagh a b'abhais air crodh no air caoraich. Tha san àite so coslas maith air a bharr.

## LEABHRUICHEAN URA GAELIG.

Thainig o cheann ghoirid cuid diubh so d'ar n-ionnsuidh, agus tha sinn a meas iomchuidh an ainmeachadh ann an so, ge nach 'eil e 'nar comas 's an àm cùnnatas mion a thoirt m'an timchioll.

Tha leabhar ùr d' an ainm "DLEASANNAS NA CLOINNE, bhi 'g iarraidh agus a gràdhachadh Chriosd. Leis an Urramach Donncha Grannt, ministeir Fharais."

Leugh sinn am leabhar beag so le mòr thaitneachd. Tha e do rìreadh anns gach dòigh na leabhar maith-cha'n aithne dhuinn ni's fearr do'n t-seòrsa: tha e maith 'sa Bheurla, 'sa cha do chaill e 'bheag

's an eadar-theangachadh. Tha ghaelig gasda.

Fhuair sinn dà leabhar eile, a chuireadhl 'an Gaelic le Iain Rose ann an Abaràrdair—UBHLAN OIR, airson muinntir òg, le T. Brooks.

Agus

"AN GILLE RUITH NEAMHUIDH, le Iain Buinian."

Tha'n dà leabhar so luachmhòr le gach creidmheach a leugh iad riamh. Dhùraiceamaid iad a bhi anns gach tigh 'sa Ghàidhealtachd—Soirbhbeachadh leis-san a chuir a mach iad 'an Gaelic co furasd' a leughadh agus a thuigsinn! agus mòran taing dha airson a dheagh litreach.

## FOCAL SAN DEALACHADH.

Tha sinn ag locadh mòran taing d' ar càirdean lionmhòr air son an caoimhneis. Bheir sinn o àm gu h-àm àite do na nithibh luachmhòr a chuireas iad d'ar n-ionnsuidh.

AN

## TEACHDAIRE GAELACH.

MIOS DEIREANNACH AN T-SAMHRUIDH.

XV. AIREAMH. 1830.

MU NA LEITHSGEIL A THA DAOINE GU MINIC A' TAIRGSE  
AIR SON A BHI FUIREACH AIR AN AIS O SHUIPEIR AN  
TIGHEARNA.

Isa. lvii. 14. " *Thugaibh air falbh gach ceap-tuislidh a rathad mo shluagh.*

Dh'oirpitch sinn roimhe so, nàdur Sàcramaid na Suipearach a mhìn-eachadh, agus an t-uidheamachadh a ta feumail chum teachd air mhodh ionchuidh chum na curime sin. Ach ged is i àithne dheireannach ar Slanuighir so a dheanamh mar chuimhneachan air-san, agus ged is meadhon gràis an t-òrduig so, co tarbhach air son maith anama dhaoine; is cianail ri thoirt fainear an àireamh mhòr a tha 'g aidmheil a bhi nan Criosduighean, a tha fuireach air an ais o'n chuirim ghràidh so, a dh'aindeoin gach cuireadh càrdeil a tha iad a' faotainn. Tha a leithsgeul fein aig gach neach, leis a' bheil e 'g oir' peachadh a choguis a thàladh gu suain, agus a chur mar fhiachaibh air séin gu bheil e tearuinte dhà, dàil a chur an géill a thoirt do àithne shoilleir agus dheireannaich Chriosd. Tha dòchas againn, uime sin, nach measar mi-ionchuidh gun labhra maid beagan air cuid de na leithsgeulan sin is bitheanta chluinnear o dhaoinibh.

'Se 'n leithsgeul is cudthrom-

VOL. II.

aich tha cuid a' gabhail, nach 'eil iad airidh airteachd air an aghaidh; gu bheil fhios aca gur peacadh trom tighinn gu neo-ionchuidh, agus uime sin gur tearuinte dhoibh fuireach air an ais.

Tha'n lethsgul so leis am bu mhiann le cuid de dhaoine urram a thaisbeanadh do'n òrdugh, ag éiridh, mar is ro thrice, o aineolas, ann a mheud agus nach 'eil iad a' toirt fainear an t-eadar-dhealachadh soilleir eadar duine bhi NEO-AIRIDH ann fein, agus an comanach a ghabhail gu MI-IOMCHUIDH. Tha'n droing is fearr neo-airidh, agus an déigh gach saothair agus uidheamachadh is urrainn duinn a dheanamh, tha sinn an seadh àraighe neo-airidh air an spruileach a thuiteas o bhòrd an Tighearna, gun tighinn air suidhe sìos aig cuirm co shòleimde. Mar gabh deisciobuil Chriosd an comanach gus am mothach siad iad fein làn airidh cha'n'eil fhios c'uin a thigeadh iad air an aghaidh, Mar is mò a leigeas Spiorad nan gràs ris do dhaoinibh an staid fein, agus

G

naomhachd fior-ghilan an De sin ris a bheil an gnothach, is ann is mò a mheasas iad iad fein mi-iomchuidh air dlàthachadh ris. Cha'n airidh sinn air an earrainn is lugha de thròcair Dhe, a tha sinn co saibhir a' mealtuin ann an sochairibh aimsireil agus spioradail ; ach a' bheil sinn uaith so ri cùl a chur ri a chionn nach 'eil sinn airidh? Tha sinn neo-airidh air uiread agus ar suil a thogail suas ri ionad a chòmhnuidh, ach a bheil sinn do thaobh sin air ar bacadh o ùrnuigh a dbeanamh? 'S ann do na ciontaich agus na peacaih a tha 'n cuireadh teachd air an aghaidh air a thoirt. Tha mothachadh air sinn a bhi peacach na earrann fheumail d'ar n-uidheamachadh. Ma chuireas duine bochd cùl ri tabhartas an fhiughantaich, tha e neo-airidh air cobhair. Ma chuireas duine tinn cùl rìs an ioc-shlaint a leighiseadh e, cha'n airidh e air slàinte ; ach tha sibh gu soilleir a' facinn gur ann a chionn gu bheil e bochd bu chòir do'n dara fear gabhail ris an taigse; agus gur e tinneas an fhir eile an t-aobhar is mò gu cùngaidh-leighis an léigh a ghabhail. Uime sin, ma ta, ma tha thu mothachail air do neo-airidhead, agus deonach air maitheanas agus gràs fhaotainn, is còir dhuit an iarraidh, cha'n ann a chionn gu bheil thu airidh, ach air son gu bheil feum agad air na beannachdan sin, agus gu'n caillear thu as an eug'ais. Cha'n e mhàin gu bheil feum agad orra, ach tha Criod a' toirt cuireadh ~~DIUIT~~ teachd agus sochairean fhaotainn a fhreagras do d' uireashuidh.

Ma tha aon neach a' suireach air ais, airson nach 'eil e airidh, a chionn nach 'eil e co iriosal, co diadhaidh, agus co naomha's bu chòir dha, agus gur ann da ríreadh ann an tréibhdhireas cridhe

a tha e deanamh 'an aidmheil so, ma tha e mothachail air uallach a pheacaidh, agus a' seasamh fad air ais, mar an t-aithreachan iriosal, le fiamh naomh air anam, ris an duine so theireamaid, Thig air t-adhart; 'si so an inntinn a tha freagarach; oir is ann doibhsan a tha ri bròn air son peacaidh a tha 'n cuireadh air a thoirt. Cha bluin foirfeachd gràis do dhuine sa bheatha so; agus ma shaoileas aon neach gu bheil aige fein aon mhaitheas a thoilleas deadh-ghean no cairdeas De aig a chuirm so, tha e ga mhealladh fein gu mòr.

Tha cuid ann a tha gabhail orra gu bheil iad a' fuireach air an ais air eagal le teachd air an aghaidh gun itheadh agus gun òladh iad breitheanas dhoibh fein. Ma tha fhios aig an dream so gu bheil iad a' caitheamh am beatha ann am peacadh follaiseach, gun ghràdh do Chriod, no gun chreidlimh ann, gun athnuadhachadh spioraid, agus gun naomhachd beatha, tha e ceart doibh suireach air an ais; ach thugadh iad an aire gu bheil gach dleasnas eile air an d'théid iad m'an cuairt ag an-tromachadh an dìtidh, 's gun éirich e 'am breitheanas nan aghaidh. Ciod an ni a tha daoin' aingidh a' deanamh nach ann g'an diteadh a tha e? A' bheil e teachd gu aoradh follaiseach Dhe? 'S ann a tha e chum a dhìtidh: oir éiridh gach focal a chluinneas e san àite sin suas ann am breitheanas na aghaidh, agus ditidh se e. A' bheil e suireach air ais o thigh Dhe? 'S ann chum a dhìtidh a tha e deanamh sin: oir tha e deanamh tair air Dia agus air òrduighibh. A' bheil e ri ùrnuigh na thigh fein? 'S ann a tha e ga cur suas chum e fein a chur fodha: oir is ann a tha e ga deanamh gu cealgach

fiunnar gun an cridhe bhi sa ghniomh. A' bheil e caitheadh a bheatha gun ùrnuigh? Is amhuil a tha e ga caitheadh chum e fein fhagail shìos: oir tha e caitheadh a bheatha as eug'ais Dhe 'san t-saoghal. An aon fhocal, cha'n urrainn a leithid sin do dhuine, a' bhuanicaiseas mar sin, aon ni a dheanamh ach fearg a thasguidh suas fa chomhair là na feirge. Am seadh a bhuanicaiseas tu anns a pheacadh le d' fhiorsachadh, gun aithreachas a ghabhail, tha aobhar da rìreadh agad fuireach o bhòrd an Tighearna, ach nan d'thugadh tu fainear e, tha'n t-aobhar cendn' agad t-aidmheil a thréigsinn, do bhaisteadh a thilgeadh dhìot, Criod a'icheadh, agus cùl a chur ri d' chreidimh.

Ach tha sinn am barail gu bheil mòran a' gabhail an leithsgeil so, nach 'eil co eagallach roimh dhìteadh agus roimh bhreitheanas 's a tha iad a' cumail a mach. Oir is aithne dhuinn cuid diubh so a tha fuireach o na dh'íarr Criod orra dheanamh, agus air nach 'eil sgàth sam bith na thoirmeasgadh dhoibh a dheanamh. Mionnaichidh iad, òlaidh iad, brisidh iad là na Sàbaid, agus ionad mi-ghnàthachadh eile. Uime sin is breugach an leithsgeil a tha iad a' gabhail, gur e eagal oilbheum a chur air Criod is cionfàth air an cumail air an ais. Is beag mo chùram gur e agartas a sruthadh o choguis mhaoth is coireach. Cha'n e, ach nach miannach leo idir a bhi naomha no snuim ùr a chur air an anam do Dhia, air eagal gu'm feumadh iad an leannain peacaidh a thréigsinn, agus am beatha a chaitheamh air dhòigh nach 'eil a réir r'am miann. Ann an aon fhocal, cha'n 'eil an cridhe ann am fonn air son an òrdugh naomh, cha'n 'eil suim aca dheth.

Ghuidheamaid orrasan aig a bheil an lethsgeul nach 'eil iad uidheamaichte a thoirt fainear ciod an t-aideachadh a tha'n so? 'Se'n lethsgeul so, gu bheil iad as eug'ais gràdh do Dhia, no creidimh 'an Criod; tha iad as eug'ais aithreachais agus naomhachd, gun mhaiteanas no còir airnèamh; tha iad an taobh a muigh de Chriod, nan tràillean do'n pheacadh, agus do'n droch-spiorad, agus nan oighreachan air ifriann. 'Se so staid gach neach a tha trìd am peacaidh a' fuireach air an ais o bhòrd an Tighearna.

Tha cuid a' gabhail mar leithsgeul nach 'eil dùn aca, le gnothaichibh an t-saoghal bhuaireasaich so, smuainteachadh idir air na nithibh so. 'S bochd an leithsgeul so, nam biodh duais òir ri fhaotainn an lorg tighinn, gheibh teadh ùinc gu leòir. Is beag a dhiongas an leithsgeul so'nuaир a thig teachdar a' bhàis, agus's beag toirt fainear a tha aca so air earail Chriod, "Iarruibh air tùs rioghachd Dhe agus fhìreantachd, agus cuirear ris sin gach ni eile bhios feumail."

Tha muinntir eile a'tairgse mar leithsgeul gu bheil eagal orra le laiginn an nàduir gu'm bristeadh iad am böidean comanaich, ged a ghabhadh iad e, agusgur tearuinte dhoibh, uime sin, fuireach air an ais.

Ma tha mhiann orts a da rìreadh bhi beò do Chriod, agus sioruidbeachd a chur seachad na làth-air, bu chòir mothachadh air do laiginn impidh a chuir ort dol gu minic chum bòrd an Tighearna a dh'fhaighinn am barrachd gràis; agus ma chiontaicheas tu a' ris, mar tha gach neach ann an cail a' deanamh, thig ni's trice chum nam meadlionan tha air an òrduachadh le Dia, agus air am beanachadh gu cur as do'n pheacadh,

a bheothachadh creidimh, dòchais, gràidh, agus gach gràs eile a bhuineas do'n Chriosduidh.

Tha cuid, agus 's e'n leithsgeul gu bheil iad ro òg. Ach a' bheil iad tuille's òg gu gràdh a thoirt do Chriosd, gu'n earbs' a chur ann, no gu bhi beo dhà? No bheil iad tuille's òg gu bàs fhaghail, agus cunndas a thoirt suas do Dhia? Ach tha eagal oirnn gur e aoibh ar leithsgeil so, gu bheil a mhiann orra a chuid is fearr d'an làithean a thoirt thairis d'an ana-miannaibh, agus an sin pilleadh ri Dia, 'nuair nach 'eil an tuille sòlais aig a pheacadh r'a thoirt dhoibh. Eisdibh a mhuinnitir òg ri aon fhocal san dealachadh. Chaidh ur tiomnadh gu tràthail suas do Dhia ann am baiste. Tha bòidean an Tighearn oirbh, agus tha sibh neo-aithrigh air an urram agus air an ainm sin, ma tha sibh a' diàltadh deanamh air ur son fein an ni a rinneadh air ur son 'nuair bha sibh òg. Thug ar párrantan seachad sibh do'n Tighearna, is tha sinn a' gairm oirbh angiomh sin a cho'-dhaigh-neachadh le'r deanadas fein. An dara cuid curibh cùl ri'r baiste, no cairibh ar seula ris air ur son fein aig bòrd an Tighearna. Is cò-ionann ceangluichean an dá Shàcramaid. Tha sibh fo chuibhreach an dara h-aon, thigibh fo'n aon eile. Taghaibh an Dia da'n dean sibh seirbhis, Dia no an saoghal; Criosd no an fheòil. Gun aomadh Dia cridhe gach aon agaibh gu ràdh, Ni mise seirbhis do'n Tighearna. Thugaibh do Dhia eèitein ur laithean. Cuimhnichibh ur Cruithfhear ann an làithibh ur n-dige, agus èisidibh ri briathra Chriosd a tha 'g ràdh, *Deanaibh so mar chuimhneachan ornsa.*

Co'-duinidh sinn. Trèigeadh am peacachl slighe na h-aingidh-

eachd agus a bhàis; gabhadh e ri Criosd agus an sin thigeadh e, agus itheadh e aran na beatha. Thigeadh a mhuinnitir aineolach do sgoil Chriosd, foghlumadh iad uaith-san, dìreadh iad ceum air cheum do'n t-seomar is àird, far a bheil a chuirme so air a deasachadh. Thigeadh iadsan mar an ceudna a tha ann am mi-rùn da'n coimhearsnaichibh; rachadh iad air tùs agus deanadh iad rèite r'an nàbuidh, agus an sin thugadh iad seachad an tabhartas. Thigeadh iadsan aig a' bheil mòran de ghnothaichean na beatha so; a mhàin fágadh siad iad aig iochdar na beinne, mar rinn Abraham ris na h-asailibh, agus dìreadh iad suas nan smuaintibh gu neamh, agus cumadh iad co'-chomunn ri Dia. Thigeadh a mhuinnitir lag, chum gum faigh iad neart: thigeadh a mhuinnitir neartmhòr, chum nach fàs iad lag. Thigeadh a mhuinnitir ghealtach, chum gu'm bi an cridhe air a shocrachadh le creidimh is beothaile; agus thigeadh iadsan aig a'bheil dòchas, chum gum faigh iad am barrachd tomhais de mhuinghinn iriosail. Gabhadh iadsan a th'air an socair ris a chuireadh so, a chionn nach 'eil leithsgeul aca; agus gabhadh iadsan aig nach 'eil mòran ùine ris mar an ceudna, chum gun tarraig iad am barrachd naomhachd air an gnothaichibh. Thigeadh a mhuinnitirdhubhach bhrònach, chum gum bi an cridheachan air an lònadh le aoibhneas an Tighearna; agus thigeadh iadsan gach àm a tha deanamh gairdeachas ann an Dia, chum gu'm bi an aiteas ionlan.

---

#### MU BHÀIS AN RIGH.

Chaochail Righ Deors' an Ceathramh! Righ co aoidheil, fhlath-

ail, co cothromach, agus co dùchiasach, 'sa shuidh riagh air cathair Bhreacuinn. Bha e mar athair caomhail d'a dhaoinibh: fear sheasamh an còrach, fear dòn an saorsuinn, agus caraid nam feumach; agus tha bhuil, tha'n Dùthach an diugh mar aon duine g'a chaoindh. Tha naigheachd báis an duine mhòir so a' siubhal o rioghachd, gur ioghachd; tha gaoth nan speur, agus gluasad nan tonn, a' giùlan sgeul a bhròin do chearnaibh iomallach an t-saoghal; agus ann am farsuingeachd nan Innse cian, is a'measg lionmhoireachd nan Eileana bha fodha, togartuiredh a bhròin.

Bu neo-shuairce dhuinne d'a rìreadh gun bheagan a labhairt mu bhàs an Righ. B'e righ gaolach nan Gaidheal e, is bu mhòr a mheas orra. Bha e eòlach air eachdruidh an Dùthcha, agus bu taitneach leis bhi 'g iomradh air an gniomharraigheachd anns na linntibh a dh'fhalbh. Bha meas mòr aige do Thìr nam beann, do chànmhuinn agus do éididh nan Gaidheal. 'Nuair thainig e dl' Albuinn bha aiteas air 'nuair a chunnaic e iad m'an cuairt da; agus air an là san do chuir flaithean àrda na Rioghachd suas gach fear dliubh suaicheantas a dhùcha fein, thainig esan nam measg ann an làn éididh nam beann, le 'bhoineid, le iteig, 's le bhreacan an fliéile.

Rugadh e air an 12 là de cheud mhios an fhoghair sa bliadhna 1762. air chor's gun robh e mar bheagan do ochd bliadhna' a's tri ficead a dh'aois. Ge nach do rioghaich e ach deich bliadhna na ainm fein, gidheadh rioghaich e an ionad athar, (air am bu déoin leis an Fhreasdal a làmh a leagadh) naoi bliadhna' eile; ionnas gun robh e naoi bliadhna deug os ceann

na rioghachd; agus rè fad na h-ùine sin cha d'fheuch e ri atharrachadh sam bith a dheanamh air laghannaibh na Dùthcha, chum an crùn àrdachadh air choistas an t-slaigh. Ma thimchioll a ghiulain 'an aois òige, agus na chuireadh as a leth, cha bhuin e dhuinne labhairt. Cha'n'eil teagamh nach robh mòran deth fior, ach tha sinn cinnteach gun do chuireadh iomad ni as a leth nach robh fior. Is mòr na buaireanna d'a bheil Prionns' òg buailteach; agus 's bochd an ni do neach sam bith tlachd a ghabhail ann a bhi 'g aithris droch sgeul orrasan nach maireann.

Phòs Righ Deorsa an IV. bana-charaid da fein, nighean peathar athar, 'bana phrionnsa *Bhruns-wick*; pòsadh nach robh buadhar dhà-san no dhl'ise. O'n phòsadh neo-shonadh so bha aon nighean, o'n robh àrd fhiughair aig an rioghachd. Ribhinn àluinn, co maitheasach, agus co cliùiteach air gach dòigh 'sa b' urrainnn an rioghachd a mhiannachadh. Phòs i so Prionns' òg as a Ghèarmailt, ach mo thruaighe! cha do mheal e fein n'an rioghachd i ach ùine ghearr. Chaochail i na leabaidh shiùbhladh, agus an leanabh mic a rug i, ni a chuir mòr mhulad air an tir, agus air a h-athair rioghaill aig an robh mòr spéis di. Tha còrr agus sea mìosan o'n a thaimig an eas-slainte sin air an Righ a thug a bhàs. Ghiùlain e le an-shocair gu stricheadta sìochail; 's gann a chualas gearan uaithe; bha e na bheachd gus a mhionaid san do thilg e an deò. 'S ann le mòr shòlas a tha sinn a' cluinniunn gun robh Easpuig diadhaidh, cràbhach do ghnà maille ris, agus gu 'n do noclid an righ creidimh agus dòchas a Chriosduidh na bhàs. Tha e ri bhi air adhlacadh ann an

Caibeal *Windsor* air a chùigeamh latha deug de'n mhìos so.

Nach bu chòir dhuinn gliocas a tharruing o bhàs an righ. 'S e'm bàs fein righ an uamhais, air nach cuir beartas moille, nach urrainn mòralachd no urram a chumail air uis. Cha'n fheudar dorsan na lù-chuirt is àirdé a dhruideadh air, ni's mó na còmhlaadh a bhothain is Isle. Spionaidh e leis an righ mar an tràill, agus na bheachd-san cha'n eil urram na seachnadh air fear seach fear. O'n a fhuaire am bàs a stìgh do righ-chathair Bhreatuinn, cò is urrainn cur na aghaidh? Nan deanadh urram no mòralachd, inbh àrd no saibhreas am bàs a bhacadh, cha robh an rioghachds' an diugh fo éididh a bhròin. O'n a chaochail esan, am flath a b' àirdé agus a b' urramaiche san Roinn Eorpa, deanadh maith can an domhain deas gu luidhe sios ann an dorchadas na h-uaighe. O'n a thuit esan, cia diomhain gach ni fo'n ghréin? Diomhanas nan diomhanas, is diomhanas gach ni. Cia neo-airidh an saoghal so, agus na bheil air uachdar, air gràdh agus càram mhic an duine? Ciod e a nis an saoghal, agus na shealbhaich e dheth, dhà-san air a bheil sinn a labhairt! Cò thu, ma ta, a tha socrachadh do chridhe air mòralachd an t-saoghal? A' bheil thu ni's mó na ar righ nach maireann? A' bheil meas àrd agad air na daoinibh o'n d'thainig thu? Esan a bha de shliochd nan righrean, chaochail e. A' bheil thu mòr as do bheartas? Feuch dh' éug righ Bhreatuinn! A' bheil thu deanamh uail a d' chumhachd? Éisd! tha uachdaran nan tri rioghachdan air bàsachadh. A' bheil moit ort a àilleachd do dhealbh, agus eireachdas do chruth. Thig agus feòraich, c'ait' am bheil esan a b' aillidh measg

sluaigh, agus e freagairt a gheibh thu, tha e marbh gun chomas gluasad.

Ciod e, ma ta, co'-dhunadh an iomlain? Oirpicheamaid, a réir mar sheolas focal De sinn, agus anns an neart a ta air a ghealladh dhuinn, a bhi tasguidh suas ar n-ionmhais air neamh, agus a bhi saibhir do Dhia; agus an sin, bithidh sinn beo ann an àrd urram, agus ann am mòr shonas, 'nuair a thuiteas crùin agus righ-chaithrichean, seadh, a glrian, a ghealach, agus na reultan, agus an saoghal m'an iath iad, gu neo-ni.

O! nach robh daoine glic, gun tuigeadh iad so, 's gun d' thugadh iad fainear an crioch dheireannach!

#### RIGH UILLEAM, IV.

Rugadh an righ tha nis air a chathair air an là th' ar f' hichead de'n cheud mhìos de'n f' hogharadh, 1765. B'e'n treas mac a bha aig athair e; 'Nuar bha e ceithir bliadlna deug aois, roghnaich e dol chum na fairge, agus chaidh e air bòrd luing chogaidh, far an do chuir e stigh ùine mar dhuin' air bith eile. Bha e an cath no dhà air fairge, far an do dhearbh se e fein na dhuine; 's 'nuair a dh' éirich e gu bhi na àrd-mharaiche, cha b' ann aige-san a bha choire nach do chuireadh cabhlach lion-mhor fo a riaghlaadh, agus nach do chog e an aghaidh naimhdean a dhùthchea.

An fheadh's a bha e aig fairge, ghiùlain se e fein gu caomhail cairdeil ris gach aon a bha maille ris; agus tha iad lionmhor leis an do shicol e san àm sin a tha'n diugh am measg a chàirdean is ion-mhuinne. Bha e fein agus an t-Ard-

mharache Nelson ann an dlù elolas, agus tha f hios againn gun robh meas mòr aig an duine ainsmeil sin air teòdmachd agus cruad-al ar righ.

Phòs e o cheann dà bhliadhna dheug, a bhana phrionns' is bannrigh dhà air an àm, air a' bheil meas agus ciù mòr. Rugadh dithis chloinne dhoibh a chaochail nan òige. Tha iad uime sin air an àm gun teaghlaich, air chor 's 'gur i a bhan-oighre is tinn' air a chrùn nighean a bhràthar a b' fhaigse dha, *Dùlchd Kent.* Tha i so mu aon-bliadhna-deug a dh' aois, agus ma thig i gu bhi riaghlaigh na rioghachd so 's ann fo ainm Ban-righ *Victoria.*

Tha Righ Uilleam air a mheas leis gach neach a ehir eolas air na dhuine suairce tuigseach, agus tha fiughair aig daoine nach bi e bheag goirid air athair no air a bhràthair. Cha d' rinn e fathast aon atharrachadh air seirbhisich a clirùin. Tha e an déigh Parlamaid ùr a ghairm, agus 'se dùrachd ar eridhe gun soirbhicheadh an Tighearna leis, gum bi e fad air a chaomhnadh gu bli na bheannachd d'a thìr, agus gum bi saorsadhl agus sìth r'a linn, mar bha ri linn a bhràthar.

'Nuair bha e aig fairge bha e ann an Eileana na Gaeltachd, agus chunnaic e mòran de Albuinn. Tha e air a ràdh gu bheil e ro thoigheach m'an Dùthaich so, agus gu bheil e cur roimhe tighinn ga faicinn air an ath-shamhradh.

Feachd laidir chum an Dùthaich sin a cheannsachadh. 'Se Ceannabliaile na rioghachd so *Algiers*, air còrsa na fairge. Tha'm baile so air a dhaingneachadh gu laidir. Tha e air a chuaireachadh le balladh a tha dà fhichead troidh air àirde, agus an taobl a muigh dheth so tha dig' a tha seachd troidhean air doimhneachd, agus fichead troidh air leud, a tha làn uisce. M'a thimchioll a Bhaile tha seachd caisteil, air a' bheil ionadaidh de ghunnacha mòra. Air taobh na fairge, tha'm baile so, agus an acarsaid air a dhaingneachadh gu ro laidir. Tha rioghachd *Algiers* mu shea ceud mil' air fad, agus naoi fichead mil' air leud.

'S ann do'n chearna sin de'n t-saoghal ris an canar *Africa*, a bhuiteas e; agus tha baile mòr *Algiers* calg-dhìreach fa chomhair *Gibraltar*. Tha luchd-àiteachaidh na rioghachd so a co'-sheasamh de *Mhoors*, *Arabs*, *Iudhaich*, agus mòran Chriosduidhean a tha aca nan tràillean fo dhaorsa chruaidh. A thaobh creidimh is Mahomadaich muinntir na tire so, agus tha gamhlas mòr aca do luchd-leanmhuinn Chriosd. Tha fir agus mnài na rioghachd so ro neo-thoileach aoidhean fhaicinn a stigh nan tighibh. Ma ni aon duine guth air a choimhearsnach is tric leis, an àite leige stigh, mar ni sinne, 's ann a chionnicheas na *Moors* a muighe, agus an déigh brat a sgaoileadh air an t-sràid, ni iad suidhe air a shocrachadh an gnothaichean. Cha'n eil dithis diubh a thachras air a chéile, an àite seanachais nan seasamh mar ni sinne, 's ann a shuidheas iad air an lár. Cha'n eil marcaichean air thalamh is fearr na na daoine so, agus cha'n eil ri fhaotainn eich is meamnaiche lùthmhoire na tha aca.

---

#### MU ALGIERS.

Chual' an Dùthaich air fad gun do chuir na Frangaich a mach

Cosmhuil ris na Mahomedanaich eile tha cead aca so ceathrar de mhnathan pòsda bhi aca, agus 's iad na párrandan a ni an t-suirdhe air son an cuid cloinne. Cha'n fhaic fear no bean-na-bainns' a chéile gu là a phòsайдh, a chiomn gu bheil na minài òga san dùth-aich so do ghnà fo ghlais, agus 'nuair a thig iad a machì tha'n aghaidh còmhdaichte le gnùis-blàrat. 'Nuair a dh'eugas fear dhiubh so, theid a ghrad chur fo thalamh. Tha an àiteachan adhlaic an taobh a muigh de'n blaile, agus tha luchd-bròin fo thuarasdal a lean-tuinn a chuirp, agus a scinn laoidhean le fonn tiombaidh a tha air a thogail leis a chuideachd air fad.

Tha ionadan aoraidh lionmhor san dùthaich so. Tha os ceann trì-fichead diubh so ann am baile mòr *Algiers*. Tha na h-eaglaisean so a co'-sheasamh de chùirt-ibh farsuing fosgaitle, tobar eir-eachdail nam meadhon, air son gach ionnlad a tha fiachaicht' air an luchd-aoraidh. M'an cuairt air a chùirt tha àiteachan air a' bheil brait riomhach air an sgoileadh, far an sleuchd iad sìos an àm deanamh ùrnuiigh. 'Nuair a thig iad a stigh do'n tigh-aoraidh, an ait an còmhdaicha cinn a thoirt diùbh, 'sann a chuireas iad diùbh an cas-bheairt. Cha'n eil an ùrnuiigh ach gearr, ag aideachadh maitheas Dhc agus Mhahomed; tha i air gach àm air a h-aithris tri uairean, le'n dà làimh air an togail suas os ceann an cinn, agus 'nuair a sguireas iad pògaidh iad an talamh. 'S c di-haoin' againne an t-Sàbaid aca san. Cha'n eil cluig aca nan eaglaisean, ach ann an àmaibh aoraidh agus ùrnuiigh togaidh iad suas brataichean geala air turaid na h-eaglais; théid iad-

san a stigh a thàrlas air an àm a bhi dlù do laimh, agus tuitidh iadsan a bhios fad air falbh air an glùinibh sa cheud àite goireasach. Tha trì feillean mòra spioradail aca. 'S e'n t-aon is mò dhiubh, là áraidh tha air a chur air leth chum cunndas a ghabhail air am maoin shaoghalta, chum an deich-eamh a thoirt do na bochd-aibh. Cha'n fhaigh duine sam bith a bhi na shagart gus am bheil e comasach air a *Khoran*, (se sin am Biobull acasan,) fhaontainn air mheoghair. Tha 'n aimsir blàth ro thaitneach san tìr so, agus tha 'n dùthaich fallain. Tha méinnean òir, iaruinn agus huaidbe san tìr so. Tha'm fearainn anabarrach tarbhach. Tha'n crann Fiona, agus oladhbh, agus gach gne mheasan is ro thaitnich' a' fàs air bheag dragh san dùthaich so. Tha chuireachd shiùncair a' fàs gu nàdurra san rioghachd so; ach gu truagh, cha'n eil aca ach drochì riaghlaodh. O shean bha 'n dùthaich so fo riaghlaodh an àrd Thurcaich, ach a nis tha uachdaran air a thaghadhl leis an arm, le mòran comhstrigh, agus gu tric le dòrtadh fola. 'Nuair a roghnaichear e cha'n eil smachd air bith air. 'Si thoil-san lagh na dùthcha, agus cuiridh e as d'a chuid daoine mar is àill leis. O cheann iomadh linn bha 'n tir so na culaidh-mhìothlachd do'n Roinn-eorpa gu léir; cha seas iad ri aon chùmhant no co'-cheangal a nìtear riu. Cha'n eil annt' ach creachadairean air muir, 's air tìr; tha cabhluichean laidir aca aig *Algiers*, agus anns gach bail' eile tha aca ri cois na fairge, d'an gnà obair a bhi ri spùinneadh 'sa' creachadh loingeas gach tìr eile a thig nan caramh, air an urrainn iad buaidh a thoirt. Tha nis còrr is dà cheud bliadhìn' o

chuir na Spainndich a mach cabhlach mòr, os ceann sèa fichead soitheach, agus deich mìle fichead airm, gus an rioghachd so a cheannsachadh; agus a shaoradh na bha de Criosdui'ean nan tràillean innte, ach a' déigh dhoibh a chuid bu phailte d'an loingeas agus d'an daoine chall, phill na bha làthair dhiubh dhachaidh gun mhòr dholaidh a dheanamh. Thugadh iomad oidheirp eile le cuid de chumhachdaibh na h-Eorpa nan aghaidh, chum cosg a chuir air an spùinneadaireachd, ach a dh'aindeoin gach oidheirp a thugadh sheas iad gus a so, agus tha iad co cealgach, charach, f'hoirneartach, 's a bha iad riamh.

O cheann cheithir bliadhna deug chuir Breatunn a mach cabhlach laidir, fo Ard-mharaich co ainmeil'sa bha againn, chum saorsainn a chosnadhl do Criosdui'ean a bha fo dhaorsa. Toiseach na bliadhna sin chaidh e mach agus cheannaich e saorsadh do thrì mìle a bha aca fo'n tràillealachd bu chràitiche. Fhuair an t-Ard-mharaiche, Mor'ear *Exmouth* gealladh nach glacadh iad aon long Bhreatunnach tuille, ach 's gann a rainig e Sasunn air ais gus an do thòisich iad air glacadh, air mort agus a' marbhadh gach neach dhiubh a thainig nan caramh. Phill *Exmouth* air ais, le feachd mòr, agus an déigh dha a chabhlach a chuir an òrdugh mar asdar urchair do'n bhaile, dh'f'hos-gail e orra air dòigh a thug am baile 'an ùine ghearr gu striochadh. Shaor e air an àm so tuille mòr de na Criosdui'ean a bha ann an daorsa; agus thug e iad gu cùmhantan nach d' thigeadh an là a ghlaicadh iad long no duine a bhuiteadh do Bhreatunn; agus nach deanadh iad tràillean ni bu mhò de mhuinntir aon dùthaich

Chriosduidh. Chaidh da mhìle dheug de mhuinntir *Algiers* a mharbhadh sa chòmhrag so. Cha robh againne ach mu thimchioll mìle fear eadar na bha marbh agus buailte. Chum caileiginn de bharail a thoirt duibh m'an chath so, feudar innse dhuibh gun do loisg aon soitheach cogaidh, an càblach Bhreatunn ceithir cheud baraille fùdair, agus còrr agus ceud tunna de pheileirean. Bha mòran de na tràillean bochda sin còrr agus cùig-bliadhna-deug an ciomachas, ag oibreachadh gu goirt fo shlabhruidhean, agus air an sgiùrsadl gu h-an-iochdmhor.

Shaoileadh aon gu'n caisgeadh so iad, ach o cheann ghoirid thòisich iad mar bha iad riamh, gu h-àraidh an aghaidh nam Frangach, agus 'se so a dhùisg iad gus an ionnsuidh a thoirt leis a' bheil a rùn orr a nis an rioghachd uile chur fòdhpa. Tha'm seachd a chuireadh a mach lionmhòr, làidir, misneachail. Tha ceannard urramach thairis orra. Thuige so bhuidhaich iad, agus 'se barail dhaoine gu'n cuir iad an dùthaich fo chìs; agus leis a so gu'n cuir iad stad gu bràth air fairneart nam béisteann. Soirbheachadh leo!

---

*Mu na Camhuinnean a tha 'n  
dlù-chairdeas do'n Gaelic.*

Tha iad so ni's lionnhoire na tha cuid de mhuinntir ar dùthach' a' smuainteachadh. Tha f'bios againn air fad gu bheil a Gaelic air a labhairt an Eirinn le còrr agus trì muilleinibh, 's e sin, le trian a bharrachd air na tha 'n Albuinn air fad.

Tha Gaelic Eirionnach so-

thuiginn do Ghaedheil Alba mar chi ar cairdean san Teachdaire fa dheireadh; gu h-àraidh ann an ceann na h-àirdle tuath de dh'Eirinn, cha'n eil mòran eadar-dhealachadh eadar i agus a Gaelic againne. Is ainmig \*Leabhar-lann fiachail san rioghachd so, no san Roinn-eòrpa, anns nach faighear sgriobhannan 'sa Gaelic Erionnaich, a chaidh dheanamh m'an do thionnsgnadh air Clò-bhualadh. Tha nise fios cinnteach gu bheil mòran diubh so anns an Fhraing, 'an rioghachd Lochlainn, agus gu h-àraid ann an Leabhar-lann a Phàp anns an Ròimh. Tha dòchas againn nach fada gus an d'theid iad sin a rannsachadh, agus gun leig iad ris duinn iomad ni mu bheil sinn san àm an dorchadas.

A chànmhuinn eile is dlùithe do'n Gaelic Albannaich, 's ann san Eilean Mhanainneach a tha i air a labhairt. Tuigear i so le Eirionnaich agus le Gaedheil. Tha na Scriobtuire aca o cheann fada sa chànmhuinn so, ach aca cha'n eil mòran de leabhrachean eile.

Anns an earrann sin de Shasunn ris an abrar *Wales*, tha cànmhuinn Ghaelach air a labhairt a tha ann an dlù-dhàimh ri Cànmhuinn na h-Eirinn agus na h-Alba. Cha'n eil i air a sgrìobhadh a rèir doigh na h-Eirinn no idir Mhanainn, agus uime sin cha'n eil i co furasd a thuiginn leis na Gaedheil. Tha Gaelic *Weilseach* air a labhairt le sèa ceud mile pearsa. Tha i air a' teagast 'nan sgoilean, agus tha mòran leabhrachean ac' innte; agus a dh' aindeoin gach oidheirp a thug iad air a Bheurla a choiteach orra, sheas cànmhuinn na dùthcha gus an là an diugh gun mheathadh gun fhàillinn. Is mòr an colthrom a fhuaireann muinntir

na dùthcha sin seach na Gaedheil, no idir na h-Eirionnaich. Bha focal De aca na'n cainnt fein o cheann dà cheud gu leth bliadhna, agus mòran de leabhrueche math eile a bharrachd; agus tha lion-mhoireachd leabhruechan ùr a' teachd a mach gach là. Tha os ceann ochd mìle leabhar sa chainnt sin. Tha Mìosachan† aca ann an cainnt na dùthcha air a chur a mach gach bliadhna o cheann còrr is ceud bliadhna. Tha ochd leabhruechan cosmhul ris an Teachdaire Gaelach againne a' tighinn a mach gach mios.

'S iad so na ceithir Chainntean Gaelic a tha air an labhairt air an àm san rioghachds'. Is failleinean o'n aon stochd iad, clann an aon teaghlach, ach 's deacair a rádh air an àm co dhiubh is sine. Bha piuthar eile ac' an Sasunn a chaochail o cheann cheithir fich-ead bliadhna. 'Si so a chainnt a bh' ac' ann an Cornwall, agus a bha air a labhairt le sluagh a thainig o chian do'n tir sin o'n Fhraing. O cheann da cheud bliadhna bha i air a searmonachadh san dùthaich, ach fhuair a Bheurla buaidh orra. Bha na huiread shamhladh aig a chainnt so ri cainnt *Wales*, 's a th' aig cainnt na h-Eirinn agus na Gaeltachd r'a chéile; agus tha i f'hast air a labhairt san Fhraing.

Tha peàthraighean eile aig a Gaelic anns an Fhraing agus ann an rioghachdan eile. Anns an earrann sin de'n Fhraing ris an can iad *Basque*, agus feadh nam beann a ta eadar an Fhraing agus an Spainnd, tha'n t-seana chànmhuinn so air a labhairt leis na mìltibh aig nach 'eil smid de chainnt eile. Tha'n Soisgeul ac' ann an cainnt an dùthcha, agus

tuigear e le duine sam bith a ta  
eolach air a Ghaelic.

A rìs, Tha Cànmhuinn Ghaelach eile dealaichte air iomad dòigh o gach aon air an do labhair sinn fathast ri fhaotuinn anns an Earrann sin de'n Fhraing ris an abrar *Brittany*. Tha e cinn-teach gu bheil os ceann muillein anns an dùthaich so, agus na cearnaidh m'an cuairt dà aig nach 'eil focal fraingis nam beul, ach an t-seana cànmhuinn *Cheltic* so, a tha do'n aon ghne ri cainnt *Wales*. Tha cora leabhar aca sa chainnt so, achi cha'n'eil sgoilean ach ainneamh nam measg, agus tha iad gu bochd dheth a chion focail De.

'S i cànmhuinn mu dheireadh do'n t-seann stochd so air an labhair sinn san àm an t-aon is iongantaiche dhíubh air fad. 'S i sin cainnt nan Waldens\*, sluagh lionmhòr a tha chòmhnuidh an tìr chéin uatha-san m'au robh sinn a' labhairt; tha'n tàmhachd so ann am Piedmont, cuid diubh ann an *Switzerland* agus san Eadailt. Tha os ceann da cheud bliadhna o na thugadh do Shasunn a chuid is mò de'n t-seann Tiomnadh anns a chainnt so, agus gun deach am fàgail ann an àrd-thigh-foghlum Cambridge, far a' bheil iad air an gleidheadh gu càramach. Tha cànmhuinn so ro chosmhul ris a Ghaeic Albannaich, ge mòr an t-asdar a tha eadar an dà dhùthaich. Criochnaichidh sinn so le Urnuigh an Tighearna sa chainnt so,

Our Narme ata air neamb<sup>2</sup>. Beanicha tanim. Gu diga do riogda. Gu denta du hoill, air talm<sup>2</sup>in mar ta ar neamb<sup>2</sup>. Tabhar d<sup>2</sup>im an migh ar maran limb<sup>2</sup>ail. Agus mai d<sup>2</sup>uine ar fiach ambail

near marhmid ar fiacha. Na leig si'n amb<sup>2</sup>aribh acli saorsa shin an Olc. Oir sletsa rioghta, combta, agus gloir, gu sibhiri. Amen.

Tha'n comhara so<sup>2</sup> aca-san an àite na h a ta againne.

### GUTH O MHACTALLA.

A Theachdaire Rùnaich,

'S fada mise, Mactalla, a' m'thosd: 's fad'o gheall mi craobh-sheanachais nam fineacla 'chuir chugaidh; ach, mo chreach! cha luaithe thòisichinn rithe na thigeadh rachd nam mhuiineal. 'Sann domh fein nach ioghnadh; 's mi 'chunnaic an aoidhealachd, 'san onoir, 's an rioghalachd ann an tìr nam beann, ged is deacair a chòmhlichd an diugh oirre! Feuchaidh mi, co dhiu, ri sgeula beag innse do'n fhuigheall a dh' fhàgadh mu'n churai ainmeil sin air taobh na Firinn, *Iain Knox*.

Rugadh *Iain Knox* anns a bhliadhna 1505, beagan sear air Dun-eidean. B'i so linn an dorchaidh chaidh dubh-neul eaglais na Ròimhe eadar daoine agus gach reull-iùil,-bha'ghrian agus a ghealach iad fein air chall, mar faicte mar thianasg iad o'mhullach nam beannta a b'airde,—chaidh gach mathair-uisge thruailleadh,—bha sruthana na beatha neo-fhallain, agus bha 'n sluagh, mar bu dù dhoibh, a' dol a dhith!

Anns a bhliadhna 1522, chaidh *Knox* do àrd thigh oilean Ghlaschu; agus do blhrigh gu'n robh e na sgoileir ainmeil cha b' fhadagus an d's huair e bhi na shagart.

Ged fhuair e'n dreuchd so cha do sguir e do leabhairchean diadhlaidh a chnuasachd; gus ma dheir.

\* Waldensian.

eadh an tug e fainear gu 'n robh eadar-dhealachadh mòr eadar an teagasg agus teagasg nan sagarta. Chunnaic e, cuideachd, gun robh nah-athraiche *Jerome, Augustine*, agus iad sin, a' leigeadh gach ni gu ràidhe 'Bhiobuill, agus threò-raich so e, chum an leabhar naomh a rannsachadh air a shon fein, oir san àm so bha lagh na h-eaglais an aghaidh Focal an De bheò a' leughadh, agus 's beag nach robh na sagarta co aineolach air ris an t-sluagh !

Coma co dhui ; lean *Iain Knox* air foghlum a bhiobuill, le iomadh ùrnuiagh agus mòran cràbhaidh, rè sheachd bliadhna, gus, ma dheireadh, anns a bhliadhna 1542 'na bhris e na geimhlibh, agus 'na sheas e 'mach na aonar air taobh na Firinn :—Le cridhe neo-sgàthach thog e bratach Chriosd an aghaidh cumhachdaibh an dorch-adais, ag éigheach mar gum b' fheadh "co 'tha air taobh Dhe, Co ?"

Ach, mar dh' fheudas sinn gu maith a bhreithneachadh, cha b' fhada gus an tainig a chùis gu deuchainn,—A *Knox* ! amhairc ris an àirde, agus seas t-aobhar, or gu dearbh 's airidh e ! Chuir an namhaid colg air,—thoisich a gheur leanmuinn, agus bha buidheann bheag Chriosd a' tuiteam thall 's a bhos gun osna,—a seulachadh am fianuis le'm fuil ! 'S ann mu'n àm so 'loisgeadh gu bàs an diadhair urraniach ainmeil *Deorsa Wishart*, agus a chaidh ard-easbuig *Beaton* a mhort.

Ma dheireadh dh'at tuil na geur-leanmuinn cho àrd's gu'n do ghabh *Knox*'na cheann gu'n rachadh e do'n Ghearmailt, far an robh obair a chreidimh ath-leasaicht' a' dol air a h-aghaidh gu mòr : cha robh so taitneach le 'chaidhbh,

agus 'se chomhairlich iad dha dol do Dhaighneach Chìll-rìbhinn\* far an robh moran de'n eaglais ath-leasaicht' a' gabhail fasgaidh, agus an t-urramach *Iain Rough* air an ceann,—ghabh e'n comhairle, agus cha luaithe ràinig e na b'aill le *Rough* agus leis a chuid eile de'n eaglais a chur os an ceann mar mhinisteir.—Cha ghabhadh e so os laimh, ag ràdh nach robh gairm o Dhia aige. Coma, air an ath shàbaid air do *Knox* a bhi san éisdeachd, shearmonaich *Rough* mu ghairm agus mu dhleasanns mhiniistirean. Mu dheireadh na searmoin thionndaidh e ri *Knox* agus, ars' esan, le guth laidir agus na deoir a ruith le 'ghruaidhbih ; —“ Iain Knox, ann an ainm Dhe agus a Mhic Iosa Criosd, tha mise guidhe ortsa, mar is maith leat dol as o chorruich an De bheo, agus gu meudaicheadh e 'ghrásan dod' thaobl, gabh ris a ghairm naomha.” Nuair a chuala *Knox* so cha b' urrainn da cumail air fein : ged bu chrudalach a chridhe leagh so e ; dh' éirich e, agus chaidh e d'a sheòmar a ghul. Na dhéigh so thug iad gairm eile dha ; —chunnaic e nach robh dol as aige, agus air an ath shàbaid dhùrich *Knox* a chrannag. Mar dhealta nan speur air fearann tait-mhor, a chuireas fonn air coill, agus aiteas air magh 's air raon, bha'n t-searmoin so do bhuidhinn bhig Chriosd ; ach mar thairneanach nan speur a chrathas bunaitean an domhain, agus a dh'fhangas cridhe duine fann, bha i do eaglais na Ròimhe ! Is amhul mar thachair,--thugadh *Knox* an lathair nan Easbuig agus nan sagarta gu freagairt arson a dhroch dheanadais. Co thusa 'tha cur an t-saogh-

\* St. Andrew's.

ail bun o's ceann? Bha sea cas-aidean cudthromach na aghaidh.

1. Bha e 'cumail a mach nach bu chòir am Pàpa no *duine air bith* a mheas mar cheann na h-eaglais.

2. Gu'm be'm Pàpa an t-anacriossd.

3. Gu'm bu chòir baisteadh, agus Suipeir an Tighearn' a fhrith-ealadh mar dh'fhág Criosd iad.

4. Nach robh 's an Airionn, ach iodhol-aoraidh.

5. Nach eil Purgadair ann.

6. Nach 'eil ann bhi 'g urnuigh *arson* nam marbh ach diamhanas, agus nach 'eil ann bhi 'g urnuigh *riu* ach iodhol-aoraidh.

Bha 'n deasbud cruaidh rè iomadh là, ach thachair dìthis ghaisgeach orra nach robh claoen, Iain agus an Fhìrinn,—b' eigin a leigeadh mar sgaoil agus ann am beagan ùine chaill na sagarta gach sean agus òg a bha 'sa bhaile!

Anns a bhliadhna 1547 thainig càbhlach de luingeas Frangach a shéisdeadh an Daighnich agus an deigh seasamh a mach rè ùine fhada ma dheireadh b' eigin strìochdad. Thugadh Knox, maille ri mòran eile, nam priosun-aich do'n Fhraing, agus chaidh an cur air bord air luing ochd ràmh-aich, far 'n do chumadh iad an cuibhreach rè bliadhna gu leth! Rinn 'na seòladairean na b'urrainn iad chum an tionndadh, agus an truailleadh;—thug iad aon là dealbh na h-òighe Muire gu fear de na h-Albannaich chum a phòg-adh, “cuir uam e!” ars' an t-Albannach, “cha ni beannuicht'e', 's e breith air, 's ga thilgeadh a mach air an taobh; “sàbhaladh a bhean-usasal i fein a nis,” ars' esan, “tha i eutrom gu leoир, ionnsuich-eadh i snàmh.”—A chuid eile de bheatha Knox,—cho tric 'sa bha e'n cunnart a bheatha,—cho calma

'sa sheas e'n Fhìrinn an làthair righribh agus bhan-righibh, agus a bhàs buadhar, bheir mi dhuiibh, A Theachdaire rùnaich, an aithgh-earr.

### MACTALLA.

*Eilean Cholla* 1830.

---

### ALASTAIR MAC CHOLLA.

B'ainmeil an duine so 'an Gael-tachd Alba là gan robh an saoghal; agus tha sinn a deanamh dheth nach miste le'r luchd-dùthcha caileiginn a chluinntinn uime. Bha'n duin' ainmeil so de Chloinn Domhnuill Antrim an Eirinn. Bu mhac e do Cholla Ciotaich, a ghlacadh ann an Dun-naomhaig an Ile, agus a chuireadh gu bàs an Dunstainis. 'Nuair a rugadh Alastair, tha beul-aithris, (as nach ion mòr earbs' a chur,) ag innse mu nithibh iongantach a thachair ma thigh athar, air chor 's gun do chomhairlich cuid de na cairdean cuir as da, gun tuille dàlach. Cha dean sibh sin, a deir a mbuime, aig an robh fiosachd a réir barail nan àmanna sin; bitidh e f hathast na ghaisgeach foghainteach, agus èiridh buaidh leis, gus an sàth e bhratach an Gocam-gò, Dh' fhàs e suas gu bhi na dhuin' eireachdail, agus na fhear-claidd-eamh co maith 'sa bha'n Eirinn. Anns a bhliadhna 1644 bha buidheann de 'n fheachd ri'n cur a h-Eirinn chum cònuhnadh le Muntròs, as leth an dara Teàrlach. 'Nuair a chruinnich Maith-ean na tire a shunrachadh cò a rachadh air ceann an airm, bha dà fhìlhach uasal Eirionnach aig an robh fiughair ris an urram sin, a thaobh meud an cairdean aig a choinneamh. Bu chòir, a deir Ceann-uhath na cuideachd, an t-

urram a thoirt do'n ghairdein is tréine an Eirinn, nam biodh fios cò e. So e, deir Alastair, 's e tarruing a chlaidheimh, a dh'aindeoin cò theireadh e. C'ait a bheil an t-ath-ghairdein, a deir an Ceann-suidhe? So e a deit Alastair, 's e tilgeadh a chlaidheimh na laimli chì. Cha do chuir duine na aghaidh, agus fhuair Alastair a bli na Cheann-feadhna' air a chuideachd. Thainig Alastair le cùig ceud deug fear, air tir air taobl na h-aird an lar do dh' Earra-ghæl. Tha iomad sgeul beag air aithris m'an duine so, nach fiach a bhi air innseadh, ach is iomad gniomh euchdach a dh'fheudt' aithris air, mar tha e againn sios ann an eachdruidh. An déigh dha Caisteal Mhingairidh an Ardnamurchann a ghlacadh, ghabh e suas do Ghleannagaradh, far an do choinnich na daoine sin agus muinntir Bhàid-eanach e a bha air an aon taobh ris fein; ghabh iad air an aghaidh gus an d'rainig iad Dùnchaillinn, far an do choinnich iad Iarla Montròs, a thug do dh' Alastair an t-àite bu tinne air fein san fheachd; agus cha b' fhada gus an da dhearbh e gu'm b'airidh air an urram sin e. Bha suath anabarrach aig Alastair Mac Cholla, agus aig Clann Domhnuill air teaghlaich Larraghæl, cha'n e mhàin a chionn gun robh iad an aghaidh an Righ, ach gun do bhuin iad mòran d'am fearann o na Domhnullich, agus chum aicheasluil a thoirt a mach air a shon, dh'aom e Montròs gus an Geamhradh 1645 a chaitheamh ann an dùthaich Mhic Chailein. Dh'fhartluich orra an Caisteal a ghlacadh, ach loisg iad bail' Inbhearr-aora, agus chreach iad an dùthaich air fad m'an cuairt. 'S gann a dh' fhàgadh tigh air bonn,

ionnas gu bheil e na ghnà-fhocal san tìr sin gus an là an diugh, *Alastair Mac Cholla fear tholladh nan tighean*, agus bha na h-uiread eagail roimhe, 's gu bheil ainnm fhathast air a chleachda mar bliochdan gu clann a chumail sàmhach.

Dhearrbh Alastair e fein na dhuine ann an iomad cumasg beag, ach 's e là Inbher-lòchaidh a tharruing gu mòr mheas e. 'Nuair a thainig e le *Montròs* roi'n blàr sin air tòir nan Caimbeulach, 's e Iain lom, am Bàrd a b' fhear-iùil doibh. Air dhoibh tighinn an sealladh nan Caimbeulach, thuirt Alastair ris a Bhàrd, Thíeid thu sios leam am àmàireach gu cath a 'thoirt do na Guinhhnich. B'e Iain lom an gealtaire bu mhò a bh'air an t-saoghal; ach cha robh chridh' aige a dhiultadh. Ma théid mise sios, agus gun tuit mi, cò a dh' innseas sgeul air do ghaisge, ach theirig thusa sios, agus dean mar is gnà leat, agus seinnidh mise do chliù. Ni mi sin ars' Alasdoir. Tha fios mar choisinn *Montròs* an là sin, agus mar chaidh an ruaig air na Caimbeulaich. Bha Alastair Mac Cholla maille ri *Montròs* ann an iomad cath cruaidh, an, déigh sin, gu h-àraidh aig Allt-Eirinn, agus *Kilsyth*: agus thà daoine fiosrach ag ràdh nach robh buaidh le *Montròs* an déigh dha dealachadh ris.

Rinneadh Alastair so na Ridire air son a rioghlaichd do Righ Tearlach. An déigh dha dealachadh ri *Montròs*, leis a bheagan Eirionnach a bha làthair, rinn e air son Chinn-tire, far an robh fhathast beagan fearainn agus cumhachd aig Cloinn Domhnuill; agus as am bu réidh dhà dol thairis do dh' Eirinn. A thuill-

eadh air na h-Eirionnaich a bha leis, bha Mac Dhugaill Ladharna 's a chuid daoine, agus muinntir eile a bha fhathast dileas do'n Righ, a chaidh sios leis chum còmhnuadh a dheanamh ri Clann Domhnuill an aghaidh Sliochd Dhiarmaid, a bha miannachadh a chuid fa dheireadh d'an oighreachd a bluintainn uatha.

Tha e air aithris mu Alastair Mac Cholla, mar bha e air a thurus sios do Cheann-tìre gun d' eirich dha air latha àraidb, stad e fein 'sa dbaoine, chum am biadh maidne ghabhail; am feadh 's a bha iad ga dheasachadh, shuidh e a' cur a sgòs, air enochdan bòidheach uaine, dlù do mhuileann air an do shàth e 'bhratach. Is bòidheach an enochdan so, a deir e, C'ainm a th'air? Tha ars' am Muilleir, Gocam-gò. Gu gradh' eirich Alastair, fàgamaid, Illean an t-àite so, oir chuimhnich e air fàisneachd a mhuime. Ghabh iad air an adhart, agus mar bha iad a' dol seachad air Caisteal a bha san àm sin san Lochan-leathann, an sgìreachd Ghlasraiddh, loisgeadh air, agus thuit am fear a bha r'a thaobh. Is moch a deir Alastair, a ch—d a chuthag ort, oir b'e là Bealltuinn a bh'ann. Ceum ris a bhruthach, Illean, a deir e, gun tuille sùil a thoirt air an fhear a thuit.

Air a cheart àm so bha 'n Triath Earragh'a'lach le arm laidir fo'n Cheann-f heachd urramach sin *Leslie*, a fhuair buaidh air Montròs aig *Philip-haugh*, a gabhairail sios do Cheann-tìre, chum an buille deireannach a thoirt do chumhachd Chloinn Domhnuill a bha air taobh an Righ. B' fhurasda do Alastair am feachd so a ghearradh as ann an Garbhlaich

Sliabh-gaoil, far an do theab e fairtlearach' air Leslie a mharc-shluagh a thoirt air an aghaidh: ach o'n lá a shàth e a bhratach ann an Gocam-gò, cha robh soir-bheachadh leis. Air a thurus mu dheas chuir e fein 'sa dhaoine seachad oidhche ann an gàradh Thighearna nan Learg. Bha trupairean Leslie air a thòir, ach bha sgàth orra roimhe o nach d'thainig an t-arm-coise air an aghaidh. Dh'fhan iad uime sin air an ais an dùil gunn biodh an t-arm aca air an ath-mhaduinn. Dh' fhadaidh Alastair teinntean mòra timchioll a ghàraidh, mar gu'm b'ann chum a dbaoine a bhlàthachadh, agus an déigh dha fear fhàgail a chumail an teine suas, agus Piobaire d' an d'áithn' e seinn fad na h-oidhche, thog e air le dhaoinibh, agus bha e dlù do Chaisteal Dhuinabhartaidh m'an d'ionndrain càch air falbh e. Mo thruaighe! am Piobaire bochd, chuireadh a chomas an cleas ceudna dheanamh, oir thug iad gu neo-iochdùnhor dheth na meòir.

Dh' fhàg Alastair tri cheud fear ann an Dunàbhartaidh, agus thug e Ile air, agus an déigh dha dà cheud eile ga chuid daoinefhàgail aig athair, Colla Ciotach, ghabh e'n t-aiseag do dh'Eirinn, far an do mbarbhadh e beagan na dhéigh sin, ann an cath a chuir e leosan a dh' eirich an aghaidh Iarla *Charltonford*.

Mar so chaochail an Curaidh treun so. Cha robh duine a thug bàrr aig fo sdiùradh fir eile, ach cha do choisinn e cliù leis fein. Bha e iomraideach an dàn, agus rinneadh iomad òran molaidh dhà an dà chuid an Eirinn 's an Alb-uinn.

Alastair a laoigh mo chéille,  
 Cò chunnaic no dh' fhàg thu'n Eirinn;  
 Dh'f'fhàg thu na mìltean, 's na ceudan,  
 'S cha d' f'fhàg thu t-aon leithid t hein  
 ann.

Calpa cruinn an t-siubhail eatrium,  
 Cas chruinneachadh an t-sluaign ri  
 chéile;

Cha deanar cogadh as t-eug'ais,  
 'S cha deanar sìth gun do réite;  
 'S gar am bi na Guimhnich réidh riut,  
 Gun robh an Righ mar tha mi fein duit  
 &c. &c.

Bheir sinn cunntas mu na thachair  
 aig Dunàbhartaidd agus Dun-  
 naomhaig san ath-àireamh.

do thuslich e. Thainig an cud-  
 throm a nuas air cùl na h-amhacha,  
 agus chaochail e an dòrainn mhòr  
 an là na dhéigh sin. Mo thruaighe!  
 Is beag a bha de bhòsd na chainnt  
 air leabaidh a bhàis. Bu clòir  
 dha so sanus a thoirt do dhaoin  
 òga gun iad a bhi spagluinneach  
 no moiteil as an spionnad fein,  
 no fheuchainn, gun aobhar, air  
 dhòigh cho amaideach.

---

### *Cron diubhalach dibhe laidir*

#### *III. Earrann.*

6. Tha bhi 'n tòir air deoch  
 làidir a treòrachadh gu ionad MIC BEHEUS eile. Chaidh cuid diubh  
 sin a thoirt cheana fainear, gu h-  
 àraidh diomhanas. Ach feudar a  
 ràdh, gur ainmig iad a ni le fior  
 diomhanas. 'S Éiginn gum bi  
 caileigin aig a chorp agus aig an  
 inntinn r'a dheanamh. 'S ann o  
 sin a theirear, "Nuair a chi an  
 droch-spiorad duine na thàmh,  
 curridh e fastadh air na sheirbhis  
 fein.

Tha òl a'tarruing gu *cluiche*.  
 Is gann a tha fios aig muinntir  
 diomhanach cionnas a bhuilich-  
 eas iad an ùine, gun teannadh ri  
 cluiche. Is diomhain a ràdh mar  
 dbrùigheas na nithe sin air caithe-  
 beatha na muinntir a glàthairch-  
 eas iad. Fàsaidh iadsan is eolaich'  
 air a cheird so an ùine bheag nan  
 cealgairean agus nan déircich.  
 Tha e 'g aomadh gu bhi 'g inns-  
 eadh *bhreng*. 'Nuair a chailleas  
 duine a chuid's a chliù, 's a mhùch-  
 ar a choguis le deoch bhuaireasach,  
 cha'n ion fiughair a bhi ris an  
 f'hìrinn. 'Na leithid sin de

*Sgiorrhagh brònach a thachair  
 dlù do'n àite sa bheil so air  
 a sgriobhadh; agus o'm feud-  
 ar gliocas a tharruing.*

Thachair do chuídeachd a bhi  
 cruinn ann an Ceardaich, far an  
 robh Gille mearachdasach òg, a  
 bha ainmeil aig gach coinneamh  
 air son co mòr 'sa bha e as a  
 spionnad fein. Air an là so thòis-  
 ich e ri spagluinn mar b' abhuist  
 da, ag ràdh gu'n giùlaineadh e air  
 son leth-bhodach uisge-bheatha,  
 innein na ceardach gu drochaid a  
 bha dlù do lainih, agus air ais a  
 ris. Chuir duine nach b' fhearr  
 na e fein geall ris nach deanadh e  
 sin. Thogadh an t-inneìn air a  
 dhruim, dh'f'halbh e gu sunndach  
 leis, agus air a philleadh, dlù do  
 dhorus na ceardach, agus stràichd  
 an uaill na bheul, thainig doirneag  
 bheag chloiche na rathad, leis an

chàs tha geallaine air an tabhairt agus air am briseadh gun sòradh, tha fìrinn agus onoir air an cur air cùl ; gabhar am brath air an aineolach agus air an fheumach. Cha'n e sin an t-iomlan. O bhi'g innse bhreug is furasd aomadh gu eitheach. Rach a stigh do thigh a mhòid, agus faic co rèidh 's a gheibhear an samhail sin de dhaoine gu fianuis bhréig a ghiùlan ! Cia faoin 's a ni iad fearas-chuideachd de na mionnan is cudthromaire ! Ann an iomad gnothach tha ainm uamhasach an De shiorruidh air iarraidh gu faoin fanoideach ; agus tha'm peacadh eagallach sin, a leige gu ráidhe Dhe, co cumanta 's gur gann a mheasar na chionta e.

Tha e treòrachadh gu *mionnan mi-naomha*. Cha'n aithrighamaid-eachd agus an-diadhachd a ghnàth-achaидh so air a leithsgeul a ghabhail. Tha e treòrachadh gu *gabhunn* agus gu *tuaileas*. Tha iad sin nan caithe-aimsir thaitnich do na misgeirean grain-eil. 'Nuair a tha'm beagan tuigs' a bh' aca air a bàthadh ann an daorach, tha aon bhuaidh aca làthair chum an eadar-dhealuchadh o na brùidibh. Ni coin comhartaich agus asailean raoichdil, ach 's iad *daoin'* a mhàin is urrainn *gàireachdaich* a dheanamh. Anns na cuideachdaibh gleadh-rach sin, tha gu minic an tuille gamhlais na eutrimeachd, annta. Tha iad gu tric a' cùl-chàineadh an fhir nach 'eil a làthair. Annta sin tha diadhachd air a meas mar chléir-chuilbheart ; a luchd aidmheil agus a ministerean mar chealgair-ean mealltach. Feudaidh aon a chaill a lùths agus a thugse sin a ràdh, agus gun a bheag ùr a chan-tuinn. Theagamh gun dubhaint coimhearsnaich Lot an ni ceudna ;

agus b'e deadh righ Daibhidh a bòran do'n phòitear.

Tha e tarruing gu *connsachadh*. Thòsich an seirbhiseach dearmadach, m'an do labhair ar Slanuigh-eal, ri cho'-luchd muinnitir a bhualadh, sa cheart àm san do thòisich e ri iteadh agus òl maille ri luchd misge. Tha dà thrian de na tuasaidean a tha measg a chumanta ag éirigh o'n òl. "Is cealgach an ni fion, is buaireasach an ni deoch làidir. Cò d'am buin truaighe ? cò a ta ri bròn ? cò aig a'bheil connsachadh ? cò a ta ri gearan ? cò aig a'bheil lotan gun aobhar ? cò aig a'bheil deirge shùl ? Iadsan a dh' fhantas fad aig an fhòn." Nach tric a ta daoin' a' coinneachadh ann an deadh-fhonn, ag òl an anabharra, a'labhairt faoineachd, a' meas gun d'f huair iad tair, a' lasadh suas ann an corruich, a' breislich, a' bagradh, a' bualadh nan dòrn : feumaidh iad an sin dol a dh'ionnsuidh breitheamh chum a chùis a réiteachadh.

7. Tha deoch làidir a' cur as de na tograidh is fearr ann an cridhe duine. Nan ceadaicheadh ar n-ùine dhuinn a chùis so a làn mhìneachadh, dheonaichinn tagradh as leth nam bruidean bochda. Thagrann as leth an eich dhileis, agus an daimh, a tha gu tric air an claoïdh le h-acras agus builean; agus a' fulang iomad cruaidh-chas o shealbhadairibh misgeach.

Ach ann an iomad cùis eile tha iadsan a tha'n tòir air dibh Jàidir ciontach do an-iochd is antrom-aichte na iad sin. An abair na daoine sin, Ma dh' fhuilingeas sinn air son ar n-amaideachd fein, ciod sin do dhaoin' eile ? Nach dad idir, sibh fein a thilgeadh mar lunndairean gun fheum agus mar throm air an sgìreachd ? Nach dad idir, 'ur faicinn an cunnart

dol bàs le gorta, no 'ur beatachadh mar dhìol déirc? Nach dad idir, cur as de dhòchais 'ur càird-ean? Sibhse aig a'bheil caileiginn de mhothachadh, leigibh leam 'ur n-aire aomadh gu beachd a ghabhail air deòir f'hrasach athar agus màthar aosmhòr, a tha 'm folt liath a'teachd le bròn chum na h-uaighe. Roimhe so bha gairdeachas orra a chionn gun d'rugadh mac dhoibh. Dh' àraich iad e gu cùramach. Rinn iad faire thairis air an àm a thinneis iarganaich. Mheudaich an gràdh dha mar dh' f'hàs e ann am bliadhnaibh, agus smuaintich iad gum biodh e na chomhf hurtachd dhoibh an deireadh an làithean, agus na shochair ga dhùthraig. Tha e nis an tòir air dibh làidir. Mu mheadhon oidhche, tha iomaguin chràiteach a' cnàmh an cridhe: tha'n cadal air a bhuaireadh leis a cheist mhuldaidh so, *C'ait' a'bheil ar mac?* Esan ris an robh ar dòchas 'n ar sean aois, tha e deanamh fanoid air ar comhairle, ar n-ùrnuighean, ar deòir, agus ar n-earailean; agus tha e nis na chompanach aig misgeirean agus luchd mi-bheus.

No an d' théid sibh leam do 'n bhothan uaigneach, a rinn geòcraigeachd na ionad na truaighe. 'S gann a tha fasgadh no dion ann o'n ghaoith f'huair no o'n gharbh f'hrasachd. Faic boirionnach eir-eachdail, theagamh, a f'huair a togail gu mùirneach beadarrach, ann am measg pailteis, gu sona cuanda, a nis a dh'easbhuideach gach sòlas saoghalta. Tha'n àilleachd a bha na gnùis a nis air caochladh gu bhi gu seachdaidh preasach; agus tha'n aghaidh sin a bhà aon uair a'boisgeadh le sòlas, a nis air fàs gu glas-neulach tana le cràdh agus bochdainn. Gun chobhair, gun

chàirdean, sin i na suidhe, air a claoidl le mulad. A clann mhaoth m'an cuairt di, gu ruisgte, fuar, gortach, a'caoineadh ag iarruidh bìdh, 's gun e aice ri thoirt doibh. Tha a fear, a gheall an làthair Dhe agus dhaoinibh solar air a son an àm tinneis agus slainte, a' fágail a theaghlaich gu bochdainn agus truaighe; a'cuir cùl ris gach dleasnas a bhuineadh dha a choilidh, chum ciocras gràineil a shàsachadh. Faic am fear-pòsda, an t-athair, a'pilleadh dhachaidh o'n tigh-òsda, gu stacach, tuainealach air dall na daoraich! Tha e teannadh ri dùlbhairt: tha e mallachadh agus a'bagradh; gun fhios ciod an gniomh mi-chneasd' a dh' f'heudas tuiteam na laimh! Och, an oillt a th'air a mhnaoi bhochd, agus air na pàisteann bronach! An e fàvin-sgeul a tha 'n so? B' fhearr leam gu'm b'e! Ach nach iomad màthair thruagh, le'n sliochd gun chobhair, ann an dùthaich so a phailteis, a th' air am fágail gu beatha neo-shòlasach a shlaodadh as; am feadh a tha na daoine a dh'òrduich Dia agus nàdur gu bhi nan càildean agus nan luchd dòn doibh, a' caitheamh am maoin ann an geòcraigeachd agus ann am misg.

Tha bhi'n tòir air deoch làidir a'tàrmachadh gu *bàs truagh*. 'S a cheud àite, tha e fágail dhaoine neo-dheas air son na h-uaire sin. Tha e ciallachadh gun deach dearmad a dheanamh air dleasnis chràbhach. Ma tha dearbhadh a dhì air neach m'an chùis so, smuainticheadh e air duine a' dol san turaimanaich dhachaidh mu mheadhon oidhche, agus a' gabhail os laimh ùrnuighe a dheanamh maille r'a theaghlaich, no dol an uaigneas gu aoradh diomhair. Bhiodh e ro mhi-chiat-

ach, agus anabharrach sgainnil-each. Nach cinnteach gu 'm maolach cuideachd agus caithe-beatha a leithid sin de dhuine, a choguis, agus smuainte dùrachdach f' hògradh o'n inntinn! Cha'n e sin uil' e Cumar an cuimhne gu bheil e daonnan buailteach do'n bhàs, agus sin gu *h-obann*. Chunnaic sibh gu bheil e ni's buailtiche do ghalar-aibh marbhtach na daoine stuama. Tha e mar an ceudna ni's buailtiche do thubaistibh sgiorrail. Cuimhnichibh na dh' éirich do Bhenhadad, 'nuair chuir se e fein air mhisg na 'bhùth. Cuimhnichibh na dh' éirich do Nebuchadneser agus d' a fhilath-aibh, nuair a bha iad air an daoraich. Agus ni's cuimhne libh fein a fhuair bàs le tuiteam; a cho liugha aon a chaidh a losgadh gu bàs, agus le iomad sgiorradh eile, am feadh a bha iad air mhisg.

Tha brìgh shonraicht aig an t-sanus: "Thugaibh an aire, air eagal uair air bith gum bi 'ur cridhe fo uallaich le geòcaireachd, agus le misg.—agus gu'n d' thig an là sin oirbh gu *h-obann*."

Tha dòchas agam gu'm bi a chùis so aithrigh air 'ur smuain-tibh cùramach.

1. Tha e furan aire na muinnitir a tha *reic dibhe l'qidir*. Tha e so-fhaicinn gur doirbh anns an roinn so an ceartas a dheanamh. Ach is cinnteach gum feudar deoch a reic, gun an táladh gu dol air mhisg. Ge b'e buannachd a dh' fheudas éirigh o'n cheaird so, cha'n fheudar a chur an coimeas ris na tha cronail an sùilibh Dhe agus dhaoine. Tha focal De ag ràdh, "Is anaoibhin dhasan a tha toirt air a choimhearsnach òl; a ta cur ris a chopain, agus 'ga chur air mhisg mar an ceud-

na." Tha daoine seòlta gu leòir gu innejl bhrosnachaídh gu dubhailc fhaontainn a mach, as eug'ais còmhnaidh dhaoin' eile, gu'n cur fa'n comhair air a mhodh is taitniche. Tha riu-san a tha reic dibhe, na h-earrannaibh beaga, ann an càil beatha agus beusan an co'bhràithrean an earbsa. Tha mòr chùram orra. Bu chòir dhoibh a bhi nan daoine fior ionraic. Anns gach dùthaich fo dheadh riaghlaidh feumaidh tigh-ean òsd a bhi chum aoigheachd a thoirt do choigrich, agus mar ghoireas do luchd ghnothaichean. Ach an uair a nìtear na tighean sin nan ionada coinneamh do dhiomhanas agus do mhi-bheus, tha iad air claonadhl o'n ceud fheum, agus air fàs nan culaidh ghràin.

2. Tha chùis ag iarruidh aire *an luchd-riaghluidh*, agus gach aon ris a bheil ceartas an earbsa. A' bheil na reachdan a' socrachadh riaghait reic na dibhe? A bheil iad a' toirmeasg misg, agus a' seòladh mar nìtear peanas na lorg. C'ar son nach 'eil peanas air a dheanamh orrasan a ta ciontach? An caidil na reachdan sin gun an cur an gniomh? An abrar nach gabh e deanamh? *Gabhaidh* e deanamh.

Ead. le P. M'F.

### *Leum a Ghille riabhaich.*

'S an t-sean aimsir bha Tighearna Chola, agus Mac Néill Bharra an rùn nam biodag ga chéile. Phòs fear de thighearnan Bharrайдh banstrach a bh'aig aon de thighearnan Chola; agus a chionn nach robh ann an oighre Chola ach leanabh, ghabh fear Bharr-a 'n cothrom air, a' gabhair seilbh air an Eilean. Theich

an t-oighr' òg ; agus'nuira thainig e gu aois, cluir e roimhe oidheir a thoirt air a chuid fearainn fhaotainn air ais. Air dha na dh' fhead e 'ga luchd-leanmuinn a chruinneachadh, thainig e air tir ann an camus taobh deas an Eilean, d'an ainm Acairseid f halaich. Gu fortanach thachair e air boirionnach a bha'n deagh rùn dà, a thug dha gach fiosrachadh feumail a thaobh an Eilean. Dh'innis i dhà gun robh fear Bharra chòmhnaidh ann an Grìspoll, air taobh tuath an Eilean, ach leis mar bha e air aithris gun robh esan a' dol a thoirt oidheir a chuid fearainn a chosnadb, gun robh gnàth theachdaireachd air a chumail suas eadar e fein agus mùr Bhreachdachaidh, le teachdaire bha air a chur a mach air each bàn. Faic a nis e, deir ise, a'fagail a chaisteil ann an garbh chabhaig, chum faireachadh a thoirt air thus'a theachd air tir. Mar gearrar as e, tha thus' agus na tha leat an cunnart ni 's fiach sibh. A' measg a luchd còmhnaidh bha aon òig-fhear d'am b'ainm an Gille riabhach, a thairg do Chola (d'am b'ainm Iain Garbh) nan d' thugadh e dhàsan fearann Dharbhaig, gun rachadh e a chur cosg air teachdaire fir Bharra, agus gun d' thugadh e d'a ionnsuidh a cheann. Dh'aontaich Triath Chola so a dheanamh. Ghabh esan lom gach ath-ghoirid, agus thainig e suas ri teachdaire fir Bharra aig ionad ris an abrar *Bealach na foille*, agus air dha bhi air thoiseach air, shuidh e sios a' gabhail air a bhi gun umhaill gun sgàth, agus dh' fheòraich e de'n fhear ciod an naigheachd a bh' aige. Naigheachd gu leòir a deir esan, tha Iain Garbh air tighinn air tir, agus tha e a dh' aon fheadh a' teachd a dh' ionnsuidh Ghrìspuill; agus is éigin domhsa

cabhag a dheanamh air m'ais chum nach d'thig iad gun fhiros air Mac Neill. Chi mi a chuid daoine cheana air am uchdan ud thall. A'bheil comharadh sam bith leis an tuig Mac Neill le iad a bhi'd chuideachdsa, cò dhiùbhat'h annta càirdean na naimhdean. M' as naimhdean, a deir esan, fanaidh mis a mach uatha ; ach m'as càirdean bithidh mi air m' each bàn nam broilleach. Chuala mi ni 's leòir, ars' an Gille Riabhach, 's e grad leum air a bhonnaibh, a' spionadh an fhir eile bhàrr an eich bhàin, agus a' cur as da. Cha b' f hada gus an d' thainig Iain Garbh agus a dhaoine air an adhart, agus thilg an Gille Riabhach ceann an fhir eile d'a ionnsuidh, agus a' leum air muin an eich bhàin, mharcaich e ann am meadhon na còisridh, leis an robh fear Bharra air a mhealladh ; ach leis na bha maille ris do dhaoine, a bha co lionar ris na bha le Iain Garbh, theann e mach chum a chòmhraig. Tha aithris gun robh fear Bharra 'an còmhrag deise a' faighinn a chuid a b' fhearr de Iain Garbh, ni 'nuair a chunnaic an Gille Riabhach a theann ga chòmhnaidh, agus leòn e fear Bharra a thug air a ghlùn e, ag ràdh air an àm nach do shaoil e riamh gu'n cuireadh mac Bodach na scait a dhruim ri balla. Sin e agad a nis, agus leig leis fairtleach ort, mar d' théid agads'air-san. Thainig a chùis cruaidh air a Ghille riabhach fein le co'-dhalta Mhic Neill, cneòp-starra na cuideachd, leis am b' eigin da teicheadh air ais gu bruaich eas, agus sheachainn e buille tàbhachdach a bha d'a ionnsuidh, leis an eas a leum an comhair a chùil, ach leis an neart leis an d' thug codhalta Mhic Neill am buille, chaidh a thuadh-chatha co fada san talamh's nach

robh i soirbh r'a toirt as; mhothach an Gille Riabhach so, agus a leum air aghaidh, chuir e as do 'n fhear eile m'am b'urra dha e fein a dhìon. Chaidh an ruaig air Mac Neill agus air a dhaoine, agus chaidh Iain Garbh an seilbh a chòrach. Choilion e a ghealladh do'n Ghille Riabhach, le fearann na Darbhaig a thoirt dha. Tha leum a ghille Riabhach ri fhaicinn gus an là an diugh. Tha e mar uidhe bheag do thigh Ghrisipoll, agus is maith an leum e ri thoirt air aghaidh, gun ghuth a thoirt air ais.

Ead. le P. M'E.

D. C.

*Mu \*Chorra-ghráin mhòr America.*

Tha'n t-eun miorbhuileach so ri fhaicinn mu chuid de chladaichean America! 'Nuair a bhitheas e ag iasgach ann an doimhneachd uisge, cuiridh e solus a mach as a bhoilleach co laidir ri leus mòr. Le so théid aig air pailteas a ghlacadh ann an tiota. Is mòr an dearbhadh a th'againn air gliocas agus maiteas an Tighearna anns gach doigh a th' aig creatairean an domhain air teachd beo. 'S e so aon de na h-eunlaidh is eir-eachdail' a tha ri fhaicinn. Tha e ro-gharg, agus feumaidh an Giomanach a thilgeas e a bhi cinnteach gu bheil e marbh, no mar 'eil e ach leointe bithidh e na bhad, agus 's ann air sùilean an t-sealgair a bheir e a cheud ionnsuidh.

LETH-GHAEL.

**CUMHADH RIGH DEORSA.**  
*Air fonn. IORRAM NA TRUAIGHE.*

Leam is cràiteach an sgeula  
Th'air an àm so r'a éisdeachd san tir;

\* The great American Bittern.

'S e naigheachd so leòn mi,  
A chuir éididh a bhròin air an riogh'chid.  
Cha'n Ard-mharaiche fairge,  
No Ceann-feachd airm chaidh a dhì,  
Ach cui's mo mhulaid, 's mo chràidh,  
Och mo chreach! gun do bhàsaich an  
Righ.

Is na bhàsaich Righ Seòras?  
Flath oirdheirc na h-Eorpa gu léir,  
Ann am mòralachd pearsa,  
Ann an aoidhealachd dreach, is am beus.  
Fear do mhòralachd Rìoghail,  
Cha'n fhaic sinn gu dlinn a'd' dhéigh :  
Is thoill thu bhi d' uach'd'ran.  
Air an rioghachd is buadhair'fò'n ghréin.

'Bhliadhna thainig thu dh'Albuinn  
Bi'dh i ainmeil is alloil 'n ar cuimhn',  
Chruinnich Maithean na Dùthcha,  
Is Cinn-fheadhna do Lùth-chuit nan  
suinn.  
Thainig sluagh do d' chuid daoine,  
Air antarruing le d'aoidhealachd cruinn:  
'S a ghàir aibhneis a thogadh,  
An Dun-eidean, cha togar r'ar linn.

O ! b'e sealladh an àigh e,  
'Nuair chruinnich do chairdean o chéin;  
Bha do chùrtirean uasal,  
Gach aon diubh na shuaicheantas fein ;  
Ach fo bhreacan an f'héile  
Thug thu barr air an éididh gu léir ;  
'S cha robh stìl air na reultan,  
'S tu mar ghrian air ùr éiridh san speur.

Thainig Righrean gad fheòraich,  
O gach dùthaich san Eorpa gu léir,  
Leis gach Laoch is gach Ceannard,  
Choisinn buaidh anns an teannadachd bha  
géur ;  
Ach bha Breatunnach éibhinn,  
'Nuair dh'fheudadh iad éigheach le chéil,  
Cha'n eil Flath san Roinn-eòrpa  
Sheasas coimeas ri Deòrs' againn fein.

Bu chul' uamhais an iomairt,  
 Leis na dh' f heuch iad ar sgriosadh gu  
     lòm,  
 Oir cho'-aondaich na Riogh'chdan  
 Ar smàladh fo lochdar nan tonn ;  
 Shéid an doinionn le dìle,  
 Chaidh cadha fairg' agus sìoban m' ar  
     ceann ;  
 Ach sheas Breatunn gu buadhar,  
 Mar charraig nan stuadh anns a chuan.  
 O'n a chaochail an t-àrmunn,  
 Ciod a cheann'chas dhuinn tèarmunn  
     o'n bhàs ?  
 Cha bheairteas nan Innsean,  
 No 'mhòralachd rioghail is àird;

Cha'n eil buaidh air an nàmhuid,  
 Ach a bhuaidh sin a thàinig le Gràs :  
 Is tha sinne fo dhòchas,  
 Gun robh bhuaidh so aig Déòrsa na  
     bhàs.

Chuirinn fàilte le furan  
 Air aBhràthair Righ Ulileam nam buadh,  
 Air 'n do thuit an t-slat rioghail,  
 Le co'-aontachadh dìleas an t-sluagh.  
 Tha Bàn-righ nan cuantan  
 Breatunn uaibhreach ullach nan stuagh,  
 Fo mhoit gun do chrùnadh,  
 Ard-mharaiche rùnach a chuain.

LE BODACH NAN ORAN.

### SEANN ROB LIATH.

'Nuair bha eoin bheag na'n geung, 's gach spréidh a' gabhail tàmh,  
 Is gach aon ni fo'n ghréin, ach mi fein n'an cadal séimh ;  
 An sachd tha trom air m' inntinn gun do lion e mi le deoir,  
 'S ann na luidhe sios ri m' thaobh a bha aobhar mo bhròin.

'S a chridhe orm an tòir dh' iarr Seumas òg mo lamh,  
 'S ach aon chrùn de stòr cha robh dh'òr aige na thàmh ;  
 'S a los an crùn a dhùbladh gun d' fhalbh e nunn air chuan.  
 'S nam buannaicheadh e stòr gur ann dòmh's a bha bhuaidh.

An sèatha cuid de'n ràidhe cha robh mo ghràdh air chuan,  
 'Nuair luidh gu tinn mo mhàthair, is ghoid iad blàrag uainn,  
 M'athair fo throm chreuchdan, is Seumas air a chuan,  
 'S 'nuair thainig Rob am phòsadach 's i Seònaid bha truagh.

M'athair bhrist e làmh, 's chaidh mo mhàthair o'n t-sniomh  
 'S nam fuirghinns' am thàmh gum biodh iadsan gun bhiadh  
 Chum seann Rob iad o'n bhàs, agus labhair e le deur,  
 O Sheonaid air an sgàth thoir do làmh dhomh o'n Chleir.

Mo chridhe rinn a dhùilt bha mo dhùil ri Seumas òg,  
 Ach bha'n soirbheas ga shéide, 's bha 'n long an déigh a leon ;  
 Bha 'n long an déigh a leon, 's truagh nach mis a bh'ann san ròd:  
 Is c'arson a tha mi lathair a dh' àireamh an sgeoil.

M'athair bha e sàmhach 's bha mo mhàthair ruim an gruaim,  
 'S 'nuair a chunnaic mi fhein 'n deoir bba mi déonach anns an uair,  
 Thug iad dà mo làmh 's bha mo chridh' air bhàrr nan tonn ;  
 Is tha e nis na luidhe làmh rium, 's gur cràiteach sud leam.

Mios cha robh mi pòsda 's mi 'n còmhnuidh fo bhròn,  
 'S mi 'm shuidh am dhorus fein chunnacas taibhse Sheumais òig,  
 'S ann thainig mi gad' phòsadh 'se thuirt an t-òig-fhear rium,  
 'S ann an sin a chreid mi fhein nach i bhreug rinn mo shùil.

O ! 's trom a shil ar deòir, ar briathra beoil bu ghann,  
 Cha do ghabh sinn ach aen phòg 'nuair a dh' fhògradh e o m'chainnt.  
 'S truagh nach d' fhuair mi bàs ach thig e trà ni's leoир,  
 Is ciod uim' a tha mi làthair a dh' aireamh a sgeòil ?

'S mi mar thaibhs' anns gach àite, bonn stàdh cha'n éirich leam,  
 Cha smaointich mi air Seumas, bhiodh sud na eucoir thruim ;  
 Ach o'n is ann do sheann Rob a cheangla mi mar mhnaoi,  
 Gum bi mi mar mo dhàcheall gu dileas 's gu caomh.

Ead le T. S.

### *Iongantas nan Tri Saoghail !*

Iongantas nan Tri Saoghail !—  
 Ciod e dh' fheudas so bhi 'ciall-achadh ! — Ciod is urrainn bhi ann ! 'Bheil thu'n ad Fhear-briseadh na Sabaid ? Tha mi'n dòch-as nach 'eil : ach ma tha, 's tusa an t-iongantas sin !

Tha thu 'n ad Iongantas air Neamh ! An sin tha na h-uile cho sona, 's gur iongantach leo cia mar is urrainn thu'n latha beannuiclite - sin a mhi-naomhachadh a ta 'na shamladh air neamh, agus a shonruich Dia Nèimh gu bhi air a choimhead naomh ; oir is aithne dhoibh gu maith, ma bhàsaicheas tu'n ad Fhear-briseadh na Sàbaid nach urrainn thu gu bràth tighinn far a bheil iadsan.

Tha thu 'n ad Iongantas air Thalamh ! — Tha na h-uile fior Chriosduidhean a' mealtuinn sòl-

asan cho naomha air Là an Tigh-earna's gu bheil iad a' gabhail iongantais riut, agus ri bron os do cheann, mar namhaid do Dhia 's do d'ñam fein, am seadh tha thu caitheamh do bheatha ann am briseadh an latha choisrigte. Is àill le Dia a ràdh, "Coimhidh sibh mo Shàbaidean." Ach tha thusa le d' ghniomharaibh ag ràdh, "Cha choimhid mis' iad."

Tha thu 'n ad Iongantas an Ifrinn !! Tha deamhain agus anama calltach cho truagh 's gu bheil iad a' gabhail iongantais riut, mar chiontach cho mòr 'na aghaidh-san a b' urrainn do bhualadh marbh ann an tiot, agus d'fhògradh a dh' ionad na dòruinn maille riun fein.

Tha sinn a leughadh ann am Focal De, mu aon ann an Ifrinn a

bha co cràiteach's gu'n do ghuidh e  
gu'm biodh fios air a thoirt d'a  
chùignear bhráithrean air a staid  
mhuladaich, chum gu 'n rachadh  
iad as o ionad na dòruinn sin!!  
Na bi ni's fhaide'n ad leithid so  
de dh' iongantas! Dlùthaich ris an

t-Slanuighear mar pheacach aith-  
reachail; an sin bidh ainglean De  
le h-ioghnadh a'deanamh aoibhneis  
“airson aon pheacach a ni aith-  
reachas.” Luc. xv. 7. [Ead.]

Le DOMHNULL.

Chum “An Teachdaire Ghaelich.”

### NAIGHEACHDAN.

Ghlac na Frangaich Algiers, agus  
le cead Uachdarain eile na Roinn-  
eorp, gleidhidh iad greim air an  
tìr gus an d'thig iad gu socrach-  
adh m'a timchioll.

Tha Pharlamaid r'a cur fa sgaoil;  
agus is iomad costas, ùpraid, agus  
othail a bhitheas ann, m'an taghar  
muinntir a shuidheas san ath-Phar-  
lamaid.

Bha'n aimsir san àm a chaidh

seachad gu fliuch fuar. Tha 'm  
bàrr tròm, agus ma thig an uair a  
so suasfreagarrach, bithidh e tarbh-  
ach, ach is ni cinnteach gu'm bi e  
mìos ni's fadalaiche na b' àbhuist  
dà.

Tha mhin agus an t-aran air  
togail, le coslas bagarach na h-  
aimsir, agus le gainne tha iad a'  
faireachduinn an Eirinn.

### FOCAL SAN DEALACHADH.

Fhuair sinn litir Mhurchaidh, ag iarraidh oirnn beagan de'n Ghaelic ùir sin a tha  
iad a'fuineadh an Glaschu an trà so, a chur dhachaidh, a dh' fhaicinn cia mar  
chòirdeas i riу.

Cha'n-eil agaínn mar fhreagradh dha so, ach nach 'eil am *bonnach-beag* bruich  
f'hasthast; agus deanadh e cleas na brigise glaise air an t-seana Ghaelic, leanadh e  
rithe gus am faigh e ni's fearr.

Tha mòran agaínn ri rádh san àm ri'r càirdean lionmhòr, ach cuiridh sinn dàil  
ann gus an ath-àireamh.

'S e ar n-iarrtas, a so suas, gur ann a dh'ionnsuidh Dr. Dewar a thèid gach litir  
m'an t-Searmoin a chur; agus gach ni a bhuiteas do'n Teachdaire a chur a dh'  
ionnsuidh Dr. M'Leod; oir cha do chuir Dr. Dewar focal riabhach f'hasthast anns  
an Teachdaire-Ghaelach.

AN

## TEACHDAIRE GAELACH.

CEUD MHIOS AN FHOGHARAIDH.

XVI. AIREAMH. 1830.

LATHA CHOMUNAICH.

B' ANN air maduinn Sàbaid a Chomunaich a ràinig mi an sgìreachd sin anns an d' fhuair mi mothogail, agus m'árach, an déigh dhomh bhi iomad bliadh'n ann an tìr chéin. M'an d'éirich a ghrian, bha mi as mo leabuidh; agus thug mi orm ceann toiseach na luinge, a bha dlùthachadh le sruth agus soirbheas a dh'ionnsuidhì tìr mo cheud chuimhne.

Bha mullach nam beann air an òradh le òg gbathaibh na gréine; bha 'n soirbheas a bha againn rè na h-oidhche a nis a'fàillneachadh, bha féith nan neul a' teachd air a chaol; agus sàmhchair maduinn an Tighearn a' sgaoileadh ann an àilleachd chiùin air gach taobh,

A cheud sealladh a fhuair mi air beanntaibh dorcha mo dhùthcha dh' at mo chridhe; agus thainig reachd a' m' mhuiineal. Shuidh mi cùl an t-siùil, agus bha mi taingeil, gun d'fhuair mi mo dheidir a shileadh an sàmhchair. Cha'n eil e a'm' chomas innseadh, co dhiùbh bha mi deònach gabhail air m' aghaidh, no pilleadh air m' ais o'n dùthaich sin, far nach robh iadsan a nise beo a dh'fhlàtticheadh mi le deòthas agus báigh an anama. Ach mhothaich mi, mar gum biodh cumhachd diomh-

air gam éigneachadh air m'adhart —sruth laidir mo chladaichean fein ga m'dheothal d'an ionnsuidh.

Ann am uile imeachd allabanach seadh an t-saoghail, ghiùlain mi air mo shiubhal an leabhar salm sin, as an euala mi m'athair a leughadh an t-sailm fa dheireadh thog mi maille riusan, a tha nis a chuid is lionmhoire dhiubh, 'nan sìneadh r'a thaobl. Is iomad là, fo ghréin loisgeach nan Innsean, a dh' iarr mi sgàile nan craobh ga léughadh; agus cha d' thainig buaireas air m' intinn, o nach d' fhuair mi faobbachadh ann an leughadh nan Salm. Dh' fhosgal mi nis e, agus le leughadh an seathadh salm thar an t-seachd fichead, mhothaich mi nach do chaill iad f hathasd an cumhachd thairis orm.

Dia molaibh; mol, O m' anam, Dia,  
Molaidh mi Dia ri m'bheò;  
Ard-seinnidh mise cliu do m' Dhia,  
ri fad mo rè's mo lò.

An déigh dhomh mo thaingealachd a chur an céill gu tosdach dhàsan d'an léir an cridhe, airson an tearuinteachd a dheònaich è dhomh air mo thurus, chaidh mi gu tìr.

Bha e f hathasd ro mhoch

dhomh dol gu tigh sam bith, agus chaidh mi uime sin, ceum as mo rathad, a dh' fhaicinn eaglais na sgìreachd ; agus an cladh sin anns an do chàiricheadh iomadh aon o'n là a dh' fhàg mi an dùthaich. Ghabh mi mo chuairt bhrònach air feadh nan leachdan uaigheach. Cha robh feum agam air fear-iùil. Ghluais mi o uaigh gu uaigh, a' cumail comhnaltradh a'n' inntinn féin leosan a bha àillidh 'n am beatha, agus 'n am bàs nach robh air an dealachadh.

Shuidh mi fa dheireadh air tolman uaine bha ann an àite leth-oireach, ach cha robh e na aonar : bha leapuichean caol eile ma thim-chioll ann an dlù chàirdeas. Is mise thuig, gun leachd-lighe ga innseadh, cò bha nan sìneadh fo na fòidibh gorma sin. Am measg nan uaighean so, leig mi le m' chridhe labhairt; agus cha do chaisg ni mo dheòir. Fo na fòidean so, arsa mise, tha iadsan nan sìneadh, a chuireadh an diugh failte le furan ormsa, nam biodh iad 'an tir nam beo. Ach is peacach so, a deir mise, tha mo dhòchas gu bheil iad ann an tìr ni 's fearr. B'òg mi, a' seasamh ri'n glùn, 'nuair a dli' aithris mi an laoidh sin a tha nis a' toirt domhùsolaist,

C'arson ma ta bhios mi ri bròn,  
mar dhream gun dòchas mòr;  
Am bheil sa' bhàs ach teachdair sìth'  
'gan gairm gu riogh'chd na glòir'?

Bha mi nise sonadh ; dh'f hairich mi mar gu'm biodh a cheud choinneambh eadar mi agus mo chàirdean seachad ; mar gu'm biodhamaid an déigh ar cridhachan fhosgladh da chéile, agus ar deuchainne taoblh air thaobh o dhealaich sinn innse.

Ghabh mi dh' ionnsuidh tigh-còmhnuidd a charaid bu dilse dhomh bha san dùthaich. Bha iad san f'hàrdoich so f'hastast, a dh' f'hàiltich mi le bàigh agus le furan.

B'e maduinn là a chomunaich a bh' ann, agus bha gach aon a' deanamh deas gu falbh ; agus sealladh ni's taitnich cha'n eil e comasach fhaicinn, na sluagh dùthcha a' togail orra dli' ionnsuidh na cuirme naomha. Bha astar mòr aig cuid de mhuianntir na sgìreachd so ri dol, thairis air muir a's monadh, tre aibhnicibh bras, agus trid garbhlachibh aimhriceach.

'S ann air leth-thir na dùthcha bha'n eaglais ; air faiche bhòidh-each, ri taobh a Chaoil sin is àillidh na gach caol eile am bheachd, ged is fad a shiubhail mi. Bha sluagh an leth-thir a' gabhail na slighe ; cuid diuibhsan a b' aosmhoire a'marcachd air cùl na srathrach, agus an ògridh a gluasad nan deigh

An t-aosda, 's an erom, 's an dall,

'S gille nan teum baobh na cheann;

Euslaint ag ainich le pèin,

A làmh critheach, 's a cheum mall.

Bha mòran a' gabhail suas'an cois an fhearainn ann am bataichibh : an t-sean-bhean, an crippeach lag, an t-aosda anf hann ; a mhàthair le naoidhean air a cùch ; 's an dioldéirce bochd, leis a churachd agus an cleòchd a fhuaras an iasad airson no còmhdaibh ; — a li-uile seòrsa cedar àrd agus iosal, eadar lag agus laidir, a' triall le chéile gu àros De.

Seadh, chaidh mi leo le gàirdeachas,

is moladh fòs le chéil',

Seadh leis a chuideachd sin a bha

a' coimhead latha feill.

Air taobh garbh na dùthcha, agus anns na glinn bha mòran sluaigh a chòmhnuidh; chìte iad so ag iadhadh a nuas mu ghuala nam beann, agus a'ruigheachd an rathaid mhòir o gach gleann a bha treòrachadh d'a ionnsuidh. Mar so bha 'n t-slighe chum na h-eaglais a' sìor-dhòmhachadh, mar chìtheart abhuinn mhòr ag at le lionmhoireachd nan allt 's nan sruthan a tha ruith d'a h-ionnsuidh.

Dhlùthraig an sluagh air an eaglais, ach mhothaich mi gun do shuidh mòran diubh air leachdan, agus uaighean an càirdean.

Chìte an so, a bhantrach bhrònach, 's an turamanaich air fòid an fhir sin leis am b' àbhuist di dol suas do thigh agus do theampull Dhe. Chite an t-athair agus a mhàthair a' sileadh nan deur le chéile, a dearcadh air an tolman ghoirid, a bha air ùr thogail; agus chluinnt an t-aosmhor lag ag rádh r'a mbac, so an leab' anns an càrich thu mise, far a' bheil m'athair agus mo shinnsean romham.

Chualas fuaim na téis bhinn, an Clag bu taitniche fonn. Chruinnich an sluagh m'an phàilliun sin a muigh air an lär, auns an robh ministeir na sgìreachd ri labhairt ri. Cha chumadh an eaglais trian de'n t-sluagh, agus dh'fհàgadh i aig luchd na beurla. Bu shealladh e nach feudadh gun drùghadh air gach cridhe, 'nuair a thòisich seirbhis an latha. Bha iad a' suidhe 'nan teaghluichibh; bha sàmhchair bheannaichte 'n am measg; bha irisleachd air gach gnùis; bha iomadh sùil ri nèamh; bha na bilean a'gluasad ge nach robh focal r'a chluinntinn; bha còmhdaча cinn nam fear air an lär; bha iomad làmh air a togail gu dùrachdach suas, agus b'f'hur-

asd a thuigsinn gun robh an co-thional ag asluchadh beannachd an Ti a's airde. Thugadh a mach an t-salm, agus thòisich a choisheirm bhinn,

So fein an là a dh' òrduich Dia,  
sam bi sinn suilbhír ait.

Foir, guidheam, guidheam ort a Dhe,  
nis soirbhich leinn gu pait.

B'iad na briathran a ghabh e mar stéigh a theagaisg air an là so, Luc. xxii. 19. *Deanuibh so mar chuimhneachan ormsa.* O'n cheann teagaisg so, leig e ris doibh ciod e Criosd a chuimhneachadh; labhair e m' an èolas, m' an ghràdh agus m' an chreidimh a tha filte steach anns a chuimhne so chumail; agus ann an cainnt, nach feudadh gun drùghadh air gach cridhe, leig e ris na sochairean lionmhor a ta sruthadh o chuimhne cheart a chumail air Iosa. 'Nuair a thainig e chum nam fìrinne so chàradh ri cor anama bha leointe air son peacaiddh, 's iomad dùile bhochd a fhuaire sòlas. Ciod, a deir esan, is urrainn am barrachd sòlais a thoirt do'n aithreachan bhrònach, na smuainteach air Slanuighear a chaidh a leon air son eu-ceartan agus a bhruthadh air son aingidh-eachd-san? cuimhneachadh air an fluill sin a ghlanas o gach uile pheacadh; cuimhneachadh air san a shaor cheana na mìltean do shliochd pheacach Adhaimh, agus a ta f'hathast a toirt cuireadh càirdel do gach neach a tha sgìth airsneulach agus fo throm uallach a pheacaidh, iad a thighinn d'a ionnsuidh-san, agus gum faigh iad suimhneas d'an anamaibh. O! is milis, a deir e, cuimhneachadh air Slanuighear a' dortadh a mach anama mar iobairt air son peacaidh; ach is millse gu mòr cuimh-

neachadh air mar Fhear-tagraidh tha'an làthair Dhe as leth a phob-nill. Chaidh e air adhart a'leigeadh ris doibh cia cumhachdach 's a tha cuimhn air bàs Chriosd a chum fuath a dhùsgadh san anam an aghaidh a pheacaidh, chum gràdh do'n t-Slanuighear a bheothachadh, chum gràs a neartachadh, agus ullachadh air son bàis agus breitheanais a thoirt m'an cuairt. Còars' esan, ann an co'-dhunadh, anns an t-saoghal bhochd aingidh so, a dhiultas cuimhn' a chumail air bàs an Fhir-shaoraidh. Deanadh daoin' eile mar is àill leo, ach air mo shons', ars' esan, le dealas àrd na ghnùis, 'An là a dhi-chuimhnicheas mis thus', Iosa bheannaichte, dì-chuimhnicheadhl mo dheas làmh a h-innleachd, leanadh mo theanga ri 'm ghial mar cuimhnicheam thu, mar annsa leam thu na m' aoibhneas is àirde.

An déigh na searmoin, chaidh am ministeir air adhart a réir modh na h-eaglais a thoirt cuireadh do chairdibh an t-Slanuighear teachd air an aghaidh; agus a' toirt sанс do pheacaich iad a dh'fhuireach air an ais. Cò is urrainn a chur an céill an dlù-airé, agus an socrachadh anaima leis an d-éisd an co' thional ris a chuid so de sheirbhis an latha. Mar thoirmisg e peacaich, leùghdarras àrd mhaighstir na cuirme, mhothaich mi an fhuil a' sìoladh an gruaidh cuid diubh; mar gum biodh uamhas air a dhùsgadh nan cridbeachaibh; ach 's ann an uair a thòisich e ri labhairt ann an cainnt a ghráidh ri luchd-leanmhuijn an Uain, a chuala mi an osna throm, agus a chunnait mi na deòir gu frasach a' tuiteam.

Leanaibh mi, ars' esan a mhuinnitir mo ghráidh, gu h-ath-

aiseach riaghailteach, mar is gnà leibh, a dh' ionnsuidh a bhùird, agus seinnibh mar thèid sibh air ur n-aghaidh, an Ceathramh Salm thar an fhichead, o'n treas rann,

Cò e am fear a thèid a suas,  
gu tulaich naomha Dhe?  
Is fòs 'na ionad naomha-san,  
cò sheasas ann gu rèidh?

Ghluais iad a dh'-ionnsuidh na h-Eaglais, cha robh strìgh còbhiodh air thoiseach, agus cha robh iarruidh gu bhi air deireadh.

Dh'éirich mar chòladh na slòigh,  
Le salm nuaidh 's le clàrsach ghrinn,  
Cridh a's beul a gleusadh phong,  
A coimeasgadh nam fonn binn.

Shuidh iad m'an bhord, ach thug mis orm air an àm ait' iomallach san eaglais, agus leag mi mo cheann air a bhord a bha romham. Ged a dh' fheuch mi gach smuain shaoghalta fhuadach air falbh, gidheadh car tamuill dh' fhartluich so orm. Thainig na làithean agus na daoin'a dh'fbalbh gu m' chuimhne. Chunnaic mi, air leam, agus chuala mi ministeir mo ghráidh nach mair-eann—na foirfich chòir a b'abhuisit frithealadh air na bùird—chunnaic mi m'athair, agus mo mhàthair, mo chairdean agus luchd mo ghaoil, a' gluasad a dh'ionnsuidh a bhùird; dh' aithnich mi, air leam, an guth san t-salm; agus cha b'urrainn domh a chur am fiachaibh orm fein nach robh iad a làthair. Ach thainig smuainte ni's prìseile am chuimhne 'nuair a thòisich na bùird. "Tha caraid ann, arsa 'm Ministeir 's e töiseachadh, a leanas n's dlùithe na aon bhràthair." Thog e mo chridhe gu cuimhneachadh air-san a chuimhnich ormsa, eadh-

on gu bàs. Chaidh mi dh' ionnsuidh a bhùird, ghlac mi cupan na slàinte, agus ghairm mi air mo Dhia. Bha Criod, agus esan air a cheusadh air a chur fám' chomhair, bha co'-chomunn sòlasach aig m' anam ris anns an órdugh. Smuaintich mi air buaidh a chroinu-chensaidh; agus thug an Spiorad dhomh mothachadh, gu'm b' iad creuchdan Chriod m' ioc-shlaint-se; fhlangas mo shìth; osnaichean òrain mo ghairdeachais; a näire mo ghlòir, a bhàs mo bheatha, agus obair gu leir saorsa m' anama. Leigeadh dhomh mo thaic a chàradh air, is bha mo chridhe làn de bhròn naomha, a's de dh'aoibhneas ard. Dhùisg m'fhuath air a pheacadh; las mo ghràdh air mo Dhia. Thogadh mi gu sliabh Phisgah, fhuair mi sealladh air tìr a gheallaidh, agus earlais roimh-laimh air subhachas nan naomh.

Dh' éirich mi o'n chuirn, agus thog mi le m' cho'-chàirdibh gaolach am fonn taingeil,

O m' anam beannaich fein a nis

Iehobhah mòr do Dhia;

Na di-chuimhich na tiodhlacan

a dheònaich dhuit an Triath.

Chuir mi seachad a chuid eile de'n latha ag éisdeachd nan daoine taitneach a bha mach air a bhlàr, agus bha iad d'a rìreadh taitneach; oir ged a dh'ionndrain mi na sean laoich thréin a b' àbhuist a bhi 'n so air a leithid a dlr àm, bha aobhar agam a bhi taingeil gun d'thainig caomhain ghaolach nan àite, nach robh air deireadh. Leo, air gach dòigh, bha mi làn riariuichte. Agus bu taitneach fhaicinn am meas a bha aig a cho'-thional orra. Cha robh aomadh no togradh gu dol chum nan tighean òsda; cha robh iad 'n an buidhnean an sud 's an so a'sean-

chas ri chéile, ach mar aon phobull aig an robh an aon obair mhòr 'n am beachd.

Thòisich an t-searmoin bhuidheachais, o Deut. iv. 9, 10. "A mhàin thoir an àire dhuit fein, agus gleidh t'anam gu dichiollach, air eagal gu'n dì-chuimhich thu na nithe sin a chunnaic do shùilean, agus air eagal gu'n dealaich iad ri d'chridhe uile làithean do bheatha —Gu h-àraidh an là a sheas thu an làthair an Tighearna do Dhe ann an Horeb." O na briathraibh sin chuir e mu'n coinneamh cui'd de na sealaidhean taitneach a chunnaic sùil a chreidmhich aig bòrd comunaich. Man t-sealladh a fhuair iad an sin air gràdh, air cumbachd, air gliocas agus air naomhachd Dhe. Labhair e m'an t-sealladh a fhuair iad air geur-chruas an lagha agus air toilltinneas a pheacaidh. Labhair e m'an taisbeanadh a thugadh dhoibh air gamhlàs agus lèir-sgrios an naimhdean, agus air àilleachd agus glòir tìr a gheallaidh. Chaidh e'n sin air aghaidh gus an earalachadh am briathraibh a theagaisg, gus an aire thoirt doibh fein, agus an anama a choimhead gu dìchiollach.

Bha ghlrian a tearnadh san Iar m'an d'thainig e gu crèch, ach cos-las sgòs no fadal cha'n fhaca mi air a h-aon. Tha 'n obair, a deir esan, m'an d'thainig sinn an dingh cruinn, a nis dlù air bhi crioch-naichte; agus 's ann aige-san a ta shuas, a mhàin aig a' blàcil fios cò a shuidhleas a rìs aig bòrd comunaich. M'an tig an ath-chiòmhail san àite so, fosglar ionad aon de na h-uaighean sin air a' bheil sibhse san àm 'n ar seasamh, agus bithidh cui'd agaibhise ann an suain a bhàis anna. O, ma ta, bithibh dìleas d'ar bòidean; bithibh dìleas d'ar Dia! Deanadh a ghràdh d' ar n-anamaibh ur co-

éigneachadh gu bhi beo dha. Air a ghràdh-san duibhse dh' fheudamid labhairt gus an rachadh a ghrian ud fodha 's gu'n éireadh i a ris; seadh cha bhiodh an sgeul air a làn-aithris gus am fàsadh a ghrian ud doilleir le aois, gus am fàillicheadh nàdur, agus am mionnaicheadh an t-aingeal cumhachdach *Nach 'eil aimsir ann nì's mò.* An sin fein cha bhiodh an deicheamh nìlè cui'd deth air innseadh.

Feadh linnte bith-bhuantachd gu léir  
togaidh mi òrau binu;

Ach O ! 's ro ghoirid bith-bhuantachd,  
gu moladh Dhe a shéinn.

A muinntir mo chridhe 's mo ghaoil ars' esan, Slàn libh. Dia bhi maille ribh ! Bha 'chridhe fein làn, agus is ann le cainnt bhrìstich agus le deuraibh a thog e 'n ùrnigh fa dheireadh suas. Cho-dhùineadh an t-seirbhis.

An i so, arsa mise, a Ghaeltachd

air a' bheil luchd nam bailtean mòr a' deanamb tàir? An iad so, a deir mise, na Ministeirean Gaelach air a bheil a cho liugha tuaileas air a thogail, agus cùl-chàineadh air a dheanamh?

O ! thir nam beann! tìr mo chridhe, tìr mo ghràidh ! Gu ma fad a bhithcas do Shàbaidean naomh air an cumail mar bha an t-aon so ! Gu ma fada chluinnear teagasan co fallain air an sparradh air do luchd aiteachaidh, agus do chainn mhillis bhlasda fein air a labhairt co snasmhor agus co drùigheach !

Am feadh 's is beo mi, cha di-chuimhnich mi an t-aon ghuidhe dùrachdach, teas-chridheach, a thog gach aon, agus mar cho-chriochnaich an coimhthional mòr sin mar nach biodh ach aon bheul ga labhairt, agus aon chridhe ga ghuidhe. *Amen, agus Amen.*

AM MORBHEINNEACH.

### AN T-SÀBAID.

An là so nach tosdadh 's nach ciuin !

Is anail cia cùbhrai neo-shearbh !

Tha sàmhchair is fois air a ghnùis,

'S e'n saoghal dh' fhàs diùid agus balbh ;

Cha'n fhaicear, ged sheall air gach laimh,

Aon duine no ainmhídh ri stà—

Tha gach creutair nan ionadaibh taimh ;

Gu taingeil, cur seachad an là.

Tha gach ionad bha luineach is làn,

Gun iomra air stà no air sùrd :

Mar cluinnear guth ùrnigh no dàin

A d'readh gu àrd Righ nan dùl :

Tha'n saoghal air aomadh na shuain

Cha'n fhaicear ann gluasad no saoth'r—

'S cha chluinnear ann tartar no fuaim

Ach guthanna uasal is caoin.

Tha 'n uiseag a gleusadh a ciùil—  
 'S am brudearg, gu sunndach ri ceol—  
 An smèòrach, nan comunn le sunnd,  
 'S an lon dubh le stùrd mar bu nòs ;  
 Ciod thuige an t-sàmhchair san fhois,  
 Tha coit-chionta os agus thall ?  
 Nach ioghna aon bheul bhi na thosd ?  
 'S gu moladh aon teanga bhi mall !

Nach binn e, an ceol a tha 'm chluais !  
 Nach fonnar fior uasal is caoin !  
 A' dìreadh gu flaitheanas suas  
 Ard mholadh an Uain is a ghaoil ;  
 'S an ioghma ged sheinneadh gach beul  
 A mholadh gach rè agus lò ?  
 Ged sgaoileadh le aoibhneas an cèin  
 Ged chliùithich le chéil' e gach slògh ?

'S an teampull san cruinnich a shluagh  
 A mholadh cha'n fhuar is eba chli ;  
 Tha spiorad gan còmhnhadh gu luaidh—  
 A gleusa sa gluasad an cri ;  
 Oir chunnaic iad aiteal da ghlòir,  
 'S cha d' cheileadh a bhòichead on sùil ;  
 Is dh'aontaich le h-aoibhneas is deoin  
 An gaol a thoirt do is an rùn.

A chliusan na farum nan tend  
 Is binne gach rè agus iai ;  
 'S a ghràdhsan is mìlse gach rè  
 No mbil thig o 'n chéir tha do'n bhial ;  
 Ach thosd e ! is dh'imich na slòigh,  
 Gu bòidheach gu'n còmhnuidhean fein ;  
 Gu foistinneach, farasda, fòill  
 Le h-inntinnibh còmhnbard da réir.

Tha 'm feasgar air ciaradh man cuairt,  
 'S gach creutair air gluasad gu tàmh ;  
 'S air aghaidh a chruinne san uair,  
 Luidh tosdachd, luidh suaimhneas is pràmh.  
 Mar cluinnear measg dhuilleach nan crann,  
 Caomh osnайдbean fann aig a ghaoith—  
 No toraman nan caochan o'n ghleann—  
 No binn cheol naomh dhàin agus laoidh,

Cha cluinnnear air anail nan spenr  
 Aon fhuaim a tha eatrom na trou ;  
 Luidh snain air an t-saoghal gu leir  
     Air còmhnaidh 's air garbhlaech nan tom.  
 An oidheche a dù bhrat do sgoail,  
     Air aghaidh an t-saoghail's gach àit ;  
 'S tha codal air chlanna nan daoin  
     A braona gu caoin is gu tlà.

FIOA GHAEIL.

## CUAIRT A MHINISTEIR GHAEILAICH.

Is iomad dleasnas ro chudthromach a tha'n earbsa ri Ministeiribh an t-Soisgeil ; ach cha'n f hiosrach mi gu bheil ann a h-aon is cùd-thromaire, na dhùisgeas barrachd iomaguin na chridhe fein, no co-chomunn a chumail aig bruaich a bhàis ris an anam sin a tha, do réir coslais, ann an ùine ghoirid ri bhi ann an siorruidbeachd, Air uairibh gu dearbh, tha e ro shòlasach ; 'nuair tha ar gnothach ri fior chriosduidhean agus ri creid-mhich naomha. An sin cha'n eil againn ach an dòchas a bheothachadh an tòir air an rioghachd sin a gheall Dia dhoibhsan aig a' bheil gràdh dha; an tarruing chum an anama earbsa r'am Fear-saoraidh, an taic a chàramh air gràdh agus geallaidhean Dhe, agus a ghìlòrachadh air leabuidh ann bàis, le bliù làn strìochdta d'a thoil, agus mar so am tàladh nan suain ann an Iosa.

Ach c'àit' a'bheil am fear-teagaisg sin nach d' f hairich e fein ?' fàillneachadh fo gheilt ri taobh leaba an easlaintich, gun f hios cò dhiubh a'labhradh e bagruidhean an lagha no geallaidhean an t-Soisgeil. Dùrachd a chridhe fein sìth a labhairt, ach eagal anam'air so a dheanamh, gun f hios am bu chòir sìth a bhi ann. Esan na an-

mhuinneachd a' labhairt ri anam a tha dol a mach air a thurussiorruidh; ri anam nach cluinn guth eile, gus an cluinn e guth an àrd Bhreith-eamh da ghairm an dara cuid chum sonas, no da fhògradh gu dòruinn.

Ach ged a tha'n dleasnas so ro chudthromach agus iomchuidh, is bitheanta a tha e tachairt gur ann an uair a thainig an oidhche anns nach urrainnear obair sam bith a dheanamh, a tha cothrom air a thoirt do mhinisteiribh an t-Soisgeil frithealadh orrasan a tha tarruing dlù do'n bhàs. Mar nach biodh e iomchuidh a h-uile triobluid a leasachadh chum maith an anama, cha ghabhar suim do easlainte sam bith, ach an t-aon a tha do réir coslais a chum bàis. Mar gun d' thugadh uidheamachadh tràthail daoine nis dlùithe do'n bhàs, tha daoin'a'cur dàil ann am fad 's a tha cuisle na beatha a' bualadh. Mar gun biodh bàs do ghnà an cois ministeir, cha'n iarr iad gu leaba na h-easlainte e, gus an searg gu h-iomlan gach dòch-as aimsireil.

Agus cha'n e so a mhàin fàth ar gearain; ach tha'n amайдeachd cheudna air a taisbeanadh anns an dearmad is bitheanta le daoin' a dheanamh air fios a chur air

léigh gus am bi e tuille 's ana-moch.

Is iomad dearbhadh a fhuair sinn air so 'nar latha, agus is goirid gu dearbh o'n a fhuair sinn dearbhadh ro chianail air.

O cheann beagan ùine bha mi a tilleadh air m'ais o thigh aoraidh an Tighearna air feasgar là na Sàbaid, 'nuair thachair orm dithis dhaoine demhuinntirnasgìreachd, a' gabhail an rathaid.—C'arson, a deir mise, an déigh dhomh failt a chur orra, nach robh sibhse an diugh san t-searmoin mar bha daoin' eile. Ma ta, ars' iadsan, ge nach robh tha dòchas againn nach agair Dia sinn; 'Si obair na tròcair a bha sinn a' deanamh. Bha sinne an diugh, a deir iadsan, a coimhead a Ghille bhochd ud sa bhaile so shuas a tha ann an triobluid.

'S ann de dh'oibríbh na tròcair sin gu dearbh, ach is duilich leam a thoirt fainear, gu bheil cuid de dhaoine a' gabhail os laimh a bhi ro iochdmhor air là na Sàbaid, anns nach eil iochd no tròcair air là na seachduin. Ach cia mar tha'n Gille? Fhreagair iad gun robh ann an staid ro bhochd.—Gu dearbhl, arsa fear dhiubh, cha robh fiughair aca gun sìneadh e gus a so; agus bha e co lag san àm san d'fhalbh sinne, 's gun dubhlairt athair nach bu mliuste leis sibh féin ga fhaicmn. Is duilich leam, arsa mise, mar tha e—ach is duilge leam na sin, a dh'aindeoin ni's urrainn domh a ràdh na dheanamh, nach d'thoir sibhse fios tràthail, gu bheil ur càirdean ann an triobluid, no cothrom a thoirt do Mhinisteir frithdealadh orra mar bu mhian leis, agus mar bu chòir dha a dheanamh.

Dhùrich mi suas, agus ràinig mi'n tigh san robh 'n triobluid—bha e lom-làn de dhaoine, agus

an àite fionnfhuair eachd agus socair a thabhairt dha-san a bha fo iarguin, 's ann a bha e air a mhort le aodach leapach, agus air a chur na blreichlich le gleadbhreach agus le seanachas dhaoine. Sheas mi stigh greis m'am bu léur dhomh Jéus. Ma dheireadh spionadh a mach sean aodach leis an robh 'n uinneag air a dùnadhdh, agus chunnai mi 'n t-easlainteach — Mo thruaighe! bu chianail a chàradh. Labhair mi ris, ach bha e cheana gun èolas gun aithne—bha fiamh a bhàis air a ghnùis, agus chunna mi gun robh a là seachad. Cha'n eil esan, ars' a mhàthair ach lag, is cha nàr dhà. M'f heudail! 's ann aige-san a bha'n gleachd cruaidh o thainig an là.

Tha e coltach,(arsa sean bhean eile a bha turamanaich ri taobh na leapa,) gum fòghnadh cion a bliadh fein dà gun tighinn air dòruinn. An saoil sibh, a deir ise, an do bhliais e sion saoghalta o cheann trì làithean—ach cinnteach gu leoир, bha sinn a' toirt deur spioraid dha, agus ged a bhitheas sibhse agus na Doctairean na aghaidh, coma libh, thug e neartachadh mòr dhà-san. Bithidh mise na aghaidh, agus gach neach aig a' bheil ciall no mothachadh. Sheachainn sibh a phuinn-seanachadh, ach cha b' urrainn duibh teachd ni's dlùithe air. Cha'n eil teagamh nach feudadh e bhith ni bu neartmhoire an déigh dha fhaotainn; ach c'arson? ach a chionn gun robh am barrachd fiabhruis a bha na lorg car tamuill ga neartachadh. Tha mi 'g innse dhuibh gur ceart co maith dhuibh a ràdh gur lughaid an lasair sin barrachd connaidh a chuir oirre, agus a ràdh gur lughaid am fiabhrus, leis a'bheil fhuil-san air ghoil, deur spioraid a thabhairt

dà. Ach an do chuir sibh fios air an Doctair?

Ma ta, ars' an t-sean-bhean, chuir sinn an ceart uair fein gille air falbh air a thoír. Bithidh e na toileachadh dhuinn fhein an Doctair ga fhaicinn, co dliubh ní's na nach dean e feum dhà-san.

Is bochd an toileachadh sin, a bhean; ach c'arson nach do chuir sibh fios air ni bu luaithe?

Cha'n 'eil fhiös, f'hreagair i, nach bu chòir sin; ach tha na Doctaírean a nis cosgail. Ge beag a chomhairle fein, cha d'thoir iad seachad a nasguidh i.

Cha mhò a dh' fheumadh iad, arsa mis, a thoirt. Is iomad cosgas a tha orra fein m'an d'fhuair iad an t-ionnsachadh tha toirt comas doibh comhairl' a thoirt. Is iomad cunnart anns a bheil iad ga'n cur fein, agus is iomad oidhche iomaguineach airtnealach a tha iad a' cur seachad.

Is fior sin, arsa seann duine,— agus air son a chosgais dheth, cha'n eagal nach rachadh againn air—ach a dh' innse na firinn dliuibhse, cha d'f hairich sinn mòran an déigh aige fein air Doctaírean: agus air mo shon fhein deth, cha'n fhaic mi ciod am mòran maith a tha iad a'deanamh.

Mo thruaighe l'a Lachlainn, cha'n ann ris a Ghille bhochd bu chòir a chomhairl' a chur. Cha robh déigh aige-san air Doctair, oir cha'n fhaic e'fheum air; ach innis so dhomh, c'ar son nach 'eil Doctaírean am bitheantas a'deanamh féum, ach a chionn nach cuir sibhse fios orra am feadh 'sa dh'fheudadh iad féum a dheanamh; agus nach lean sibh an comhairle an déigh a faotainn.

Tha e coltach, ars' an t-sean-bhean gun robh ùpraid gu leòir air-san o thainig an là, gu'n

chùngaidh Doctair a thoirt dà. Bha iad mar sin, air m' aodan 'sa los cuileagan Fràngach a chur ris—Ach cha chuir, cha chuir!—cha d'théid thus' a cheist do'n ùir le craicionn briste.

M'am b'urrainn domh amaideachd agus faoineachd nam briathra so a leigeadh ris, labhair seann duine a bha na sheasamh 'san éisdeachd. Nach'eil sinn, ars' esan, a Mhinisteir, an earbsa, ri'r n-àrd léigh, agus ma tha slàint' ann dà-san, nach 'eil Dia comasach air a toirt dà.

Rainig sibhse, a deir mise, a dhuine an cùltaic; tha sinn gu leir an earbsa ri Dia; agus clù d'a ainm tha e a làthair air gach àm, agus anns gach àite. Tha Dia uile-chomasach, agus cho chomasach air a Ghille so aiseag a nis chum slàinte, 'sa bha e air do shùilibh-san fhosgladh air maduinn an là an diugh. Ach tha Dia 'na uile oibríbh ag oibreachadh le meadhonaibh; agus am fad 'sa tha daoine a'deanamh suarachas air na meadhonaibh sin, tha e diorrasach agus dalma dhoibh a smuainteachadh gu'm foillsich Dia dhoibh a chumhachd air mhodh miorbhuileach. Thugaibh libh so, mu nithibh eile. Nam bitheadh tua air an sgeir ud a muigh, agus an làn a' direadh mu d' mbuineal, cha deanadh tu tair air còmhnnadh o dhaoinibh a chionn's gun robh thu'n earbsa ri Dia; agus ma bha e'n dàn duit gu'm feudadh e do thogail air tìr. Agus a chionn's gu'm faod Dia'n a chumhachd an Gille so aiseag gu slàinte, a'bheil e iomchuidh tair a dheanamh air gach meadhon a dheònaich Dia na mhaiteas chum na crìche sin.

'Nuair a bha sinn mar so a'seanachas, mhosgail esan a bha san triobluid o'n chodal bhruaid-leanach anns an do thuit e; agus

air a cheart àm sin chunnacas an Doctair a'tighinn. Dhi' innseadh so dhà-san. Doctair, ars'esan, Ciod e m'fheums'air Doctair? Faighibh m'aodach, is bheir mi m'obair orm. Mo thruaighe! a deir mise, 's ann mar so tha daoine san an-shocair spioradail, agus anns an an-shocair aimsireil. Neartmhòr nam beachd fein 'nuair a tha iad anflann agus lag; agus slàn fallain, 'nuair nach'eil slàinte no fallaineachd anna. Is fior gu dearbh a bhriathra-san a thuirt, Iadsan a tha slàn cha'n-eil feum ac'air léigh, ach acasan a tha tinn.

Thaining a nis an Doctair, shuidh e sios ri taobh na leapa—ghlac e a chuisle—thug e sùil orm fein, agus thuig mi gun robh e gun dòchas.

Tha e'n sin agaibh a nis, ars' an t-sean bhean--nach fiach sibh a nis ciod a ghabhas deanamh. Bu chianail an fhreagairt. An toiseach na triobluid, le còmhnamh an Tighearna, ghabhadh mòran deanamh, ach a nis cha ghabh ni air bith deanamh. Ach ann an earbsa ri Dia, shleuchd sinn sinn fein sìos aig cathair nan gràs; chuir sinn suas an ùrnuigh dhùrachdach, agus tamull beag na dhéigh sin, bha'n spàирn dheireannach seachad. Dh' éirich a nis tuireadh a bhròin; cha b' àm so gu cronachadh; agus bha mis' a'm' thoss. Ach cha robh an coguisean fein nan tod; leig a mhàthair i fein sinte ri taobh a chuirp, agus chluinnt i nis a' cur ionchair orra fein, agus le ochanach throm ag ràdb, Nam bithinnse fheadail 'sa ghaoil, air càram tràth a ghabhail, cha robh thus' an so an diugh gun phlosg mar tha thu!

Phill mi dhachaidh, a' cur romham taodhall a' màireach gan amharca. O! nach robh daoine glic,

gun tuigeadh iad so, agus gu 'm biodh iad air an dùsgadh gu obair an là a dheanamh, am feadh a bhios an là ann, m'an d' thig an oidhche aans nach feud aon neach obair a dheanamh.

#### L AM MINISTEIR GAELACH.

#### IAIN KNOX.

*An Dara h-earrann.*

Dhi' fhag sinn *Iain\* Knox* am braighdeanas 's an Flhraing. Annas a bhliadhna 1549 fhuair e ma sgaoil, thainig e do Shasunn, agus m'a thàinig cha b'ann an cùil a chaidh e,—chunnacas bratach Chriosd aon uair eile a snàmh anns a ghaoithl, agus chuir a dearsadh ball-chritli air eaglais na Ròimhe. Thoisich *Knox* ri sear-monachadh, agus lean e air ré cheithir bliadhna gun neach ann aig an robh de mhisnich grabadhl a chur air, gus an tainig Banrigh Màiri chum a chrùin, nuair a dh-fhàs a gheur leanmuinn a nis cho teith 's gu'n deach e le comhairl' a chàirdean gu *Genebha*. Bha 'gheur-leanmuinn so co fuileach agus co fada 's gu'n robh luchd a chreidimh ath-leasaicht' a' teicheadhl do dh'Albainn nan ceudaibh arson dìdein. Cho luath sa thainig so gu cluasaibh *Knox* chuir e roimhe pilleadhl agus gun seasadh e 'dlùthraig agus aobhar a Dhe, no gu'n tuiteadh e mar shaighdear dileas a' còmhrag. Ràinig e Dunedin air ceud·mhìos an f'hoghair 1555 - fhuair e'n comunn beag gan cùbadh fein—a' gabbail fàth, cosmhuil ri Nicodemus, air an oidhche, eagal oilbheum a thoirt a' co-aontachadh on leth a mach le creidimh an t-sagairt. Ach cha robh *Knox* air a dheanamh de

spiorad co gealtach; leig e fhaie-inn doibh gum feumadh iad tur-chùl a chur ri eaglais na Ròimhe —nach b' urrainn comun a bhi aig Criod si Belial. Bha 'shear-monachadh co cumhachdach 's gu'n dubhairt sgoileir mòr de na Pàpanaich fein, " Nuair nach seas ar creidimh deuchainn duine, tha eagal orm nach seas e idir an làthair Dhe aig an là mhòr."

Mu'n àm so chuir na sagarta an cinn r'a cheile feuch ciad a dheanta: 's e rinn iad ghairm iad cùirt mhòr agus chuir iad sumanadh gu Knox tighinn nan làthair. B'e Knox nach obadh ni laghail air bith, ràinig e Duneidin, ach 'nuair chunnaic iad a mhisneach agus a dhànochd leig iad leis; ghabh es-an am fàth, agus b'ann gu sear-monachadh a chreidimh ath-leas-aicht' a thug e do na ceudaibh agus na mìlibh a chruinnich o gach cearna de'n dùthaich, a chum a bhi nam fianaisean air a dheuchainn agus air a bhinn. Mar so, air eideadhl le claidheamh mòr na fir-unn—le sgiath a chreidimh—uchd éididh firinnteachd Chriosd, agus clogad na slàinte, bha Knox, mar ghaisgeach mòr, a thogta ann an tìr nam beann, agus leis nach d'rughadh eagal, a' cur cath a Dhe, agus a' spionadh anamanna o bheul an t-sluichd gun aigeal, air feadh Albainn—Bha fhios aige co'n taoibhar anns an robh e 'cogadh, agus gus am biodh 'obair crioch-naclite nach robh cunhachd aig nàmhaid air. Mu'n àm so thainig fios air à *Genebha* dol g'an còmhnaidh ann am briathraibh nach b'urrainn e 'dbiultadh,—db' fhalbh e, ach cha luaithe 'chuala na sagarta gu'n d'fhàg e'n dùthaich na chruinnich iad cùirt,—aig a chùirt so fluair iad e toilltinneach air bàs; thug iad mar bu chubhaidh a bhinn a mach, agus o nach

robh fear an diumb aca, loisg iad a dhealbh aig crois Dhuneidin!

Cha b' fhada bha Knox air falbh'l'nair dh'ionndraich Albainn a ceann feadhna! chuireadh fios as a dhéidh as leth Dhe e thighinn air ais!—Bha lasair na geur-leanmuinu a' fàs ni b' àirde agus ni b' àirde, agus bha deat-ach enàmhan nan naomh a'dubh-adh nan speur; A' measg chàich loisgeadh gu bàs fear *Walter Mill* a bha aon uair na shagart, aeh a thionndaidh fo shearmonachadh Knox. 'Nuair thugadh an seann naomh urramach so an làthair na cùirte rinn a choslas a leithid de dhrùghadh air a chomunn uile 's nach robh breitheamh ann a ghabhadh os laimh a bhinn a thoirt a mach, 'na ròp ri fhaotainn arn am Baile Dhuneidin a cheangladh e ris na cuaillich, ach seann ròp a 'thug an t-àrd easbuig dhoibh! Na dheigh so chruinnich àrd chomhairle na Ròimhe chum feachd a chur gu ministir-ean a chreidimh ath-leas-aichte a għlacadh. Dìreach 'nuair bha iad eruinn chualas gu 'n d'thainig Knox—fhuair an sgeul an Rathad a chum na coinneamh, agus ghlaodh fear do 'n chomunn " Tba Iain Knox air tighinn!" 'Nuair chual iad so bu mhall leo an casan, gach fear a siapadh a mach air an dorus a b'fhaigse!

'Nuair chuala Knox mar bha gach ni bla e air a chur thuige gu mòr, gu h-araidh mu losgadh an t-seann naoimh *Walter Mill*. Dhùrich e chrrannag, agus ma dhùrich cha b'ann a għuidhe le creidimh an t-sagairt. " Tha blàr suidhichte, tha mi faicinn," ars' esan, " eadar Dia agus Satan, tha na brataichean air an togail agus na tromp-aidean a' séideadh a chum a chatħa ; biomaid d'leas d'ar ceann-

ard—biomaid dileas d'ar sliochd—biomaid dileas d'ar n-anama fein ! oir ge be neach air am faicear combarra an fhiadh-bheathaich theid a sgrios anns an leir-sgrios eagallaich leis an sgriosar Babilon so." Ach coma, an déigh na searmoين thòisich aon de na sagarta ris an altair a chuibhrinn-eachadh a chum Aoirinn a dheanamh, thòisich balach beag a bha 'lathair ri labhairt na 'aghaidh,—thug an sagart pailleart dha m'an chluais,—thog am balach clach, agus, an àite an sagart amas,bhuail e iomhaidh a bh'air an altair ! A thiota bha'n iorghiull air bonn—thionndaidh an coïthional gu leir air taobh a bhalachain—thionndaidh iad an altair bun-os ceann, bhris iad na h-iomhaidhean agus shaltair iad na dealbhan fuidh'n cosaibh ! 'Nuair thainig so gu cluasaibh na Bannrigh ghabh i corruih agus chuir si i fein air ceann a feachd :—choinnich luchd a chreidimh ath-leasaicht i dlù do Pheirt agus Iarla Ghlencairn air an ceann, ach nuair chunnaic i cho dàna agus cho lionmhòr 's a bha iad bu bhuidhe leatha tighinn gu cùmhnanta sith.

Beagan na dhéigh so chaidh Knox maille r'a chinn fheadhna gu Baile Chill-ribhinn.\* Nuair chual' an t-àrd easbuig gu'n robh e 'dol a shearmonachadh chuir e fios thuige "gu'n robh saighdeara fuidh'n armaibh a feitheamh air." Chomhairlich cairdean Knox dha gun e 'dhol air aghaidh, ach cha d'aithnich iad cò bh' aca—cha b' ann le gealtachd a bha dùil aige a dhùthaich a shaoradh. "Nach d' innis mi dhuibh roimhe," ars'esan, "gu bheil mo bheatha ann an lamhaibh Dhe?" air aghaidh ghabh e—shearmonaich e tri làithean,

agus le 'leithid de chumhachd 's gun do thionndaidh am baile, Báillidhnean agus gu leir leis, a' glanadh 'sa cartadh a mach as gach eaglais gach iomhaidh 's gach altair !

Air an ath fhoghar chruinnich àrd-chomhairle na rioghachd, agus cho-aontaich iad creidimh an t-sagairt a chur air chùl ; 's ann 'san àm so chaidh an leabhar ainmeil sin *Leabhar aidmheil a chreidimh*, a chur a mach agus a cheadachadh le lagh na rioghachd. Cha robh Knox gun làmh aige ann.

Anns a bhliadhna 1561, thainig Bannrigh Mairi air tir an Lìte. Chual' i cho teith 'sa bha Knox an aghaidh creidimh an t-sagairt, agus chuir i fios air do'n Lùchraig ann an Dunéidin an dùil gu'n cuireadh i eagal air. Chitear o 'n chòmhradh a leanas ma chuir.

*Bann.* Tha mi 'eluinnntinn gu bheil thu séideadh suas na rioghachd gu ceannairec ?

*Knox.* Ma's ceannairec an slírin a shearmonachadh le treibhdhireas cridhe,—ma's ceannairec iodhal-aoraidh a chur sios, agus an cunnart a nochdadh do'n t-sluagh, 's eigin domh aideachadh gu bheil mi ciontach.

*Bann.* Tha thu teagastg do 'n t-sluagh creidimh eadar dhealaicht' o chreidimh an uachdrain shaoghalta ; cia mar is urrainn an creidimh so a bhi ceart agus Dia ag iarraidh a bhi ùmhal do uachdranaibh ?

*Knox.* Cha'n ann an toil uachdrain saoghalta 'ta fior chreidimh a' co-sheasamh, ach ann an toil De: cha'n eil e air iarraidh oirnn a bhi ùmhal dhoibh ni 's faide na tha iad a' giùlan "claidheamh a cheartais," ni's mò na bha clann Israel do righ Pharaoh, no Daniel do Nebuchadnesar

\* St. Andrews.

*Bann.* Do reir choslais 's tusa 'ta ris an rioghachd so 'riaghlaadh 's cha mhise?

*Knox.* Nar leigeadh Dia. 'Se tha mhiann ormsa gu'm biodh uachdrain agus pobull fuidh riaghlaadh Dhe; gu'm biodh righrean nan oideachan-altruim agus Bann-righrean nam Muimeacha-altruim do'n eaglais, mar tha Dia'g iarraidh.

*Bann.* Ma dh'altramas mise eaglais, Cha'n i t-eaglais-sa, seasaidh mi eaglais na Ròimhe, oir'si a reir mo bheachdsa fior eaglais Dhe.

*Knox.* Cha riasan 'ur toilsa 'Bhannrigh, agus cha dean 'ur beachd an striopach Romanach na céilidh airidh air Criod, cha'n e 'mhain, ach gabhaidh mi os laimh a dhearbhadh nach robh eadhon an eaglais Iudhach a chéus ar Slanui'ear co breun agus co truaillidh rithe! Leis a so dh'fhág e i.

Anns an dol a mach thuirt pápanach a bha's an lèthair "Cha'n'eil eagal air idir?" "C'arson," arsa Knox, 's e tionndadh air a sháil, "C'arson a chuireadh aghaidh mhàlta mnà uasail eagal air neach? 'S iomadh aghaidh fir, agus corruiuch air, air an d'amhairc mi gun fhiamh."

O! Knox! tha chuid is fearr dhiot *fathast* ri tighinn mar a chluinneas an saoghal ma's fada beo.

#### MACTALLA.

*Eilean Chola*, 1830.

#### CÖMHRADH NAN CNOC.

*Pàra mòr a dlùthachadh ri dorus na ceàrdach, le maileid air a dhruim. Am Maighstir-sgoile, Fionnladh Piobaire agus an Gobhainn, a' gàireachdaich san dorus.*

*Pàra.* Gun neartaich am Freasdal ur n-aobhar-ghàire, m'as mis e, a dhaoin' uaisle. Ciod so a dhùisg ur cridhealas?

*Fionn.* Tha sachd ort a Phàrig—an iad ceartan fraoch no coillich dhubha a tha thu'n diugh a' giùlan an déigh nan Sasunnach?

*Pàra.* Tog do'd sgeig Fhionnlaidh. Ciod air bith a tha sa mhàileid, nam biodh i ortsa 'si Piobaireachd bu lugha bhiodh air taire. Ach cuiridh mi mo sgios anns a cheardaich ged a rachadh na Sasunnaich chaol air bainidh. An do mhothaich sibh iad a' gabhail an rathaidh.

*Fionn.* Chunnaic sinn dithis chaola chruaidh a' dol seachad, ad gheal chonlaich air fear dhiubh co leathann ri guit, stiall de ribein fad uaine aisdé, agus òrd beag ladhrach na laimh.

*Pàra.* Ord an rosaid; is èolach air mi; is oil leam nach robh tri òirlich dheth far nach abair mi; is mis a dhìubbail air a cheart òrd ladhrach sin.

*Maigh.* Ach, da rìreadh ciod a th'agad sa mhàileid?

*Pàra.* Ma ta, Ge nàr ri innse, a leithid de ullaich a bhi air dronaig Crioduidh air bith, tha sachd chlach—

*Maigh.* Ciod an seorsa chlach a th'ann?

*Pàra.* Chuir thu ceist orm. Cha deach sinn seachad air creig eadar so agus Sron-an-t-shìthein as nach d' thug fear an àird bhig spealg; agus an déigh dha amharc orra tre ghloine bhig chruinn, chuireadh e'n sin ri shròn iad, agus cha'n fhòghnadh sin leis gun a theang' a chuir orra; bheireadh e'n sin gloine bheag a mach, agus an dèigh dha boinne spiorad làidir a dhòrtadh oirre thilgeadh e uaith iad, no sparradh e sa mhàileid iad

mar bhuaileadh e na cheann. Is mòr m' eagal gu bheil an dearg chuthach air an òganach bhochd —ged is laghach e—

*Fionn.* Cha bu tu fein mòran a b'fhearr 'nuair a leig thu leithid de eallaich ort ; ach ciod e nach dean daoin' air son an airdgid.

*Pàra.* Cuist Fhionnlaidh mhìn, chunnaic mi do phluicean fein an impis sgàineadh air son duais is lugha.

*Maigh.* C'ait an do chruinnich sibh na clachan ?

*Pàra.* Cha'n 'eil amar aibhne, no sgriadan, no sgàirneach, no càrn nach rannsaich fear an àird; agus marbhaisg air fear Dhunfhad, 's e thug dhuinn an cnap is muga th'air mo ghiùlan a Torr an Fhomhair. Gun teagamh tha 'n cuthach air fear an àird', ach do rireadh's glan e air a shon sin.

*Maigh.* Bha coslach duine chiallaich maille ris, fear an aodainn dheirg. Tha mi deanamh dheth gur Domhnallach a bh'ann, bha bad fraoch 'na bhoineid.

*Pàra.* Fraoch ! Cha'n 'eil seorsa fraoch no rainich, no seileisteir, no lus a thig a mach a' talamh nach 'eil aig an fhear ud na shac. Tha'm fear ud mu na lusan, mar tha fear an àird mu na clachan. Cha'n 'eil fios cò is glice dhiubh; an saoil thù'n teid am fear beag sin seachad air sealcheig no dearc luachrach, no losgann, no ain meanbh-chreutair is tàire, gun an togail, agus a ghloine bheag a chur riu. An saoil thu nach d'rinn e fionna builg, an là roimhe, air nathair, agus nach 'eil craicionn na béisde aige na leabhar co cùramach 's ge bu litir o leannan a bhiodh ann.

*Fionn.* Coma sin a Phàruig, cha'n 'eil teagamh nach robh pailteas de bhiadh agus de dheoch

agaibh samhonadh, agus chumadh sin thusa ceart.

*Pàra.* Mar ith iad ach mar chunnaic mis iad a' deanamh, cha'n ìoghnadh leam ge nach bi mòran feòl' orra. Cha robh greim bìdh nan cuideachd a b' aithrigh air an ainm ; ach leòban beaga tana de chruithneachd, agus sliseag fheola eatorra co tana ri paipeir; agus an t-ìm, (mu 'se ìm a bl'ann) mar gu'm biodh glaodh ann gan cumail ri chéile. Chunnaic mi là a dh' ithinn làn cumain diubh. Cha'n 'eil cuimhn' agam c'ainm a bh' orra, ach thus', Fhionnlaidh tha co tric an cuid-eachda dhaoin' uaisle, cha'n 'eil teagamh agam nach aithnè dhuit an ainm.

*Fionn.* An e *Sanndaich*\* a bha ac' orra ?

*Pàra.* Tha thu ceart ; ge nach iad a *shunndaichinn* agus an t-oeras orm ; ach coma,bha na fleasg-aich laghach, (amaideach 's mar tha iad,) gle shuaирce mu na leòban beag' an fheadh's a mhair iad.

*Maigh.* Coma cò dhiubh a Phàruig,amaideach 's mar bha iad, theaganh gu'm bu chlann righ-rean a bh'annta. Bha mi 'g innse dh' Fhionnladh an so m' an d thainig thu, m'an Fhràngach għlas liotach a bħa'n so an uraidh; agus a għabb bāigh co mòr air Fionnladh air son a phioċbaireachd : gu bheil athair a nis na righ air an Fhraing, agus gur e fein oighre a chrùin.

*Pàra.* Fheudail, a dh' fhearaibh an e so an Diùchd Airtearach, na c'ainm so eile bh'air ?

*Maigh.* Tha Diùchd Charteris, mac do Dhiùchd Orleans, a tha nis an ionad an righ.

*Pàra.* Cia mar thainig so ni'an

\* Sandwich

cuairt? Nach stad thu Eobhainn Ghobha, le d' bhuilg agus le d' ùird, gus an innis am Maighstir sgoile a naigheachd. Nach bochd nach biodh àite suidhe agad sa cheardaich so, air am feudadh daoine suidhe, acli gàd cruaidh aimh-leathain iarruinn isgann a b' urrainn do chirc seasamh air. 'So fhir mo chridhe, innis duinn ciod a thachair o chionn ghoirid san Fhraing.

*Maigh.* Ni mi sin, ach feumaidh mì dol treis air in'ais ann an eachdruidh na dùthcha sin.

*Pàra.* Ruig Noah, ma thogras tu.

*Maigh.* Tha cuimhn' agad gu bheil a nis seachd bliadhna deug thar fhichead, o chuir muinnitir na Fràinge an righ aca gu bàs, agus an d'fhògradh a theaghlach a nall do dh' Albuinn, far au d' fhuair iad aoigheachd ann an Dun-eudain air chostas na Dùthcha so. An déigh mòran de mhort agus de mharbhadh nam measg fein, fhuair an saighdear ainmeil sin, Bonaparte lamh an uachdar, agus chuir e'n Fhraing fo an-tighearnas dha fein.

*Pàra.* An Gille! 'se a fhuair a chroit.

*Maigh.* Coma sin, cha robh e toilichte leatha. Bha a shannt neo-chriochnach; dhùisg so corrurich na h-Eorpa na aghaidh, agus an déigh aibhniechan sola bhi air an dòrtadh chuireadh fa dheireadh as a għreim e, agus dh' fhògradh do Eilean Elba e. Ghairmeadh an sin an scann teagħlach riogħbail air an ais; an déigh dhoibh bhi bliadhna' air fhichead nain fōgräichean san Dùthaich so. Ach cha b'fhad a mheal iad an t-ārdachadh; fhuair Gille nan car a mach à Elba; thug e'n Fhraing air; dh' éirich an t-arm leis; agus għradh thilg e

an righ as a dhìollaид, m'an robh e sad an seilbh. Bha'u tuasaid a rìs air bonn. Chruinnich maithean na h-Eòrp am feachd r'a chéile, agus thugadh blàr iomraideach *Waterloo*, a thilg Bonaparte bun os ceann, a chuir air an fhògradh dheireannach e do Eilean St. Helena, as nach do phill e; agus chuireadh an seann righ a rìs suas.

*Pàra.* Nach ann ac' a bha 'm falach feed air a chéile' mach 'sa stigh, 'sa stigh 'sa mach. Ciod a nis a chuir ceann gun bhuaidh an treas uair air fògradh?

*Maigh.* Amaideachd, agus droch comhairle.

*Pàra.* 'S minic a chaidh iad an caraṁb a chéile; ach cluinn-eamaid mar dh'éirich dha.

*Maigh.* An uair a ghairmeadh an righ a stigh fa dheireadh, chaidh bann-cordaidh a dheanamh eadar e fein agus a rioghachd; leis an robh e air a shocrachadh eatorra gu'n robh àrd-chomhairle ri bli aca san Fhraing, mar tha againn san rioghachd so. Ann a chūmlinant so bha e air a shocrachadh gu'n robh saor chomas aig an t-slugh an luchd-comhairleachaidh fein a thaghadh; daoin' as an robh iad earbsach, agus a shocraicheadh oàm gu h-àm a chìs a bli ri bli air a togail. Thuit e mach nach robh roghainn na Dùthcha taitneach do'n righ, agus d'a chìurtearan. Chuir e dhachaidh iad, agus dh' iarr e iad a dheanamh roghainn de mhuianntir eile. Ma bha a cheud bhuidheann neo-thaitneach, chual e gun robh an ath-roghainn na b' fhaid' air taobh nan daoine, agus uime sin cha do cheadaich e dhoibh cruinneachadh idir; agus air eagħal gu'm brosnaicheadli paiperean naigheachd, agus leabhraichean-eile an sluagh gu ceannaire, chuir

e cosg air clò-bhualadh ; agus dh' àithn e nach rachadh leabhar a chur a mach ach iadsan a rachadh a rannsachadh leis fein agus le 'chùirteiribh. Dhùisg so corruiich na rioghachd, agus dh' éirich iad mar aon duine na aghaidh, agus b' éiginn do righ Tearlach X. teicheadh.

*Pàra.* C'ainm so a thuirt sibh a bh'air?

*Maigh.* Tha Tearlach.

*Pàra.* Tubaist air ainm gun bhuaidh. Nach mi-shealbhar an t-ainm sin do righribh. Nach e Tearlach a bhà air an righ a chaidh a dhì-cheannadh an Sasunn ; agus tha flios againn gur e Tearlach a bha air an fògarach bhochd a bha 'nar measg fein.

*Fionn.* Air t-athais a Phàruig ; théid neart thar ceart, agus is ann mar sin a dh' éirich do Phrionnsa mo ghaoil, agus thainig an dà là air an dùthaich 'nuair a bhiodh a chridh' agadsa fògarach bochd a ràdh ris.

*Pàra.* Tha mi 'g iarraidh maith-eanais, fhir mo chridhe ; nach do chaill m'athair fein a cheann 'na aobhar ; ach cluinneamaid crioch a gnothaich m'an Fhràing. Ciod an seorsa righ a thug iad a stigh a nis ?

*Maigh.* Thà duine tuigseach, tapaidh, agus saighdear foghainteach. Bha esan mar an ceudna car tamuill na fògarach san dùthaich so ; ach chum se e fein suas le sgoil fhosgladh anns an do theagaisg e òigridh. agus anns an d'thug e mòr thoileachadh dhoibhsan a chuir an clann fo a chùram.

*Pàra.* Nach ann air a thainig an dà latha. Ach cha 'n 'eil fios agam an gabhadh e gu maith a chur na chiuimhne gun robh e na Mhaighstir sgoile.

*Maigh.* An àite sin's ann a tha

VOL. II.

e deanamh uaill as ; agus mar chomharadh air sin tha a dhealbh aige air a tharruing, le 'sgoileirean m'an cuairt da, anns a cheart deise bha air san àm.

*Pàra.* 'S maith an comharadh sin air-san, ach innis so dhomh, c' àit an d'thug Tearlach a theich, a cheann fodha ?

*Maigh.* Cha'n'eil mi ro chinnteach, tha cuid ag ràdh gun deachaidh e dh' America.

*Pàra.* Ma ta, cha'n'eil teagamh agam, chi mi gach aon a chailleas croit no baile, a ghoideas mult no bhuaileas Gàidseir gun d'thoir iad America orra, agus c'arson nach rachadh esan ann cuideachd o'n a chaill e gheireim ? A'bheil teagh-lach aige ?

*Maigh.* Tha, mac agus oghachan.

*Pàra.* Air m'f hocalsa cha'n'eil an obair seachad fathast. Gleus do phìob Fhionnlaidh, agus bi nunn ; is feuch an dùisg thu as a leth, na Gaedheil Fhrangach ar an robh an Teachdaire a' labhairt san àireamh fa dheireadh. Bi nunn agus tog fàilt a Phrionns' òig, ged a tha eagal ormsa gur e 'm port a b' f hearr a f hreagrach dhoibh, Cha till mi tuilleadh. Ach innisbh so dhomh, c' àit' a' bheil Boni òg ? M'as mac mar an t-athair e, bithidh a làmh sa chaonnaig ; ach is suarach sin mar d'théid sinn fein san eadraiginn. Tha na seoladairean tuasaideach, agus o's ann diubh a tha 'm fear a tha'n tràs air an sdiùir, 's mòr m' eagal nach cumar casg air.

*Maigh.* Na biodh càram ort, tha e fein glic, agus tha comhairlichean maith aige. Cha do chuir Breatunn sgios a chogaidh fa dheireadh f hathast as a cnamh-aibh ; agus tha flios aice gu bheil còir aig gach rioghachd air a huachdarán féin a thaghadh, agus air

a laghanna féin a dheanamh. Agus a nis fhéara, nach cealgach an saoghal so féin, 'so an ceathramh uair a bha cheart duine so na fhògarach. O cheann mhìos cò a b'airde na e thairis air aon de na rioghachdaibh is cumhachdaich air thalamh, a' cur a macha chabh-luichean a smachdachadh rioghachdan eile; bratach gheal a theaghlaich a' snàmh air na mill-tibh turaid; agus dà cheud mìle saighdear fo mhionnan a bhi dìleas da. Tha 'n duine ceudna an diugh gun mhùr gun rioghachd, gun chuirteir gun daoine, A bhraatach air a tasgaidh—agus bratach nan tridathan a mireadh sa ghaoith-

*Pàra.* Sin agadsa sin; am fear nach amhairec roimhe amhaircidh e na dhéigh. Thig a nall Fhionnlaidh, agus tog orm an sachd chlach so. Slan leis a Mhaighstir sgoile; tha mi fada a'd' chomain; agus air do shons' Eoghainn Ghobha, séid do bhuilg, agus buail t-iarunn gus am bi thu sgith. Leanaidh mise na Sasunnaich.

T. O.

---

*Dàn o Anacreon, am Bàrd  
Gréugach,*

[Tha e glè shoilleir, o'n dàn so, gu'm b'aithne do na bàird Ghreugach a Ghaèlic gu math; agus gu'm b'abbhaist doibh a bhi a'tarruing a maoine do'n cainnt féin, 'nuair a fhreagradh e iad. Bheiran léugh-adair Gaelach an aire nach do ghléidh Anacreon fonn ceart an dàin so anns an edar-theangachadh a rinn e féin air, ach gu'n do chaill e anns gach dara sreach pong de'n cheòl a fhreagairt do'n tomhas áraidh a thogair e a chleachdadhbh'na chainnt féin. Ach gheibhear am fonn agus an tomh-

as ceart fathast am measg nan Gael Albannach ann an òran do'n ainm

'S trom 's trom a ta mi,  
Gur trom a dh' fhàg an t-earrach  
mi &c.]

Air Fionn gu'n togainn fonn, 'us  
Air Diarmad donn bu toil' leam seinn,  
Ach fonn cha seinn mo chlàrsach,  
Ach dàn air gràdh nan Caileagan,

Gu'n ghléus mi'n tùs gach téud d'i,  
'S a chruit gu léir gu'n chairich mi;  
Ach dh'aindeoin gach nì b'aille leam,  
'S e'n gràdh amhàin a chanadh i.

Gu'n d' f heuch mi 'm fonn a stiùradh  
Air Fiùrain nan Each Geala; ach  
An àite seinn mu'n laochraids,  
'S e'n gaol a bh'air a h-aire-se.

A laochraids, slàn gu bràth leibh!  
Cha'n fhaigh mi dàn a ghearradh oirbh,  
Cha dean mo chlàrsach stàth dhomh,  
Ach seinn air gràdh nan caileagan

A. B. R.

---

MORTA DHUNÀBHAI RTI.

Tha làrach an Daingnich so air creig àird, ceann mu dheas Chinn-tire, an Earraghæl. Tha e air a chuaireachadh a chuid is mò dhetheis a chuan Eireannach. Tha chreag air a'bheil an Dùn, anabarrach cas, agus doirbh r'a dhìreadh. Air taobh na tire bha callaid laidir ma thimchioll, agus bailladh air cùl balladh, air chor's gun robh e air a mheas, na linn fein, m'an robh gunnachan mòr ann, na àite nach gabhadh glacadh. Bhuidheadh an Daingneachadh so do Mhac Dhomhnuill righ nan Eilean; agus tha eachdruidh ag innse dhuinn gun do ghabh Righ Raibeart am Bruce fasgadh san ionad thearuinte so m'an deach e thairis do dh' Eirinn, tamull m'an

do chuir e Blàr ionraiteach *Bhanockburn*.

Anus an eachdruidh a thug sinn air Alastair Mac Cholla san àireamh fa dheireadh, dh' innis sinn mar dh' fhàg e earrann d'a dhaoine aon an Dunàbhairti air a shlighe do Eirinn, an déigh dha bhi cogadh le *Montros* as leth a cheud Thearlaich. Bha Mac-Dhughail *Ladharna* agus a dhaoine leis, mar an ceudna Gilleaspuit mòr Mac Dhomhnuill, tighearna nam Peighinnean, agus àireamh d'a chinneadh. Dh' fhàg Alastair Mac Cholla iad so a dhòn an dùin, an aghaidh a Chinn-f heachd *Leslie* agus Iarla Earraghael, a thainig a nuas le feachd lionmhor, chum cur as dà-san agus gach neach a dh' eirich san dùthaich sin maille ris, as leth an righ.

Dh'fhàg Alastair iad an so, agus chaidh e fein do dh' Ile, agus as a sin do dh' Eirinn, agus ghabh Gilleaspuit mòr ceannas an Dùin, agus an airm a bli' ann. Dhlàthach *Leslie* agus am feachd lionmhor a bha leis air an Dùn, chuartaich iad an dòrlinn air a bheil e, ach cha robh chridh' aca ionnsuidh a thoirt air an Daighneach, ged a bha deichnear aca m'an aon a bha san Dùn. Cha'n'eil teaganbh nach fartlaich-eadh orra a ghlacadh mar bhith gun d'fhuair *Leslie* a mach an t-ait as an robh iad a' faotainn an uisge, ni a għlab e an déigh total garbh a thoirt, anns an do chaill e féin cui d'a dhaoine, agus Fear-Sgipnis, *Māidseir* nan Caimbeulach. Rinn *Leslie* priosanuich de dha fħichead fear, a chuir e gu maslach gu grad bhàs.

Air an claidh le cion uisge, b' ēginn do Gilleaspuit mòr agus d'a dhaoine strìochda, agus teachd fo mheachainn *Leslie*. Cha d' thugadh an ceannard fuileachdach

so cumha sam bith dhoibh, agus o nach robh ach am bàs le pathadh fa'n comhair, smuainich iad gun d'thigeadh iad 'na mhéinn.

Thainig iad a mach, agus liuthair iad an cui'd armachd; ach cha luaiithe rinn iad sin, na chaidh air gach fear ceangal nan trì chaol. Rè da latha bha *Leslie* agus Mac Chailean san ioma-chomhairle ciod a dheanadh iad riu; thachair do dh'fhear a bhi nan cuideachd anns nach robh ach beag iochd, Mr. Iain Nave, béist Mhinisteir, a rinn na dh'fheud e gu *Leslie* a bhrosnachadh chum na daoine sin a chur gu bàs: cha'n e mhàin sin, ach għnàthaich e na ceart bhriathran a labhradh ri Saul mu sgrios na Amalecach, mar chithear 1 Sam. xv. 3. agus bhagair e nan caomhnadh e a h-aon diubh gun d' thigeadh am malluchd sin air-san a thainig air Saul, a thoradh eas-umhlachd.

Ciod a th'agáinn air, ach gun d'rinneadh am mort agus a bheubaineachd bu għräineil air an cualess riamh iomradh air na daoinibh fogħainteach sin; agus cha do chaomhnadh mac māthar de na bha san Dùn, ach aon fħleasgach òg, Mac Dhùghaill *Ladharna*. Ach anns an iomairt so thuit rogha a chuid daoine. Mhortadh mar an ceudna Gilleaspuit mòr agus Gilleaspuit òg a mhac, dà churaidh co treun 's a bha de'n chinneadh. Ann an uaimh a bha fo'n Dùn dh' fħolaich còrr agus ceċiħir fisċeħd fear iad fein, chuir-eadh smūdan ri beul na h-uaimhe, agus b' ēgħinn doibh tighinn a mach. Fhuair iad so am beatha, ach cha d'fhuair iad an saorsainn, thugadh thairis mar chiomaich iad do a h-aon de na Caimbeulaich a chuir as an rioghachd iad nan saighdearan do'n Fhraing.

Bha leanabh mic aig Gilleas-

puig òg, agus chum a choimhead o lamhaibh Mhic Chailean, leis am bu mhiann cur gu buileach as d'a theaghlaich, thug se e fein agus Nic Iain Bhride a bhan-altruutu leis do'n Dùn. An àm a chasgraidh mbuladaich a bhi dol air aghaidh, ghabh is' an cothrom air teicheadh air falbh gu uaimh a bha dlù do Mhaoil Chinn-tire, agus mar so thearuinn i oighre an teaghlaich mheasail sin, a chinn na dhéigh sin gu bhi na dhuine urramach. Phòs e piuthar do cheud Iarla Bhoid, agus le càird-eas an teaghlaich so, agus gun robh teaghlaich Mhic Chailean san àm so fo'n choillidh iad fein, fhuair esan còraichean ùr air a chuid fearuinn, agus buinidh Eilean \*Abhan air an àm so do dh' oighre dligheach a cheart duine so—

Mar so thug sinn cuimantas air àr Dhunàbhairti. Thachair e toiseach an Earraich 1647. Tha cnàmhnan nan daoine sin a Mhortadh ri fhaicinn gus an là an diugh, agus aileadh nam buillean coimh each a chur as doibh.

Chaidh an Dùn a thilgeadh sios, agus 's gann a dh' fhágadh clach dheth air muin cloich eile. Na dhéigh so chaithd *Leslie*, Mac Chailean agus am feachd thairis do dh' Ilc, agus as a sin do Mhuile. Feuchaidh sinn ri eachdruidh an turus sin a thoirt san ath-Theachdaire.

T. O.

---

### EOGHANN A CHINN BHIG.

Thachair dhomh o cheann àine ghoirid a bhi ann an I Chalum Chille, agus mar bha mi a'siubhal feadh nan leachdan lighe san Eilean ainmeil sin, thainig mi a dh'

\* Sanda.

ionnsuidh a h-aon air an robh dealbh gaisgich air a tharruing. le chlògaid agus le lùirich, a' marcachd air stèud each meannach, agus thuig mi le gcearradh airm, gam bu Mhaç Illeain a bh' ann. Cò, a deir mise, ri Lachlann sgoileir, a tha fo'n lichd so? Nach fad, deir esan, o chuala sibh mu Eoghan a chinn bhig, agus m'as àill libh innsidh mise dhuibh each-druidh, ge nach mionnaich mi gu bheil e uile fior, a dh'aindeoin an làn chreideis a tha mòran de'n chinneadh againn a' toirt da. Fìrinneach na amaideach mar tha e, leig dhuinn a chluinntinn.

O cheann tri cheud bliadhna thachair gun robh co-strigh dhian eadar Mac Illeain Lochabuidhe, d'am bu fhri-ainm Eoghan a chinn bhig, agus Ceann-teaghlaich eile a bha ann am Muile. O'n a dh' fhartlaich orra an gnothach a shocerachadh air dòigh eile, smuaintich iadgu'n leigeadh iad a chùis gu ráidh a chlaidheimh, agus dh' ainmicheadh àm agus àite san robh iad ris a bhlàr a chur.

Chaidh Lochabuidhe, do réir nòs amaideach nan linnte dorcha sin, a chur a chomhairle ri seana Chailllich a bha 'san Dùthaich, a bha air e meas mar bhan-bhuit-sich, agus a thug air daoine dall a chreidsinn gun robh fiosachd aice. An déigh dha an duais ghnàthaitch a thoirt dhi, dh'sheoraidh e dib am faigheadh e buaidh sa bhlàr. Ma thachras, ars' ise, gan d'thoir a bhan-tighearna lòn maidne dhuit fein agus do d' dhaoine gun iarruidh air maduinn a bhlàir, gheibh thu buaidh, ach mar faigh sibh ar lòn maidne gun iarruidh, bitidh tubaist sa chùis.

Bha so na fiosachd mbuladaich do Lochabuidhe, oir ged a b'e fein ceann-uidhe na feile, cha bu

bhan-bhiataich fbialuidh a bha pòsda ris, ach eridhe na circ' an gob na h-airce. Cha robh comas air.—Thainig an là—dh' eirich a ghrian, agus bha aoinidh Chàrsaig air a h-òradh le a gath-aibh àigh. Bha na fir threuna nan làn uidheam 'sa Mhaigh. Bha bratach nam buadh a' mire 'sa ghaoith. Bha nuallan na pìoba a' sgaoileadh mu bhruachaibh na beinne-buidhe. Chuir Eoghan treun suas a lùireach agus a chlogaid. Thugadh amach claidheamh a chinn-Ilich agus bha steud each meamnach odhar na beinne, a' feitheamh air, aig Gille-cum-sréine, agus a ghiala fo chobbar bàn a' togradh gu còmhrag. Bha'n t-àm bhi triall, ach cha robh iomradh air lòn. Cha robh comas air, b' eigin iarruidh. Chuir GORTAG, an droch *Chorra dhubbh*, (oir b'e so an t-ainm a bha aig a chinneadh oirre,) measraichean de ghruth, agus meadraichean mìg fa chomhair nan daoine. C'ait', ars' Eoghan, a' bheil na spàinean? Deanadh, a deir ise, gach fear cleas na circe, gabhladh e a gheb. Cha do bhrist Eoghan air a thrasg, bha e spaisdeireachd gu gruamach air an fhaiche. Thainig fàisneachd na Cailliche nachuimhne. Thog na fir orra, agus choinnich iad an nàmhuid.

Mar thoirm fhoghair o dhà bheinn,  
Gu chéile tharruing na Siunn.

Chaill Eoghan an latha, thuit e fo chreuchda trom, ach tha ainm san dàn. Ge do chaochail Eoghan a chinn bhig, cha d' fhuair a spiorad fois, oir thuit e na thrasg. Bha bhuil so; oir gus an' là an diugh, tha thaibhse ri fhaicinn a' marcachd a cheart eich mheamnaich uidhir air an robh e sa bhlàr dhéireannach. Is eòlach cuid de

mhuinntir Mhuil'air, (ma dh'fheadar an creidsinn) tha chumadh 's a dhreach ann an iomad dàn. Is iomadh oidhche dhorchá, agus gleann fàsail, anns an cluinnear srann an eich aigeannaich uidhir so, agus fuaim gliongarsaich a shréine. Tha e caoin-shuarach mu rathad mòr an righ, 's taitniche leis aisrith nam fiadh. Dìridh e an aoinidh is corraiche, agus na làn shiubhal tearnuidh e an leachdunn is caise. Chithear e air uairibh ag incaltradh air stacan nan creg far nach earbadh a ghabhar i fein. Tha e gu tric air fhaicinn leis a mharaiche, a' marcachd nan sìon, agus na sheasamh aii a chorbie air a bhinnein is àirde. Tha am marcaiche truagh so a giùlan a cheart chleoc' uain' a bha uime sa cho-strigh, agus ged a tha nis os ceann tri cheud bliadhna o'n a thuit e, tha e fein agus a steud each odhar co dian, shiubhlach, thapaidh 's a bha iad riamh.

Do réir an ròisgeil so, se dreuchd Eoghainn a bhi làthair anns gach àite 's a bheil aon de theaghlach Lochabuidh ann an téinn; agus a' saoithreachadh anns an obair so, cha dean muir no monadh, no cur no cathadh, a bhacadh. Bha e air ais agus air adhart do dh' Eirinn ma'n cualas riabh iomradh air soitheach na smùide; bu shiùblach e air barr-bhalladh *Bhurgos* san Spàinn, an oidhch' a chuireadh aii freiceadan dubh a ghlacadh an àite sin, agus Murchadh òg Lochabuidhe 's a dhaoine san iomairt. Is iomad òganach gleust' a thog e leis air an each odhar, troimh gharbhlaichean fiadhaich; thug e an oidheirp fa dheireadh de'n t-seòrsa so, o cheann da bhliadhna dheug air ceatharnach treun gramail a choinnich e ann an Gleannforsa. Ghilac Eoghan a chinn

bhig air laimh e, agus dh' fheuch e a thogail leis a dheòin no dh' aindeoin. Stailc an Leathanach tapaidh a chas ri craig, agus ghlac e craobh sheilich fo'n achlais eile. Thug Eoghann iomad tulga tréun, ach cha deachaidh leis. Spion an Ceatharnach gu làr e, ach ma spion, bha chràoblh air a sniomh mar ghad leis an spàirn. Theich an t-each odhar, agus dh' fhalbh Eoghann air a thòir. An sealladh ma dheireadh a fhuair an Ceatharnach dheth, bha e eadar e is fair' air mullach Beinn-t-seala, bha

greim aig air an t-sréin, ach thainig baideil cheò thairis air mullach na Beinne 's cha'n fhacas an t-ath-shealladh dheth.

'So mar dh' innse dhuinn an sgeul. O cheann bheagan bhliadh-naichean cha dùraigeamaid a h-aithris, air eagal gu'm biodh neach sam bith co faoin 'sa chreidsinn; ach a nis tha daoine ni's fios-raiche, agus smuaintich sinn a chur sios; a leige ris saobh-chràbhadh agus amайдeachd nan linntean a dh'fhalbh.

T. O.

### SENACHERIB.

*2 Rìgh xix. 35.*

Chròm Senacherib mar renb-chù air crò,  
Bha armait a dealradh le airgiod 'us òr,  
Bha boisgeadh a lannaibh, mar reultaibh 'sa chuan,  
Feadh oidhch' air a luasgadh le gaoith thig bho thuath.

Mar dhuilleach na coille, 's an Samhradh na ghloir,  
Bu lionmhòr a threun laoich, 'n'am na gréine 'dhol fòdh';  
Mar dhuilleach na coille, 's an Fhogharadh reòtft,  
Bha ghaisgich 'sa mhaduinn, sgapt,—seargta, gun treoir.

Sgaoil Aingeal a bhàis, a sgiath air a ghaioth,  
'Us sh eid i le h'anail air aghaidh na 'n daoi;  
Air suaimhneas an tàmha, thuit pràmh-chadal fuar,  
Aon phlosg, thug gach eridhe—cha do phlosg ach aon uair.

Le chuinneinean farsuing luidh an t-each air an fhraoch,  
Ach treompa cha d' tharruinnng e sitrich' a chaoidh;  
Bha cop geal a phlosgaidh, gn fuar air an fhounn,  
Mar chobhar na maya, air sgeir nan garbh thonn.

Bha 'marcach na shìneadh, 's bu dhìblidh a shnuadb,  
A mheirg air a chlogad, 'san dealt air a ghruaidh;  
Gach bratach na h'aonar,—gach pailliun mar uigh,  
Gach sleagh gun a togail,—gach gall-tromp gun fhuaim.

Tha Banntralchean Ashuir, fo ànradh 's fo thùrs';  
 'Us iodhalan Bhail, 's gach àite nan smùr;  
 'Us spionnad a Chinnich, nach do mhilleadh 's an àr,  
 Leagh iad, O Thighearn! mar shneachd ann ad' làith'r

Ead. leis an EILEANACH.

*Mu'n Chomunn a tha'n Glaschu, chum leas spioradail ar luchd-dùthcha  
 ann an America mu thuath, chur air aghaidh.*

Tha mòr shòlas oirnn ri chluinn-tinn gu bheil a chùis a' soirbh-eachadh leis a Chomunn so, os ceann na bha dùil aca fein ris 'nuair a thòisich iad.

Tha sinn a' mothachadh le mòr thoileachadh gu 'n d' rainig ar fear-dùthcha, Mr D. MacIachain, am Ministeir Gaelach, a chuireadh do Mherigomish, agus gu'n d' fhàilticheadh e le mòr chaoimhneas.'Se ar n-ùrnuigh gun soirbhlícheadh Dia leis. Tha triùir

no cheathrar de Mhinisteirean òga Gaelach a dhì air a Chomunn, agus tha dòchas againn gun eisd cuiid de'n òigridh dbiadhaidh, a tha teachd a mach feadh na Gaeltachd air son na h-Eaglais, an glaodh àrd dùrachdach a tha tighinn thar chuan o'n luchd-dùthcha fein, ag ràdh riu, Thigibh a nall a chòmhnaidh leinn. Tha mar an ceudna fear no dhà gu ceasnachadh a dhì orra.

## NAIGHEACHDAN.

Cha'n eil a bheag de naigheachd-an mòr feadh an t-saoghail, ach na thachair san Fhraing, agus dh' oidheir-pich sinn sin innseadh ann an Còmluradh nan Choc. Is duilich leinn a ràdh, gun deachaidh mòran sluaigh gu bàs anns an ior-guill ud; ach tha dòchas againn gu'm bi sìth sheasmhach ann a nis. Tha'n cogadh seachad ann an Algiers, agus tha e air a ràdh gun d' fhuair na Fràngach corr agus ceithir muilleine de phùind Shasunnach ann am buinn airgid a thug iad dachaidh. Tha nis muinnitir na Parlamaid air an taghadh, an déigh anabhairastrìgh agus costais a tharruing air an dùthaich. Tha e air a ràdh gun do chosd e corr agus ceithir fich-ead mìle punnd Sasunnach do

chuid diubh faotainn a stigh de'n Pharlamaid.

Tha aobhar bhi taingeil air son an atharrachaidh bheannaicht a thainig air an aimsir; ma sheasas an t-sid mar tha i nis bithidh bàrr trom tarbhach ann, ach bithidh e gun teagamh anamoch. Tha mhìn a'tuiteam beagan, agus tha fhugh-air gun d'théid i ni's saoire. Tha cosnadh doirbh r'a fhaotainn air Galldachd, agus tha na mìltean Eireannach le lamhaibh sgaoilte gu ghlacadh. Is mòr ar n-eagal gun d'thig na buanaichean bochda rothràth a mach air an fhogharadh so. Bha luach na spréidh ro iosal air feill na Lùnasdal san Eaglais bhric, agus tha daoin a'smuainteachadh nach ann an àird a théid iad air a bhliadhna so.

## LEABHAR UR GAELIC.

*An t-Ailleagan, no Comh-chruinn-eachadh Dhàin, Orain, agus Dhuanagan,* LE SEUMAS MUNRO.

Do Ghaedheil a tha togarach mu Dhàin agus mu Dhuanagan beaga taitneach, anns nach faighear focal nach feud an Oigh is beusaich' a leughadh, agus a sheinn; anns

am faigh an Gaedheal cainnt bhlasd a dhùcha fein, air a cuir sios anns an dòigh is snasmhoire—So luach-peighinn de 'n t-seòrsa air son sèa sgillinn is fear a thainig air àm sam bith 'n ar rathad.

*Tha'n t-Ailleagan air a reic le W. R. M'Phun 'an Glaschu, air son séa sgillinn.*

---

## FOCAL SAN DEALACHADH.

Mòran taing d'ar càirdibh seasmhach. Am *Fior Ghael, A. B. R. Mactalla*, an *t-Eileanach, Seumas, Domhnall*, am *Ministeir Gaelach*, am *Muileach agus an t-òigfhearr*. Am fad 's a sheasas iad sin leinn cha'n'eil sinn fo chùram. Tha mòran againn uatha sin nach da chuir sinn fathast 'an clò, a' cuimhneachadh gur còir càil-eiginu a bhi againn fa chomhair na coise goirte.

Fhuair sinn an Dàn a chuir D. G. d'ar n-ionnsuidh, agus taing d'ar caraid suaire C. S. a sgriobh e, tha'n Dàn maith, ach tha e tuille 's fada; theagamh gu'n cuir sinn fhathast cuid deth a mach.

Soraidh do'n *Bhraigheach*, agus iasgach maith dha air clach nan Cudainnean. Cluinneamaid gu tric uaithe-san. Cumaidh sinn dùil an Earrach gu deireadh a Gheamhraidh. Tha'n cumhadh maith, agus gheibh e àite.

Chuir fear nach ainmlich sinn fios air Dàn beag suarach a chuir e d'ar n-ionnsuidh, o nach d'thug sinn àite dha 'nuair a dh'iarr e oirnn a dheanamh. Rannsaich sinn a mach e a lionmhoireachd nan nithe sín a tha againn fa chomhair an Teachdaire, agus chuir sinn air ais e, agus ag ràdh, *Is bigid e sud, 's bigid e sud, mar thuirt an dreathan, 'nuair thug i làn a guib as a mhuir.*

Taing do'n Ghleannach. Chithear an àine bheag an eunntas a chuir e d'ar n-ionnsuidh mu àit adhlacaidh Oisein.

Fhuair sinn litir o N. M'N. O'n a chinn esan modhail ruinne, chi e gum bi sinn modhail ris.

Labbraidh sinn ri cuid eile d' ar cairdean 'san ath-Theachdaire.

AN

## TEACHDAIRE GAEACH.

MIOS MEADHONACH AN FHOGH'Rайдх.

XVII. AIREAMH. 1830.

### BABILON.

*An fhàisneachd mu thimchioll léir-sgrios, a Bhaile mhòir so.\**

*Tha Babilon air tuiteam, air tuiteam; agus tha uile dhealbhan snaidhte a diathan air am briseadh gu lär. Isa. xxi. 9.*

Tha sinn dearbhta nach feud e gun bhi taitneach d'ar luchd-dùthcha eòlas a thoirt doibh air cuid de na bailtean mòr ainmeil sin ann an rioghachdaibh na h-àird-an-eas, air a' bheil iomradh againn san scriobtuir, agus a tha nis nan làr-aichean briste, gun chlach air muin cloiche dhiùbh.

Ann an eachdruidh nam bailte mòra sin, agus na rioghachdan anns an robh iad air an suidheachadh, chi sinn coillionadh gach fàisneachd iongantach a rinneadh m'an déibhinn, agus bithidh sinn air ar n-aomadh gu thuigsinn mar thubhairt Isaiah, *Cò dh'aithris so o chian? a dh'innis e o'n àm ud? nach mise, an Tighearn, agus cha 'n'eil dia tuilleadh ann ach mi? Seasaidh mo chomhairle, agus gach ni is àill leam ni mi.\**

Tòisichidh sinn le Babilon. Feadh iomadh linn, b'e Babilon am bail' a b'ainmeile bha san àm sin air aghaidh an t-saoghal; is iomad ainm tha air a thoirt da ann am focal

De, a tha leigeadh ris duinn oir-dheirceas, àilleachd, neart agus dreachmhioireachd a Bhaile mhòir so. Tha e air ainmeachadh Babilon mòr—glòir nan rioghachdan, àilleachd agus uaill Chaldea—Baile an öir—Ban-tighearna nan rioghachdan—saibhir ann an ion-mhasaibh—cliù an domhain uile—

Bha am Baile so air a chuaireachadh le balla-dion no callaid, a bha air a mheas a measg iongantas an t-saoghal. Bha am balladh so tri fichead mil' air fad—ceithir chearnach, air chor 's gun robh gach taobh dheth cuig mile deug air fad. Tha a challaid-dhion so tri cheud troidh air àirde, agus os ceann ceithir fichead troidh air leud. Tha luchd-eachdruidh ag innse dhuinn gu'n rachadh sè carbadan taobh ri taobh air mullach na callaid so, mar air slighe fhar-suing, gun bhi'n caramh a chéile. Tha challaid so air a cuairteachadh air an taobh a mach le dìg fhar-suing, làn uisge. Tha cùig fichead

\* Isaiah, xiii. 1, 4, 5, 9, 19—22. Isa. xiv. 4, 11—19, 22, 23. Isa. xxi. 9. Isa. xliv. 27, 28. Isa. xlvi. 1. Isa. xlvi. 1. Isa. xlvi. 1—5, 7—11. Ierem. xxv. 12, 14. Ier. 1. 1, 2, 3. Ier. iv. 9—13. Ier. v. 21—26—15, 16, 29, 32, 35—45. Ier. li. 2, 8, 9, 11, 13, 14. Ier. v. 25—33. Ier. l. 36, 37, 39, 41, 42, 43, 44, 45, 46, 47, 57, 58, 63, 64.

geata no còmhlaigh air ballachan a hhaile so. Bha na dorsan so gu h-uile de phrás no umha : tha so a' soilleireachadh dhuinn seadh nam briathran a labhair Dia le Isaiah, xlvi. 2. *Théid mise romhad, agus ni mi na slighean fàra dìreach ; na còmhlaichean umha spealgaidh mi, agus na croinn iarruinn brisidh mi nam bloighdibh.* Bha na còmhlaichean so fosgailte rè an là, agus druidte san oidhche ; agus eatorra bha tur-aidean àrda làdir air an togail ; agus trid meadhon a Bhaile bha abhuinn Euphrates a' ruith, agus drochaidean eireachdail air an togail thairis oirre.

Bha luchùirtean àluinn'sa Bhaile so co dreachmhor 's a thogadh le lamhaibh ; agus sràidean air son farsuingeachd agus eireachdais nach robh 'an aon bhail' eile air aghaidh an t-saoghail.

Ri uchd na callaid àrd a bha m'an bhaile, agus air an taobh a stigh dhi, bha liosan air an suidheachadh, ag éirigh suas air claoen bhruthach, gu bràighe barra-bhalladh a bhaile,, agus anns na liosaibh eireachdail so bha gach lus agus luibh bu phrìseile agus bu taitnich a' cinntinn.

Cha'n'eil e comasach dhuinn cunntas a thoirt air gach teampull àrd a bha sa bhaile so ; ach bha aon ann is éiginn duinn ainmeachadh, oir cha robh a leithid eile air talamh, b' e sin teampull Belhis. Bha'n aitreabh so a' co'-sheasamh de ochd-tuireada deug, ag éiridh os ceann a chéile, agus a' fàs ni bu chaoile mar bha iad a' dìreadh. Bha 'n teampull so ni bu mhò na togalaichean barra-chaol na h-Eiphit. Bha e sè ceud troidh air àird, agus a thiuighead a reir sin. Tha daoine foghlumte a' smuainteachadh gu'm b'e so tùr Blabeil, air a bheil iomradh ag-

ainn sna scriobtuiribh. Bha saibhreas na rioghachd, agus iodhalan na dùthcha, air an gleidheadh san teampull so. Sann an so a chàirich Nebuchadnesar na sothichean oir agus airgid a thug e leis a Ierusalem. Tha e air innse dheinn gun robh do dh' òr agus airgiad aige san teampull so air aon àm os ceann fishead muillein de'n chùinneadh againne.

Cha'n'eil seanachas cinnteach againn cò a leag stéigh a bhaile so, ach tha fios againn gur e righ Nebuchadnesar a dh' àrdúich e gu bhi na iongantas a' measg bhailean an t-saoghail, mar tha e fein le bòsd mòr ag innseadh dhuinn ann an leabhar Dhanieil, iv. 30. *Nach i so, ars' esan, Babilon mhòr, a thog mise mar thigh na rio, hachd, le neart ma chumhachd, agus air son onoir mo mhòrachd?* 'S ann chum Babilon mòr so a lionadh a thug an righ uaibhreach so sluagh co lionmhor, ann am braighdeannas as gach Dùthach agus Rioghachd air an d'fhuair e ceannas.

B'e Babilon Ceanna-bhaile tìr Chaldea, an aon dùthach bu tarbhaich a bha san àm sin air aghaidh an t-saoghail. A bharrachd air Babilon, bha bailtean mòr eile ann an tìr Chaldea, agus cuid diubh ro chumhachdach. Bha aon bhail' ann d'am b' ainm Sileucia, a thogadh tri cheud bliadhna an déigh fàisneachd Ieremiah, anns an robh ri linn Chriosd sè ceud mìle pears' a chòmlhnuidh. Tha cunntas againn ann an eachdruidh mu thrì bailtean a thogadh dlù d'a chéile, agus a chinn fa dheireadh mar aon Bhaile mòr, a bha ochdmìle-fishead air fad. Ach ged a bha bailtean Chaldea co lionmhor b'e Babilon Ceanna-bhaile na rioghachd ; agus tha'n cunntas a th' againn mu àillealachd agus

mòralachd a bhaile so, mu luchuirt-ibh eireachdail, mu theampuill àrda, mu 'liosaibh cùbhraidi, mu bhruachaibh na h-aibhne bha ruith troimhe, mu neart do-labh-airt na callaid a bha mu thimchioll, le gheatachaibh pràis, agus a thùir àrda, ga chomharrachadh a mach mar uайл Chaldea, Ban-righ na rioghachd, agus Ceanna-bhaile mor an t-saoghal.

Nach saoileamaid, ma ta, gu'n cuireadh am Baile làidir so aois agus aimsir gu'n dùlan? Nach bu nàdurra ri smuainteachadh nach d'thigeadh gu dlíinn lòm-sgrios co mòr agus co buileach air a Bhaile so, agus nach biodh clach ri faotainn air muin cloiche dheth? Nach bu dùgh dhuinn a smuainteachadh nan seasadh baile a thogadh le làmhaibh gu'm b'e Babilon an t-aon? agus ma dh' fhosglas sinn am Biobull chi sinn gu'm b'e sin a barail fein; oir thuirt e, *Bithidh mi a'm bhaintighearn gu siorruidh*;—*Tha mi, agus cha 'n eil ann ach mi; cha swidh mi a' m bhantraich, ch'x'n aithnich mi call cloinne.* Isa. xlvi. 7. 8. Ach ciod iad innleachdan an duine, agus uail an t-saoghal so an aghaidh briathra Dhe. Ochd fichead bliadhna m'an d' éirich lochd no beud do'n Bhaile mhòr so, 's an uair a bha e'n àird a ghlòir, agus a cheann ag éiridh le uaill chum nèamh, chuir am Fàidh Isaiah 'an cùill gun robh breitheanais an Tighearna Dia a mach'na aghaidh. Għlaodh e mach, mar gu'm biodh na chunnaic e ann am fàisneachd ceart fa chonhair a shùl, *Tha Babilon air tuitean, air tuitean;* agus tha Ieremiah le tuireadh brònach a'caoidh, Thuit i, thuit i, thainig lèir-sgrios gu buileach oirre; agus thog e an f'hàisneachd so, cian m'an robh a bheag de choslas sgrios a theachd na còir.

Bha breitheanais an Tighearna a mach an aghaidh luchd-àiteachaidh Bhabiloin agus thàir Chaldea, air son an iodhal-aoraidh, am fòir-neart, an uaill, an sannt, misg, an cealgaireachd, meud agus uamh-arrachd am peacaidh. Bha'n iodhal-aoraidh bu għräineil air a chleachdadħ leo, agus gnàthachadh air a cheadachadh a bha oillteil th' ar cuimse. Air am beannachadh le saibhreas de shochairean saoghalta, cha robh suim aca do għlōir Dhe, agus uime sin tharruing iad orra fein breitheanais an Tighearna.

Cha'n eil ni a thachair dhoibh, cha robh dòigh, air an do thachair e—cha robh ām san do thachair e, charobh rioghachd no sluagh a dh' éirich nan aghaidh, cha robh lòm-sgrios, no milleadh a thainig orra, nach 'eil gu h-eignidli air a chuir sìos ann am focal De, agus air innse le fäidhibh an Tighearna linnteán m'an do thachair e.

Cha'n eil e comasach dhuinn ann an eachdruidh aithghearr' de'n t-seorsa so ruith thairis air gach fäidheadoireachd a th' againn anns a Bhiobull mu leir-sgrios Bhabilon agus thàir Chaldea. Chomhairlichinn doibhsan a ta gabħail suim de 'n eachdruidh so, am Biobull a għabbail, agus iad a leughadh air an socair na h-earrannan sin a tha air an combarrachadh a mach aig cois na ceud duilleig, agus iad a dħċanamli so anns an riaghalt anns a' bheil iad air an cuir sìos. Tha e air innseadh anns na h-earrannaibl sin a leugh sibh gu'm b'iad na Medich agus na Persian-aich a bha ri dol suas an aghaidh Bhabilon, agus tha eadlon *Cirus*, an Ceannard a bha ri bhi orra, air ainmeachadh dhuinn fada m'an d' thainig e dh'ionnsuidh an t-saoghal, Faicibh Isa. 45. 1. Bha mòr shluagh ri dol suas maille ris, mar

chi sibh, Isa. xiii. 4, 5. agus tha eadhon ainm nan rioghachdan a bha ri dol suas leis gu cath air an innse roi-laimh, le Ieremiah, li. 27, 28. Tha e air innse mar an ceudna nach d' thigeadh muinntir Bhabiloin a mach gu cogadh, oir bha'm baile co laidir, bha teachd-an-tìr aca na dh'f hòghnadh dhoibh fichead bliadhna, uime sin cha robh smuairean orra; chuir iad *Cirus* agus am feachd a bha leis gu'n dùlan, agus chuir iad seachad an aimsir ann am fleetdhachas agus ann an ruiteireachd. An ni a bha eacomasach do *Chirus* a dheananmh air dòigh ghnàthaichte, bhuadhaich e le imleachd a chleachd e. Bha abhainn Euphrates a ruith tre mheadhon a Bhaile, bha i ceithreamh mhile air leud, agus da-throidh dheug air doimhneachd. Thug *Cirus* faintear amar ùr a chladhachadh air son na h-aibhne, anns an do chuir e seachad i air cùl a bhaile, agus ann an sean chlais na h-aibhne f' huair e fein agus am feachd lionmhor a bha leis slighe gu dol a steach do'n Bhaile. Dh' innseadh le Ieremiah gur ann mar so a bhiodh a chùis, l. 38. *Tha tiormachd air 'ur n-uisgeachaibh, agus tiormaichead suas iad, agus anns an 24 rann de'n Chaibdeil cheudna, tha Dia ag ràdh, Leag mise rib air do shon, agus bha thu fòs air do ghlacadh, O Bhabilon, an uair nach do shaoil thu.* Cia mar, ma ta, a choimhlionadh an fhàidheadaireachd so? Tha luchd-eachdruidh nan Cinneach, Gréugaich ainmeil\* ga innseadh so dhuinn, gun do ghlacadh e an uair nach do shaoil iad, agus a bha 'n righ agus a chuirteirean a' cur seachad na h-oidhche ann am fleetdhachas agus a sùigradh; agus

tha so uile gu mion againn air a chur sios anns a chùigibh Caibdeil de leabhar Dhaniel, a dh'aslaicheamaid orrasan aig a' bheil tlachd de'n eachdruidh so iad ga leughadh gu càramach; agus thugadh iad leo nan cuimhne gun robh Daniel a làthair ann am Babilon air an oidhche san do thachair so uile. Dh' innseadh roi-laimh gun tachradh gach ni dhiubh so le Isaiah agus le Ieremiah. *Cuiridh mis' air mhisg a prionnsachan, agus a daoine gllice, a cinn-fheadhna, agus a h-uachdarain, agus a daoine cumhachdach; agus coidlìdh iad codal bith-bhuan, agus cha dùisg iad tuilleadh, deir an Righ d'an ainm Iehobhah Dia nan sluagh; agus ceart mar thuirt, thachair.* Air a cheart oidhche sin fein ann am briathraibh Dhaniel v. 30. 'nuair a blà misg air an righ agus air uachdarain, agus a dh'f hág iad na còmhlaichean a bh' air bruach na h-aibhne fosgailte, f' huair an naimhdean a stigh, mharbhadh an righ, agus ghlacadh an rioghachd. Choimhlionadh gu h-iomlan gach ni a dh'innseadh leis na fàidbibh linnte m'an do thachair e. Chaithd *Cirus* agus *Darius* a stigh le'm feachd, d'am b'aireamh sè-fichead mìle, mar so a coimhlionadh na bha air innseadh le Ieremiah fada roi'n àm, liv. 14. *Gu dicimhin lionadh mi thu le daoinibh, mar gu'm b'ann le locuist, agus togaidh iad suas iolach ann ad aghaidh.*

Ach math a dh' f'haoidte gu bheil cuid a leughas so ullamh gu ràdh, thachair na nithe so o cheann ùine co fada, agus nach'eil fios againn ciod a bharail is urrainn duinn a thoirt orra; ach ma bhith-eas foighidinn agaibh a dh' eisdeas, leigidh mi ris duibh gun d' innis Isaiah agus Ieremiah o cheann da mhìle agus cùig-ceud bliadhna, a

\* Herodotus agus Zenophon.

cheart staid anns a'bheil tìr Chaldea agus Babilon air a cheart àm so. Agus tha luchd-turuis o'r dùthaich fein, agus o iomad rioghachd eile, a' togail fianuis air fìrinн gach focail a labhair sinn.

Cha d'thainig sgrios air Babilon ann an aon latha, mhilleadh e uidh air uidh, ach cha robh beud no dosgainn, no atharrachadh no milleadh a thainig air àm sam bith na rathad nach robh air innseadh roimh làimh leis na fàidhbih naomha. *Thig a nuas, ars' Isaiah, ogus dean suidh anns an duslach, Oigh nighean Bhabiloin, suidh air an lär, cha'n eil righ-chaithir ann, a nighean nan Caldéach.* xlvii. 1. Tha e ga h-ainmeachadh na h-Oighe, a chionn nach do ghlacadh riamh roimhe i, ach an uair a fhuair Darius a stigh, choimhlionadh an fhàisneachd so mu déibhinn; cha robh righ-chaithir ann am Babilon ni b' flhaide, shuidh nighean nan Caldéach san duslach, ag iocadh cùs do rioghachdaibh fò'n robh i o so a mach 'an daorsa. An uair a fhuair na Medich a stigh, cha robh uiread shuim aca mu òr no mu air-giod, 'sa bha aca de mhort' agus de dh' àr, gun iochd do'n òg no do'n anmhunn; ach so fein, chunn-aic Isaiah da cheud bliadhna m'an do thachair e, agus tha e toirt an aon chunntais uime, 'sa tha luchd-eachdruidh Chinneach a dh' ainmich sinn cheana, agus nach cuala riamh ionradh air 'ainm. Feuch, ars' an Tighearna trid beul Isaiah, dùisgidh mi suas nan aghaidh na Medich, aig nach bi meas air air-giod; agus air son òir, cha bhi suim aca dheth. Pronnaidh am boghachan na h-òganaich, agus cha dean iad iochdar toradh na bronn; cha ghabh an sùil truus do leanab-abh, xiii. 17, 18.

Air eagal gun éireadh Babilon a rìs gu meas, thug Darius fa'near gu'm biodh a bhallaean làidir air am bristeadh gu lär, agus a dhorsan ainmeil air an losgadh le teine. Tha'n Gréugachl ainmeil a sgiobh eachdraidh a chogaidh so, ag inns-eadh dhuinn gun do shaothirich am feachd a'toirt léir-sgrios air a bhaile so, gus an d'f hannaich iad le sgòs; ach cha d' innis iadsan so a chunnaic e a' tachairt, a bheag ni's mionaidiche na rinn Ieremiah 'nuair bha Babilon ann an àirdé 'ghlòir, li. 58. Mar so tha Tighearn nan sluagh ag ràdh, Brisear gu tur ballacha leathan Bhabiloin, agus loisgear ag heatach-an àrda le teine; agus saoraidh na slòigh gu diomhain, agus na cinnich anns an teine, gus an toir iad thairis le sgòs.

'Nuair a phill an duine ainmeil Xerxes as a Ghréig spùnn e'n teampull, anns an robh na h-iodh-alan-aoraidh air an gleidheadh; agus choi-lion e gun fhios d'a fein briathra Dhe, *Tha Babilon air tuiteam, air tuiteam; agus tha uile dhealbhan snaidhte a diathan air am briseadh gu lär.* Cha'n urrainn duinn gach fàisneachd riocdhail mu léir-sgrios Bhabiloin a chuir sìos, agus an dòigh air an do choimhlionadh iad, ach tha aon no dhà ann is éiginn duinn a thoirt fainear, Ier. li. 44. *Agus bheir mise breitheanas air Bel ann am Babilon, agus bheir mi mach as a bheul an ni sin a shluig e.* Choimhlionadh so gu h-eignidh, oir is ann an teampull Bheil a chàireadh na soithichean òir agus airgid a thug Nebuchadnesar air falbh a Ierusalem; agus an uair a cheadaich Cirus do Chloinn Israel pilleadh air an ais b' eiginnd do Bhel dealachadh ris na nithe prìseil sin a shluig e, agus chaidh an liuthairt



air an ais do chloinn Israeil, gu gu bhi air an giùlan leo do Ierusalem. Tha e air a ràdh, Ier. li. 8, 9. *Thuit Babilon gu h-obann, agus mhilleadh i; guilibh os a ceann; gabhaibh ioc air son a leòin, ma dh' fheudar mar sin a leigheas. B' àill leinne Babilon a leigheas.* Thug Alastair uaibhreach oidheirp air Babilon a thogail a rìs, dh' f heuch e a leigheas, agus a deanamh na Ceanna-bhaile do gach riogliachd lionmhòr air am b'uachdar an e; ach am feadh 'sa bha e feuchainn ri teampull Bheil a thogail, agus creuchdan a Bhaile mhòir so a dheanamh suas, ghlac an t-éug e, agus bhàsaich esan a thug buaidh air an t-saoghal, ann an tréin a neart, agus ann an àird a chumhachd, 'nuair a dh' f heuch e, 's gun f hios aige ciod a bha e deanamh, ri cur an aghaidh f àisneachd an Tighearnua. O'n àm sin thainig Bail' an òir gu neo-ni; agus choimhlionadh anns an dòigh is iongantaiche gach f àisneachd a rinneadh ma thimechioll. *Bithidh am fearann so na f'hàsach agus'na uamhas, 'na f'hearann far nach gabh duine chòmhnuidh: agus fàsaidhan droighionn suas'na luch-airlibh, agus bithidh i na fàrdaich aig dràgoibh, 'na h-àros aig nigheanaibh na comhachraig.* Agus mar so thachair. Sgriosadh e gu buileach, agus mar labhair Ieremiah, li. 37. *Tha Babilon'na carn-aibh, 'na h-ionad-còmhnuidh dhràgon, 'na h-uamhas, agus 'na ball-syeig, gun aon 'ya h-àiteachadh: agus seasaidh comhairle an Tighearn an aghaidh Bhabiloin gu daingean, a dheanamh tire Bhabiloin 'na fàsach gu'n neach 'ya h-àiteachadh, agus ars', Isaiah, Agus ni mi e na shceilbh do'n ghràineig, agus 'na pholltaibh uisge; agus sguabaidh mi e le sguai'b an lèir-*

*sgrios, deir Tighearna nan sluagh.* Agus ma thainig sguab an leir-sgriosaidh air dùthaich riamh, b'i so i. Tha lochanan uisge agus boglaichean farsuing, far an robh am Baile bu mhò, agus am fearann bu tarbhaich a bh' air aghaidh an t-saoghal. Tha nathraichean nimhe, agus beathaichean fiadhaich, far an robh lùchairtean na mòralachd, air chor's gur gnothach cunnartach do dhaoine dlùthachadh air an àite so. Agus tha fear-turuis as am feud sinn earbsa, agus a bha san dùthaich sin o cheann ghoirid, ag ràdh, Nach 'eil an diugh air aghaidh an domhain fàsalachd agus léir-sgrios ni's eagalaich na tha san àite sin. Is uamhasach na briathran a labhradh le Isaiah, o cheann còrr is dà-mhìle, agus cùig ceud bliadhna, agus an diugh fein tha iad air am firinneachadh fa chomhair ar sùl; Leugbaibh na briathra sin, Isa. xiii. 19, 20, 21, 22. "Agus bithidh Babilon, maise nan rioghachdan, glòir uaili nan Caldéach, mar an léir-sgrios a thug Dia air Sodom agus Gomorrah. Cha'n àiticear gu bràth i, ni mò ghabhar còmhnuidh innti seadh linn nan linn; cha suidhich an t-Arabach bùth an sin; ni mò ni buachailean buaille'an sin," &c. Thachair so uile, an diugh cha'n eil còmhnuidh ann; agus do rère cos-lais, cha bhi gu bràth. Tha na h-Arabaich fein ga sheachnad, buaile cha'n eil ann an tìr Chaldea uile, ga farsuing i; agus dìth-reabh ni's cagallaich na Babilon cha'n eil an diugh air uachdar an t-saoghal. Tha Babilon d'a rìreadh air tuiteam. Tha uile-rùin Dhe d'a thaobh air an coimhlionadh. Agus thainig an t-àm anns a bheil sinn a' cluinnntinn guth Dhe ag radh, "Co dh'aithris so o chian?

a dh' innis' e o'n àm ud? nach mis, an Tighearn? agus cha'n eil dia tuilleadh ann ach mi?" O! nach d'thugadh daoine so fainear, agus gu'm foghlumadh rioghachdan an an domhain "gliocas." "Gu deimhin, deimhin, a deiream ribh, m'ar gabh sibh aithreachas gun d' théid sibh uile am mugadh."

Campsie.

T. M.L.

*An Criosduidh gabhail a chead de'n t-saoghal.*

## I.

Soraidh leat a shaoghall  
Ni'n caoineam idir thu :  
Ged umad bha mi gaolach  
S ge b'aobhach leam do ghnùis ;  
Bha uair,—ach rinn i caochladh,  
Bha d'aogas is do dhealbh,  
'Nam bheachdsa maiseach, gaolach,  
Ach chaochail i is dh' fhalbh.

## II.

'Nam bheachd, an tùs mo làithean,  
Bu chairdeil blà, ro chùr',  
T'anail chaoimhneil chairdeil,  
Do'm fhàilteachadh le sunnd ;  
Ach dhomhsa bu neo-dhileas.  
Neo-f'hìrinneach a glòir ;  
'S bu domblasda a mìlseachid  
A dh'aindeoin bròdal beòil.

## III.

A'd' thobraichibh a b'ùrain—  
A'd' shruthaibh siubhlach, dian,  
Do dh'òl mi, cridheil sunndach,  
Car ùine mar mo mhiann ;  
'S ge b'bhlasda leam mar bhùrn e  
'S ge b'ùrar e do'm bheul ;  
Do tharruing mi do'm ionnsuidh  
A ghrùid maraon ris fein,

## IV.

A bleantaidh corrach àrda—  
A ghleantaidh àluinn gorm :

Soraldh agus slàn libh  
Tha trà dhomh nis bhi falbh ;  
'S ged sgàileas sibh o m' shùilibh,  
Lc ceathach dùmhail bàis,  
Cha tuir mi sibh 's cha'n iunndrain  
Tha'm f hradharc dùi'ch is fearr.

## V.

San nair so, ged nach éisd mi,  
Ri d' ghuth a Dhe, ad chùirt,  
'S do mholadh, ged nach seinn mi,  
Led, Phobull fein, le sunnd ;  
Cha'n eil mi dubhach déurach  
Fo éislein na fo bhròn,  
Oir cluinnidh mi, is éisidh  
Do chliùsa Dhe an glòir.

## VI.

Tha'm feasgar orm a' ciaradh  
'S mo ghrian a triall tre neòil ;  
'S tha'n oidhche ag iadhadh  
Is siorruidheachd am chòir,  
'S ge h-eagallach le uamhais  
Tha'm bàs san uair do'n f heòil ;  
Tha gàirdean treut gam chuartach,  
'Sam buachaille am chòir.

## VII.

Soraidh buan gu bràth libh  
Gach aobhar cràidh a's broin,  
Gach deuchainn agus sàruch,  
'S gach ànnra anns an f heòil  
Soraidh leis gach cruadal,  
Gach buaireadh, agus strì,  
Oir fagus tha do'n uaigh mi  
'S do shuaimhneas a bhios sìor.

## VIII.

Fàilte ort a shiorruidheachd,  
A là neo-chriochnach buan,  
A chuain gun tràigh gun lionadh  
Se'm iartas dian san uair,  
Mo bhréid 's mo sheòl a sgaoileadh,  
'S air d'uchd nach traogh bhi snàmh,  
Gun ruig mi'n caladh aobhach  
Se'm bheil m' Fhear-saoraidh tàmh.

## IAIN KNOX.

## An treas Earrann.

'Nuair a chruinnich pàrlamaid na rioghachd anns a bhliadhna 1563, bha *Knox* an sàs annta chum reac'h ùr a dheanamh gus an creidimh ath-leasaicht' a dheanamh tearainte; ach, so cha deach' leis. Coma, beagan roimh àm dhoibh sgaileadh shearmonaich e aon là an éisdeachd mòran de mhaithean na rioghachd, agus thug e sgiursadh garbh dhoibh airson am mi thaingealachd, agus a bhi cho lapach ann an aobhar Chriosd. Bha iomradh san àm, gu'n robh a bhan-righ a dol a phòsadhbh pápanaich: cha robh so r'a leigeadh seachad. "A mhaithean urramach," arsa *Knox*, "fuil-ingibh dhomh a ràdh, an là dh' aontaicheas sibh ana-créideach a bli na righ oirbh, ni sibh na's urrainn duibh a chum Iosa Criosd f'hògradh as an rioghachd; bheir sibh dioghaltais Dhe air an fhearann; bheir sibh plàigh oirbh fein, agus cha chuir sibh, a réir mo bheachdsa, bheag ri sonas 'ur ban-righ!'" Cha d' éisd luchdmiodail na ban-righ tuille; a mach ghabh iad agus innsear dh'i gu'n do shearmonaich *Knox* an aghaidh a pòsaidh. Cha do thaitinn so ris a bhan-righ. Dh' aithn i *Knox* a thoirt 'na làthair. Nuair chunnaic i e thòisich i ri gal's ri meacanaich mar leanabh beag, 's thug i'n aghaidh air gu'n robh e toirt mi-chliu araon oirre fein's air a riaghlaigh. 'Nuair a chunnaic *Knox* gu'n robh i 'nis a' fàs ni bu chiùine fhreagair e gu stòlда. "A bhan-righ oirdhearc! nam faiceadh Dia iomchuidh 'ur saoradh o na baralaibh coirbteanns an deach' 'ur n'oilein, cha'n abradh sibh gu'n dubhaint mise focal as an rathad.

A mach as a chrannaig cha'n'eile bitheanta leam oilbheum a thoirt: ach anns a chrannaig cha mhi mo mhaighstir fein, ach seirbhiseach an Ti 'ta 'g aithne an fhìrinn a labhairt a mach, gu'n mhiodal ri àrd no ri lòsal,"—"Ach," ars' a bhan-righ, ciod e do ghnothach ri m' phòsadhsa?" Bha *Knox* a' dol a mhìneachadh dh'i a dhleasnas mar mhinisteir an t-soisgeill, 'nuair, le corruiach a ghlaodh i mach a ris, "Cò thusa—Ciod e do ghnothach ri m' phòsadhsa?" "Le'r cead a bhan-righ, arsa *Knox*" tha e fior nach Iarl' no Mor'ear mi, gidheadh chunnaic Dia'na'mhaith-eas iomchuidh mo thogail suas a chum leas na rioghachd: Seadh, dhomhsa buinidh rabhadh a thoirt mu'n olc cho mhath ris a Mhor'ear as àird' inbhe: tha mo dhreuchd agus mo choguis ag iarraidh orm a bhi dileas, agus uime sin, deiream a ris, an là dh' aontaicheas maithean na'rioghachd so sibhse 'cheangal ri pápanach, nach urrainn iad tuille'dheanamh a chum Criosd agus fhìrinn fhògradh as an rioghachd; agus ar còraichean a spionadh uainn!" Air so thòisich a bhan-righ ri bas-bhualadh; sheas Iain, na thosd, a' dian amharc oirre. Ma dheireadh labhair e, "Cha bu taitneach leam riamh ars' esan," aon de chreatairean Dhe fhaicinn a' gul's gann gu'n dùraig mi eadhon mo chlann fein a smachdachadh air eagal an cluinntinn a' caoineadh: dhuibhse 'ar leam, nach tug mi aobhar caoinidh; co dhiùbh, 's fearr leam 'ur deòir fhaicinn na mo choguis fein a lot, agus an rioghachd a bhrath do thoil a nàmhaid le m' thosd?" 'S ann a nis a b'airde glaodh na ban-righ, agus gun tuilleadh éisdeachd dh'òrduich i mach as a sealadh e. Chuir i 'comhairle ris na

mor'-earaibh ciod a dheanta air; chomhairlich cuid a chrochadh; cuid a losgadh gu bàs; ach cha robh obair *Knox* fathast ullamh, uinne-sin, fhuair e as.

Am feadh a bha bhan-righ ann an Sruileadh, chum an teaghlaich Airinn anns an lù-chuit ann an Dun-eidean gu follaiseach. Cha robh muinntir a chreidimhath-leasaichte toilichte leis a so, agus air dhoibh aon là mòran f'haicinn a'dol a steach, thilg siad iad fein nam measg, a seòraich c'arson a bha'n lagh co ladurna air a bhriseadh? Bha'n iorghaill a nis air bonn, ach cha do chailleadh beatha. Chaidh dithis de luchd a chreidimh athleasaichte ghlacadh le òrdugh na ban-righ, agus bha là air a shòn-rachadh a chum am feuchainn. Chunnaic eaglais Chriosd, gun robh, cha'n e mhàin an dithis so an cunnart am beatha, ach an lagh a dhìteadh iadsan gu'n ruigeadh e míltean. Thug iad uime sin, air *Knox* coinneamh a ghairm air là na cuírte chum iad fein a dhòn. B' aill le càirdibh na ban-righ a dbeanamh a mach, gu'n robh a choinneamh so mi-laghail, agus gu'n robh briathra na litreach ceannaireach, agus shaoil iad a nis nach robh dol as aig Iain *Knox*: Rinn an lagh greim air aon uaireile. M'an tainig là na cuírte rinn iad na bha nan comas a chum eagal a chur air, feuch an aidicheadh e gu'n robh e ciontach; ach bha làthaireachd a Dhe le *Knox*, agus cha bu daoine 'chuireadh giorag air. "Cha d'rinn mi, ars'esan, ach mo dhleasnas, agus uime sin, ciod air bith mar thachras tha m' earbsa gu'n seas mo Dhia mi!" Thainig a nis an là--thugadh am priosanach a làthair. 'Nuair a chunnaic a bhan-righ e rinn i iolach mhòr ghàire. "Sin, ars'ise, fear a thug ormsa bhi gul; theagamh gu'm faic

mis' esan a gul an diugh." Thòisich an deuchainn, 's cha robh i soirbh. Dh'aidich *Knox* gu saor gur h-e 'sgriobh an litir, ach nach robh a choinneamh air mhodh air bith mi-laghail. 'Nuair chual a bhan-righ e, ghlaodh i 'mach. "C'arson a ta sibh co leanabail ris? Co thug òrdugh dhà m'iochd-rain-sa thoirt cruinn?" "'S iomadh uair," arsa *Knox*, "a thug mi cruinn iad, araon là sàbaid 'us seachduin 's cha chualas riamh gum b'olc gus a nis: Cha'n e 'mhàin" ars'esan, 'se gabhail mis-nich "tha'n t-àm a chaidh seachad fathast fa chomhair mo shùl—tha mi faicinn treud lag Chriosd co mòr an cunnart 'sa bha iad riamh. 'S an àm a chaidh seachad bha 'n diabhol ag imeachd sios 'us suas na f'hìor choltas fein: tha nis sgàil air a ghnùis agus meallaidh e anama bochd mar bi iad nam faicill! A mhaitean Alba l am bheil sibhse 'm beachd gu'n caisg fuil an dithis bhràithre so ìotadh nam pàpanach? cha chaisg—cha dean i ach an càil a bhrosnachadh; tha f'hiös againn air ar cosg nach 'eil ach nimh agus domblas nan cridheachaibh! Agus a bhan-righ! ribhse theirinn gur mic do'n diabhol iadsan a ta ga'r brosnachadh an aghaidh caoraich bhochd Chriosd, agus gur h-i obair an athar, an sean blreugair agus an daor mhortair a ta iad a' deanamh"— "Ciall! Ciall! arsa fear de na mòr'-earan, cha'n ann 's a chrann-aig a tha thu 'n tràs idir cuimhneach." Tha mi arsa *Knox* far am bheil e mar fhiachaibh orm an *fhir-inn* a sheasamh, agus an *fhirinn seasaidh* mi 'n làthair dhaoinibh agus ainglibh l" A chur an sgeòil an aithghearr, f'huair Iain fa sgaoil aon uair eile, ged nach b'ann a dheòin mòran de na bha 'làthair, gu h-àraig a bhan-righ.

Anns a bhliadhna 1566, phòs a bhan-righ Pàpanach, fear *Darnley*, mac Iarla *Lennox*, chuir so fuathas air luchd a chreidimh ath-leasaichte, agus cha robh iad gun aobhar aca. Bha'n duine so do thaobb nàduir, árdanach, ceann-laidir; agus chuir a phòsadh an truaighe gu h-uile air. Thug a bhan-righ fainear éigheach na righ gun chead iarraidh air a maithean, ni bha'n aghaidh lagha agus riaghailt. Coma, chaidh *Darnley* agus a bhan-righ aon la 'nan carbad-aibh riomhaich a dh' eisdeachd *Knox*. Thachair do'n cheann-teagaisg a bhi o Isai. xxvi. 13. 14. "O Thighearn ar Dia, bba ceannas oirnn aig tighearnaibh eile bharraich orts," &c. Air dha labhairt mu thighearnaibh aingidh a chuir eas Dia, air uairibh, os-ceann pobail a chum an sgiùrsadh arson am peacaidhean, leugh e o'n treas cail. 'san ceathramh rann, "Agus ni mi leanabana nan uachdranaibh orra, agus riaghlaidh naoidheana os an ceann. Ghabh an righ so thuige fein agus chaidh e dhachaidh làn corruiich. Chaidh òrdugh gu *Knox* gun searmonachadh tuilleadh gus am fàgadh an teaghlach rioghail am baile. Cha b'fada chum so e; oir thug iad Sasunn orra an ceann dà latha. Chunnaic luchd a chreidimh ath-leasaichte nis an cunnart anns an robh iad fein san creidimh: bha na neoil a dubhadh agus an speur a 'fàs ni bu ghruamaiche gach là. B'eiginn d'an cairdean a b'fhearr teicheadh agus an rioghachd fhàgail, agus thòisich a bhan-righ air a chothrom a ghabhail a chum creidimh an t-sagairt a chur air bonn a ris. Chum an righ agus cuid de uaislean an fhearainn, Airinn gu follaiseach, agus chuir a bhan-righ a lanh sgriobhaidh ri reachd a chum a h-uile anam de'n chreidimh ath-leasaichte a sgrios gun tràcair, mar tionndadh

iad! Mu'n àm so, thionndaidh mòran de na maithean, agus eadhòn an righ fein an aghaidh *Rizio*, àrd chomhairleach na bannrigh agus nàmhaid fuitreach a chreidimh ath-leasaichte, agus cha b' fhois no tàmh dhoibh gus na mhòrt iad gu h-ain-iochdmhor e. Chuir mort an duine so corruiich ana-bharr air a bhan-righ agus chaidh gnothaichean a null 'sa nall gus an do thill na maithean a bha air fògradh. Leis gach ni a bh'ann, cha d' fhuair a bhan-righ a miann air a bhliadhna so. Beagan na dhéigh so, chaidh an righ fein a mhòrt air iarrtas Iarla *Bothwell*, a thuit an trom-ghaoil air a bhan-righ, ged bha e pòsda mar bha. An ceann beagan làithean rinn iad suas r'a cheile. Thug so oilbheum do mhaitean na rioghachd, chuir iad a bhan-righ bhàrr a chrùin, agus chuir iad ann an eilean *Lochleven* i. Theich *Bothwell* chuireadh airgiod cinn as mar mhòrt'ear, 's dh'éigeadh an t-Iarla *Murray* na fhear-ionad righ gus an tigeadh an t-oighre gu aois.

Anns a bhliadhna 1568, f'huair ban-righ Màiri innleachd air teich-eadh a eilean *Lochleven* an déigh a bhi'm priosan ann re dlù air bliadhna! A thiotadh dh' éirich mòran leatha nach robh toilichte le *Murray*. Choinnich na h-airm aig *Langside* mu thuairm dà mhìle ma dheas air Glaschu, agus chaidh an latha le *Murray*. Theich Màiri do Shasunn, ach chuir a luchd lean-mhuinn rompa gu'm biodh bàs fir ionad an righ, *Murray*, air an làmh-aibh; sann mar sin a thachair; thilg fear *Hamilton*, aon làle peileir e; a cheart duine a shàbhail *Murray* o'n chroich beagan roimhe so!

Bha *Anox* agus *Murray* cho mòr aig a chéile, 's gu'n do ghabh e 'bhás gu mòr gu cridhe. Tha e air aithris nach d' fhuair e riagh os a cheann. Rinn e searmoin

tòrraidh air a shon o na briathraibh, "S beannuichte na naoimh a gheibh bàs 's an Tighearna." 'Nuair a tharruing *Knox* suas biùthas agus buaidhean an duine mhath so, de na trì mìle 'bha 'san éisdeachd cha robh a h-aon diubh nach robh a' sileadh nan deur! M'an àm so bha beatha *Knox* do gnàth an cunnart feadh na h' oïche, bha na peileirean a srannraich m'a chluasaibh, agus b' éiginn freiceadan a chur air an tigh air eagal gu'n rachadh a mhort. Bha teanga luchd mi-ruin a'togail sgleò air. B' àill leò 'ràdh gu'n do chuir e fios gu Ban-righ Shassuinn gu cogadh an aghaidh a dhùthcha. "Na rinn mi arson mo dhùthcha," arsa *Knox*, "cha'n-eil sùilean aig an linn so chi e, ach chi agus aidichidh linnibh ri teachd e. Tha mi 'nis a' triall air slighe gach uile fheòil; cha'n-eil mi 'g iarraidh ach ma tha ni air bith ri ràdh m'a ghaidh gu'n rachadh a ràdh gu follaiseach. Oir 's neò-sheirceil an ni ma dh'f heumas mi ann am shean aois dol a chogadh ri ialtagaibh, 's ri cailleachaibh oïche nach tig a chum an t-soluis." 'Mach uaithe so bha *Knox* gach là a fàs ni bu laige 's ni bu làige. Chuir an casgradh uamhasach a thachair 's an Fhraing a cheann fuidh' gu h-uile, oir mhorthadh ann an aon seachduin ann am Baile-mòr na Fràing' amhàin còrr 'us "cuig-fichead mile" de luchd a chreidimh ath-leasaichte! Bha tuilte fol a ruith le sràidibh a bhaile: bheum Pàp na Roimhe na cluig le toilinntinn, agus chum e *Iubilee* rè iomadh là. Thug mi nis *Knox*, a Theachdaire rùnaich, gu leab' a bhàis: aon ghuth eile agus fàgaidh mi e maille riùsan a bha firinneach gu bàs, agus a fhuaire crùn na beatha.

MACTALLA.

Eilean Chola, 1830.

### CÓMHRADH NAN CNOC.

Fionnladh-Piobaire na sluidhe aig ceann an tighe a' càramh sean bhrògan a mhñatha, na pàistean a' cleasachd air an àilean, Eoghann Brocair a' dlùthachadh air an tigh, le choin air lothaínn na dhéigh, agus luinneag na 'bheul mar bu ghnàth leis.

*Broc.* Gur iad mo rùn na fleasgaichean,  
Am feasda nach dean pòsadh;  
Gur h-ann thà bheatha sheasgair  
Aig na fleasgaichean an còmhnuidh

*Piob.* Sin thu Eoghainn, h-ùg  
air na h-òrain mar is gnàth leat.  
Cò is meamnaiche na thusa?

*Broc.* Innsidh mi sin duit; An  
cuil' thu'n sean-fhocal,

Mac bantraich aig am bi crodh,  
Searrach sean làradh air greidh,  
Nighean Mìilleir ganu bi min,  
Triùir is meamnaich air bith.

Agus cha'n-eil fios agam nach  
feudainn Piobaire spreigeil air  
banais chridheil a chuir sa chuid-eachd. A'bheil thu fein, Fhionnlaidh, agus do chuideachd gu sunndach?

*Piob.* Tha sinn mar dh'fheudas  
sinn, 's cha'n-eil an righ fein  
mar bu mhaith leis.

*Broc.* Cha'n-fhiostach mi gu  
bheil fàth gearain aig an righ  
againne, sgìobair mòr na dùthcha;  
ach ma tha na paipeirean-naigh-eachd  
ag innse na fìrinne tha righ  
bochd na Fràinge an déigh a  
chearcall màis a thilgeadh; ach  
cha'n-eil teagamh nach d' thoirear  
oidheirp air a chuir f hathast na  
'ghreim.

*Piob.* Tha'm Maighstir-sgoil' ag  
ràdh gu bheil sin eacomasach.

*Broc.* Ge math am Maighstir-  
sgoile feudaidh e bhi am mearachd,  
ach cha bhreugaichear an sean-fhocal a thuit,

Nam faighte cèud sagart gun bhi sann-tach,  
 Cend tâilleir gun bhi sunndach,  
 Ceud Greusach gun bhi breugach,  
 Ceud Figheadair gun bhi bradach,  
 Ceud gobhainn gun bhi pàiteach,  
 Agus ceud Cailleach nach robh riamh air chéilidh,  
 Chuireadh iad an crùn air righ gun aon bhuithe.

Ach ciod a th' aginne r'a dheanamh le righribh,

Is coma leis an righ Eobhann,  
 Agus's coma le Eobhann co dhiubb.

Ciod so a tha thu fein a' deanamh an so le d' mhinidh agus le d' bhuaicein-iall? An do sgàin màla do phòiba?

*Pìob.* Cha do sgàin, ach sgàin brogan mo mhnatha; agus tha mi ann an so a' cur fraochan oirre. Nam biodh bean is clann agads' Eoghainn, cha bhiodh tu co uallach eatrom 'sa tha thu, le d' dhuanagan agus le d' shean-fhocail.

*Broc.* 'S ann agam tha f' hios; gu meal thus' Fhionnlaidh do bhean 's do phàisdean, ach cha 'n 'eil mo shùil annta. An cuail thu'n t-òran,

Na fleasgaichean biodh aighearach,  
 Na fleasgaichean biodh ceòlmhor;  
 'S bi'dh drip a's donas agus dris,  
 'Cur ris na daoine pòsda.

*Pìob.* Deireadh nan seachd sathairn ort, a bhéisd, is fad' a ghabh uainne donas agus dris. Is tus agus do leithid tha san dris air nach cinn blàth. A'd'sgaomaire bochd seisg, a' siubhal o bhaile gu baile le d' chuilbheir fada caol air do ghualainn, agus donnalaich nan con a'd chluasaibh, gun fhios ciod an t-aon toil-inntinn a th' agad.

*Broc.* Co dhiùbh is binne donnalaich nan con sa mhaduinn, a'

togradh gu creag nam faobh, no burralaich nam pàisdean ag iarrайдh am brochain; agus a thaobh mo chuilbheir fada caol, cha chuir i fein agus mis a mach air a chéile, cha robh cànan teallaich riamh eadaruinn, m'eudail l's ann aice nach biodh am focal mu dheireadh; is uallach a shiùblhas mi'm monadh leatha, a gabhail mo dl.uanaig.

Horo mo chuid chuideachd thu,  
 Gur muladach leam nam thu,  
 Horo mo chuid chuideachd tbu,  
 'S mi d'ireadh bheann a's uchdanann,  
 B'ait leam thu bhi cnide riunn,  
 'S do chudthrom air mo ghualainn.

*Pìob.* Tog dheth, Eoghainn. An ann a' coimeas do ghunna grannda meirgeach agus do chuid con ri m' mhnaoi agus ri m' phàistean lurach a tha thu? Marbhaisg air an olc, na cluinneam a leithid.

*Broc.* Cha chluinn, cha chluinn. Gun teagamh sam bith, is binne sglàmhruinn àrd do mhnà sa mhaduinn, no langan an f'héidh sa chreachainn; ach 'so i tighinn, Màiri bhàn òg, an òigh th' air taire, tha uam dol na còmhaghail.

Ho mo Mhàiri laogbach,  
 'S tu mo Mhàiri ghrinn, &c.

Fàilt air bean a Phìobaire, le cliabhan beag agus le gràpa dol a thogail a bhuntata. A bheil sibh, le'r cead, a Mhàiri 'nar slainte air an f'heasgar bhòidheach so?

*Màiri.* Am bi thu glic bu bràth, c'uin a sguireas tu de d'sgeig agus de d' orain?

*Broc.* Innsidh mise sin duit, 'nuair a gheibh mi bean a's pàistean. An sin suidhidh mi mach aig ceann an tighe, a' càramh bhròg, cho soirbh ri each gallda, agus cairt slaoda ris; gun f' hochal as mo bheul, ach cho trom-cheannach stuama ris a bhodach chrom a th' anns a ghealaich, no Fionnladh

agad fein an sud a' càramhl do sheana bhròg. 'S fhad a m'an cluinn thu luinneag no òran uaithsan, ach ag osnaich rnar dhuin' air chàrn; cha'n ionann is mise.

Cha'n eil baile beag am bi mi,  
Nach toir mi greis ann a' cur mo  
sgòs diom,  
Bheir mi làmh air mo leabhar riomh-  
ach,  
A ghabhail dhuanag, 'sa bhuaireadh  
nìonag.

*Màiri.* Is oil leam nach d'f huair  
thu té dhiubh a chìreadh do  
cheann brocach dhuit; cha'n eil  
m' Fhionnlaidh fein muladach no  
trom-chridbeach, ge nach bi e ri  
gleadhraich òran agus amaideachd  
mar bhios tusa. Nach i so an  
fhirinn, Fhionnlaidh, eudail?

*Pìob.* Nach gòrach thu Mhàiri,  
c'ar son a bheireadh tu feart air a  
Bhrocáir; ge mòr a sgeig an agh-  
aidh pòsaidh, is minic a dhiomail  
an ceannaich, am bathar bumbaith  
leis a bhi na mhàileid; agus is  
minic a rinn neach dochoir air fein  
a' buain nan àirneagan searbh, is  
e a' saltairt air na cìribh meala.

*Broc.* Cìribh meala! 'Se so am  
pòsadh m'as fior; bitheadh e mar  
sin, ach 's fhad a o'n a chuala mi,  
Ge milis a mhil, cò a dh' imlich-  
eadh bhàr na drise i?

*Màiri.* O'n a tha thu tighinn air  
na sean-fhocail, an cual' thu riarsù  
Gur sona gach cuid an comaidh, 's  
mairg a lonnar na aonar.—

*Broc.* 'S mi chualadh, ach an  
cuala sibhse, Mhàiri, gur trom dithis  
air an aon mhéis, 's gun ac' ach an  
t-aon ghleus; agus aon f'ocal  
beag eile, agus 's fior e. Cha robh  
miann dithis riagh air an aon  
mhéis. Ciod a ta toirt oirbhse tha  
pòsda bhi co tìtheach air buarach  
a phòsaidh a chur air daoin' eile?

*Màri.* Ciod ach càirdeas; agus

deagh-rùn; ach tog de d'chànan, b'fhearr leam sgeul f'haotainn uait.

*Bròc.* Dean suidhe'n sin air do  
chliabhan beag, agus gheibh thu  
sin. Bha sud ann uair-eiginn de'n  
t-saoghal, sionnach gleusta, agus  
chaidh e mach oidhche de na h-  
oidhchean a ruagadh nan uan mar  
a b'âbhuist dà; agus mar bha mi-  
shealbh an dàn da, caillear iorball  
dosach ruadh ann an rib a shuidh-  
icheadh chum a ghlacaidh. Cha  
robh comas air. Là no dhà an  
déigh sin, choinnich na sionnaich  
eile e. Ciòd an tubaist a dh' eir-  
ich dhuit, a deir iad, c'ait a' bheil  
t-iорball? Tubaist! ars' esan,—  
an t-iорball grannda, sgud mi  
dhiom d'am dheòin e, ciòd a'math  
a bh'ann? Gabhaibh mo chomh-  
airlese, agus deanaibh an ni ceud-  
na; 's ann gu mòr is fearr a dh'  
amhairceas sibh, agus bitlhidh sibh  
co sgiobalta, uallach, seach mar  
tha sibh. A'bheil thu ga m'thuis-  
sinn Fhionnlaidh?

*Pìob.* Tha, feuch a' bheil coim-  
eas eil' agad?

*Broc.* Bha mi'n sud uair sa  
Bhaile mhòr agus chunnaic mi  
priosunaich thruagh, mar shaoil  
mise, a stigh fo ghlais, le'n sròn-  
aibh a mach eadar na tarsannain  
iaruinn a bba's na h-uinneagaibh.  
A'bheil sibh seasgair an sin 'Illean,  
a deir mise? 'Sinn a tha, ars'  
iadsan, agus gu bheil sàr chothrom  
againn air mòr àbhachd san àite  
so, thig thus a stigh maille riunn.  
A'bheil thu ga thuis sinn so Fhionnlaidh?

*Pìob.* 'S mi tha, bhi amhluidh.  
Miann an duine lochdaich, càch  
uile a bhi amhluidh; a'bheil tuill'  
agad ri ràdh! Bheir mi dhuit leth-  
bhodach, agus thoir dhuinn coim-  
eas eile; chi mi gu bheil iad a'  
taitneadh ri Mâiri.

*Màiri.* Ma ta gu déarbh cha'n  
eil; bithidh mi gur fàgail.

*Broc.* Air t-athais a Mhàiri, Bha mi'n sud latha shios ri taobh na fairge, far an robli ba'chain bheag a'dol a mach air snàmh. Bha'n là gu math fuar, agus bha leisg air cui'd diubh dol a mach. A' bheil e fuar, ars' iads' a bh' air tìr? Fuar l' cha'n'eil, tha e mar bhainne blà na buaile, deir esan bha air snàmh agus fiacan a gharthaich a' snagartaich leis an fhuachd. A' bheil tha ga m' thuiginn a Mhàiri?

*Màiri.* Bi bruidhinn--théid mis a thogail a bhuntàta, ach ge don'thùna falbh gus an till mi.

*Piob.* Chuir thu'n teicheadh air Mâiri, ach o'n a thuit duinn tighinn thairis air a leithid so de chainnt, chuala mi gun robh sùil agad ris a chaile Ghalla tha san tigh-mhòr. Mhothaich mi, air leam, cuicheanachd eadarabhbh an là roimhe. Cha d'innis mi do Mhàiri e, no chluinneadh tus' e'n diugh air a chluais bu bhuidhre.

*Broc.* An i so an té tha iad a' samhlachadh rium an trà so? B' fhadha o chéile crodh laoigh ar dà shean-athar. Tha chaile choir maith gu leòir, ach nan rachainn a dh' iarraidh mnatha cha b' ann ga 'dùthaich-sa.

'S miann le triuthas a bhi measg aod-aich,

Is miann lean fhein a bhi measg mo dhaoine.

*Piob.* Tha mi ged thuiginn, Tha car eile an adharc an daimh.

*Broc.* Car ann no as, cha d-thusa mo shagart, cha dean mi m' fhaosaid riut; ach da rìreadh 'se pòsad' is lugha th' air m' aire. Tha amadain gu leoir ann ged dh' fhuirinnse air m'ais. Nach eil pòsainean góirach an déagh bochduinn a thoirt air Gaeltachd na h-Alba? Na h-uile pròitseach balaich a

shaoileas gu bheil e ann an gaol air guanaig air am fàs e eolach air féill no banais, cha'n f hoghainn leo ach pòsad', gun àit an d'hoir iad an cinn. Còrdadh aca, m'as fior, 's gun uiread na circe no choilich aca, gun tighinn air crodh no caoraich. Cuirear a bhanais 'an sin air bonn, Cò ach iadsan? riomhadh as gach bùth, ach m'as e fiach a bhuidel e, ('se b'áill leam a ràdh am pige beag ruadh, oir chaidh am buideal còir a fasan) cha'n cil aca na gheibh e, ach an dàil; gun chiuimhne gu'n tig dàil gu dorus. Coma co dhiubh, thainig là na bainnse. H-ùg air an dannsa! h-ùg air an òl! h-ùg air na h-òrain. Cò ach iadsan? Straicheadg 'sa sròn ri h-adhar, le gùn sioda's le riobainean riomhadh. Esan am burraidh l' a' breabadh nan cas, 's a' cur nan car dheth. Làmhuinnean geala, an ainn an àidh, air a chrògan grannda. Fuirghibh thall, 'se fein an gille! H-ùg so fheara, ars'esan, suas e! Ach! coma leat, thig an spagluinn so gu làr,

'Nuair thig am bothan le chraos càm,

Am mài, a chlann, 's an ceannach orr'.

C'ait an sin am bi iad? Guanag mo ghaoil na luid bhochd, gun sgrid gun sgairt,

Sin mar bhitheas an òinseach thruagh,

Le curraichdean àrd 's le caillio,

Ni'm pòsad' bochd an toirt gu làr,

Mar shneachda bàin na gallinne.

Cha'n eil comas air, am fear nach amhairc roimhe, amhaircidh e na dhéigh. 'S eigin a nis am bothan a thogail air enochd an acrais, no am baile mòr thoirt orra far nach dùraig mi an leantuinn. Nach gast' Flionnlaidh an ni am pòsad'? C'ait am faigh thu dhòmhla bean fhasanda? té aig am bi beurla, bann-dannsair sgiolta, cò dhiubh

ni no nach dean i sniomh no calanas. Mar bi sgillinn ruadh aice 's ann is fasand i. Ma tha aic an tochradh tha falbh fòghnaidh e dhomhsa, 'se sin, an gùn sìoda 's an ad chonnlach, 's an t-Shawl rìomhach, 's an *umbrella* bhòidh-each, na brògan aodaich agus cliabh beag nan cnàmh, a theann-aicheas an cneas co dlù 's nach urrainn iad bar-iall am bròg a dhùnad, no bonn òir a thogail o'n làr ged a gheibheadh iad e air son an saoithreach. Sin agad, Fhionnlaidh a chaileag fhasanda, faigh dhomhsa té dhiubh sin, agus ni mise banais ghleadhrach aighearach a chumas am feadan a' d' phluic fad seachduin.

*Piob.* Ma ta ged is ann ri fealadhà a tha thu, tha mòran de'n fhìrinn agad.

*Broc.* Smior na fìrinn. Tha mis ag ràdh riut, gu'm bu chòir reachd rioghachd a dheanamh an aghaidh nam posaidhnean amaideach. 'Ne mis' Fhionnlaidh, a rachadh a phòsadh, agus mo mhathair blioclid dhàll agam ri cumail suas? Cha chuir mis 'an comas té eile a radh rithe tha thu'n rathad na cloinne no'n solus nan eun.

*Piob.* Mo bheannachd oirre ged nach h-ann domh-sa bu chòir a radh, nach dubhairt riamh ris an té nach maireann gu'm b'olc.

*Broc.* Tha mi ged làn chreid-sinn, ach cha'n-eil Máiiri agadsa ri fhaotainn air taobh gach enoic. Gur ro-bhitheant' a chi mi an t-atharrachadh a' tachairt; agus is fada o'n a chuala mi, Is maith a mhàthair chéile am fòid; agus ruigeadh e mo chridhe aon bhean a rugadh riamh a bhi labhairt gu sgaiteach ri m' mhàthair bhochd. Tha mnathan maith ann, gun teagamh, ach tha droch mhñathan

ann mar an ceudna, agus mar thubhairt an sean-fhocal,

Is diù teine fearn' ùr,  
Is diù an duine mi-rùn,  
Is diù dibhe fion-geur,  
Ach 's e diù an domhain uile droch  
bhean.

*Piob.* Gun teagamh 's i; ach 's i léug is priseile a fhuaras riamh deagh bhean. An cluinn thu mi 'Ghoistidh, tha treis a nis o phòsadh mi, ach feudaidh mi le focal na fìrinn a ràdh nach do ghabh mi riamh aithreachas. Cha 'n eil sonas eile air aghaidh an t-saoghail so cosmhuil ris an tolinntinn sin a tha 'g éiridh o chéilidh dhileis phòsda, tha toigheach do dhuine, mar anam fein, téris am feud e rùn a chridhe fhosgadh, gun eagal gun sgàth, gun chleth air ni.

*Broc.* Na páisdean! Fhionnlaidh, na páisteann!

*Piob.* Ni maith a bheannachadh mo mhàgarain ghaolach. An aon stòras is priseile bha riamh aig duine bochd. Cha do chuir ni maith riamh beul chum an t-saoghail gun a chuid fa chomhair, agus is mis a dh'friosraich. Amhairc orra, mo chròilein gaolach, nach laoghach iad a mach a' trusadh a blhùntà le'm màthair? Cò is urrainn a ràdh, nach bi cuid de na balachain sin nan daoine measail fhathast, agus na caileagan beaga sin nam beannachadh co mòr de cluid-éiginn sa tha am màthair bhochd dhomhsa.

*Broc.* Chuir thu stad air mo bhòilich; tha do phàisteann bòidh-each a'tighinn air an adhart, agus am freasdal a shoirbhléachadh leo: is iomad iad a tha 'n diugh nan luchd fearainn is co beag a shaoil e.

*Piob.* Ma ta ged a bhiodh iad

mar sin fein, cha d'thoir iad dhomhsa gu bràth am barrachd sòlais na tha iad a toirt an diugh, le'm briagail bhig mhilis; ach cha'n f had is urrainn duinn fuireach le chéile. Ciod is urrainn doibh a dheanamh san dùthach bhochd so le fuireach innt.

*Broc.* Chuala mi gun robh thu bràth Lachlann a chur ri ceaird.

*Piob.* Gun teaganish 'se sin mo mhian; oir ciod is fiù duine gun cheird; na thràill bhochd, an eisimeil gach duine; ach feulaidh mi sa cheud dol a mach ri deagh sgoil a thoirt doibh. Tha iad fein teom air a togail, 's tha'n cothrom aca. Ged a reicinn mo phìob, 's mo léine leatha, cumaidh mi san sgoil iad. Chuireadh e iongantas ort am fear beag ud leis an éile bheag uaine éisdeachd a' leughadh; an aon bhalachan is tapaidh a chunnainn thu riamh.

*Broc.* Chuala mi gun robh thu dol a dheanamh piobaire dheth.

*Piob.* Ma ta, cha'n'eil, tha là na piobaireachd seachad. Tha na tighearnan mòra suarach uimpe. Tha'm bladaire ronnach is mò san dùthach co taitneach leo ri Mac Cruimein. Cha bu mhiste leam gu dearbh ged a b' urrainn doibh cuairt a' chluich. Is minic a thug ceòl faothachadh do m' chridhe fein. Tha mise 'g ràdh riut Eoghainn, gu bheil cuairt cheolmhor air feasgar tlàth ri' taobh na h-aibhne sin shiòs do m' anamsa, mar aiteal an earrach do'n euslainteach bhochd; mar chiùrnan uisge, no mar dhrùchd an anamoich do na lusaibh maoth. Cha luaithe thogas mi fàilt' a Phrionns' òig, nobaile Dhuneidean, na thig taisleach air mo chridhe; tha 'n òig a' tighinn air a h-ais le cuimhne nam cairdean caomh a dhí'fhalbh. Cha mhò orm an

saoghal air na h-àmanna sin no an cluaran a tha falbh leis an oiteig. Tha mi air mo thogail mar fhiadh sa chreachainn; ach cha'n'eil togradh a'm chridhe, ach togradh gu càirdeas agus gniomhara fiughantach. Cha'n aighear e, agus cha bhròn e, ach mo bheannachd air, is iomad là a sheas e mi.

*Broc.* Mo bheannachd ort; is their dhuinn aon chuairet; théid mise sios a chuideachadh Màiri leis a chliabh bhuntàta, agus their thus a mach a Phìob,

*Piob.* Mata ni mi sin, na'n curiinn aon ghreim am bròig Lachluinn bhig.

T. O.

#### MU'N CHRUINNE.

THA an soghal so, eadar thalamh agus uisce, air chumadh cruinn mar pheileir, no mar bhall mòr, agus uime sin theirear an *Cruinne* ris. Tha e air a dhearbhadh gur h-e so a's cumadh do'n t-saoghal, leis gu'n do sheòl ioma maraiche mu'n cuairt da, o'n àird an *Jargus* an àird an *Ear*. A bharrachd, ma sheòlas long a ionad air bith de'n t-saoghal, agus ge bith cùrs' a ghabhas i, chì a mhuinntir a bhios air bòrd oirre na cuspaireantìre a's àirde, mar a ta baideil, agus monaidhean àrda, a' dol as an t-sealladh uigh air 'n uigh; agus a mhuinntir a bhios air tìr, chì iad *crainn* na luinge an déigh do a *corp* dol as an t-sealladh, agus is e's aobhar do'n dà ni so, am bodha a tha air aghaidh a chuin.

Ged a shaoilteadh nach urrainn an talamh a bhi cruinn mar pheileir, leis na tha de ghlinn 's do

chnoic air 'aodunn, gidheadh,  
cha'n'eil iad sin ni's mò, ann an  
coimeas ris a chruinne, na na lag-  
ain agus na meallain a ta air  
plaosg\* òirins, ann an coimeas ri  
mèudachd an òirins e fèin.

Tha an talamh aig iathadh mu'n  
cuairt, air a *dheil* fèin, uair's na  
ceithir uairean fichead, agus 'se so  
a's aobhar gu'n *saoil* sinn gu bheil  
a ghrian agus na réultan a dol  
mu'n cuairt anns an spéur. 'Se  
iathadh so an talmhainn timchioll a  
dheile fein, a tha deanamh an latha  
agus na h-oidhche. Am feadh 's  
a ta an latha aig an dara leth do  
'n t-saoghlal, tha an oidhche aig an  
leth eile dheth.

A bharrachd air iathadh so an t-  
saoghal timchioll a dhéile fein, tha  
e a' deanamh cuairt, gach bliadh-  
na *timchioll na gréine*. A dean-  
amh na cuairte so, tha e a' gabh-  
ail mu thri cheud agus tri fichead  
agus cùig latha agus sèa uairean. 'Se  
siubhal so an t-saoghal timchioll  
na gréine, a tha ri aimsirean no  
ràidhean na bliadhna, mar a ta 'n  
t-earrach, an samhradh, am foghar-  
ar, agus an geomhradh. Ri linn  
a bhi ri cuairt mar so timchioll na  
gréine cha'n'eil an saoghal daonnan  
a cumail an aon astair o'n ghréin.  
Tha a ghrian ni's dlùithe air an  
talamh 's a gheamhradh na tha i  
'san t-samhradh, ged nach saoil-  
eamaid e, agus ged a tha an aim-  
sir ni's fuaire agus ni's gainge. 'Sè  
's aobhar dha so, gu bheil gathan  
na gréine 'sa gheamhradh a bual-  
adh gu *fiar* air an talamh, agus  
uime sin cha'n'eil an teas no an  
tlus cho mòr 'sa bhiodh e na'm  
biodh iad 'ga bhualladh gu *dìreach*;  
ach anns an t-samhradh, tha na  
gathan-gréine a' teachd oirnn gu  
*dìreach*, agus uime sin tha iad a  
meudachadh tlus agus teas.

A. B. R.

\* Orange.

VOL. II.

O

## LAOIDH.

## GENESIS v. 24.

O ! Airson gluasd' ni's dlùithe ri Dia,  
'Us inntinn nèamhuidh buan,  
Solus gu dealradh air an t-shligh'  
Tha seòladh chum an Uain !

O ! C'ait a' bheil an t'-aoibhneas mòr,  
Fhuair mi air tùs, 's an Triath ;  
An solas anam' a dh' ùraich mi,  
'Nuair dhearc me shùil, air Criod ?

B'aoibhneach na h-àmannaibh a dh'  
fhalbh  
Tha sealbh nan cuimhne 'n tràths ;  
Cha liòn an saoghal suas mo chàll ;  
Tha m'anam fann 'us fàs.

O ! Pill a Cholumain naoimhe ! Pill !  
'Theachdair na sìth ! pill rium,  
'S fuath leam gach ni chuir doileas ort  
'Sa dh' fhuadaich Thusa uam.

An iodhal is ionmhuiinne le m' shùil,  
'S is dlùith' tha fuaidh' ri m' chrìdh,  
Tholr neart dhomh chum 's gu splonam  
sios  
'S gu'n crùnainn Thus' na d' Righ.

Mar so bith' m'ghluas'ni's dlùithe ri Dia,  
Us m' inntinn nèamhuidh buan :  
A Ghrian ni's Soilleir air an t-shligh'  
Ga m' sheòladh chum an Uain.

Ead : leis an EILEANACH.

## Sean Eachdruidh na Gaeltachd,

## MU CHOLLA CIOTACH.

B'AINMEIL an duine so la ga'n  
robh e. Ann an eachdruidh a  
thug sinn air a mhac Alastair  
Mac Cholla, dh'innis sinn gu'm  
b' ann o theaghlaich Iarl Antrim  
an Eirinn a thainig na daoine so.  
'Se cheud iomradh tha againn air  
Colla an eachdruidh na Gaeldachd,

é thighinn thairis a h-Eirinn le àireamh dhaoine a dh'éirich leis; agus leis an laimh laidir fhuair e seilbh air Eilean Cholansa, as an d'fhògair e Clann-a Phì, aig an robh còir air an Eilean so rè ùine mhòr roimhe sin. Bha Colla na churaidh ainmeil ann an cogadh na h-Eirinn; agus an uair a thainig Alastair a mhac a nall a chòmh-nadh le *Moutròs*, as leth righ Tearlach, bha Colla leo anns gach blàr a chuir iad. 'Se nàmhuid bu sgriosaile thainig riamh air dùth-aich Mhic Chailean. Theirear uime, leis an lom-sgrios a thug e air an tìr sin, nach robh smùid ri fhaicinn, no glaodh coilich r'a chluinntinn, mar fhichead mile do Bhail' Inbheraoradh. Cha robh san arm air fad fear cuspaireachd co maith ris, na h-aon a ghabhadh cuimse co cinnteach, le cuilbhear caol Spainndeach, a b'abhuisit da ghiùlan air a ghualainn. Thachair dha bhi dol seachad air lochan beag an Ladarn-uachdrach, anns an robh eilean far an robh am Baran Mac Còreadail a chòmh-nuidh. Loisg am Baran urchair air Colla ga chuir gu dùlan, o mhullach a chaisteil mar bha e dol seachad. Thionndaidh Colla air a shàil, agus a' gabhail cuims' air a Bharan, thuit e "a Bharain bhig leibidich uibhir, ata mi 'g iarruidh maitheanas a chionn nach d'thug mi urram dhuit san dol seachad, ach so dhuit, se losgadh air, "na gheibh dhuit deagh chadal na h-oidhche." Ge b'fhad an t-asdar, bha chuimse cinnteach, thuit Mac Còreadail; agus chitar gus an là an diugh an càrn air an do sheas Colla.

'Nuair a bha Colla a'losgadh, agus a' togail chreach air feadh Earrá-ghael, ghlac e Caisteal Dhùntreòin, far an d'fhàg e cuid da dhaoine, am feadh a chaidh e fein a nunn do Ila.

Thainig na Caímbeulaich gun fhios air a chuid daoine, agus glacar Dùntreòin air ais, le innleachd sheòlta leis an do mheall iad Cloinn Dòmhnuill. Bha Piobaire Cholla na phrìosanach sa Chaist-eal, agus air dha bhi là a spais-dearachd air barra-bhalladh an tùir, mhothaich e Birlinn Cholla a' tighinn fo shiùil 's fo ràimh; shéid e phìob a thuig Colla, 'sa chuir na earalas e. Tha 'm port air aithris gus an là an diugh,

A Cholla mo rùin, seachainn an tìr,

Tha mis' an làimh, tha mis' an làimh.

A Cholla mo ghaoil, seachainn an caol,

Tha mis' an làimh, tha mis' an làimh. Thuig Colla an sanus a thug a Phìob dha, agus phill e air ais, do Dhùn-naomhaig, daingneach laidir ann'an Ila, a bhuiteadh do Chloinn Dòmhnuill.

An déigh mort Dhunàbhairti, m'an d'innis sinn san Teachdaire roimhe, chaidh *Lesli* agus Mac Cailean a nunn do Ila, agus cuairt-iclear Dùn-naomhaig leis an fheachd mhòr a bha leo. An déigh comhstrigh, dh'aontaich Colla strìochdadh air chùmhnnanta, ris an do chòird *Leslie*, agus Mac Cailean, ach fhad 'sa bha iad a' tarraing a mach nan cùmhnnant strìochdaidh, agus dùil aig Colla gun robh gach cùis socraichte, thainig e mach as an Dùn a chainnt ri Mac-Aonghais an Dùn\* duine d'an robh mòran spéis aige; ach cha luaithe bha e'n comas *Leslie* na rinn e prìosanach dheth, an aghaidh onoir, agus an còrdadh a rinn e. Fhuair Dòmhnull Gorm agus na h-Oifigich eile bha leis an saorsadh, agus dh'fhògradh na Saighdearan as an rioghachd. Leis na bha do chogadh's do chreachadh san àm so an Ila, agus na bha dh'arm le *Leslie*, rathailleadh gu buileach e le Mac Mhic Ailean, agus le

\* Dunstaffnage.

Aonghas mac Cholla Chiochtach, a thug sgrios air an dùthaich, a bhuiineadh a nis do thighearna Chaladair. Bha'n éucaill a bha san Eilean co claoideach, 's gu'm b'eiginn d'a luchd-àiteachaidh fhàgail, cuid diubh do dh' Eirinn, agus do na h-Eileanaibh eile mu thimchioll.

Thugadh Colla do Dhùnstanis far an do ghleidheadh e na phrìosanach, ach far an d'fhiorsraich e gach caoimhneas ab'urrainn deagh Mhac Aonghais an Dùin a nechadh-adh. Thug e cead da imeachd m'an cuairt, ach chuala Mac Cailean so, agus air do Mhac Aonghais a bhi'n Inbheraoradh, dh' fheòraich Mac Cailean deth an robh Colla aige fu gheimhlibh, thuirt e gun robh. Mhionnaich Mac Cailean nam faigheadh e mach gun robh Colla air comas a choise, gun dioladh Mac Aonghais air, agus chaithd duine a chur a dh' fhiorsachadh m'an chùis. Thug Mac Aonghais sanas d'a chomhdhalta bha leis e ghrad fhalbh agus lom gach athghoirdh a ghabhail, agus a bhi air thoiseach air an fhearr eile, ni a rinn e, 's a nuair a thainig e mar fhad glaoideh do'n Chaisteil dh'éigh e mach "Colla fo gheimhlibh, Colla fo gheimhlibh," agus b'e Colla fein, a bha muigh an déigh nam buanaichean, a cheud fhearr a chual' an glaoadh. Thuig e mar bha, agus ghrad thug e a phrìosun air, agus le laimh fein chuir e na geimhlean air. Cha b'fhad an déigh sin gus an deachaidh samhladh deuchainn a chur air an làthair Siòrram Earra-ghael; breitheamh o'n ainmig a fhuair fear dol as. Bha Mac Mhic Eeghainn, Airdghabhar na fhear de'n luchd-deuchainn, agus dh'fheòraich e de Cholla an robh e aig blàr Inbherlòchaidh, *Air mo bhaistidh a bhodaich gun robh,*

*arsa Colla, agus gun d'rinne mi barrachd sgath san teagbhuit na rinn thu fein.* Thugadh binn a bhàis amach, agus chrochadh e ri crann a bhirlinne fein, a chuir iad eadar da chraig. Chaidh e gu bàs gun tiomadh gun déistinn, ag asluchadh gu'm biodh a chorpaир a chur co dlù do'n àite san rachadh Mac Aonghais, 's gu'm feudadh iad snoisein a ghabhail o chéile anns an uaigh.

An déigh do *Leslie* agus do Mac Cailean Dùnnaoimh a ghlaicadh, chaidh iad o Eilean gu Eilean gus an d'ràinig iad Muile. Bha Mac 'Ille'an san àm sin a thàmh an Caisteal Arois. Striochd Mac'Ill'ean dhoibh, thug e suas gach Caisteal agus Daingneach a bh'aige, agus a mhac 'an geall. Bha air an àm so maille ri Mac 'Ille'an ceithir fir dheug, de dh' òganaich eireachdail a h-Eirinn, a bha dileas da, ach bhrath e gu maslach seachad iad, agus chaithd an crochadh le *Leslie* ri stachd Craige dlù do Chaisteal Arois, ris an abhrar gus an là an diugh, Creag nan Eireannach.

O Aros chaithd *Leslie* agus am feachd do Mhingaraidh, agus do Chaisteal-tioram a ghlaic iad. Na dhéigh sin thill *Leslie* agus a chuid daoine do'n Ghalldachd.

Bu chianail staid na Gaeltachd san àm sin. Cò is urrainn smuainteachadh orra gun bhi taingeil air son an atharrachaidh bheannaicht' a thainig orra r'ar linn fein? T. O,

### Sgeula Fior.

A Theachdaire phrìseil,

Nach iongantach an naigh-eachd a chualas o cheann ghoirdh? 's e sin anns a cheart uair sin aig *Algiers*, anns an robh aon de uachdarain na tire toirt suas a

chumhachd agus a cheannais do righ na Frainge, gun robh a cheart righ sin a' teicheadh air falbh as a rioghachd fein, gun chumhachd gun ùghdarras! no mar thachair dhoibh, mar thuirt Dughall Buchannain, ann an Laoidh là a Bheireathanais.

Eiridh na righrean 's daoine mòr,  
Gun smachd gu'n òrdugh ann'nan làimh.

Nach fhaic sibh mar tha na h-uile ni deanamh cabhaig ann an eachdruidh chlann nan daoine; mar tha na h-uile ni talmhaidh neo-sheasmhach. Nach faoin a bhi cur earbs' ann an gairdean feòla? nach faoin a bhi cur dòchas an righribh, 's am prionnsaibh?

'S fearr na bhi 'g earbs' a duine beo,  
Ar dòchas chur an Dia:  
'S fearr na bhi 'g earbs' a prionnsaibh mòr,  
Ar dòchas chur san Triath. Salm.

Cionnas? A chionn gur ann aig Dia tha'n cumhachd; agus a rioghachd-san cha bhi gu bràth air a gluasad; agus iadsan uile a bhuineas d'i, bithidh iad gu siorrhuidh sàbhailte.

Cluinneamaid air an làimh eile, an sgeula beag so a leanas, anns am faicear tearuinteachd an neach a chuireas a dhòchas ann an Dia.

Thachair e an déigh do lànan cràbhach àraidh dol o bhun Ghlinn-lìobhann, a dh' ionnsuidh Comunach Chìll-fhinn, gu'n deach leanabh beag a dh' fhas iad nan déigh air faondra. Dh' iunndraineadh air ball e leosan a dh' fhan aig baile. Shir iad air a shon anns gach àite, ach cha d' fhuair iad e. An sin chunnait iad iomchuidh fios a chur air falbh a dh' innseadh do phàrrandaibh an leinibh mar thachair. Rainig an teachdaire taobh a muigh an t-sluaigh a bha sa chladh air an t-sàbaid; agus air dha sealltainn m'an cuairt, chunn-

aic e athair an leinibh, agus sméid e air. Dh' innis e dha mar thachair. Sméid an duine air a mhnaoi, a thainig far an robh e; agus chuir e fa' comhair gun rachadh iad dachaidh gun dàil. 'Se f hrcagair a bhean, le mòr dhiadhachd, agus stòldachd, Cha d' théid mise dhachaidh, *deir ise*, 'se so là mòr na féisde; agus chuir mise mo theaghlaich agus gach ni a bhuiineadh dhomh air cùram a Bhuachaill mhòir, m'an d' fhalbh mi o'n tigh. An sin thuirt an duine, ma bha ise deònach fuireach, gu'm fanadh esan mar an ceudna. Chaidh an gille a mhàin air ais; agus mu leth rathaid choinnich teachdaire eile e a bha teachd a dh' innse gu'n d' fhuaras an leanabh: thug e'n aire do'n cheum a ghabh a phàrrantan 'nuair a dh' fhalbh iad, agus f huaras e air dol air seachran san eachlaidh cheudna. Chaidh a cheud teachdaire air ais gu grad, a thoirt an fhios aoibh-neach so d'a phàrrantaibh. Mar so air a cheart là sin fein, bhuan am boirionnach toradh a h-earbs' agus a creidimh: agus dhearbh i 'na faireachduinn fein, an ni a thaic i ris a Bhuachaill mhòir, nach leigeadh e air chor air bith a bhi caillte. Nach b' éibhneach, feudaidh sinn a smuaineachadh, a sheinneadh iad 'nan cridhe air an là sin, a'suidhe sìos aig a bhord,

Creud dh' locas mi do Dhia air son,  
Na rinn e dhomh de mhaith?  
Cupan na slainte glacar leam,  
Air ainn Dhe gaiream fein.

Is mi a Theachdaire phriseil, ur caraid ùmhail.

SEUMAS.

*A mhaighdionn àillidh 's eòl do'n bhàrd.*

Le fiamh a gàire, a' mòrachd gràidh,  
O 's àillidh mhaighdionn 's eòl do'n bhàrd !

Innseam, le bilibh naomh, co'n lamh  
Dhealras, le iul, na dealbh àigh—  
Thug fiamh a ghàir, a mòrachd gràidh,  
Do'n mhaighdionn àillidh 's eòl do'n bhàrd !

Co las, mar f hlaitheas, soills a sùl,  
Tha dealrach gorm—tha bòidheach ciùln?  
An Ti a lùb that muir 's that Cé,  
Ard sgàile gorm-shoillseach nan neamh!  
'Se las mar f hlaitheas, soills a sùl,  
Tha dealrach gorm; tha bòidheach ciùln!

Co sgaoil le iùl nach d'f hàillnich buaidh  
An geal 's an dearg tha beo na gruaidh ?  
An Ti thug bladh do Lios nan geug,  
A sgiamhaich' nial fo dhriùchd nan speur!  
Se sgaoil le iùl nach d'f hàillnich buaidh  
An geal 's an dearg tha beo na gruaidh !

Co dhealbh a beulan éibhinn blàth,  
Saibhir le míleas is le gràdh ?  
An Ti thug sian a's miann le sluagh,  
Do'n t-shiris tlàth a's àillidh snuadh !  
'Se dhealbh a beulan éibhinn blàth,  
Saibhir le míleas is le gràdh !

Co chuir mìn-chul a's lionar dual,  
Mar shiod air snàmh, mu bràigh cluain ?  
An Ti chuir osag shèimh an iar,  
A luaisgeas maoth-cheann òir nan dias !  
Se chuir mìn-chul as lionar dual,  
Mar shiod air snàmh, mu bràigh cluain,

Co dhealbh a bràigh cuimir, àrd,  
Air am faicear éibhneis na òr-thàmh ?  
'N Ti thionndaidh àillidh, àrd-gheal,  
cruinn

Sàr uchd na h-eala air bhàrr tuln !  
Co dhealbh a bràigh, cuimir, àrd,  
Air am faicear éibhneas na òr-thàmh ?

Co dhealbh le ealdhain àrd nan spéur,  
A slios caol grinn, tha riomhach réidh ?  
'N Ti bhaoisg o inntinn iomlan fein,  
Gach àill air talamh is air neamh !  
Se dhealbh le ealdhain àrd nan speur,  
A slios caol, grinn, tha riomhach réidh !

Co ghleus gu ceòl'na còmhradh tlàth,  
A guth tha sòlasach gach là ?  
'N Ti thug do'n uiseig, 's binn air sgéith,  
'S do'n smèorach bhoidheach cheòlmhor  
òran 's teud !

Se ghleus gu ceòl na còmhradh tlàth,  
A guth tha sòlasach gach là !

Co las a h-inntinn phrìseil, àigh,  
Tha caoimhneil ciùin—tha iùlmhor, àrd ?  
'N Ti 'rinn gach miorbhui thà fo'n  
ghréin,  
'S na h-aingeil bheannulcht, clann nan  
speur !  
'Se las a h-inntinn phrìseil, àigh,  
Tha caoimhneil ciùin—tha iùlmhor àrd !

O glòir o'm chridhe làn, 's o m'bheul,  
Do dh'iùl's do làimh a Chruithear thréin !  
Nuair chrùn e àilleachd leis gach buaidh!  
Nach d'f huaras riamh mi fann no fuar !  
O glòir o'm chridhe làn, 's o'm bheul,  
Do dh'iùl's do làmh a Chrultheir thréin !

CREAGUANACH,

D. C.

Bha ma dhuthaich a caoidh, 'se ma dhorchadh nan speuran,  
 Na aonar fo shiontan a' faontradh mā'n cuairt;  
 Ach air reulla na maidne ghrad bheachdaich a shùilean,  
 'Si 'g eiridh a suas, os cionn cuain, ma thìr dhùthchais,  
 Far a'm b'abhaist dha òg fonn òrain a dhùsgadh,  
 A' scinn gu h-ait eutrom dàn Eirinn gu bràth.

O ! 's truagh tha mo chor! ars' an coigreach sa chridh' cràidh-te  
 Gheibh fiadh 's madaidh all' àite fasga gu tàmh ;  
 Ach cha'n'eil dhomhsa tearmunn o ghorta is o ghàbhadh,  
 Dathigh is dùthaich, mo chùl riù gu bràth.  
 Gu bràth ann an taice na'm badan gorm blàth,  
 Far'n do thuinich mo shinnsear cha chaith mi mo làithean,  
 Le fiadh-lusan böidheach cha chòmhdaich mo chìarsach,  
 'S cha tog mi o teudan fonn Eirinn gu bràth.

Eirinn, mo dhùthraig ! ge tòrsach fo thàir mi,  
 Am aisling do ghnàth bidh mi tèadh ga d' choir ;  
 Ach 'nuair dhùisgeas mi moch, an tìr choimhich ata mi,  
 A caoidh na'n caomh chàirdean nach faic mi ni's mò.  
 O ! 's cruaidh an dàn ! gun bhi'n àit' air mo chàradh  
 Far a'm bithean fu dhìdean—a'n sìth o gach gàbhadh !  
 A'm feasd cha chuir fàilte le gràdh orm mo bhràithrean,  
 Gam' dhion cui'd fhuaire bas, 's na tha làthair ga m' bhròn.

C'ait' bheil mo bhothan, am fochair nan coilltean,  
 Ghuil m'athair's mo phiuthar, 'n uair thuit e gu làr,  
 C'ait' bheil mo mbàthair, a dh' arach mi'm naoidhean  
 Is c'ait' bheil mo chéil air 'n robh m' éadail thar chàch ?  
 O ! m'anam brònach ! rinn sòlas do dhiobairt,  
 Com na chuir thu ùigh aon an dùil bha neo-bhrioghar  
 Ged shileas mo dheoir mar dhòrtadh na dile,  
 Cha d'thig mùiern agus mais' air an ais leo o'n bhàs.

Ach gach cuimhueachan truaighe sa'n uair so ga chiosnach'  
 Aon athchuinge bhàis a' m' uchd pràmhail ni tàmh ;  
 Eirinn, mo bheannachd tha agad mar dhileab,  
 Fhearrainn mo shinnsearraibh ! Eirinn gu bràth!  
 'Nuair bhios a'n uaigh, mo chridh' fuar 'se gun għluasad,  
 Iunis a's taitnich ! do mhachraichean biodh uaine !  
 'S do Bhàird, le guth àrd, seinn ri 'n clàrsachean fuaimneach,  
 Eirinn mo mhùirnein ! Eirinn gu bràth !

Ead. le MUILEACH.

*Tha mo Ghaol mar ròs air ghéig.*

FONN.—*My love is like a red, red rose.*

O, tha mo ghaol mar ròs air ghéig

·S a chéitein chiùbhrach, thlath;

O, tha mo ghaol mar cheol nan téud

·Nuair 's gléust' a sheinnear clàr.

A réir do bhòidhch', a chaillìn òg

Tha m'aign' air tòir do ghràidh;

'S gun lean mo luaidh, a ghaoil, ort buan

Gu'm fas an cuan 'na thràigh.

Gu'm fas an cuan 'na thràigh, a rùin,

'S an drùigh na creagan sios;

O, mairidh dhuit mo ghaol, a rùin

An fheadh bhios lùth 'nam chliabh.

Ged 's éudar dealachadh an tràths'

Gu bràch gum bi thu'm chuimhn';

Ach 's éudar dealachadh an tràths',

Tha'm bàta 'n cois na tuinn.

O, soruidh slàn leat, seal a ghràidh !

Cha mheath mo ghràidh a chaoidh ;

'S gun tig mi sgrìob a nall gun dàil,

Ged rànadadh euan 'us tuinn.

Ged rànadadh euan 'us tuinn, a rùin,

'S ged bhrùchedadh torunn speur,

Gun tig mi nall a shealtuinn ort,

Thairgh ghearrann nan tonnan sléibh.

*Thugadh an dàn bòidhreach so as an Ailleagan, leabhar beag a chuireadh a mach o cheann ghoirid le Seumas Munro.*

## NAIGHEACHDAN.

CHA'N'EIL mòran diubhl so a' falbh. Tha Righ na Fraing a theich, agus a theaghlach ann an Sasunn. Tha sàmhchair agus sith san Fhraing, agus cha'n'eil a bheag de choltas cogaidh eadar iad fein agus rioghachdan eile.

Tha'm foghar' fad air deireadh. Tha'n aimsir anabarrach fliuch, dòbhaidh; ach cha'n'eil a mhin cho daor 'sa bha i o cheann càr-aid mhìos, agus tha dòchas againn leis a phailteas a tha san dùthaich,

nach tog i ni's àirde. Tha mar-gadh a chruidh's nan caorach rois-osal; agus is mòr ar n-eagal nach ann ni's fearr a théid iad.

Bha na Mor'earan dearg 'an Glaschu o' cheann ghoirid. Tha aon fhear r'a chrochadh air son mort a mhnatha. Dh'éirich an sgiorradh bochd so o anabharr' òil air gach taobh, agus is minic a bha e na impidh air mòran dolaidh. Tha mòran ri'm fògradh as an rioghachd.

## LEABHRAICHEAN GAELIC.

Tha Laoidhean Dhughlaill Buch-annain air an cur a mach o cheann ghoirid ann an clò-bhualadh cean-alta ùr le I. Reid, Leabhar reiceadair 'an Glaschu, ri'n reic leis-san

air son sé sgillinn an t-aon, no dhoibhisan a ghabhas dorlach dhiubh air 4s. 6d. an dusan, agus 34s. an ceud.

## FOCAL SAN DEALACHADH.

Taing do'n *Bhodach liath* taobh na h-aiblne; chi e a'meas a ta againn air na chuir e d'ar n-ionnsuidh. Mòran buidheachais do'n *Leth-Chael*; cha di-chuimh-nich sinn an deagh comhairle 'thug e dhuinn. Cluinneamaid uaith co tric 'sa bhios e goireasach.

Fhuair sinn o A. B. R. na nithe a chuir esan d'ar n-ionnsuidh m'an Chruinne. Mòran taing dhà.

Fuirgheadh Eachann ruadh na Coille far a' bheil e, Gabhadh e ar comhairle's na d' thigeadh e gu Galldachd am bliadhna. B'e gair na Caillich sa chùil dionaich dhàsan a bhi 'gearan. Cuimhnicheadh e an Sean-fhocal,

Mol an lombair, 's na ruig e,

Diomail a choille, 's na fàg i.

Cha d'théid sinn eadar an t-òganach agus an Sean Mhinisteir, eatorra fein bith-eadh e; ach cagar beag ann an cluais an òganaich; thugadh e'n aire nach tachair dha, Mar eadar an *long nodha agus an seann-rugha*. Cha'n-eil comhairl' againn ri thoirt air Calum Cianail, a ni mòran maith dhà. Eisdeadh e ri gaoith nam beann-gus an tràigh na h-uisgeachan.

Do thaobh A. Z. X. Tha litir co càm chrosda ris an ainm e ghabh e, mar 'eil sinn meallta, dheanadh a cheart f'hleasgach caonnag r'a dha lurgainn.

Gach diùbhras gu deireadh.

Fhuair sinn litir o Bhodach na spéuclair. Ciod e so am boile th' air a Bhòdach? An dubhaint sinne riamh gun robh an leabhar againn saor o mhearachd? Cò an leabhar a tha saor o mhearachd? Nam bitheadh spéuclair a Bhodaich saor o mhearachd, ehitheadh e ionad mearachd 'na litir fein. Ach ga mòr *aineas na poite bige*, cha d'thig e seach an luath, is cha mhò thig aineas a Bhodaich.

---

*D. MacLure, Printer, Glasgow.*

AN

## TEACHDAIRE GAELACH.

MIOS DEIREANNACH AN FHOGH'RAIDH.

XVIII. AIREAMH. 1830.

AN FHAISNEACHD MU THIMCHIOILL NINEBHEH.

“*Ni e Ninebheh ’na làraich luim, ioram mar an f’hasach. Agus luidk-idh treudan sios ’na meadhon uile bheathaiche na talmhainn : gabhaidh am pelican agus a ghràineag tāmh na h-àrd-dhoruis : bithidh am suaim’na h-uinneagaibh ; bithidh fàsalachd anns an sgàth-thigh, oir leigidh e ris a h-obair sheudair. So a chaithir luaghaireach a ghabh còmhnuidh gu tèaruinte ; a thubhairt ’na cridhe, Tha nù agus cha’n-eil ann ach mi. Cionnus a dh’ f’has i ’na fàsach, ’na h-àite air son bheathaichean gu luidhe sios ann ! sgeigidh gach aon a théid seachad oirre, agus crathaidh e a làmh.*” Seph. ii. 13, 14, 15.

B’E Ninebheh Ceann-bhaile iom-paireachd Asiria, agus rè iomad linn na bhaile co cumhachdach agus co mòr ’s a bha san àm sin, air aghaidh an t-saoghal. Tha Ionah, ga ainmeachadh *na bhaile ro mhòr*, agus gun robh e ’na asdar latha dol troimhe, ’na asdar thrì làithean dol m’ a thimchioll, Ion. iii. 3. Agus tha’ m fàidh ceudna ag innseadh dhuinn, Caib. iv. 11. gun robh anns a bhaile mhòr so tuilleadh agus sé fishead mìle pearsa, do nach b’ aithne an làmh dheas seach an làmh chlì,” agus ma bha’n uireads’ ann de leanabain, cha ’n urrainn luchdeachdruidh a bli fad am mearachd a tha ’g ràdh, gun robh sè ceud mìle de luchd-àiteachaidh ann de gach seòrsa. Bha’ m baile so fishead mìle air fad, dà mhìle dheug air leud, agus mu thrì fishead mìle ma ’n cuairt. Bha ’m balla-dòn a bha ma thimchioll mu-

cheud troidh air àirde, agus trifishead mìle m’ an cuairt air, air a dhòn le cùig-ceud-déug tûr, agus gach aon diubh dà cheud troidh air àirde.

Dh’ f’has muinntir Ninebheh, mar bhailte mòr eile, trid a bheartais agus a chumhachd, anabarrach aingidh agus truaillidh. Ionnas gu’ m bu deòin le Dia ùghdasras a thoirt do’n f’haidh Ionah searmonachadh dhoibh am feum a bha air iad a ghabhail aithreachais, mar an t-aon mheadhon chum an léir-sgrios a bh’ air a bhagradh orra a sheachnad. ’S ann uime so a tha ’n t-iomlan de leabhar Ionaih air a sgrìobhadh Tha sinn a’ leughadh gun do ghabh iad aithreachas o shearmonachadh Ionaih, agus uime sin gun do chaonhainn Dia iad air an àm sin ; ach cha do mhair an t-aithreachas so fada, phill iad air an ais chum an an-diadhachd, agus

chinn iad thar tombas nan sluagh peacach. Thog am fàidh Nahum, uime sin, fàidheadaireachd 'nan aghaidh, agus dh'innis e linnte roimh làimh, an lòm-sgrios a bha ri teachd air rioghachd Asiria, agus air Ninebheh ceann-bhaile mòr na rioghachd. Tha 'n tiomlan de leabhar Nahum 'na fhàisneachd mu thimchioll sgrios na tire so ; agus mar a roimh-innis e, 's ann a thachair. Thainig na Medich agus muinntir Bhabiloin a nuas an aghaidh Ninebheh, agus thug iad lòm-sgrios air anns a cheart dòigh a dh' innis Nahum. Tha Cinneach ainmeil, *Diodorus Siculus*, a dh' fhàg againn eachdruidh m' an chùis so, (agus is duine e anns nach do chuireadh riamh teagamh), a' combh-dhaing-neachadh air a mhodh is mionaidich, gach focal a labhair am fàidhe. Cha 'n ion duinn gach earrann de'n fhàidheadaireachd mu thimchioll Ninebheh aithris, agus an dòigh anns a bheil luchd-eachdruidh chinnteach, nach do leugh riamh am Biobull, a'soilleireachadh mar chaidh gach ni a choimhlionadh. Fègħnайдh a ràdh, gu'n d'innis Nahum gu'm biodh an Dùthaich air a caitheamh mur f'has-bhuain làn thioram, gu'm biodh a chaithir mhòr so salamh, fàs, gu'n robh Tighearna nan sluagh 'na h-aghaidh, gu'm foillisceadh e do na Cinnich a lomnochd, agus do na rioghachdaibh a masladh, gu'm biodh Ninebheh na jàsach agus 'na ball amharc do dhaoinibh, gu'm biodh a clann òg air am prionnadh agus a daoine mòr air an ceangal ann an slabhruidhean. Dh' innis e, ged a robh a luchd-malairt lionuimhor mar r'cellu nèamh, agus iadsan a chrùnadh ann mar na locuist, gun d' thig lòm-sgrios orra gu léir. Cha'n eil leigheas air do bliuthadh, O righ Asiria, agus nu

*h-nile chluinneas iomradh ort buailidh iad am basan os do cheann.*

Mar so labhair am fàidh, agus anns gach dòigh mar sin thachair. Tha Greugach ainmeil, *Lucian*, a sgriobh eachdruidh, o cheann sè-ceed-deug bliadhna, ag innse dhuinn, eadbon 'na linn-san, nach robh clach air muin cloiche do'n bhaile mhòr so ; agus tha na daoin' is foghluimte tha nise beo, anns gach cearnadh de'n t-saoghal, ag aideachadh nach 'eil fios c' àit an robh am baile mòr so air a shuidh-eachadh : thainig sgrios eo tur agus co iomlan air. Is co fior a làbhair fàidh an Tighearna.

Smuainticheamaid nan d' thigeadh neach do'n rioghachds' air a cheart àm, a' searmonachadh aithreachais, agusa'bagradh gu'n d' thigeadh, 'an ùine ghoirid, lòm-sgrios air Ceanna-bhaile na Dùthcha, agus air an tìr air fad o thaobh gu taobh, gu'n d' thigeadh tuil thairis air, gu'n d' thigeadh crioch iomlan air, gu'm biodh e na f'hàsach co mòr, 's nach b' urrainn luchd eachdruidh, tamall an déigh so innse c' àit an robh e. Is cinnteach mi gun amhairceadh sibh air an fhàidh sin mar dhuine air mhearr-aichinn, agus nach gabhadh sibh am barrachd suim d'a theachdair-eachd achi mar nì gun seadh ; agus giéheadh eha bhiodh a chùis ni b' iongantaiche agus ni bu neo-choslaiche na bha f'asachadh agus lòm-sgrios Ninebheh. Oir bha Ninebheh gu mòr ni bu mhò, ni bu chumhachdaiche, agus ni bu shine na Ceann-bhaile ar rioghachd-ne ; agus mhair iompairreachd Asiria ni b' fhaide na sheas Breatunn fhathast mar rioghachd. Ach abair gun éireadh an tuil, 'sgu'n d' thigeadh an nàmhuid, gu'm biodh am baile air a sgrios agus air a leagadh sìos, air a chreachadh agus air a shlad co mòr 's nach b' ur-

ainnear innse c'ait an robh e.  
Ciod a dh' fheudta ràdh m'an  
chùis sin? Cò e a dh' fheudadh  
'sna lìnnbibh ri teachd an f'hàidh-  
eadaireachd agus a coimhlionadh  
a choimeas rì chéile, gun làm-  
mhothachadh a bhi aca air freasd-

al De, agus air fìrinn 'òglaich, am  
fàidhe, agus a bhi ullamh gu aid-  
eachadh, *Gu deimhin 'se so am  
focal a labhair an Tighearna, Gu  
deimhin tha Dia ann a ta toirt  
breith air an domhan!* T. M'L.  
Campsie, 1830.

## LAOIDH.

An saoghal dh'fhàs aosda, a shòlais tur ehaochail;  
Dh' fhàs an saoghal so aosda, a's aogas cha bhuan :  
Dh' fhàs an saoghal tur aosda, lot eagal an aoig e,  
Ghlac uamhunn gach taobh e, luidh aois air a's grualm.

Tha 'ghrian anns na h-àrdaibh, air lagach' air failleach,  
Tha toradh nam blàran gu failligeach gann ;  
'S le h-eagal tha àrdan nam fineach air bàsach :  
Luidh aois air gach àite—tha 'm bàs orra teann.

Tba 'n Righ anns a chaithir, an òg-bhean so bhaile,  
Tha clanna na h-airaideahd aiceideach, leòint :  
Tha 'n neonain air seachda, aon lòn cha 'n 'eil blasda ;  
Oir aosda tha 'u talaunh, a's fagus tha 'm mòd.

An eòir dhuinne goaran, d' an eòl a's d' an aithne,  
Faoin shòlais na beatha, 's nach d' altrium dhoibh gaol ?  
'S ann shuas tha ar cridhe, 's ar dachaidh nach diombuan,  
Ar crùn bheirear dhuinne 'nuair mhillear na saogh'il.

*Am Fior Ghael.*

## LITIR O AMERICA.

*A Theachdaire Ghaolaich.*

Is sibhse gu dearbh a dh'fheudas  
a ràdh le fìrinn, *An là a chi 's  
nach fhaic*; oir is mi tha dearbhata  
gu bheil 'ur cridhe cur thairis  
le gaol, do'n tir sin san d' f'huair  
sibh'ur togail, 's 'ur n-àrach. Tha  
dòchas agam gu bheil luchd-dùth-  
cha mo rùin a'meas'ursaothair mar

bu chòir dhoibh, agus nach robh  
an Aithrichean riaghni bu tog-  
arraich gus an crann-tàra a sgaoil-  
eadh o ghleann gu gleann, na tha  
iadsan chum gach sgeul sona agus  
càirdeil tha sibhs' a nis ag inns-  
eadh a chur o thighe gu tigh, agus  
o bhaile gu baile. Is mi tha

cinneach gu'r iad a rinn an togail ris an Teachdaire. Bu chomhainne dhoibh sin,—ach bu shuarach sin seach sinne; allabanaich bhochd na dùthcha so. Cha chreid sibhse an togail a rinn ar cridhe ris a cheud Theachdaire a thainig 'n ar caramh. Is iomad neach a thubhairt, ach mo thruaighel 's ann againne bha fios air *Gur taitneach guth caraid' an tìr chéin*.—Nam biodh f' hios agaibhse a liuthad latha cianail a chuir sinne seachad.—Air mo shon fein deth, chuir mi rotham an àm falbh nach striochdainn do'n bhròn. Thuit mi fein ri Ceit mo bhean, c'ar son a bhiodh iunndrain aig daoine air cnoic, 's air monaidhean, nach iunndraich iad.—Nach 'eil na h-uile dùthaich cho mhaith, is cho mhaith, ma bhios daoine gu maith annta. Agus air son chàirdean, arsa mise, 's éiginn dealachadh riu uair no uair-éiginn. Is gheibh daoine càirdean anns gach àite, ma ni iad càirdeas riu. Is fior sin, arsa Ceit, agus is furasda do d' bhilibh sin a ràdh, ach gu de, cha'n abair do chridhe e, an là a dh' f' halbhas sinn. 'S ann aig Ceit a bha'n f' hìrin. 'Nuair thainig an gnothach gu deireadh, 'sa b' eigin falbh, bha mise co dona rithe fein, agus ni bu mhiosa; oir an àite bhi toirt misnich dhise, 's ann a bha ise, mo thruaighel a' toirt misnich dhomhsa. 'Nuair a chunnaic mi fein am beagan a bh' agam ris an t-saoghal ga chur gu cladach—an tigh anns an do thogadh mi, agus an d' thainig mo phàistean a dh' ionnsuidh an t-saoghal, a bhi folamh fàs—mo mhàthair chaombh a' tuireadh 'sa caoidh, aig dorus a bhothain nach b' urrainn dì' fhàgail. Agus an uair a thug mi sùil m'an cuairt air gach coire agus gleann anns an robh mo luchd-eòlais a chòmhnuidh, cha nhòr dìreach nach d'

f'hàillnich mo chridhe. Ach b' eigin falbh. O! shaoil mi gu'm b'e là ar bàis e: agus nach ann ris a sin a bha e coltach? Le spairn chruaidh dhealaich sinn ri'r càirdean agus ri'r luchd-dàimh; agus an uair a chuir sinn ar naghaidh air saoghal eile, an robh dòchas sam bith a' toirt misnich dhuinn ach dòchas na h-uaighe fein, gu'n coinnicheamaid a cléile f'hastast far nach dealacheamaid a chaoiadh. Bu chianail an comunn sinn sìnte air an tràigh 's an long a' eur fa sgaoil. Ach coma dh' f'halbh sinn, air an f'heasgar shamhruidh a b' aillidh thainig no thig. Chaidh mi fein sios co luath 'sa rainig mi'n soitheach: agus air maduinn an là màireach, 'nuair thug mi sùil m'an cuairt, cha'n f'haicinn fonn no talamh, ach an cuan dù-ghorm sìnte a mach gu tosdach sàmhach, fo fhrsuingeachd na h-iarmait gu léir; agus fonn no fearann cha'n fhaca mo shùil tuilleadh gus an d' éirich beanntaibh àrda na dùthcha so, sa choille sin nach teirig gu bràth mu ar coinneamh. Gu dilinn cha leig mi air dì-chuimhn a cheud là a chuir sinn ar eas air tìr. Saoghal farsuing far comhair, agus sinne gun chumhachd gun chàirdean—ar leanabanan a' gul mar gu'm bitheadh mothachadh aca air an càramh, agus am màithrichean nach b' urrainn doibh le tuireadh agus bròn an luinneag a thogail chum an tàladh gu codal. An saoil sibh, mu's i'n long fein, ged is iomad déur a shil sinn a cheud uair a chunnaic sinn i, nach robh mulad oirnn a nis an àm dealachadh rithe; ach nam biodh f' hios agaibhse am farmad a bh' agaibh ris an sgioba bha tilleadh dhachaidh leatha. Ach coma, chuir sinn a nis, mar tha dòchas agam a rinn sinn riamh, ar n-

earbsa ann an Dia; agus mar thuirt Ministeir ar gràidh an àm dealachadh ris, Tha Dia ri fhaotainn anns gach àite. Is sòlasach an fhìrinn so, agus is sinne dh' f hairich sin. B'ann air là na Sàbaid a rainig sinn an t-àite anns a bheil againn ar còmhnuidh. Mo chreach! Eaglais cha robh ann, no ni air bith ag innseadh gur e là na Sàbaid a bh'ann; ach an t-sàmhchair naomh a bha mach air aghaidh na cruitheachd gu léir; ach thainig sinn cruinn fo sgàile nan craobh. Chuir m' athair-céile caomh suas an ùrnuigh dhùrachdach as ar leith—thatog sinn am fonn naomha, agus ged a dhùisg e gu dearbh iomad smuain thiomhaidh an taobh a stigh dhinn, air leam gu'n do bhrosnuicheadh gach aon againn le neart agus misneach. A mach o'n àm sin bha sinn a' cothachadh an t-saoghail mar a dh' f heudamaid, agus clù dhàsan a thug an comas duinn, tha nis ar cuid 's ar cuideachd a' soirbheachadh mar is àill leinn, Ach air a shon sin, thig iomadh smuaintean muladach fainear dhuinn. Ged tha'm bròn air sioladh, is furasd a ghluasad; is tha 'n deur san t-suìl ge nach eil i an còmhnuidh a' ruith. Bheir an ni is faoine air uairibh ar dùthach m'ar coinneamh. An saoil sibh, nach faca mi mo bhean fein a sileadh nan deur, an là a chuir mi orm deise bhreacain a bha agam a'm' chisti, agus a b' àbhuist a bhi na deise Dhòmhnhach agam; Gus o cheann ghoirid, cha robh ann a h-aon aig an robh de mhìshnich na ghabhdh òran an làthair cuideachd; ach air a shon so, tha sinn cuimhneach air cleachdanna ar dùthcha. An saoil sibh nach d' thug sinn an Coire-leathann mar aimh air an àite so. Cha chluinnear focal againn ach a Gaelic. Tha báta

beag againn a blitheas sionn a' cur do Bhaile mòr margaidh a tha m' ar coinneamh, falbhar air m' athair-céile is thugar orm f hein a *Ghruagach Ghaelach*, a sgrìobhadh air a deireadh; agus gu dearbh bheireadh e gair' oirbh fein o cheann là no dhà, nam faice sibh Fràngach a bha nan seasamh air a cheatha a feuchainn ris, 'sa fartaileachadh orra, a leughadh. Tha sinn a' gleidhe na Nollaig agus na Calluinn, dìreach mar a b' àbhuist duinn a dheanamh aig an tigh; agus ge nach'eil an *tadhall* fathasd ro fharsuing, bha againn am bliadhna feincluich-iomaïncho sgaireteil'sa chunnaic sibh,—na seann daoine, mar a b' àbhaist nan *Cinn-stuichd*, agus na mnathan nan suidhe air tòm a' coimhead oirne. Ach ciod a th'agaibh air, bithidh sinn an sud na h-uile oidhche gheamhráidh, (agus is fad iad) air chéilidh an tighibh a chéile, a' seanachas agus a' conaltradh—uair a dh' innseas an t-sean-bhean sgeulachd—uair a bheir Calum làmh air an fhidhill no air an troimb—agus air uairibh bheir mi fein no fear de na Gillean òga (oir leughaidh fear no dba dhiubh a dh' ionnsuich mi f hein) làmh air leabhar; ged is e cuid is dona dheth nach eil na leabhraichean ro phait; ach coma libh, oidhche de na h-oidhchean bha sinn an sud 'nar crùban m'an ghealbhan, 'an tigh m'athar-céile, seach tigh sam bith eile, is fiuthair againn ris na Gillean dachaидh o'n Bhaile mhòr. Ma dheire thainig iad—agus bu luate sgeul na deoch. M'an robh ionradh air reic no air ceannachd, spòin fear dhiubh a mach tri no ceithir de leabhruidhean as a phòca,—so dhuibh, ars' esan, agus neor-thaing mar 'eil biadh a's ceòl an sin agaibh. Sin deir iadsan, an leabhar m'an robh

Sgiobair na luinge ag innseadh ; ged a bha e co fada o'n ainm 'sa bha na Fràngach o ainm na Gruagach. Thug mi fhein làmh air feardhuibh—*An Teachdaire Gaelach*, An là a chi's nach fhaic, arsa mise, 's mi bualadh air a leughadh. Dh' fhoghainn so—Co luath 'sa chualas gur i Ghælic a bh' ann, cha robh ann an duine nach robh air a chois gu bli'n sàs ann. Nam faiceadh sibhs iad, m'as e'n dealbh fein, shaoil leam dìreach gu'n cailleadh na mnathan agus a chlann an sùilean a' coimhead air an dealbh. Breacan an fhéilidh, ars' iadsan, m'endail a dhualan àluinn—suidheachadh Chlann Domhnuill, mo cheist e, b' eolach air mi. Am faca tu riamh, ars' an dara te' ní's coltaiche ri Donnacha nan Dàn na'm fear tha leughadh, ach nach seal thusa, ars' an tè eile, a Bheinn-mhòr. O ! mo rùn i, is iomad là eibhinn a bha mi ma coinneamh. Is aoidheil a gnuis, cha'n ionann 'sa bheinn ghruamach ud thall. An saoil sibh, m'as e'n cù fein, nach robh iad a' faotainn coimeas da ; agus cha'n eil fhos c'uin a stadaradh iad, gus an do ghlac mi fein an leabhar, agus gun do thòisich mi air a leughadh. Ach ma thòisich, bha achi beag an latha geal ann m'an roblì guth air sgur. Is nam faiceadh sibhse iad, uair a' gul's aig ochanaich, agus uair eile a' call an lùis leis a ghàireachdaich. Ma 'se m' athair-céile, fear air nach facas fiamh gàire o dh' fhang e a dhùthraig, cha robh e air deir-eadh air cùch, ged a chitheadh sibh e an tràs agus a rithist a' sil-eadh nan deur. Ach stada sibhse ; tha aige sud Buideal beag na chistidh de'n fhòr thòiseachd, a thug e nall leis, 's is prìseil aig e fo ghlais agus fo iuchair ; is cha'n fhasas an duine sin a gheibheadh deur dheth ; ach air oidhche

Challuinn gu'n toir e dhuinn mu leth làn na searraige dheth ; agus coma libh, 'nuair bha mi fhein, réidh leughaidh, faicear esan ag éiridh, a' dol os ceann na cistidh, 's a' toirt làimhe air a Bhuidéal. Ma ta, a Chlann, ars' esan, tha'm Buideal mar tha'm fear leis an leis e, air tighinn gu deireadh, ach ge nach biodh ann ach làn na slige, òlaidh sinn deoch slaint' an Teachdaire Ghælaich, 's na tha saoithreachadh maille ris. Mo bheannachd aca, is iad a thug am faobhachadh do m' chridhe leoínte fein an nochd. Illean, a deir esan, cuireadh fear agaibh fios air an leabhar so, feumaidh e bhith againn, ged a chosnainn fein e air chùl na tuaidhe ; agus cha'n fhòghnadh so ach na boirionnaich, Nach dubhaint mi riut, arsa mo bhean fein, sud agad brìgh a bhruadair a chunnaic mise. Bhruadair mi gu'm faca mi drochaid eadar mis agus mo dhùthaich, agus gu'm faca mi Pegie mo phiuthar, agus piuthar mo mhàthar, a' tighinn thairis orra, s gu'm faotainn a gabhaila nun sa nall mar thograinn fein. Saoilidh mi nis, air leam gu bheil mi dìreach aig an t'gh.

Ach slàn leibh a Theachdaire Ghaolaich, lionadh e leabhar nan cuirinn-sa sìos na bha de sheanchas eadaruinn. Gabhaibh mo leithsgenl air son an litir so a bhi co fada. An eararas gu'm biodh e feumail d'ar luchd-dùthcha, leigidh mi fios duibh o àm gu h-àm mar tha sinn a' teachd air ar n-agaidh. Mo mhile beannachd libh. Is mis ur caraid dileas

EOGHANN CAMERON

M'as deonach libh fios freagradh a chur do m' ionnsuidh, cuiribh e gu Caiptein Cameron ann an Cape Breton, agus fòghnaidh dhuibh a ràdh gu bheil e gu Eoghann ruadh a Choire.

## MU THAIBHSEAN.

Tha leabhar ùr Beurla air a chur a mach 'an Dùneidean o cheann ghoirid, leis an duin' ainmeil sin Sir Walter Scott, mu Bhuitseachd, mu Thaibhsean, mu Dhrùidh-eachd, mu Ghisreagan, agus mu Bhòchdain, nach urrainnear a leughadh gun mhòr thlachd. Anns an leabhar so tha e 'g inuise iomad sgeul neònach; agus tha e leigeadh ris cuid de na dòighean lionmhòr anns an robh daoin' air am mealladh mu na nithibh so; agus a' dearbhadh gu riocdhail nach 'eil anns gach eachdruidh is urrainnear innseadh mu thaibhsean agus bhòchdain, ach amaideachd agus faoineachd: ge nach 'eil e air uairibh furasd' fhaotainn a mach a cheart dòigh anns a bheil na gnothaichean so a' tachairt.

Is iomad eachdruidh tha e 'g innse mu thaibhsean a chunnacas le daoinibh teisteil, a thug làn chreideas dhoibh, a thaobh nach robh de sheòltachd, no de mhisнич ac' a chùis a rannsachadh mar bu chòir dhoibh.

Bha 'n sud Comunn foghluiumte ann am Plymouth an Sasunn, de na daoine bu mheasaile agus a b' iunnsaicht a bha sa chearna sin de'n rioghachd. Rè an t-sàmhraidih b' àbhaist do'n Chomunn so coinneachadh ann an uaimh taobh na fairge; ach rè a gheamhraidih ann an tigh àraighe a bha ann an gàradh, 'an àite diomhair sàmhach —far nach d' thigeadh neach sam bith a chuireadh dragh orra, agus saor o ùinich agus o ghleadhraich an t-saoghal. Bha iuchair aig gach fear de 'n chomunn so a dh' fhosgladh an gàradh, leis am faigheadh iad a mach agus a stigh. Bha e na riaghait aig a chomunn so gu 'm biodh fear m' an seach

dhiubh na uachdaran orra; a shuidbeadh ann an caithir mhoir aig ceann toisich a bhùird. Air oidhch' àraighe sa gheamhradh, air do'n chomunn a bhi cruinn, thachair gun robh an t-uachdaran bu chòir a bhi aca, na luidhe ann an tinneas trom, o nach robh fiughair gu'n éireadh e. Bha mòr mheas aig a chomunn air. Bha e na dhuine fiachail, agus chual iad gun robh e air leabaidh a bhàis. Mar dhearbhadh air a mheas a bh' ac' air chuir iad rompa nach roghnaicheadh iad fear eile na àite air an oidhche sin, agus dh' fhág iad caithir an uachdarain falamh. Thòisich iad ri labhairt uime, agus mo'n challdach a thigeadh orra an lorg a bhàis. Am feadh a bha iad mar so gu smuaireanach a' seanachas, ghrad dh' fhosgail an doras, agus thainig aogas an uachdarain a stigh. Bha thrusgan oidhch' uime, a churachd sios air aghaidh, cosmhuil ri dealbh an aoig. Thainig e stigh le stòltachd neo-chumanta; ghabh e sealbh air' àite suidhe, thog e ghloin a bha fa chombair, chuir e r'a bheul i, agus dh'òl e orra; an sin chuir e air a bhòrd i, agus dh' fhág e'n seòmar co tosdaich sa thainig e stigh. Bha uamhas anabarrach air a chuideachd; agus an déigh iomad barail m'an chùis, smuaintich iad gun rachadh càraig diubh a dh' fhaicinn cia mar bha an t-uachdaran, a thainig nam measg air mhodh co iongantach. Dh' imich iad, agus phill iad leis an sgeul eagallach, gun do chaochail e air a cheart fheasgar sin.

Chuir an Comunn, a bha fo mhòr iognadh rompa, nach canadh iad focal m' an t-sealladh iongantach eagallach a chunnais iad.

Bha'n iunnsachadh co ârd 's nach creideadh iad uile gu leir gu'm fac' iad taibhs' an caraid a dh' éug ; agus san àm cheudna bha iad neo-thoileach gun eluinneadh an sluagh gu'm facas taibhs'. Uime sin dh' fheuch iad a chùis a chumail fo chois, ach air dhòigh eiginn bhris e mach gun do thachair a leithid. Bliadhnaichean an déigh sin dh' fhàs sean bhoirionnach a bha cleachda bhi frithealadh air daoine euslainteach, gu ro thinn, agus air adhart a bàis bha léigh a bhuiineadh don cheart chomunn so a' feitheamb oirre. Dhà-san dh'innis i le mòr dhuilichinn, gu'n robh i fad a' frithealadh air an uachdar-an a choir na h-uiread loghnaidh air a chomunn ; agus gun robh i fo agartas coguis m'an dòigh air an deachaidh e gu bàs. Thuit i, a chionn gun robh breisleach agus eatromas an caramha thinnis, gun robh earail theann aic' a bhi ro fiurachair uime. Dh' éirich dh'i gun do choidil i, agus an àm dhise bhi na suain gun deach an t-eus-lainteach a mach ; 's an uair a mhosgail i gu d' fhuair i 'n leaba falamh, agus air dhi dol a mach, gun do thachair e oirre a' pilleadh dhachaidh. Chàirich i san leabaidh e ; ach cha luanthe thachair sin na thug e suas an deò. Chum gu'm b' fheaird a chreideadh an léigh i, dh' innis i dhà, nach luanthe a fhuair e bàs na thainig dithis de 'n chomunn a dh' fheòrach cia mar bha e, agus fhuair iad fios gun do chaochail e. Leig so ris diomhaireachd na cùise. Agus bha 'n comunn a nis co deónach air an naigheachd a sgaoileadh 's a bha iad roimhe air a chleth : ach mar biodh an t-soilleireachd so air tachairt, bha euid de'n chomunn nach creideadh gu dilinn nach fac' iad taibhs'.

Bha Tuathanach measail còir

an taobh deas na h-Alba, a' dol dachaidh o mhargadh, le soillse na gealaich, tre rathad aonarach uaig-neach ; agus m'am faigheadh e dhachaidh b' eiginn da dol seach-ad air cladh a bha ri taobh na slighe. Chunnaic e aogas boirionaich ann an éididh ghil na seas-amh air balladh a chlaidh. Cha robh a null no nall aige ach dol air aghaidh, agus chuir e roimhe gu neo-sgàthach dol seachad ; chaidh e uime sin co fada 's a dh' fheud e o'n tannasg a chunnaic e ; ach cha robh seol seachnaidh air. Chaidh e air adhart co sàmhach 'sa b' urrainn da; gus an tainig e dlù do'n àite, thug e an sin spor do'n each, agus chaidh e na dhian-ruith ; ach cha d' rinn a chabhag sin mearalladh air an tannasg. Mar bha e dol seachad air an oisinn far an robh i na seas-amh ; thug i grad leum a nuas air an each, air cùl an tuathanach, agus ghais i a dà làimh mn mheadhon ; ni a mheudaich luaths an eich, agus eagal a mharcaich ; air dha an làmh a bha mu mheadhon, a ghlacadh dh' fhaich e gun robh i co fuar ri làmh duine mhairbh. Fa dheireadh ràinig e dhachaidh, agus dh' aithn e do'n t-seirbhiseach a thainig a fhrith-ealadh dha, *E thoirt a nuas na Taibhse a bha air a chùlaobh.* Thugiad a nuas i agus chuir iad an tuathanach còir a luidhe, far an d' fhuirich e car iomad seachduin ann am fiabhrus cràiteach an lorg an eagail a ghabh e. Thug iad gu'm bi'm boirionnach so, bannt-rach a chaill a fear beagan roimhe sin, agus ràinig bàs a fir i co mòr s gun deach i as a beachd, 's an uair a gheibheadh i'n cothrom air, gun rachadh i do'n chladh, far an caoineadh i gu goirt air a lichd : agus sheasadhb i air uairibh air oisinn a chlaidh, far an gabhadh i

gach fear a racbadh seachad an riocdh a fir. Nan tuiteadh am boirionnach so gun fhios da o'n each, bu deacair a thoirt air an tuathanach a chreidsinn nach robh e treis de'n asdar le tannasg air a chùlaobh ; agus is iomad ni de'n t-seorsa cheudna a thachair 'nar dùthach fein, agus o'n a thogadh sgeul mu thannasgaibh agus mu spioradaibh, aig nach robh bun-achar is fearr na th' aig a cheart sgeula so.

Bha ann an sean Chaisteal, a tha ainmeil ann an eachdruidh, cuirm mhòr air a toirt seachad leis an Triath d'am buineadh e. Bha mòran de Mhor'earan agus de uaislean urramach a fhuaire cuireadh chum na cuirme. Nam measg so bha gaisgeach curanda a bha ainmeil air son a mhisnich, agus a choisinn mòran cliu anns gach teugbail san robh e. 'Nuair a thainig àm dol a luidhe, chuir-eadh 'an céill do'n chuideachd, gu'm biodh e duilich seòmar an t-aon a thoirt doibh, mar gabhadh fear dhiubh os làimh luidhe ann an seomar àraidh a bha fo ainm a bhi air a thathaich le tannasg. Ghabh an t-Oifigeach ainmeil so os làimh cadal ann ; ach mhaoidh e, m'an deach e luidhe, an tubaist a dheanamh air neach sam bith a theannadh ri cleas a dheanamh air. Ghabh e mu thàmh, dh' f'hàg e 'choinneal an lasadh, agus chàirich e a dhá dhag air a bhòrd, agus urchair anns gach aon diubh.

'S gann a bha e na shuain, 'nuair a dhùisg e le ceòl tiomhaidh binn a bha san t-seòmar. Dh' amhairc e m'an cuairt da, agus chunnaic e triùir ghruagach, ann an éididh uaine, a bha seinn ciùil ann an lochdair an t-seòmair. Dh' éisd e riu rè tamuill le mòr thlachd, ach do bhrìgh gur e'n t-aon phort a bh' aca dh' f'hàs e

sgìth dhiubh. A ghruagaichean, ars' esan, tha ur ceol maith gu leoir, ach cha bu mhiste leam ged a dh' f'heuchadh sibh port eil' a nis. Ach coma co dhiubh, cha d' atharraich na maighdeannan an ceòl. Labhair e, agus labhair e rìs riu gu sgaiteach, iad a thoirt thairis do'n phort sin ; ach cha d' thug iad feart air, ni a bhrosnaich f'hearg gu ro mhòr. A mhaighdeannan, thuirt e, cuiridh mise stad air ur ceòl. Leis a sin thug e làmh air armachd. Cha do sguir an ceòl. Dh' f'hàs e ro f'heargach. Cha'n f'huirich mi ach cùig mionaidean, a deir e, 'nuair a bheir mi griosach oirbh. Bhuanach an ceol—theirig na cùig mionaidean. Bheir mi dhuibh, ars' esan, aon chothrom eile, am feadh a chunntas mi fishead. Cha mhò bha de mheas ac'air so na bh'ac'air a chuid eile. Dh' àireamh e aon, a dhà, trì ; ach air dha bhi teachd dlù air crìoch an àireamh, agus ag ainmeachadh gu'n robh e cur roimh losgadh, dh' ainmich e seachd deug, le mòr stòldachd, le dearbh-chinnte gun robh na dag-aichean air an làn-ghleus. Sheinn na maighdeannan gun sgur. Agus mar a labhair e fishead, loisg e leis an dà dhaig air na h-ainnirean ceòlmhor ; ach shéinn iad gun stad ! Bha'n t-oifigeach fo iognadh le cion éifeachd a theine, agus ghabh e a leaba c'ar thrì seachdainean, leis an eagal a ghabh e, fo lan dearbhadh gur taibhs' a bh' ann. Feudar an cleas a chaidh a chur air gu h-aithghearrainmeachadh, gun robh na boirionnaich a bha seinn ann an seomar ri taobh an fhir san robh esan, agus nach d'rinn e ach losgadh air am faileas, agus gun robh am faileas air a chur a stigh do'n t-seomar le sgàthan a shocraicheadh air dòigh àr-aidh le duine a dh' f'heuch ris a chleas so a dheanamh. T. o. 1

## IAIN KNOX

(An co-dhunadh.)

Chnnaic *Knox* nisgu'm feumadh e' m pailliun talmhaidh so 'chur dheth. Chomhairliche, uime sin, do'n eaglais seirbhiseach dileastaotainn 'na àite, agus mhol e dhoibh gairm a thoirt do'n urramach Seumas *Lawson* aon de àrd mhiniastirean Aberaidhean. Scriobh *Knox* fein chuige e 'thighinn ga amharc, agus aig bonn na litreach thuirt e, "Dean cabhag, a bhràthair, no thig thu ro amnoch." Bha *Lawson* co mòr air a chur chuige leis na briathraibh so 's gu'n do ghabh e 'thurus an-là'r na mhàireach: rainig e, agus air dha searmonachadh uair no dha thaitinn e ris an eaglais cho mhaith 's gu'n tug iad gairm dh'a mar f hear-ionaid *Knox*.

An là 'chaidh a ghabhail a steach searmonaich *Knox* fein le mòr chumhachd; bha spiorad an Tigh-earna da rìreadh air. Mu dheireadh na searmoin leig e fhanuis gu Dia gu'n do claith e bheatha nam measg ann an deadh choguis—a' searmonachadh soisgeul *Chrionsd* ann an treibhdhireas, gu'n umhail do uasal no iosal. Dh' f hág e'n sin beannachd aca ann am briathraibh cho tiambaidh agus cho drùi'teach 's nach robh sùil thioram 'sa choimhthional. An déigh na searmoin chaidh e dhàchaidh 's ghabh e leaba, agus ma ghabh cha b'i sin leabagun dòchas. 'Smuladach an ni, shaoileadh neach, a bha fàgail beannachd gu bràth aig gréin 's aig gealaich, aig ceileadaradh binn an doire 's aig gáirich mhòralach a chuain, aig cairdibh dileas ar n-òige's aig compa-anach bhàigheil ar n' aois, ach 's faoin iad so uile ann an sùilibh an f hior chriosluaidh—cha'n fhada

gus an éirich airson grian na flrin-teachd—haleluiah ainglean, agus cairdeas Dhe agus an Uain! Air di'h-aoine dhéirich e gu aodach a chur uime ged is gann a b' urrainn dha suidhe air furm. 'Nuair a dh' fheòraich iad dheth ciod a thug air éiridh, thuirt e gu'n robh a mhiann air dol do'n eaglais, (gu'n chuinbhne nach b'e là na sàbaid a bh' ann) oir ars' esan bha mi fad na h-oïche a beachd smuaineachadh air aiseiridh *Chrionsd*, agus tha focal no dha agam a chum na h-euglais bhochd. An ceann tacan chuir e fios air na fairfich a chum beannachd f hágail aca: 'nuair thainig iad thuirt e riù, "A bhràithre rùnach! thainig m'dheireadh an uair airson an tric an robh mi' guidhe--an uair a dhruideas mo shùil air an t-saoghal mhílealta so, agus a chi mi sàbhailte an taobh a stigh do gheata rioghachd na glòir.

Air leaba mo bhais, a nis mar tha mi, leigeam f hianuis gu Dia nach do theagaig mi ach firinn an t-soisgeil, agus gu'm b'e eòlas a thoirt do'n aineolach—neart a thoirt do'n aufhann—comhfhurtachd do'n dream a bha fo' bhròn airson an cionta—agus an t-uaibhreach irioslachadh le bagraidhibh leabhar Dhe, a bh' agam do ghìnà 's an amharc. Tha f hios agam gu math gu'n robh iomadh a' faotainn coire dhomh a chionn cainnt cho laidirachleachdad, ach aig Dia tha fios ged bha mi 'seirm tairmeanach a bhreitheanais nan cluasaibh gu'n robh mo chridhe'leaghadh le gràdh d'an anamaibh: nan caomhnainn iosal no uasal cha b' airidh air mo dhreuchd mi, agus cha bhiodh là mo chunntais na là cho taitneach dhomh. Tha mi ga'r fágailse 'n am' dhéigh, ach leanaidh sibh an aithghearr; cuiribh an deadh chath—glacaibh misneach, ged tha mise ga'r fágail; 'agus f hadsa dh'

fhanas sibh ann am firinn Chriosd feudaidh sibh dùlan a thoirt do gheataibh ifrinn."

Beagan mu'n do ghabh e'leaba dh' iarr e air a mhnaoi 'nuair a dh' fhàsad e cho lag's nach b' urrainn dh'a leughadh ise 'leughadh dh'a gach là xvii. caib do shoisgeul Eoin—caib. do'n litir a chum nan Ephesianach, agus xxxiii caib. deIsaiah. Bha e'nis air fàs cho fann 's nach b' urrainn e labhairt ach le mòr shaothair, gidheadh cha d' fhàg neach taobh a leapach gun earail. Thòisich bean uasal dhiadhaidh aon là r'a mholadh airson na rinn e as leth a chreidimh agus a dhùche: Chuir *Knox* grabadh oirre. "Fois! fois! a bliean uasal," ars' esan, "tha'n fheòil i fein dona gu leòir gun a séideadh suas; 'Se Criosd an aon charraig air am bheil mo dhòchas air a stéidheachadh." Air là na sàbaid bha e sàmhach car ùine fhada. Ma dheireadh, ars' esan, le guth socrach "Ma tha neach's an éisd-eachd thigeadh e agus faiceadh e obair Dhe; bha mi o cheann dà o'i'che a' tagradh arson eaglais Chriosd,—an comunn beag a ta fo dhìmeas anns an t-saoghal, ach 'na shealladh-san luachmhor mar chloich a shùl: Bha mi 'gleachd ri Sàtan a ta 'g iarraidh a slugadh suas, agus trid fuil an Uain thug mi buaidh. Bha mo spiorad air neamh, agus f'huair mi blasad air sòlasabhbh an ionad bheannuichte sin—cia fad O! Iosa, cia fad!"

Dh' f' harraid cuideiginn a bha làthair an robh e fulang péine? cha'n'eil ars' esan, nis mò na esan a ta cheana air neamh: nam b'e toil De i chuirinn suas leis an leabaidh so fad sheachd bliadhna: 'nuair tha'n spiorad ann an Criosd cha chuir am bàs giorag air an fheoil."

Iomadh uair 'nuair shaoilte bhiodh e'na chodal, chìte a bhilean a' gluasad, agus chluinnt e 'g ràdh "A Thighearna thoir aodh-airean dileas do t-eaglais,—aisig sìth do'n rioghachd—thig a Thighearn Iosa, thig l!" Bha e aon o'i'che ri trom osnaich 's ri spairn troimh chodal: Nuairdhùisg e dh' f'heòrach iad dheth ciod a bha cur trioblaid air? "S fad ars'esan, o'n a thòisich Satan ri m'pheacaidhean a thilgeadh orru gus mo theirt gu an-dòchas, ach chum mi sgiath a chreidimh ris: tha e nis a cur 'nam inntinn gu'n do thoill m'oibre fein dhomh àite 'measg nan naomb, ach moladh do Dhia a chuir chugam an scriobtur so, ciod a th'agad nach d' fhuair thu? Tha nis criochair a chath, cliu do Dhia, bi'dh *Knox* an aithghearr far nach ruig a shaighdean e."

Air di-luain dh' fhàg e'n leaba car tamuill, ach bha e cho fann 's nach b' urrainn e seasamh air a chasaibh,—shuidh e ann an cathair car leth-uair, agus thogadh do'n leabaidh a rìs e. 'S an f'heasgar dh'iarr e air a mhnaoi far na thilg e 'cheud achdair a leughadh. Thuig i fein a chuid eile, agus leugh i xvii. caib. de'n t-soisgeul a reir Eoin. Mu leth uair roimh dheich rinn iad ùrnuiigh. Dh' f' harraid neach dhlieth an cual e'n ùrnuiigh? "O b' fhearr leam gu'n cluinneadh an saoghal i mar chuala mis i", ars' esan, "a Thighearn Iosa glac mo Spiorad!" Air so thuit e seachad ann an glacaibh a bhàis gun spàирн gun ùpraid 'na G? bliadhna.

Chunnaic sinn a nis crioch *Knox*!—crídhe co mòr, agus spiorad co tréun 'sa tharruing claidheamh riamh an aobhar na firinn! B' esan am ministeir dileas! Bha chaithe beatha naomha;

a theagascg fallain, agus do thaobh miodail a dhéanamh ri peacaich cha d' rugadh leis e.

Bha e cho làn de'n Spiorad naomh 's nach robh ni bha ri tighinn air an eaglais nach innseadh e roimh laimh.

Tha iomadh neach an diumb ri *Knox* a chionn nach do chaomhainn e na tighean-aoraidh breagha a chosd na h-uiread de dh' airgiod, —nach foghnadh dh'a na sagarta f' huadach a mach asda gun na h-eaglaisean a thoirt a nuas mu'n cluasaibh? Bha *Knox* tuilleadh a's èolach air na sagarta; bha f'hiös aige mar cuireadh e'n nead leis a chreig gum pilleadh am fitheach. 'S borb an obair, shaoileadh neach, cos no lamh a ghearradh bharr duine 's e beo; ach chì an léigh gu'r h-e so na tha eadar e's am bàs. Bha rioghachd Alba da ríreadh tinn ri àm *Knox*, agus mar gabhadh e leigheas garbh dh'i cha robh i'n diugh mar tha i.

Chaidh *Knox* adhlac ann an Duneidean, le mòr urram. Thogadh carn mar chuimhneachan air ann an iomadh àite. Tha aon diubh so ra f'haicinn ann an Glaschu air cnoc àrd dlù do'n eaglais mhòir. Tha *Knox* fein air a mhullach air a tharruing ann an cloich le bhioball air chùl-duirn, 's e mar gum biodh e a' searmonachadh do na miltibh a ta gach là dol 's an rathad.

Beannachd libh air an àm so a Theachdaire rùnaich. 'S mise.

MACTALLA.

*Eilean Chola*, 1830.

*Biùthas Iarla Morton air Knox  
'an àm a thòrraidh.*

"Sin e na shìneadh, a deir esan,  
fear air nach robh rianadh eagal roi'  
ghnùis duine."

### Sean Eachdruidh na Gaeltachd.

#### BLAR INBHERLOCHAIDH.

Piobaireachd Dhomh'uill duidh

Piobaireachd Dhomh'uill :

Piob agus Bratach,

Air Faich Inbherlòchaidh.

Tha fios aig a chuid is lionmhoire d'ar luchd dùthcha, gur ann as leth a cheud Tearlaich a bha Iarla *Montros* a' cogadh ann an Albuinn, o thoiseach na bliadhna 1640 gus an do chuireadhl gu bàs e ann an 1650. B'e cionfath a chogaidh so, gun robh Tearlach agus a luchd-comhairle a strigh ri Creidimh an Easpuig a chur a dh'aindeoin air na h-Albannaich. Cha ghéilleadh iad da so, agus dh'éirich a chuid bu mhò de 'n Ghalldachd agus mòran de na Gaidheil chum cur an aghaidh an reachd so: agus chuir iad an làmh air fad ris a bhoinn ainmeil sin, ris an abrar an Coimh-cheangal naomha\* leis an do gheall iad a bhi dileas da chéile, agus do'n chreidimh a tha nis, an lorg an saothaireach, air a shocrachadh san tìr.

Bha Mac Chailean agus a dhaoine air taoblí nan Cùmhantach: Agus o'n a b'e duine bu chùmhachd-aich' a bha air an taobb sin, tharruing so anuas air diumb shònraicht an righ agus na bha air a thaobh. Dh' éirich Clann Dòmhnuill, na Carnaronaich, agus Stiubhartaich na h-Apunn le *Montròs*, as leth an righ, maille ri buidheann làidir de dh' Eireannaich, a thainig a nall le Alastair Mac Cholla, air an do labhair sinn mar thà. A thaobh an naimhdeas ghuineach a bh'aig an duine so, agus aig luchd-lean-mhuinn *Mhontròs* an aghaidh Mhic Chailean, chuir iad rompa am feachd gu leir a gheamhrachadh, ann an Earra-ghæl. Chum so, għluais an t-arm riogħail 'nan dà

\* Solemu League and Covenant.

bhuidhinn, chum dùthaich Mhic Chailean a thoirt orra. Chaidh fir Lochabar agus Clinoideartach fo cheannas Iain Mhuideartaich, agus a chuid eile dhiubh fo cheannas *Mhontròs* fein. Ghabh Iain Muid-eartach suas Gleann-dochart, agus taobh Locha-tadha, roimh fhearrann Bhraid-albuinn, a' losgadh 'sa creachadh, a' mòrtadh agus a' marbhadh gach ceum mar bha iad a'dol air an adhart, do hrrigh gun robh muinntir na tire so air taobh nan cùmhnantach.

Bha Mac Chailean 'an Dun-eidann san àm, 's an uair a chual e mar bha chùis ghreas e dhachaidh. Thog e'n dùthaich chum cosg a chur air *Montròs* agus air fheachd. Cha robh dùil aige gun robh e comasach dhoibh Inbharaoradh a a ruigheachd, tre na garbhlaichean fiadhaich, gun slighe gun droch-aid, leis an robh e air a chuairt-eachadh; ach bha *Montròs* agus a dhaoine 'an Gleann-aoradh m'an robh fios aig Sliochd Dhiarmaid c' àit an robh iad. Theich Mac Chailean do'n Ghalldachd, agus dh' fhàg e a Chinneadh gu iad fein a dhliòn mar a b'fhearr a dh'fheudadh iad. Dh'fhuirich arm *Mhontròs* sè seachduinean ann an Earra-Ghæl. dh' fhartluich air Caisteach Inbharaoradh a ghlacadh, ach thug e lòm-sgrios air an dùthaich ma'n cuairt. Mar shamhladh air an sgrios a thug iad, chaidh Iain Muideartach le cuid da fheachd sìos rathad Chille-Mhàrtuinn, agus tha e air a ràdh m'an do thill e, gun do mharbh a chuid daoine còrr agus ochd-ceed pearsa, eadar bheag agus mhòr.

Ma thoiseach na bliadhna 1645 dh' fhàg *Montròs* Earra-Ghæl, agus thug e'n rathad air chum Inbhernis le rùn cur as do dh'fheachd a bha san dùthaich sin fo cheannas Mhic Choinnich a bha air taobh nan Cùmhnantach. Phill Mac Chailean air ais, agus ri gn e là-

togail air a chuid daoine, agus chaidh e air tòir *Mhontròs*. Anns an àm cheudna, chuireadh feachd cumhachdach eile, a nìos o 'n Ghalldachd, chum *Montròs* a choinn-eachadh; agus cha robh teagamh sam bith nach robh e ac' ann an ribe, air dhoibh a chuaireachadh mar so le tri armailtean cumhachdach. Ach cha do thuig iad an curaidh a bh'aca. Mar bha 'n gaisgeach foghainteach so air a thurus troimh Lagan-ach-a-droma, thainig Gaidheal na fhuil 's na fhallas as a dhéigh, a dh'innse dhà gun robh na Caimbeulaich air a thòir; gun do thòisich iad air creachadh 's air losgadh Lochabar. Cò thug an sanas so dha, ach an duin' ainmeil Iain lòm, bàrd na Ceapach. 'S gann a chreideadh *Montròs* gun robh an sgeul a fhuair e fior; agus chuir e roimhe Iain lòm a chrochadh nam faigheadh e mach gur i bhreug a chanadh leis. 'S ann dlù do Chille-chuimein a fhuair *Montròs* an sgeul, agus ge nach robh aig' air an àm ach àireamh bheag airm an coimeas ris an fheachd lionmhor a bha air a thòir, chuir e roimhe pilleadh, agus aghaidh a thoirt orra. Bha fios aige nach b'urrainn dà tighinn gun fhiös air Mac Chailean, nam pill-eadh e air an rathad iosa air an d'thainig e. Uime sin dhùrich iad a mach Cùil-achaidh agus theirinn iad thall air Gleann-ruaidh, agus ghabh iad lòm gach ath-ghoirid tre shneachda trom gus an d'rainig iad bun Ghlinn-Ibheis, far an do chuir iad an oidhche thairis gu sgìth airsnealach. Moch an latha am màireach chuala na Caimbeulaich gun robh arm ga'n còir, ach cha do shaoil iad gur e *Montròs* a bh'ann; ach muinntir na Dùthcha a chruinnich clum cosg a chuir orra anns a chreach a bha iad a' toirt air an dùthaich. Bha cuid do dh'fheachd Mhic Chailein air taobh thall Lòch-

aidh, gun fhiughair idir aca ri *Montròs*. 'Nuair a dh' éirich a ghrian, chualas fuaim na dùtaich,'s nuallan na pioba a' teachd a nuas o bhun Ghlinn-Ibheis. 'S ann an sin a thuig iad cò a bha aca; agus dh' éirich na Caimbeulaich, agus chuir siad iad fein 'an òrdugh catha. Bhuailean t-eagal Mac Chailleain, agus a' gabhlail mar leithsgeul dochann a fhuaire e, thug e bhìorluinn air, agus dh' fhàg e ceannas an aimh aig an duin' fhoghaainteach Triath Achanambreachd. Chuir na Caimbeulaich a mach suaicheantas sìth, mar gu'm bitheadh iad aig iarruidh cumha gu strìochdadh. Dheonaich *Montròs* leth uair an uaireadaidh a thoirt dhoibh, ach bha Gaedheal furachair dlù dha, a thuig nach robh dhì orra ach uine gu iad fein a chur an òrdugh. Ghlaodh e mach, tha thu call do chothrom; is foill a tha nam beachd, bi gu grad an sàs annta. Cò arsa *Montròs*, an slughtire aig a bheil a chridhe bhi meachranachd ri m' chuid aimh air an àm? Ach cha d'éisd Mac'Ic Alastair, oir is e so a bh'ann, an t-ath fhacal, ach thug e fein 's a chuid daoine as gu bhi 'm broilleach nan Caimbeulach. Cò e am fear a rinn sud, arsa *Montròs*, "Tha a deir Alastair Mac Cholla, duine foghaainteach, agus air mo bhoistidh b'fhearr leam dol sios leis do'n toiteal na leat fein." Air dha so a ràdh thug esan agus a chuid Eireannach as, agus chunnainic *Montròs* nach robh feum dha fuireach ni b' fhaide, agus lean e iad leis na bha aige de dhaoine. B'ann air Di-dòmhnaich, la Fheill-bride 1645 mar dli' éirich a ghrian air bearradh Beinn-Ibheis bha'n dà arm an sás 'na chéile, ach cha b' fhada bha'm blàr ga chur. Cha d'ripn a chuid bu mhò de dh' arm Mhic Chailein ach aon dairearach a losgadh, gun làmh a thoirt air

claidheamh, no ionnsuidh a thoirt air an nàmhuid. Ann an tiota bha'n ruraig air a chur orra, agus thug gach fear e fein as mår a b' fhearr a dh' fheud e. Thug mòran diubh oidheirp gu faighinn air bòrd nan soithichean; bhàthadh a chuid bu mhò dhiubh so, agus ge b'e taobh a ghabh iad leanadh iad le claidhean sgriosach an naimhdean, gan sgathadh sios gun iochd gun tròcair. Lean muinntir *Mhontròs* an ruraig sad naoi no deich de mhiltean, agus tha e air a ràdh m'an duine fhoghaainteach a thòisich am blàr, gun do leag e le làimh fein trì-fir-fhichead.

'Nuair chaidh an ruraig thairis, 's a smuaintich iad am biadh maidne chur gu h-àird, bha iød nam buidh-nibh a' faighinn bìdh agus goireas chum a dheasachadh; thainig fios gu'm feumadh fear a bha 'n sín a phoit a thoirt thairis do Alastair Mac Cholla; thuirt an duine nach d' thugadh; gun do choisinn e fein a bhiadh co mhaith 's a rinn esan, agus nach leigeadh e le Alastair fein a phoit a thoirt uaithe a dheòin no dh'aindeoin. Chaidh so innse do dh' Alastair, agus bha toil aige fear a bha co ladurna fhaicinn, agus chaidh e chum an àite san robh e; ach an uair a chunnainic am fear eile e, theann e beagan as an rathad, ach lean Alastair e, agus dh' fhiosraich e c'ainm a bh'air? Chan fhiù, ars' esan, m'ainms' fheòraich, cha'n'eil annam ach Ceard beag a muinntir Adhoill. 'S truagh, ars' Alastair, nach bu cheaird gu léir fir Adhoill an diugh. 'S ann a bha'n duine foghaainteach so de Chloinn Donnchaidh, agus bu ghobhainn e. Thug Alastair Mac Cholla cliu anabarrach air, chuir e na aonar as de naoi-fir-dheug air a mhaduinn sin.

Shaoil mi, a deir Alastair, gun

d' rinn mi éuchd cuimseach air a mhaduinn so, le fichead Caimbeulach a mharbhadh, ach bha aon fhearr a Chloinn Alastair ann le biodaig dhuibh a chuir as de dh' fhearr air fhichead; agus 's e gniomh is iongantaiche gun robh Ceard de mhuinnitir Adhoill nach robh ach fear goirid air an àireamh cheudna, a leigeadh ris gun do chuir an triùir dhaoine so tri-fich-ead d'an eascairdidh gu dì.

Bu truagh, da rireadh, an casgradh dòineach, a bha san àm sin gnàthaicht a dheanamh air muinnitir a bha eadar-dhealaichte nam barail, mar bha na daoine so, cuid as leth an righ agus cuid eile air son an creidimh. Tha aobhar againn a bhi taingeil nach 'eil daoin' a nis co neo-iochdmhor, gharg 'sa bha iad san àm sin, eadhon anns na blàraibh is fuillich air a bheil iomradh againn.

Tha aon sgeul againn mu ghiul-an Alastair Mhic Cholla air an là so, a tha leige ris duinn nàdur borb an duine sin. Ann an ruaig, rinneadh priosanach de'n churaidh thréin, agus fhoghaiteach sin, Triath Achanambreachd, a thug iad a dh'ionnsuidh Alastair. Shaoil leis an duine mheasail so, le giùlan séimh suairce, gu 'm maolaicheadh e reasgaichead Alastair, le càileiginn de chàirdeas a mhaoidheadh air. Cha 'n eil ag, a deir Alastair, nam biodh ùin againn air nach feudamaid cairdeas a dheanamh a mach. Tha fios agam gur duine uasal measail thu, tighearn Achanambreachd 'an Albúinn, agus fear Dhunlir 'an Eirinn; uime sin tha mi dol a chuir urram ort, do roghainn a thoirt duit, cò dhiubh is fearr leat do chrochadh no do cheann a chur dhòi? Mo thruaigh, a deir an duin eireachdail, "dà dhiù gu'n aon roghainn." Leis a so tharruing Alastair Mac

Cholla, an t-eucorach allmharra, a chlaidheamh, agus ghearr e sìos Triath Achnambreachd le aon bhuelle.

A bhàrr air fear Achnambreachd, thuit mòran de na daoin' a b'fhearr de'n chinneach, agus cùig ceud deug ceatharnach an là sin aig blàr Inbharlòchaidh.

Feudaidh e bith gu'm bi e taitneach le'r luchd leughaidh cunnatain fhaotainn o àm gu h-àm air mar thòisich cogadh *Mhontròs*, agus an cionfath a bh' air. Bheir sinn oidheirp air sin a dheanamh co riaghailteach 's as urrainn duinn.

T. O.

### *Man FLORIDA, an Long mhòr Spainndeach.*

B'ann a bhuineadh an Long so do'n Chàbhlach mhòr Spàinndeach a chuireadh chum buaidh a thoirt air Sasunn, ri linn Ban-righ Ealsaid sa bhliadhna 1588. Tha fios aig ar luchd-leughaidh gun do chailleadh a chuid bu mliò de 'n Chàbhlach anabarrach so air còrsa na h-Alba, agus cha d'fhuair an leth riaghair air an ais do 'n Spàind.

Fhuair am *Florida* a stigh do Thobar-Mhuire, ann an Eilean Mhuile, Cala co tearuint 's a tha air aghaidh an t-saoghail. Bha sìth san àm sin eadar Albúinn agus an Spàind, air chor 's gu 'n robh cairdeas neo-sgàthach eadar muinnitir na Luinge agus muinnitir na dùthcha. Cha robh là nach robh uaislean as gach cearna de'n Ghaeltachd a' teachd a dh'fhaicinn na Luinge; agus dh'fhiorsaich iad gach aoidheachd agus cairdeas a b'urrainn na Spàindich a nochda dhoibh. Chuala Ban-righ Shasunn mar bha, agus leis an inn-

leachd bu mhallaichte air an do smuainticheadh riabh, chaidh aic' air cur as do'n Luing mhòir so. Ghabh Albannach d'am b'ainm *Smollet* duais-bhratha chum an Soitheach a chur r'a theine. Chaidh e do'n dùthaich 'an riodh dròbhair, ann an éididh ghaelaich, agus ghabh e 'n cothrom là de na làithibh a bha e air an Luing air gnè thcinndich fhàgail air bòrd, far an deanadh e an diubhail bu mhò 'nuair a ghabhdh e. Thàr e gu grad air tìr, agus thug e Sasunn air gun mhoille.

Cha deachaidh e ach mu shè mìle air astar 'nuair a fhuair e dearbhadh guleòir gun do shoirbhich le 'innleachd neo-chneasta. Tha cheart àite air fheuchainn gus an là an diugh far an robh e 'na sheasamh 'nuair a chual e fuaim an t-Soithich 'n trà chaidh i r'a theine. Chaidh an Long as a chéile; agus cha mhòr nach do chailleadh na bh'air bòrd, eadar arm, sgioba, agus dhaoin' uaisle a thaing a dh'fhaicinn an t-Soithich. Chaidh earrann de chlàruachdrach na Luinge air tìr, agus tha e air aithris gu'n deachaidh scisear dhaoine a bha nan seasamh air a shàbhaladh. Bha san Luing so aon de bhan-phrionnsaichean na Spàinde, fhuaradh a corp, agus chuireadh fo thalamh i le urram freagarrach da h-àrd inbhe, anns a Chill Mhorbheinnich, far a' bheil a chiste chloich anns an rebl i air a càramh air a leig' fhaicinn gus an la an diugh. Tha e air innseadh ann an sean eachdruidh na dùthcha sin gu'n do chuireadh Long dhachaidh as an Spàind a ghiulan air ais a cuirp ga' dùthaich fein. Tha e mar an ceudna air aithris gu'n d' iunn-draineadh cuid de dh' uilt a làimhe, agus do réir baraile saobh-chràbhach na linne sin, bha

tannasg na h-ainfir rioghail so guthri cùl ri fhaicinn, le soillse na gealach ag iarraidh nan cnàmh a chailleadh. Bha air bord an t-soithich, 'nuair thainig i gu caladh, eich agus capuill a chaidh a chur a dh'ionaltradh air machraichean Mhuile. Dh'fhuirich iad sin san dùthaich, agus mheudaich iad àilleachd an greidhean each, a bhuanach gus an là an diugh.

Fhuair teachdaire righ Bhreatunn san Spàind fios air na bha de stòras air bord am *Florida*, chaidh Long chogaidh a chur à Sasunn do Thobar-Mhuire an toiseach na h-ochdamh linn deug, le muinntir a rachadh fo 'n uisge, chum gu 'm faigheadh iad an t-airgiot. Fhuaradh enamsach na Luinge, agus chaidh iomad ni a thogail, ach cha d' aidicheadh gun d' fhuaradh a bheag de'n airgiot. Ach cha do phill an long riamh tuille do Shasunn, bha iad 'am barail gun deachaidh i do'n Fhraing, far an d'fhuirich an sgioba a mhealltuinn na fhuair iad.

Anns a bhliadhna 1787, thug an duin' ainmeil sin *Spalding*, oidheirp air an ionmhas so fhaontainn, ach dh'fhartluich air, mar dh' f heudt' a smuainteachadh, leis mar chaidh enamsach na luinge gu h-iomlan fodha ann an criadh agus 'an làthaich.

T. O.

---

#### MU'N CHRUINNE.

Ged a theirear gu bheil an talamh *cruinn*, mar pheiler, féumar a thuig-sinn nach eil e *direach* mar sin; chionn gun d'fhuair luchd cruinn-eolais amach, le tomhas, gu bheil iomall tuath agus deasachruinne air an spliachdadhl no air an spangach-

adhl ni's mò na na h-iomaill dheth  
a ta soir agus siar.

Ann an ceud linnetean an t-saoghal, cha robh daoine a' creid-sinn gur h-ann cruinn mar so a bha'n talamh; no idir gu'n robh e 'dol mu'n cuairt. Ach o'n a chaidh na linnetean dorcha seach-ad, agus o'n a thòisich eòlas ri sgaoileadh feadh gach tir chriosd-uidh, tha spéuradairean agus mar-aichead air uiread de dhearbhannan daingean a thoirt air cruinnead agus air gluasad an t-saoghal, agus gur h-éadar do gach uile inntinn neo-chlaon, neo - leth - bhreitheach aontachadh leò. Agus cò an duine smaointeachail a's urrainn a ràdh, gu bheil beachd mearachdach aig daoine fòghluinte mu na cùisean sin? Na'm bitheadh, cia mar nach biodh mearachd anns na riaghailtean a tha iad a tarruing as a bheachd agus as an eòlas a ta aca air nàdur a chruinne? Ach, nach iùl na riaghailtean so long, gu neo mhearrachdach, air a taisdeal thar aibheis nan gailbh thonn gu cala sam bith ann an cianiomall an domhain? Nach roinnis na spéuradairean, cian-fada m'an tig e, c'uin a bhios dubhar air a ghréin no air a ghealaich, c'uin thig làn no còn-traigh mhòr, agus an lethidean sin? Nach innis deagh mharaiche, 'nuair a chì e sealladh de'n ghréin, an déigh dhi bhi folaithe uaithe fad làith-ean, agus gun fhearrann a bhi 'na fhradharc ré na h-ùine sin,—nach innis e an ceart bhall 'sam bheil e, agus cia mèud mìle a tha e o n tigh, agus o'n fhearrann a's faisge dha? Nach'eil so gu léir a dearbhadh gu bheil na riaghailtean ceart, agus, uime sin gu bheil an t-eòlas o'n do thàirngeadh na riaghailtean ceart mar an ceudna? Agus nach'eil daoine air muir agus air tir ag

earbsadh am *beatha* ris an eòlas so?

Cha'n eil e'na chunnuil sam bith an aghaidh gluasad a ehruinne nach eil sinne 'ga *mhothachadh* a' dol mu'n cuairt, ni's mò na bhiodh e do neach'na shuidhe ann an càbin luinge, 'si siubhal ann an uisge lòm, a ràdh, nach robh i idir a' gluasad, a chionn nach robh esan 'ga mothachadh a' gluasad. Ach their cuid de mhuinnitir, "Ma tha 'n saoghal a dol mu'n cuairt, cha'n fhaca sinn an cnoc ud, no bheinn ud, riamh a' *carachadh* as an àite." A nise, is cainnt so cho neo-thùrail 's a's urrainn teachd amach a ceann duine: chionn, cuimhnich-eadh a mhuinnitir a ta gnàthachadh na cunnul so, nach eil daoine fòghluimte ag ràdh, "Tha'n cnoc ud no bheinn ud a' *gluasad*, uair's na ceithir uaire fishead, agus a chuid eile de'n t-saoghal a' *stad*, ach gur h-ann a tha iad ag ràdh gu bheil an talamh gu *h-ionlan* ag iath 's an ùine sin; agus, air an aobhar sin, gu bheil na cnoic agus na daoine, 'sa h-uile ni eile, air an giùlan mu'n cuairt *còmhla*, agus gu'm féum a h-uile nì, uime sin, fuireach *daonnans* an *aon imeachd* da chéile.

"Ach," arsa fear eile, "Ma tha 'n talamh a'dol mu'n cuairt, feumaidh e bhi gu'm bi mo cheann fodham 's mi'n crochadh air chasan ris an t-saoghal *còrr uair*, agus cia mar an sin nach eil mi tuiteam dheth?" Tha thu glé cheart, ach cha'n ann a mhàin *còrr uair* a ta do cheann fothadh, agus tu'n crochadh ris an talamh air chasan, ach a *h-uile latha agus o'che dhe d'bheatha*; agus cha'n e mhàin thusa, ach a h-uile creutair eile a ta air uachdar a chruinne. Cuimhnich, ge b'e ionad de'n talamh air am bi thu, gu'm faic thu spéur

os do cheann agus teagaisgeadh so dhuit gu bheil an talamh ag iath ann am failbhe,\* agus air a chumail 'na shiubhal an sin le cumhachd iongantach an Tì a's Airde'; agus thoir fainear nach eil a leithid de nithean agus *nachdar 'us iochdar*, no *shios* agus *shuas*, idir aig an talamh; ach nach eil anns na briathran sin ach facail a ta ciallachadh, an *suidheachadh* anns am bheil an cruinne a thaobh na greine, agus nan réultan, agus nan airdean, chionn a mhuinnit a tha bonn ri bonn ruinne air taobh eile an t-saoghal, their iad *sios* ri ar *suas-ne*, agus sinne *suas* ri an *sios-san*. Agus a thaobh cia mar nach 'eil thu a' tuiteam dhe'n cruinne, an do smuainich thu riamh cia mar nach'eil na clachan mòra agus na h-aitreabhan stuadhach a tuiteam dheth? a chionn cha'n eil ni faic-sinneach sam bith 'gan ceangal sin ris an talamh ni's mo na tha 'gad cheangal-sa, agus tha an cinn fòdhpà aig gach àm mar a ta do cheann-sa. Agus gidheadh, cia b'e ionad de'n talamh air am bi thu, ma thilgeas tu clach *sios* rathad an athair, no ma leumas tu fein ann, tillidh araon a chlach agus tu fein air 'ur n-ais gus am buail sibh an talamh, agus gabhaidh sibh a rìs an *suidheachadh* a bh' agaibh roimhe. 'Nuair a smuainicheas tu cia mar nach eil na clachan agus na tighean a tuiteam 'san speur, tuigidh tu cia mar nach eil thu fèin a tuiteam, agus bi'dh fhios agad gu bheil neart ris-thàirngeach†air

a suidheachadh ann am meadhoin a chruinne, agus gu bheil an neart so a tàladh rithe fein a h-uile ni sam bith a reir an caochladh tailce‡ no dinnidh; agus, air an aobhar sin, a cumail ri cheile gach smodan a ta air, no anns a chruinne, agus mar so tha daoine a siubhal gach rathad air aghaidh an t-saoghal gun chunnart sam bith tuiteam dheth.

A. B. R.

---

### Dealachadh Hector ngus Andromache.

Chaidh an Dàn a leanas eadar-theangachadh le Mr Eoghann MacLachlainn, an Gael ainmeil caomb-chridheach ceanalta, a chaochail o cheann bheagan bhliadhnaicilean an Obair-raidh-ean. Cha'n eil Dàn sa Chànn-mhuin Ghréugaich a thug bàrr air an aon so, agus da rìreadh cha do chaill e a bheag d'a àilleachd le chur sa Ghælic.

B'e Hector mac Righ na Tròidhe: bi Andromache a bhean phòsda, bha baile mor na Tròidhe air a shéisdeadh air an àm so leis na Greugaich. Air do Hector agus do Andromache dealachadh, cha do thachair iad a rìs.

Chual' e, 's ghreas air ais romh'n t-sràid Seach sreithean thigh àrd nan cliar; 'S thuit gun d' fhuair e 'ghaoil a' bròn Lamh ri còmhlaidh mhòir nan sgiath.

\* Ann an ionad *falamh*, gun ni sam bith a' cumail taice ris, 's e sin, "an crochadh air neò-ni."

† 'Se sin, neart a tha tarruing ris fèin, no d'a ionnsuidh fein, a h-uile ni air bith a reir an *cudrom*. An *cudrom* a mhothaicheas sinne ann an ni sam bith air am beir sinn, 's e sin a *chumhachd* a ta neart ris-thàirngneach a chruinne ag oibreachadh air an ni sin gus a tharruing uainne dh'ionnsuidh an tite anns am bheil a chumhachd so fein air a suidheachadh, 's e sin teis-meadhoin a chruinne.

‡ Le tailc no dinneadh, thu sinn ri thugsiann *duth-chàradh* susbaint sam bith air a cheile. Mar a's tinne brigh sam blith, 's ann a's tailceile e. Is talceile, Inaidhe na fiodh, clach na càiise, càiise na buntata, agus mar sin sios.

Chunnaic bean mhaiseach nam bús,	5	Thuit m'athair le sonn nan ruag
'S le plosg éibhni leum 'na dhàil, (Andromache chaoin gun lochd A fhuaire dileab'san toic làin;)		Ach ghabh e fén truas don mharbh ; 50
Nighean Elioin bu chian cliù, Sluagh Chilicia 'lùb do'n triath,	10	Oir loisg e 'n corp air a' bhilàr
Thébe, cathair an laoich àigh, 'S Hippoplacus nan sgàil ciar.		'S éideadh aluinn nan sàr dhealbh.
Air cùch na hòighe ri 'taobh Bha'n geal-mhicein aobhach, ùr,		Dh'adhlaic e'n luath' san f heart mhòr ;
A ghnùis fhiamh-ghàireach mar réull 15		'S chairich teaghlaich Iobh nan nial,
A dh'éireadh 'sa chéitein chiùin.		Ribhinnean sith nam beann ard, 55
Scamandrius, 'o shruth nan sealbh,		Dosraich ghéug mun fhàl, ga dhion.
Rinn Hector a ghairm do'n òg		Mo mhàthair a ghléidh fo smachd
Astijanax 'ainm o' chàch,		Hippoplac' nan glac's nan craobh ;
'Thaobh an t-suinn bu sgàth do		Sguab e leis anns an luing luaithe
Thròidh.	20	Gu raon Thróidh thair chuan le 'mhaoin.
Snodhadh sòla's rinn an laoch,		Dh' f huasgladh a bhan-rìgh fa dheòidh;
'S thòisich faoilt an t-aigneadh mòr.		Air cheannach òir dh'halbh i saor;
Sheall gu tiamhai 'n Righbhean àigh;		Chnàmh mulad ise'na cùirt fein
Ghlaic i 'lamh, 's thuirt briathran bròin.		'S gaitean Phæbe nan ruinn caol.
Le h-osnaich 'o ghrunnd a cléibh,	25	Ach 's athair thus air mo sgàth 65
Chít'a bràighe 'g éiridh dlùth,		'S màthair thu 's is bràthair caoin,
Airteal 's na maildhean a' snàmh,		Ath-chosgar iad sud gu lèir
S na deòir làn air chrith 'san t-sùil.		An uair is éug dhuits' a ghaoil !
'S olc, a Rùin! gun t-fhaicill géur :		Cùram fir, is athair thlàth
Bheir ard-mhisneach t-éug roimh 'n		Gabh do d' mhnaoi 's do d'phàisdein
am !—	30	bròin.
Gabh truas do t-aon-mhnaoi, a ghaoil !		O ! na fág esan gun stuaigh
'S do d' mhaotharan caointeach, fann!		'S mis' am bhantrach thruaigh gun
'S dilleachdan esan gun taic,		treòir.—
'S bantrach mis' an astail fhuair;		Seall tu 'm biùbhaidh garg a strìgh
'S dall-oidchhe bhròin i bho'n là 35		Mun chraobh f higis faisg do'n Tròidh,
Théid thus' a laoich àigh 's an uaigh.		Fans' aig an tùr ud ri gléus 75
Còmhrag aon-fhir fhad 's bu bheus		'S cum 'nan draip a Ghréig 's a slòigh.
Cha diongadh a' Ghréig ort buaidh :		So ionad 's am breòite 'n stuagh :
Nis thig am mòr-f heachd a bhéum		Tri uairean le h-ionnsuidh ghairbh
'S torchrar mo dheagh-thréun le 'n		Mhosgail Ajax, 's an dà rìgh,
cruaidh !	40	'S Idomen nach mìn'am féirg. 80
Mum faic mi sealladh a chràidh		Diomed uaibhreach nan garg-bheairt,
Leagar mo chréubh tràth fo'n fhòid ;		'S fior ghaigich nam feachd fo'n iùl ;
'S crionadh as 'o thus gu déis		Mhaom tri uairean le'n lan-neart
Aimsir ghearr mo réith 'am bròn.		'S shaoil iad gun ghrad-ghlacte'n dùn :
Gun athair, gun mhàthair chaoin	45	Co dhiu 's gaisg'a għluais an gniomh 85
A lughdaicheadh fath mo dhéur ;		No sanais nan dia bith-bhuan:
Bhrisd an t-Aicheall ar stuagh ard,		Ach gleachdadh càch far am miann,
'S chuir tein' i 'na smal 's a' spéur		Biosa 'n so, 's thoir dion do d'-shluagh,
		Thuirt Hector bu mhòrach gnùis ;
		'S leamsa 'chùram sin gu lèir ; 90
		Iomlaid ga'n éirich o 'n chùis
		Chi mise, 's bheir iùil ga réir.

Ciod a labhradh galgich Thròidh	
S olghean nan sròl sguabach slím,	95
Na'm faicte meath air mo threòir	
Stad feachd orna mar dbeoruidh tím?	
Tha m' aigneadh air ghoil gu gléus	
'S nòs lium euchd air bhéul mo shluaign;	
B' àrd m'athair 'an cliù nan arm,	
'S cha mhíll mis' an t-ainm ri m'	
luath.	100
Ach thig oirnn an dàm gun bhréug,	
('Sgoirt mo chridh, 's mo bheul'ga luaidh!)	
Aomaidh Tròidh mhòrach gu làr,	
'S crion-sheargaidh a h-agh 's a h-naill.	
Ga geur an taisbein so m' leon	105
Neart mo shliogh ga'n sgrios le h-àr,	
Bàs mo mhàthar, m'athar gaoil	
'S a chiabh aosd' am fuil a snàmh.	
Mo bràthairean sìnt' air an tràigh	
A' plosgail fo spàiru an eág ;	110
'S géire na sud uile 'm' chràdh	
Thus' a ghràidh ! 's gach pràmh tha d'	
dhéigh.	
T' fhaicinn gu bochd, tòrsach, fann,	
Air bhall-chrith 'fo 'n t-slabhraidh	
chruidh;	
Ga d' bhuain leò mar thràill do 'n	
Ghréig	115
A dhealbh sgéul air òideadh nuadh ;	
Fe smachd nam Buadhach gun bhàigh,	
'S tu 'g iomchar làn-chuinneag trom :	
Their iadsan, 's tusa ga d' chnàmh,	
Feuch bean Hectoir àigh nan glonn ! 120	
Brislidh do chridhe 'na bhruan	
'S beòil gun chaomh a' luaidh air m'	
ainm.	
Nàire 'dùsgadh mhìle bròn	
Do smaoin air a' ghlòir a dh'fhalbh.	
O gun robh mise 's an uaigh	125
'S a chodal bhith-bhuan nach dùisg	
'Am chreadhaidh fhuaire, seach mu'n	
cluinn	
Osnach ghoirt, no caoidh mo rùin !	
Thuirt Flath nan arm faobhar-nochd,	
'S thaig le sòlas a dhù ghlaic	130
Iathadh mu gheal'-chueas' a mhic :	
Shnaoidh an leanaban le àrd sgairt	
'S dàluthaich ri h-uachd earradh shràidh	

Na mnà altruim bu chòrr snuagh,	
Air chrith roimh ghnùis' athar àigh	
'S roimh 'n loinnitreadh a dheàrs' o'	135
'chruidh,	
'S romh'n tiugh-bharr bhabagach għlas	
Ga chrathadh mu bheirt nan dos :	
Għair a' chàraid gu fior-ait	
Mu'n ni bu cheann-fàth do'n chleas.	
'N sin thug laoħ mhilidh nau glonn 140	
An t-ūr-éideadħ farr a chinn,	
'S leag gu socrach am ball trom	
A' boillsgeadħ thair lär an f-huinn.	
Rìsd 'nuair phög e 'mhicein gràidh	
'S a thog 'na dhà laimh le eusart, 145	
Dh' asluich e Mòr-Rìgh nan nial,	
'S nil' aitìn nan dia bith-bħuan.	
Thus' a shoillsich tolg nan spèur,	
'S a Mhaithibh nach éug gu bràth,	
Saoraibh mo mhac o gach bēud 150	
'S treoraiċċibb a cheun gu h-àġħ.	
Coisneadh e mo chliùs' air choir	
A' dìdinn a shlòigh, 's a Rìgh	
'S aithn'għeadd a Bhiùbħaidh 's gach	
beum	
Hector euchdach na h-ath-linn. 155	
Air pilleadħ o strīth nam buaħħi	
A' giulan faoibh ruaidh an àir,	
Eubħadħ Tröidħiħ le h-aon-ghaoir	
" Thug an Laoch s' air athair barr ! "	
Cridh' a mhàthar, thair gach tè, 160	
Le h-éiblmeas n' leum 'na cliabb	
'S alladħ cian-sgaoileadħ għali béoil	
A sior-aithris sgċċiil a għmionnh.	
An sin le dūr bheachd a għaoil	
Dh' aisiġ e'm Beag maoth g'a Rùn ; 165	
Chuir is' a bhéul ri' geal chich	
Air uchd spisriddh nan seud ùr.	
Bħlreġu iñi sin e gu clos-thàmmh	
'S sheall le għażiex air a għlan għmūs :	
Āch chlaou fiamlha geau gu neoħi, 170	
S thuit na deoħi bho' meall-shuħi chiġiun.	
Mhaothaich 'na chom crèdh'an tréin ;	
Għlax e leug nam bēus air laimħ;	
Shiab e'n luuñi driħelħdach o' għruaidh,	
'S leag e'smuarein le cauunt thiläth :-- 175	
'Ulaidh m' anma, thair gach	
muu;	

Cum na chaochail bròn do shnuagh ;  
 Arm biùbhaidh cha diong mo bhàs  
 Romh'n cheart là's an dàn domh'n,  
 Uaigh.

Cha d'fhuair bith, gu'n fhàgail fèin, 180  
 Neach fo'n ghréin cha snaoidh an t-àm,  
 Teicheadh no strìth cha dearbh fèum,  
 'S dual do'n éug an tréun, 's am fann.  
 Pill sa 'nis', a ghaoil ! gu d' ghniomh,  
 Stiùr le h-iùl an Sniomh's a Bheirt, 185  
 Dhòmhsa 's còir bhi triall gu m' chliù ;  
 'S aite mìlidh tùs nan gleachd.

'Labhair e, 's ghrad-chuir mu'cheann  
 Eideadh dosach nam bab fionn :  
 Phìll ise gu déurach, trom, 190  
 Bho chòmhradh mil-bhlasd' an t-suinn.  
 Sùil thair ghualainn air gach céum,  
 Fhad 's bu léur dhi'n gaisgeach mòr :  
 'S air teachd dhi gu' lùchuitr fèin  
 Leig i'n t-srian leis a'ghéur-bhròn. 195  
 Chual' an Bannal reachd a eléibh,  
 Thog iad gu lèir an eigh thruagh  
 A' tursa mu'n Bhèò cho ghoirt,  
 'S ge d' adhlaict' a chorpa'n an naigh.—

E. M'L.

## (OÉAN O'N AILLEAGAN)

*Throd mo bhean, 's gun throd i riùm.*

Throd mo bhean, 's gun throd i riùm,  
 Ghabh i mi-thlachd agus diùm ;  
 'Us o nach b' àbhaist dh'i trod riùm,  
 Gun throd mi, chionn gun throd i riùm.

'S ann a thu'irt i riùm, gu dùr,  
 Gun bu bhodach mí gun túr,  
 Nach iarradh làmh a chur ri túrn,  
 Ach iomairt cùirn gu soistinneach.

S ann a labhair i gu fiat',  
 'Mar nach deanainn stà dh'i riamh,  
 'S a thu'irt i riùm gur beag a b'i hiach  
 Na rinn mi ghniomh's dechosnadh dh'i.

"Dh-fhàg thu mise 'n èas gu leòr  
 Leis a ghràdh a thug thu'n phòit,  
 'S cha-n aithreach leat mar tha mo sheòl,  
 Ged tha mi brònach, hochduinneach.

Cha'n eil airgiod,—cha-n'eil spréidh —  
 Cha-n'eil agam fiù a bhréid  
 A théid do chlachan no gu fóill.  
 Le d' ghnàs mi-bhéusach, mosachail.

Dh-òl thu, mhoisein.—dh-òl thu bhò  
 Bha 'gar beathachadh gach lò—  
 'S gur math mur h-òl thu'n daghainn  
 bhròg  
 A th' air do spògan rosadach.

Cha-n ioghnadh peanas agus plàigh  
 A thuiteam air do cheann gun dail,  
 'S mar rinn thu mise 'mheath 'sa chràdh  
 Le d' ruidh, a bhàraisg shoganaich !

Clos cha-n fhaigh mi feadh na h-oich'.  
 'S mi 'nam chrùban, làn de dh-oillt  
 Gun tachdar thu, le d' bhrùchdsail roie,  
 'S tu air do shloichd 's an ospartaich.

Tha do chlann gun mheas, gun bhéus,  
 Direach mar a tha thu fèin,  
 Gun mhath, gun rath, gun sùrd gu  
 fèum :—  
 Gur truagh an té tha'n crochadh ribh.

An aodach, tha e ribeach, lom,  
 Lom-lan phuathag agus tholl,  
 'S tha'n cridh'air sgàineadh ann am chom  
 A nigheadh ronn 'us òtraich as.

Ach Donull Bàn, a bhean, 's a chlann,  
 Muinnfir an tigh òsd ad thall,  
 Gur riomhach, ròiceil, iad, neo-ghaunn,  
 Air sàilleamh sannt do ghlocain-se.

Och nan och ! gur mis' tha truagh :  
 B' f hearr gun robh mi anns an uaigh,  
 Na bhi posta riut, a thruaill,  
 A dhuine shuarraich, shocharaich !"

S. M.

## MU FHIOSACHD.

FEUDAIDH sinn a ràdh gun deach làithean na fiosachd seachad : Agus feudaidh sinn a ràdh mu luchd na drùidheachd, mar thuirt an duin' eile mu na bòchdain, gun do theich iad 'nuair thainig an là. Gun do theich bràithreachas na fiosachd roimh shoilleireachd an-t-Soisgeil ; oir cha 'n 'eil neach air

bith a fhuair làn eòlas air an fhìrinn nach 'eil a' sealltuinn air luchd-drùidheachd mar chealgairean, agus air drùidheachd mar ni faoin. Ach ged a tha sinn a' smuainteachadh mar so mu luchd na drùidheachd, cha'n eil sinn am barail nach feud Dia, agus nach 'eil e a' leigeadh ris air ioma dòigh cuid de na nithe a ta ri tachairt.

Is mòr an earbs' a bha aig àireamh lionmhòr de shluagh nan ceud lìnnean ann an drùidheachd. Am bitheantas cha'n inntrinneedh duin' air bith air dreuchd ùr gun chomhairle nan drùidhean iarruidh. Cha deanadh iad cogadh, agus cha'n àiticheadh iad tir neo-àiticichte; cha ghabhadh iados làimh ni cudthromach air bith a dheanamh, coitchionn no uaigneach gun chomhairle nan *dée* an toiseach asluchadh mu thimchioll. B' iad sluagh na h-Eiphit, Asiria, na Gréig, agus na Ròimhe bu mhò a bha géilleadh do'n mhealladh so; agus le sin nach 'eil e dearbhhta gur ann o shean bheul-aithris a thainig e; agus gur ann a thug e a thoiseach o aidmheil agus aoradh an De bleo? Cha ghabhi e cur 'an teagamh nach robh Dia, roimh an dile ruaidh, a' foillseachadh a thoil do'n chinne-daonna air iomad scòl, mar rinn e o sin da shluagh, le ghuth, le aingil, no le fàidhean air an deachdadh le a Spiorad, agus le tannasgan, no ann am bruadarraig. 'Nuair a sgaoil an sluagh uile an déigh na dile thug iad am beul-aithris so leò, agus ghleidh iad e, ged a bha e air atharrachadh agus air a thruailleadh le dorchadas agus aineolas iodhol-aoraidh. Chaidh cuid mhòr de 'n t-sluagh am fad, agus mo thruaighe! dhì-chuimhnich iad an Dia fior. Thuit dorchadas orra, agus bha iad nan suidhe ann an sgàile bhàis; a' tabhaint aoradh do gach ni ach do Dhia; bha an dée co lionmhòr ris na cnàimhich. Agus ma bha an dée lionmhòr, blia an sagairt deich uairean ni bu lionmhoire. Far am bi aineolas bìdh eagal. Do ghnà iomaguineach m'an àm ri teachd, bha 'a sluagh gach là a' fiosrachadh o na sagairtibh, (d' an d' thug, ma dh' fheudar iad fein a chreidsinn, na dée fios air gach ni) ciod e a bha ri tachairt doibh. 'S ann air fiosachd a bha na sagairt a' tighinn beo, agus le sin feudar a thuigsinn gur iomad iobairt agus duais a dh' fheumadh na *dee* m'an d' thugadh iad freagradh am bitheantas co duilich a thuigsinn ris a cheisd. Ann an neart nan gnothaichean dheànanadh na sagairt fiosrachadh fada thall mu thimchioll na ceisid a bha ri fhuasgladh, agus, fhreagradh iad i mar bha e coltach a thachradh, no ann am briathraibh dorcha, s e sin, ann am briathraibh a bhiadh fior, cia mar air bith a thachradh. Chaidh fear cogaidh ainmeil roimhe so a dh' fheòraich do ghuth-àite àraidi, an rachadh e a chogadh ri nàmhaid a dh'ainmich e. Fhreagair an guth-àite e, *Ma thèid thu a chogadh ris millidh tu rioghachd mhòr*; a' fàgail, blier gach neach an aire, an teagamh co dhiubh bba e cialluchadh gu'm milieadh e a rioghachd fein, no rioghachd a nàmhuid 'S ann le mealltoireachd mar so a bha na sagairt a'dalladh an t-sluagh, agus nan tachradh e gun d'thugadh neach bu ghéire na càcli aire do'n cheilg, cha b'ann dà-san a b' fhearr. Bhrosnaicheadh na sagairt fearg an t-sluagh na 'aghaidh, ag ràdh, Is duine cunnartach an neach so, tha e deanamh tàir, cha'n e mhàin oirbh fein, ach air na *dée*: biodh e air a ghlacadh, agus air a mharbhadh gun stad.

Mar so le mòr-chuis, mealltoir-eachd, agus an-iochd, chum na sagairt suas meas fiosachd, gus an d' fhuadaich solus an t-soisgeil air falbh an ceathach a bha ceiltinn an gràinealachd. Cò is urrainn sealltuinn air ais gun achdain thròm a tharruing air son baogh-altachd an t-sluaign a bha creid-sinn nan itheadh na ceartan air a leithid so de dhòigh, nan seinn-eadh eoin air a leithid so de làimh, no mar biodh an grù'an slàn ann am beathach a rachadh a mharbh-adh, gun robh olc ri tachairt. 'Nuair a bhiodh daoine dol a a thòiseach air riaghlaigh, dh' éireadh iad gu moch sa mhaduinn, agus bheireadh iad aon de na drùidhean leo. An déigh ùrnughean àraidh a bhi air an aithris leosan, ghlaodhadh e amach, Chunnaic mi dealanach air an làimh chlì, agus is manadh maith e. Thuit a chailleach chearc aon là ri P. *Candius*, tha olc aon manadh dhuit, oir cha'n ith na ceartan biadh. Mar ith, thuirt esan, ann am feirg, ti!g anns a mhuiр iad, agus òladh iad. An déigh so choinnich e a nàmhuid—thrig e blàr—chaidh an ruaig air, agus chaill e a chàbhllach. Nach feudadh so tachairt ged itheadh na ceartan biadh? Bha rochdail an f'hithich air an laimh dheis, agus na feannaig air an laimh chlì, air a mheas na mhanadh maith; agus mar an ceudna, am fitheach air an laimh chli, agus an f'heannag air an laimh dheis, na dhroch mhanadh. Nan éireadh do dhuine an àm gabhlail a bhìdh gu'n dòirt-eadh e an soitheach salainn, cha bhiodh iad gun eagal; ach nan éireadh do mhadadh an rathad ac' a chrosghadh ann an àit uaigneach, phlosghadh an cridhe le h-uamhas. Nan d' thigeadh am beathach a bhiodh iad a' dol a dh' iobradh a dh' ionnsuidh na h-altaire gun

strìgh a dheanamh, nan seasadh e, gun tuiteadh e leis a cheud bhuille, agus nan ruidheadh an f'huil as gu réidh, bu chomharradh maith e.

Bha cuid eile de na cealgairean so a' dalladh an t-sluaign le speur-adaireachd. B'ann air mullach teampuill àrda far am biodh sealladh ac' air uile rionnagan an adhair, a dheanadh an speuradair fiosachd. Na shuidhe air a bhinn-ean a b' àurde, currachd biorach air a cheann, agus falluing rìomhach air a stiallachadh le corcur agus sgàrlaid mu cholainn, roinneadh e na h-earrannaibh an iarmait, le bata crom a bhiodh e a' giùlan, agus an taobh a stigh do chunntas àraidh dena h-earrannan so dheanadh e fiosachd ni's leòir. Nan tachradh olc air bith do dhuine, theireadh an speuradair, *Is faa o chunnaic mi gur ann mar sin a bhitheadh. Rugadh an duine bochdso a leithid so de rionnaig, ann an leithid so de dh' àite.* Ach a nis dh' iarramaid cead f'heòraich de'n speuradair, C'arson nach d' éirich a cheart ni do na h-uile duine a rugadh fo'n rionnaig so, ma bha cumhachd aice mu thimchioll ciod a bha ri tachairt do dh'aon duine? Cha robh troma-lighe a bhruthadh fear, no goile euslainteach, no bruadar a chuireadh gu maoidhm fear a chinnaif hainn, nach soilleir-icheadh an duine so. Dh'fheud-amaid mìle dearbhadh a thoirt seachad, gur ann a bha na h-uile taibhs', dreug, guth, &c. &c. a bha cur triobluid air ar sìnnsereachd ag éiridh an dara cuid o cheann anfhan agus goile salach, no o aingidheachd agus cuilbheartan dhaoine; ach leigidh sinn leis gu Teachdaire eile. **LETH-GHAEL.**

#### CRONACHADH BUADHAIL.

Air do Mr. Romaine aon là bli'g imeachd air an t-sràid maille ri duin' uasal eile chual e duine

truagh a' gairm air Dia a mhallaichadh. Sheas Mr. R., thug e a mach leth-chrùn, agus thaig se e do'n duine, ag ràdh, "A charaid bheir mi so dhuit ma dh' ath-aithriseas tu an guidhe ud a rìs." Chlisg an duine: "Ciod l!" A dhuin' uasail ars' esan, "am bheil sibh am barail gu'n sgriosainn m' anam air son leth chruin?" Fhreagair Mr. R., "A thaobh 's gu'n d'rinn thu an tràths' e gun ni sam bith, cha do shaoil leamsa gu'n diùltadh tu a dheanamh air son duais l!" Air do'n achmhasan so drùghadh air an truaghan bhochd, mar bha Mr. R. a' guidhe, fhreagair e, "Gu'm beannaich agus gun duaisich an Tighearna sibh, a Dhuin' uasail co air bith sibh, tha mi creidsinn gu'n shaor sibh m' anam: Tha mi'n dùil nach dean mi mionnan gu bràth tuille fhad 's is beò mi." AM BRAIGHEACH.

EISIMPLEIR URRAMACH. Chuireadh impidh air Mr. Dòd, ministeur urramach aon uain cluich air chairtibh, dh' éirich e o shuidheachan, agus thug e dheth 'ad. Dh'fharaid a chuideachd ris ciod a bha e dol a dheanamh. Fhrengair e, "Tha mi dol a dh' iarraidh beannachd Dhe." Air ball ghlaodh iad a mach le aon ghuth, "Cha'n àbhaist duinne beannachd iarraidh air a leithid so a dh'

#### NAIGHEACHDAN.

Thainig an righ a dh' fhògradh o'n Fhraing agus a theaghlach, d'am sean chairtealan, Lùchuirt an Rìgh an Dumidean, far a'bheil a mhiamm orra tuineachadh. Tha fhashast mòran buaireis an iomad àite de Thir-mhòr na h-Eorpa, gu h-àraidi san Olaïnde; aeh tha dòchais againn gu'n d' thig iad gu beachd is siocaille, agus gun traoigh an aimhlreich mbi-riaghailteach, a dh' éirich gu misneadh 'nam measg.

Tha'n Fhraing a' cur feachd anabarrach an àird, ach e'ar son, cha'n aithne dhùinn. Dh'orduich iad àireamh mhòr de Ghumnaichean (cùig cenal míle) a Sasunn o cheannu ghoirid.

aobhar." "Mar 'eadh," ars' esan "Cha'n àbhaist dhomhsa toiseachadh ri ni sam bith ach ni air an urrainn, agus air am feud mi beannachd Dhe iarraidh."

AM BRAIGHEACH.

#### FOCAL 'NA THIRATH.

Thachair do Mr. Eachann Mac Phail Ministeur urramach diadhaidh a bh'ann an Sgire Ruighe-Sholuis, a bhi aon uair a' gabhail an aiseig thar Port Ard-nan-saor, agus e dol dhachaidh; aig an àm, thuit do Shaighdear a bhi na sheasamh aig taobh deas a chaolais, fagus do'n bhata, bha ri mionnaibh agus ri mallachadh grathail, agusa' tiomnidh anama fein do'n diabhol. "Amen" arsa Mr. M'Phail, 'nuair a chuàl e an duine truagh ag òrduchadh anam do'n aibhisteir. An sin sheòl am bàta gus an taobh eile. Air ball tre ghràs agus mòr thròcair Dhe, riun am focal a leithid a dhùraghadh agus a ghem air an t-saighdear, air dhoigh 's gu'm b'eiginn dha'n t-aiseag a' ghabhail, agus ruith eo luath 'sa b'urrainn e an deigh Mr. M'P. agus rug e air, air taobh tuath na Canarach.—bheannuicheadh am focal agus comhairle an Diadhaire urramach mar mheadhon chum an Saighdear a thoirt gu eòlas slain-teil air Iosa Criod.

AM BRAIGHEACH.

Is duilich leinn e bhi againn ri ràdh, gu bheil Eirinn ann an eor-ro-bhuairreasach, le deanadas dhaoine aig nach eil' maith na Rioghachd 'nam beachd. Aeh tha dòchas againn gu'm faic iad am mearsachd m'am bi e tuille's fadalach.

Tha'm bàrr, mar is pailte, cruinn a mis, agus is maith an comhar air gu bheil a mhin a' sior thuiteam. Bha'n Fhéill-mìcheil na mhargadh ni b'f hearr air son luach na sprèidhe na bha na mar-gidhean a bh'air thoisearch air.

Tha Ceaird agus cosnadh a' deanamh gu maith, agus tha deagh inbhiagh air cosnaichean; agus tha 'chliomh a'dol an daoiread.

AN

## TEACHDAIRE GAELACH.

A CHEUD MHIOS DE'N GHEAMHRADH.

XIX. AIREAMH. 1830.

### IDUMEA.

*An fhàisneachd mu thimchioll léir-sgrios na tire so.*

FEUCH ! tuitidh mo chlaidheamh air tir Idumea, agus air an t-sluagh a mhallaich mise chum breitheanais. O àl gu h-àl bithidh i fas ; gu linn nan linn cha téid aon neach troimpe." Isa. xxxiv. " Oir feuch, nì mise beag thu am measg nan cinneach, agus suarrach am measg dhaoine. Rinn do mbòr-chumhachd do mhealladh, uabhar do chridhe, O ! thusa ta'g àiteachadh namha na carraig, ta gleidheadh àirde a chnuic : ged dhean thu gu h-àrd, mar an iolair, do nead, as a sin bheir mise nuas thu, deir an Tighearna. Agus bithidh Edom 'na fhàsach ; bithidh uamhunn air gach neach a théid seachad air, agus nì iad sgeig m'a uile léir-sgrios." Isa. xl ix. 15, 16, 17.

" Mar so ni mi léir-sgrios air sliabhl Sheir, agus gearraidh mi uaithle an ti théid a mach agus an ti a philleas air ais." Esec. xxxv. 7.

Is uamhasach an fhàisneachd so mu thimchioll tir Edoim agus Idumea, agus is lionnhor fàisneachd a tha anns na leabhraichibh naomh-a, de'n t-seòrsa cheudna 'an aghaidh nan dùthchan truagh sin. Cha'n-eil an diugh air aghaidh an t-saoghal dùthaich a bha cho àrd

mheasail, agus air a h-àiteachadh le sluagh co cumhachdach, air an d' thainig sgrios co iomlan 's a thainig air tir Idumea, far an robh sliochd Esau rè iomad linn a chòmhnuidh. Tha cor na tire so a togail dearbhadh laidir air firinn focail De. Tha mòran soill-eireachd air a thoirt duinn m'an fhearann so, le luchd turuis ainmeil a sgriobh eachdraidh naon cearnaibh sin o cheann ghoirid ; agus an t-eolas a tharruing sinn uatha-san, bu mhiann leinn a nis a cho-pairteachadh r' ar luchd-dùthcha.

Tha 'n tìr sin mu bheil sinn a labhairt air a suidheachaidh air taobh na h-àirde deas do thîr Iudea agus Mhoaib, agus air taobh na h-àird an Iar do Arabia Petrea, agus a' sineadh a mach mu dheas gu eirthir na Mara-ruaidhe.

Tha Volney, fear-turuis ainmeil, a chuir a mach leabhar o cheann ioma bliadhna, ag innse dhuiinn nach 'eil mòran fiosrachaidh aig daoine mu'n tìr so, nach 'eil fear-turuis ann a chaidh fhathast troimpe, ach gu'n do choinnich Arabaich e a dh' innis da gun robh an dùthaich so gu léir na h-ann dùthreabh mhöir, agus ann an turus thrì làithean

gun deachaidh iad troimh làraichean briste deich bailte fichead de bhailtean mòra, 's gun a nis aon dùile bheo a thàmh anna, ach gur ann a tha iad nan ionad-tàimh aig nathraichibh nimhe, ionnas gur cunnartach do dhuine dol seachad oirre.

Bha Edom na rioghachd air thoiseach air Israel, mar chi sinn ann an leabhar Genesis xxxvi, 31, far a' bheil righrean na Dùthcha sin air an ainmeachadh, agus far a bheil e air a ràdh, gun robh iad ann fada man do rioghaich righ sam bith air Cloinn Israeil. Bha 'n dùthaich so ro tharbhach. So am beannachd a ghealladh do Esau le athair air leaba bhàis, Ann an reamhrachd na talmhuinn bithidh do chòmhnuidh; agus tha e soilleir gun robh an tìr so air a deagh àiteachadh, oir 'nuair dh' iarr Maois cead dol troimpe, gheall e nach rachadh iad tre achadh sam bith, no tre am fìonniosan, ach gu'n imicheadh iad air rathad mòr an righ, gun dochair sam bith a dheanamh, Air. xx. 17. 'S ann san Dùthaich so a bha Iob a chòmhnuidh aig an robh beartas co mòr, agus treudan co lionmhor. San àm san d' thainig sgrios air Ierusalem, tha Iosephus ag innse dhuinn gun robh muinnitir na tìre so co lionmhor ris na h-Iùdhaich; agus an uair a thainig *Titus* 'an aghaidh a bhaile mhòir sin gun do chuir Idumea deich mìle fichead fear a mach 'na 'aghaidh, a chòmhnuadh leis na h-Iùdhaich.

B'e Petra ceanna-bhaile na tìre so, agus a reir a chunntais a fhuaradhl air o cheann ghoirid, seadar a ràdh nach robh bail' eile air aghaidh an t-saoghal air a shuidheachadh ann an daighineach nan creag mar bha e.

Ge beag ar n-eolas f hathast m'an tìr so, tha ni's leòir air innseadh a leige ris duinn co' iomlan 'sa tha 'n fhàidheadaireachd air a coilionadh mu thimchioll Idumea, leis na faidhibh a mhìnichneas duinn am fior bheagan eolais a ta againn m' an dùthaich so. Tha *Isaiah* agus Eseciel ag ràdh, *o linn gu linn nach d' thèid neach sam bith troimpe; agus gu'm biodh esan air a ghearradh as a rachadh a mach san tìr sin, agus a phileadh air ais* 'Nuair a labhradh na briathra so bha malairt agus eolas eadar Idumea, agus gach cearna de'n t-saoghal. Bha marsontachd na h-aird-an-ear air sad a'dol tre'n tìr so, agus bha rathadan mòra rioghail a'dol troimpe do gach cearna; agus seachd ceud bliadhna an déigh bàis Ieremiah, bha 'n dùthaich so co ainmeil na linn fein, agus co tearuintimeachd troimpe agus a tha Sasunn an diugh am measg dhùthchaibh na Roinn-eorpa. Cò a shaoileadh gu'n d'thigeadh an là gu bràth anns am biodh e eu-comasach dol troimpe; agus anns am biodh gach neach a dh' fheuchadh ris air a ghearradh as. Gidheadh's ann mar so a thachair; gus an là'n diugh dh' fhartluich e air gach neach a thug oidheirp air, ach aon dithis, agus thachair dboibh so mar dh'innis am faidh, ghearradh as iad. Lionadh e leabhar bu mhò nan Teachdaire, fad bliadhna innseadh a liughad deuchainn a thugadh le luchd-turuis a shiubhail a chuid eile de 'n t-saoghal, Idumea a rannsachadh. Fhuair dithis dhaion' ainmeil\* le mòr shaothair, comas air làrach Phetra, ceanna-bhaile na dùthcha sin a rannsachadh, ni a chosd

\* Captains Irby and Maugles.

doibh barrachd stòrais, na gach turus eile a ghabh iad riamh os laimh. Ach cha d' fhuair iad so fein dol troimh 'n dùthaich ùile; ach chunnaic iad ni bu leòir chum firinn na fàidheadaireachd a dhearbhadh. Ged a tha 'm baile mòr so nis na nochd-làraich gun neach ga àiteachadh, tha gu leoir ri fhaicinn a chur an céill co cumhachdach 'sa bha e na latha fein; agus is dòcha nach 'eil an diugh air aghaidh an t-saoghail àite co aithrigh air a rannsachadh. Chuir an luchd-turuis a dh' ainmich mi seachad da latha a measg làraichean briste Phetra. Tha 'n dùthaich m' an cuairt air an àite so àrd agus creagach. Air mullach gach àird agus gach sléibh tha lárach nam ballachan làidir, na turайдean, agus na caisteil mhòra, leis an robh an dùthaich so air a dòn. Tha 'n t-slighe chum Phetra fad da mhìle dh' astar, a'dol tre ghleann domhain cumhang, eadar clireagan corrach a tha eadar ceithir agus seachd ceud troidh air àirde. Tha so a' treòrachadh do Choire mòr farsuing far an robh am baile uaibhreach so air a shuidheachadh. Mu thimchioll a Choire mhòir so, tha creagan agus sgàirnich nì's àirde, agus nì's caise na aon ni do'n t-seòrsa a chunnaic an luchd-turuis riamh. Ann an aodann nan creagan mòra so, tha uamhachan, no seomraichean mòra farsuing, air an gearradh a mach as a charraig, leis an t-snàidheadh is innleachdaich a chunnaic duine riamh. Tha na ceudan diubh so ann an àirde nan creag, air gach taobh de 'n bhaile mhòr; tha ceuman staidhreach air an gearradh mar an ceudna a dìreadh gu cuid de na seomraichean so; ach tha cuid diubh co anabarrach àrd, 's nach b' urrainnear a thuigsinn mar chaidh

an deanamh, no ciod am feum gus an robh iad. Mar shamhladh air eireachdas agus meud nan àiteachan sin, feudaidh sinn ainmeachadh gun robh iad ann an aon tigh a bha air a chlàdhach a mach a uchd na Craige, a bha aig muinnitir Edoim, mar thigh cluiche a chumadh os ceann trì mìle pearsa, agus goireas eile air son a leithid a dh' àite, air an snàidheadh as a Charraig, co dòigheil ri aon eaglais san dùthaich. Ann an cuid a dh' àiteachan bha drochaidean air an togail eadar gach stachd a b' àirde, agus claisean air an gearradh a mach as na creagan a thoirt an uisge o àite gu h-àite. Anns a Ghleann gu h-iosal, far an robh am Baile-mòr tha pàlliuna briste, agus làraichean nan sraidean le'n tighibh riomhach. Chìtear fathast far an robh na caubhsairean lionmor, na tobraichean cosdail, agus na h-uile ni eile a a dhearbas gun robh am baile so ainmeil agus cumhachdach r'a linn fein; agus an déigh a chunnatais a thug sinn air tuigear cainnt Isaiah 'n uair tha e 'g ràdh, "O thusa ta 'g àiteachadh uamha na carraig, ta gleidheadh àirde a chnuic: ged dhean thu gu h-àrd, mar an iolair, do nead, as a sin bheir mise nuas thu, deir an Tighearna." Isa. xl ix. 16. Tha mar an ceudna soilleireachd ag-ainn anns an eachdraidh so, air cainnt Obadiah, 3 rann "Mheall uabhar do chridhe thu, O thusa ta chòmhnuidh an sgeiribh nan creag, annad chòmhnuidh àrd a ta 'g ràdh ann ad chridhe, Cò bheir mi chum an làir?" Agus thachair so, thàinig leir-sgrios buileach air Edom. Na h-Arabaich iad fein aig nach'eil dachaidh ach am fàsach, d' an gnà bhi siubhal o àite gu h-àite, cha d'thig iad a

chòir nan làraichean aosda so; cha'n-eil guth duine beo r'a chluinn-tinn 'nam measg; ach mar thuirt Isaiah e, " Tha'n droighionn a' fàs 'na lùchairtibh; an eanntagach agus an dris 'na daingnichibh; agus bithidh i na fàrdaich aig dràg-onaibh, na h-àros aig nigh-eanaibh na comhachaig. Agus coinnichidh fiadh-bheathaichean an fhàsaich agus fiadh-bheathaichean na macharach a chéile: agus glaodhaidh am fiadh-dhuine ra chompanach; an sin fòs gabhaidh an screuchag-oidhche fois, agus gheibh i dhi fein àite-tàimh, Isa. xxxiv. 13, 14. Choillionadh so uile, air an dòigh bu mhionaidiche. Tha duine cho foghlumta 'sa bha riamh san tìr so, Sir Isaac Newton, ag innseadh dhuinn gum b'iad muinntir Idumea na speuradairean agus na feallsairean a b'ainmeala r'an linn fein; agus tha aon leabhar againn f'hast air bhàruinn a sgrìobhadh ann, 'se sin leabhar Iob, agus c'ait a bheil leabhar eile a thug barr air? Gidheadh ciod a tha Ieremiah ag ràdh xl ix. 7. Mu thimchioll Edoim, " Mar so tha Tighearna nan sluagh ag ràdh, Nach 'eil gliocas ni's mò ann an Teman? An do bhàsaich comhairle nan daoine glice? An deachaidh an gliocas am mugadh?"

Mar f'hreagrath air a cheist so feudar a ràdh, Cha'n-eil gliocas ann an Edom; cha'n-eil an aon earrainn eile de'n t-saoghal daoin' is aineolaiche, agus is allamhar-aiche na fineachan cealgach a tha siubhalfàsaichean na dùthcha eagallaich so.

Am measg nan ionadaidh fàisneachd a rinneadh m'an tìr so, nach 'eil ùine againn san àm a chomharrachadh a mach, tha aon gairm sinn ur n-aire. 'S

iad clann Esau a bha chòmhnuidh san Dùthaich so; a nis dh' innis Obadiah san 10 rann a thaobh Esau, air son ainneart an aghaidh a bhràthar, gun deanadh näire 'chòmhachadh, gum biodh Edom air a ghearradh as gu bràth, agus nach fàgta h-aon beo de thigh Esau. Nach miORBHUILEACH an doigh air an do choimhlionadh an fhàisneachd so; thainig lòmsgrios air gineil Esau. Cha'n-eil a h-aon diubh an diugh ri f'hastattainn air aghaidh an t-saoghail, agus ann an cainnt an fhàidh ghearradh as gu bràth iad. An ann mar so a thachair do chloinn Iacoib, a bhràthair? Cha'n ann, Dh' innis na fàidhean umpa so, Gu'm biodh iad air an sgapadh feedh gach rioghachd air thalamh; agus nach tigeadh léir-sgrios orra gu bràth. Agus nach ann mar sin a tha; cha'n-eil cearna de'n domhan anns nach 'eil iad; ach clann Esau, luchd-àiteachaidh Idumea, thainig lòm-sgrios orra-san, agus ghearradh as iad gu bràth. Tha Edom na fàsach, agus tha uamhunn air gach neach a théid seachad oirre. O àl gu h-àl bithidh i fàs; gu linn nan linn cha téid aon neach troimpe.

T. M'L.

Campsie, 1830.

### Cuairt a Mhinisteir Ghallda.

Air feasgar latha sàbaid, deireadh an 't-Samhraidh chaidh seachad, thainig duine áraid a dh'ionnsuidh mo thighe, a dh' iarr focal a labhairt rium ann am sheomar fein; a chionn gu'n robh ni-eiginn aige ri ràdh nach bu mhaith leis neach sam bi eile ga chluinn-tinn. Thug mi stigh e, agus dh' f'leòdraich mi dheth ciod a bha aige r'a chant-

ainn.—'S duilich leam, ars' esan, dragh a chur oirbh air an fheasgar so, an déigh saothair an latha —'si'n éiginn a chuir mi d'ar n-ionnsuidh, agus uime'sin tha dòchais agam gun d' thoir sibh maith-eanas domh. Tha mo choimhearsnach truagh, Seumas—, do réir coslais air leabaidh a bhàis, is cha'n f'hògħnadh leis gun f'hiġġ a chur oirbh, ged is iomad là a rinn e tār oirbh, agus a dhiult e ar n-éisdeachd—Rinn thusa deir mi, mar bu chōir dhuit tighinn—agus da rīreadh 'si'n éiginn a clumadh mis air m'ais o dhol da f'haicinn—cha dean mi maille sam bith—gabħ thus' air t-ais, agus innis da gu bbeil mi air mo cheum a'd' dhéigh—dearmadach mar tha Seumas truagh, agus seachantach air òrdughibl an t-soisgeil, cò is urrainn a ràdh ciod a tha'm beachd an Tighearna m'a thimchioll. Is maith an comharradh e bhi iarradach air m'fhaicinn. Gun deòn-aicheadh Dia dhuinn aobhar dòchais as a leth.

Bu duine Seumas aig an robh mòran de thugse, agus de chiall nàdurra—duine tapaidh, mar their sinn, 'an gnothaichibh dùthcha, na latha fein; fhuair e sgoil, cha robh e gun eòlas, agus bha e a chuid bu mò d'a làithean ann an cothrom maith. Ach dh' f'has e 'an deireadh a làithean, toigheach air deoch agus air ruidhteireachd; chinn e dearmadach air uile mheadhona nan gràs; sheachainn e tigh-l-aoraidh Dhe, agus tharruing e'ncompanas ri daoine gòrach an-diadhuidh mar e fein. 'Se deoch agus amайдeachd a thug galarr a bhàis 'na charamb; 's an nair a chaidh mis' a stigh do'n t-seomar san robh e na luidhe, bu déisdinneach ri f'haicinn an coslas truagh a bha air—bha e na shìn-eadh air a leabaidh—bha eagal—

amharus — bròn — diòbhlail mis-nich, agus uamhas mòr air an dearga gu còmhain 'na shùil agus 'na aogas gu léir: Bha e caithe gu neon, agus cha'n f'haca mi, air leam, riamh aon duine bu mhò a b' aobhar truais na e; ged a bha e soilleir gur h-ann air 'inntinn, 's nach b' ann air a cholainn, a bha chuid bu mhò d'a thriobluid. Shocraich e a shùil orm co luath 'sa chaidh mi a stigh, agus dh' f'heuch e ri laimh a shìneadh a mach. Bha chuile air a bruthadhl gu trom, agus cha robh feum air a bruthadhl ni bu mhò—Shuidh mi ri taoblì na leapach. 'S duilich leam, deir mise, t f'haicinn sa chor so, cha chualamigun robh ni air bith a cur ort gus an d'rainig do charaid mi air an f'heasgar, na idir gun robh thu air failneachadh mar tha mi faicinn—Ach tha dòchas agam gu'n sìn Dia do làithean f'hastast, gu aobhar a bhi agad air a mhaith-eas as do leith aideachadh le taing-ealachd—Għluais e a cheann—dhruid e a shùilean, agus tharruing e osna throm; mar gu'm biodh e as eug'ais dòchais, cha'n e mhàin mu bharrachd làithean, ach a tròcair Dhe. Ciod, a deir mis, a tha'n léigh a tha frithealadh ort, ag ràdh?—ciod i a bharail as do leith? Cha'n'eil dòchas sam bi aige ars' esan ri thoirt domh—tha e'g ràdh, nach 'eil e na chomas a blieag no mhòr a dheanamh air mo shon. An ann mar sin a ta, a deir mise, le cainnt stôlda; ach an ni a tha eacomasach do dhuine, tha e soirbh do Dhia—'S mi a dh' f'heudadh a ràdh, oir 's minic a chunnaic mi iadsan a thug Léigh shaoghalta thairis a' tighinn uaithe—ach ciod, arsa mise, do bharail fein? Dh'amhairec e'am aodann le sealladh a chuir oillet air mo chridhe. Is duine marbh mi ars' esan, agus 'se chūis is miosa, is

duine cailte mi—Air t-athais, a deir mise, nior leigeadh Dia—Na labhair air an dòigh sin. Thaislich so e :—labhair mi ris gu foill—cha'n ann an corruch—ach leis a chainnt bu chaoimhneala agus bu chàirdeala a b' urrainn domh a chleachdad—á' cur an céill an doilgheadas mòr a bha orm, nach robh fios agam ni bu tràithe mar bha e, agus a' gearan nach do leig iad fios domh. Ma ta, ars' esan, b'e sin mo mhiannsa, ach bha nàir' orm—bha eagal orm; chuir mi dàil ann an sin a dheanamh, mar a rinn mi anns gach ni eile—agus chuirinn dàil ann a chaoidh m'ar biodh am bàs air teachd am rathad—ach thàinig esan agus thàinig soilleireachd an uamhais na chois. Dh' fhartluich orm a bhi sàmhach ni b' fhaide. Chuir mi fios oirbh—b' fhéarr gu'n d' rinn mi so ni bu tràithe—tha e nise ro anamoch—chaill mi mo latha—chaill mi mo chothrom. Is truagh mi—O's duine cailte mi, tha fios agam gur ann mar so a tha!

Tha dòchàs agam, a deir mise, gur h-ann a thainig atharrachadh mòr air t-inntinn. Dhùisg Dia thu chum do chunnart fhaicinn, agus esan a thòisich an deagh obair, an n'e nach feud e ann an saibhreas a thòrcair a toirt air a h-agħaidh ceum air cheum chum foirfeachd.

Cha tabhair, cha tabhair, a deir e. Dòchas cha 'n 'eil agam. Pheacaich mi th'ar saorsa—cha'n 'eil cionta nach d' rinn mi. Cha 'n'eil peacadh, achi math a dh' fheudta, morta nach 'eil ri agairt orm. Dòchas agamsa l' ars' esan, 'se stad, le buaireas anabarrach spioraid, agus le osnadh a shaoil leam a sgàineadh a chridhe—Dl' amhairec e orm san aodan, agus mar bha mi dol a labhairt, thainig boirinnach a bha stigh, dlù

air an leabaidh, le soire beag as an do thaing i deoch dha. C'ar son, ars' ise, tha thu labhairt mar sin; cha'n eil thu co dona's a tha thu leigeadh ort; tha na mìlltean m'an cuairt duit ni's miosa. 'Sann duit fein a bha do lochd—c'arson a labhradh tu san dòigh sin. Sméid e gu grad le laimh i bhi sàmhach. Nach cuisd thu, ars' esan. Is mò is fad a labhair thu mar sin, agus mò is fada, b'e sin mo bharail fein, ach O ! 's ann air m'anam! bochDSA a thainig an t-soilleireachd eagallach.

Is gòrach a bhean, a deir mise, do chainnt, cha għniomh cairdeil a tha thu deanamh, labhairt mar so ris—do réir coslais tha barail ni's fearr aig' air cor anama, an lāthair Dhe na th' agadsa. Ciod e dhasan ged bhithedli na mìlltean ni bu mhiosa na esan—an seasadhi sin a leithsgeul-san; bheirear breith air-san air son a dheanadas fein, agus ni h-ann air son deanadas muinntir eile. Ged a robh muontir an t-saoghail gu mòr ni's miosa na esan, an atharraich sin a chūis, no an saoradh sin esan? An eual thu riamh mu Shodom agus mu Ghomorrah? an eual thu riamh m'an tuil a thug sgrios air an t-saoghal?

Tha thu ag ràdh nach 'eil Seumas idir co peacach 'a tha e am barail. Gu truagh, tha sinn uile ni s pe:caiche ann am fianuis Dhe uile-naomh—agus uile-f hiosrach no gu'm feudadh e amharc oirnn ach le dubh-ghràin. O cheartas Dhe, tha sinn uile toilltinn sgrios siorruidh—agus gu'n teagamh b'e so a thigeadh air-san, m'ar biodh an Tighearna Iosa Criod air éiric co luachmor a thoirt air ar son—le bàsachadh chum ceartas De a riarrachadh—agus réit a chosnadhl. 'Nuair chual an duine tinn iomra air ainm an t-Slanuigħear, ghlaodh

e mach le dì-dòchais, agus le guth buaireasach eagallach, Cha'n'eil an Slanuighear sin 'na Shlanuighear dhomhsa !

Bheil thu creidsinn ann arsa mise, le mòr iomaguin orm m'an f hreagairt a bheireadh e seachad? Tha, deir esan,—tha mi creidsinn ann an Dia—tha mi creidsinn ann an Iosa Criod; ach tha mi creidsinn mar na dearbhain, chum crioth-nachadh le h-oillt. An fhearr mi no a h-aon diubh, agus an e nach i 'n críoich a tha feitheamh orm?

Cha'n'eil e comasach innseadh an dòigh bhuaireasach air an do labhair e na briathran sin. Bha e dhol am muthadlı gu bràth a ghnà na bheachd. Bha neul tiugh agus dorch eadar e agus tròcair Dhe ann an Criod—cha bu léir dha e ach an corruiich. Cha robh deur air a shùil, cha d' thainig, do réir coslais, taiseachadh no maothachadh air a chridhe. Bha e mar dhuine a bha làn dearbhta na inn-tinn fein, nach robh dòchas aige ri àrach. Chuir so oillt orm, agus 's gann a bha fios agam ciod bu chòr dhomh a ràdh. Ma tha thu creidsinn, arsa mise, ann an Iosa Criod, 's eiginn duit a chreidsinn gu bheil e comasach chum tearnadh. Tha mi 'ga chreidsinn sin, ars' esan: agus deir mise, an e nach 'eil e comasach air thus' a shaoradh, co maith ri duin' eile? tha e da rìreadh uile-chumhachd—ach gu tearnadh; agus bu dìmeas air a ghràs agus air a ghloir a' smuainteachadh gu bheil a chumhachd neo-chomasach air a pheacach is mò air aghaidh an t-saoghal a thearnadh. Bha e 'na thosd car tamuill, ach mu dheireadh f hreagair e gu cabhagach. Tha e cumhachdach, ach cha 'n'eil e toileach.

O! tha, a deir mise, tha e co làn thoileach 's a tha e co comas-

ach. Tha focal De ag innseadh so dhuinn; tha e fein 'ga inaseadh dhuinn—*Thainig Iosa Criod a dh' ionnsuidh an t-saoghal chum peacaich a shaoradh—Thigibh a' m' ionnsuidh, sibhse uile a ta ri saothair, agus fo throm uallaich, agus bheir mi suaimhneas duibh—*  
*Iadsan a thig a' m' ionnsuidh, cha tilg mi air chor air bith a mach iad.* Ach leughaidh mi dhuit an cùigeabh caibdeil deug do rèir Luais, chum gu'm faic thu an sòlas a tha air neamh ri iompachadh aon pheacaich. A nall domh a bhean am Biobull, chum gu'n cluinneadh e co toileach 'sa tha Dia gu gabhail ris. Chuunaic mi gun do chuir so iomaguin oirre, ach thòisich i mar gu'm biodh i ga iarruidh. Thog an duine truagh a bha san leabaidh a cheann, agus thuirt e Dean suidhe a bhean, cha'n àm so gu ceilg no breug; cha 'n'eil, le'r cead, Biobull againn san tigh; agus ged a bhitheadh, cha deanadh gach rann deth ach mo dhiteadh. Chuir mise cùl ris a Bhiobull am shlainte, agus chuir Dia a Bhìobull a nis cùl rioms' air leabuidh mo bhàis.

Thug mi làmh air mo Bhiobull fein. O! ars' esan, na leigibh ris domh an leabhar sin, rinn mi dearmad agus tàir air, agus tha eadhon a nis uamhas orm fhaicinn; oir ciod a th' ann ach bìnn mo dhìdh?

Tha nithe ni's glormhoire na sin ann, a deir mise, oir is e'n leabhar so a mhàin a tha leigeadh ris duinn slighe na beatha mair-eannaich. Tha e da rìreadh a' dearbhadh dhuinn gur peacaich air fad sinn, ach tha e ga dheanamh so chum ar tarruing chum ar fìreantachd fein a thréigsim, agus an fìreantachd sin iarruidh a ta trid creidimh ann an Iosa Criod. Leugh mi'n sin da an Caibdeil a

dh' ainmich mi, ga mhìneachadh mar chaidh mi air m' aghart. Chuir mi fa chomhair gu sonruichte, sòlas nan aingeal ann an aithreachas a pheacaich. Thar-ruing mi a smuaintibh a dh' ionnsuidh caoimhneas an deagh bhuachaille chaidh air tòir na caorach a chailleadh, a fhuair i, mar bha esan an diugh, a' bàsachadh san fhàsach, a thog i, 'sa ghiùlain dhachaидh i le gairdeachas. Dh' aom mi gu sunraichtaire gu caomhalachd athair a mhic Stròghail, a mhòthaich dha am feadh a bha e fad as, agus a ruith da ionnsuidh le deothas anabarrach agus a ghabh ris gu càirdeil. Drùigheadh so, arsa mis', air do chridhe-se, agus bi lan chinnteach, gun amharus, agus gu'n teagamh, gu bheil Dia air a cheart àm so a feitheamh gu bhi gràsmhor; gu bheil e a' toirt fainear a cheud togradh a dhùisgeas suas ann ad chridhe gu maithreas fhaotainn, gu'n cuir e mach an Spiorad Naomh, ma ghuidheas tu e, a thoirt air agbaidh an deagh rùin sin, ga abuchadh chum aithreachais, agus gu bheil Criosd deonach eadar-ghuidhe dheanamh as do leith, chum éifeachd a thoirt do d' ùrnuibh, a' tagradh toillteannais fhlangais agus a bhàis as do leith.

Bha Seumas bochd na thosd: ach bha e soilleir nach robh sìth fhathast na intinn. Cha do chuir e suas, fhad 'sa b' fhios domh's e, aon ghuidhe ri nèamh, ni mò aon ghuth air son maithreas; cha do bhual e air 'uchd, mar rinn an cùs-mhaor, ag ràdh, A Dhe, dean tròcair ormsa, peacach! Gidheadh labhair mi ris fhathast le dòchas. Tha thu faicinn, arsa mise, gu bheil Dia co deonach 'sa tha e comasach air

gach neach a thig d'a ionnsuidh, trid Chriosd, a shaoradh, ge b'e air bith cò e. Ciod ma ta, a chumas tus' a mach? An iad do pheacaidean? "Pheacaich sinn uile, agus thainig sinn gearr air glòir Dhe. An e lionmhoireachd do pheacaidh a ta cur eagail ort? Ged robh iad dearg mar an sgàrlaid, nitear geal mar an sneachd iad. Glanaidh fuli Chriosd o gach peacadh."

Dh' fhan mi tamull beag a'm' thosd, a dh'fheuch an canadh e a bheag, ach cha do labhair e focal. Nam biodh e air iarruidh orm ùrnuigh a chur suas, bhiodh sòlas orm. Ach 's ni so, do reir cos-lais, nach robh na bheachd. Bu mhithich dhomhs', uime sin mo dhleasnas fein a dheanamh, agus so a chur na chuimhne. Nam b' urrainnear a thoirt gu ùrnuigh a dheanamh, smuaintich mi gu'm feudadh e beannachd an Tighearna fhathast fhiosrachadh. Bha làmh an crochadh thar an leabaidh, ghlac mi le dùrachd i, agus a' dùr-bheachdachadh air aodann, thuirt mi ris, leis gach bàigh agus caoimhneas a b'urrainn domh a chleachdadh, a Sheumais, aontaich leam ann an ùrnuigh. Leig dhomh air mo ghluinibh, tròcair an Tighearna Dia air sgàth Iosa Criosd, as-luchadh as do leith. O! dhuine ghaolaich, ars'esan, cha'n urrainn domh' ùrnuigh a dheanamh, cha do chleachd mi i, ach cha bhachd mi sibhse, m'as toil libh e. Is toil leams' e a deir mise, agus an Spiorad Naomh a shoirbheachadh leinn. An déigh dhomh crìoch-nachnadh, mhòthaich mi gun robh na deòir air a shùilean, 's gu dearbh bu fhasach a shil mi fein iad. Cha do labhair e focal, ach

dh' fhàisg e mo làmh, agus chuala mi aon osnadh. Slàn leat, arsa mis', an nochd. Dia bhi maille riut. Mas beo sinn chi thu moch am màireach mi. Dh' amhaire e am dhéigh, Dia, ars' esan, ga'r beannachadh—sa, agus nì e sin.

Dh' éirich mi ni bu luaithe na bu ghnà leam air an là am màireach, agus rinn mi airson tighe Sheumais, a' smuainteachadh ciod an doigh a b' fhearr dhomh a ghnàthachadh, agus ag iarruidh còmhnaidh an Spioraid chum mo sdiùradh. Rainig mi taobh na leapach, mhothaich mi gu'n robh e mòran ni bu laige o chunnaic mi roimh e; ach dh' oidheirpitch e suidhie suas le còmhnaidh a mhñà. Bha dù-ghruaim f'hathast air a mhaluidh, bha a shùilean luaineach neo-shuidhichte, agus cha do chuir e fàilt orm leis an f'huram sin ris an robh fiuthair agam. Tha eagal orm nach do chuir tha'n oidhche gu maith seachad. Cha do chuir gu dearbh, thuit esan. Tha sinn uile ann an làmhaibh Dhe, agus thig e dhuinn a bhi striochdta d'a thoil. Cha do labhair Seumas bochd focal. Nach mòr, arsa mis', an t-aobhar taing a tha agad gu bheil thu ann ad riaghailt fein, agus comas agad f'hathast maitheanas agus sith a ghuidhe m'an tilg thu 'n deò. An déigh ioma seanchas eile, tharruing mi a smuainte mu Righ Daibhidh, gràinealachd a pheacaidh san do thuit esan, agus an dùrachd anama leis an do ghuidh e tràcair o Dhia. Leugh mi dha li. Salm anns an do dhòirt an t-aithreachan rioghail so a mach a chridhe 'an làthair Dhe. Mar so, arsa mise, ghuidh e, agus dh' irislich Daibhidh e fein, agus o'n a bha e tréibh-dhireach, thug Dia maitheanas da; agus c'arson nach feud Dia bhi co tràcaireach dhuitse

air sgàth Chriosd. Le spàirn mhòir fhreagair e mi, bha Daibhidh, tha sibhs' ag ràdh, tréibh-dhireach, agus fhuair e ùine air so a dhearbhadh 'na chaithe-beatha, ach ùine cha'n'eil air a dheònachadh dhomhsa, theagamh nach 'eil uair an uaireadair a' feitheamh orm.

Theagamh nach 'eil, a deir mise, ach is aithne do Dhia smuainte do chridhe, agus treibh-dhireachd t-anama. Tha fhios aige-san co ac' a bhiodh no nach biodh na rùin a tha thu'n dràst ag àrach air an coimhead leat, agus air dha bhi fiosrach air so, gabhaidh e'n toil an àit' a ghniomha. Nach d'thug an Tighearn Iosa maitheanas do'n ghaduich' aithreachail air a chrann. Ann am measg dòruinn agus bàis, chreid esan, agus dh' earb e anns-an a bha dol gu bàs r'a thaobh. An Slanuighear a bha colach air a chridhe, chunnaic e a thréibh-dhireas, agus a chreidimh: ghabh e ris, agus labhair e na briathran sòlasach so ris, An diugh fein bithidh tu maille rium ann am phàras. Labhraidl so cha'n ann gu buanachadh ann am peacadh ach chum nach tuiteadh aon neach fo an-dòchas; agus gu'n tuigeadh iad nach 'eil e eacomasach maithcanas agus saorsadh f'haontainn am fad 's a tha'n deo sa cholainn. Mo thruaighe, a Mhinisteir ghaolaich, air an d'rinn mi ioma latha tair, feudaidh sin uile bhi fior, 's cha'n'eil teagamh agam nach 'eil; ach ged a bhiodh mo làitheans' air an sìneadh, ni nach 'eil a nis comasach, cò is urrainn innseadh nach bithinn co andàna, dalma, peacach 'sa bha mi riabhach: Co suarach mu Dhia, co taireril air an t-Slanuighear, co caoin-shuarach mu chumhachd an Spioraid. A' bheil e comasach,

ars' esan, gu'n gabhadh Dia ri m' leithid? Cha'n urrainn domh a smuainteachadh---Gidheadh ars' esan, 'se pasgadh a làmh air uchd, agus a' togail a ghuth le spàирn a bhàis, gidheadh O mo Dhia—Ann an so stad e, thainig reachd na mbuineal---thuit e thairis---Dh' f'hiàg mi e air an àm, le rùn pill-eadh 'an ùine ghoirid; ach m'an deach mi fad air m' aghaidh, fhuair mi fios gu'n d'thug e suas an deò.

B'e so toil an Tighearna! Cò dhiubh bha no nach robh e, an àm a bhàis, ann an sìth ri Dia, cha bhuin e dhuinn a ràdh. Aon ni a tha cinnteach, cha d' f'huair e bàs ann an sìth. Smuaintean uamhasach do'n mhiniesteir agus do gach aon a leughas an eachdruidh. Cò am ministear a tha murrach air a dhleasnas a dheanamh ri taobh leaba bàis an t-seòrsa so: agus cia uamhasach an ni do pheacaichibh Dia a bhrosnachadh churn a thròc-air chaomh a chleth uatha gus a mhionaid fa dheireadh? T. M'L. Campsic, 1830.

#### EACHDRUIDH NA H-ALBA.—

Fluair sinn iomad litir o ar càirdibh, a' comhairleachadh dhuinn o àm gu àm, cuid de eachdraidh na h-Alb' a thoirt seachad do ar luchd-dùthcha, anns an TEACHDAIRE GHAELOCII, anns an dòigh cheudna san tug sinn doibh Eachdriadh air bliadhma Thearlaich.

S' ann gu deimhin le mòr shòlas a dh' fheuchamaid ri so a 'dheananmh—Agus chum na crìche so gabhaidh sinn an earrann sin de dh' eachdraidh na dùthcha is mò is airidh bhi air a chumail air chuimhne, na aon earrann eile dhi. An t-àm sin anns an do sheas na daoine o'n d'thainig sinn, co duineil thréun as leith an creid-

imh, agus as leith sochairean Eaglais na h-Alba, a bha air an stéigh-eachadh san dùthaich o linn Iain Knox: an t-àm anns an d' fheuch Righrean Shasunn ris a Chreidimh Easpuigeach a shuidheachadh san tìr so, a dheoin no dh'aindeoin.

Cha'n eil e comasach labhairt m'an gheur-leamhuinn air Eaglais na h-Alba anns na linntibh sin gun uamhas--agus cha'n eil e comasach mothachadh do'n chruadal, do'n mhisнич—do'n dealas naomhlais an do sheas ar sinnseirean air son an sochairean spioradail—mar chuir iad bàs gu dùlan air sgàth an creidimh; gun ar taingealachd a dhùsgadh do Dhia a neartaich iad agus a thug fadheòidh buaidh dhoibh an aghaidh gach imleachd agus deuchainn. Tha sinn an diugh a' mealtuinn toradh an saothair anns na sochairibh lion-mhor prìseil a ta againn—Agus cha'n eil duine tuigseach aig a' bheil meas oirre -so, nach bi déigheil air eòlas f'haotainn air an dòigh anns an do chosnadh iad dhuinn.

An déigh bàs Ealasaid, Bannrigh ainmeil Shasunn, ghairmeadh Righ Seumas an VI. a suas à h-Albuinn, agus chrùnadhbh e na Righ thairis air Breataunn agus Eirinn, mar an t-oighre dligheach—Be'n Seumas so mac Banrigh Máiri, a chuireadh gu bàs le Ealasaid Shasuinn—ise bha na baana phàpanaich co euimhor, agus aig an robh gamhlas co mòr 'an aghaidh Iain Knox, agus an creidimh athleasaichte—Ach bha a mac, Righ Seumas, a cheud Righ air an do chàireadh crùin nan trì Rioghachdan, do'n chreidimh Easpuigeach—agus cha luaithe a fhuair e na chathair, anns a bhliadhna 1603 na chuir e roimhe an aon riaghalt Eaglais agus creidimh a shocrachadh seadh na Rioghachd gu lír.

Bha fuath anabarrach aig air Eaglais na h-Alba—agus gu h-àraidh air an ùrnuighean, a cionn nach robh iad ceangailte ri riaghailt sgiobhta, bha air an deachdadhbhoibh le Easpuig—agus leis a so gun robh comas aca nithe a ràdh nach robh air uairibh taitneach leis fein, agus le a chùirteiribh.—Chuir e roimhe, uime sin, cur as di mar Eaglais, agus Eaglais Easbuigeach a shocrachadh 'na h-àite—le ùrnuighean sgiobhta 'freagarrach d'a rùn agus d'a mhiann fein.

Trì bliadh'n an déigh dha crùnnan trì Rioghachdan fhaotainn, thòisich e air an ni so a bha codlù air a chridhe a churan gniomh.—Dh'ainmich e dà Easpuig dheng air son Albuinn, agus cha robh chridh a ràdh gu'm b'olc—sparr-adh sà phrìosan gach neach a dh' fhosgladh a bleul na aghaidh. Anns a bhliadhna 1617, thainig e fein do dh'Albuinn—ghnàthaich e gach innleachd' agus dìchioll a bha comasach chum Eaglais na h-Alba chur as, agus an creidimh Easbuigeach a chuir air bonn. Gheall e gach duais agus urram dhoibh-san a chuidicheadh leis—agus bhagair e bochduinn agus priosun an aghaidh gach neach nach géilleadh d'a thoil. Ghairm e air Ard Sheanadh Eaglais na h-Alba cruinneachadh ann am baile mòr Pheairt, anns a bhliadhna 1618. Mhaoidh e gu trom 'an aghaidh aon neach a dh' fhosgladh a bheul gu cur 'an aghaidh gach atharrachadh bha mhiann air a thoirt m' an cuairt—agus gheall e Easbuigean a dheanamh dhiùbhsan a dh' aontaicheadh leis anns gach ni a bha na bheachd. 'Se thainig as a so, gu'n d' fheirich mòran de dhaoine dileas, diadhaidh a bha gaolach mu Eaglais na h-Alba air

an ais, agus gun d'fhuair càirdean an Righ mòran d'an toil fein.

Cha robh iad uile deas air son an creidimh Easpuigeach a shocrachadh san tìr, is cha robh chridh aca Eaglais na h-Alba a thilgeadh bun os ceann a dh' aon bheum. Thòisich iad, uime sin, air an dara h-aon a shuidheachadh mean air mhean—agus air an aon eile a leagadh, clach an déigh cloiche.—Cho'-aontaich an t-Ard-Sheanadh ainmeil so gu nàrrach tàmailteach air cùig de phòngaibh a Chreidimh Shasunnaich, (a dh' ainmicheadh, *Cùig puing Pheairt*, o'n àm sin) agus an deanamh nam puing chreidimh Eaglais na h-Alba. B' iad na cùig puing sin,

I. Gu bheil e ceart an Comanach a ghabhail le daoine air an glùinibh—agus aig an altair.

II. Gu bheil e ceart a thoirt do mhuinntir euslan agus lag nan tighibh fein.

III. Gu bheil e freagarrach agus ceart Baisteadh a f'hrithealadh do leanabana ann an diomhaireachd, gun an toirt an làthair a cho-thionail.

IV. Co'-dhaingneachadh muinnitir òg. (Confirmation.)

V. Gu bheil e ceart agus freagarrach làithean féille a choimhead—mar tha latha Nollaig—a Chàisg—di-haoine na Ceusda...latha-cuingis...&c.

B'iad so Cùig puing Pheairt—agus dhaingnicheadh iad le Ard-chomhairle na Rioghachd 1621. Ach bha cuid de dhaoin' uaisle àrd san dùthaiich a sheas a mach gu duineil nan aghaidh, agus a thog an guth gu h-àrd a' di-moladh nan daoine tàireil, truaillidh a cho'-aontaich an gabhail mar phuing an creidimh. Nam measg so uile bha Sir Iain Hamilton, Triath Phrestoin—Chaidh Marcus

Hamilton a dh' fheuchainn am b' urrainn dà-san aomadh gu géill-eachdainn--ach dh'fhartluich e air. "Bheir mi dhuit, thuirt esan, mo chuid spréidhlé, mo chuid fearainn, agus eadhoin mo bheatha —gach ni a th' agam ris an t-saoghal, 's e do bheatha ga ionnsuidh; ach cha d' thoir mi oilbleum do m' Dhis le m' dheoin agus le 'm fhiosrachadh—cha mhò ni mi ifrinn ann am choguis fein air do shonsa, no air son na tha air uachdar an domhain gu leir."

Ach ged a fhuair an Righ agus na h-Easpuigean an fhad so air an aghaidh—theog Dia suas air an àm sin Ministeirean treun, dìllcas, diadhaidh ann an Eaglais na h-Alba, nach robh an aon àm air bith eile.— Daoine treun—eud-mhor, agus saoithreachail os ceann ni sam bi air a bheil sinne eolach.—Mar shoilleireachadh air so bha fear dhiubh Mr. Iain MacBhirnie an Aberaidhean, nach rachadh a mach o thigh fein air muin eich no coiseachd, gun dà Bhiobull a bhi air a chrios—am Biobull Eabhruidh-each agus am Biobull Beurla—gloine-ghaineamh leis an toimh-seadh e fad a shearmino. Cha bhiodh e mionaid leis fein gu'n bhi leughadh a Bhiobuill,—agus a'mareachd ann an cuideachd, b' àbhuisit da a bhi do ghnà a' shearmonachadh. Cha leigeadh na daoine maith so diòl-déirce seachad orra air rathad mòr an Righ gun fhoc-al feumail chum slaint' an anama a labhairt riu. Bha cuid diubh a chuir seachad an treas earrann d' an aimsir ann an ùrnuigh. Thachair do aon diubh so tuiteam latha aráidh bhàrr an eich, agus blris e a chos—rànig e'n t-àite gus an robh e a' dol—bha na daoine cruinn--shuidh e air cloich, agus a chas na dà leth—agus

shearmonaich e dhoibh mar nach biodh a bheag a' cur air—Thòisich an t-seirbhis san àm sin mu naoi uairean sa mhaduinn, agus buhanaich i gu dorcha nan tràth.—'An àm Comunaich bha e na ni cumanda leo bhi cruinn fad seachduin. Cha rachadh a h-aon diubh so suas do chrannaig a shearmonachadh gus an do chuir iad seachad mòran ùine ann an ùrnuigh, ag asluchadh còmlinadhl an Spioraid—Bha fear dhiubh air latha aráidh eadar dha shearmino, san tigh-sheiscin, ag ùrnuigh gu'n leanadh Dia le bheannachd na labhairt, agus na bha ri labhairt san fleasgar; agus thainig dithis de mhaitean na tire, aig an robh toil labhairt ris—chuir iad an Cléireach a stigh a dh' iarraidh air teachd a mach a chainnt riu. Chaidh an cléireach a stigh a rìs agus a rìs—ach cha tainig an ministeir a mach. Ciod a tha ga chumail a deir an t-uasal? Tha mi smuaineachadh, ars' an cléireach nach tig e'mach an diugh, oir tha mi 'ga chluinntinn ag asluchadh, agus a' guidhe air neach éiginn teachd maille ris—agus chuala mi e ag ràdh mar d'thigeadh am fear eile, ris an robh e labhairt maille ris nach d'thigeadh e mach idir; agus 'se ni is iongantaiche gu leir; cha'n fhaic mi duine san t-seomar ach e fein. Cha do thuig an cléireach gu'n robh am ministeir a labhairt ri Dia.

Bha duin' ainmeil dhiubh so'an Inbheràir, Mr. Welsh, agus chuir e seachad ochd uairean eadar là agus oidhche ann an ùrnuigh; agus is minic a chaith e an oidhche air fad san eaglais, gun duine leis, a' gleachd ri Dia ann an ùrnuigh. Cha robh déagh aig na daoine fiachail so air stòras no maoin shaoghalta—bha iad suarach mu bhochduinn. Fluair iad

na rinn feum dhoibh, agus cha robh tuille dhì orra—Bha gràdh, meas agus spéis aig muinntir na dùthcha orra so os ceann nì's urrainn domh a chur ann an cainnt. Cha robh aca so ach am focal a labhairt, agus dheanadh an sluagh mar a b' àill leo: ach 's éiginn a ràdh gun robh iad air uairibh eudmhor os cionn cuimse, agus ullamh air buntuinn ri nithibh ris nach robh gnothach aca.

So a chlèir a bha mhiann air Righ Seumas a chuir fodha; ach dh' f biosraich e nach robh so soirbh r'a dheanamh. Chaochail an Righ so anns a bhliadhna 1621. agus thainig a mhac, an ceud Tearlach na àite,—duine aig an robh naimhdeas agus gamhlas gun tomhas 'an aghaidh Eaglais na h-Alba, deich uairean ni bu mhò na bh'aig athair. Cha luithe chrùndadh e na thòisich e air a gheur-leanmbuinn an aghaidh saorsa creidimh a thug a bhàs fein m'an cuairt. 'Se a cheud ni a dhùisg fearg muinntir Albuinn 'na aghaidh, an deuchainn a thug e air an fhearrann a bha aig na h-Easpuidhean Pàpanach, agus an deachamh a bha aca m'an d'thainig an creidimh ath-leasaichte a stigh a thoirt air an ais o na h-uaislibh a fhuairead, agus an socrachadh ris na h-Easpuidhean ùra Sasunnach bha mhiann air a shuidheachadh. Chuir so eagal mòr air na h-uaislean, agus na Mòr'earan àrd a fhuaireartas Eaglais na Ròimhe, agus bha iad a nis ro leisg dealachadh ris;—b' f hearr leo a chlèir agus an Eaglais bhochd a bha aca, na an Eaglais Shasannach air tâille càll an fhearrann a fhuairead iad 'nuair thilgeadh Eaglais na Ròimhe bun os ceann. Tha aobhar a smuainteachadh gur e gaol an fhearrann a dhùisg mòrau diubh

an aghaidh a chreidimh Easpuidhean, agus nach e eud air son Eaglais na h-Alba—ach coma cò dhùibh—ghabh iad eagal, agus dh' éirich iad mar aon duine an aghaidh iarradas an Righ. Thainig Righ Tearlach a dh' Albuinn 1633.—shuidhich e'n seorsa deisc bha Chlèir ri chur umpa là na Sàbaid—bha so do réir cleachda Eaglais Shasunn. Chuir e an déigh sin a mach leabhar ùrnuigh, agus dh' àithn e nach robh ùrnuigh ri chur suas à crannraig an Albuinn, ach iad sin a bha air an deachdadh sanleabhar choitchionn ùrnuigh so le Easpuidhean Shasunn, agus bhagradh am peanas a b' àird an aghaidh gach aon nach gnàthraigheadh e. Chuireadh mar fhiachaibh air Ministeirean na h-Alba cuid diubh so a cheannach air son an sgìreachdan; agus dh' àithneadh töiseachadh air a leughadh air an 23 là de mhios deireannach an t-samhraidh 1636. Bha'n dùthaich a nis o thaobh gu taobh air dùsgadh, agus air an lionadh le bròn agus uamhas le fearg agus corruiich, leis na bha 'n Righ a' feuchainn r'a dheanamh. Chuir iad rompa bhi dileas d'a chéile, agus seasamh a mach gu bàs 'an aghaidh a Chreidimh Easpuidheach. Cha robh ann, am beachd nan daoine sin, ach creidimh na Ròimhe fo chleachda ùr.

Air an t-Sàbaid m'an robh an creidimh ùr ri töiseachadh, labhair Cléir Dhunéideann ris an t-sluagh, dh' innis iad mar bha chuis—gun robh leabhar coitchionn ùrnuigh Eaglais Shasunn ri bhi air a leughadh air an ath-là, gach aon ga cheannach, gu'm b'e so an lagh—toil an Righ agus reachd na dùthcha. Cha do leig an sluagh orra gu'n cual iad ni sam bith nach robh ceart agus taitneach. Sgaoil iad, agus cha

chualas focal 'an aghaidh a chreidimh ùir. Thainig an là a bha ri Eaglais na h-Alba a thilgeadh bun os ceann, agus a bha ri riaghailt ùr creidimh a shuidheachadh 'na h-àite. Dh' f hosgladh an Eaglais àrd 'an Duneideann, agus chaidh na h-Easpuids—na h-Ard-Easpuids, na Morairean-dearga, luchd-riaghlaidh a bhaile, mòran de uaislean àrd, agus de chùirteirean uaibhreach a suas a dh' amharc air an ni mhòr so, a bha nis mar shaoil leo air tachairt, mar bu mhiann leis an Righ. Bha Easpuid ùr Dhuneideann ri searmonachadh. An déigh do'n cheud ùrnuaigh bhi air a leughadh, chaidh pears' Eaglais (*Dean*) suas, agus thòisich e air an leabhar ùr do réir riaghailt nan Easpuids a leughadh. Thuige so bha'n sluagh sàmhach agus socrach—ach co luath 'sa chunnaic iad an leabhar air fhosgladh, ghrad dh' éirich iad, agus thog iad an aon ghlaodhaich bu bhas-bhualaiche, agus sgriachail eagallach, ionnas nach robh e comasach aon fhocal a thigeadh á beul a mhinisteir a chluinnitinn. Bu mhìathan a chuid bu liomhoire dhiubh so. Ghlaodh iad a mach — Mo thruaighe! Mo thruaighe! Albuinn bhochd! b'e so là na dunach a thainig 'na caramh. Tha iad a' toirt saobh-chràbhadh nam Pàpanach air ais oirnn—Chàin iad an duine truagh a bha sa chrannaig leis gach smàdadhbh agus droch ainm a b' urradh dhoibh. An déigh mòran de dh' àrd labhairt agus de bhagraidhean, dh' éirich sean bhean d'am b'ainm *Seonaid Ghedles*, agus thilg i ariamh, air an robh i 'na suidhe, le h-uile neart, air ceann a Mhìnisteir. Thilg càch am Bòbuill air, agus m'ar bitheadh e air crùban sios sa

chrannaig, chuireadh iad an t-eanchainn as,—ach! chaidh am *furm* agus an fhras Bhiobull thairis air. Thug an t-Easpuid a chrannag air a dh' f heuchainn am b'urrainn da-san an smachdachadh, ach 's ann an sin a ghabh iad bàinidh —cha robh ainm bu mheasa na chéile nach do ghlaodh iad ris. Theiring luchd-riaghlaidh a bhaile fa dheireadh, agus chuir iad an co-thional amach air dorus na h-Eaglais—ach ma chuir cha b'ann gun strigh, 's gun spàirn. Chaidh a Chléir Easpuideach an sin air an aghaidh leis an t-seirbhis, ach cha robh e comasach a chluinnitinn leis an fhuaim, a ghlaodhaich, an sgríachail, agus briste uinneagan a bha dol air aghaidh air an taobh a muigh.

Ach ma bha othail agus ùpraid a stigh san Eaglais, chaidh an sluagh air bàinidh air fad 'nuair a thainig na h-Easpuids agus an luchd-leanmuinn a mach. Leig iad orra leis na clachaibh, agus is ann air lòm-eigin a fhuair cuid diubh as le 'm beatha. Cha b' fhearr a bhuadhaich a chuis anns na h-Eaglaisibh eile—air chor 's gu'n deach an deuchainn gu buileach 'nan aghaidh—agus air an ath-shàbaid cha robh de mhini-stirean aca na dh' fheuch ris; agus b' eigin an t-sean riaghailt aoraidh a leantuinn. Mar so thachair e ann an Duneideann, is cha b' fhearr a shoirbhich leo anns gach cearn eile de'n dùth-aich. Bha muinntir na rioghachd mar aon duine 'nan aghaidh—ach cuid a bha chòmhnuidh 'an cearnaibh iomallaich; agus a bha suarach (mar bba mòran de mhuinntir na Gae'l-tachd, gu h-àraighe san taobh tuath) ciod an riaghailt aoraidh a bhiadh aca.

Leigeadh fios a dh' ionnsuidh

an Righ mar bha ; agus dh'asluich daoine mòr no dùthchla air leigeadh leo buanachadh sa chreidimh a bha aca fein agus aig na daoine o'n d'thainig iad. Ach bha corruiuch mhòr air an Righ air son an easurraim a thugadh do na h-Easpuidhean a shuidhicheadh san dùth-aich. Chuir e roimhe a dheoin no dh' aindeoin an creidimh Eas-puigeach a shocrachadh san tìr. Ghairm e iad 'nan ceannaircich an aghaidh an Righ, agus an aghaidh laghanna na rioghachd ; agus mar so thòisich an cogadh fuileach sin a thug an Righ e fein gu bàs, agus a tharruing car ùine co liugha olc, bochduinn agus truaighe air Albuinn ; ach air a cheann fa dheireadh a chrìochnaich le saorsa creidimh a thoirt dhuinne, agus le buaidh iomlan an aghaidh gach innleachd a chleachda chum Eaglais na h-Alb a chur as.

Anns an ath-Theachdaire leigidh sinn ris nàdur a choimhcheangail shòlaimte agus an naomh chùmhnhant a tharruing muinntir Albuinn suas air an àm so, ris an do sheas iad co duineil, threun ; agus o'n d' fhuair iadsan a bha cogadh 'an aghaidh nan Easpuidhean CUMHINANTAICH mar ainm.



#### *Mu Thaibhsean agus mu Bhuitseachd.*

THUIRT sinn san àireamh fa dheir-eadh, gu'n robh e' nar beachd oidbeirp air dearbhadh a thoirt seachad nach robh anns gach taibhs', buitseach, &c. a bha cur na h-uiread de uamhann agus de thriobluid air ar sinseara, ach nithe nach bu chòir dhuinn a chreidsinn.

O cheann seachd bliadhna bha

duine àraidh air a chlaoidh gu h-anabarrach le taibhs' eagallach, a bha tighinn d'a ionnsuidh ann an riochd boirionnaich. Cha luaithe leigeadh e a cheann air an adhart, na chitheadh e a bhéisd a' fosgladh dorus a sheòdmair, leis a cholg a b' oilteala. Cha robh feum a bhi riasunacha rithe, agus cha bu mhò oirre a spionaadh na cuileag ; leumadh i air a mhuin, agus bhruthadh i e, gus nach mòr nach biodh an deo dheireannach as. Dh' fheuch e gach dòigh air am b' urrainn da smuainteachadh, chum cosg a chur oirre ; ach's ann a rinn gach ni dhiubh sin ni bu mhios' i. Chuir e slatan caorainn os ceann na leapa, am Biobull fo'n chluasaig, agus le claidheamh dà i haobhair dh' àithn e do gach droch ni fuireach air falbh ; ach thainig i mar b' àbhaist di. Mar so, air a phianadh fad mìos, dh' earalaich caraid air dol a dh' iarraidh comhairl air Léigh a bha air a mheas na dhuine ladarna foghainteach, nach maitheadh leud na h-òirlich do'n taibhs' bu mhò a theich riamh roimh ghlaodh coilich. Rainig se e, agus leig e ris da a staid bhrònach. Thug an Lithiche dia cùngaidh-leighis àraidh ach thuirt e ris, gu'n robh e creid-sinn nan caitheadh e a bheatha gu stuama, a' gabhail suipeir eu-trom, ag éridh moch, agus a'dol a luidhe gu tràthail ; nach biodh feum air a chùngaidh-leighis. Rinn e mar dh' àithn e dha, agus cha'n f hac' is cha d' f hairich e an taibhs tuille.

Chunnaic Gill' òg a bha tighinn dachaidh o bhi air chèiliadh ann an tigh choimhearsnaich, solus mòr anns a chladh ; agus anns an dùil gu 'm fac' e ni eagallach, theich e leis a gheilt-chrith bu

mò a dh'ionnsuidh tigh a Mhaighstir-sgoile, a bha mu fhad urchair peileir uaithe. " Ciod so ! Ciod so ! Uilleam, ars' am Maighstir-sgoile, a bheil na bhòchdain a sin' ort, 'nuair a tha thu co bàn ?" 'Nuair bha mi teachd seachad air a chladh sin thall, thuirt Uilleam, chunnait mi solus eagallach ann ; tha mi cinnteach gur i taibhs' an duin' a tha tinn anns a bhail' ud shuas a th' ann. Falbh a null Uilleam, ars' am Maighstir-sgoile, dh'f heuch am faic mis' i. Thuirt Uilleam, théid mi gu mullach an tuim fa chombair, ach ni's fhaide cha d'théid mise, no neach air bith eil' a ghabhas mo chombairle. Coma, nùll ghabb am Maighstir-sgoile, agus aig an t-solus bha e ann an tiota. Thig a nall Uilleam, 's gu 'm faic thu do bhòchdan, ghlaodh e. A'glacadh misnich, o nach robh am fear eile a' gabhail eagail, chaidh e null, agus ciod a bha'n so ach meall mòr de theine sionnachain ann an stoc grod craoibhe. Sin agad do thaibhs Uilleam, ars' am Maighstir sgoile. Bheir rud no dhà a leithid so de sholus seachad. Bheir iasg seachad e; bheir feòil a bhitheas a' grodadh seachad e; bheir sùilean euid de dhaoine seachad e; agus bheir na h-uiread de bheathaichibh seachad e. Agus le sin nach feud thu a thuig-sinn nach 'eil tuille de bhòchdain anns na soluis sin a tha daoin' a faicinn, na tha anns a ghealbhan leis a bheil thu a' brucheadh a bhuntata.

Bha tuathanach coir aig an robh buaile mhor chruidh fo ionnaguin ghoirt, oir chuir e a mach air Bana-bhuitsich a bha 'sa choimhlearsnachd, agus a chionn gun do thilg té no dhà de'n chrodh

na laoigh. Bu bhoirionnach ana-barrach croesda agus aineolach a Bhana-bhuitseach so. Thuirt i ris an tuathanach, A chionn mar rinn thu orm, bheir mis ort nach bi laogh beo a'd chrò air latha Cuingis. Chaidh an crodh andolaidh, bha iad a'tilge nan laoghl, agus cha robh bainne aca. Thuit uamhunn air agus dh'fheòraich e do gach caraid, Ciod a ni mi? Ni, arsa fear bu tapaidh na chéile —ni, an àite an rud gun bhrigh leis a bheil tha gan reangadh, am buaidheal a lìonadh le feur maith fallain, frògan balladh a bhà-thigh a lìonadh le còinnich, an cur a mach agus a stigh gun chù gu'n għadbar, agus deagh leaba bhilath thioram a chumail fòdhpa. Dean mar so agus feudaidh tu dùlan a thoirt do'n Bhuitsich. Agus mar thubhairt b'fhìor. Cha robh crodh no laoigh san sgìreachd uile a b'fhearr na iad air a Chuingis.

Chaidh duine dona roimhe so a bha 'n rùn nam biodag do dh'fhear eile a cluir eagal air ann an coille a bha aige ri dol troimpe air oidhche'āraidh. Chuir e lùireach-mhòr bhàn air, agus sheas e air meadhon an rathaid. 'Nuair a a bha'm fear eil' a' dlùthachadh d'a ionnsuidh, rinn e an aon fhead bu chruaidhe a chual' e riabh ; agus an uair a għlaodh am fear eile le h-uamhunn, Ni maith eadar mis' agus tu ! leig am béisd an dairearach ud á daig a bh'aige 'na láimh agus leum e as an t-sealladh air cùl pris. Shaoil an duine-truagh gu'm b'e'n droch-spiorad a bh'ann, agus gu'n d'fhalbh e 'na lasair theine. Chaidh e dhachaidh, agus chuin e a leaba rè fich-ead là.

Dh' éirich do'n spréidh mar thachair do'n t-sluagh, tha cuid diubh ni's buailliche do ghalar

na cui'd eile; agus o shean cha robh e neo-bhitheant' a' tachairt gu'n rachadh gach earchall a bha 'g éiridh dhoibh (cò dhiùbh bha e 'teachd o nádur an fhearrainn, o dhroch bluachaillieachd, no o neo-fhallaineachd na spréidhe) a chuir as leth nam buidsichean.

Cha bhi sinn a' lionadh an Teachdaire luachmhoir le tuille de na nithe so; ach m'an co-dhuin sinn, dh' fheuchamaid do 'n neach a tha toirt creideas do 'n fhaoineachd m'an robh sinn a' labhairt, cia mar tha e comasach gu'm b' urrainn duits' a chreutair thruaigh, a tha aineolach, gu h-inbhe bhig, air gach ni ach air crosdachd agus droch-nádur? Cia mar, tha mi ag ràdh,

a b'urrainn duitse cur an aghaidh Dhe?—An aghaidh an Ti sin a tha uile-chumhachdach, agus uile-léirsinneach?—An aghaidh an Ti sin a tha riaghlaigh talamh agus nèamh, agus gach ni a tha anna?—Cia mar, tha mi ag ràdh, a b' urrainn duitse le d' ghisreagaibh leibideach bochd a chuir air an laimh sin a chuir an deò anns gach créutair, agus a tha 'g an cumail suas? Nach 'eil thu a' faicinn an tair a tha thu a' deanamh air Dia. Thoir cliùd'a ainm nach 'eil thu chean anns an àite sin anns a' bheil gul agus giogsan fhiacall, O! nach robh daoine glic. Tha am bàs aig làimh.

LETH-GHAEL'

#### AN GAISGEACH.

Seid, seidibh a ghall-tromp gu tartarach àrd,  
Biodh 'nr claidheamh a dealradh mu'n cuairt;  
Tha Saorsuinn a' gairm air na laoich chum a bhlàir,  
Na clisgeadh Clann-Albuinn ro 'n fhuaim.

Biodh ciocras na spùille na rùn aig a nàmh!  
Biodh an tràill fhein na threun airson òir!  
An ceannchar le airgiod calmachd na'n sonn?  
Cha 'n ann air ni suarach tha 'n tòir.

Cha 'n ann,—biodh 'ur gairdein co saor ris a ghaoith,  
Biodh onair na h-iùil dhuinn 's gach àit,  
'S i onair an spionnadhbh tha 'n gairdein an t-saoi  
'S i 's faobhar da chlaidheamh sa bhlàr,

Bi iomhaigh na 'n dilsean tha fillte na'n cridh,  
Mar sholus, 's an tìr dhuinn 's gach àit;  
Air an son gheibh sinn buaidh—mar fhaigh-gheibh sinn uaigh,  
'S le 'm pòg, na le'n deòir, bi sinn pàight.

Ma se 'us gu 'm pill sinn a rithist le buaidh;  
Na ma's naigh dhuinn ionad ur dàimh;

O ! 's oirdheirc ar duais, agus ainmeil ar luaiddh  
Sinn beannaitch' le 'sluagh ar gràidh !

Ead. le EILEANACH.

### MU'N CHRUINNE.

Tha aghaidh a chruinne anabarrach eugsamhuil 'na dhreach. Annan cuid de dh'aiteachan, chithear e ag éiridh an àird 'na mhill chnocach a shaoileadh tu a bhi ruigisinn seach na neòil. Ann an ionadan eile, tha e air a shìneadh amach 'na chòmhnrannan cian-farsuing, far am bheil am fradharc air a chall ann am beachd gun chrích. Ann an àite, chithear e a' dol fodha 'na shluic ghleannach, dhomhainn, dhorcha; agus ann an àit' eile ag éiridh 'na stalcan dirreach, stùchdach, corrach. An sud, chi thu e 'na stiallan cama, cuan-chrioslaichte, agus an so, na chòmhnrannan lunnach sàile.

Tha na cnoic a'ruith 'nan dromanan fada, corr uair ri slios na fairge, agus uair eile 'gan sìneadh féin mar ghàradh-crìche eadar dà dhùthraig, no eadar dà earrann de'n aon dùthraig; agus, air uairean, gheibh thu beinn mhòr àrd air a suidheachadh leatha féin.

Tha iochdar na mara 'na shluic agus 'na chnuic mar a ta uachdar na tire; agus tha cuid de ghliocairean ann, a ta 'sa bheachd, nach 'eil anns na h-eileanan a gheibhear sgaoilte 's gach àite air aghaidh a chuin, ach mullaichean chnoc a bha roimhe so fo'n fhairge.

Anns na dùchanan tarlearach tha mòran de na beanntan a ta air an suidheachadh air leth, mar is trice a' brùchdadh amach toit agus teine, luatha 'us clachan; agus, aig àmanan, spùtaidh iad anuas amhnaichean dian-scalldach

de mhiotailtean leaghta, leis an tric leir sgrios agus dimilleadh a thoirt air daoine, air bailtean, air àiteach, agus air gach uile nì eile a thachaireas orra 'nan siubhal dearg loisgeach, millteach.

Tha dealachadh mòr eadar àirde nan cnoc ann an caochladh earran de'n t-saoghal. 'Si a bheinn a's àird' ann am Breatuinn, Beinn Nibheis, ann an Siòrramachd Inbhernis, agus cha'n-eil i ach beagan 'us ceithir cheud deug slat, o chòmhnrannan na mara gu a mullach. 'Si a bheinn a's àirde 's an Roinn Eòrpa, a Bheinn Bhàn, a measg nan Ailpean, air chùl na h-Eadailt, agus tha i corr 'us còig mìle slat air àirde. Tha beinn Chimboràs, ann an America deas, còrr mòr agus sèa mile slat air àirde, agus, ged a tha i air a suidheachadh fo shir-dhian-theas na gréine, tha a mullach air a chòmhndach le sneachda bith-bhuan. Ach tha beanntan ann am meadhoin na h-Aisidhe a thug bàrr orra so gu léir; chionn chaidh cuid diuhb a thomhas anns am bheil còrr agus ochd mile slat air àirde.

Ach, their thu rium, "Ma tha a leithid sin de shluic 's de chnuic air aghaidh a chruinne, cia mar a dh' fhaodar a ràdh gu bheil e cruinn, réidh còmhnrann?" Féum-ar aideachadh, nach eil e furasda do'n intinn dol an aghaidh teist-eas nan sùl, agus nach iognadh thu a cheist sin a chur, 's gu bheil thu féin a' faicinn nach eil aghaidh na codach sin de'n talamh air am

bheil thu féin mion-eolach, aon chuid còmhnard. no réidh. Ach, an uair a bhréthnicheas tu air *mèudachd* a chruinne, agus a ni thu a mhèudachd a ta anns a bheinn a's àirde air thalamh a *choimeas ris* sin, gheibh thu gu soilleir amach, le fior bheag cùnnatais, nach àirde tha bheinn sin aig éiridh os ceann uachdar a chruinne, na an àirde a dh' éireas gràinean de ghaímhich mhìn os ceann còmhnard peileir canoin, ann an coimeas ris a pheileir f'héin; agus uime sin, gur gann is fliach e na cnuic agus na glinn a mheas, gus a leithid sin de chunnail a thogail. A bharrachd, na'm biodh tusa air do thogail suas cho àrd anns an athar 's gu'm faigheadh tu leth-chopan a chruinne gu h-iomlan fo d' amharc, cha'n fhaiceadh tu neo-ionanachd no garbhlich sam bith air aodunn cuairt a chopain sin, ach, a dh' aindeoín nan tulach 's nan sloc a ta da rìreabh ann, 's ann a chitheadh tu e cho réidh, còmhnard, ri cùl no ri dearna do làimhe. Uime sin, cha'n eil na mill agus na glinn a tha air uachdar a chruinne a' bacadh dhuinn a ràdh gu bheil e cruinn, na's mò na tha na meallain agus na tolgain a tha mu thimchioll copan cnòg-aig, a' bacadh dhuinn a ràdh gu bheil a chnògag cruinn.

A. B. R.

---

agus gu h-eagallach. Shaoileadh neach gu'n robh na dùilean uile dol thar riaghait, agus air éiridh suas ann an ceannairc. Bha gaoth agus uisce, clach-mheallain agus dealanach, mar gu'm b'ann a strìgh ri chéile air son uachdranachd.

O ! cia taingeil bu chòir do gach aon a bhi, (smuaintich mi agam fein) aig a' bheil fasgadh an tighe os a cheann, agus blàths an teine na thaic, ri leithid na h-oidhche so. Is cinnteach mi gur iomad fear a tha'n nochd gu h-ànnrach air druim a chuain, gu fliuch fuar air bàrr croinn, no air ceann slaithe, a neart agus a chàil air an caithe le faire agus trom shaothair, dh' fhaoide 'g amharc a bhàis anns an aodann, agus a' feitheamh na h-uair anns am bi e air a shlugadh suas : cia toileach a bheireadh iad seachad an cuid de'n t-saoghal air son fasgadh na craige, no leud na cois' air tir ! 'S iomad aon a bha air a mhaduinn ma dheireadh gu h-ealamh, misneachail, fearail, a bhios na luidhe gun chlì ann an iochdar nan uisgeachan m'an dealraich an ath-mhaduinn ; agus nach fàiltich caraid no luchd-dàimh gu tir n's mò ! Ciod am fios a th' agam nach 'eil cuid de m' cho-chreutairean a nis fein ann am dhlù choimhbearsnachd, a tha air an iomain gu luath le ainneart cuain gu cladach coigreach, far am bi an long ris a' bheil am beatha an earbsa, ged bu làidire i n'an t-iaran, air a pronnadh na ceud mìle bloigh, cheart cho luath 'sa bhuaileas i a charraig bhàsmhor sin, m'an gann a bhithreas ùin' aig na daoine truaghà gairm air Dia E ghabhail ann an tròcair ri'n anam—Chum na smuainte so mi gun tàmh earrann mhòr de'n oidlache.

Ach o na dhealraich solus an là, bha'n doininn gharg uidh air'n

*Sgeula mu Stoirm ghàbhaidh ann an Tiridhe.*

Air feasgar o cheann ghoirid, thachair dhomh cuairt a ghabhail sios gu stachd craige ri cois na fairge, nach robh mòran astair o m' àite còmhnuidh.

Rè na h-oidhche roiuhe so bha 'n doininn a' séideadh gu garbh,

uidh a' strìochdad, bha'n cuan ann an tomhas mòr air sioladh, bha ghaoth air tuiteam na codal; agus a nis's gann a bha deò air aghaidh na mara, ged a bha f' hathast na tonnan mòra maola gorma a' nuallanaich, agus a' bualadh gu tìr le guth tairneanaich.

Shuidh mi sios greis air a chreig, mar is minic a rinn mi 'nuair bu mhiann leam còmhراadh diomhair a bhi agam ri m' chridhe fein. 'S éiginn domh aideachadh gun robh tomhas de thlachd agam riamb' na leithid so de shealladh: tha e gu'n teagamh uamhunnach, ach tha seòrsa de riachadh na chuid-eachd nach 'eil furasd a chur an céill; oir's i mo bharail nach urrainn neach sam bith beachdachadh air a chuan f'harsuing mhòr, 'nuair tha e'g éirdh suas mar so 'na mhòrachd, air àt na bheanntaibh glas uisge, agus a'tuiteam na gheleannaibh dorcha domhain, àrd-tonn gun tòmh aig iomain tuinne, an talamh daingeann fein air chrith fo neart am buillibh, iadsan gan sloistreadh 's gan riasladh ri aghaidh nan creag; agus 'an sin a' falbh nan smùid ghil anns na speuraibh. Tha mi 'g ràdh gur gann is urrainn neach sam bith, anns a' bheil tuigs' agus mothachadh, so a thoirt fainear, gun 'inntinn a bhi air a lònadh le smuaintibh sđolda suidhichte, agus a chridhe bhi air a thogail suas a dh' ionnsuidh na Ti Uile-chumhachdaich sin a chomharaich a mach croiochan a chuain, agus a thuirt ris na tonnan uaibhreach, "An f' had so thig sibh, 's cha d'thig ni's faide."

Ard onfha cuain is fairge mhòir,  
'S tu chuireas iad fo reachd;  
A tonnan àrd 'n trà dh' eireas suas,  
Caisgidh tu iad le smachd. Salm 89

A chuain mhòir, thuirt mi ri m' inntinn fein, cia treun agus

uamhasacb an nàmhaid thusa, 'nuair tha thu fo bhuaireas. Cia faoin agus neo-ni'each a tha neart uile shluagh an t-saoghail gu d'chosg, 'nuair tha thu 'g éiridh suas ann ad chorruich? Cia mealltach cealgach thu 'nuair tha thu codal ann an sìth? Cia minic tha iadsan a'rnith gu sgrios, a tha càramh an earbs' annad 'nuair tha fiamh ghàir air do ghnùis? Nach sambladh so air anam an duine?

Nach maiseach agus oirdheirc na ceudfaidhean a bhullicheadh air an uair tha iad fo uachdranachd riasuin agus creidimh; 'nuair tha gach togradh mi-bheusach fo smachd, agus sinn a'dol air ar 'n aghaidh gu socrach réidh ann an slighe ar dleasdanais, mar gu'm b'ann le gaoth chiùin tlà 'nar déigh? Ach O! cionnas a tha'n sealladh air atharrachadh, agus air teachd fo smal, 'nuair tha neòil thiugha dhorcha a pheacaidh a' dòrtadh a nuas m'an cuairt oirnn; 'nuair tha ana-mianna do-cheannsuichte, mar an doinonn, g'ar luasgadh, 's g' ar n-iomain gu tìr, gus a' bheil sinn fa dheireadh a' deanamh long-bhristeadh air ar creidimh agus deadh choguis?

O! gu'n deònaicheadh an Ti sin, aig a' bheil cridheachan dhaoine na làimh, agus is urrainn an aomadh mar is àill leis; gun deònaicheadh e fein duinn a ghràs agus a chuideachadh chum gach togradh mi-naomha thoirt fo cheannsal; gun d' thugadh e dhuinn mothachadh iomchuidh air ar n-anmbuinneachd fein, agus air an fheum a th' againn air a chòmhnhadh. Gu'n robh Esan againn 'na sholus agus 'na fhear-iùil rè ar turais sgìth tre'n bheatha so, gus an ruig sinn fadheòidh, trid feartanar Slanuighir bheann-aichte, an Cala sona sin, far an sealbhaich sinn fois agus suaimh-

neas, far nach buail a ghrian sinn san là, no a ghealach san oidhche, far nach cruinnich neoil an uilc, agus nach urrainn an iomghaoth no an doinonn a chaoidh teachd am fagus.

Bha mi pilleadh dhachaidh anns a chruith innntinn so mu dhorcha nan trà, 'nuair a thachair duine còir orm air an rathad. Shuidh sinn am fasgadh craige car tamuill; agus m'as beo mi leigidh mi ris duibh cuid de'n t-seanchas san ath *Theachdaire*.

N. M'L.

---

### *Sgeula beag fìrinneach mu Eanraic VIII. Righ Shasunn.*

Mar bha an Righ ainmeil so a' sealg am frith *Windsor*, anns an robh feidh gu lionmhor san àm sin, chaidh e d'a dheoin, mar gu'm b' ann, air seachran; —dh' f hâg e càch—agus ghabh e sios gu *Abaid* àraidih a bha sa choimhearsnachd. —Cha do leig e air cò e—Chaidh e stigh an làthair an Aba, agus f huair e cuireadh chum a dhinn-eir a ghabhail maille ris. 'Se so a bha'm beachd an Righ. Chuir-eadh feòil ròsta fa chomhair, agus ghrad thòisich an Righ, agus ma thòisich h-eap nach sguireadh e—Gu meal thu do shlàinte, ars' an t-Aba, cha'n f haca mi ri taobh bùird fhathast na rachadh os do cheann—So dhuit gloin' de'n f hòn is fearr a tha agam a

chur sìos na feola—So deoch slaint' an Righ—B' fhearr leam, ars' an t-Aba, na ceud bonn òir gun robh sannt bìdh orn mar tha ort—is gann a dh' itheas mi sgiath eireige—Dh' òl an Righ gu cridheil air an Aba—agus dh f hâg se e—gun an t-Aba dh' f haotainn a mach cò bha aige. Seachduin no dhà na dhéigh so, thainig Maor-Righ—agus deanar priosanach de'n Aba, agus sparrar ann an tùr Lunnuinn e, gun f hios car son—cha d'f huair e ach aran agus uisge—bha uamhas air, agus cha b'urra dha a thuigsinn ciod a thug so na charamh—Ach latha de na làithean sgaoileadh bòrd riomhach ma choinneamh—le an-art ùr geal—agus cuirear feòil ròisde fa chomhair, co blasda 'sa chaidh riamh air bòrd. Shuidh an t-Aba—thòisich e air an fheòil, agus ma thòisich h-eab nach sguireadh e—ghrad f hosgladh an dorus, agus a stigh ghabh an Righ. —Pàigh air ball do cheud bonn òir, ars' esan, mar gheall thu do dhuin' a bheireadh dhuit sannt bìdh mar chunnaic thu agamsa. As a so cha téid thu gus an diol thu a pheighinn fa dbeireadh dheth; Leighis mis thu, bha do ghoile agad an diugh ma bha e aig duine riamh. Dhomh mo dhuais. Dh'fosgail an t-Aba a sporan, dhòl e do'n Righ an ceud bonn òir, làn toilicht' am priosun fhàgail; ged bha a sporan ni b-eatruime, bha a thogradh gu ithe ni b' f hearr.

---

### MACRUIMEIN;

*No, Cumhadh an Fhògarraieh.*

Bratach-bhuadhail Mhicleoid o'n tùr mhòr a' lasadh,

'S luchd iomraidh nan ràmh greasadhbhàrc thair ghlas-chuan;

Bogh, sgiath, 's claidheamh mòr, 's tuagh gu leòn, airm nam fleasgach,

'S Macruimein cluidh cuairt—" Soraidh-bhuan le Dunbheagain."

Slan leis gach creig àrd, ris 'm bheil gàirich àrd-thonnan—  
 Slan leis gach gleann fàs san dean cràichd-dhaimh an langan—  
 Eilein Sciathnaich àidh! slan le d' bheanntaibh 's guirm fireach ;  
 Tillidh dh' fhaoide Macleoid—ach cha bheo Macruimein.

Soraidh-bhuan do 'n gheal-cheo tha còmhda-chadh Cuillein !  
 Slan leis gach blàth shuil th'air an Dùn, 's iad ag tuireadh !  
 Soraidh-bhuan do 'n luch-ciuil 's tric chuir sund orm a's tioma !  
 Sheol Macruimein thar sàil 's gu bràth cha phill tuilleadh.

Nuallan allt' na Piob-mhòdir, cluich marbh-rann an fhilidh,  
 Agus dearbh bhrat a bhàis mar fhalluing aig uime;  
 Ach cha mheataich mo chridhe, 's cha ragaich mo chuislean,  
 Ged dh' fhalbham le m' dheoin—'s fios nach till mi chaoidh tuilleadh !

'S tric a chluinnear fuaim bhinn caoidh thiom-chridhe Mhicruimein,  
 'N uair bhios Gaidheil a' falbh thair an f hairge 'ga'n iomain ;  
 O chaomh thir ar gràidh ! o do thràigh 's rag ar 'n imeachd,  
 Och cha till—cha till—och cha till sinn tuilleadh !

---

### MO PHEIGI'S RIBHINN OG I.

**Mo Phelgl** 's ribhinn òg i  
 Air teachd gu bliadhnaibh deug,  
 Co geal 's an là, co ciùin 's am Mèagh,  
 Co geal 's an là, 's i ghna' ro thlà.  
**Mo Pheigi** 's ribhinn òg i,  
 'S mi fein cha 'n 'eil ro aosd' ;  
 Bu mhiannach leamsa tachairt rith'  
 Aig àiridh a chruidh laoigh.

**Mo Pheigi** labhras caoimhneil,  
 'N uair tharlas sinn leinn fein,  
 S ni 'n iarram còir ach ise mar stòr,  
 Ni 'n iarram còir air corain òir.  
**Mo Pheigi** labhras caoimhneil,  
 'S do chàch ni 'n d'thoir mi gaol ;  
 Ri gnìùs-sa ni mo chridh' luath-ghair  
 Aig àiridh a' chruidh laoigh.

**Mo Pheigi** ghaireas cairdeil  
 'N uair labhram rith' mu ghaol,  
 Gu sealuinn fo 'm air lùchairt mhòr,  
 Gu sealuinn fo 'm air còrain oir.

**Mo Pheigi** ghàireas cairdeil,  
 Ni sud mi lan do ghaol ;  
 Ach ni sam bith bheil leam co ait  
 Ri m' Pheigi 's a crodh laoigh.

Seinnidh m' òigh' ni's misle  
 Na Phiob, 'n uair ghlacam fein ;  
 'S le càch gu leir sior-aidicht' leo,  
 Le càch gu leir 'si 's blasda ceol.  
**Mo Pheigi** sheinneas siobhailt,  
 'S na ceol' bheir i dhomh sgeul,  
 Air neo-chiontachd ar giulain fòs  
 Aig mainnir 's crò' na spreidh.

---

*Sgeula beag eile mu Righ Ean-raic VIII.*

Bha'n Righ ro dheonach air a Cléir, a bh' ann r'a linn, a chumail fodha, agus na dh' fheudadh e a

spíonadh uatha, air an leithsgeul a b' fhaoine; air uairibh gun leithsgeul idir. Chuireadh e fios d'an ionnsuidh, an t-suim so, no an t-suim ud eile, de dh' òr a thoirt da, no gu'm fuilingeadh iad a dbiumb —agus cha robh chridh ac' a dhiúltadh. Chual' e gun robh anabharra beartais aig Aba *Ghlaistinburi*—Chuir e fios air a chainnt ris—agus dh'innis e dha mar fuasgladh, e tri ceistean a chuireadh e air gu'n d'thugadh e an Abaideachd air falbh uaithe, cha'n e sin a mhàin, ach gu'n cuireadh e gu bàs e. Oir bu chòir do'n Chléir, a deir esan, a bhi tuigseach agus comasach air gach ceist fhuasgladh. Gheall an t-Aba a dhìcheall a dheanamh: Cluinneam iad, ars' esan, agus oidheirpichidh mi am fuasgladh.

I. Ciod e an t-astar mu chuairt an-t-saoghal?

II. Ciod e doimhneachd a Chuain?

III. Ciod a ta'n Righ a'smuainteachadh? Sin agad na tri Ceistean—gabh dhachaidh, agus gabh seachduin a chuimhneachadh orra.

Chaidh an t-Aba bochd dhachaidh gu dubhlach deurach, agus cha bu nàr dha; chaill e a mhisneach,—thug e céill, agus luidh e 'no leabuidh, gun a dhùil ri éiridh—Dh' innis e mar bha chùis do Chòcaire mòr reamhar a bh' aige, a bha ro choslach ris fein 'na chumadh agus 'na dlreach. Bha'n Còcaire soanabarrach deas-chainn-teach, geur-thugseach. Leig dhòmh's, ars' esan, an Righ a thoirt orm, agus feuchaidh mi ciod is urrainn domh a ràdh. Chuir e uime aodach an Aba, a ghruag, a chasag, agus a chleochd; agus bha e co coltach ris 's nach do chuir an Righ umhaill nach b'e'n t-Aba bha na làthair.

Ciod, ars' an Righ, an t-astar a

tha mu chuairt an t-saoghal? Tha astar cheithir-uaire-fichead, ars' am fear eile, agus nan coisicheadh neach sam bith co luath ris a' ghréin, dheanadh e an t-astar san àm sin gu furasda—Is maith a fhreagair thu, a deir an Righ—Ach ciode doimhneachd a chuain? Tha mar fhad urchair cloiche, ars' an Còcaire; oir tilg clach a mach san ait' is doimhne sa chuan, agus ruigidh i an grinneal uair-eiginn. 'S maith a fhreagair thu, ars' an Righ; ach fuasgail an treas ceist, agus is leat do shaorsadh. Sin, ars' esan, le'r cead a cheist is fhus' a fhreagairt air fad—ged a tha sibh am barail gur i is duileadhl. Bha sibh a' smuainteachadh gur mise Aba mòr *Ghlaistinburi*, ach an àite sin, cha'n'cil annam ach Iain Glas an Còcaire.

Rinn an Righ glag mòr gàire—agus chaidh an Còcaire dhachaidh le aighear.

---

#### AN SAGART TURCACH.

Bha sagart Turcach air a thurus tre f'hásach Arabia, agus latha de na làithean choinnich e dà Mharsonda. "Chaill sibh *Càmh-al*, ars' esan ris na marsondaibh." Chaill gun teagamh ars' iadsan. Nach robh e càm ars' an sagart? agus nach robh fiacail, bheoil a dhì air? Nach robh ceum crùbaich ann? Tha thu ceart, a deir iadsan, bha chùis dìreach mar tha thu 'g ràdh. Agus ars' an Sagart, nach robh mil san dara cliabh a bha air a dhruim, agus cruithneachd sa chliabh eile? Tha thu gle cheart, a deir na marsondan; agus o'n a tha thu co fiosrach eolach mu gach ni a thachair, innis duinn c'ait a' bheil an *Càmh-al* a chaidh air seachran

oirnn?—tha sinn sa cheart àm air a thòir, treòraich sinn d'a ionn-suidh.

An cluinn sibh mi, deir an Sagart, cha'n fhaca mi riamh an Càmhla a chaill sibh—agus cha mhò a chuala mi gu'n do chaill sibh e, gus an do thachair sinn air a cheart àm so.

Na labhair mar sin, a deir na Marsordan cha'n amadaidh sinne—Cia mar a dh' innse tu a chùis co pongail dhuinn mar bitheadh tu air fhaicinn no air fhiosrachadh air dhoigh éiginn?

So, So—a charaid, tog de d'fhealadhà, agus innis air ball c' àit a' bheil an t-òr's an t-airgiot a bha air a Chàmhla, co maith ris a mhil, agus ris a chruithneachd. Cha'n fhaca mi, deir esan, an Càmhla riamh, ni mò a chunnaic na laimhsich mi ur n-òr no ur n-airgiot. Las corruiich nam marsordan—ghlac iad an Sagart, agus thug iad air amhaich e chum Breitheamh a bha sa cheud bhaile mòr a ràinig iad. Dh' innis iad mar bha chùis—Ciod a tha agad ri ràdh, deir am Breitheamh? Aidich an fhìrinn, no's éiginn dòmhaisa do chuir sa phriosun. Rannsaicheadh e—ach cha robh bonn òir air a shiubhal, is cha mhò bha dearbhadh sam bi aca 'na aghaidh. Cha robh fios aig a

Bhreitheamhl ciod bu chòir dha a dhèanamh. Smaintich iad gur fiosach' a bha ann—agus bha iad a' dol a dheanamh droch laimh-seachadh air—Air ur socair, a deir an Sagart, na biodh an t-anabarra cabhaig oirbh—eisdibh mo sgeula—cha'n iongantach leam ge d'robh sibh amharusach umam, ach soilleirichidh mis' a chùis duibh—Tha mise gu tric a' siubhal roimh fhasach Arabia, agus is àbhaisd domh beachd a ghabhail air gach ni a chi mi—Thuig mi gun deachaidh Càmhail seachad tre'n fhàsach, oir chunnaic mi a lorg sa ghaineamh. Thuig mi gun robh e air seachran, oir cha robh lorg duine ri fhaicinn 'na dhéigh: Thuig mi gu'n robh an t-ainmhidh càm, oir dh' ith e o gach toman feoir a bha air an dara taobh de'n rathad, ach cha d'thug e greim bhàrr na taobh eile. Thuig mi gun robh aon de na fiaclan toisich (no beòil) as, oir anns gach làn beòil a dh' ith e bha bad beag air fhàgail, air nach do ghemich e le di na fiacaill. Thuig mi gun robh mil san dara cliabh, agus cruithneachd sa' chliabh eile; oir bha na seangain gu lionmhòr an tòir air gach spilgein a thuit deth—agus bha na cuileagan gu dlù a' deoghal gach braon meal' a thuit o'n chliabh eile.

### NAIGHEACHDAN.

Cha'n'eil mòran naidheachdan againn. Tha Diùchd Wellington, agus a chuid eile de àrd-chomhairlichean an Righ air dol as an dréuchd, agus muinntir eile air teachd 'nan aite, a tha gealltann mòran feum a dheanamh do'n rioghachd. 'S iùin' a dhearbas so. Cha ghloir a dearbhas ach gniomh.

Tha cosnadh pait, agus tha'm biadh saor. Tha sìth agus socair san dùthaich

so, ach tha caileiginn de mhi-riaghailt an àitiùbh àraigeadh de Shasunn; ach tha dòchais againn gu'n sgùir iad, agus gu'm faic iad mearachd an deanadais.

Tha mòran calldaic' air muir, a dh' eirich o'n doininn ghàbhaidh a bh' ann o cheann ghoirid.

Cluinnidh ar Cairdean uainn san ath-Theachdaire.

Tha FOCLAIR ùr Gaelic agus Bheurla, &c. air a chur a mach le W. R. M'Phun 'an Glaschu. Tha e ann an tomad beag, agus ruigidh luchd-cosnaidh air a cheanaach. Tha e air a Chlò-bhualadh gu soilleir, co saor o inhearrachdan ri aon leabhar'sa Ghæelic.

# TEACHDAIRE GAELOCH.

MIOS MEADHONACH A GHEAMHRAIDH.

XX. AIREAMH. 1830

## NA H-ARABIANAICH.

*An fhàisneachd mu thimchioll luchd àiteachaidh Arabia.*

Bithidh e 'na dhuine fiadhaich; bithidh a làmh an aghaidh gach ine, agus làmh gach duine 'na aghaidh-san: agus am fianuis a bhràithrean uile gabhaidh e còmhnuidh.

'S ANN O Ismael mac Abraim, a thainig luchd àiteachaidh Arabia; agus tha'n eachdruidh co iongantach ri eachdruidh teaghlacha Israël, a mhac eile.—B'i Hagar a bhan-oglach Eiphiteach, bu mhàthair do Ismael. Agus ge nach b'e Ismael oighre nan geallainnean mòra, gidheadh rinnceadh geallaine àraidh le Dia as a leith.

Thugamaid cuid de 'n fhàisneachd mu thimchioll sliochd Ismaeil fainear. Tha e air a ràdh, Gin. xvii. 20. "Thaobh Ismael, chuala mi thu: Feuch bheannaich mi e, agus ni mi siolmhor e; agus cuiridh mi'n lionmhoireachd e gu h-anabarrach." Choimhlionadh an gealladh so anns gach dòigh. Chinn clann Ismael lionmhor ann an ùine ghoirid—agus ann an linn no dhà an déagh bàs Ismaeil, bha iad 'nan cinnich chumhachdach, agus cha'n eil air aghaidh an t-saoghal sluagh is lionmhoire na iad.

Thubhairt Dia gu moch, Gin. xvii. 20. *Dà cheannard deug ginidh e, agus ni mi 'na chinneach mòr e.* Tha an ginealach sin air an ainmeachadh anns a xxv. 16 de

Ghin. Cha robh iad so ri bhi nan Righrean, ach nan Cinn-chinnich, agus riamh a nuas o'n àm sin cha robh righ thairis air luchd àiteachaidh Arabia. Tha na h-Arabaich, sliochd Ismaeil mar bha na Gaedheil o shean, 'nan cinn-each, no nam fneachan le ceann-cinnich aig gach fine fa leth, thairis air fein.

Mu thimchioll sliochd Ismaeil, na h-Arabaich, tha e air a ràdh, "ni mi e 'na chinneach mòr." Tha so air a ràdh gu tric mu dhéimhinn na muinntir so.—Agus dh' éirich iad g'u trà gu bhi'nan cinneach mòr lionmhor. Bhuanach iad 'nan cinn-each mòr o'n àm sin—agus a measg uil' atharraichean an tsaoighail, sheas iad 'nan cinneach mòr gus an là an diugh.

Tha e air a ràdh san fhàisneachd m'an timchioll, "Bithidh e 'na dhuine fiadhaich." Leis na briathraibh so tha e air innse gu'm bith-eadh sliochd Ismaeil 'nan daoine borb allmharrach, eucosmhuil ri cinneich, no sluagh air bith eile. Agus mar so bha iad o'n àm sin; agus mar so do réir coslais, bithidh iad—Tha iad 'nan daoine co

fiadhaich 's nach do cheannsaich-eadh riagh iad —ni mò a thainig iad fo laghannan agus riaghailtean mar rinn rioghachdan eile. Tha iad an diugh co fiadhaich 'sa bha id o cheann tri mìle bliadhna.

Tha e air a ràdh Gin. xxi. 20. mu thimchioll Ismaeil, *Ghabh e còmhnuidh san fhàsach, agus bha e 'na fhear-bogha.* Rinn a shliochd an ni ceudna—Tha iad gus an là an diugh a chòmhnuidh ann am fàsaichibh—cha'n'eil iad a' cur no treabhadh, agus air uachdar an domhain cha 'n 'eil fir-bhoga co scòlta dheas riu.

Ach 's i an fhàisneachd is iongantaiche m' an timchioll, na tha air a ràdh anns an rann leis an do thòisich sinn—“ Bitbidh a làmò an aghaidh gach duine”—agus mar so bha a shliochd o'n àm sin. Cha'n'eil fois no sìth aig rioghachd no sluagh air an urrainn iad ruigheachd—Tha iad 'an uidheam cogaidh do ghnà —'nan creachadairean air tìr, agus 'nan spùinneadairean air muir.—Cha'n'eil e comasach cùmhanta seasmhach a dheanamh riu—cha 'n eil bann eadar iad agus rioghachd air thalamh.—Ge liomhlor laidir na *Turcaich*, agus na Persianaich, a tha nan dlù choimh-earsnachd, cha d' fhuair iad còrdadh no cùmhant a dheanamh riu riagh, ach a' dioladh dubh-chìs doibh o bhliadhna gu bliadhna, mar a b' àbhaist do na Gaill a dheanamh o shean do na creachadaribh Gaelach.—Cha'n'eil tìr no dùthaich air uachdar an t-saoghal anns nach d' fhuair Breataunn seòrsa de chòmhnuidh no de thuineachas leis am feudadh iad reic agus ceannachd a dheanamh—ach cha'n'eil leud am bròig' aca an tìr nan Arabach. Tha cuid diubh 'am fearann creagach — cuid . diubh 'an tìr chòmhnràd réidh—Tha cuid diubh

'am fàsaichibh farsuing gainmhich—cuid diubh air machraichibh mòra feurach.—Tha cuid diubh 'an rioghachdain tiorail—cuid diubh ri taobh a chuain, agus eirthir na fairge.—Tha barrachd fearainn fodlpa agus rioghachdan ni's farsuinge na bha riagh aig an Ròimh ann an àird' a glòir—Tha cuid diubh mìle de mhiltean o chéile, gun eòlas aig an dara muinntir air a muinntir eile,—gun chairdeas gun daimh gu 'n ceangal. Ach na dhéigh so uile, ge b'e air bith àite 's a bheil sliochd Ismaeil, cha'n'eil eadar-dhealachadh ri fhaotainn eatorra. O linn gu linn dh'fhan iad mar bha iad—“ Nan daoine fiadhaich—an làmh an aghaidh gach duine, agus làmh gach duine 'nan aghaidh-san.”

Tha e air a ràdh mu thimchioll Ismaeil o'n d'thainig na daoine so, “ Am fianais a bhràithrean uile gabhaidh e còmhnuidh.” Gin. xvi. 12. Tha'm focal a tha'n so' air eadar-theangachadh, *gabhaidh e còmhnuidh*, a ciallachadh a bhi chòmhnuidh ann am bùth no ann am pàilliuin—'s cha'n ann ann an tighibh no ann an aitreabh sheasmhaich. 'S ann ann am pàilliuin a bha Ismael a chòmhnuidh—bhàsuich e 'an làthair a bhràithrean. Gin. xxv. 18. Agus is ann am bùthuibh no ami pailliuinibh a tha shliochd a chòmhnuidh o'n àm sin—agus tha iad mar so'am fianuis am bràithrean—'se sin ann am fianuis nan rioghachdan mòra sin a thainig o mbic Abraim; bràithrean Ismael. Agus ged a tha iad do ghnà ann an éididh cogaidh, agus ge nach robh bann sìth eadar iad agus rioghachd eile riagh; tha iad an diugh a chòmhnuidh 'am bùthuibh am fianuis sliochd bhràithrean Ismacil, mar bha iad o cheann trì mìle bliadhna.

Dh'f heuch na h-Eiphitich agus

na h-Asirianaich gu tric ri cur as doibh—ach chuir na h-Arabian-aich gu'n dùlan iad. Chual ar leughadairean gu minic iomra air Alasdair uaibhreach, mac Righ Philip. Bhudhaich e an aghaidh gach rioghachd air an tug e oidheirp.—Chuir Righrean agus Prionnsachanan t-saoghal teachd-airean d'a ionnsuidh a thoirt urram dha, chum iad fein a chur fo a mhéinn. Ach na h-Arabi-anach bha iad suarrach mu dhéighinn—cha robh suim aca dheth. Sheas iad sin a mhàin a mach, agus chuir iad eadhon Alasdair ga dhùlan. Chuir so corruih mhòr air an duin' ain-meil so. Chruinnich e armait lionmhor—rinn e uidheamachadh mòr chum cur as doibh; ach air a cheart àm sin ghlac am bàs e. Thug na Ròimhich oidh-irp air an ni cheudna, ach cha deachaidh leo—agus ged a bhudhaich Pompey thairis air trì chearnaibh de'n t-saoghal, dh'fhartlaich Arabia air. Dh'fheuch *Trajan* agus *Severus* ris an ni cheudna; ach chaidh e 'nan aghaidh. Ri linn *Mahomed*, Fàidh ainmeil nan Arabianach, dh'éirich an sluagh so gu bli 'nam pobull mòr. 'Se *Sarasanaich* is ainm dhoibh mar is trice ann an eachdruidh m'an àm sin. Chuir iad rioghachdan mòr so chìs doibh. Thug iad buaidh air dùchannan farsuing; agus b'iad fein an aon sluagh saor a bha sa chearna sin de'n t-saoghal. Agus ged a thuit rioghachdan *Sarasanach* gu lär, cha d' thugadh buaidh air na h-Arabian-aich. Tha iad an diugh co saor 'sa bha iad—a chòmhnuidh am bùthaibh, 'nam fàsaichean farsuing, le'n treudaibh lionmhor, a' siubhal o àite gu h-àite—suarrach ma'n t-saoghal gu lèir, *an làmh an aghaidh gach duine*, agus làmh gach duine 'nan aghaidh-san

Tha iad 'nan cinneach mòr 'an làthair am bràithrean. Cha'n eil sluagh eile air thalamh air nach tainig caochladh no atharrachadh ach iad. Tha iad co fiadh-aich allmharra 'sa bha iad, 'nan culaidh uamhais do gach neach a thig 'nan rathad—ach dileas 'nan geallaine dhoibhsan a cheannachas an cairdeas le òr. C'ait a bheil eoslas an diugh eadar luchd-àiteachaidh Bhreatunn agus iadsan a bha ga àiteachadh o cheann trì mìle bliadhna? A'bheil aon sluagh eile air uachdar an domhain air fad air dhoigh sam bith cosmhuil riu-san o'n tainig iad tri mìle bliadhna roimhe so? A'bheil cànmhuin an diugh ann an aon dùthaich air talamh air a labhairt san dùthaich sin mar bha i air a labhairt o cheann trì mìle bliadhna? Cha'n eil. 'S ann mu shliochd Ismaeil—mu na h-Arabianaich a mhàin a dh'fheadar so a ràdh. Nach e Dia a mhàin a b' urra so innseadh o cheann trì mìle bliadhna? Cò ach esan, no faidh air a shoilleireachadh leis, a b'urrainn a chur 'an céill m'an d'thainig Ismael a dh'ionnsuidh an t-saoghal; cha'n e'mhàin na dh'éireadh dha fein gu latha a bhàis—ach eachdruidh nan cinneach a thigeadh uaithe ré milte de bhliadh-naichean 'na dhéigh sin? Mar bha Ismael air a thimchioll-ghearradh—mar sin tha iadsan. Bi banglach nach robh pòsda a mhàthair mar so tha gach màthair a measg nan Arabianach. Bha esan a chòmhnuidh ann am bùth san fhàsach, mar sin tha iadsan gus an là an diugh—agimeachd mar rinn esan o àite gu h-aite. 'Se is ciall dò'n ainm a tha iad a' gabhail (*Bedowees*) na daoine siùbhlach—no an cinneach luaineach. Bha Ismael 'na fhearbogha—mar sin tha iadsan. Bha e gu bli 'na athair do dhà chean-

nard deug, agus tha iadsan' a shliochd' nan cinnich fo chinn-fheadhna gus an là an diugh. Bha Ismael na dhuine fiadhaich—a làmh 'an aghaidh gach duine, agus làmh gach duine na aghaidh-san. Mar sin tha iadsan, a' cogadh an aghaidh gach rioghachd a thig 'nan rathad; agus gach rioghachd a thig 'nan caramhl a' cogadh riu.

Nach 'eil so uile jongantach? agus na chùis smuainteachaidh? Cha'n'eil achi aon phobull eile ri fhaicinn a sheas air leth o'n t-saoghal, mar rinn na h-Arabian-aich, agus a tha nan sluagh leo fein—agus's iad sin na h-Iudhaich. Thainig iadsan o Abraham mar rinn na h-Arabianaich. Tha iad le chéile a' cleachda òrdugh an tìmeòlioll-ghearraidh. Bha aca le chéile a dhà-dheug de phrìomh-aithriclean. Cha phòs iad (an dara cinneach no an cinneach eile) mnathan ach de'm pobull fein. Tha iad le chéile nan dearbhadh laidir air firinn fàisneachd nan Scriobtuir, agus a'leigeadh ris duinn an làn earbs' a dh'f heudas sinn a chàramhl anns gach focal a tha ann an leabhar Dhe.

Ah urrainn duinn teagamh a chur anns an eachdruidh tha ag-ainn 'sa Bhiobull mu dhéighinn Abrahaim agus Ismaeil, 'nuair tha sinn gus an latha 'n diugh a' faicinn na h-eachdruidh sin air a firinneachadh fa chomhair ar sùl. Amhaire air Luchd-àiteachaidh Arabia; éisd ris na tha gach fear-turuis ag innse dhuit m'an dùth-aich sin, agus m'an t-sluagh a tha chòmhnuidh innte; agus tuig le taingealachd an coimhlionadh tha agad anns na nithibh sin air fàis-neachd Iehobha. "Gun teagamh tha an Ti is àirde a' riaghlaibh ann an Rioghachdaibh an domhain, agus tha 'fhirinn mar a thròcair buan inhaireannach gu bràth."

*Campsie, 1830*

T. M'L.

#### MU CHALLDACH LUINGEAS, NO LONG-BHRISEADH.

Cha 'n'eil an dosguinn thruagh so a' tachairt a nis air cladaichean ar dùthcha co tric 'sa b' àbhaist da. Tha tighean soluis ni 's lionmhoire—tha maraichean ni's eolaiche, agus na Soithichean am bitheantas fo uidheam ni's fearr na bha iad.

Tha e na aobhar sòlais 'nuair thachras calldach Luingeas, gu bheil ar luchd-dùthcha a' taisbeannadh, mar is trice, an caoimhneas is mó do na seoladairibh bochda, a tha air an tilgeadh le ainneart cuain air an cladaichibh. Ach tha eagal oirnn gu 'bheil àiteachan iomallach ann fhathast, far a' bheil ar luchd-dùthcha tuille's ealamh gu làmh a chur air gach tachdar is urrainn iad a shlaodadh leo air tàillibh calldach Luingeas a tha tachairt. Tha sinn a' creidsinn gu bheil iad ann, feàdhainn nach goideadh mult no caora, nach fuirgheadh air an ais o ni air bith a chitheadh iad air an tràigh a spùinneadh leo; agus am feun fein a dheanamh dheth gun agartas cogais agus gu'n näire, ged a robh làn fhios aca co dhà a bhuiteadh e.

Is ionchuidh dhuinn ar guth a thogail an aghaidh so—agus a ràdh, gu bheil e ceart co peacach an làmh a chur gun chead air na thig mar so gu tir, 'sa bhitheadh e dhoibh mart no mult a gheibh-eadh iad air seacharan a thoirt dhachaidh, agus a chur gu feum 'nan tighibh fein. Ann an làth-air Dhe cha 'n 'eil cedar-dhealachadh air bith sa chùis.

San àireamh fa dheireadh thug sinn cùntas mu stoirm ghàblaidh a bli' ann an Eilean Thiridhe, a chuireadh d' ar n-ionnsuidh le seana Charaid. Ged nach d-thug e dhuinn ainn, cha 'n 'eil sinn an teagamh cò e. 'Sceart a thubhairt é.

'Stric a bha sinn, flir mo chridhe,  
Gun phlob gun fhiodhull a' daunsa.

Tha sinn gu mòr na chomain.  
'S cinnteach sinn nach 'eil neach  
a leugh an stoirm leis nach bu  
mhian am barrachd éisdeachd  
uaithe na chainnt shnasmhoir  
fein. 'S ann aige fein a tha 'n  
làmh air an stiùir ann an là na  
stoirm; agus cha 'n fhiosrach  
mi cò an achlais leis am b'fhearr  
le chàirdean i bhi. Cuiridh mi  
nis fa chomhair mo leughadairean  
an Còmhradh a bha eadar mo  
*Charaid Tirisdneach* agus *Eachann Germ*, a' pilleadh o'n chladach.  
Bhithinn gu mòr na chomain  
nan cuireadh e fein agus  
Eachann Gorm a Bhìorluinn ùr  
bhòidheach aige fo sgaoil, agus  
gun d'thugadhl iad sgrìob mu dheas  
no gu tuath, agus gu'n d'thugadhl  
iad dhòmhsa Còmhradh Cuain,  
a chionn gu bheil na Gaèdheil a'  
fàs sgìth de Chòmhradh nan  
Cnochd.

T. M'L.

—  
COMHRADH A CHLADAICH,  
*Eadar M* — — agus *Eachann Gorm.*

'Se so dara earrann dhen sgeula m'an  
stoirm a thug sinn seachad san Teachd-  
aire mu dhereadh.

*M.* Bha mi pilleadh dhachaidh  
anns a chruth inntinn a dh'fheuch  
mi chur 'an céill san àireamh fa  
dhereadh d'ar Teachdaire tait-  
neach, mu dhorchá nan trà; 'nuair  
thachair duine còir àraidh orm  
air an rathad, a'ir an robh mi gle  
eòlach. 'Se b'ainm dha Eachann;  
ach thug cuid d'a choimhearsnaich,  
leis am bu toil beagan fealadhà,  
agus fanoid ghòrach, co-ainm dha  
maille ris so; agus 's e theirte ris  
am bitheantas feadh na sgìreachd  
" Eachann Gorm." An déagh

dhomh fhoighneachd cia mar bha  
e, agus ciod a naidheachd, thòis-  
ich sinn ri seanachas air a mhodh  
so.

*Each.* Ma ta, cha'n'eil agam  
fhein is fiach aithris: is coltach  
gu'n cuala sibh cheana an naigh-  
eachd a tha air falbh. Ciod sin?  
a deir mise. Tha gu'n d'thainig  
Soitheach gu tìr an raoir no moch  
sa mhaduinn an diugh, air cladach  
a leithid so de bhaile; agus cha'n-  
eil mòran iongantais orm dheth;  
bu shearbh salach an oidhche  
bh'aca r'a chothachadh.

*M.* Cha chuala mi guth dheth  
gus a nis, agus is ledir a luath-  
ead: ach an do thuig thu ciod an  
Soitheach a th' ann, no 'n do  
thearnadh na daoin' a bhuineadh  
dhi?

*Each.* Cha'n fhiosrach mi a'  
bheil iad uile sàbhailte; ach chuala  
mi gu'n d'thainig daoine beo aiste  
gu tìr: cha d'rinn an sgeul ach  
ruigheachd o cheann tachdain,  
ach tha e fior gu leoir; agus tha  
muinnir nam bailtean a' togail a  
mach 'nan deannaibh deurga, mar  
gu'n cluinneadh iad gun robh  
sgaoth de na Muca Mara air teachd  
air an tràigh ud thall. 'Si mo  
bharail nam biodh iad co togarr-  
ach air teachd do'n Eaglais air là  
na sàbaid, gu'm biodh am minis-  
teir ni bu riaraichte le mòran  
diubh.

*M.* Agus tha mi 'creidsinn gu  
maith gu'm biodh iad co riaraichte  
leo fein air a cheann mu dheir-  
eadh. Ach ciod a thaing riut  
fein Eachainn, nach do lean thu a  
chuid eile do'n chuideachd?  
'S ann a tha thu, a rèir coslais, an  
déagh do chùl a thoirt riu, agus  
air do shlighe dhachaidh.

*Each.* Bha mi uair de m'  
shaoghal nach bithinn fad air  
deireadh; ach tha mi nis air fàs

sean rag, is cha mhòr cosnaidh a dheanainn 'nam measg, cha chùram leam nach bi gu leoìr ann, ged nach 'eil mis' ann : ma tha maith ri fhaotainn timchioll orra, dh-fheudta gu'm beir mise fhathast air na dh'fhòghnas donnh.

*M.* 'S cuis eagail gu'r bi beagan do'n olc m'a thimchioll sa cheud dol a mach, agus gu'm bi iomadh aon ann a dhi-chuimhnicheas iad fein agus an dleasdanas ; oir tha mòran dhaoine a tha réir coltais a' meas gur cobhartach laghail gach ni a thilgear gu tìr air cladach, ma gheibh iad greim a dheanamh air. Ciod do bharail fein Eachainn ?

*Each.* Cha'n fhear lagha mi, is cha'n 'eil mòran barail agam ri thoirt anns a chùis ; ach shaoilinn gu'm b'fhearr do dhaoine bochda ni sam bith a gheibhte air a chladach a chur gu feum, na leigeadh leis falbh leis a mhuiр-làn, no dol fo'n ghainmbich. Agus ged dh'f hágainse uam e, an deanadh sin a chùis ni b'f hearr ? Nach eil an t-ath dhuine tha teachd ga sguabadh leis ? Cha'n i cheist cò a dh-fhàgas, ach cò is mò a chruinnicheas ? "Na h-uile fear a' toirt scairbh á craig dha fein." Mar thuirt an duine còir a bha toirt a mach nan eun as an stalla.

*M.* C'arson nach do lahhair thu mach a chuid eile dbeth ? "Na h-uile fear air ceann ròpa dha fein." Ged is ann mar sin a thachradh air deireadh na cùise, 's ged bhiodh cuid diubh air ceann ròpa, cha'n 'eil mi 'g ràdh nach glan a thoilleadh iad e. Bhiodh e iomchuidh, gun teagamh, cùram a ghabhail do nithe a teachd air a mliodh so, cha'n ann idir le'n cur chum ar feum fein, ach le'n gleidheadh gu h-ionraic air son na muinnitir d' am buin iad, no is fearr còir orra. Agus's bochd an leithsgeul a ràdh, mar tog mise

sud no so togaidh fear eil' e. Ma tha gniomh peacock ann fein, cha dean eisimpleir sam bith a chaoidh beusach e ; tha fios againn cò tha cur mar fhiachaibh oirnn gun am mòr-shluagh a leantuinn chum uilc.

*Each.* M'as cuimhneach libh an geàmhradh a thainig an Long mhòr Spainteach, a bha 'n impis cinn dhaoine chur nam breislich le Mòid's le Cùirtean, 's le ceasnachadh, bha san iomradh gur iomad gàd mòr iaruinn a chuir-eadh gu sàmhach air cùl nam bacanna ; ach 's beag a b'f heaird mise sin ; cha robh mi co glic 's gun do ghleidh mi dhomh fein deth na chuireadh greim air a choltar, no idir na dheanadh an crògan feamuinn, m'ar d'f huair mi e a rìs air son mo chodach fein. Agus a bhliadhna thainig an Soitheach air an robh an t-ìm Eirionnach, bha san ainm gu'n robh cuid de na coimhearsnaich a chuir seachad an t-eatrach gle ròiceil air a tàillibh : is beag fios a th' agamsa cia mar bha sin, 's cha'n e mo ghnothach e ; ach tha fios agam gur beag sult a chuir e air mo chinàmhansa. Ged a bhithinn gus mo thachddadh, na liabagan agus na cudainnean tioram a' cur snuim air m' amhaich, cha d'thainig riamh fo'm fhiacail dheth na bheireadh cobhair dhomh, no chuidicheadh iad sios.

*M.* 'S duilich leam gu deimhinn an gàbhadh anns an robh thu ; b'f hortanach dhuibhse nach robh an t-uisge cho gann ris an ìm ; agus o'n thainig thu roimhe cho maith dh'f haoidte nach ruig thu leas mòran aithbreachais a bhi ort.

Ach gun tuille fanoid 's éiginn aideachadh, Eachainn, gur h-iomadh droch thoradh tha cinntinn o'n chleachdadh ghràineil-se :

'Smòr am masladh agus am mì-chliu tha e tarruing air gach àit' anns am bheil e dol air aghaidh; agus se chuid a's miosa gum feud a mhuianntir a tha neo-chiontach, agus aig am bheil lamhan glana, a bhi air uaireadh fo throm amharus, agus fulang 'na 'm biuthas maille ris a chiontach. Tha e gu soilleir agus gu dalma bristeadh laghannan Dhe; tha e dùsgadh suas iomadh togradh truaillidh; agus a 'buaireadh dhaoine gu bhi eu-corach, bradach, agus cruaidh-chridheach. O! nach cruaidhe na clachan a chladaich cridhe no muinntir sin a dheanadh fòirneart air coigrich thruagha a thilg ainneart sìde air tir ga 'n aindeoin, 's a bheireadh uatha am beagan a chaomhain an doininn; nach co mòr tha do thlus anns na creagan 's na tonnan féin 's a th' anns na daoine sin? Agus nach muladach ri smuainteachadh gum faighear anns gach àite, 'seadh ann an dùthchannaibh far am bheil an creidimh Criosduidh ga aideachadh, dream a tha deanamh mar so 'nuair nach 'eil ùgdarras teann os an cionn, gus an cumail fo smachd.

*Each.* Cha'n 'eil dùil agam f'héin nach 'eil sibh air an aon leasan ris na ministerean; 's fhurasda dhoibh-san a bhi labhairt; 'se sin an gnothuch; ach dh'fhaodadh iad leigeil le daoine bochd eile bhi beò: Cha'n f'huiling cuid diubh ceòl, no dannsa, no cridheas; (ach cia sam bith mar theid do'n dannsa, 's aithne dhuinn feaghain diubh féin a sheasas air son a chiùil.) Cha b'-aill le cuid diubh gun ôlamaid boinne air tòrradh, mar dheanadh na daoine còire bho'n d'thainig sinn; agus ged nach deanann ach sean ablach do bhriogais chain-bheis le màsan tearra a thogail as an

fheamainn, cha'n 'eil mòran teagamh agam nach diùltadh iad baisteadh dhomh na 'm biodh e dhìth orm; cha'n e sin amhàin ach gum faighinn mo nàrachadh 's mo chur air chùl eaglais.

*M.* Ubh! ubh! Eachainn, cha'n fheud e bith nach robh thu féin agus na ministerean troimhe chéile uaireiginn—Eagal orm gun do loisg càl teth roimhe thu; ach 's còir a thoirt fainear gu 'm bheil iadsan dh'fhaoidte meas mar an dleasdan-nas mi-riaghait agus droch-bheart a chronachadh am measg an t-sluagh; agus cha'n fheudar 'aicheadh nach 'eil tuille 's a choir do chionfàth aca gu bhi labhairt.

Mar caisgte droch-bheart cha'n eil fios c'ait' an stadadh i: 's ann uidh ar n-uidh tha daoine teachdair an agbaidh ann an aingidheachd, amhluidh mar ann am maiteas; cha d' ràinig duine riambh mullach na h-aingidheachd air a cheud leum. Mar biodh an cleachdadh maslach air a bheil sinn a' labhairt air a philleadh cha bhiodh mòran iongantais ged thairgeadh luchd fòirneirt agus spùillidh mu dbeireadh na h-anraich bhochd a ghrad spadadh, chum an cuid a gblacadh, mar tha cunntas againn thatar a deanamh an cuid de chèarnaibh an t-saoghail. Tha mi 'g ràdh riut ged bhiodh an long sin air a luchdachadh le h-òr, gum b' fhearr do luchd-àiteachaidh na tire so i féin agus a luchd a bhi ann an doimhneachd na fairge, no an t-òr sin a bhi air a dhòrtadh dearg leaghta 'na 'n dearnaibh, na gum buineadh iad ris gu h-eucorach.

'Sann agam nach 'eil am farmad ri aon nì dh'fheudas duine chur cruinn leis na meadhonian-sa: Cha chreid mi gun d' thig e 'no gur h-urrainn e teachd gu crìch

mhaith. Cha'n urrainn beannachadh Dhe bhi 'na chuideachd, Annan so's fior an sean-focal, "An rud a thig leis a ghaoith gum falbh e leis an uisce."

*Each.* Cha'n eil mi 'g ràdh nach feud cuid de'n fhìrinn a bhi agaibh, ged tha i searbh: feudaidh i féin agus a cuid òir a bli teàruinte gu leòir air mo shon-sa; cha robh an t-anabharra gràidh agam riamh dhà; agus bu chomain dhomh sin--cha robh mòran gràidh aige dhomh, 's cha mhòr dheth riamh a loisg mo lamhan no lean riu teth no fuar. Cha rachainn an urras orm féin gu dearbh uair ga'n robh mi, na 'm faicinn tog-said Rum nò Bhranndai a leigeadh roimhpe air an tràigh nach bith-inn 'na bad mar fhear eile. Bu chianail an sealladh leam an stuth prìseil fhaicinn a' dol gu talamh: 'S ged nach d' thugainn a mach ach làn an stoip-shiola, an abair sibh rium nach b'f hearr dhonadh mo chridhe f'héin a bhlàiteachadh leis na'n tràigh 'ga shlugadh suas?

*M.* Cha'n eil thu ach ri fealadhà nis, ach creid thusa mise, cha'n urrainn soirbheachadh bhi 'n cois an ni sin nach fhaighear le h-onoir agus ionracas; luath na mall chìtear so, agus 's iomad dearbhadh tha sinn a' faighinn air mu choinneamh ar sùl gach latha tha sinn aig éiridh.

*Each.*—Dh'fhaoidte gun cuala sibh iomradh air bodach beag prab-shuileach bha chòmhnuidh ann an àite nach'eil ceud mile dh' astar o chuid de'n sgìreachd so; (cha'n eil fios agam nach b'aithne dhiubh fein e) ach dh'aithriseadh air, gun d'f huair e ulaidh air a chladach, tha cinnte gun robh beartas aige; cia sam bith mar bha so, shoirbhich an saoghal gu maith 'na lamhan, chuidhitch e mu dheireadh a chuid'searainn, 's

tha mi cluinniun gu bheil e nis mar gum biodh tighearnà beag stràiceil an am Baile-mòr.

*M.*—Air t'athais, air t'athais, Eeachainn! mar their a chlann, cha'n eil am bonnach beag bruich f hathasd: ma rinn an duine sin, cia sam bith e, no aon duine eile, suas stòras air mhiodh mi-onarach, 's beag mo chùram nach fhaigh e bealach 's nach gabh e sgiathan uaireigin. Ach 's iomchuidh dhuinn breith na seirc a thoirt air na h-uile, am fad 's a dh'f beudar a dhéanamh. Se's dòcha leamsa gur e cuid d'a choimhearsnaich a bha amaideach, stròghail iad féin, aig an robh farmad ris a bhodach chòir, agus a thog an sgeul sin air. Dh'fhaoidte gun robh an duine fo uachdar an iochdmhor aigan robh bàigh r'a dhaoine, agus leis am b'áill cothrom maith a bhi aca; dh'fhaoidte gun robh e féin déanadach, glic, gléidh-teach, gun anacaitheamh gun anameasarrachd fuaithe ris. Cha'n eil mi idir ag ràdh 's cha mhòr chuala mi bhi cur as do leth gur fior phòitear thu féin Eeachainn, ged nach diàltadh tu do shùl a' fhlìuchadh an tràs 'sa rithist mar na coimhairsnaich: innis so dhomh; na'm biodh na chuir thu riamh anns an dram, na dh'òl thu féin agus na thug thu seachad do dhaoin'eile ri òl gu neo-fheumail, air a chùinneadh no air a thionndadh gu airgiot, agus air a chàramh 'na aon tòrr air bòrd mu d'choinneamh, a bheil thu smuainteacbadh nach bu tlachdmhor an sealladh e? 'n saoil thu nach rachadh e teann air tigh maith a cheannach.

*Each.*—Matà 's duilich dhòmh-sa nach'eil agam do sgoileireachd ni's urrainn a'cheist sin fhuasgladh; ach 's barail domh ged is nàrach an aidmheil, gum biodh tòrr foghainteach ann, barrachd

mòr 's a chì mise cruinn agam f'héin air mo shùilean fhad 's a's béo mi. Dh' fhalbh sin leis an uisge 's cha'n'eil mòran maith a nis a bhi ga chreatruich.

*M.*—Ciod am fios nach e sin an ceart ulaidh 'a fhuaire am bodach air an d'thug thu ionnsuidh, agus ma's e cò'n duine 'na mhothachadh a gheibheadh coire dha.

*Each.*—Mata bha romham taoghall aig a mhinisteir 'san dol seachad' a dh' innse dha mu'n t-soitheach a thainig air tir, ach tha'n oidhche fàs dorcha, 's tha astar maith agam ri dol dachaiddh; dh'fhaoidte gum faigh sibh fein fios a leigeadh 'ga ionnsuidh o nach'eil e fada uaibh.

*M.*—Ro mhaith, Eachainn! am bu mhiannach leat aon do na tog-saidean no do na brigsean Cain-beis air an robh thu labhairt a chur 'na rathad?

*Each.*—Ma tha briogais no casag a dhì air, tha e fein bear-tach gu leòir gus an ceannach: cha'n ionann a's mise. Ach ged is àill leibhse gu maith mi, cha ruig sibh a leas mo thogail gus an tuit mi: cha'n e sin a bha'm bheachd. Dh' fheudadh e gnothach a b'fhearr a bhi aig' ann.

*M.*—Ro mhaith a rithist Eachainn. Tha mi faicinn gun seas thu fein suas air son nam ministeirean an dara h-uair. Dh' fhaoidte gum faigh mis' an uiread sin a dheanamh air do shon agus fios a leigeadh 'ga ionnsuidh.

*Each.*—Bidh mi nise mata a fàgail mo bheannachd agaibh, agus tha mi na'r comaine air son na thug sibh dhomh d'ar seanachas. Agus ged tha mise labhairt mar rinn mi, cha ruig sibh a leas air barail a bhi ni's mios' orm. Tha fios aig na h-uile duine d'an aithne mise, gum bi mòran do bhàirisg

chainnte agus do bharra-ghlòir a ruith air mo theangaидh. Cha'n eil fios agam ciù rugadh an fhaillinn so leam, no dh'òl mi e le bainne ciocli mo mhàthar; ach 's eagal leam nach cuidhtich e mi gus an d'theid mi fo thalamh: 'S duilich an car a theid 'san t-seana-mhaide thoirt as. Ach ged tha sin a muigh, tha dòchas agam nach'eil e stigh; ged tha gòraiche 'san teangaïdh tha mi'n dòchas nach'eil mòran lochd no droch-bheart 's a chridhe: 'Se "Eachann gorm" a their iad rium, agus nach i bheurla air son sin "True Blue?" Agus a dh'aindeoin na thubhairt mi a nochd, 's luaithe gu mòr a dhùraiginn fasgadh mo thigheagus blàths mo ghealbhain do choigrich bhochda ann an cruidh-chas, na shìninn a mach làmh eucorach gus ni sam bith a bhuiteadh dhoibh a ghlacadh le foill no le fòirneart.

*M.*—Cho-dhùin thu e mar bu chòir dhuit, Eachainn. 'Se sin dleasnas nan uile Chriosduidhean. "Coimhead do neo-chiontachd, ars' an Salmadair, agus thoir an aire do ni tha ceart; oir 'se sin a bheir sìth dh' ionnsuidh duine air a cheann mu dhereadh.

N. M'L.

Innis-nan tonn, 1830.

---

## MU'N CHRUINNE.

### VI.

B'èugsamhail na barailean a bha aig na Gliocairean o shean, agus is èugsamhail beachd Gliocairean na h-aimsreach a tha làthair, air matbair-aobhair thobraighean agus aimhnichean; ach tha a chùis air a tuigsinn gu math a nise. Tha deagh fhos a nise, gu bheil

teas na gréine a tarruing ceòraich mhòr do fhlíche as an fhairge :—gu bheil na gaoithean a' giùlan na ceòraich so mu'n cuairt tim-chioll an t-saoghal ;—gu bheil am fuachd ag iompachadh na smùidrich cheò so gu h-uisge, agus gu driùchd, agus gu bheil iad sin a' tuiteam 'nam braoin air an talamh. Tha cuid de 'n uisge so a' sruthadh sios gu ionadan gleannach an t-saoghal, agus a' fàs 'na alltain ; tha cuid eile dheth a' taiseachadh an fhuinn chum toradh agus fàs a chur ann, agus tha cuid deth a' dol fodha do shluic fhas a ta ann am broinn an talmhainn :—an uair a bhios iad so làn, tha iad a' brùchdadhamach 'nan tobraichean a taobh nan cnoc : agus, air do shruthain nan tobraichean so ruith sios do na gleannain, tha iad a' coinneachadh nan alltan agus gam mèudachadh ; agus an uair a theid na h-uraddiubhsin an ceann a chéile, tha an comar a' deanamh suas aimhne.

Tha cuid eil' ann a tha smaoineachadh, gu bheil féithean no feedain de ghainmhich mhìn ag imeachd an sud 'san so, as an fhairge, air feadh an fhearrainn, agus gu bheil an sàile a' drùiseadh trompa sin, agus, air do 'n t-salann a bhi air a shìoladh as, leis a ghainmhich, gu bheil an t-uisge a' brùchdadhamach 'na thobraichean aig crioch nam feadan, no far am bheil bristeadh sam bith a tigh-inn orra.

Chaidh a dhbearbhadh, ioma uair, le deuchainean neo-mhearrachadhach, agus le mion-chùnnntas, gu bheil a ghrian a' tarruing as a chuan urad de cheòraich 's a's ledr gus na tha tuiteam de dhuisge-spéur a dheanamh suas. Chaidh a mheas gu'n tog a ghrian,

air latha sàmhraidih, as an amhainn a ta ruith seachad air Lundainn, còrr agus fichead muillein tunna de dh-uisge 'na cheòraich ; agus, ma dh-éireas an urad so a sruthan beag, caol, tana, nach do-àireamh na dh-fleudas éiridh as a chuan mhòr, fhrsuing gun chrich, air an dòigh cheudna !

A réir beachd cuid de gliocairean, tha sailleachd na mara ag eiridh o'n aobhar so a leanas. Tha còrr agus sèa ceud *amhainn mhòr* a' ruith, troimh ghleanntan agus feedh chòmhnhardan an t-saoghal, chum na mara. Tha gach aon diubhl sin 'nan siubhal troimh chaochladh fuinn, ; a' sruladh leotha dòrlaichean mòra de smodanan miotailte agus salainn, agus air do'n uisge na smodain shalainn sin a leaghadh gu farasda, tha e 'gan giùlan do'n fhairge, agus mar sin 'ga deanamh saillte. A réir beachd muinntir eile, tha mòran de sgeircean salainn ann an iochdar na mara, agus tha iad sin a' sir-leaghadh 's 'ga fágail saillte. Tha feedhainn eil' ann a tha 'm barail gu'n deachaidh an fhairg' a *chruthachadh* saillte, air sgàth i dh-fhuireach o lobhadh, no o ghrødadh : ach feadar gu math a smaoineachadh gu bheil i air a cumail o lobhadh, ann an tomhas cho mòr, le luasgadh na gaoithe, agus le lionadh agus tràghadh an t-siuilmhara, 'sa ta i leis an t-salann a tha intte ; chionn ma theid sàile a ghleidheadh ann am baraille, no ann an saothach air bith eile, lobhaidh e ann am beagan làithean.

Is airidh e a thoirt fainear, nach eil na lochan sin saillte, *as* am bheil aimhnicheana ruith, no *troimh* am bheil iad a siubhal 'nan slighe ; ach, air an làimh eile, na lochain

sin do'm bheil aimhnichean a ruith a stigh, agus as nach eil aimhnichean a ruith *amach*, gu bheil iad, mar is trice, saillte.

'Nuair a bhristear, no a luais-gear an sàile chithear soillsein bòidbeach, geal, air 'fheadh, ris an abrar *sionnchan*, no *teine-sionnnchain*.<sup>\*</sup> Chithear an soillsein so feadh na mara anns gach uile chearna de'n chruinne, agus aig uile àm de'n bhliadhna. Tha cuid de nàduraich† ag ràdh, gur h-e seòrsa de dhealan a ta's an t-sionnnchain so; cuid eile, 'gur bias-tagan beaga siùbhlach a tha ris; agus tha cuid ag ràdh, gur h-e brìgh, no sùgh ainmhidhean, a' lobhadh gu h-athaiseach, a ta 'cur mach an t-soillsein so. Gur h-e an ni so ma dheireadh a's fìor cheann-fàth do'n teine-shionnnchain, tha e a nis air a làn chòmh-dach le dearbhainnean diongalta, agus le deùchainnean eugarra.

An uair a bhios àile nan spéur gu ciùin aig fois, agus fiath sèamh air aodunn soilleir a chuain, chithear, air uisgeachan na fairge, gluasad tonnach, atmhor, ris an abrar lunn. 'Se lionadh, agus tràghadh an làin a's aoibhar dha so. Ach, an uair a shéideas a ghaoth, tha lunn, no tonnan a chuain, air am mèudachadh gu mòr; agus tha meudachd nan tonn ann an co-choimeas ri neart na gaoithe. Chaidh a dhearbhadh, aig ioma àm, le deùchainnean nan gliocairean nàdurail, nach diong a ghaoth as làidire shéideas, na's mò na sèa traidhean astigh air an fhairge; 'se sin, nach dean a ghaoth a's treise shéideas clais no

gleann ann an aodunn an uisge, a's doimhne na sèa traidhean. Uime sin, cha'n'eil tonn nàdurra‡ ag éiridh, aig àm sam sith, na's àirdé na sèa traidhean os ceann còmhnbard na mara. Ach, an uair a chuireas sinn doimhnead a ghlinne a rinn neart na gaoithe 'san fhairge, ri àirdead an tuinn, toimhisidh e gu h-iomlan, o 'bhun gu bhràidhe, dà thraigheud dhéug. Ma dh'éireas tonnan na fairge os ceann na h-àirdead so, theirear an sin tonnan *teaghuis-each*§ riutha, do bhrìgh's gur h-e ath-bhuille na gaoithe, 'nuair bhuaileas i cnoic no còrsachan àrda, a tha 'gan gintinn; air neo, ais-lunnadh nan tonn air a chéile o oirthirean fiadhaich, no air droch thanalaichean. Le co-oibhreachadh nan aoibhòr so, fàsaidh na bòchd-thuinn sin 'nan ceòsanaich uamhasach; agus mar is fhaide a' leanas iad air iomluagadh feadh a cheile, is ann is mò a dh'atas iad, gus mu dheireadh am fàs a mhuir cheann-ghlas 'na cnuic, 'us 'na beanntan saile.

A. B. R.

#### EACHDRAIDH NA H-ALBA.

AN DARA EARRANN.

*Mu'n choimhcheangal Shòlaimte,  
agus an naomh chùmhñant.*

Leig sinn ris 'san àireamh mu dheireadh an dòigh air an d'fheuch Righ Tearlach an creidimh Easp-uigeach a thoirt a stigh a dh' Albainn a dh' aindeoin cò b'urr-ainn a ràdh gum b'olc; agus chunnaic sinn mar a dh'éirich an

\* Their cuid de mhuinnitir teine-fionnnchain.

† 'Siad nàduraich, no gliocairean nadurail, daoine fòghluimte a bhios a beachdachadh air oibrean nàdarra a chruthachaidh, agus a lorgachadh 's a rannsachadh an gne, an cruth, an suidbeachadh, 'sa leitbid sin.'

‡ Tonn a thogas neart nàdurra na gaoithe.

§ Tonn a dh'éireas le tuiteamas a bhàrr air neart nàdutra na gaoithe.

dùthach suas 'na 'aghaidh, a' cur romhpa seasamh airson Eaglais na h-Alba cia air bith cruadal no geur-leanmuinn a dh'fhuilingeadh iad 'na 'lorg'. Chuir maithean àrd na Rìoghachd a suas as-luchadh dùrachdachadh ionnsuidh an Righ, a guidhe nach buanaich-eadh e anns na nithe a bha e dèanamh, agus nach éignicheadh e iad gu Éiridh a suas ann an ceannaire 'na 'aghaidh; agus a leigeil fios da ann an cainnt nach b'urradh dha gun a thuigsinn; nach géilleadh iad dha anns a chùis so am feadh's bu bheò iad. Gu truagh cha ghéilleadh an Righ, agus an àite fios-freagairt càird-eil a chur d' an ionnsuidh 'sann a labhair e riù gu feargach, uaibhreach, a' maoideadh gun d'thugadh e sgrios air an dùthach mur géilleadh iad, agus a 'g innse gun sparradh e 'n leabhar ùrnuigh Easpuigeach orra a dhéidin no dh'aindeoin. Dh' àithn an Righ a thoil anns a chùis so a leigeil ris do mhuinntir Alba le gairm fholaisich a dheanadh dheth aig crois Dhunéideann. Bha 'n latha chum so a dhèanamh air a shuidheachadh, ach 'nuair a thàinig e cha robh do mhisinich aig uachdarain a bhaile-mhòir sin toil an Righ a chur an céill. Bha 'm baile làn do thighearnan na tire, le 'n daoine fo arm, agus chuir iad romphà nach ceadaicheadh iad 'a 'ghairm a dhèanamh a bha cur as do chreidimh stéidhichte na dùthcha, agus a toirt a stigh creidimh Shasuinn na 'àite.

Nuair chunnaic càirdean an Righ so thug iad Sruidhleadh orra, ach fhuair luchd seasamh a chreidimh fios air, agus shìn iad as do Shruidhleadh air an déigh. Bha 'm baile-mòr sin làn do mhuinntir na dùthcha a chruinnich chum seasamh le creidimh an athraichean. Cha robh duine mar

astardà fhichead mìle do Shruidhleadh nach do chruinnich, agus 'nuair a dh'f hag luchd ùghdarrais an Righ am baile sin air an là-maireach gu dol do Dhunéideann, lean an sluagh so iad: mìltean de dhaoine, ni bu choltaiche ri feachd aim na ri daoine bha guidhe air son comain. Cha robh duine fìachail 'san tìr nach d'thug Dunéideann air air an àm so, còrr aon airson an Righ, ach a chuid gu mòr bu lionmhoire airson na muinntir a bha cur 'na aghaidh.

'Sann air an àm so a smuaintich iadsan a bha dileas do chreidimh suidhichte na Rìoghachd air a Choimh-cheangal Saòlaime agus an naomh chùmhant a tharruinn a mach, agus an làmh a chur ris mar bhann naomh, agus mar bhòid nach tréigeadh iad a chùis a bha 'na 'm beachd, ach gun seasadh iad dileas gu bàs. Cha b'e so a cheud àm anns an d'fheuch muinntir Alba an doigh so; agus anns an d' fhiorsaich iad 'fheum. Chleachd iad an dòigh cheudna 'nuair bha iad a tilgeadh dhiùbh cuing Eaglais na Ròimhe, agus a cur a chatha an aghaidh nam pàpanach. Chum an coimhcheangal naomh iad daingeann ra chéile 'san àm sin agus dh'-fheuch iad a nis an ni ceudna 'nuair bha Eaglais Easpuigeach shasuinn a bagradh saltairt orra.

Air latha na sàbaid, toiseach na bliadhna 1639, dh'innis ministearan Dhunéideann as a' chrannaig, gun robh leithid so do bhainn ri chur 'na 'n taigse; agus bhrosnaich iad gach neach aig an robh spéis do chreidimh agus d' a dhùthach, a làmh a chur ris—shocraicheadh latha agus uair ann an cladh no'n sill f'harsuing dlùth do'n Eaglais-ghlais an Dunéideann, far an d' iarradh air gach neach a bha toileach air an làmh a chur ris a bhainn so bhi lâthair.

Cha luaithe thainig an latha na thòisich an sluagh ri cruinneachadh, na ceudan agus na mìltean mar shruth mòr a' gabhail an rathaid a dh'ionnsuidh na h-eaglais. Air dà uair an déigh mheadhon latha bha'n cladh, ge mòr e, làn. Shuidhicheadh a' choinneamh le ùrnuijh a chuireadh a suas leis an diadhair urramaichte *Mr Henderson*, aon do mhìnistreirean Dhunéideann. Sheas Morfhear *Loudon* na dhéigh sin air lichd-lithie osciunn chàich, agus le cainnt chumhachadh blrioghl'or, chuir e an céill doibh am fòirneart a bha 'n Righ a' feuchainn a dheanamh orra, agus ghairm e orra iad a sheasamh air son a chreidimh sin a bha air a stéidbeachadh 'san dùthaich—iad a bhi mar aon duine, guala ri guala 's nach b' eagal nach buannaicheadh iad 's a chûis. B'e cheud duine chuir a làmh ris an t-Iarla Sutherlanach; thog na mìltean an iolach àrd---cha robh biorraid na boineid air ceann: air leachdan nam marbh chàireadh am meambran no 'n craicionn-sgrìobhaidh air an robh an cùmhnant air a tharruing a mach, agus tha e air a ràdh nach fhacas sealladh riamh bu shòlaimte na 'n coimbhthional mòr so le'n cinn rùisgte, làmh agus sùil gach aon diubh ri néamh, a' bòideachadh gum biodh iad dileas d'a chéile, agus le neart an Tighearna nach d'thugadh bagradh no bàs orra dealachdainn ri'n creidimh. Air an là-màireach bha muinntir Dhunéideann agus na dùthcha mu'n cuairt a' cur an làmh ris a' bhainn naoimh, iad féin, am mnathan agus an clann, àrd agus iosal, bochd agus beartach; sgrìobh moran diubh an ainmeannan le'm fuil féin a thug iad as an cuiilibh. Mar a bha'n coimhcheangal naomh so air a

ghiùlan o àite gu àite, lean na mìltean e le gul, le sailm, le ùrnuihean agus deuraibh. Bu chùmhnant so eadar sluagh dùthcha agus an Dia a rinn iad, agus 's dòcha nach faca agus nach faic Albainn gu bràth còmhdaile cosmhuil ris a chòmhdaile ainnseil so. Chaill càirdean an Righ am misneach---dhùisg corruiich an Righ; dh'amhairc e air Albainn mar rioghachd ann an ceannairc 'na aghaidh, agus chuir e roimhe lamh-an-uachdar fhaotainn orra, agus an tarruing gu géilleachd-ainn ge b'oile leò.

'Se an t-ath ni a rinn na Cùmhantaich, airgiod a chruinneachadh air feadh na tire, chum comas a thoirt dhoibh air seasamh gu daingeann r'a chéile, agus dol fo arm as leth an creidimh, mum buadhaicheadh an Righ agus a luchd-comhairle anns a chreidimh. Easpuigeach a sparradh orra. Chuireadh dùblachadh de'n chùmlinanta naomh do gach ceàrn a dh' Alba, agus do gach sgìreachd, chun comas a thoirt do gach aon a bha deònach, an làmh a chur ris. Cha robh ministeir, no Iarla, nò mòrfhear, no tighearna, no uachdaran a bha air son Eaglais na h-Alba, aig nach robh dùblachadh de'n Chùmhnant air a shiubhal, chum gach cothrom a ghabhail air ainmeannan ùra fhaotainn anns gach àite 'n rachadh e. Mar so chuir a chuid mhòr de'n Rioghachd an làmh ris, agus bu choimhcheangal na Rioghachd a bh' ann.

A dh'aindeoin air a so uile, cha do tharruing Righ Tearlach air ais. Bha e co uaibhreach, àrd-inntinneach 's nach dùraigeadh e géilleachdainn. Bha a bhan-righ na bana-phàpanaich; bha ise 'ga bhrosnuchadh gu làidir. Bha Easbuigean Sasunnach ann an

lionnhorachd m'un cuairt da 'ga mhealladh. Chuir e roimhe uime sin arm a chur anuas do dh'Albainn, agus a thoirt air na Cùmhñantaich striochdadh le lamhachas-làdir. Thug na Cùmhñantaich mar a bha chùis, agus thòisich iadsa nair uidheamachadh a dheanamh mar an ceudna. B'e Iarla *Hamilton*, flath òg agus eireachdail, agus ann an dlùth chàirdeas do'n Righ, an t-aon a roighnich Righ Tearlach a chur a nuas á Sasunn a shoc-rachadh gach gnothuich. Thainig e gu tir air cladach Lite, agus chañdh na Cùmhñantaich 'na chòmhdbail. Bha uachdarain agus uaislean na dùthcha a' marcachd, agus an sluagh a' coiseachd 'na'n déigh. Bha trì fichead mile fear an òrdugh air a chòmhdbail so, air an tarruing suas co riaghailteach 's ged a b'arm seasmhach na Rioghachd a bh'annta. Ann an aon bhuidheann, taobh ri taobh bha seachd ceud ministeir, ceud dhiubh so á ceann mu thuath Eirinn. Chuir an sealladh so ionantas air Iarla *Hamilton*, "B'fhearr leam, deir esan gun robh Righ Tearlach e fèin an so an diugh." Ghuil e gu goirt, agus cha d'fheuch e a dheoir a chleith; oir chunnaic e gun robh an Righ air a mhealladh, agus nach robh an dùthaich so a bha mar aon duine, r'a cur fodha no ri bhi air a saltairt fo chosan le oidhirpean an Righ agus a chùirteiran cealgach. Thug e nach striochdadh iad, 's nach robh feum 'fheuchainn. Phill e air an aobhar sin air ais do Lunnuinn. Sheas baile Aberaidhean a mach an aghaidh nan Cùmhñantach, agus mòr-fhear *Hunly* a bha'na phàpanach dìrrasach.

Cha robh aig Righ Tearlach a nis ach a dhìchioll a chleachdadh chun Albainn a chur fo smachd;

ach dh'oidhirpich e an t-uidheamachadh a bha e deanamh a chleith. Dh'asluich na Cùmhñantaich air Ard Sheanadh Eaglais na h-Alba a ghairm, agus cead a thoirt doibh cruinneachadh chum gnothaich-ean na h-eaglais a chur fo riagh-ladh: Fhuair iad an cead sin, ged nach robh 'na bheachd ach an dall-adh le samhladh càirdeis. Shuidh-icheadh di-ciadain a cheud latha thar f'hichead de cheud mhìos a gheamhraidih 'sa bhliadhna 1638 air son cruinneachadh Ard-sheanadh Eaglais na h-Alba: a choinneamh bu chudthromaich' agus a chòmhdbail a b'ainmeala air an do shuidh an Eaglais cheudna riagh.

Feuchaidh sinn ri cunnas a thoirt air an Ard-sheanadh ainmeil so 's an ath àireamh.

---

#### Comharruidhean air caochlaidhean na Sìde.

Cha'n eil dùthaich air talamh anns nach faightear a measg a luchd-äiteachaidh, comharraidhean sònruichte leis an tuigear roimh làimh, ann an càileiginn, cuid de na h-atharraichean sin tha teachd air an t-sìd. Tha cuid de bheoth-aichean ann, aig am bheil mothachadh mòr air caochladh air bith a tha ri teachd air an t-sìd, o theas gu fuachd, no o thuradh gu uisge, no o aimsir chiùin gu stóirm. Tha cuid de lusan a's luibhean, agus de bhlàithean a thaisbeanas na h-atharraichean tha ri teachd air an t-sìd. Tha comharraidhean àraig ri fhaicinn air aogas nan speur agus ann an coslas nan neul, leis an tuig daoine fiosrach tha cleachdadh suim a ghabhail de na nithe so, ciod an t-atharachadh tha ri teachd.

Smaintich sinn nach biodh e mi-thaitneach no gun fheum d'ar leugeadairean, cuid de na comharraidhinean so chur an cùill doibh 'san Teachdaire.

Thubhairt sinn gun robh cuid de chreutairean ann aig an robh mothachadh, ged nach eil fios aginne ciamar, air na h-atharraighean tha teachd air an t-sìd. Chìtear coin no madaidhean a tha stigh ann an seòmar, a' cinntinn trom, codalach, neo-thogarrach agus leisg 'nuair tha'n t-uisge dlùth; caidlidh iad ré 'n latha fa chonhair a ghealbhain agus tha e doirbh air uairibh toirt orra éiridh. Tha'n ni ceudna r'a fhaicinn an giùlan nan cat. Tha'n deala gu h-àraid mothachail air atharraichean na sìde. Tha i co maith chum eòlas thoirt dhuinn air caochlaidhean na sìde ri gloine-shìde. Ma chuirear ann an gloine shoilleir i, as nach faigh i teachd, agus trì cheathramh de 'n ghloine sin làn uisge a dh' atharraichear uair 'san t-seachduin ré'n t-Samhraidh, agus da uair 'san t-seachduin ré'gheamhraidh, leigidh i fhaicinn iomad caochladh tha teachd air an t-sìd. Ann an aimsir chiùin shamhraidh luidhidh i 'na cuairteig ann an lochdar na gloine; ma tha 'n t-uisge ri teachd roin' fheasgar, snàigidh i suas gu uachdar an t-soithich, agus ann an sin fuir'ghidh i gus am bi 'n t-sìd socrachte; nuair tha stoirm no doinionn sìde dlùth, cha teid tâmh oirre ach air a h-ais 's air a h-aghart, a suas, 's a sìos; is ainmig leatha socrachadh gus an séid e gu cruidh; ma tha stoirm mhòr de thàirneanaich agus de dh'uusge dlùth, gabhaidh i tâmh latha no dhà roin' àm os cionn an uisge, agus tha i a'taisbeanadh co mi-shuaimhneach an-shocrach sa tha i; an àm reothaidh agus sìde

shoilleir, luidhidh i air iochdar an t-soithich, agus ri sneachda no uisge togaidh i oirre gu nullach na gloine.

'Nuair chìtear an gaobhlan-gaoithe aig itealaich gu h-losal, agus a' siabadh air ais 's air aghart dlùth do'n làr, agus a'tumadh bàrr a sgéithe 'san uisge, feudar amharc air son uisge.

'Nuair nach 'eil na seilleinean no na beachan a dol a mach mar a b' àbhaist doibh, 'nuair tha tunnagan a's gedidh a' deanamh mòran gànraich a's gogail is ràcach, feudaidh sinn mar an ceudna amharc air son uisge.

'Nuair tha sìd fhlìuch dlùth 's bitheanta le tunnagan a's geoidh a's eòin eile bhi ni's togarraiche air son iad f'héin a nigheadh agus a thumadh ann an uisge na air amannan eile; 's bitheanta le calamain agus le cait iad féin a nigheadh ann am bùrn air bith a gheibh iad 'nuair tha uisge dlùth; 'san fhogharadh tha na cuileagan anabhairrach sgaiteach roimh'n uisge.

Ma thuiteas dhuinn a bhi mach an déigh sìd thioram 'nuair tha uisge dlùth, feudaidh sinn mothachadh do spréidh a' sìneadh a mach an amhchannan, agus a' deoghal na gaoithe le'n cuinneinibh fosailte, agus gu tric a' cruinneachadh ann an cùil no 'n oisinn achaidh le'n cùl ris an t-soirbeas.

Tha ròcall nan gilleacha-craigean agus nan losgunn—sgreuchail na peucaige, lionmorachd nan damhan-alluidh a' streap ris na ballachan, na daolan, 's na durragan a' teachd a mach as am frògaibh 'na'n comharraidhean gu 'bheil an t-uisge dlùth.

Ma mhothaicheas sinn losgainn a' teachd a mach gu lìonmor as an tuill; ma chì sinn na famhan

a' tilgeadh barrachd ùrach os an ceann ni's bitheanta leo ; ma chì sinn an ialtag a 'tighinn a stigh, agus ma chluinnear i a' bideil feadh an t-seòdmair ; ma mhothaicheas sinn na mucan a ruith le cònlach 'na'm beul ; an spréidh aig imlich an casan toisich, agus ma chluinnear na luchaidh ri ùp raid àraid 'na'm fòrgaibh, feudaidh sùil a bhi agaínn ris an uisge.

Tha caoich a's gabhair ni's togarraiche gu ionaltradh, agus ni's duilghe'n toirt uaithé roimh uisge na air amannan eile.

Am measg gach comharradh eile, chìtear na sèangain ni's dian shaothairiche a' giùlan an uibhean ; cluinnean an fheannag 's am fidheach a' ròcail ni's àirdé roi'n uisge na's àbhaist doibh.

'S bitheanta leis a' chomhachair aig no a chailleach oidhche bhi gearan 's a' glaodhach ni's tùirsiche roi'n uisge na àm sam bith eile.

'S abhaist leis an smeoicich òran binn a sheinn gu h-àrd 's gu fada roi'n uisge agus roi'n stoirm.

Tha eòin bheaga dbubha\* air a chuan leis an cleachdadhl fasgadh a ghabhail fo rothal nan luing-eas 'nuair tha stoirm dlùth.

Ann an Irt tha seorsa de dh'eòin† a tha ro fheumail ann an rabhadh a thoirt air atharrachadh gaoithe : nuair philleas na h-eòin sin a dh'ionnsuidh na tire ann an lionmhorachd, tuigidh muinnitir Irt nach bi gaoth 'n iar ann ré ùin 'f hada ; agus air an làimh eile nuair a philleas iad chum a chuain, feudar sùil a bhi ri gaoth 'n iar gu grad.

Nuair tha faoileagan a chladh a tighinn 'na'n sgaothaibh lionmhor gu tir, agus ri sgreuch-

ail àrd mu na cladaichean, tha so air a chunntas 'na chomharradh air stoirm a bhi dlùth. Tha e mar an ceudna gu tric a' tachairt gu 'bheil na muca-biorach, na peileagan, na canaichean 's na puthagan a' teachd dlùth air tir, agus air uairibh a ruith air tir roimh stoirm mhòir.

Tha comharraidhean eile mar a thubhairt mi, air an toirt dhuinn le lùibhean, lusan, agus blàithean àraid, ach fàgaidh mi iad so gus an ath àireamh.

*Campsie,*

T. M'L.

*Litir o'n Bhuirdeiseach Bhànn,  
m'an Diunceir mhòir Ghael'aich  
a bha'n Glaschu o chuonn ghoirid.*

A dhuin' uasail urramaich,

Fhuair mise mòran litrichean o'n Ghaeldachd, murf huair iomad aon a bharrachd orm, ag iarraidh orm cùntas a chur dhachaídh m'an DINNEIR mhòir Ghael'aich a bha agaínn o chionn ghoirid ann an Glaschu, chum urram a chuir air an Teachdaire Ghaelach.—

Smuaintich li mi nam biodh sibhse co maith is cead a thoirt domh fios-freagradh a chur san Teachdaire; gu'm b'e an dòigh a b'fhearr chum fios a thoirt doibh air fad mu'n chùis : agus ged a tha'n litir a leanas ro fhada, tha dòchas agam gun d'thoir sibh àite dhi ; oir creidibh mise, tha mòran d'ar luchd-dùthcha ro dhéigheil air cùntas flaotainn air còdhail a thug toil-inntinn co mòr do ur cairdean lionmhor ; agus ged a bhiodh iad deich uairean ni bu lionmhoire na tha iad, cha bhiodh nam measg gu lèir fear eile is déòthasaiche no ur Seirbhiseach dileas. AM BUIRDEISEACH BAN.

\* The stormy petrels.

† Procellaria glacialis.

A Ghoistidh Ghaolaich,

Fhuair mi do litir—se b'aill leam a ràdh, fhuair do litir mise anns a cheart àite chuir thu air a cùl;—agus a nis feuchaidh mi a freagairt mar is fearr is urra dhomh. Bha mi da rireadh aig an dinneir mhòir, air an eala tu iomradh anns na Paipeiribh naidhreachd—agus ged a chosg e lhomh mo thri-tastain-deug agus mo shè sgillean, cha'n eil mo shùil 'na dhéigh—Feuchaidh mi nis ri cùnnatas a thoirt duit m'an Choinneamh so mar is fearr is urrainn domh—ach's éigin duit mo leithsgeul a ghabhail ge nach dean mi so ach air dòigh ro chearbach.

Shuidh sinn sios dlù do chùig fishead fear, mu chùig uairean an déigh mheadhon là, ann an seòmar a bha air a dheanamh an dara cuid air son na cuideachd, no a'chuideachd, air son ant-seomair; oir cha chumadh e fear eile os ceann na bh'ann. Cha'n fhaca mise cuideachd cosmhul riù riagh, agus is dòcha nach faic—air son bidhe is diblie, mar robh pailteas ann, agus eireachdas, cha'n fhiosrach mise ciod ris an abair daoine pailteas na eireachd-as.

Bha priomh Cheannard àrd Oil-tigh Ghlaschu aig ceann a Bhùird, air 'àrdachadh os ceann chàich, mar Cheann-uidhe na cuirme—Duin' uasal tlachdmhor eireachdail, co aoidheil, shuilbhearra, fhiughantach 'sa chunnaithe mi riagh air ceann bùird—agus an t-urram dha gu smachd a chumail air cuideachd. Bha Duin' uasal measail aig deireadh a bhuid, fior Ghael, mar dh'innseadh dhòmhsa—agus bha Cinn-stuic eile an sud, 's an so, m'an cuairt air a bhòrd, daoine ris an robh cùram na cuideachd agus riagh-altean a bhùird an carbsa. Cha

robh mòran seanchais ann am feedh 'sa mhair an itheannaich. Bha na li-uile fear a'dinneadh a stigh mar a b'fhearr a b'urrainn da, agus a'deanamh a dhìchill chum luacha-peighinn a bhi aige—agus mar d'fhuair iad sin, orra fein biodh a choire—a dh'aon chuid cha robh di annlainn orra—Bha am fion dearg agus geal a' cur nan smùid diubh m'an bhòrd—na h-uile fear mar shluigeadh e làn a bheòil, a'gogadh a chinn ri fear eile; b'e so an comharradh gun robh toil aige fìon òl leis. 'S ann an sin a bha gogadh nan ceann! mar gu'm biodh sgaoth thunnagan fa chombair a chéile. An gabh thu fion leamsa, ars' an dara fear? Gun teagamh, ars' am fear eile—Is ann an sin a bha'n odhail—seachad so—H-ùg air fheara!

Faidheòidh thainig crioch air an itheannaich, agus bu mhithich dhi—mhùgh mi fein air leth-dusan trinnseir o'n a shuidh mi. Thugadh buidheachas—agus bha gach gloine làn. Deoch slàint' an Righ, ars' an t-Uachdran air ceann a bhùird, le guth a dh'fhòghnadh do Cheannard airm—thugamaid, ars' esan, urram do'n Righ. Leis a so, a mhic chridhe, thòisich an othail—sheas gach duine, chaidh gach gloine m'an ceann, agus thogadh an iolach! *Sud ris—sud ris*, arsa gach fear—*nis nis—nis*—agus thog iad an sin caithream shuilbhearra a theab mo bhòradh. Ciòd e so? a deir mise, ri Coinneach Ruadh, a bha làmh rium? Am fasan, a deir esan. Ro mhaith, arsa mise! Shuidh iad an déigh sin, a tharruing an analach, agus bha sìth ann car tamuill—Dh'òladh an déigh sin deoch-slàinte na Bànrighe leis an ùinich cheudna—'an sin Càbhlach agus feachd na Rioghachd—a Phàrlamaid—agus

gnothaichean sámhach socrach de'n t-seòrsa sin---Rinneadh so uile gu ciatach réidh mar is àbhainist duinn fein a dheanamh. Thòisich iad an sin ri seannachas agus ri comhnaltradh; na h-uile fear a sniomh as an fhear eile mar a b' fhearr a b' urra dhìa. Tha so, arsa mise, ri Coinneach, mar bu chòir dha bhith; tha'n stairirich ghrannad ud seachad; air t-athais, arsa Coinneach. Mar thubhairt b' fhior; ann am meadhon an t-seanachais, dh' éirich Ceann-uidhe na cuirme, le slachdan beag fiodha na làimh, leis an tug e dairearach chruaidh sgaireteil air a bhòrd. Flreagair an t-uasal a bha a'ig ceann shiùs a bhùird e, le dairearach eil' a bhualadh, agus le seasamh mar rinn an t-uachdran. Bha gach duine na thosd; chluinneadh tu anail na luch. Ciod e so, a deir mise, ri Coinneach? Cuisd! arsa Coinneach! Labhair Ceann-suidhe na cuideachd an sin gu socrach rèidh, agus 's ann dá a b'aithne. So, ars' esan, a dhaoin' uaile, deoch slàinte nach diùlt sibh. Labhair e'n sin gu fonnmhòr suidhichte m'an Ghaeltachd, mu ar monachan farsuing, agus ar Srathan seasgair; mhol e na Gaedheil, agus gach ni a bhuiineadh dhoibh: cha robh monadh no srath, no coille no doire; no Caol no Eilean nach do mhol e; labhair e mu ar Beann-tai arda; agus m'ar glinn iosail; mu ghàrthaich ar cuanta mòra, is mu bhòichead ar lochain shàmhach fhìor-uisge; mhòl gach creag agus garbhlach; agus am badan ceò a dh'iathas m'an timchioll. Thug e iomradh air ar n-òrain, is airar ceòl, ar Saighdeirean agus ar Cinn-fheadhna, agus mu se nuallan na Pioba moire, cha do dhi-chuimhlich an duin' eireachdail! Las mo chridhe le aoibhneas. Dh'

fhiorsraich mi m'fheòil aig éiridh air mo chnàmhaibh. So ars' esan *Tir nam Beann, nan Gleann 's nam Breacan!*

A mhic chridhe: ciod a thagad air? ach nach cuala mise ri am stairirich agus iolach ghairdeachais cosmhuil ris an aon a thug iad air an àm so. An uair a thainig sìneadh air an othail so, thug an slachdan beag fead eile air a bhòrd. Cha robh smid á beul. 'S e'n slachdan beag an gille, arsa mise, ri Coinneach: Cuisd! arsa Coinneach ruadh. A dhaoin' uaile, a deir an t-uachdar, C'arson a thainig sinn an so a nochd? Cha ruig mi leas innse dhuibh, so deoch slàint' an Fhrsin a tha cur a machl an *Teachdaire Ghaelaich*.

Sud ris "An là a chi 'snach fhaic." Thòisich a għlaodhaich mhòr a ris---na h-uile fear a ràn-uithe mar a b'fhearr a b'urrainn da, a' breabadh nan cas, agus a' bualadh a bhùird. Bha gach fear 'nasheasamh ach aon duine truagh a chunnaic mi 'na ghuraig bhronaich ri taobh an Uachdarain,---a cheann glas air a bhòrd mar gu'm biodh e thairis le deoch---no tubaisd air chor-eiginn air. 'Nuair thog e a cheann bha aodann co bân ri aogas duine mhairbh. Cò e am bodach glas ud, a deir mise ri Coinneach? Cha d' ol e 'n deoch slàinte---is ann air a tha 'n droch neul, an duine truagh!! Stad beag, arsa Coinneach---chi thu an tiota cò e. An uair a bha a għlaodhaich seachad dh'éirich e, Ach co bha'n so ris an robh mis' a' gabhal truais, ach mo charaid an *Teachdaire* e fein. Cha d'aitheach mi e, is cha b' iogħna sin, cha robh mi mar urchair gunna dha. Dh'éirich e, ach ma dh' éirich---thòisich an ùpraid---marbhaisg orra, a deir mise, ri Coinneach, nach bitheadh iad sàmhach. Bi

d' thosd ! arsa Coinneach—so am fasan. An e, arsa mise ? thòisich mo charaid an Teachdaire—ach ma thòisich esan, bhuail iadsan. Chrom e 'cheann. Nach nàrach e, arsa mise ri Coinneach ? An e sin do bharail, arsa Coinneach ? Tha e co moiteil air a cheart àm ri aon bhean-bainnse a sheas riamh 'an làthair Ministeir. Leig thusa leis—thig e as a phaiseanaich naïre ud a thiota---agus mar thubhairt b'fhiòr. Thòisich e gu mälda nàrach---cò ach esan ? Cha leaghadh an t-im 'na bheul. Cha 'n 'eil fios agam a dhaoin' uaisle, a deir e, ciod is urradh dhomh a ràdh---thug e tuisleadh no dhà, mar dheanadh each crùbach 'san dol a mach---ach 'mar ghabh e teas, agus mar chaidh e fo shiubhal, chuir e dheth gu h-inich. Càite nis a' bheil an naïre, arsa Coinneach ruadh ? Nach dubhaint mi riut ? Sud e an impis sgàine le moit. Labhair e gu maith, agus gu ro mhaith. Thug e dhoibh eachdraidh na Gae'ltachd o làithibh Fhinn mhic Cumhaill. Labhair e mu sgoilibh agus mu Eaglaisibh. Mu dhaoin' a rinn maith d'ar dùthaich anns na linntibh a dh'fhalbh, agus anns an àm a tha làthair. Labhair e mu thogradh nan Gaedheal gu foghlum fhaotainn, agus mu iomad ni nach urrainn domh a chur sios. Ma rinn an Teachdaire Gaelach riamh maith, ars' esan, ma thug e riamh toileachas-inntinn no fiosrachadh seachad, abhudheachas sin dhàsan a thainig an nochd á Duneideann a chuir urram air a chòmhldhail so—a bhuidheachas uile, ars' esan, do Charaid nan Gaedheal---agus do charaid mo chridhe a tha 'n nochd na shuidhe an so dlù dhomh, Priomh uachdarán Ard Oil-tigh Dhunéideann. An t-Olladh urramach. Dcòrsa H. Baird—neach,

a dh'f huiling barrachd saothair, agus a chosg barrachd d'a mhaoin fein air son maith ar Dùthcha, na rinn aon duine eile a tha 'n nochd air aghaidh an t-saoghail. Caraid, deir esan, (is e 'g amharc an aodann an duine choir) a choisinn ainm air feedh na Gaeltachd, a luaidhear le cliù an déigh dhuinne agus do chlann ar cloinne bhi air tuiteam gu h-ùir. Seadh, ars' esan, is e togail a ghuth, Caraid a choisinn ainm a luaidhear le taing-ealachd gus an tig an là sin anns am freagair Mac Talla nan Creag osna bhàis na Gaelic a'measg gharbhlaichean ar Dùthcha !!

Bha sùil gach fir air a Bhodach choir—thòisich a bhasbhualaich 'sa ghlaodhaich—agus tharruing an Teachdaire 'anail. 'Nuair a shin air an toirm—chriochnuich e na bha aige r'a ràdh, le mile, agus mile taing a thoirt dhoibh, a' gealltuinn nach di-chuimhnich-eadh e gu latha a bhàis an t-urrnam a chuir iad air. Leig a chuid-eachd dairearach ùr, agus shuidh e. Tha sud, arsa mise, ri Coinneach, seachad ; cha 'n 'eil e co nàrach 'sa shaoil mi. Nach dubhaint mi riut ? arsa Coinneach.

An déigh faochadh beag, bhuail an slachdan a rìs. Am fear nach òl an deoch slainte so, arsa Ceann-uidhe na Cuideachd, cha Ghaedheal e—cha'n Albannach e. So, ars' esan an t-Ollamh Baird, a chuir urram air a choinneamh so, le tighinn an nochd, a dh'aon obair, à Duneideann a chumail na còmhldhail. Thog a chuideachd air bonn mar bu nòs—'s ann an sin a bha 'n othail. Dh'éirich an duine eòir—duine co aoidheil coslas 'sa chunnait mi riamh—a chiabhan aosda co géal ris a chanach. Ma mhol càch esan, neothar-thàing mar do mhol esan iadsan. B'e so cleachda na cuid-

eachd ; " mol thusa mise, is molaidh mis' thusa." Ma labhair càch gu maith, labhair esan deich uairean ni b'f hearr—cha chuala tu riamh a leithid---bha sinn an dara uair an impis caoineadh, le bhrithra ciùin gràdhach, caoimh-neil, agus air an ath mhionaid, bha sinn a' call ar lùis le gàireachd-aich. Cha do thachair a choimeas riamh orm. Choisinn e urram na h-oidhche thairis orra gu léir. Nach e'n gille am Bodach mòr, arsa mise, ri Coinneach ? Dh'òladh an déigh sin Luchdriaghlaidh a bhaile mhòir. Dh'éirich àrd Uachdaran Ghlacshu a thoirt taing dhoibh : duine taiceil, làidir, grunndail, tuigseach-Bha slabhruidh òir m'a mhuineal, agus bonn mòr òir, dà leud mo bhoise air 'uchd air an robh gearradh-arm no suaicheantas a Bhaile mhòir air an deargadh. Mhol esan an Teachdaire mar rinn càch. A' bheil Gaelic aige ? arsa mise ri Coinneach. Cha 'n 'eil focal, a deir Coinneach. An Gille ! arsa mise ! Cò bha na shuidhe ri taobh an Teachdaire ach Tighearna Cholansaidh. Is mi a dh' aithnich a cheann glas. Dh'òl sinn a dheoch slàinte le h-anabharra sodain. Bha mi ro thoilichte leis an dòigh air an do fheagair c. Bha iad 'na dhéigh so ag éiridh 'an sud, 's an so, a' losgadh o thaobh gu taobh. Cha b'aithne dhomh fear as an fhichead diubh---is cha b'f hearr Coinneach ruadh na mi fhéin. Cò, arsa mise, tha nis air a bhonn ? Duin' uasal eireachdail a bha toirt duinn deoch-cuimhneachain TRIATH GHART. Sud, a deir esan, fior Ghaedheal. 'S ann aig a tha sùgradh a ghnothaich, agus cha b'e cheannach a rinn e---mac an deagh athar---an Sgiathanach uasal o Shrath-mhic-Ionmhuiinn.

Cha chuala mi rè na h-oidhche briathran a b'f hearr a thaitinn rium na a chainnt a chleachd *Ceann-uidhe na curime*, an toirt duinn deoch cuimhneachain nan daoine mòr agus maithe, a dh' eadar-theangaich na Sgriobtuire do'n Gaelic---chaochail iad gu léir, a deir esan, ach tha an cuimhne mar dhearsa na gréine air tìr nam beann.

An déigh iomadlı seanachas, agus iomad sláint, a dhi-chuimh-nich mi thug Uachdaran na cuid-eachd seachad deoch slàinte na muinntir sin a bha cuideachadh leòsan a bha cur a mach an Teachdaire Ghae'laich. Tha cuid diubh an so a làthair. Dh'òladh so le furan---chaidh fuaim an aigheir a mach feadh an t-seòmair, agus mar bu dual fheagair Mac-talla. Cnapairneach làidir, taicil, de dh'fhor Ghrael, a muinntir Eilein Chola, mar chuala mi ; agus air m'f local fìrinneach chuir e dheth gu deas.

Dh' fheuch *Sealgair* a bha sa chuideachd ri stad a chur air—ach bha co maith dha oidh-irp a thoirt air an t-sruth a philleadh air a Bhun-dubh. Sheas a chuideachd le Mac-talla, agus an urram sin da. Thug e dhuinn Greugais is Laidiunn—agus Eabhrá—agus dhearbh e gu riochdail gu 'm b'i a Gaelic mèthair gach aon diubh. Tha sibh an sin a dhaoin' uails,' thuirt esan, luchd riaghlaidh a bhaile mhòir so, agus uachdarain Oil-tighean na dùthcha, agus ge dàna do Ghael bochd mar a ta mise a bheul fhosgladh, cha'n urrainn mi an còthrom so leigeil seachad gun bheagan de na tha 'm bheachd a labhairt. Cia mar, a deir esan, a tha e tachairt gu bheil bàigh co mòr agaibh ris gach cànmhuinn eile 'n ar n-Ard-thighibh foghluium, agus

gu bheil sibh co suarrach m 'an Ghaelic? Cha chuir sibh a mach Ministeir a tha cearbach 'sna càmmhuinibh sin, ge nach faic mi gu bheil mòran feum annta. Cha d'thugadh sibh comas searmon-achadh do a h-aon diubhl sin a thuslicheadh air focal beurla—ach leigidh sibh troimh 'ur lamhaibh gach là, Ministeirean Gae'lach, aig a' bheil ri labhairt ris na miltean, agus gun f'ocal de Ghaelic nam beann 'nam beul—"ach cuid di 'na Gaelic, agus pàirt di na Beurla," nach b'urrainn na daoine bochd éisdeachd gun ghràin agus anntachd. Cha dean so cùis ni's faide ars' esan.

Thug e dhoibh gu deas. Mo bheannachd ort, a deir mise; gabhadh iad sud; 's ann ad bheul tha'n fhìrinn. 'Smi bha thall 's a chunnaic e. Shuidh Mac-talla, is thug sinn dairearach dha; rùisg air mo bhosaibh a'toirt urram dha, oir thuig mi .nis gur h-ann am meud na stairiùch a bha'n t-urram. Dh'éirich fear is fear na dhéigh so. Loisg iad air a chéile o thaobh gu taobh de'n bhòrd; cha robh ann ach clach os cionn cloich Mhic Leòid. Ghabhadh e seachduin dhomh a chur sios na chuala mi.

Thug òganach tlachdmhor nach b'aithne dhomh, a mhuinnit Thobar-mhuire, mar chuala mi, dhuiinn òran, m'an d'fhàg mi a chuideachd, agus 's ann da fein a b'aithne sin a dhèanamh; cha chuala mi rioblaid idir bu bhinne. Dhealaich a chuid bu lionmhoire de'n chuideachd gu maith tràthail; ach chuala mi gun robh buidheann bheag thaghta de dh' fhìor Ghaedheil, de Ghillean an éilidh, a shuidh ri guaillibh a chéile, beagan ni b'fhaide. Agus an tuasal Sgiathanach o Shrath Mhic Ionmuinn air ceann a bhùird. Cha'n'eil mi cinnteach c' uin a sgaoil iad so; ach air leam gu'n cuala mi, an déigh mo cheud chodail, is mi ann an seòmar dlù dhoibh, am Muileach còir a'togail òrain eile. Crìochnaichidh mi an litir so, le a li-aon de na h-òrain a sheinn e a thoirt dhuit ann an cainnt ar dùthcha fein; agus d'a' rìreadh, ged a tha'n sneachd an nochd air an raon, rachainn mìle no dhà air chéilidh gu 'éisd-eachd uaithe.

Slàn leat, fhir mo ghaoil,  
Is mi do charaid dileas,  
AM BUIRDEISEACH BAN.

---

### AM FOTHANNAN.

Biodh an uaill as an tir thug do Phàdrui a chliù,  
'S a fearann a chuain, 's na chuir Sasunn an dùil,  
Le'n ròsaibh dearg maiseach, is le siomraig ro ghrinn;  
'S mòr gur ionmuinn le 'm chre-sa na sléibhteann mù Thuath,  
Tir nan gorm-beann 's nan glacan, a dh'altrum an uaisl'  
'S na sleibhtibh 's na choisinn an t-Saorsuinn mor bhuaidh,  
Is nach facas riabh tràill anns na gliun 's nach do għluais,  
Far am fàs am fraoch badanach, gaganach, grinn.

Ged is reamhar am fonn 'san cinn ròsan 's maith dreach,  
Ged is lom ar n-àrd shléibhteán, 's iad còmhdaicht' le sneachd,  
Far am fas am fraoch barr-dhearg 's an cluaran neo-minh,  
Bha na Gaidheil riabh cairdeil, 's fior rioghail 's gach àm,  
An teagmhail no cùuadail cha do bhuadhach orr' nàmh,  
Ar dùthach gun choimeas, is ar treum laoich ro-àilt',  
Is ar n-òighean fior-dhreachmhor aigimeachd a' mhàigh,  
Far an eirich am foth'nan—am foth'nan neo-chliù.

Air ar sinnsir tha cliù, anns gach cath thug iad buaidh,  
 'S gur a h-iomadaidh càrn, air an ànmh thog iad suas  
 Air uaighibh nan laoch 'dh' fheuch ri Alb' thoirt fo'n cùs;  
 Agus 's lionar garbh-chàrn thogar 'n aird air ar tràigb,  
 Ma 'se 's gun tionnsgainn oirn cogadh, 's gun d'thig oirne ànmh—  
 Thigeadh ànmh air muin nàimh, mar thonn air dhruim tuinn,  
 Gun d'thoir sinn dhoibh coinneamh, gun gleidh sinn dboibh uaigh,  
 Fo fbreumh an fhraoich bharr-dheirg 's an fhòth'nain neo chil!

O ! 's ionmuinn le 'r n-anmaibh mor thròcair na flaitibh,  
 'S i saorsuinn is naill dhuinn, 'san fhearrann 'sa bheil sinn,  
 Ann an talamh an fhòth'nain—an fhòth'nain neo-chli :  
 Far na cheannaich ar sinnsreadh ar t-saorsuinn mar dhuais—  
 Le dòrtadh am folà, 's bheir an sliochd mionnan cruaidh,  
 Nach cuir ànmhaid gu bràth aon chas air an uaigh,  
 Ach cinnidh a' fòth'nain air uaighibh nan laoch—  
 Fòth'nain Albuinn ro chalgarra—fòth'nain neo-chli.

### LATHA NOLLAIG.

Is lionmhòr iad air feadh na Gaeltachd a tha mu'n àm so a'deanamh uidheamachadh airson na Nollaig, nach h-urrainn innse seadh an fhocail, no c'arson tha cuimhn air an latha so seach aon latha eile o thoiseach gu deireadh na bliadhna. 'S latha féille an Nollaig ann an Eaglais shasunn agus ann an Eaglais na Ròimhe, agus mar an ceudna ann an Eaglaisibh Criodail eile air tir-mòr na h-Eòrpa, mar latha cuimhne breith Chriosd. Tha iad a'cruinn-eachadh gu tràth air an latha so 'na'n tighibh aoraidh, agus an déigh do'n mhiuisteir no do'n t-sagart searmoin a thoirt dhoibh mu theachd an t-Slànuighir a dh'ionnsuidh an t-saoghal, tha iad le fuaim bhinn nan organ àrda, agus le co'-sheirm ghàirdeachais a'seinn laoidh na Nollaig. Cha'n'eil am focal so, *Nollaig r'a fhaotainn* 's na Sgriobtuiribh, agus cha mhò tha latha breith Chriosd air innse; agus idir cha'n'eil e air àithne dhuinn latha féille de'n t-seòrsa so a choimhead. Cha chualas iomradh air *Géill na Nallaig* ré

tri cheud bliadlna 'n déigh breith Chriosd; agus tha fios againn nach 'eil na sgoileirean a's foghluiinte a 'dh' aon bharail mu 'n là na eadhon mu 'n mbìos anns an d' rugadh e. Cha'n'eil là eil' air a naomhachadh le Dia ach latha na Sàbaid: so an t-aon latha tha mar fhiachaibh òirne chumail mar latha féille. Ach ged nach 'eil e dligheach òirnn an latha so a naomhachadh, gun teagamh cha'n'eil e dligheach dhuinn a mhi-naomhachadh ni's mò na aon latha eile. Ged nach d'iarradh oirne cruinneachadh gu aoradhl follais-each, cha d'iarradh oirnn cruinneachadh gu ol, gu misg, agus baoth-shùgradh. Ma ni sinn eadar-dhealachadh air bith eadar e agus latha eile, 'sann chum urram a chur air bu chòir dhuinn teachd cruinn. Tha so dligheach air gach àm, tha'n t-atharrachadh mì-dhligheach agus peacach air gach dòigh.

Fhuair sinn an dàn a leanas o chionn fhada, ach ghléidh sinn e airson latha Nollaig, agus tha sinn ciunteach gun leughar e le tlachd.

## BREITH CHRIOSD—LAOIDH NA NOLLAIG.

Bu tràm-shàmhach tosdach bha 'bhuaille's an t-achadh,  
 Cha chualas aon fharum no glusad nì's mò;  
 Ach a chuairt-ghaoth ag osnaich air feadh nam beann dosach,  
 A's borbhan nam bras-uisc' ri monmhur roi' lòin.

Sguir driop agus carraid a's gleadhraich a bhaile ;  
 Chaidh gach ainmhidh a's duine gu sàmbhair a's sìth :  
 Sguir an uiseag d'a h-òran, bha tosd air an smeòraich,  
 'S chaidh an treabhaiche dhachaidh tràm, airtnealach, sgìth.

Bha 'ghealach air éiridh a's gorm-bhrat nan speuran,  
 A' dealradh le reulta cho fad sa bu léir ;  
 Bha buach'lean Bhetlehem air mullach nan sléibhte  
 A' caithris an trendan m'an éireadh dhoibh beud.

Leò b'éibhinn an sealladh ri fann-ghath na gealaich  
 Bhi faicinn na spréidhe 'na 'n luidh 'air an f heur ;  
 Leò bu mhilis bhi 'g éisdeachd na spideig\* air gengan,  
 A' seinn do na reultaibh bha dealradh 'san speur.

Ach chunnaic iad sealladh ni b'éibhinn gu fada,  
 Ma's d'thàinig a' mhàduinn a' dealradh 'san speur ;  
 A's chual iad guth molaidh bu mhìse gun choimeas  
 Na òran na spideig 'na suidh' air a' Ghéig.

Feuch thàinig orr' aingeal a dh'innis doibh naidheachd,  
 'Ghrad f huadaich an t-eagal bha orr' aig an àm ;  
 Dhealaich glòir Dhé uim,' mar lòchran bha 'endann,  
 'S bu ghile bha eudach na sneachda nam beann.  
 " Na bitheadh oirbh eagal, ach eisdhíbh le creidimh,  
 " 'Sna cuiribh an teagamh 'n sgeul ait th' agam dhuibh ;  
 " 'N dingh rugadh dhuibh Slàn'ear am baile righ Dàibhidh  
 " Bheir saors' agus slàint' do gach àl agus linn.  
 " 'S a chum a's nach seachain sibh naoidhean na maise,  
 " Thugaidh aire do'n deis' air an fhainich sibh e .  
 " Gheibh sibh e'm prasaich, am brat-spéilidh paisgte ;  
 " — Sin còmhdaich gun mhòrchuis, neo-rìomhach mhic Dhe.

Cha luaithe a thubhairt an t-aingeal so riutha  
 Na chual' iad 's na speuran mòr-luathghair ro bhinn ;  
 'S air togail an sùilibh feuch a' nuas orra thùirling,  
 Mòr-chuideachd thar cùmantas de ainglibh a'seinn.

" *Glor do Dhia anns na h-àrdaiibh; dha canaibh Hosanna !*  
 " *Air talamh biodh siocaint, deadh ghean do chlann daoin' !*  
 " *Uil' onair biodh dhàsan dhealbh innleachd na slàinte !*  
 " — *Gràs De tre an t-Slan'ear cha chaochail a chaoidh.*"

OIGFHEAR.

## NAIDHEACHDAN.

'Se naidheachd is mò tha falbh  
 air an àm, a' ghleadhraich tha  
 daoine anns gach cearna de'n  
 rioghachd a' deanamh airson ath-  
 leasachadh fhaotainn air an dòigh  
 anns a' bheil luchd-àrd-chomhairle  
 na rioghachd, uaislean na Parlame-  
 aid, air an roghnachadh. Cha'n  
 'eil Sioramachd 'san dùthach no

baile mòr anns nach 'eil còmh-  
 dhailean chum so, an t-ath-leasach-  
 adh tha dhì orra, thoirt mu'n  
 cuairt ; ach cha 'n 'eil dà choinn-  
 eamh dhiubh 'san aon bharail :  
 Feuchaidh sinn anns an ath-  
 theachdaire ri seòrsa do bheachd  
 a thoirt d'ar luchd-dùthcha mu'n  
 chùis so.

\* Nightingale.

'S duilich linn a ràdh gu bheil mòran do losgadh 's do mhi-riagh-ailt a' dol air aghaidh an Sasunn air an àm. 'S bochd r'a éisdeachd an cùnnatas tha teachd oirnn mu na nithe grannda so, ach tha easg air a chur orra ann am bith-eantas, agus tha dòchas againn nach fhada gus an stad giùlan tha co tàmailteach do'n rioghachd, agus co sgriosail air an lòn tha 'm Freasdal a toirt do dhaoine. Is làn thoillteannach iadsan tha losgadh mulain phrìscil chrainceachd, agus gach obair ealanta innleachdach 'ga 'bheil daoine deanamh

feum chum saothair mhic an duine a lughdachadh agus an lorg so teachd-an-tìr agus aodach a thoirt dbhian co saor; 's làn thoillteannach tha mi a ràdh, iad so air a pheanas a's àirde is urrainn lagh na rioghachd thoirt a mach 'nan aghaidh.

Tha sìth is sàmhchair an Albainn: Tba cosnadh gle dhuilich fhaotainn air an àm. Tha mhin aig eiridh am prìs, agus an fheòil; tha chlòimh a' dol an daoiread. Tha 'm buntàta maraon daor, a's 'sann ni's daoire tha choslas air a bhith.

### FOCAL 'SAN DEALACHADH.

Mòran taing do'n Latharnach; tha sinn fada 'na chomain. Gheibh am Bodach liath agus Seumas àite cho luath 's a's urrainn duinn. Tha nàir' eirn nach d' fhuaire sinn cothrom f hathasd air àite thoirt do'n Eileanach ionmallaich, agus do chuid do nithe thainig o Chraig-an-eidheannaich, ach da rìreadh cha'n 'eil comas againn air: Gabhadh iad ar leisgeul.—Taing do'n Tuathach. Chi Clann an t-soluis an solus 's an ath-Theachdaire.—Piseach air Mactalla.—Bheir sinn taoghall air luchd na droch ghaelic, san ath àireamh, ged a b'ann le solus na gealaiche.—Mòran taing do I. M'L.—Leigidh sinn le Fionnla Plobaire agus le 'charaид Para mòr an conaltradh laogach fein innse 'san ath Theachdaire.

Fhuair sinn an litir a chuir Fothannan fiadhaich o mhachair nan Gall d' ar n-ionnsuidh; cha'n 'eil a chridh' againn a cur a mach—bheireadh Clann-Ghriogair an sgamhan asuinn a cheud latha rachamaid do Ghlaschu, no bu dan duinn an sgeul innse.—'S duilich leinn cor *Maighstir sgoile na gruaige*. Cha'n 'eil teagamh againn nach 'eil adharc a mhainisteir 'na chliathaidh, ach cha bhuin e dhuinn dol 'san eadraignn.—Moran taing do dh' *Ailean beag*.—Fhnair sìgn litir *Lachainn Oig*: tha i tuigseach ni's leoir—ach! O! tha i tràm, tràm, cha ghabh i leughadh—cha'n urrainn duinn àite thoirt dhi: an ni nach gabh nigheadh cha ghabh e fàsgadh.—Failt, air Iain Gallda! mo bhonnag air! 'S f had' o'n dù latha sin.—Gum ma fada beò e's ceò as a thigh.—Is tha thu gu gleusda Iain? 'S tù dir' fhas ciùin modhail mǎldà: au uair a huidheas a' ghaioth 's maol gach sion.—'S eadh, fhuair thu mach cò rinn an eucor ort air an robh thu gearan;—fhir mo chridhe! fosgladh so do shùilean, 's na bi cò bras a ris—amhaire romhad mun toir thu leum; 'nuaire theid duine 'm mearachd 's a cheud cheum 's ann ni's faide air sheachran a bhios e dol. Bha Tailleur seolt' ann naireiginn do'n t-saoghal, agus thuit da gum robh gille aige aig ionnsuchadh na tailleireachd; 'nuaire bha tòine a ghille mach, 'sa bha iad ri dealachadh, thuirt an Tailleur ris "Tba do cheàird a mis agad air do làimh fein, 's ionad comhairle mhaith thug mi riambh dhuit, ach tha aon chomhairle agam a ghleidh mi gu àm dealachadh,—agus ma bheir thu duais mhaith dhomhl bheir mi ni's dhuit i, agus tha i anabarrach feumail do thàilleir." Gheall an gille 'n duais agus an sin thug an Tailleur a chomhairle dheireannach do'n ghille tha mise nis a toirt do dh' Iain Gallda "Am fear nach euir a shnaim, caillidh e cheud glreim." Slàn leat Iain—Bliadhma mhaith ùr dhuit is mòran diùbh!

AN

## TEACHDAIRE GAELOCH.

MIOS DEIREANNACH A GHEAMHRAIDH.

XXI. AIREAMH. 1831.

AN FHAISNEACHD MU THIMCHIOLL LUCHD-AITEACHAIDH  
AFRICA, AGUS INNSEAN NA H-AIRD-AN-EAR.

*Agus thubhairt e, Mallaichte gu'n robh Canaan; 'na sheirbhiseach nan seirbhiseach bithidh e d'a bhràithribh. Agus thubhairt e, Beann-aichte gu'n robh Tighearna Dia Sheim; agus bithidh Canaan na sheirbhiseach dha. Ni Dia Iaphet farsuing, agus còmhnuichidh e ann am bùthaibh Sheim; agus bithidh Canaan 'na sheirbhiseach dha. Gen. ix. 25, 26, 27.*

Tha againn anns na briathraibh so fàisneachd a rinneadh le Noah ann an ceud linn an t-saoghal, mu dhéibhinn a chuid mhac fein. Labhair Noah na briathran so tamull beag an déigh dha teachd a mach as an àirc, agus an uair nach robh ach a theaghlaich fein a mhàin air an t-saoghal. Ach ged a thugadh seachad an fhàisneachd so o cheann cheithir mìle bliadhna, tha a coilionadh r'a fhàicinn air a cheart àm so, agus fìrinn focail Dhe air a shoilleireachadh fa chomhair ar sùl.

Cha 'n 'eil eachdraidh nan Iudhach, no eachdruidh nan Arabianach, a 'togail dearbhadh ni's làidire air fìrinn fàisneachd an Tighearna, na tha eachdraidh nam fineacha lionmhòr sin a shìolaich o mhacaibh Noah.

Bha triùir mhac aig Noah, Sem, Ham, agus Iaphet. B'e Canaan, m'an robh an fhàisneachd so air a labhairt, oighreachd Ham. 'Sann air a shliochd

a bha'm mallachd so ri teachd—air na Canaanaich. Chunnaic Dia, roimh-laimh, aingidbeachd an t-sluagh so, a thòisich ann an giùlan Haim o'n d'thainig iad; agus chuir e ann an eridhe Noah an f'hàisneachd eagallach so chur an cèill m'an déibhinn.

Feuchaidh sinn ris an fhàisneachd a mhìneachadh gu h-âithghearr. *Mallaichte gu'n robh Canaan.* So a cheud chuid de'n fhàisneachd—agus choimhlionadh am mallachd so gu tràthail. Bha na Canaanaich nam pobull aingidh os ceann aon phobull air bith eile. Bha iad nan sluagh gràineil, truaillidh, neo-ghlan. Cha robh peacadh anns nach robh iad ciontach. Ann an leabhar Lebhiticus xviii. agus xx. Caib. tha cunntas sgreamhail air a thoirt duinn air giùlan nan daoine mallaichte so. Is ann air son an aingidheachd a thug Dia seilbh do na h-Israelilich air an dùthaich, agus a dh' f'hògair e iadsan aisde.

Ach tha am mallachd a bha ri teachd air sliochd Haim, gu h-àraidh a' ciallachadh daorsa—agus tràillealachd. Seirbhiseach nan seirbhiseach bithidh e d'a bhràithribh. 'Se sin ri ràdh, bithidh sliochd Haim, na Canaanaich, nan tràillean do shliochd Sheim, agus Iapheit. Bitidh iad ann an daorsa aca—nan seirbhiseich aig an seirbhiseich. Linn na dha an déigh do'n fhàisneachd bhi air a labhairt, fhuair na h-Israeilich, sliochd Sheim, fo cheannas Iosua, buaidh an aghaidh nan Canaanach; chuir Iosua deich rigbream fichead dhiubh gu bás—ghabh e seilbh 'nan dùthaich—mharbh e leis a chlaideamh luchd-aiteachaidh na tire—rinn e tràillean de na Gibeoinich, agus de chinnich eile a bha dhiubh. Agus na dh'fhang esan rinn Solamh tràillean diubh 'na dhéigh sin, mar chi sinn II. Eachd. viii. 7, 8. 9. Rinn e tràillean de gach aon de shliochd Chanaain; ach cha d'rinn e tràillean de aon de shliochd nam bràithrean eile.

Fad iomad linn 'an déigh do dh' eachdraidh an t-Sean Tiomnaidh dùnadhbh, bha cuid de shliochd Chanaain cumhachdach agus laidir. Chuir iad an cath 'an aghaidh nan Roimheach, agus nan Greugach; ach b' eiginn doibh faidh-eoidh strìochdadh. Thug Alasdair uaibhreach, mac Righ Philip, le 'fheachd Greugach buaidh air na bha chòmhnuidh dhiubh ann an *Siria*, agus ann am *Palestina*; agus bhuadhaich *Scipio*, agus na Roimhich an aghaidh nan *Tiranach*, agus luchd-âiteachaidh *Charthage*. Thug so air *Hanibal*, a h-aon de na Canaanaich e fein, Eigeach le h-uamhas, Tha binn a mach 'an aghaidh *Charthage*. Is eiginn doibh gélleachdaiann.

A nuas o'n là sin tha an sluagh

so nan tràillean. Tha iad nan seirbhiseich do chloinn Iapheit, agus Sheim gus an là 'n diugh. Ghabh iad rè tamuill tàmh 'san Eiphit. Bi an Eiphit tìr Ham—mar chi sinn gu tric sa Bhòbull; agus rè iomad linn, bha an Eiphit na dùthaich chumhachdaich, bheartaich, ach f'huaire na Persian-aich buaidh na h-aghaidh. B' iad so sliochd Sheim—agus na dhéigh sin thugadh leir-sgrios air an Eiphit leis na Greugaich, sliochd Iapheit. Agus o'n àm sin bha an dùthaich sin fò dhaorsa do chloinn am braithrean.

'Siad clann Ham a mhàin a tha 'g aiteachadh tìr-mòr Africa. An ruig sinn a leas innseadh an tràillealachd thruagh anns an robh an dùthaich bhochd so o cheann iomad agus iomad linn. Cha 'n eil e comasach a chur an céill an cor eagallach, aingidh, dubhalceach, mallaichte, anns a bheil sliochd Chanaain, 's na dùthcha dorcha sin. 'Si Africa tìr na daorsa—tìr na tràilleachd—tir na truaighe.

'Nan tràillean 'nan dùthaich f'héin—air an reic, agus air an ceannach mar thràillean—air am fogradh gu tràillealachd do gach céarna de'n t-saoghal: tha clann thruagh Chanaain gus an latha 'n diugh air an reic agus air an ceannach mar ainnbidhean na machrach—tha iad ag oibreachtadh agus a' saothreachadh mar ainmbidhean—tha iad air an saltairt fo chasan—air an sgiùrsadh mar nach biodh anmannan aca, no tuigse: Siubhail an saoghal agus gheibh thu f'ìnn fàisneachd an Tighearna, *Mallaichte gun robh Canaan*—'na sheirbhiseach nan seirbhiseach bithidh e d'a bhràithribh.

Ach mu'n tig sinn gu crìch, feoraicheamaid eia mar a choimhlionadh na geallainean a rinneadh

do Iaphet. Ni Dia Iaphet farsuing, agus còmhnuichidh e ann am bùthaibh Sheim. Gin : ix. 27.

Agus bha Iaphet air a dheanamh farsuing, ni b' fharsuinge 'gu mòr na sliochd a dhà bhràthar; bha e farsuing ann an dùthaich agus ann an gineil: 'S ann do shliochd Iapheit tha sluagh na roinn Eòrpa gu h-uile—agus cia anabarrach liomhor iad sin féin, gun labhairt mu 'n chuid eile dhiubh:—'Sann diubh luchd-àiteachaidh Armenia, Iberia, Albania, agus na rioghachdan farsuing mu thuath far am bheil na Tartaraich a chòmhnuidh, agus tha aobhar a smuaiteachadh gu'm b'ann diubh ceud luchd àiteachaidh America a fhuair thairis air na caoilàilthean tha eadar America mu thuath agus tìr-mòr an t-sean t-saoghal a's dlùithe dha. Mar so choimhlionadh a chuid so de'n fàhsneachd, Rinn Dia Iaphet farsuing—agus choimhlionadh a chuid eil 'air an dòigh cheudna, águs tha i gach latha a coimhlionadh mu choinneamh ar sùl—that iad a' còmhnochadh ann am bùthaibh Sheim. Tha clann Shéim ag àiteachaidh tìr mòr Asia, Innsean na h-àirde 'n ear, agus tha e air a ràdh gun còmhnuich sliochd Iaphet 'na 'm bùthaibh—se sin 'nan àiteachan-còmhnuidh; agus nach culaidh iongantais da rìreadh mar thachair so. Tha muinntir na h-Eòrpa, sliochd Iaphet a chòmhnuidh ann am bùthaibh Asia—ann an dùthaich cloinn Sheim. Buinidh a chuid a's mòd de dh' Asiaido Bhreatunn—tha na míltean agus na ceudan de mhìltean d'ar luchd-dùthcha féin a chòmhnuidh air a cheart àm so ann am bùthaibh cloinn Sheim. Nach h-airidh air mothachadh so! Cha 'n 'eil àite na baile na còmhnuidh aig clann Sheim am

measg bùthaibh Iaphet gu lèir, ge liomhor iad; ach tha clann Iaphet a h-uile latha dol thairis agus a' gabhail còmhnuidh 'am bùthaibh Sheim.

Agus a nis nach éiginn duinn aideachadh gur eagnaidh, puncail an doigh anns 'n do choimhlionadh an fàhsneachd so. Thugadh seachad an fàhsneachd so o chionn càrr agus ceithir mìle bliadhna; agus gus an latha 'n diugh, tha i fosgladh a mach ni's mò 's ni 's mò, agus tha a fìrinne air a dearbhadh mu choinneamh ar sùl. Tha eadhon eachdraidh an t-saoghal againn 'san fàhsneachd so—agus daingneachadh no còmhachadh làdir againn leis gach aon eile air firinn *focal an Tighearna*

T. M'L.

Campsie, 1831.

#### MU'N CHRUINNE.

#### VII.

A bharrachd air a għluasad a ta lionadh a's tràghadh an làin a cur fo'n fhaige, thugas fainear do mhòran de shruthean eile, ann an ioma earrann de'n chuan, a ta daonnañ a' siubhal air an aon imeachd; agus do'n mħaraiche, tha e ro f'héumail fios a bhi aige air neart agus air siubhal nan sruth sin. Ann an cuið de dh-àiteachan 'se sīneadh no imeachd nan cladaichean a ta 'g aomadh nan sruithean so; agus, ann an ionad-an eile, 'siad na gaoithean a tha ris. Far a bheil sruth uachdair an cònuidh a' siubhal, thugas fainear gu 'm bheil sruth iochdair daonnañ a siubhal 'na aghaidh sin, a chumail suas co-chothrom nan uisgeachan. 'Sann mar so a tha chūis ann an caolas Ghibraltair, agus aig beul na mara Baltaic,

eadar an t-Suain agus Lochlann. Gu bheil an leithidean so de shruthiean-ìochdair a' siubhal ann an ioma cuid de'n fhairge, chaidh a làn-dearbhadh le ioma deuchainn. Chaidh so a dheanamh gu h-àraidh 'sa mhuiр Bhaltaic, air an dòigh so. Thug iad a mach sgoth do mheadhon an t-sruth a ta 'sìor-ruith a stigh do'n mhuir so; agus, am feadh's a bha'n sgoth a' ruith gu siùbhlach leis an t-sruth, chuir iad a mach craoileag agus cothrom trom slaodadh rithe. Cha b'fhada gus an deachaidh grabadh air siubhal na sgoth; agus, an uair a leig iad a chraoil-eag 'san cothrom fodha na b' fhaide, chaidh an sgoth air a hais, a dh'aindeoin an t-sruth-uachdair, agus na gaoithe cuid-eachd, a bha 'na h-aghaidh. Cha robh doimhneachd an t-sruth-uachdair os ceann 4 no 5 aith-eamh; agus chaidh beachd a ghabhail, gur h-ann mar a b' fhaid' a leigte fodha a chraoileag, bu treise neart an t-sruth-ìochdair.

A bhàrr air na sruithean so, gheibhear, ann an corr ionad de'n fhairge, sruithean-cuaireige no coireachan-cuain. Is ioma sgeul-uamhais a chualas riamh umpasín, eadar na bàird agus na maraichean. Ach a nis, o'n a thòisich na nàdurach air oibrean a chruinne a sgrùdad, fhuaradh a mach nàdur nan cuan-choireachan so, cho math ri nàdur ioma ni eile a bha 'na chuis-uamhais ri linn an aineolais; agus, do bhrigh's gu'n ruag eòlas air falbh ogluidheachd an aineolais, uime sin, cha'n eil urad fhiamh aon chuid air na bàird no air na maraichean a nise roimh choire-Bhreacain 's a b' abhaist doibh. "Ach, ciod is aobhar do na coireachan so?" Innsidh mi sin duit. An uair a

bhios meall mòr uisge 'na dhianruith ann an amar garbh, neochòmhàrd, theid grabadh a chur air cuid deth, agus iompaichear e gu cuartaig, agus is e siubhal cuairteach so an uisge a ta ri cuanchoire. Tha so furas'd a léughadh, do bhrigh's nach fhaighear coire-cuain ann an àite sam bith ach faisg air còrsaichean creagach, stallach, garbh, agus ann an caolais chumhann, stallach, sgeireach. Rinn am maraiche Mac Coinnich deuchainean 'as rannsachadhi timchioll Choire-Bhreacain, agus fhuar e a mach gu 'bheil an sruth ann an sin, eadar Iura 'us Scarba, a' tuitean an dara siubhal thairis air stale mhòr sgeire, agus air 'aisiubhal a' bualadh na stailce céudna; agus, mar a chaidh a mhìneachadh cheana, gu bheil gach grabadh dhiubh so a' toirt air an uisge siubhal cuartaig a ghabhail, agus uime sin a' deanamh Coire-Bhreacain. Tha coire-cuain air còrsa siar-thuath rioghachd na Suainge, ris an abair iad am Maoistrum, agus is ionann nàdur a chòrsa m'a thimchioll agus nàdur còrsa Choire-Bhreacain. Chualas mòran de naidheatordan eagallach aig cuid de mhaireachan mu choire a Mhaolstruim, ach 's ioma maraiche 'bha glé eòlach air seòladh Rathad a chòrsa mu 'bheil e, nach cuala riamh urad agus iomradh air.

A. B. R.

## COMHRADH NAN CNOC.

*Para Mòr, Fionnladh Piobaire,  
agus Mòr Og.*

*Fionn.* Cò tha againn 'an so a Phàruig? Ma ta is fada o chunnainc mi fein bean uasal a' tearnadh a stigh na Catha ud roinhe.

*Par.* Tha dà latha uaithe ma chì thu 'n diugh i; tha uait a bhi

shuas no bitidh othaisg san dris. Cha mhaith a f hreagras an sròl uaine ud a' measg na droighinn. Nach dubhairt mi riut? Seall an tràs i. O! làn na beannachd do'n droighinn—'s minic a chuala mi gun robh i gun eiseimeil—'s gu dearbh tha mo chead aice.

*Fionn.* Ud! Ud! a Ghoistidh, cha dubhairt thu riamb a leithid. A cheart rìreadh a tha mi, tha uainn dìreadh 'na cò'dhail.

*Pàr.* Ma ta cha d'théid mo chas ged a bhiodh i sniomh 'an sud gu latha; ach ma tha truas agad di, theirig san eadraiginn—éudail—'s tusa dh' amais air a mhnaoi uasail—tha e coltach gur ann agad fein a tha 'm beachd oirre. 'Se sin thus' a bhith co tric 'an cuideachd nan uaislean. A' bheil cuimhn' agad air ar té d'an do sgrog thu do bhoineid an là a ràinig sinn Glaschu?

*Fionn.* Falbh! coma leat sin an tràs—cha'n ionann so agus Glaschu—is bean uasal a tha'n sud, no tha mise meallta.

*Pàr.* An cuala tus' a Ghoistidh, "Sìoda air cabar, agus bithidh e briagh"—sud agad e. Nam bitheadh i sud uasal, bheirinse urram na h-uailse dhi—ach mu tha feudar sgur de'n ghnothach. A' bheil thu idir ga h-aithneachadh? Nighean bràthar Flionnladh Phiobaire, is nighean peathar Phàra Mhòir!! Cha'n 'eil fhios c'aité bheil fear-na-bainnse? ach cluinnidh sinn. Is maith a tha fhios agam an taobh a thug e 'aghaidh an diugh.

*Fionn.* 'N ann a cheart rìreadh a tha thu? Ma ta, mar thuirt thu fein ris an tailleir ghallda, "is e'n gille 'n t-aodach"—ach 'si Mòr a tha'n so, co dhiubh. Fàilt ort a Mòr—bu mhithich dhuit tighinn air do shean eòlas.

*Pàr.* 'Bheil thu ann a Mòr?

Bha eagal oirnn gu'n cailleadh tu'n rùsg san dris. Cha b'f heaird thu 'n teadhair uaine sin slaoda riut 'sa chatha dhroighinn—theab i cipein a chuir ort.

*Mòr.* Tha e coltach nach feumadh daoine aodach *decent* sam bith a chur orra san dùthach so.

*Pàr.* Tha iunndrain agads' air a Ghalldachd, agus air na caubhsairean. Is tus a dh'fheudas a ràdh—leisan sgeulachd, Gun deach thu air do thuras le brògan pàipeir mu d' chasaibh. Cha mhaith a f hreagras no leòban sin 'sna sgrìodain. 'Bheil fios agad ciod a tha Fionnladh 'n so ag ràdh? ach gu'm b'f hearr leis gu'n tugadh tu dha stiall de'n riobain sin air son na Pioba—'s gu'n gleusadh e i air do bhanais a nasguidh.

*Mòr.* O *Uncle!* is *droll* an duine sibh: bithidh sibh daonnan ri *fun*, 's ri magadh.

*Pàr.* Bithidh a Mhòr. *Am fasan a bha aig Niall, bha e riamh ris.* Ach an saoil thu a Ghoistidh nach 'eil sud gu maith. *Uncle*, ars' ise!! Nach iongantach nach dubhairt i, Mr *Finlay*, agus Mr *Peter*, mar thuirt am Bodach Gallda.

*Fionn.* Ud a Phàruig tha thu tuille's cruaidh air Mòir bhochd, is i air ùr thighinn dachaidh; nach ann is maith leat i labhairt beurla? Ciod a bheireadh daoin' òg gu Galldachd idir mar togadh iad beagan dith.

*Mòr.* Gu dearbh a dhuine is maith a dli'f hàg sibh e. Abruuibh sin—tha e coltach, m'as fior esan, gun robh e cho mhaith dhuinn fuireach aig an tigh.

*Pàr.* Cha'n 'eil fhios agam nach robh cuideachd a Bhuiinneag, air dòigh no dhà—ach Fhionnlaidh, an saoil thu nach faod daoine Beurl' ionnsachadh 'gun a Ghælic a dhi-chuimhneachadh-

Labhradh i Beurla is neor thaing mär cum sinne rithe mar is urrainn duinn—ach is coma leam an co'thlaingadh mosach, mi-chiatach a tha nis aig na h-uile fear is té air an dà chànnhuinn.

*Fionn.* Ciod tha ris a sin, a mhic chridhe, ach an cleachda?

*Mòr.* Ciod eile, a dhuine, ach an cleachda? An saoil sibh an amais mis' a nis air a Gaelic?

*Pàr.* Cha'n amais, mo thruaighe!! Cha'n iongantach sin !! Théid an cleachda mar an dùthchas, an aghaidh nan creag. Cha'n iongantach leam idir mar a dh'éirich dhuit. Bha thu trì ràidhean air Galldachd, a' cagnadh ablach de Bheurla—'s cha robh thu ach deich bliadhna fichead sa Ghaeltachd, a' sgoltadh cainnt t-athar's do shean-athar. Ach ma chaill thusa, Mhòr, do Gaelic, 'si mo bharailse gu'm faod thu ràdh, mar thuirt a Chaill-each a h-eab a bruidhinn a chall, 'nuair a choidil i fa chomhair na gréine. "An cnochdan, an cnochdan," ars' ise, "gu leodach, far an do chaill mi mo Gaelic—is far nach d'fhuair mi mo Bheurla."

*Fionn.* Ach cha'n eil f'hiös a Phàruig nach 'eil a Bheurla ni's pailte aig Mòr na tha dùil agadsa.

*Pàr.* Cha'n eil f'hiös nach 'eil—ach chì mi gur h-ann mar is lugha tha aig daoine dlith is bith-eant' a tha i 'na gurrachdaig mhosaich an uachdar gach seana-chais—dìreach mar tha'n riomh-adh gu léir air an druim—sann mar sin a tha Bheurla gu léir daonna air an teangaidh. Nach

feuch an cluinn thu iad air feadh a chéile aig a mhaighstir sgoile; is fada m'an cluinn. Coma leat—mar thuirt an t-amadan e.\* *An là bhios sinn ri òrach bitheamaid ri h-òrach—'nuair bhios sinn ri maorach bitheamaid ri maorach.* 'Nuair a bhios sinn a' bruidhinn Beurla, bruidhneamaid Beurla; ach an uair a tha sinn a' bruidhinn Gaelic, labhramaid Gaelic. Is don' a fhreagras ad is casag ort fein le d' f'héile 's le d' osain, is ceart co mi-chiatach leam fein a Bheurl'agusa Gaelic a bhreachadh air feadh a chéile. Ach leig seachad e—fòghnaidh sud dh'eth. Tiugainn a Mhòr, dìreamaid a dh' ionnsuidh an tighe, 's mar tuig thu Gaelic, ni 'bhean do bheatha sa Bheurla chruaidh shasunnaich is fearr a tha aice.

*Mòr.* Bha gnothach beag agam ribh fein agus ri bràthair m'i athar an so, is o'n a dh'amais mi oirbh cha bhi mi taodhall gus am pill mi. Bha toil agam dìreach mo chomhairle chur ribh m'an ghnothach so tha mi cinnteach a chuala sibh fein a bha mi dol a dheanamh.

*Pàr.* Dìreach—Cò b'f hearr gu fiosachd na *Coinneach Odhar*? Bha fios agam fein gur h-ann mar so a bhitheadh—an geall thu gu'n gabh thu comhairle? Is minic a thainig comhairle an righ a beul an amadain—'s nam biodh tus,' a Mhòr a muinneag, air a chomhairle mu dheireadh a thug mise dhuit, a leanailt, bha thu'n diugh gu socrach cothromach pòsda ri

\* Bha amadan o shean ann an teaghlach Mhic Leoid, agus fear eile ann an teaghlach Mhic Dhomhnuill; agus chuir an da Cheann-fheadhna geall cò aig a bha 'n t-amadan bu ghòraiche. Chuireadh a thrusadh maorach iad do'n chladach, agus chaireadh bonn òir air cloich sau tràigh sau robh iad. Mhothaich amadan Mhic Dhomhnuil do'n òr. Am faic thu 'n t-òr? ars' esan, ris an fhear eile. Falbh! ars, amadan Dhun-bheagain, an là bhios sinn ri òrach, biomaid ri òrach; ach an là bhios sinn ri maorach, biomaid ri maorach.

Eoghann ruadh, is cha'n ann mar tha thu 'am beul an t-sluaigh, le siochaire de Ghall lachdunn—a'd' bhrise-cridhe do'n bhanraich bhochd is màthair dhuit; is ad' thàmailt do gach aon a bhuiteas duit.

*Mòr.* Eoghann Ruadh! thug sibh coimeas domh gu dearbh. Gu dearbh cha'n eil farmad agam ris an té a fhuair e. Cha b' ann le leithid a chìtht 'an cuideachd no 'an clachan mi. Mac an dubh choiteir.

*Fionn.* Mac an duine chòir chneasta; ach innis so a Mhòr, Cò b'athair do'n fhleasgach so a tha d' chois fein? Eudail b'f hada o chéile crodh laoigh ur dà shean-athar, 's mi tha cinnteach

*Pàr.* Cha'n eil f hios aicese, mo thruaighe, an robh a chearc a sgrìobadh an dùnan aig 'athair, no aig a shean-athair, gun tighinn air crodh laoigh. Ach gu dearbh ma,bha crodh laoigh aig 'athair, tha bhuil air-san gun do chuir iad an diosg gu maith trà e. Is glas an neul a th' air an deòra thruagh—dìreach mar gu'm faigheadh e ma sgaoil à priosan. Cha'n eil fios an aithne dha fein cò a b' athair dha.

*Mòr.* Is e fein a tha mis' a' dol a phòsdadh, is cha'n e athair no mhàthair; is ma tha esan gu maith, tha e coltach gur coma mar bha iadsan.

*Fionn.* Seadh--an e so e'n tràs? Cha choma, Mhòr, is minic a bha laogh maith aig bò chrotaich, ach air a shon sin m'as i mart fein a tha mi ceannach, is maith leam i bhi de shìolach maith: is gu cinnteach bu tàmailte do t' athair còir a tha sìnn' anns an ùir gun abradh iad ogha mèarlaich ri d' leanabh. Cha'n e air a shon sin nach feud an Gille bhi maith, agus de dhaoine maithe, ach gu dearbh

ma tha, a bhuidheachas sin da fhein—'s cha'n ann duitse, a Mhòr, a ghabh leis gun èolas gun aithne air fein no air a mhuinnitir. Ach a bheil a bheag idir aige?

*Pàr.* Innsidh mise dhuít mar tha sin—f had's is léir dhomhsa-Tha aig 'an Umbrella rìomhach ud a tha fo 'achlais—agus a chasag odhar a tha slaoda r'a dha shlinneig, mar gu'm faiceadh tu sean aodach air stob, no air sgàth ann an eorna—agus mar thuirt an t-òran,

Gun f hios a bheil na phòca  
Na dh'bladh a deoch slàinte.

*Mòr.* Mar 'eil ceird no stòras aige, tha rud is fearr aige—modh is ionnsachadh, is bheir se e fein as gach cuideachd le ceòl is conaltradh.

*Fionn.* Tha'n t-ionnsachadh gle mhaith a Mhòr, ach dh' fheumadh an saoghal so beagan de anns na làmhaibh, co mhaith ris a cheann. Air son modh dheth—tha e gle mhaith a rithist—ach 's minic a chunnaic mi'n duine bha maith gu thoirt fein a cuideachd, gun robh e mugha 's maith gu chuir fein ann—agus air son ciùil deth—tha e gle thaitneach dhoibhisan a tha ga éisdeachd: ach creid thusa mise, cha'n eil e ro tharbhach dhàsan a tha ga chluich—mo chreach, 's ann agam tha fios!

*Pàr.* Nach abair thu 'n sean fhocal, a Ghoisti. Cha mhìnich a bha *mòll aig sabhal Piobaire*. Ach cia air bith mar tha sin, cha'n eil dùil agam gun dean am fear ud a lòn le binneas a bheòil, no gluasad a mheur am feasd. Mar dean e *Drumair* beag do na *Volunteers*, ma théid iad air an cois a rìs, cha'n eil f hios agamsa ciod tuilleadh a tha air a shon—am fearagan bochd.

*Mòr.* Falbh! cha'n eil dùil ag-

am gu bheil e 'an comain ur molaidh, co dhiubh. Bha teagamh agaibhise ris na Gaill riagh. Is sibh a bha coimheach riutha. An saoil sibh nach feudar amas air duine maith idir 'nam measg?

*Pàr.* Cha'n'eil, a Mhòr, mis anns a bharail sin. Feudar amas air daoine còir 'nam measg, agus air daoine fiachail—ach am *fear a ghabhas* leis a cheud iasg a thig air a dhùbhan, cha'n'eil f'fios nach f'haigh e dallag. Agus an té a ghabhas le fear sam bith a thig 'na tairgse, maith a dh'f'haoidte gu'm faigh i biasd—agus mar d'f'huair thusa biasd, a Mhòr—thoill thu e. Ghabh thu leis gun èolas air fein, no air a mbuinnitir. Gun chomhairle chur ri màthair no càirdean, chuir thu thu fein am beul an t-sluagh, m'an robh thu 'm beul a Chléirich—agus ged a chi thu bean a's clann a'tighinn air a dhéigh an ceann ráidhe, mar thachair do'n té a phòs am marsonda mòr an uraiddh, 's maith an aithrigh. Is tu fein an òinseach bhochd shocharach mar bha thu. Sin agad sin. Gabh san t-sròin no sa chluais e. Ach thoir ort, ruig an tigh—ma tha na mnathan nan àbhaist, théid iad nì's faide ad' leithsgeul na théid sinne.

*Mòr.* Ma ta olc mhaith 's mar rinn mise tha mi 'm barail nach b' uilear dhoibh sin—is gabhaidh mi ur comhairle an fhad so, co dhiubh—gun robh maith agaibh air son ur caoimhneis.

*Fionn.* Dh'f'halbh i Ghoisti—'s cha'n'eil i tcilichte, ach bitheadh aice—rinn thu cheart choir beagan de'n fhirinn innse dhi; ach ciod am maith a ni e—tha i nis am beul an t-sluagh, agus cia air bith mar tha'n Gall feumaidh i bhi gabhail leis.

*Pàr.* Feumaidh, feumaidh, cha'n'eil ach an suaineadh an luib a

chéile, 'se sin ma chi am ministeir iomchuidh sin a dhèanamh; is cha'n 'eil fios agam cuideachd.

*Fionn.* Ach an saoil thu a Ghoisti nach feumar sealltannorr. Ged a bha i fein socharach 'si nighean a h-athar 'sa màthar i, is feumar cuideachadh leatha.

*Pàr.* Nach e sin, a mhic chridhe a chomhairle bha dhù oirre. Tha teann air tuarasdal leth bhliadhna crochta ri dà chluais; 's ciod anis a théid 'na beul. Ach nam bu Ghille measail a bha i faotainn, cha bu ghearan sin, ge b'e 'ait as an d' thigeadh e. Ach an siocaire beag lachdunn. 'S mòr leam ga beag e ambach circe shineadh air a shon—'s gun f'fios co è.

*Fionn.* Cha'n 'eil atharrach air a nis, ach an dreach is fearr a chuir air a gnoothach. Ach gu dearbh ge nach àbhaist domh mo chlann a leigeil gu banais; leigidh mi'n sud iad. Ma tha mothachadh aca bheir sud an sùilean doibh. Tha mi air m'oillteachadh an leigeil as mo shealladh, gun f'fios nach éirich tubaist doibh.

*Fionn.* Ma shaoileas tu gun dean e feum trus na h-uile nighean san dùthach ann; ach cha dean—cha'n 'eil annt' achi na dall-chuileinean thall 'sa bhos. Ach coma—mar seall iad rompa—seallaidh nan déigh—ach tiugainn a dh'fheuch ciod a ghabhas dèanamh; 's gu dearbh 's beag a tha de shunnd bainns' orm,

An oidhch' a rinn iad a banais,  
'Struagh nach i'n f haraire bh'ann.

*Pàr.* Thachair e dhomh, ach cha'n 'eil àrach air. A Mhòr! a Mhòr! mo thruaighe bhochd! cha robh thu riagh san dris gus a nis.

*Fionn.* Tha e coltach, ach mar thuirt *Iain amadan* e 'nuair a ghabh e air fein, Cò air a rinn thu sin? Ort fein a ghráidh. 'Si fein

a dhìolás air, air a cheann fa dheireadh, ged a thug i tàmailte dhuinne 'sa cheud dol a mach.

J. M'L.

EACHDRAIDH NA H-ALBA. 1638

*Air a toirt air a h-aghaidh o'n àite 'n do stad sinn 'san àireamh sa dheireadh.*

B'ann an Glascho a ghairm Iarla Hamilton, le ùghdarrasan Righ, air àrd Sheanadh Eaglais na h-Alba cruinneachadh chum nan gnoth-uichean sin a shocruchadh bha nis a dùsgadh connspoid co mòr air feadh na dùthcha.

Tharruing e fein do Ghlascho le buidheann liomhor de dh' uaislean agus de chùirteirean bha bàigheil do'n chreidimh Easpuigeach, agus thòisich na Cùmhnant-aich ri cruinneachadh a stigh as gach céarna de'n dùthaich. Cha d'thainig duine gun chuid airm, agus ma's iad a Chléir fén, bha 'chlaindheamh agus a dhag aig gach aon diubh. Cha do chruinnich uiread de dhaoine riamh roimhe ann an Glascho. Ged fhuair na h-Easpuigean gairm mar fhuair a chléir eile, gu bhi làthair, cha d'thainig ach dithis diubh: bha eagal an t-sluagh orra, agus b' eiginn an dithis sin fein a chur fo ghlais agus fo f'hreiceadan, an earalas gnn d'thugadh an sluagh droch laimhseachadh dhoibh.

Fa-dheòidh thàinig an latha sin a bhios ainmeil ann an eachdraidh na dùthicha agus na h-Eaglaise; \* agus chruinnich a' choinneamh mhòr iomraiteach so.

B' ann - an àrd-eaglais mhòir Ghlascho chumadh a choinneamh, ach mòr mar thà i, cha chumadh

i'n ceudamh cuid de'n t-sluagh anabhairrach a bha togairt a stigh. Shuidh an àrd Sheanadh so, Iarla Hamilton an riochd an Righ, air àrdachadh an cathair uaibhriach, riomhaich, a chùirteirean a' suidhe aig a chosan. Bha flaithean àrd na dùthcha gu léir cruinn. Bha tri fichead deug ministeur (260) a làthair, agus mu'n àireamh cheudna de dh'f hairfich. Bha lobhtaichean àrda ceithir thimchioll na h-eaglaise, anns an robh uaislean agus maithean na tire 'n an suidhe, agus bu shealladh an eaglais mhòr air an latha ainmeil so a b' air-idh 'f haicinn.

Cha d'rinneadh a bheag no mhòr air a cheud latha ach a' socrachadh cò 'n fheaghainn aig an robh ùghdarras gu bhi 'nam buill de'n chomh-chruinneachadh mhòr so.

Roghaicheadh an t-urrامach Maighstir Alasdair Henderson gu bhi 'na cheann-suidhe no na uachdaran do'n choinneamh. Dh' f heuch Iarla Hamilton gach grabadh a bha 'na chomas a chur orra; a cur an céill o nach robh na h-Easpuigean 'san làthair, nach bu choinneamh eaglais' idir a bh' ann. Thairg e litir a thainig o na h-Easpuigean a leughadh; ach cha d'thugadh a chléir cead da. Chuir-eadh latha 'n déigh latha seachad ann an connsuchadhi gun stà, agus ann an comhstri gheur eadar an t-Iarla agus a chléir—esan a' seasamh suas air son toil agus cairdeas an Righ, agus iadsan fo làn rùn a' cur 'na aghaidh.

Air an t-seachda' latha thug iad na bha mhiann orra gu buil; agus chuir iad rompa crìoch a chur air a chreidimh Easpuigeach. 'Nuair chunnaiac Iarla Hamilton na bha 'n

\* 21st November, 1638.

am beachd, agus nach robh 'na chomas an ceannsachadh, 's nach deanadh connsachadh no connspoid barrachd maith, dh'éirich e gu falbh—le deuraibh air a shùilean dh'innis e dhoibh gu'm b'e a dhleasnas a' choinneamh a chrìoch-nachadh agus an t-àrd sheanadh so a sgaoileadh.

Thog e air, e fèin agus a chùirt-eirean, agus dli'f hag e 'n t-àite co luath 's a bha 'na chomas.

Dhiùlt an t-seanadh sgaoileadh—chunnaic iad gu'n robh iad air oilbheum a thabhairt mar tha do'n Righ, agus o'n bha gnothuichean mòra cudthromach r'a shocrachadh chuir iad rompa fuireach le chéile agus crìoch a chur gu dàna neo-eiseamalach air an obair mhaith air na thòisich iad.

Bha 'n t-anmoch ann 'nuair a dh'f hág fear-ionaid an Righ iad, ach fhuaradh coinneal. Dh'éirich ceann-suidhe na coinneimh agus labhair e gu làidir, fearail. Tha sibh a nis, uaislean urram-aichte agus a bhràithrean gaolach, air bhur gairm gu dleasdanndh àrd—tha sibh air 'ur gairm le Freasdal Dhe chum 'ur guala chur ris an obair mhòir air 'n do thòisich sibh. Tha feum againn air còmhnhadh agus air gliocas o Dlia—ach so gheibh sinn. 'Thuige so bha Dia maille ruinn, agus seasaidh e sinn gu deireadh. Tha corruiach an t-saoghail a maoitheadh geur-lean-mhuinn dhaoine oirn, ach bidh ar Maighstir maille ruinn anns gach teinn, agus uime sin na biodh eagal oirn. Bheir esan air gach ni conch-oibreachadh chum maith—agus a mach as an dorchadas leis a 'bheil sinn air ar cuartachadh, bheir Dia air latha dealrach glòrmhor f hathasd éiridh an Alb-uinn. Na biodh eagal no sgàth oirbh—deanamh 'ur dleasdanndas, agus fagaibh cean-crìche na cùise

ann an lamhan an Tighearna. Bithibh dileas—bithibh sensmhach—air sgàth Chriosd agus ar n-anma na g'eilibh agus na striochd-abh.

Labhair e mar so gu laidir g'am brosnuchadh agus g'am beothachadh. Las misneach air gach aodann. Dh'éirich Flath àrd uasal, a bha 'm broilleach an lobhta, mac Iarla *Mhar*, agus ghlaodh e mach, "Tha'n Tighearna leibh! sheas mise mach 'n ar n-aghaidh, ach thug Dia dhomh nis mo cluinnart agus mo pheacadh fhaicinn! Cha dean mi dàil ní's faide—cha'n eil e m' chomas! Nuas a'ris' esan a bhann naomh agus an coimhcheangal sólaimte chum mo làmh a chuir ris! Guidhibh air mo shonars' esan—aslúichibh Dia as mo leith gun d'thugadh e maitheanas domh air son dearmad a chur co fada 'sa chuis!"

Labhair e mar so le guth àrd daingeann—bha na deòir a' ruith siòs o 'shùilibh. Tha m' ainm a nis ris a bhainn, agus le còmhnhadh Dhe seas'aidh mi còir na h-eaglaise gus an caill mi (ma's éiginn) am braon ma dheireadh de dh'fhuil mo chridhe!

Ghrad dh' éirich mòran de dh' àrd uaislean na tire bha lathair, agus labhairiad 'san dòigh cheudna. "Nach d'thubhairt mi ribh a mhuiintir mo ghràidh" orsa *Henderson* naomh—nach 'eil sibh a nis a' creidsinn gu 'bheil Dia maille ruinn. 'Nuair shaoil sinn gun robh Flaithean àrd na dùthcha chum ar tréigsinn, 'sann a sheas iad sinn; gabhamaid misneach; soirbhichidh a chùis.

Cha robh 'm focal as a bheul nuair thainig 'am Mòrfhear a b' airde 'san rioghachd air 'aghaidh, an t-Iarl' Aorach no Iarl' Earraghaidheal, agus leig esan mar an ceudna ris doibh gu'n seasadhl e

ad le 'f huil, le 'mhaoin agus le dhaoine.

Ghabh a chléir an sin misneach ; chaidh iad air an aghaidh agus shocruich iad Eaglais na h-Alba mar bha i'n déigh linn Iain Knox. Chuir iad as gu buileach do'n chreidimh Easpuigeach. Fhuair iad a chùis leotha—cha robh duine làthair gu cur 'nan aghaidh, no neach gu ràdh gu'm b'olc. Air an 13th December thugadh a mach binn an aghaidh nan Easpuigean Shearmonaich an gaisgeach treun, *Henderson*, ceann-suidheant-Seanaidh, agus ghabh e mar cheann-teagaisg, *Salm* cx. 1. *Thubhairt an Tighearna ri m' Thighearna, Suidh aig mo dheas laimh, gus an cuir mi do naimhdean nan stòl fo do chosaibh.* An déigh na searmoين rinneadh ascaoin-Eaglais air gach ball do'n chreidimh Easpuigeach. Ghairmeadh gun robh Eaglais n h-Alba nis a rithist air bonn; thogadh laoidhean taingealachd—Fhreagair seana bhallachan aosda na h-Eaglais àirde do na *halleluiahs* aighearach a chuireadh suas, agus sgaol an t-àrd-Sheanadh so a b' iomraitiche, a choinnich, no 's dòcha, 'choinnicheas gu bràth tuill' ann an Albuinn,

"Leag sinn gu lár" arsa *Henderson* "ballachan Iericho : mo thruaighe esan a dh' fheuchas a rithist r'an togail ?

'Nuair dh' fhág Iarla *Hamilton* àrd choinneamh na h-Eaglais thug e Dunéideann air ; agus an déigh dha buidheann làdir shaighdearan a chur an Caisteal a bhaile mhòr sin, thug e Lunnuinn air a dh' innse do'n Righ mar thachair.

Bha Tearlach mar dh'f heudas sinn a chreidsinn fo anabharra corruiich, agus ghrad thòisich e air uidheamachadh mòr a dheanamh

chum na Cùmhantaich a chur fo cheannsal.

Bha fios aige gu'n seasadh gach aon aig an robh bàigh ris an Eaglais Shasunnaich e, gu'n seasadh na Pàpanaich gu léir e. Bha earbsa mhòr aige á muinntir Eirinn, agus as na Gaidheil fo Iarla *Huntly*. Gheall Righ na Spàinde dà-mhile-dheug de shaighdearan taghta dha,---ach 'na dhéigh so uile, bha e gun òr gun airgiod, agus bha'n dùthaich am bitheantas suarrach m'a dhéibhinn.

Air an làimh eile bha na Cùmhantaich làdir, treun, lionmhor. Bha 'n cridhe 's a chùis ; bha iad dol a chogadh air son gach ni bu luachmhoire leo air thalamh, agus bu daoin' iad a dhòirteadh am braon fa dheireadh de dh' f huil chraobhach an cridhe mu'n géilleadh iad.

Bha 'san àm sin laoch threuna de dh'Albannaich a bha thairis as an Rioghachd a choisinn anabharra clù am *Flàrras* ; agus co luath 's a chual' iadsan gun robh Sasunn air éiridh an aghaidh an dùthcha fein, agus a' bagradh an creidimh Easpuigeach a sparradh orra 'dheòin no dh' aindeoin, ghrad għreas iad a nall. Thogadh an dùthaich agus thòisich gach aon a bh'air taobbh nan Cùmhantaich air uidheamachadh a dheanamh air son latha na gaillinn a bha nis dlùth.

Ghairm Righ Tearlach cogadh an aghaidh Albainn. Għlac e gach soitheach a bhuiねadh do'n dùthaich so a b'urrainn da fhaotainn ; agus chuir e roimhe teachd a nuas á Sasunn le feachd a chuir-eadh as do na Cùmhantaich agus d' an luchd leanmuinn.

Chì sinn mar dh' éirich 'na dhèigh so—feuchaidh sinn ris an eachdraidh so air 'n do thòisich

sinn a dheanamh co taitneach 's a tha 'n ar comas. Be'n cogadh so bha nis a' tòiseachadh tùs na geur-leamhuinn chruaidh sin a rinn-eadh air na Cùmhnaontaieh naomh, anns an d'fhuling ochd-mile-deug pearsa, an dara cuid bàs no bochd-uinn os cionn aon ni a's urrainn duinn a smuainteachadh. Feadh ochd-bliadhna-fichead sheas iad a' gheur-leamhuinn a b'oillteala agus a b'eagallaiche--ach mar thachair do shluagh an Tighearna a sheas 's an Eiphit, mar a's mò dh' fhuling iad 's ann bu lionmhoire agus bu tréine dh' f'hàs iad. Bha fuil nan daoine naomh mar shiòl do 'n Eaglais. Cliù do'n Ti a's àirde as an robh an earbsa, cha do ghéill iad—sheas iad a mach—agus gus an latha 'n diugh tha 'm Preas a bha losgadh le teine, a' losgadh fhathasd--agus cha deach' e as.

Dh' fhuling iad airson Dhe agus an creidimh, agus tha sinne an diugl a' sealbhachadh toradh an saothaireach. Mu choinneamh mo shùl, far a' bheil mi nis a' sgrìobhadh na h-eachdraidh so, tha fhathasd 'na seasamh craobl far an do chruinnich iad ioma latha a dheanamh aoradh do Dhia, ann an garbhlach far nach b'urrainn am marc-shluagh a bha air an tòir an leantuinn.

Nach buin e dhuinn cuimhne chumail orra, agus eòlas fhaotainn air an gniomharra treuna, agus an deuchainnean mòra.

T. M. L.

Campsie, 1831.

*Mu dhleasnas gach aon aig a'bheil a bheag no mhòr de mhaoin shaogh-alta, an Tiomnadh a dheanamh gu tràth, ann an àm an slàinte.*

Cha'n'eil mearachd a's cumanda na daoine chur dàil san dleasnas

fheumail so gu àm am bàis. Is iomad call agus truaighe a tha sruthadh o'n dearmad so—Cha'n 'eil sgìreachd, feudar a ràdh, ann an Albuinn, anns nach feudar dearbha brònach fhaighinn air an ni so—mi-run eadar clann an aon athar agus na h-aon mhàthar;—agus na chruinnicheadh le cùram agus dìchioll onarach, air a chosg aig lagh. Seadh, b'aithne dhuinn clann dhaoine còir a chuireadh a dh'iarraidh na déirce le dearmad an athar air a cheart ni so. A'bheil Ministeir san dùthaich aig nach 'eil fios gur dearmad cumand'air a bheil mi labhairt. Cia minic, air dhoibh bhi air an gairm gu taoblh leaba bàis an luchd-éisdeachd, a gheibh iad na mnathan bochd' a' caoidh agus a bròn, (cha 'n ann gun aobhar) nach d'riann an companaich an tiomna deireannach—agus mar tig iad as an tinneas fo 'm bheil iad air an àm, gu'm bi iadsan agusa chlann òg fo mheachainn a mhic is sine, agus aig am bi comas, mar is tric a tha tachairt, an teaghlaich bochd a sgaileadh mar chi iad iomchuidh. 'S ann ri tuath, agus daoine ann an cothrom meadbonach a tha mi labhairt, is cha'n ann ri daoinibh mòra; cha tuit an sùilean air an duilleig so—is cha ruig ar briathran iad.

Tha aobhar againn a smuainteachadh gu 'bheil mòran a' cur dearmad ann an deanamh an tiomnadh, o'n bharail ghòraich agus f'haoin, gu bheil e mi-shealbhar, no mi-fhortanach so a dheanamh is iad 'nan sláinte. Tha iad am barail gu 'n luathaich e am bàs. Cha 'n iongantach ged robh a bharail so coitchionn leis co cumanta 'sa tha e do dhaoinibh dàil a chur 'san dleasnas gu uair am bàis. 'Bheil ni air bith is amaidiche na smuainteachadh gu 'n

greasadh e am bàs, an gnothaich-ean saoghalt' a shocrachadh. 'An àit an Tiomnadh bhi deanta, am bàs a ghreasad, 's e sin a bha ro thric 'na mheadhon cumhachdach gu duine a dh'fhaighinn a chuid a b'fhearr d'a thinneas, an cùram so a bhi seachad. Is iomad uair a chunnaic sinn am fiabhrus agus an iarguin fò'n robh an duine tinn a'fulang air a mheudachadh gu mòr leis an iomaguin a chuir so air a chridhe, nach robh a tiomnadh air a dheanamh. Ann an amhare m'an cuairt as a leabaidh chunnaic e a bhean a bha dìleas gràdhach dha roimhe, 'na banntraig fo mhéinn a mhic, a bheireadh a stigh ann an latha no dhà bean eile 'na h-àite—chunnaic e i, 'na smuaintean, air a cur a mach air an dorus. Chunnaic e a leanabana beaga gaolach rùisgte air an ùrlar, a' mireag gun fhiros air na bha feitheamh orra. Ann an là no dha, a deir esan 'na chridhe fein, cuirear sibh a mach do bhothan bochd far a' bheil an nochd mo chuid ghamhnna; bitidh sibhse gu fuar, agus maith a dh' fhaoidte. gu h-ocrach, a chòmhnuidh. Tha so a' ruigheachd a chridhe — tha 'm fiabhrus air 'àrdachadh—tha fios air a chur gu fear-lagha—cha'n'eil e ri fhaotainn---tha breis-leach a tighinn air; cha leig an léigh fear-lagha chòir na leapach. Cha 'n'eil e ars' esan, 'na urrainn labhairt mu na nithibh sin; no tha am Ministeir, no caraid, no e fein a'deanamh a thiomnaidh mar is fearr is urrainn doibh. Tha esan a' toirt suas an deò. Tha mhac is sineadh a' dol gu aon fhearlatha, a Bhanndrach bhochd gu fear eile, agus a chlann òg a dh' ionnsuidh an treas fir; gheibh gach aon a chomhairl's fearr a thoilicheas iad; agus gu lagh tha iad a' dol. Dh' fhalbh gach gràdh agus bàigh

—am mac an aghaidh a mháthar, agus am bràthair an aghaidh na peathar; am fad 'sa tha sgillinn aca ris de'n t-saoghal, cha'n fhaigh iad ach cainnt mhilis bhlasd', agus geallainne àrd o'n luchd-lagha. Thig an t-Uachdaran a stigh le 'fhear lagha fein, agus air a cheann fa dheireadh cha'n'eil sgillinn a rinn an duine còir a dh' fhalbh nach 'eil a' dol do sporain fharsuing an luchd-lagha—agus tha am mac is sine, a mhàthair agus a chlann gu léir air an cur a mach as a gheireim a bh'aca; an t-ionad anns an robh iad gu sona socair iomad latha, agus a bhiodh 'na fhasgadh agus 'na dhachaidh shòlasaich dhoibh iomad bliadhna, 'an sealbhachadh sìth agus sàmh-chair, nam biodh esan a chaochail air deanamh a thiomnaidh.

Na canadh neach sam bith nach i 'n f'hìrinn a th'againn; b'urrainn duinn an ainmeachadh air an d' thainig a cheart ni so. Is minic a shaoil sinn gu'm b' iomchuidh an ni do Mhinisteirean, 'nan cuairt o àm gu h-àm am measg an luchd-eisdeachd, cothrom a ghabhail air an dleasnas so a sparradh air muinntir na sgìreachd. Co dhiùbh bu shreagaraiche dhoibh fheòraich dhiùbh ann an latha na sláinte, an d'rinn iad an tiomnadh, no fheòraich dhiùbh, mar is tric leo a dheanamh, an àm suidhe ri taobh leabaidh am bàis. Cha chuir e corruiach air duine còir ionraic sam bith a cheist so a chur ris—"An d'rinn thusa do thiomnadh?" Ma rinn se e, cha nàr leis innseadh. Agus ma ghabbas neach air bith miothlachd ris a cheist, is esan a mhàin a ni sin air am bheil agartas coguis gu'n d' rinn e dearmad air an dleasnas so. Ma ghabbas am Ministeir a chothrom fein—ma dh' fheòraicheas e a cheist ann an cairdeas — an caoimhneas — mar

charaid an duine, leis an áill a mhaith—is ainmig gu dearbh a thachras esan ris a ghabhas gu hól e: agus ged a thachradh, tha e 'na chulaidh-shòlais dha fein gu'n d'rinn e a dhleasnas.

T. M'L.

### OID'AIDMHEIL GAEPLIC.

*Ma bheir a' ghall-thromp fuaim  
neo-chinn teach uaipe cò a dh'  
ulluicheas e fein chum a chatha.  
POL.*

A Theachdaire Rùin,

Aig a chuirm mhòir a rinn na Gaeil mar urram do'n Teachdaire, air an robh fion dearg na Frainge ga ol na phìoban, agus "slàinte an ollai Leòdaich" a' reubadhl nan neul, feudaidl cuimhne 'a bliagaibh gu'n do sheas *Mactalla* suas an lathair maithibh na cuirme, agus gu'n d'iar e oid'-aidmheil Gaelic a thoirt d'a luchd-dùthcha. 'Se mo bheachd fein, da rìreadh, nach bu choir sealladh a chall air an ni so. Am bheil e reusanta am feadh a ta oid'-aidmheil Laidinn againn,—càinach nach 'eil ach ainmig 'ga searmonachadh 'san dùthach so; agus Gréigis, càinach nach eil idir ga searmonachadh an so; gu bheil a Ghaelic, a chàinach liobha, tharbhach, bhlasda, bhinn, agus a ta 'ga searmonachadh du *chùig ceud mile* Gael, gun oid'-aidmheil? Aon chuid, tha daoine am barail nach 'eil'sa Ghaelic ach *blialum* a dh'fheudas neach air bith a labhairt agus a leughadh, no, nach fiù leth-mhuillein sluaigh saothair aon duine! Air mo shion fein dheth 'nuair chluinneas mi ministeir a' searmonachadh co-thlamadh de chàinach, air leam nach peacadh dhomh snodha gair' a dheanamh. Cha'n'eil fada

o na chuala mi aon diu 'g ràdh gu stòlda socrach o'n chrannaig, "mar fairich duine peacadh mar a ghealach (eallach) air, nach fior críos-duidh e."

Na h-abradh neach air bith gu bheil toil agamsa buille 'chur air a chléir. 'S fada uam a ghabh e; 's ann tha mi air an taobh. 'S taitneach an ni do neach air bith a bhi suas ri cheirid, agus cò am pears' eaglais leis an toil gach amadan a chluinntinn a' seinn

" Nuair theid thu do'n chùlbaid  
Ni thu ùrnuigh gu gleusda;  
Bi'dh cuid dh'i 'na gaelic,  
Is pairt dh'i 'na Beurla;  
Cuid eile 'na H-eabhra,  
Na Fraingis, 's 'na Gréigis,  
'S gu'n saoil sinn gur sagart  
A th'againn 'ga éisdeachd!" He i  
bo ro!

Tha fhios agam gu'n abair iomadh gu'm b' fhearr d' ar dùthaich nach robh focal Gaelic intte, oir gur h-i 'bheurla gheibh meas dhoibh aig baile 's o'n bhaile. Tha mi fein's a bharail cheudna, ach tha mi'm barail cuideachd o na thachair dh'i bhi ann, agus ministeirean 'gan cumail suas a chum labhairt ri Dia an ainm a phobuill agus ris a phobull an ainm. Dhe intte gum bu choir dhoibh a bhi comasach a labhairt agus a leughadh. Ma tha ùmlachd do thoil Dé feumail a chum sonais ar luchd dùthcha, agus ma tha eòlas air a thoil feumail m'an urrainn sinn ùmbalachd a thoirt, cha'n urrainn sinn a ràdh gu bheil iadsan a chumas an t-eòlas so uatha a' gràdhachadh an coimhearsnach mar iad fein. Tha fhios agam gu'n abair cuid eile gu'm faigh a Ghaelic bàs nàdurra marfaigh sinn oid'-aidmheil. Neach air bith a their so cha chreid mi gu bheil moran eòlais aige aon

chuid air a' Ghaelic no air a' ghaeltachd. 'S i 'cheart argumaid a chum oid'-aidmheil uainn na ceudan bliadhna so. Gheibh an sluagh bàs, agus sin ann an staid aineolaic, ach gus an leagh an teine deireannach an sliabh deireannach cha'n fhaigh a Ghaelic bàs; tha a h-ionada-dìdein cho do-thoirt a mach s'a tha iadsan a ta ga labhairt do-chòsnaichte!

Their cuid gu 'bheil e feumail Eabhra, 's Greigis ionnsuchadh a chum am Biobull a thuigsinn. Saoil mi'm bheil fhios aca so gu 'bheil e feumail *Gaelic* ionnsuchadh a chum Gréigis agus Laidinn a thuigsinn? Cha bhithinnsa an aghaidh do neach gach cànan air thalamh ionnsuchadh 'nam b'e 'thoil e, ach anns a cheud dol a mach tuigeadh e 'chànan anns am bheil dùil aige 'bhi searmonachadh focal an Dé bheò. Uimeisin, a Shàir, seasaibh bhur dùth-aich—seasaibh a chòir mar rinn sibh riagh, agus na biodh a Ghaelic ni's faide gun oid'-aidmheil; 's ann tha daormainn leibideach a mhuinnit ar dùthcha a gabhail näire dhi-ma bhos iad air Galldachd ach "tri leth-bhliadh-nachan mar dubhaint iad fein, cha'n eil smid aca! Na siadar-ean! 'S aithne dhomh fear a tha sea-leth-bhliadh-nacha-fichead air Galldachd agus cha d' a'iceidh e riagh nach b'e

#### AN GAEL ANNS A BHAILLE.

GLASCHO,

*An t-aon mìos deug. 1830.* }

#### *Mu naomhachadh na Sàbaid.*

A Theachdaire Urramaich,

An urrainn sibhse innseadh dhomh ciod a dh' éirich do'n t-sean àithne urramaich sin

"Cuimhnich là na Sàbaid a naomhachadh." Tha sinne a leughadh ann an leabhar Ecsodus gu'n robh an àithne so air a toirt seachad le àrd-mhòrachd, agus air a naomhachadh le ùghdarras an Dé mhòir. Ach ciod a dh' éirich do'n àithne so? Am bheil i 'na codal, an deachaidh i à fasan, an deachaidh a dubhadh a mach as na deich fàinteán? 'S cinnteach thachair nì-eigin mar so m'am b'urrainn a leithid a thàir air an là sin a bhi air fhoillseachadh, oir, ged a theireadh sinn nach robh an neach a sgrìobh an àithne so air tùs na mhòr aobhar airidh, gidh-each tha e réusonach a smuaineadh gu'm bitheadh aon là sonraichte air a chur air leith anns am bitheadh creatairean tuigseach a'togail am beachd ri Ard-Cheannard an Domhain. A bhàrr air a so tha e 'na nì: sònraichte urramach do'n chreutair a bhi naomhachadhna Sàbaid. 'S là e ann sam feud sinn air dòigh shònraichte teachd dlùth do 'n Uile Chuimhachdach agus a bhi cumail còmh-radh ris an Ti sin d'am bheil ainglean ag aoradh le mòr urram. Cia naomha, glan, agus maiseach air maduinn na Sabaid a bhi tarruing dlùth do dh'Athair air Spioraid agus a bli faotainn dealta ùr-air à tobair co-chomuinn naomha. Cia mheud de so a dh' fheudam-aidh fhaicinn nan d'thigeadh luchd-aidmheil cruinn air là an Tighearna le cridheachan a' lasadh bharr altair na h-ùrnuigh? Nan d' thigeadh iad o'n glùinibh o'bhi cuairteachadh altair an teaghlach, no o'n t-seòmar sa'n robh iad a' cumail co-chomunn uaigheach le Dia gu bhi beachdachadh air 'na ion-ad naomha, agus a bhi air am beathachadh le saibhreas a shaor ghràis. Nach bitheadh daoine mar so a' tarruing anail chùbhraidh na

nèamha, agus fàileadh na Diadhachd ri fhaotainn uatha ; agus a thaobh a leithid so a choimhthionnal, nach feudamaid a ràdh “ Gu cinnteach tha an Tighearn i ann san àite so.” Am moladh agus an aoradh, dh’-éireadh suas air sgiathan creidimh agus bhitheadh iad air gabhal riu trìd an Aoin ionnuinn. Cia mòr sa bhitheadh seirbhisich an Tighearn’ air an còmlinadh agus air an neartachadh ann an obair, agus cia taitneach sa rachadh an obair air a h-aghaidh, ann am beothachadh nam marbh —a’ dùsgadhl luchd clò-chodail, a neartachadh an anfhainn—a’ toirt cò-fhurtachd dhoibhisan a tha ri bròn, agus a daighneachadh an fhòr-chreidich ann san t-slighe nèamhaidh.

Ach mo thruaighe ! an n’ e a leithid so a tha ri fhaicinn. An àite a bhi teachd o’ n glùinibh, nach ann a tha chuid as mò a luchd aidmheil a’ teachd o’ n sgàthan, far an robh iad a’ taigseadh suas an iobairt mhaidne air altair na séin-speis agus an àite bli feith-eamh air an ionad aoraidh far an do gheall Dia coinneamh a thoirt d’ a chloinn agus am beannachadh, an t-àite sin gu sònraichte far an cluinn e ùrnuighean a phobuill, agus an d’ thoir e freagradh do ’n iartasan; an dòirt e uisge airsan a tha tartmhòr, agus tuiltean air an talamh thioram. An àite a leithid so nach ann tha iad a siubhal nan sliabhl, an tòir air dìomhanas leis am bheil an t-anam air a thruailleadh, agus an cridhe air a leigeadh réidh ri ana-miannaibh ? Nach ’eil ar sràidean, ar bailtean mòra agus beaga, agus an dùthach gu leòr, nam fianaisean muladach air a so? Nach ’eil iad sin ’nam fianaisean air misg agus air gach uile glne aingidheachd air an là sin, an uair tha sean agus òg a’

coinneachadh a chéile, a dheanamh follaiseach an taic air an Dia Uile-chumhachdach, agus am feud sinne a bli co arnaideach agus a smuainteachadh gur esan a thuirt “Cuimhnich là na sàbaid a naomh-achadh” a tha f hathast ‘na àrd fhear-riaghlaidh an domhain, agus gu ’m fuiling e ’ùghdarras a bhi mar so air a thilgeadh sìos gun luchd aingeachd a smachdachadh.

AM BODACH LIATH, TAOBH NA H-AIBHNE.

### AN T-SABAID.

So co’-ainm an là san d’ éirich Criod, Toirt buaidh air bàs ’s air uaigh, ’S a gheleidhear le luchd leanmuinn sior, Mar chomhar’ air a bhuaidh.

Mu ’se’s gu’n tug Thus’ buaidh air Bàs, Air uaigh, an saogh’l, ’s an diabh’l, Cha b’uilear ged bhiodh iolach gair Air co’-ainm d’là-s’ an cian.

Eireadh a ghrian air magh ’s air sillab Ni’s bòi’ch’ no rinn i riamh, A’s seinneadh eòin ni’s binne ceòl Measg chòs a’ phreas fo dhion.

Biodh aoibhneas air a chruinne-ché Fo èiridh dears’ do loinn, Gach creutair ta air thalamh fàs Biodh sòlasach le ’n cloinn,

Bi’dh maitheas air gach ni ta fàs, A’s fabhor air gach neach, A choimheadas, le h-urrnam naomh, Do là, ’s bheir gràdh do d’ theach.

Seinnidh do phobull, Dhia nan gràs ! Air d’là dhuit òran naomh, Bi’dh caiream anns gach tional luaidh Do bhuaidh-sa, air gach taobh.

’S àluinn do shnuadh, a latha naomh ! Bann-righ air chàch gu beachd ;

Do dhol amach 's do theachd a steach,  
 'S ro àilli ann mo bheachd.  
 'S uasal do dhreach, a latha naomh !  
 'S ro chaomh do bhuaidh'n gu Jéir :  
 Do chéuman àilli 'n sùil do Dhe !  
 'S e'n Triath bheir gràs da réir.

'S E-féin bheir beannachd a' s bheir  
 buaidh,  
 'S ni sona buan an neach,  
 A bheir do d-shàbaid chaomh-sa spéis,  
 'S da réir bheir gràdh d'a reachd.

SEUMAS.

## EILEAN THIRIDHE.

Tha Eilean Thiridhe co lìosal chòmhnràd 's nach'eil e furasd' a thogail 's an oidhche leis na maraichean tha 'g iarraidh g'a ionnsuidh. Tha e 'na chleachda cumanta, uime sin, le muinnitir an eilein 'nuair tha càirdean a mach air chuan agus dùil aca riutha, tein' a lasadh air àite àraid air an dean am maraich a ghabhail. 'S iomad bàta agus sgioba a thèarnadh leis a chleachda chàirdeil, bhàigheil so. 'Se 'fhaireadh so thug air ar caraid an Dàn a leanas a sgrìobhadh.

## IUL AN EILEANAICH.

Bha 'ghrian 's i air luidhe fo smal a's fo ghruaim,  
 Agus cuaintean a' beuchdaich le gàraich nan stuadh ;  
 Ach tha'n t-eithear gu treunn ris a' ghaillinn a' strì,  
 A'g iarraidh gun luasgan gu cala na sìth.

Bha dui-neòil nan doiniom a' siubhal nan speur,  
 A's fearann no fasgadh do'n sgioba cha leur ;  
 Ach gun mheatachd, gun imcheist air cridhe nan sonn,  
 Shìor ghléidh iad an gabhail air Eilean nan tonn.

Deir am maraiche aosda a shuidh air an ailim,  
 Na strìochdaibh mo ghillean, fe uabhar na stoirm !  
 Biadh ur n-earbsa gu daingean 'an àrd Rìgh nan Dul,  
 Oir dheònaich a mhaiteas na bheir soills' agus iùl.

I. M'L.

## CRONAN NA CALLUINN.

## AIR FONN.

Agus ho Mhòrag  
 Ho ro na ho ro gheallaidh ;  
 Agus ho Mhòrag.

Cha b'i lùchairtean an dannsaidh  
 'Nochd a b'annsa leam bhi tathaich.

Cha b'i fiodhull bheag nan tendan  
 A chuireadh gleusadh air m' aigne.  
 B'annsa nuallan àrd na pìoba,  
 Cumha tiomhaidh thig le caireal.

Cha b'e àbhachdas an t-sùgraiddh  
 Thogadh an tuirse th'air m'anam.

B' fhearr bhi suidhe 'n cois na tràighe  
A'g éisdeachd gàraich na mara.

B' fhearr bhi'm fasgadh uchd na garbh-làich  
'G éisdeachd tailmrich na gaillinn.

Ged a tha mi 'nochd co tùirseach  
'S tric bu mhùirneach mi air calluinn.

A' cur spàirne chridheil àbhach  
Leis na cairdean sin nach maireann.

'S iomad àite feadh an t-saoghal  
'S a 'bheil laoich mo rùin 'nan luidhe.

Mo chomh-aoisean geala gaolach  
A bhiodh aobhach air a' challuinn.

'S coigreach mi a nochd 'san àite  
An d'f huair mí m' àrach am leanabh.

Dh' fhalbh an uaisle chridheil aobhach  
A bheireadh aoidheachd do'n aineol.

Dh'fhalbh a cheathairne bha fialaidh  
'Bhiadhtaicheadh a chaora nalluig.

Sòn le gillean glan an f'héile  
Bhiodh air chéilidh oidhche challuinn.

Dh' fhalbh an ceòl a 's dh' fhalbh an  
éideadh

Dh'fhalbh an gleusdachd 's an aighear.

Gu'n d'fhalbh cleachdainnean mo dhùth-chá.

Tha mi tòrsach bhi 'ga'n gearan.

Ma 's i'n t-seiche chruaidh cha bhuailear  
Faic i shuas air bhàrr nan sparran!

Ma 's e 'n caisein-uchd tha 'Thàile  
Leis an àl so nis 'na annas.

Ma 's i 'n rann 's an guidbe càirdeil  
'S ainneamh fardoch anns an canar.

Cha b'iad lùchairtean an daunsaidh  
'Nochd a b'annsa leam bhi tathaich.

## AOSDAN GLAS CHOIRE BHORODAIL.

Uamh an t-silidh }  
Oidhche Challuinn, 1831. }

Comharraighean air caochlaidhean na side.

An dara earrann.

Anns an àireamh mu dheireadh thug sinn seachad cuid de chomharrraighean air atharraichean, no air caochlaidhean na side, tha beò chreutairean a'toirt dhuinn. Feuchaidh sinn a nis cuid de na comharraighean tha lusan, luibhean agus blàithean a' toirt dhuinn air an ni cheudna.

Tha comas aig luibhean an duilleagan fhosgladh ri blàs na gréine, agus an dùnadhl no'm pasgadh 's an annnoch. Tha luibhean eile ann a sgaoileas a mach am blàithean 'san anmoch, cuid diubh a dh'fhosglas, agus cuid diubh a phaisgeas iad mun tig an t-uisge. Le geur bheachdachadh air gluasad luibhean, feudar barail gu maith cinnteach a thoirt air atharraichean na side.

Tha 'm fliogh\* gu h-araid feumail ann am beachd thoirt dhuinn ro'n àm air caochlaidhean na side. Nuair tha blàth na luibhe so a' fosgladh a mach gu farsuing, feudaidh sinn bhi làn chinnteach nach 'eil an t-uisge dlùth—fhad's a dh'fhuigheas am fliogh fosgalite cha ruig sinn a leas sgàth bhi oirn ro'n uisge. Ri làithean frasach chì sinn am fliogh leth-fhosgalite, agus 'nuair tha e dùinte 's comharradh cinnteach so gu 'bheil an t-uisge dlùth.

Nuair tha fras uisge dlùth, paisgidh an t-seamrag thrì-blileach each suas a duilleach.

Tha luibh bheag dhearg† a' fás am measg an arbhair a chitear gu tric 's an fhasbhuan; ma dh'fhosglas i so a duilleach 'sa mhaduinn, feudaidh sinn a bhi cinnteach á latha tioram.

Tha comharraighean araid mar

\* Chick-weed.

† Wincopipe.

an ceudna r'a fhaicinn air aogas nan speur leis am feud sinn seòrsa do bheachd a ghabhail roimh làimh air atharraichean na sìde. An déigh aimsir thioram agus sìde shoilleir, 'se cheud chomharradh am bitheantas air atharrachadh, neòil gheala, thana, chitear a' dir-eadh suas, a' sìor fhàs nì's mò agus ni's dòmhala, agus a' téarnadh nì's ìsle.—tha na neòil a bha eutrom tana a' fàs 'nam mill mhòra—tha iad so a' dlùthbachadh air a chéile, agus tha so uile 'na chomharradh cinnteach air uisg' agus caochladh sìde.

Nuir tha na neòil gheala thana sin 'nan dosan agus 'nam badanan eutrom fada, tha iad a' comharrachadh a mach gaoth làidir a tha ri séideadh as an àirde ris an robh ceann-caol nan neul bàna sin ag amharc.

'Nuir tha na neòil air dhath dearg 'san fheasgar, agus glas 'sa mhàduinn, tha e 'na chomharradh air latha tioram soilleir, ach 'nuair tha'm feasgar glas 's a mhàduinn dearg, tha e 'na chomharradh air droch latha fliuch. Chì sinn 'an Soisgeul Mhata xvi. 2. gu'n robb so 'na chomharradh aig na h-Iudh-aich.

Am bitheantas nuair tha neòil a' dòmhlaichadh 's a téarnadh mu fheasgar tha e 'na chomharradh air uisge.

'Nuir chuireas na beanntan àrd orra'n curraichdean-oidhche geala, tha'n t-uisge tighinn: cluinnear fuaim ciuil, fuaim cluig Eaglais mòran ni's faid' air astar 'nuair tha'n t-uisge dluth na air àm sam bith eile.

Nuir chì sinn na neòil ag atharrachadh coslais gu tric agus gu grad air aogas nan speur; a' salbh 's a' tighinn 's còir 'dhuinn bhi deanamh deas air son an uisge.

'Nuir chitear roth mu'n ghréin

no mu'n ghealaich tha e' m bith-eantas 'na chomharradh air uisge no air sneachda—tha 'ghealach gu tric air dhath geal-bhàn roimh uisge, agus dearg-ruadh roimh ghaoith àird.

Tha dòruinn agus goirteas air am mothachadh gu tric ann an cnàimh bha leònta no briste, nuair tha uisge dlùth.

Tha iomadh comharradh eile air a thoirt duinn le daoine tuigseach a ghabh beachd air na nithean so, ach fòghnaidh na chuir sinn sìos chum càileiginn èolaist fhaotainn air cuid de na dòigheannan leis an àbhaist leò barail a thoirt air caochlaidhean na sìde.

Tha iomad sean-fhocal am measg ar luchd-dùthchà mu na comharraidihean so, agus bhith-eamaid an comain neach sam bith a chuireadh cuid diubh d'ar nionnsuidh, oir 's airidh air an cumail air chuimh'n iad—Mar a ta, "Se'n ceò geamhraidh ni'n cathadh Earrach." "Se'n aoine bhagharach a ni'n Sathuirne deurach," &c.

#### GUTH O MHACTALLA.

" Cha 'n ni 'nollaig ùr  
A tha aca 'measg nan dù-ghall,  
A leanas sinne, ach dùchas  
No dùthch' as an d' fhalbh sinn."

Latha-nollaig so chaidh, anns an t-sean-chùnnntas, chruinnich mòran de Ghaeil Ghlaccho air machair mhòr an Righ, a h' uile fear'sa chaman air chul dùirn, agus ged thuit an oidlich' orra cha deach an là air taobh seach taobh. Chuir iad rompa gu'n coinnicheadh iad a' rìs air di-luain an t-sainnseil; agus b'ann mar sin a thachair: ma mheadon là chunn'cas a' tighinn corr' a's mile Gael le Piobaire air

air an ceann agus fear a' giùlan buideil de mhac-an-tòisich. Bu bhòidheach da-rìreadh leam fein an sealladh. Am fear air nach robh boineid bha osain bhreac'air, agus am fear air nach robh osain bhreaca bha ite an fhìrein 'na aid. Chaidh an comunn a roinn—thòisich an ùpraid, agus gu dearbh 'nuair ghabh na gillean teas cha bu nearrachd fear briogais a bhiodh 'nan rathad'. Bha cho math's trì mìle Gall ag amharc air a chluiche, agus mòran de Ghaeil cho measail's a tha'n Glas-cho, a dh' fhàs aon chuid ro reamhar no ro mhòrchuisseach arson ruith. Fhuair mi fein caman o fhear de na cinn-stuic, agus mar tug mi teas do'n bhalla iomain thug esan teas dhòmhlsa. Gach uair a rachadh am ball a thadhall ghabhta sgailc de mhac-an-tòisich, agus dli'eigheadh a phìob sith ré tamuill. Mu thuiteam na hoidhche thainig sinn dhachaidh trom, sgìth's am piobaire a' cluiche "Soraidh o slàn do ghillean an éilidh."—Chuir mi so chugaibh, a Theachdaire, a' leigeadh fhaicinn d'ar càirdibh ann an tìr nam beann nach do dhì-chuimhnich sinn gu h-uile iad fathast. Tha cuid de mhinisteirean tha mi tuigsinn a' searmonacladh an aghaidh camanachd; theagamh gur h-ann dhiu so sibhse. Cha'n eil fhios agam fein; ach 'se mo bheachd mar 'eil agaibh dad a's measa na iomain ri searmonachadh na aghaidh gu bheil 'ur sgìreachd ann an deadh staid da-rìreadh. Air mo shon fein bheir e maothachadh air mo chridhe, cuiridh e tiomachd aoghail air m'anam, agus lasaidh e gràdh nan' inntinn do'm uile cho-chreutairean nuair chluinneas mi ann an tir chléin nuall na pioba, òran maith Gaelic, no eadhon 'nuair a bheachd smaoinicheas mi air

Gluscho, 1830.

MACTALLA.

*Am Piobaire Gàidhealach agus na madaidh alluidh.*

SGEULA FIRINNEACH.

Tha am madadh-alluidh 'na chreutair fiadhaich, sgaiteach, agus an cui'd do dhùthchannan tha iad anabarrach lìonmhor, agus, 'nuair tha iad ocrach, gu h-araidh 's a gheamhradh, tha e cunnartach tighinn an rathad sgoath dliubh. Air uairibh maith dh' fhaoidte gu'm bi na ficheadan diubh ann an aon dròbh, agus ged nach 'eil iad ro thogarrach tighinn an rathad dhaoine, gidheadh 'nuair tha iad fada gun lòn, gun bhiadh, cha seachain iad duine. Tha e cunnartach losgadh orra; ma dh'fheudar eagal a chur orra gun a h-aon diubh a mharbhadh, 's e dòigh a's fearr.

Thachair do dh' oifigeach airm a mhuinnitir na Gàidhealtachd e fein agus saighdear a bha na phìobaire, bhi air an turus roinbh bheannta na Spàinde a' gabhalat-ghoirid thairis air gual' àrd beinne, dh' ionnsuidh an àite 'n robh 'n t-arm d'am buineadh iad, agus shuidh iad fo fhasga craige a ghabhail greim bidh a bha'm mäili-eid a phìobaire. Air ball bha iad air an cuairteachadh le madaidh-alluidh a chuir suas an donnalaich bu ghràinde chual iad riamh, agus a sheas le'n crois fosgailte mu'n coinneamh a' sìor dhlùthachadh orra, agus do réir coslais, a brath bhi'n grad shàs annta. Thilg iad beagan feòla d'an ionnsuidh agus chum iad air falbh iad car tamuill le criomain bheaga arain a bha iad a' roinn orra; ach ma dheire cha robh greim tuille aca ri sheachnadh, agus an àite falbh, 's ann bha na madaidh-alluidh a' fàs na bu dàine—an t-oeras air a bheothachadh agus air f'ragail na bu ghéire leis a bheagan a fhuair iad. Bha iad a' teannachadh na bu

dlùithe ceum air cheum air an dà Ghaidheal; fa dheireadh ars' am piobaire "Tha bhuam port a thoirt do na béisdean." Séidear a phioibh, ach cha luaith theug i cheud sgàil àrd na theich na madaidh, 's mu'n robh ùrlar a phuirt seachad bha iad as an t-sealladh taobh eile na beinne. Marbhaisg air na creutairean grànda ars' am piobaire, nam biodh fhios 'am gu'n tuigeadh iad ceòl thug mi port doibh mun do ghabh iad am biadh; ach coma cò dhiù, fhuair sinn a mach na dh' fhòghnas doibh an ath uair a choinnicheas sinn.

---

### A Theachdaire Ghaolaich,

Is fada o'n bha mhiann orm sgrìobhadh d'ur n-ionnsuidh, agus taing a thabhairt duibh airson an dìchill a tha sibh fein agus 'ur luchd-còmhnaidh a' dèanamh air soilleireachadh agus eòlas a thoirt d'ar luchd dùthicha air Gàidhealtachd, air gnàthachadh dluith-channan eile; agus air Galldachd tha iad a' faighinn eòlais air cleachdanna an Sìnsearra, maith dh'fhaite air nach cuil' iad riamh ionradh mun d'fhàg iad an dùth-aich. Ach a dh'innse dhaibh na fìrinn, bha geilt orm 'nuair a bha mi faicinn nan smàduinnean sgaillidh bha cuid a' faotainn a bha co dàna sa tha mise nis; ach dh'éirich dhomh mar dh' eirich do chù a ghobha, tha mi air fàs co eòlach air na sradan 's nach gabh mi giorag air bith ged thigeadh cuid diubh 'nam charamh.

Tha e'na cleachdadhbh aig daoine, agus gu dearbh 'nam bheachd fein 's gnàthachadh cliùiteach e, gu'n gléidh an neach a tha làthair cuimhn' air an neach ionmhuinn nach mairionn; 's ioma dòigheanns

gach linn de'n t-saoghal a ghabh daoine air so a dheanamh, cuid a' togail fianuis air an run do'n mharbh le'n eachdraidh a sgrìobhadh, cuid le dainghnichean làidir, cuid le tòr-cuimhne stàtail, agus cuid le adhlacadh rìomhach a thoirt do'n chorp, agus leachd-lighe dhreachmhor a thogail osan ceann: aon chuid de na thubhairt mi cha'n-eil mise dol a dheanamh, ach bu mhaith leam cuimhn' a ghleidheadh air mo charaid, agus ma's airidh mo litir air àite 'san Teachdaire gheibhear ainnm aon duine choir ann nach f'urasda dhomh a leigeil á m' bheachd, Calum bànn mac Iain 'ic Mhàrtuin, buachaille Thir-na-drise.

'S cuimhneach leam, agus gus an latha so seallaidh mi air m' ais le tlachd air na làithean sonasach a shuidh mi 'n lùib a bhreacain an déigh an crodh a shaodachadh a 'g éisdeachd naidheachdan air na linnibh a chaidh seachad, agus air na daoine cumhachdach a chòmhnuich 'n ar tìr, ged a theireadh cuid gu'n robh e paitl bàigheil r a luchd-cinnidh féin. Nuair a thigeadh iad dachaidh feasgar 'sann an sin a bhiodh an trusadh: ge nach biodh aoidh ann an tigh 's a bhaile bhiodh tigh Chalum làn; agus nam biodh neach air bith air chall, chuirte 'cheud fhios gu tigh a bhuachaille: cha robh sean no òg nach bu chompanach Calum dhoibh; sheinneadh e crònán a chumail sàmhach nam pàistean; dh' aithriseadh e sgeulachdan do'n òigradh; dheanadh e eòlas air siachadh agus déideadh, agus theireadh luchd-sgàinnil gu'm bu ghilead osain Chalum co maith sa dh' innseadh e brigh bruadair gruagaich no mnà tighe. Cha robh 's an dùth-aich gu léir, aon a b' eòlaiche air sgeulachdan do'n dearsa dreige, agus cha robh

slinnein a thigeadh air a bhòrd nach sìnte dha a dh' innse ciod a chearna de 'n chill anns am biodh a cheud tòrradh. Ghabhadh agus bheireadh Calum drama ged bhiodh e gearan air gainne 'n airgid, cha bhitheanta chunnaic mi'n spliùcan glas falambh, agus cha bu mhosach ri fèar gabhail an rathaid e, am fad 's a mhaireadh e.

Latha dhuinn agus sinn 'n ar suidbe mar is minig a bha sinn, aïn tòrr-an-eas aig èisdeachd torman na h-aibhne agus fonn nan eun a bha seinn 's na bruachaibh, thug Calum briosgadh as air cluinntinn nuallan na pòba; dh' fheòrach mi dheth ciod am port a sheinneadh, ach cha d' thug e freagairt calg-dhireach orm, ach shin e mach a làmh. "Am faic thu" ars' esan "an làrach ud thall fa'r comhair air am bheil a ghrian a' boillseadh? sud larach bothain Gormshuil mhòr na maidhe; agus cia air bith a theireadh r'ar linn-ne mu Bhuidseachd no dà Shealladh bu mhaith do Shir Eòghan Lochiall gun rohli tuilleadh agus a paidir aice 'n latha bha e dol a choinn-eachadh Diuc Atholl ann an Gleann-nan-dearganach.

Ioma linn roimh 'n àm mu 'bheil mi labhairt, bha connsachadh eadar teaghlaich Lochiall agus Athuill mu roinn a rinneadh air fearann eatorra, agus a bha Diuc Athuill ri linn Shir Eòghain a' smuainteachadh a bha eucorach. Chuir e fios g'a ionnsuidh a choinn-eachadh anns a ghleann a' dhain-mich mi, agus gun neach a thoirt leis ach a ghille. Bha Sir Eòghan gun chùram gun sgàth a' falbh a ghleidheadh na coinneamh 'nuair a thachair Gorm-shuil air, agus le furan dh'fheòrach i dheth c'-aite bha e dol gun neach d'a dhaoine ach a ghille? "Ciod a bhean bhochd ars' esan am fàth

sin innse dhuitse?" "S minic ars' ise nach d'rinn mo bheannachd coire do'n iasgair, agus do'n t-sealgair, agus ciod an turus diomh-air air am bheil sibhse a' dol an diugh nach cluinn Gorm-shuil?"

Dh' innis e dhith an teachdair-eachd a thàinig, agus a thurus. "Gabh comhairle" ars' ise "agus thoir leat do dhaoine, agus na b'e 'm prasgan suarrach, mur maith libh gu'm bi fa dheur aig a mhac nach d'rugadh fhathasd air gniomharra 'n la diugh."

Chaidh a' Chrois tàra air ball a thogail, agus cha d'ràinig a ghrian àirde nan speur 'nuair bha dà cheud fear fo'n armaibh air faiche Achnacara; leis a chomunn so ràinig e gleann na coinneamh agus dh'fhàg e iad folaithe ann am pill fhraoich, agus aithne aca gun iad a ghlusad ge b'e ni a chith-eachd iad, gus an tionndadh e 'muigh an taobh a bha stigh d'a chleòca. Ràinig e aigeal a għlinne gun neach maille ris ach a phòbare, agus an sin fluair e 'n Diùc agus a ghille 'feitheamh na còmh-dhalach. "An d' thàinig thu, Eoghain" ars' an Diùc, agus air ball thug e sgal air feadaig a bh' aige: "Ciod na daoine tha tigh-inn an sud?" arsa Sir Eòghan's e sealltainn suas taobh Athuill de'n ghleann—"Tha sud ars' an Diùc,

"Oisgean Athuill,  
"Tigh'nn a dh'ithe bàrr feòir Lochabar."

"Cha b'e sin do gheallasadh a Dhiùc" ars'an Camshronach. "Ge b'e air bith mar bha 'n geallasadh, so mar tha e 'n tràs." Thionndaidh Sir Eòghan an cleòca, agus ma thionndaidh thàinig na h-Abaraich. "Ciod na daoine tha 'n sud a Shir Eòghain?" ars'an Diùc. Tha'n sud ars' esan

"Coin dubha Lochabar

"A bheir an ceann a dh'oisgean Athuill.

"Caig do choin, Eòghain," ars' an Diùc, "agus pillidh mise mo dhaoine." Ma tha eagal ort airson do chuid òisgean, till iad, ach tha mo chuileinean cho titleach air fuil 's nach gabh iad casgadh gus am faigh iad i, agus air ball dh' òrduich e do 'n phòbaire am port a chluiche a chual' e o chionn gheiris.

*A chlauna nan con thigibh an so's gheibh sibh feòil.*

"Till do dhaoine, Eòghain,"

ars' an Diùc, "agus fàgar a chrìoch mar a bhà i," "Cha'n'eil a dhìth orm ach mo chòir cheart," ars' esan, agus air ball thill e le dhaoine, agus gus an diugh tha sith air bhi eadar an dà theaghlaich.

Nis Ailean, arsa Calum bànn, sín am port a chuala tu, agus 's ann uaithe sin tha'n fheòil air a luaidh ris na Camshronaich.

A Theachdaire ghaolaich 's mi 'ur caraid ùmhal

AILEAN BEAG.

### ORAN.

LUINNEAG—Air faillirin, illirin, uillirin O,  
Air faillirin, illirin, uillirin O,  
Air faillirin, illirin, uillirin O,  
Gur bòidheach an comunn tha chòmhnuidh  
'n Srathmòr.

Gur gile mo leannan na 'n eal' air an t-snàmh,  
No cobhar na tuime 'si tilleadh bho 'n tràidh,  
No 'm blàth-bhainne buaile 'sa chuach leis fo bhàrr,  
No sneachd nan gleann desrach 'ga f hroiseadbh mu'n lèr.

Tha cas-fhalt mo rùin-sa gu siùblach a' sniomh  
Mar na neoil bhuidh' a lùbas air stùchdaibh nan sliabh :  
Tha 'gruaidh mar an ròs, 'n uair is bòidhche bhios 'f hiamh  
Fo àr dhealt a chéitein mu'n círich a ghrian.

Mar Bhenus a' boillsgeadh thair choilltibh nan àrd,  
Tha miog-shuil 'gam bhuaireadh le suaicheantas gràidh ;  
Tha bràighe na seud ann an cídeadh gach àidh,  
Mar ghealach nan speur 's i cur reultan fo phràmh.

Bidh 'n uiseag 'san smèòrach feadh lòintean nan driùchd  
'Toirt failte le 'n òrain do 'n òg mhaduinn chiùin ;  
A ch tha 'n uiseag neo-shedelta, 'san smèòrach gun sunnt,  
'N uair a thòisicheas m'fheudail air gleusadh a ciùil.

'N uair thig samhradh nan neònain a' còmhdaich nan bruach,  
'S theid gach eòinein 'sa chròchd-choille cheòl leis a chuaich,  
Bidh mise gu h-éibhinn a leumraich 's a ruaig,  
Fo dhùluth mheuraibh sgàileach a' màrun ri m'luaidh.

*Mu bhuaidhibh sùgh feòir e nn am  
beathachadh Spréidhe.*

Nuaire tha feur-saidhe agus fodar gann tuigear gu 'bheil sùgh an fheòir air 'uidbeamachadh 's an dòigh a leanas ro fheumail, agus 'na chaomhnadh mòr air an innlinn an droch earrach.

Gabh làn do ghlaice de dh'fheur-saidhie agus dòirt thairis air tri ghalain do dh'uisge goileach, cuir bòrd os ceann an t-soithich 's am bheil e, gus an tarruing an tuisge an sùgh no a bhrìgh as an fheur, ceart mar gum biodh tu deanamh *Tea* agus 'nuair bhios e fuar thoir do'n spréidh e, no do na h-eich r'a òl—agus mo thuiteas doibh a bhi gu h-euslan no fo phasgadh tighe, feudara thoirt doibh meagh-bhlàth. Cha'n òl iad so a cheud uair a thairgear dhoibh e, ach na toir deoch dhoibh gus am bi pathadh orra, agus an déigh dhoibh òl aon uair cha'n iarr iad deoch eile ach so, 's cha ghabh iad deoch eile a roghainn air. Tha e anabarrach biadhar, fallain; airson crodh bainne cha'n eil ni a dh'fheadar a chur mu 'n coinneamh 'sa gheamhradh is fèarr chum bainne maith a thoirt dhoibh! Tha e tarbhach mar an ceudna airson laoigh a bheathachadh agus ro mhaith airson each. Tha e 'na chaomhnadh mòr air innlinn; theid aon cheannag fheòir cho fada 's

an dòigh so 'sa ni deich air dhòigh eile. Tha'n dòigh so air a chleachdad 's an Fhraing agus ann an rioghachdan eile, agus shaoileamaid gum biodh e ro fhreagarrach ann an Gaeltachd na h-Alba. Ni'm feur an déigh a bhruiche biadh maith do na beathaichean, agus feudar beag no mòr dheth chleachdad a réir an fheum a thair.

#### LEABHAR SALM UR GAELIC.

Tha Salmadair ùr Gaelic air a chlò-bhualadh agus air a chur a mach o cheann àine ghoirid ann am *Paislai* le Mr Alasdair Gardner, air a mhion-sgrùdadh agus air a leasachadh le càram, agus aire, a tha ro chliùiteach, agus ionnmholta dhoibhsan ris an robh a chùis 'an earbsa. 'Se da rìreadh ar barail nach 'eil salmadair anns a Ghaelic co saor o mhearachdaibh ris. Tha e soilleir gun robh an fhaicill bu mhò air a cleachdad. Dh' amhairec sinn thairis air le mòr thaitneachd. Tha am paipeir maith, tha na litritchean nuadh agus soilleir; agus e air fad na chulaidh thaing a leithid fhaiccinn 'nar cànmhuiinn. Tha fiugh-air againn gu'n soirbhich leòsan a chosg na h-uiread chum leabhar co böidheach agus co coimhliont' a chur a mach.

---

*Feumaidh sinn dàil, gus an ath àircamh, a chur 'sna naidheachdan,  
agus ann an labhairt r'ar cairdean lionmhor; ach tha dòchas againn  
gu'n gabh iad ar leithsgceul..*

AN

## TEACHDAIRE GAELACH.

CEUD MIOS AN EARRAICH.

XXII. AIREAMH. 1831.

TROM EALLACH NA H-EIPHIT.

*An fhàisneachd mu thimchioll tìr na h-Eiphit.*

Bithidh an Eiphit 'na Rioghachd shuardaich—Bithidh i suarach seach gach riaghachd—agus cha'u òrdaich si i fein ni's mò am measg nan cinn-each, agus ni mi tìr na h-Eiphit fàs ann am meadhon nan dùth-channa ta fàs, agus sgapaidh mi na h-Eiphitich am measg nan cinn-each, agus sgaoilidh mi iad seadh nan dùthchannan. Imichidh slat-rioghail na h-Eiphit seachad. Esec. xxix. 12, 13, 14, 15. xxxii. 15. Sech. x. 11.

'Si an Eiphit an dùthaich a's ain-meala air am bheil iomradh ag-ainn ann an Eachdraidh. Ann an t-seann Tiomnadhl tha'n dùthaich gu tric air a h-ainmeachadh tìr Ham, do bhrigh gu'm b'ann le sliochd Ham, mae Noahibha an tìr so air tùs air a h-aiteachadh. Fad roimh' linn Ioseph, agus linn Abrahaim bha an Eiphit 'na rioghachd ainmeil agus chumhachdaich. Tha dearbhainnean fathast a làth-air air uaill agus mòr-chuis, air cumhachd agus àirde na dùthcha so, a tha dùsgadh iongantas agus neònachas gach linn. Tha oibre fathast r'am faicinn 's an tìr sin, nach'eil an leth-bhreac air uachdar an t-saoghal. Cha'n eil fios c'uin a thogadh iad, 's theid mìlte linn seachad mu 'm fàillnich iad. Bha'n Eiphit 'n a Rioghachd ni bu tràithe na h-aon eile; agus thug i bàrr ann an liomhorachd agus mòralachd a Rìghrean, agus

ann an gliocas a feallsanach ain-meil, air gach tìr air nachdar an t-saoghal.

Bi an Eiphit àrd oil-tigh an domhain—'s ann innse fhuair daoine gllice na Gréige agus dhùthchannan eile am foghlum agus an èolas. Tha e air a ràdh mu dhéighinn Mhaois fèin gun robh e foghluimte ann an uile ghliocas nan Eiphiteach. Gnèomh vii. 22. ngus 'se am moladh a's àirde tha air a dheanamh mu Righ Solamh e fein 1st Righ iv. 30. Gu'm bu mhò a ghliocas na gliocas uile chloinne na h-àirde'n ear, agus uile ghliocas na h-Eiphit. Bu liomhoire a bailtean mòra, agus a sluagh, na aon tìr air thalamh d'a meud: agus cha robh o thaobh gu taobh de'n domhan dùthaich co torach, tharbhach rithe. B'ì Tigh-taisg an t-saoghal, anns an robh pailteas r'a fhaotainn anns gach àm. Ach mòr--uaibhreach--àrd agus urram-

aichte mar a bha Rìoghachd na h-Eiphit, cha do bhac so Fàidhean an Tighearna o an guth a thogail, agus lom-sgrios agus truaighe na tire so innseadh. 'S eadh, an uair a b' àirde 'n Eiphit dh' innis iad gu 'm biodh i 'na dùthaich shuaraich, gu'm biodh i suarach seach gach rioghachd, agus nach togadh i a ceann gu bràth am measg rioghachdan an t saoghal.

Tha firinn na fàisneachd sin r'a facinn chum an latha diugh fa chomhair ar sùl.

Lionadh e an Teachdaire sad bliadhna, eachdraidh na h-Eiphit a chur a sìos, a thricead'sa chaidh i o cheannas gu ceannas. Bha i fada so na Persianaich, na Macedonianaich ; na Ròmanaich, na Saracenaich, agus o chionn sé ceud bliadhna, dh'éirich tràillean na dùthcha, na Mamelukes suas ann an ceannairec. Thilg iad an uachdarain gu lär agus chuir iad an tìr fòdhpa féin.

Tha na Mamelukes so air an ceannach 'n an òige mar thràillean o dhùthchaibh eile. 'S iad Saighdearan na tire. Mar tha iad a' tuiteam no bàsachadh tha feaghain ùra air an ceannach 'nan àite : gu bitheanta o na Persianaich no na Circassianaich. 'Nuair fhuair iad so lamh-an-uachdar, roghnaich iad Righ no Pasha 'nam measg féin ; agus a nis o chionn cheudan bhliadhnaichean, 's ann o na tràillean coigreach so tha àrd-uachdarain na h-Eiphit air an taghadh. Tha nis linntean seachad o'n chuireadh an Eiphit fo chìs do dhùthchannaibh eile, agus o'n àm sin bha i ann an daorsa aig coigrich. Tha luchd muinntir na tire, gach duine thig a dh' ionnsuidh an t-saoghal's an Eiphit na thràill—so chuing shaighdear-

an coimheach tha air an ceannach a stigh 'nan òige mar thràillean iad fèin. O chionn chùig ceud bliadhna cha robh uachdarain thairis air an Eiphit a rugadh 's an dùthaich. Tha gach *Pasha*, 'se sin an t-àrd Thurcach no Rìgh na h-Eiphit, seadh an fheadhain a b'ainmeala dhiubh, agus na ceithir-thar-fhichead de *Bheys*, se sin ceannarda nan saighdearan, air an àrdachadh chum na h-inbhe sin o na *Mamelukes*, saighdearan na tire, a cheannaicheadh 'nan tráillean 'nan òige o dhùthchaibh eile. Cha d' fhuair mac fir dhiubh riamh àite 'athar ;—agus an àite do'n mhac a bhi'na oighre air 'athair, na do dhuine sam bith a fhuair breith 's an dùthaich, tha oighreachan righre na h-Eiphit, agus oighreachan uachdarain na h-Eiphit gu léir, air am breith agus air an togail ann an rioghachdan eile fad' as; tha iad air anceannach 'nan òige, agus a's dòcha nach robh righ riamh thairis air an Eiphit, no *Pasha*, no *Sultan* mar theirear riutha, a b' urrainn innse cò a b' athair dha— Cha'n iad am mic tha tighinn 'nan àite, ach an tràillean. 'S i so firinn anns am feudar làn earbsa chàramh.

Nis èisdibh mar dh'innis Fàidhean an Tighearna so o chionn dà mhìle agus ceithir cheud bliadhna — *Ni mi an tìr fàs, agus na h-uile ta innte, le làimh nan coimheach — mise Iehobhah.* Agus an àit' eile *Imichidh slat-rioghail na h-Eiphit seachad.* Sech. x. 11. Agus tha e air a rádh, *bithidh i 'na rioghachd suarach, bithidh i suarach seach gach rioghachd.*

Tha fear turuis \* aig nach robh mòran suim de fhocal Dé, a' togail fianuis gun fhios da, air firinn na fàisneachd so. "S i an Eiphit" ars' esan "an dùthaich a's

suaraiche agus a's ìse air aghaidh an t-saoghail. Cha'n eil Uaislean no maithean innte, no cléir, no marsantan, no tighearnan dùthcha, no Tuath chothromach; ach an aon bhochduinn a's truaighe tha ri fhaicinn air aghaidh an t-saoghail. Na *Mamelukes* a' togail gach ni's urrainn iad leis an fhòirneart a's naimhdeala—muinntir na tire fèin anns an aineolas a's gràineala; —gun cheartas, gun trócair, gun truacantas air a thaisbeannadh dhoibh le'n uachdarain choigreach an-iocdmhor.—Cha'n eil ni aig duine rugadh 's an Eiphit a's urra dha a ràdh a's leis féin. An cruithneachd, an cotan, an siùcar, agus gach ni tha iad a' togail cha leò féin, ach leis na *Mamelukes*, na coigrich tha teachd a stigh orra o bhliadhna gu bliadhna 'nan tràillean o dhùthchaibh eile: cha'n eil aig an Eiphiteach bhochd ach gann na chumas an deò ann de bhiadh no de theachd-an-tìr. Cha'n eil diol-déirce a' falbh na dùthcha so air 'éideadh co dibli ris an fhear a's fearr dhiubh. Tha iad a chòmhnuidh ann am bothain bhochda de chriath ni's ìse agus ni's täre na aon bhothan-àiridh bha riamh air Ghàidhealtachd. Anns na bothain thruagha sin tha iad air chrith le oillt, an dara cuid o na h-Arabaich no o'n uachdarain choimheach bhorba féin. Tha iad air an cur gu bàs gun cheartas gun deuchainn. Ma shaoilear gu 'bheil òr no airgiod aig a h aon diubh cuirear fios air—iarrar air a thoirt seachad: ma dhiùltas e cha'n eil ach a sgiùrsadh no'n ceann a ghrad thilgeadh dheth. Ma's iad na maoir no na Saighdearan tha falbh nan Sràidean 'sau oidhche, tha'n crochadair a' falbh maille riutha le 'thuaidh mhòir fo 'ach-lais, agus fear na dithis 'sa chuid-eachd le saic aca anns an tilg iad cinn nan daoine a mharbhar ré na

h-oidhche, agus cha'n fheòraichear ciod a rinn iad na c'arson a chuir-eadh gu bàs iad." Tha gach eus-laint a's miosa na chéile'san Eiphit—gach plàigh a's tinneas a's bochduinn. Fiabhruis eagalach; doille, agus call nan sùl, agus iom-ad mìle tinneas air nach'eil sinn eòlach anns an tìr bheannaichte so.

Cha'n e idir gu 'bheil an Eiphit gun blearatas agus gun ioma ni luachmhor. Tha móran malairet's an Eiphit eadar a' agus rioghachdan eile; ach cha'n eil a bheag no mhòr dhe so aig muinntir na dùthcha—buinidh e gu buileach do na coigrich d'am bheil iad ann an daorsa. Nach'eil an tìr so da rìreadh *fàs fo làimh choigrich agus gach ni ta innte* mar tha na fàidhean ag ràdh—nach'eil i air a reic seachad do lamha choigreach phealach da rìreadh? Am bheil an diughl o thaobh gu taobh an t-saoghail gu léir aon dùthaich air a riaghlaidh le coigrich ùra, o am gu h-àm ré cùig ceud bliadhna mar a tà i? An cualas riamh iomradh air luchd-riaghlaidh tha deanamh tràillean de'n cuid cloinne féin: am bitheantas 'gan cur gu bàs, agus a' ceannach a stigh thràillean à rioghachdan eile chur an saibhris an àirde, a's urram a shealbhachadh.

Nach fìrinneach thubhairt focal Dhe—*Imichidh slat-riòghail na h-Eiphit seachad gu bràth, agus cuirear an dùthaich fo choigrich.*

Tha fàisneachd eile mu mhuinnit na tire so a's airidh air ar beachd smuainteachadh. *Esec. xxx. 23, Sgapaidh mi na h-Eiphitich an measg nan cinneach agus sgaoilidh mi iad feadh nan dùthchannan.* Tha'n fhàisneachd cheudna agus auns na briathraibh ceudna againn a rithist anns an 26 rann. Nis is airidh air ar beachd nach'eil sluagh eile bha riamh a' tuineachadh no'g àiteachadh tire tha air an sgap-

adh feadhlí an t-saoghal, taobh mach do na h-Iùdhhaich, ach na h-Eiphitich. Tha iad so sgapta feadh gach tire air aghaidh an t-saoghal. Tha iad 'nan cuideachd-an liomhor anns gach cearna de'n Roinn-Eòrpa : Tha na mìltean diubh an Sasunn o linn gu linn ; agus tha iad gus an latha diugh air leth o muinntir na dùthcha. Tha iad truaillidh, tárail, suarach, peacach, aingidh os cionn gach sluaigh eile, ag àiteachadh mhonaidhnean farsuing, uamhachan dorcha, tighean fàs ; 'nan ceairdean luaineach iad fèin, 's an clann 'nan allabain bhochda thàrrail : cànmhuinn aca dhoibh fèin, agus aithnear air an coslas iad. Cha do ghabh iad fathast ri Creidimh na tire so ged tha iad os cionn tri cheud bliadhna innse, agus ceart mar tha iad an Sasunn tha iad anns gach dùthchaich 'san Roinn-Eòrpa. 'Se ainm an dùthcha fèin tha iad a' giùlan na Gipsich\*, seorsa do dh' aithghearra focail an àite *Eiphitich*.

Nis, feòraicheamaid am bheil ni sam bith a's iongantaiche na coimhlionadh nam fàisneachd sin gu léir, mu thimchioll tìr agus muinntir na h-Eiphit ? Cò ach Dia a b' urra 'fhaicinn mìlte bhliadhnaча mun do thachair e ?

Dh' innis Isaiah, Eseciel, Sechariah, agus fàidhean eile so uile o chionn dà mhile agus ceithir cheud bliadhna, agus an diugh tha fìrinn am briathran soilleir fa chomhair ar sùl. Ré dà mhile bliadhna bha Rìghrean aig an Eiphit de a daoine fein, ach ann an àirde a glòir dh' innseadh gu'n imicheadh an t-slat rioghal air falbh aisdè, agus gu'n d' thigeadh an t-àm anns nach biodh Rìgh Eiphiteach tuille aice ; gu'm biodh i fàs fo làimh nan coigreach, agus gu'm biodh i suarach am measg nan Rìoghachdan.

\* Gypsies.

Nach 'eil comhlionaidh na fàisneachd so 'na dhearbhadh làidir air fìrinn focail De ?

Dh'fheuch an duine mòr, uaibhreach sin, *Buonaparte*, àrd uachdar an Frainge, an tìr so chur fo dhaorsa dha fèin, agus bha e'n a bheachd Rìoghachd mhor a dheanamh de'n Eiphit; ach chaidh so 'na aghaidh : phill e dhachaidh le támailt agus le call, agus tha'n Eiphit mar a bha i.

Cha robli 'n Eiphit co àrd o chionn iomad linn am measg nan riogachdan 'sa tha i air an àm so fein : Cha'n 'eil so a cur an aghaidh fìrinn na fàisneachd. Tha i fathast fo choigrich. Tha iomad ni air innse m'a dèighinn nach 'eìl fathasd air a choimhlionadh. Tha e air a ràdh 'nuair a philleas na h-Iùdhhaich do'n dùthaich fèin gu'n iarr iad còmhnaidh agus gu'm faigh iad cobhair o sgàile na h-Eiphit, 'Se sin ri ràdh, bitidh cumhachd 's an àm sin aig an Eiphit, bitidh e 'na comes cuideachadh le sluagh Dhe, ach 'na dhéigh sin uile cha bhi innt' ach sgáil no faileas air an Eiphit mar a bha i. Mar tha, chunnaic sinn an sgrios a thainig air *Babylon*, air *Nineveh* agus air an Eiphit, na dùthchannan air an d'rinneadh geur-leanmuinn air na h-Iùdhhaich, sluagh Dhe. Thainig sgrios anabarrach orra agus thaissenan Dia a chorruich gu mòr, 'nan aghaidh. Ach tha muinntir na h-Eiphit comharrachte air son gach gnè pheacaidh agus Iodhol-aoraidh agus aingidheachd agus uamhas. Air aghaidh an t-saoghal cha robli sluagh bu mhiosa 's bu chiontaiche na iad. Thug iad bárr air gach sluagh ann an drochbheart, agus bhagair Fàidhean an Tighearna an sgrios, agus mar thubhairt thachair. Seasaidh briathra Dhe. Co 's urra cur 'na aghaidh.

'S fìrinneach cainnt an duine  
ghlic—Righ Solamh, "Ardaichidh  
fìreantachd cinneach; ach 'se 'm  
peacadh masladh sluaigh air bith."

T. M'L.

Campsie, 1831.

## EACHDRAIDH NA H-ALBA,

*Air a toirt air a h-aghaidh o'n Air-  
eamh fa dheireadh.*

Bha'n cogadh eadar Sasunn  
agus Albuinn, nis do réir coslais,  
air tòiseachadh; agus bha gach  
uidheamachadh air a dheanamh  
taobh air thaobh a bha comasach.  
Chuir Tearlach Righ Bhreatuinn  
roimhe gu'n d' thugadh, e air na  
Cùmhantaich strìochadh a dheòin  
no dh'aindeoin; agus chum na  
crìche so, thog e armaitle chumh-  
achdach chum teachd a nuas;  
agus làmh-an-uachdar fhaotainn  
orra.

Cha robh na Cùmhantaich air  
deireadh anns gach dìcheall a bha  
'nan comas a dheanamh. Thòisich  
iad air feachd mòr a chur air bonn,  
air feedh na Rioghachd.—Ghairm  
na Morairean àrd a bha dhiubh a  
mach an cui'd daoine, agus thog-  
adh an dùthaich. Thugadh ceann-  
nas an àirm do Shaighdeir urram-  
aichte, (ge nach robh ann, ri  
amharc air, aeh siocaire bochd  
crotach) b'e sin *Alasdair Leslie*;  
a choisinn anabharra clù le theòm-  
achd agus le ghaisge, ann an cog-  
aidhean na Gearmailt. Thog na  
Cùmhantaich òr is airgiod air  
feedh na Rioghachd; cha robh  
cearna, baile mòr, no sgìreachd  
anns nach robh ministirean treuna  
deas-chainnteach, dùrachdach a'  
labhairt as an leth, agus a dùsgadh  
na Dùthcha chum seasamh leo.  
Thug aon mharsant' ann an Dun-

eideann dlù do dhà mhìle dheug  
bonn òir dhoibh ann an iasad—  
agus chuir Rioghachdan air tìr-mòr  
na h-Eòrpa a nall aim a chòmh-  
nadh leo.

Cha robh ni bha'm beachd an  
Righ air nach d'fhuair na Cùmh-  
nantaich fios. Bha gillean Alb-  
annach aige na sheirbhis air an  
àm, agus tha e air aithris gu'm b'  
àbhaisd doibh a litrichean a rann-  
suchadh, agus a leughadh, andéigh  
dha dol a luidhe; agus dùblach-  
adh dhiubh a chur a nuas a dh'  
Albuinn chum an càirdean. Mar  
so fhuaradh a mach gach ni bha  
'na bheachd; agus thuig na Cùmh-  
nantaich gun robh e ri feachd mòr  
a chur a nuas air Cabhlach mòr a  
bha r'an cur air tìr ann an Lìghte,  
no co dlù dha 'sa b' uarrainn  
dhoibh.—

Cha luaithe chaidh an t-iomradh  
so a mach na dh' éirich an dùth-  
aich mar aon duine. Cha robh  
port-luinge, no caladh air gach  
taobh de'n chaol a tha fosgladh  
a mach á Lìghte nach robh air a  
dhaingneachadh gu làidir—gu  
h-àraidh Lìghte fein. B'e 'm baile  
so iuchair Dhuneideann—agus cha  
robh dòigh a bha comasach nach  
d' fheuchadh chum an iuchair so  
a chumail á lamhan nan Sasunn-  
ach. Chruinnich sluagh na dùthcha  
fad astair mhòir chum Light' a  
dhaingneachadh. — Thòisich an  
obair le cridhealas—le dealas—le  
dùrachd agus misneach mhòr.  
Cha bu tàmailte leis na h-Uaislean  
a b' àirdé san dùthaich, le Mor-  
airean aosda, agus Flaithean òga,  
a bhi air am faicinn a saothair-  
eachadh san obair so. Bha na  
miltean 'an sàs. Cha deachaidh  
stad san obair a là na dh'oidhche.  
Cha'n f'hascas sealladh riamh ann  
an Albuinn, maith a dh' f'haoidte,  
cosmhail ris. Agus is dòcha nach  
faicear. Bha uasal agus iosal—

maighdeannan àrd is mnathan uasal aosinhor liath—bha lag agus làdir, bochd agus beartach, a' saoithreachadh an so, an dara cuid le'n lamhaibh, le'n airgiot—le'n lòn, no le'n cainnt a' brosnachadh càch a chéile.

An ceann seachduin a dh' ùine bha'n obair críochnaichte; dhaing-nicheadh Lìghte air dhoigh a dh' f heuchadh ri Tearlach buadhadh na aghaidh, no a shaigh-deirean a chur air tìr.

Na dhéigh so ghlac na Cùmh-nantaich a chuid bu lionmhoire de Chaistealan làidir na Rìoghachd; agus chaidh ac' air so a dheananamh gun a bheag de fhuil a dhòrtadh. Mar so 'an ùine ghearr chuir iad Albuinn gu buileach fo cheannsal, achi fearann Mhoirear *Huntly* san taobh-tuath, agus cuid de chearnaiddh ionallach na Gàidh-ealtachd air nach d' fhuair iad ruigheachd.

Bha san àm sin Flath òg, eir-eachdail, co treun, mhisneachail, thogarrach, churanta, 's a dh' àraich Albuinn riamh, an déigh èiridh leis na Cùmh-nantaich, ged a chì sinn gu'n do thréig e iad na dhéigh sin;—B'e'n t-ard Uasal so Iarla *Mhontrose*, air an cluinn sinn ni's leòir m'an tig an Eachdraidh so gu deireadh. Chuireadh am Flath so mu Thuath a smachdachadh *Huntly*, agus nan tighearnan eile san dùthaich sin, a bha fath-asd a' seasamh a mach an aghaidh a Chùmhnaainte Naoiñh—agus cha b'fshada gus an d' thug e air Aberaidhean agus air *Huntly* géilleadh dha. Phill e do Dhuncideann le *Huntly* aigena phriosunach, ged is éiginn aideachadh nach ann air an dòigh a b' onaraich' a rinn e priosunach dheth—oir gun teagamh blrist e gu nàr a ghcalladh dha.

Air latha Bealltuinn 1639,

chunnacas an Cabhlach Sàsuñnach a' seòladh a stigh do Lìghte—Bha ochd loingeas thar fhichead ann, agus b'e'n t-iomradh gu'n robh cùig mìle saighdear air bàrd orra. Bha 'm feachd fo cheannsal Iarla *Hamilton*, Albannach e fein, ach na charaid seasmhach do'n Righ, agus do'n chreidimh Easpúigeach. Thainig an Cabhlach mòr gu achd-air fo chomhair Dhuneideann—Cha luaithe mhothaicheadh dhoibh, na bha na miltean de Ghaisgich churanta cruinn—Bha na Morairean àrd; an Tuath; an Gillean; an Luchd-lagha; Ministeirean; agus Marsandan; na h-uile duine aig an robh eridhe no claidheamh, bha iad a mach; Thug iad orra, mar aon bhuidheann, an tràigh, gach fear fo armachd; Alasdair crotach Leslie air an ceann, agus *Bàs no Buaidh*; an *Uaigh no Saorsa* am beul gach scòid.

Ach cha b'iadsan a bha com-asach air claidheamh a tharruing agus iomairt, a chaidh amhàin a mach. Lean na miltean iad. Chaill na mnathan fein an gealtachd—is cha'n fhòghnadh leo gun an tràigh a thoirt orra a bhrosnachadh a chatha. Anns an t-sluagh mhòr so bha aon Bhaintighearn a osda àrd-vasal a' marcachd air falaire mheanach, àrd-mbuingeach, a' siubhal o àite gu h-àite, a' brosnachadh an airm. Bha gach sùil oirre—agus anns gach àite sam bitheadh i, chluinnte iolach an t-sluaigh 'cur failte oirre. Bha dag aic' air gach taobh d'a crios; "Sud agaibh," ars'ise 'si 'g amharc air, "luingeas feachd Shasuinn, fo Iarla *Hamilton*, a tha cogadh an aghaidh saorsa agus creidimh na Dùthcha a thog 's a dh' àraich e." Is mis', a deir a Banaghaisgeach, màthair an Iar' ud—agus ma tha dhàandas aig' a chos a chur air tìr, annan naimhdeas ri Albuinn, 'sann

leis an laimh a chum a chioch ris a loisgear na agaidh a cheud ur-chair.

Ach an uair a chunnaic an t-Iarla *Hamilton* an t-uidheamachadh mòr bha air a dheanamh, agus an sluagh lionmhòr a bha 'feitheamh air, 'sa thug e fainear an t-arm diblidh, bochd, suarach a bha aige, nach do tharruing claidheamh ri uchd nàmhaid, na chaill e mhisneach, tharruing e loingeas o'n chladach, ach champaich e a dhaoine air Eilean *Cholm* agus air Eilean *Cheith*.

Dh' f'hàg Righ Tearlach Sasunn air ceann armait co lionmhòr 's a b'urrainn da chruinneachadh, agus thug e criochan Albuinn air. Chuir na Cùmhantaich iad fein 'nan uidheam chum coinneamh a chumail ris. Chaidh *Montrose* mu thuath a ris a cheannsachadh agus a chumail air an ais nam finneachan tuathach a bha togradh éiridh as leth Thearlaich, agus a chreidimh Easpuigeach. Ghlac e baile Abaireadhain a ris, agus thog e cis mhòr no creach dheth, a thug e d'a chuid airm.

Thug an t-arm Albannach orra 'an còdhail an Righ, cùig mìle fich-ead fear fo cheannas Alasdair Leslie; daoine co togarrach fhoghainteach 's a tharruing riamh claidheamh; 'Nuair bha iad mar asdar latha do Shasunn stad iad, agus champaich iad air Dùn àrd uaine dlù do Bhaile *Dunse*, àite ro chomharrachte, as an robh sealadh farsuing ac' air an dùthaich m'an timchioll. Bha feachd Shas-uinn san t-sealladh, taobh eile na h-aibhne a tha roinn na dà dhùthcha; agus cha robh car a chuireadh an dara arm dh'ubh nach faiceadh an t-aon eile.

Theagamh nach robh campa shaighdeirean riamh cosmhuil ris

an aon so; agus is airidh innse mu dhéighinn. Tha an Dùn air an do champaich iad aig éiridh suas ann am meadhon tìr iosal réidh—tha e uaine, bòidbeach gu mhullach. Air a mhullach tha lagan uaine, agus air a chòmhnràd sin bha Bùithean nam Morairean agus nam Flaithean a b' àirde bha sa champ. Bùithean àrd rìomhach eireachdail—a bha rì'm faicinn o fhad agus o leud na tire. Dlù dhoibh so bha bùithean nan uaislean agus nan Cinn-fheadhna a b' f haisge dhoibh. Nan sreith fo bhive an Dùin agus fòdhpa sin a rìs an t-arm, nan sreithibh òrdail riaghailteach, ann am bùithibh beaga mar gum bitheadh bothain àiridh ann. Aig dorus Bùth gach ceannard-ceud bha bratach na cuideachd a' snàmh 'sa ghaioith, suaicheantas na h-Alba oirre ann an sioda agus an òr, agus na focail chudthromach so sgioblita ann an litrichibh mòra air gach aon diubh, AIR SON CHRIOSD, AGUS AN COINHCHEANGAL NAOMH.

Dh'fheudt' a rádh ma bha Camp Criodail riamh air thalamh gu'm b'e so e. Bha sìth, càirdeas, agus réite eadar gach duine. Bha àrd agus iosal, le'n uile chridhe sunndach, àrd-thogarrach sa chogadh a thug a mach iad. Bha na h-uaislean a b' àirde inbh a' fulang gach ana-cothrom agus crualal, co maith ri'n Gillean—agus 'se gràdh agus gean-maith, is càirdeas a chum smachd, 's cha b'esgiùrsa no laghanna airm. Bha'n aon chomhdacha cinn air gach duine, boineid leathann ghorm, le dos no babag de riobain gorm air a mullach, agus a h-aor eile crochta r'a taobh. Bha na Ministirean sa champ mar bha daoin' eile—fo'n armachd—le ceannas ac' air na daoinibh chaidh mach leo. Gach

madainn agus gach feasgar bha Searmoin—Chruinnich iad le fuaim na druma—agus cha robh duine a dh' fhuirich air ais. Bha fuaim Shalm, urnuigh, agus leughadh nan Scriobtuire ri chluinntinn sa champ fad an latha—Thuig iad gun robh iad fo ainm dol a chogadh airson an creidimh, an saorsa, agus an dùthaitch—air son gach ni a bha luachmhòr leo air aghaidh an t-saoghail. Thug so fonn spioradail doibh. Bha 'n Tighearna leo; dh' fhairich iad mar gu'm bitheadh a chairdeas a' dealradh air an anamaibh, agus dòchas àrd gu'm beothaichte iad chum a chòmhraig ris an robh sùil aca.

Cha robh dìth no deireas orra. Bha am pailteas aca de gach ni—aran cruineachd, nach do bhlaibh mòran diubh ri amhl roimhe sin, agus gach ni a b'urrainn doibh iarrайдh. Bha sèsgillean san latha aig na Saighdeirean, ach cheannachadh iad uan reamhar air an àm sin air son sgillinn shasunnach, air chor's nach robh fàth talaich aca, no togradh sam bith gu pilleadh dhachaidh.

Cha b'ann mar so a bha Camp an Righ—cha robh ach gearan gainne agus gort—mòran a teich-eadh dhachaidh gach oidhche; agus eagal an cridh' orra gum biadh na Cùmhantaich nam bad-aibh a h-uile mionaid, Chunnaic an Righ nach rohh earbsa ri chàramh anna. Fhuair e cunntas anabarrach air neart, eud, agus misneach nan Albannach. Leig a uime sin fios d'an ionnsuidh gun robh toil aige sìth a dheanamh riu, Gu'n robh leisg air ful a dhòrtadh—gu'n d'thugadh e maith-eanas doibh, agus iad a philleadh dhachaidh.

Leig na Cùmhantaich fios da, nan tugadh e saorsa creidimh

dhoibh—nan gealladh e nach oidh-irpicheadh e an creidimh Easp-uigeach a chur air bonn gu bràth tuille san tir. Nan tugadh e cead do'n Pharlamaid aca, agus do Ard-sheanadh Eaglais na h-Alba, cruinneachadh, agus gach cùis a bha eadar iadsan agus e a shoc-rachadh, gu'n sgaoleadh iad dachaidh—gu'n tugadh iad suas d'a air an ais gach Caisteal agus daingneachadh a ghlac iad; gu'n sgaoleadh iad an t-arm; agus gun tugadh iad dhà an ùmhlaichd sin a bha dligheach agus ceart, mar iockdarain dhleasdanach agus thairis.

Chomh-aondaich an Righ—agus ghairmeadh sith anns gach Camp. Cha robh gealladh an Righ ach cealgach; cha robh e 'na bheachd seasamh ris—ach cha robh comas aig na Cùmhantaich air. Sgaoil iad air an àm taobh air thaobh. Ach cho robh an t-sith tholgach so ach gearr mar chì sinn 'an tìne ghoirid.

T. M'L.

Leanaidh sinn an Eachdraidh so san ath Theachdaire.

#### COMHIRADH NA CEARDACH.

*An Gobhainn—an Marsanta mòr, agus luchd-dùth'cha tha gabhail fasga 'sa Cheardaich: —am maigh-stir-sgoile dlùthachadh air an dorus.*

*Gobhainn.* Tha e fein a' tighinn ann an so, agus cluinnidh sinn cia mar tha chùis. An duine gaolach 'se nach mealladh sinn. Thigibh a stigh, fhir mo chridhe, thug na clacha-meallainn feed oirbh.

*Mai. Sg.* Theab iad na sùilean a chur asam.

*Gobhainn.* Ma ta bu mhòr an diùbhail sin—’s iomad aon d’am bheil iad a’ deanamh sochair : B’ fhearr gach dara duine ‘san dùth-aich a bhi cam na am Maighstir-sgoile bhi dall. Cò’n sin a leughadh na Paipeirean-Naidheachd, agus a sgrìobhadh ar litrichean.

*M.Sg.* Air son na tha do naidheadh, a’ falbh air an àm, cha bu mhòr an call ; ach cha b’iongan-tach leam ged robh naidheachdan aguinn an uine ghearr.

*Gobhainn.* An saoil sibh a’ bheil coslas cogaidh air an t-saoghal. Ciod tha na *Russianaich* a’ deanamh ? Tha mòran de’n iarunn a’s fearr tha againn a’ teachd o *Russia*. Tha dòchas agam nach d’ theid iadsan gu cogadh.

*M.Sg.* Cha’n fhaodar aicheadh nach eil neòil dhorcha bhagarrach a’ cruinneachadh ‘san airde Tuath, ach ’s dòcha gu’n sgaoil iad : a dh’aois chuid cha’n eil dùil agam gu’n d’theid sinne ‘san eadraiginn.

*Gobhainn.* Ciod so an losgadh ‘s am bristeadh air muinnlean’s air acf huinn innleachdaich, ealanta, tha falbh le neart deathcha, tha daoine nis a’ deanamh ann an Sasunn ? Tha’m marsanta mòr an déigh teachd dhachaidh á *Paisley* agus tha cheann co làn do ghnothuichean ùra ’sa tha mhàileid. Ma tha’n fhirinn aige-san tha gnothuichean mòra ’tòiseachadh gu luath mach air Galldachd.

Cha’n eil mise tuigsinn gu ro mhaith gach gnothach air a’ bheil e tighiunn, ach tha ùpraid mhòr air na Gaill mu laghannan ùra, ’s mu Phàrlamaid ùr, ’s mu mhòran atharraichean, tha, c’aimpi so e, *Reform* ri thoirt mu’n cuairt, ar-leam gur e sin is ainm dha. Ma ni e’n dara leth ’sa tha’m Marsanta mòr ag ràdh b’e leigheas gach creuchd e. Tha e ris an Rìoghachd ath-ùrachadh—ri cosnadh,

pailteas a’s saorsa thoirt do gach duine ‘san tìr : ach ma’s e *Reform* tha toirt orra na beairtean’s na muinnlean mòralosgadh an Sasunn, cùl mo làimhe ris. Cha’n fhaic mi cia mar tha leithid sin airson maith na Rìoghachd.

*Mars.* Cha’n ionann idirgàin dà ghnothach,—ged tha mòran am barail gu ’m bheil an dara ni co feumail airson maith na Rìoghachd ris an ni eile.

*M. Sg.* Seadh, a bhobuig, cia mar tha iad ’ga dheanamh sin a mach ?—Gu ’bheil e chum maith na Rìoghachd gach acf huinn agus innleachd tha toirt beartas a’s òr a stigh o gach cearn de’n t-saoghal a losgadh agus a bhristeadh ?

*Mars.* Tha e soilleir, ged tha na h-oibrichean mòra sin a’ deanamh anabharra beartais do chuid a dhaoine, gu ’bheil iad a’ toirt cosnайдh à lamhan an t-sluaign ; a’ cur nam míltean nan tàmh, agus leis a so a’ toirt anabharra bochduinn air an dùthach. Tha cuid de na beairtean mòra sin, no na muinnlean mòra sin tha falbh le cumhachd deathcha, a’ figheadh barrachd ann an aon seachduin na dheanadh ceud figheadair ann am mìos ; agus fòghnaidh balachan no dhà agus dithis no triùir a dhaoine dhoibh air fad. Nach ’eil muileann ann air son a chruiñeachd a bhualadh, tha falbh le uisge, agus eich, a ni barrachd oibre ann an latha, na dheanadh fichead sgalag leis a bhualitean. Nach ’eil so uile toirt a chosnaidh o dhaoine bochda—’ga’n cur ’nan tàmh, ged tha iad gun teagamh sam bith a’ cur beartas ann am pòca ioma duine mòr saibhir.

*Gobhainn.* An t-urram do dh’ fhear na màileide, nach e’n gille ’m marsanta mòr, ach coma cò dhiù, cha’n eil innleachdan no beartas de’n t-seòrsa sin againne

's a Ghàidhealtachd ach soitheach na Smùide—'s ma loisgeas sinn ise cha bhi againn ach na h-aiseagan a ghabhail mar a b'abhaist duinn.

*Ma. Sg.* Tha ionad beirt agus innleachd againn thug cosnadh o na daoine bochda, agus ma ghabhas sibh comhairle a mharsanta mhòir's còir am briste. Tha aon innleachd bheag sheolta ann a rinn mòran cron do chosnadh—'se sin an Crann-araidh—a bheairt-threabhaidh—nach ioma duine chuir i o ruamhar. Tha bhuainn a losgadh agus an caibe biorach 's a chas-chrom a ghabhail a rithist; ach 's innleachdan iad sin fein: Cha robh aig daoine 'n tùs ach an corragan, an crògan 's an ingnean. Sud innleachd eile chuir ioma cailleach bhochd dhìchiollach 'na tàmh—na muinnlean. 'S còir an grad bhriste, agus gheibh gach cailleach 'san dùthach cosnadh le brà eadar a dà ghlùn, a' bleith mar a b' abhaist doibh o chionn fhada. Loisgeamaid na buailteinean 's deanamaid *gradan*—loisgeamaid na cuibhleachan's gabhamaid a chuigeal 's an fhearsaid—ach 's innleachdan iad sin fein—loisgeamaidiad gu buileach, scuiridh a h-uile fear air *bian fèidh, no earba, no sionnaich, no gaibhre*, mar a b'abhaist leis na daoine o'n d'thàinig sinn---loisgeamaid gu grad màieid a mharsanta mhòir, oir sann le innleachdan a rinneadh gach ni a th' aig 'innt.

*Gobhainn.* Neor' thaing mar 'cill sibh 'ga losgadh gu cùl a dhroma—ach gabhadh e sud.

*Mars.* Cha'n 'eil mise tighinn air a leithid sin de innleachdan feumail—ach sud tha mi labhairt mu na muinnlean mòra—na h-oibreichean mòra tha mach air Ghalldachd tha cur nam miltean 'nan tàmh.

*Ma. Sg.* Tha mi 'g ad thuigsinn—'s aithne dhomh a h-aon diubh--'se

sin an dòigh tha aca air leabhrainchean a chlò-bhualadh, seach a bhi 'gan sgríobhadh mar a b' abhaist doibh le pinn. So an aon acfhuinn a's miosa 's aithne dhomh. Tha e a' deanamh uiread oibre 'n Glascho fèin 'sa chumadh gach duine 's a bhaile mhòr sin (agus Ol's lionmhòr iad) a' sgríobhadh o thoiseach gu deireadh na bliadhna. Tha mi eòlach air aon leabhar a thainig a mach air a bhliadhna dh' falbh. Ghabh e sgríobhadair co ealanta 's a tha'n Glascho còrr maith thar bliadhna aon dùblachadh dhe a sgríobhadh. Thig maith dh' fhaoidte dà mhile dhe a mach—Ghabhadh e leis a sin dà mhile cléireach fad bliadhna an aon leabhar sin fein a chur a mach, agus chosdadh e dlùth do cheud bonn òir, an àite fishead sgillinn shasunnach, an t-suim air am bheil iad 'ga reic. 'Sann mar sin tha gach beirt eile. Tha aon obair mhòr chotain fo chumhachd deathcha, a' deanamh barrachd oibre 's a dheanadh mile figheadair; agus an lorg so tha mìle bean a' caitheamh aodach cotain, air am biadh a chàirinn mar bhi iad. Mar bhì na muinnlean mòra sin cha bhitheadh tusa siubhal na dùthcha, 's cha mhò bhiodh currachd co gheal, aluinn, a's deise co riomhach air bean aghobhainn air latha féille no Dòmhnaich. Tog, a mharsanta mhòir do t-amaideachd s' na bi cur faoineis a's brengan an cinn dhaoine còire; tha thusa's do leithid a' deanamh mòran coire le'r foghlum Gallda—bu chòir 'ur bogadh ann an lub nan gèadhairson 'ur baothaireachd.

*Gobhainn.* Cuir sud a'd' mhàileid, fhir mo chridhe, ach o'n thuit dhuinn a bi tighinn thairis air gnothuichean de'n t seòrsa sin nach innis sibh dhuinn ciod is ciall do'n *Reform* so tha ainn am beul a mharsanta mhòir agus a

leithid. Tha e 'g ràdh gu bheil atharrachadh mòr ri bhi air a Phàrlamaid—gu bheil dòigh ùr r'a ghabhail air daoine thaghadh air son dol a stigh—gu'm bi *vote* no guth-taghaidh agamsa agus aig Alasdair mòr, 's Maol-moire ruadh 's a h uile duine eadar dà chloich na dùthcha. Nach sinn a bhiodh uasal i togail dirnn gu ceann-bhaile na Siorramachd, Fionnla Piobaire air ar ceann—f heara' 'sa ghaoil nach ann an sin a bhios an othail; 'sioma fear a sheinneas an t-òran “An d' thoir tha dhomh do bhriogaisean a dhol a dh' Inbher-aora.”

*Mars.* Bi thusa magadh, ach cha'n-eil an latha fad' as—dhùisg na daoine, seasaidh iad an eòir séin 's bu mhithich dhoibh sin—tha luchd-comhairle ùr aig an Righ agus gheall iad *vote* no guth-taghaidh do gach duine tha os cionn bliadhna thar fhichead a dh' aois.

*M. Sg.* Air t-athais a fheasg-aich, na bi 'g innse ni nach 'eil fòr—cha do gheall iad. Gheall iad gu'm feuchadh iad ath-leasachadh adheanamh air an dòigh rogh-nachaidh, agus gheall iad isleachadh a dheanamh air cisean na dùthcha, agus air costas na dùthcha; ach cha do gheall iad riamh na tha thusa 'g ràdh, 's cha mhò bha e 'nam beachd, ged tha cuid a dhaoine gòrach a' glaodhaich a mach air a shon—daoine, mòran diubh tha suarach ged rachadh an rioghachd bun os ceann. Cha'n fhaic an gobhainn na Alasdair mòr Inbheraora'n da latha so a thaghadh fear Pàrlamaide, 's tha sin co maith dhoibh.

*Mars.* Nach mòr an onoir tha aca ann an Sasunn agus an Eirinn, far an coinnich na miltean a thaghadh duine freagarrach air son na Pàrlamaid.

*Ma. Sg.* A thaghadh maith dh'fhaoidte, an aon slaoightire 's cealgaiche 's an dùthaich—an duine 's mò bheir dhoibh do bhrosgal, agus a dh' innseas am barrachd blreugan—ach am bith-eantas am fear a's àirdé cheannachas an guth; air chor's gur h-e truimead a sporain a chosnas an latha 's nach e feabhas no gliocas an duine. Bha coinneamh aca o chionn ghoirid ann an Liverpool agus bha guth aig na miltean 's a ghnothach. Cia mar chaidh an latha? Tha leis an uasal bu truime sporan. Thràigh sporan an dara fir an déileadh dhà tri-fichead mile punnd Sasunnach a chosd. Sheas am fear eile mach, agus choisinn e'n latha le duais a dhìol do gach fear thug a ghuth no a *vote* dha, agus rè na seachduin nach roth 'm baile mòr sin mar gu 'm bu deamhain a bha'ga àiteachadh, le misg a's mi-bheus, a's gach gràinealachd a b' oillteala 'na chéile.

*Gobhainn.* Cha robh fios agam gu 'm faodadh iad an *vote* aca a chreic.

*Ma. Sg.* Cha'n fhaod—na 'm biodh eneasdachd anna, oir tha iad bòidichte nach do ghabh iad duais, ged tha fios aig gach aon gu'n do ghabh. Thig esan mar gu'm b'ann, a dh'iarraidh do ghuth-sa, stigh do'n cheardaich, e'fèin no fear eile air a shon—feòraichidh e'm bheil seana chrudha eich agad r'a reic? Tha ars' thusa. Ciod tha thu cur m'a choinneamh, ars' esan? Cha chreic mi mo chrudha bòidheach a nuas o leth-cheud bonn òir, ars' thusa. Tha sin daor ars' esan—ach 's leam e, air chùmhnhant nach reic thu ni sam bith ri leithid so a dhuine. So mo làmh ars' an gobhainn—Theid thu'n sin agus bheir thu do bhòid nach d'f huair thu duais air bith

ach gu'bheil thu toirt do ghuth gu saor—ach ciod tha'n sin ach mion-an eileich?

*Gobhainn.* Ciad 'eil ach mionnan eileich an clàr an aodainn.

*Mars.* Amhaircibh air Eirinn—nach 'eil focal an sin aig na h-uile fear?—na miltean agus na deich miltean diubh cruinn a thaghadh fear Pàrlamaid dhoibh féin, mar a's iomchuidh do dhaoine saor a dheanamh.

*Ma. Sg.* Mata thuit thu air na daoine saor, na tràillean bochda a's mò an diugh ann an Eilean Bhreatunn.—Ach a bhobuig cha'n 'eil focal aig gach duine 'n Eirinn 'sa chùis so; na aig fear 'sa cheud dhiubh: Bha o chionn ùine ghearr focal aig na h-uile fear a b'fhiach dà phund Shasunnach 'sa bhliadh agus chitheadh tu h-uile uachdaran fearainn, le a Bhàillidh, agus le mhaor a'g iomain nan daoine truagha romap mar gu'm biadh greidh each a dol gu faidhir no féil—'g am biadhadh air an rathad, 'sgun fhios aig fear's an f' hichead diubh c' àite bheil iad a' dol, agus caoin shuarach co a chuirear a stigh, ach mar dh'iarras an uachdaran no an Sagart orra. Co luath 's a tha chùis seachad, leigear an taod mu cheann gach fir, agus leigear dhachaidh e mar a's àill leis a dh' ionnsuidh a bhothain neo-chuanta. Cha d'thoirear dhoibh aonta fearainn an earalas gu'n rachadh iad an aghaidh an uachdaran. Tha māil thairis orra nach 'eil e 'nan comas a chur dhiubh. Tha fiachan mòra aig a Bhàillidh 'nan aghaidh 'na leabhracchein—agus ma tha chridhe aig fear dhiùbh a bheul fhosgladh ach mar dh' iarrar air, creicear na tha aige ris an t-saoghal, agus cuirear e féin agus a mhuirichinn bhochd a shireadh na déirce. Sin agad an t-sochair mhòr tha'n lorg guth bhi aig na daoine bochda an taghadh luchd

na Pàrlamaid; agus mar tha e ann an Eirinn, ceart mar sin bhiodh e's a Ghàidhealtachd 'nam faigh-eadh gach fear focal s'a chùis. Cha bhiodh aonta o cheann gu ceann na dùthcha, agus bhiodh na ceudan agus na miltean air an tarruing a mach o'n tighean fein gu ceann-bhaile gach Siòramachd a sheasamh còir an fhir sin bu mhiannach le 'n uachdarain a chur a suas.

*Gobhainn.* Fhir mo chridhe—'s ann agad fein tha 'n ceann; ciad tha aig a Mharsanta mhòr ri ràdh nis? Fhuair do charaid *Reform* a bhuelle 'm bun na cluaise.

*Ma. Sg.* Cha d' f' huair idir—tha iomad ath-leasachadh maith a dh' f' haoide dheanamh, agus gun teagamh a nìtear, ach cha'n ann diùbh na bha esan ag ràdh. Ma sheasas sìth eadar na Rìoghachdan, tuitidh na cìsean, cuirear mu sgaoil mòran de na Saighdearan, agus tuitidh costas na Rìoghachd; ach gu truagh tha Eirinn ann an cor bochd. Tha muinntir na dùthcha sin air am mealladh le daoine seòlta, cealgach, tha feuchainn fuil agus fòirneart a thoirt air an Rìoghachd—Tha daoine aingidh mi-dhiadhaidh, Slaoightirean gun tlus, gun ghràdh-dùthcha, aig iarradh cogadh agus aimhreit a dhùsgadh eadar Eirinn agus Sasunn, Cha'n 'eil a bheag aca féin r'a chall, agus theagamh gu'm faigheadh iad ni-eigin 'san iorughuill. Tha na daoine truagha toirt creideas da so, agus anns a cheart àm so tha'n dùthaich àluinn sin air a buaireadh. C'ait an stad iad, cha'n 'eil e soirbh ri ràdh, ach tha dòchas againn gu'n caisg am Freasdal iadsan tha 'gam brosnuchadh gu ole. Ach an cluinn thu mi, fhir na mài leide, 's tua agus do leithid tha cur amaideachd ann an inntinn dhaoine bochda—a' labhairt mu nithe

air nach 'eil eòlas agad, agus a' cur 'nan ceann gu 'bheil eucoir agus fòirneart 'ga dheanamh orra: gu 'bheil dì saorsa agus ceartais aca, 'nuair nach 'eil Rìoghachd air an t-saoghal cosmhul ris an Rìoghachd d' am buin sinn. Bu chòir ceangal nan trì chaol a dheanamh ort agus air do leithid, tha 'g iarr-aidh daoine dhùsgadh gu góraich; agus bu chòir do chur a nunn do 'n Spàinde no'm measg nan Russianach—thuigeadh tu 'n sin luach nan sochairean air am bheil thu deanamh tair,

S bochd a chùis ma's tua agus do leithid tha dol a chur 'ur làmh air Mathair-riaghlaidh Bhreatunn, an aitreabh àluinn a thog ar n-aithraichean—airson na dhòirt iad am fail. 'S iomad làmli bha m' a cur suas—'s iomad doininn a sheas i—'s iomad linn a chunnainc i—'s iomad latha bha na daoine o'n d' thainig sinn sona foildhpe, agus seasaidh i a dh' aindeoin cò theireadhl e. Aosda mar tha i, bidh i fathasd ni's aosmhoire—Tubaisd air an làimh a dh'iarradh clach a thoirt aside—Soirbheachadh le gach aon leis am mail gu maith i.

T. O.

#### MU IASGACH NA MUICE-MARA.

'S i a mhuc-mhara am beò-chreutair a's mò tha snàmh a chuain. Tha i'm bitheantas eadar deich-troidhe-fichead agus tri-fichead troidh air fad.

'S ainmic a gheibhear muc-mhara a's mò na so, ged tha seòrsa ann, tha os cionn ceithir fichead troidh, ach cha 'n fhiach an seòrsa sin an iasgach: tha iad doirbh r'a ghlaicadh,—agus cha 'n

'eil ach beagan saille orra 'n déigh an glacadh.

Tha muc-mhara mhòr làn reamhar, os cionn tri fichead tunna air chudthrom; agus ni's truime na dà cheud damh reamhar de 'n t-seorsa 's mò tha 'n Sasunn. Tha mu dheich tunna fichead a dh' ùilleadh ann an aon mhuic-mhara de'n mheudachd chumanta; air chor's gu'n tarruing na tha dh' ùilleadh ann an aon iasg maith, oscionn dà-cheud-deug punnd Sasunnach. Tha còmhach tiugh de shail mu thimchioll na muice-mara g'a cumail blàth 's na h-uiseachan fuara reòta a's âbhaist dhi bhi tathaich. Tha dà chnàimh-peircill na muice-mara mu fhichead troidh air fad. Ged tha'n sgòrnan aice cumhang, tha beul anabhairrach mòr aice, anns am feudadh ceithir ràmhach bata agus a sgiobadh a fasgadh a ghabhail. Cha 'n 'eil coslas cluaise ri fhaicinn air an leth a mach, ach tha clàisdeachd aice, agus mothachadh geur air cunnart sam bith tha dlùth. Air mullach a cinn tha dà chuinn-ein, no dà phollair mhòr tre an tilg i suas meall mòr uisge dà f hichead troidh air àirde. 'Sann leis a chuinnein so tha i tarruing a h-analach, agus tha'n fhuaim, no an séideadh air uairibh mar thoirm ghunnacha-mòra.

Tha neart os cionn na 's urra dhuinn a thuigsinn ann an earball na muice-mara. Le aon bluille de'n earball mhòr so, tilgidh i an sé ramhach báta 's mò, le a làn sgioba, suas anns na speuraibh. Air uairibh slachdaidh i an cuan le h-earball air dhòigh is eagallaiche.—a' toirt air an fhaurge èiridh suas 'na cobhar geal as an t-sealladh; agus tha'n fhuaim mar fharum stoirm a chluinnear miltean air astar. 'Sann mu thoiseach an

Earraich tba'n t-àl og a' teachd. Cha'n 'eil aig a mhuic-mhara ach an t-aon uircean air an aon àm. Tha an daltachan beag so mu cheithir troidhe deug air fad, agus mu chudthrom tunna. Tha mhuc-mhara anabarrach gaolach, togarrach, faicilleach uime; agus 's e'm bàs fein is urrainn sgarachdann a dheanamh eadar riù. Snàmhaidh a mhuc-mhara mu dheich no dusan mìle 'san uair; ach 'nuair shàthar am muirgheadh no'n gath innte, siùbhlaidh i'n sin le luathas anabarrach. Tha maraiche ainmeil aig innse dhuinn gu'n tarruing a mhuc-mhara a mach còig ceud aitheamh de bhall no de ròp 'na déigh ann an aon mhionaid a dh' ùine 'nuair tha'n gath frith-bhacach air a chur innte.

Mu cheud làithean an t-samhráidh's bitheanta leis na luingeis tha dol a dh' iasgach nam muca-mara a mhuir reòta a ruigheachd. 'Co luath 's a ruigeas iad tha'n t-iasgach a töiseachadh. Tha àite air uidheamachadh am bàrr a chroinn mheadhoin, margu'm biodh crannag, ris an can iad fein nead an fhìthich, anns an suidh na seòladairean a's misneachala agus a's genr-bheachdaiche, a h-aon an déigh a chéile air freiceadan fad an latha, le gloin-amhaire am faire a chuain; agus le dùdach mhòr tre an toir e sanus do mhuinnitir na luinge ma chi e muc-mhara 's an t-sealladh. Tha seachid bàtaichean no geolachan crochta ri cliatbach na luinge, deas gu bhi uidheamaichte 'm priobadhl na sùl—agus 's eiginn gu'm bi dara leth na sgioba do ghnàth ullamh gu bhi ghrad annta 'nuair chluinnear fuaim na dùd-aich. Tha na geolacha sin mu thuaiream ochd troidhe-fichead air fad, agus còig troidhean gu leth

air leud,—anabarrach eutrom, éasgaidh, furasd' ionram agus a stiùradh. Co luath 'sa chì esan tha gu h-ard 'an nead an fhìthich, druim na muice-mara teachd an uachdar, bheir e sanas seachad. Air ball tha gheola mach agus a sgioba féin innte, agus air falbh leatha—'s ma's iasg mòr tha's an t-sealladh, tha geola eile gu grad'na déigh. Tha fear-nuirgheadh anns gach geola, agus fear no dithis fodha, air am bheil càram nam ball, air neo cuairt nan ròpan tha ceangalite ris a muirgheadh. Tha'n ròp so, no a chuaireat bhuill so, mu cheithir mìle troidh air fad. Air ceann a bhuill so tha 'm muirgheadh no'n gath, no mar deir iad ann an cuid a dh'aiteachan, an *Lisdear*. 'Nuair thig am bàta co dlùth 's a's urrainn dith le téarainteachd, tha fear a muirgheadh a' grad-thilgeadh agus a' sàthadh a ghath innte. So an t-àm is cunnartaiche, oir co luath 's a dh' fhaireas a mhuc-mhara 'n gath, theid i gu boile anabarrach; a' crathadh a h-earbaill's an adhar, an t-earball anabarrach sin a dheanadh le aon bhuille a gheola is mò a bhristeadh 'na spealgan; ach gu tric co luath 's a theid am muirgheadh innte, grad theid i fodha agus le luathas anabarrach, gu ruig aigeal a chuain, air neo snàmhaidh i as, air bainich fo na mill mhòra reòta eighe, leis am bheil an cuan sin air a lionadh.

Am feadh 's a tha ise snàmh as mar so, mu thuaiream deich no dusan mile 'san uair, imridh an sgioba bhi faicilleach nach bi grabadh air bith an rathad a bhuill: Na'n rachadh e mu thobhta no na'm saigheadh e greim air beul mòr na geola, bhiodh i fein 's an sgioba air an slaodadh as an t-sealladh ann am prioba na sùl.

'Nuair thàm ball dlùth air bhi mach, tha ràmh air a thogail mar chomharradh, agus thig geola eile le cuairt ùr. Mar bi iad ealamh ann an cur na snaine, caillidh iad am muirgheadh agus na bha slaoda' ris de bhall.

Cha luithe shàthar an gath 'sa mhuiic-mhara na tha bratach air a togail ri crann 'sa gheolaidh mar chomharradh do luchd na luinge. 'S ann an sin tha' n' ùpraid san luing. Tha h-uile geola mach a thiota, agus ma thuiteas do chuid de na seòladairean bhi 'nan leapannan 's éiginn leum a stigh leth-rùisgte mar tha iad.

Am bitheantas 'nuair leònar muc-mhara, fuirghidh i mu leth-uair an uaireadair fo'n uisge, thig i'n sin an uachdar a tharruing a h-analach ; iomad mìle o'n àite 'n do bhuaileadh i, agus i air a claoiadh gu mòr le bhi ann an doimhneachd co uamhasach, maith dh'fhaoidte ochd ceud aitheamh. Tha na geolachan 'ga cuairteachadh an sin mar is fearr is urra dhoibh, agus tha iad a' sàthadh gath no dhà innte mar tha i rithist a' dol fodha—air dhi teachd an dara uair an uachdar tha i claoichte gu mòr, agus an sin dlùthaichidh iad oirre le sleaghan fada geura a shàthas iad innte; tha iad 'ga leònadadh gu tròm, tha ful agus gaorr a' dol a suas as a poll-araibh mòra leis am bheil an tuisge, na geolachan agus na hi-asgairean air an dath. Mu'n tilg i 'n deò, 's bitheanta leatha aon oidheirp uamhasach a thoirt. —a' sgiùrsadh a chuain le h-earball, le fuaim a chluinnear míltean air astar. Fa-dhèòigh tha i strìochdadh, agus a' luidhe air a cliathach, tha i a'bàsachadh. Tha bhratach an sin air a leagail—tha iolach ghàirdeachais air a

togail—tha tuill air an gearradh 'na h-earball, agus le buill air an cur rompa tha i air a tarruing an diaigh na geola gu cliathach na luinge.

An déigh do mhuic-mhara bhi air a toirt gu cliathach na luinge, tha i'n sin le acf huinn bhuill a's ulagan air a togail suas, agus air a gearradh as a chéile 'n a mill mhòra, mu leth tunna air chud-throm ; agus tha so air a thilgeadh am broinn na luinge 's an déigh sin air a ghearradh a sìos agus air a chur ann an togsaidean mòra. Tha cairbh no closach na muice air a leigeil air falbh leis an fhairge gu bhi air ithe 's air a ebnàmh leis na míltean èun agus iasg tha as a dhéigh.

Cha'n 'eil cosnadh na obair a dh'fheuch daoine riamh a's cunnartaiche na iasgach na muice-mara, no aon obair eile anns a' bheil seòladairean bochda co buailteach do liughad sgiorradh agus mishealbh.

Tha na loingeis do ghnàth an cunnart a bhi air am brutadh 's air am bristeadh leis na mill mhòra eigne tha snàmh mu 'n cuairt dhoibh—eileanan mòra, agus mar gu'm b'e beanntan de dh'èigh cuid diubh ceuda agus mílte troidh air àirde, agus na ficheadan a's ceudan troidh air fad. 'Seadh tha eileana 's na cuanta so tha uiread ri *Eig, Ruma, Leòghas, Muile agus Iura*. Tha na h-eileanan fuara reòta sin aig éiridh suas gu cas corrach àilli ri amharc orra, ach uamhasach ri teachd 'nan còir. Chaill-eadh air a bhliadhna chaidh seach-ad mòran luingeas am measg nan eileanan eigne sin, agus a bhliadhna 's mò tha iad a soirbheachadh tha tèarnadh caol aca o iomad mile cunnart agus gàbhadh eagallach leis am bheil iad air an cuartachadh.

Tha gu tric ceò dòmhail tròm a tighinn ann an tiota air na cuain ghàbhaidh sin, agus a' cleith nan luingeas o na geolachan, air chor 's gur tric tha e tachairt gu'm bheil iad a' dol air seachran agus air an call. Bha long Albannach a mach air an iasgach sin o chionn bliadhna no dhà, agus an déigh do na geolachan muc mhòr a thoirt gu cliathach na luinge, chaidh fichead le na seòladairean bu tréine mach air meall deighe a bha dlùth, chum ròp a cheangal ris a chumail na luingeis r'a fhasgadh. Thainig sgal-gaoithe a chuir an long air faundra; na dhéigh sin thainig ceo dòmhail, agus dh'fhartluich air an luing gu bràth tuille tachairt air na gillean foghainteach bha air an eigh, ged a dh'fheuch iad ris ionad latha le ionaguin agus dìchioll. 'S tha nithe de'n t-seòrsa sin a' tachairt gu tric: ach a dh'aindeoin sin uile ciod è nach dean gaol an airgid?

Ach cha'n ann o'n eigh uile gu léir tha cunnart an iasgaich so. Tha a mhuc-mhara féin 'na culaidh-uamhais agus eagaill air uairibh, agus a milleadh moran de na h-iasgairean.

Bha iasgair ainmeil a muinnitir na h-Olainde, Dùitseach treun a bha mach o chionn beagan bhliadhnaichean, agus an déigh dha gath a shàthadh ann am muic-mhara mhòir, dh' éirich i gu grad, bhuail i le ceann a gheola agus spealg i as a chéil' i, agus thilgeadh an Dùitseach air a druim. Bha muirgheadh mòr 'na làimh air an d'rinn e greim bàis, agus ghrad shàth e innte e!—ach gu truagh chaidh an ròp mu chois agus chaidh e fodha 'n déigh na muice-mara—ach 'nuair shaoil le càch gu'n chailleadh e, an t aon

iasgair bu dàine agus a b' fhoghaintiche chaidh riagh air sàile, thainig e 'n uachdar agus shnàmh e 'n coinneamh na geola.

Chunnacas gu tric muc-mhara le buille ga li-earball mòr a' tilgeadh geola le làn sgioba anns na speuraibh, agus na seòladairean a' tuiteam aisde air druim na béisde. Thachair so do gheolaidh a bhuineadh do Lìte. Thilgeadh i cuig-troidhe-deug a suas san adhar, agus thuit i le a druim os a cionn —gidheadh, théarnadh gach duine bha inntre ach a h-aon. Tha sgiorraidhnean agus tubaisteann de'n t-seòrsa so a tachairt gu tric. Tha na seòladairean air uairibh a' tuiteam an caramh a bhuill 'nuair tha e ruith a mach, agus tha iad air an grad ghearradh 's air am milleadh. Gu tric tha na h-iasgairean air am mealladh le smuain-teachadh gu 'bheil a mhuc-mhara marbh 'nuair nach eil i ach air a claoidh; agus am feadh 'sa tha iadsan a' cur a bhuill m' a h-earball tha i târadh as fo'n uisge le boile anabarrach agus a milleadh nan geolachan is dlùithe dhi. Thachair so do'n duine ainmeil sin, Scoresby e féin: bha e seasamh air a druim agus a' ceangal a bhuill ann an toll a rinn e 'na h-earball 'nuair a thàr i as fo'n uisge, agus mar biodh e 'na shnàmhache foghainteach bha e air a mhilleadh.

Tha mhuc-mhara an àm feuchainn ri dol as, a' dearbhadh neart anabarrach. Bha té mhòr dhiubh air a bualadh le muirgheadh—thar-ruing i cuairt dhùbailte de bhuill 'na déigh, thainig an treas geola le cuairt ùr—ach bha i fada gun tighinn. Bha ceann deireadh a bhuill ceangailte ri toiseach an dara bàta agus leis an luathas leis an robh e ruith a mach bha lasair

aig éiridh. 'Nuair bha'n ròp uile mach chaidh am bàta fodha—leum na seòladairean a mach air an fhàirge agus shnàmh iad an coinn-eamhl na geola eile. Lean iad a mhuc le gach geola bh'aca. Thainig i'n uachdar agus shàthadh dà ghath eile innte, ach tharruing i mach gach ròp a bh' aca agus thug i as le uiread bhuill 'na déigh 'sa ruigeadh ceithir mìle dh' astar, agus geola ochd-troidhe-fichead air fad. Thug na geolachan eile as 'na déigh a' cur rompa greim a dheanamh oirre—thainig i 'n uachdar, ach cha' d'amais iad i— an ath-uair a thainig i 'n uachdar bha iad aice; Chuireadh dà mhuir-gheadh làdir le urchair thapaidh innte—dh' éirich iad oirre agus ghabh iad dhi le sleaghan fada geura, agus fa dheireadh b' eigin dhì strìochdadhl. 'Nuair ghlac iad i bha deich mìle agus coig ceud aitheanh de ròp slaodadh rithe: uiread 's a ruigeadh sé mìle dh' astar !!!

T. M'L.

*Campsie, Feby. 1831.*

mheudachd cinn leinibh bhig—tha rùsg tana air mar tha air ubhall, agus fo'n rùsg sin tha a chuid a dh' fheudar ithe. Tha e co geal ri aran sam bith, agus an déigh a ghearradh sios, agus a dheasachadh fa chomhair an teine, no ri teas na gréine, tha e anabarrach blasda, agus fallain ri ithe. Tha e air bhìlas arain chruineachd, eadar sin agus buntata. Tha sgrath fo chait na craoilbe so as a' bheil muinntir nan Eileana mu dheas a'sniomh seorsa de dh'aodach garbh làdir, agus buill a tha righinn feumail; air chor 's gu bheil a chraobh so anabarrach uachmhor sna dùthachaibh sin.

*A chraobh Bhainne.*

'S ann de na craobhan neònach i so. Tha i cinntinn ri uchd nan creag ann an dùthachaibh teith, loisgeach. Tha coslas seartga laiste oirre ach an uair a nitear toll innte thig seorsa de bhainne buidhe, milis, fallain aisde, gu h-àraidh mo thollar i 'n àm éirigh na gréine. Chìtear muinntir na dùthcha anns a' bheil na craobhan so, a' falbh le cuachan, mar gu'm biodh iad a' dol do'n bhuaillidh a thoirt dhachaidh a bhainne so do'n teaghlach. Tha chraobh so anabarrach prìseil anns na cearnaibh loisgeach sin.

*A chraobh Ime.*

So craobh co iongantach sa tha ri fhaotainn. Is e an duine ainmeil *Mungo Park* a thug a cheud chunntas duinn oirre. Tha iad ro lionmhor ann an dùthaich thòrail na h-Africa, Tha na craobhan mòr, làdir, cosmuil ri craobhan daraich. Tha am meas coslach ri cnothan mòra, mu mheudachd ubh na riabhaige. Ann a chnò so tha 'n t-im ni 's gile—ni 's tinne, agus ni 's milse

*Craobh a mheas-arain.*

Tha i so a nis mar na craobhan ubhaill a tha san dùthaich so. Tha am *meas-arain* cruinn, mu

na an t-im is fearr san dùthaich so ; agus chunnaic e ré na bliadhna e gun salann. Cha'n 'eil iunndrain air crodh bainne san tir sin.

### A chraobh Phailm.

So a chraobh is feumaile, agus is priseile anns na cearnaibh sin de gach craoibh a tha fàs as antalamh. 'S ann an rioghachdaibh na h-àird-an-Ear a tha chraobh so a'fàs gu meudachd mhòir. Ann an Arabia tha chraobh so ag éiridh gu àirde ceud troidh. Tha stoc na craoibhe gu réidh dìreach gun mheur, gu dlù air a bàrr. Tha a bàrr le duilleach dlù air chumadh sgàileagain, no *umbrella*. Tha gach duilleag ochd no deich troidhean air fad. Tha bagaidean mòra chnò a' fàs air a bàrr. Tha gach earrann de'n chraoibh so feumail : tha'n stoc laidir, agus freagarrach air son gach feum. Cha'n 'eil fiadh ann is fearr na e, no mhaireas co fada ris ; de gach connadh 'se is fearr, oir cha'n 'eil fiadh ann a loisgeas co dian ris. Tha smear anns na craobhan òga *Pailm* a tha na lòn fallain blasda —tha'n duilleach òg fallain ri ithe—agus tha'n seann duilleach feumail gu seorsa aodaich no de bhrait ùrlar no leapach a dheanamh. A stoc na craoibhe tha seorsa de bhainne a' tighinn a tha taitneach ri òl, agus as an stugh so tha fion blasd' air a dheanamh.

Tha'm meas air itheadh am feadh's a ta e òg agus maoth, agus an uair a dh'fhàssas e cruaidh nitear min deth a tha fallain agus feumail.

Seasaidh a chraobh so seadh linnteann, mar éirich dosgainment dith; is ainneamh a chithear i a' fàilneachadh air àm sam bith. 'Nuair a dh'fhàilnicheas i, tha i air a

gearradh dlù do'n bhun, agus air a losgadh sa cheart àite air an do chinn i, agus as sin tha beatachadh a' teachd o bheil meanglan ùr a' fàs a bhios na craoibh mhòir an ùine ghearr.

### A chraobh Uisge.

Is neònach a Chraobh so. 'Sain ann an aon de dh' Eileana *Chàri* a tha 'n té is iongantaiche de'n t-seòrsa so. Tha i so a' sileadh uiread uisge 's a dh' fhòghnas do muinntir an Eilean gu léir.

Tha ji bràigh glinne air stùchd àrd craige. 'Se'n t-ainm a th' aig muinntir an Eilean orr', a Chraobh Naomha. Tha i anabarrach sean, ach tha i 'n diugh gu slàn fallain, mar bha i o chionn cheud bliadhna. O dhuilleach na craoibhe priseil so tha uisg' a drùghadh ann am mòr phailteas—uiread 'sa dh' fhòghnas do gach beò chreut-air san Eilean. Nach caoimhneil gràsmhor freasdal ar n'athar nè-amhaidh dhoibh san eilean thioram, thartmhòr, theith so, 's gun uisg' air bith de sheòrsa eile ann. Tha i trì mìle o'n fhairge, agus gun chraobh eile ga còir. Cha'n 'eil a duilleach a' seargadh air ám air bith. Ma dh' fhalbhas aon duilleag thig aon eile na h-àite.— Tha clais mhòr dhomhain air a cladhach m'a timchioll, anns a' bheil an t-uisg' a' tuiteam, agus as a bheil muinntir an eilein ga ghiùlan gach là.

Gach maduinn roi' éiridh na greine tha ceò dùmhail a' togail o'n fhairge. Tha ghaoth 'ga għluasad suas ri uchd na bruaiche far a' bheil a chraobh so, agus tha'n ceò so a' braonadh air duill-eig leathainn na craoibhe so; agus tha e rìs a' sileadh o'n chraoibh fad an latha, mar chitear uisg' a' tuiteam o chraobhaibh san dùthach so fein an déigh fras uisge.

Tha duine chòmhnuidh dlù do'n chraobh so air a' bheil a càram. Tha tigh aige agus tuarasdal àrd, agus 'se a dhreuchd a chuibhrionn fein a thoirt do gach duine de'n uisge mar thig iad ga iarraidh.

Thachair luchd-turuis a bha ann an America, is iad a' siubhal troimh thir thartmhoir air an claoiadh le pathadh, air craoibh uisge de'n t-seòrsa cheudna. Chunnaic iad craobh mhòr agus mhothaich iad an talamh fliuch m'an cuairt dith. Cha robh fras uisg<sup>1</sup> ann o cheann sè mìosan, is chuir so iongantas orra. Dhlùth-aich iad rithe, agus le sòlas agus taingealachd mòr chunnaic iad uisge fuar fallain a' braonadh o gach duilleig. Is furasd a smuain-eachadh an gairdeachas a dhùisg so suas annta, nach faca deur uisge o cheann cheithir làithean reimle sin. Cha do thachair aon eile de'n t-seòrsa orra nan turus gu léir.

Tha moran de chraobhan ion-gantach eile ann air am feuch sinn cunntas a thoirt na dhéigh so.

#### LITIR EIREANNACH.

*Tha sinn cinnteach gu 'm bi ar càirdean toilichte litir eile o'r car-ail O'Domhnuill a leughadh.*

'S taitneach an ni gu 'm faigh-eadh an dà phiuthair so a Ghàilig Eireannach 's a Ghàilig Albannach eòlas air a chéile. 'S ann o'n aon mhàthair a thàinig iad. Bha iad o shean anabarrach gràdhach mu chéile, agus air an àm so gu h-àraidh 'nuair tha co liugha leabhar 'ga chur a mach annta le chéile, feudaidh e mòran maith a dhean-amh eòlas air an dá chànmhuinn a

mheudachadh. Tha iomad leabhar ùr a nis a' teachd a mach 's a Ghàilig Eireannach, a b' fhèairde na Gàidheil Albannach a' leughadh, agus tha dòchas againn gu bheil còrr ni maith againn nach bu mhisde iadsan uainne. 'S ceart càirdeil an ni dhuinn taobh air thaobh de'n chuan, eòlas ni's dlùithe bhi againn air a chéile.

A dhuine uasail,

Is maith liom gur thaitnigh an litir leat a fuair tu uaim, agus do rèir do mhlàan, cuirfe me do d' ionnsuidh, o am go h-am, nìdh eigin a d-taobh mo thìr-dhuthchaidh fèin. Ma's cosmhuil na Gaedhil Albannaigh le n-a g-comh-bhráithre ann Eirinn, nì feàdar dhòibh gan a bhèith sòlas aca ag eisdeachd le seán-sgèultailbh agus seanachas. Tà slèibhte mòra agus gleanta àluinne glasa aguin-ne mar tà aguibh-se, agus go minic is gnathach leis an mhuintir a bhiann 'na g-comhnuidh ann sin bh-fad o na bailtibh, suidhe a g-cuideachd a chéile, a bli-fogus don teine nhòir mhòine gach aon oidhche gheimhridh, chum sgeulta na sean-aimsire do chlos<sup>1</sup>, agus na h-amhrain binne Eirinn do ghabhail.—Och ! nach fearr an sean-chleachdadh so na bhèith 'na suidhe a d-tìgh leanna, ag mùchadh cèille 'san uisge-beatha bhoirb theinnteach !

Ghabh plèisiur<sup>2</sup> mòr mè, le cuid do na fuigheallaibh so do chruinn-iughadh<sup>3</sup>, agus sgrìobh me sìos air uairibh sean-sgèul no dàn o bhèul sgèulaidh, dar thaisbeùn a ghruag liath go d-tànic geimhreadh a laithe air, agus lerab' èigin don t-seanachas a dhol sìos 'na chuideachta chum na h-uaighe go brath.

An trath so cuirim chugad an

sgéul deireannach a chuala mè :  
ma's maith leat è tà mòran eil'  
agam.

## O DOMHNUILL.

*Ag Beul-fears'de,*

*An dara là deug de mhì mheadhon an  
fhoghair.*

## SGEUL GEARLAIN.

Ta baile beag a g-condae Lùdh dar b'ainm a nois Caisteal Bellin-gam, agus 's è an sean-ainm a bhì air bh-fàd o shoint', Baile Ghearlain. Is o fhear àiridh<sup>5</sup>, dar bh' ainm Gear-fhear dubh Gearlan aig a raibh sealbh a nallòd<sup>6</sup> ann, a goirthear an t-ainm so dhò<sup>2</sup>. Is minic a h-aithristear an sgèul so leanas lena sean-dhaoinibh 'sa chomharsanachd<sup>8</sup> sin gus an là a n-diù, agus deir siad nach bhuil brèag air bith ann.

Bhi<sup>9</sup> Gearlan 'na dhuine chumhachdach fhìor-làdir, bhorb chalma, ionnus go m-b'f'hèadar leis, buaidh do bhréith air mhòran feara gan chomhnadh air bith aclit a láimhe féin a mhàin; agus air m-beith dhò 'na cheann cinidh shàidlhbhir chogach, bhì meas mòr aig a muinntir féin air. Bhì mòran Sacsannaigh 'na g-comhnuidh tim-chioll na h-àite sin, a bhì curtha<sup>10</sup> a measg na n-Gaedhal do rèir ordughaidh an Righ. Do ghair Gearlan toirmmeasgoire malluighthe dhòibh, agus bhain<sup>11</sup> sè creacha mòra ñiobhlatha<sup>12</sup>, comh minic is b' f'hèadar leis a dheanamh. Is minic a mharbh na Sacsannaigh a chuid bâ, agus a chuir siad a thighthe le teine, 's gan mhaith doibh ann : bhì sè a g-comhnuidh<sup>13</sup> 'na namhaid neartmhàr do-chlaoidhite aca. Rinne siad a n-dìuchioll go minic an ceannard so do mharbhadh, acht na daoine a bhì comh dàna sin, bhuaill an gearr-fhear dubh iad sìos, agus

mhill sè gach uile dhuine aca, comh suras is dèanfadh cat dubh an nìdh cheadna le luchog. Fa dheòigh, mar chonnanic siad go soilleir nar bh' fheàdar leo go brath a sgriosadh go follasach, thàinic siad a g-cean a chèile agus thionsgan siad an t-amas<sup>14</sup> glic so. Do lèig siad orra fèin go raibh miàn mòr aca, muinntearas agus siothchain<sup>15</sup> a dhèanamh leis. Do rèir sin do rinneadh siothchain gan mhaill leis, agus a n-diaigh<sup>16</sup> beagan aimsire, thug siad cuireadh dhò chum cuirme mòr-f hlaitheamhui, ionnus go g-cuirfidh siad d'cireadh maith air an t-soerughadh, le ithe agus le òl. D'aontaigh an Gaoidheal neamh-chùramach mì-amhrasach; oir nì raibh<sup>17</sup> smuaineadh aige, go raibh rùn aig a namhaid Sacsannach, feall a dhèanamh air. Os ceann na cathaire do bhì fa na chomhair le suidh uirre bhì doras beag dèanta a mullach an tìgh, agus ann sin bhì soitheach mòr d'oladh air fiuchadh, agus ceann eile de luaidh leaghta, rèidh len-a n-dòrtadh 'nuas thrid an doras, go dìreach air cheann Gearlain bhoicht, air dhèanamh chomhartha àiridh.

Thàinic na h-aoidhe a g-ceann a chèile, agus sluidh an ceannard sios gan eagla no amhras air bith air, 'sa chathair onòrach a leagadh a mach dò. Bha ban-òglach ann sin aig a raibh fios na feille do thionsgann na Sacsannaigh, agus b'aithmhealach leithi a bhéith ranrnphàirteach 'sa choir ion-fhuathluighthe so, gan tuairim a thabhairt do Ghearlan air. Leis an inntinn sin d'iomchairsi leanabh ann a lamhaibh tar an chathair ann a raibh sè 'na shuidhe, agus a dubhairt sì, amhul is da m-bèidh sì ag labhairt leis a leanabh. "Gradh mo chroidhe an scadan, nar gabh a riàmh air a

chuid." Do thuig an ceannard air ball ì, agus lèim sè go h-oban air ais o n-a àit-suìdhe, agus air an uair sin go dìreach d' fhosgail lamh eigin an doras beag gaisde, agus thaònic an luaidh leaghta roimh-raite agus an oladh air fiuchadh a nuas'na d-tuile thiom air an chath-air air a raibh sè na shuìdhe roimhe sin. Acht nìor<sup>21</sup> theò iad na an boile a bhì a' bruith a g-cuislinibh Gearlain. Gan mhoill da lughad, an claidheamh cliùthach,<sup>22</sup> a chompanach seasmhach oidhche agus lae, agus nar bh'f heàdar le duine air bith a láimh-sigh-eadh acht è fèin a mhàin bhì sè deàlrach ann a lamh. Air ball do ruith sè go misneamhui<sup>23</sup> tapaidh a measg na Sacsanach cealgaigh a bhì aimhrèidh buaidhearth a<sup>24</sup> mar<sup>25</sup> gheall air an nìdh a tharla dhòibh (eadhon, do blhrìgh nach n-deachaidh a rùn feille air aghaidh) amhuil is da m-buailfidh iad le tinnteach neimhe agus air a raibh eagla mòr faoi<sup>26</sup> làidireacht Gearlain, noch<sup>27</sup> dob' aithne dhòibh go maith. Nì dhearna<sup>28</sup> a riamb an claidheamh sin an uiread sin de sheirbhis mhaith d'a mhaighistir. Le gach buille a rinne a lamh chleachdta, do thèith ánam Sacsanach as an chorp fuitteach ann a raibh sé, agus sul fa mb' fhlèadar le fear air bith aca, brèithair a airm chatha, d'òl lann Gearlain a bh-fuil.

Do chuaidh nuайдheachd an mharbhaidh so gu luath air feadh na Sacsanach go h-iomlan a bhi 'na g-comhnuidh ann Eirinn, agus bhagar Fear-ionad an Rìgh, Gearlan do lèir-sgrios le na shluagh mhòr. Annsa staid so rinne an ceannard an mòdh so sios: nìdh do rinneadh go minic le na Gaoidhil claoidhte go Sèunamhui. Chuaidh sè thar an mhuir go Sacs-an, agus lèig sè è fèin air a ghlùin-

ibh a lathair an Rìgh d'a ghuìdhe a chruaidh-chàs a cheartughadh, agus thug sè fath uaith crèud far' ionair sè fòirneart air na Sacsan-aibh. Chuala an Rìgh roimhe sin cliù mòr a dtimchioll a làidir-eachda iongantaigh agus bu mhian leis a thàsdail. Uime sin, do gheall sè a mhaitheamhns dò, da n-gearfadh sè pacadh ola thrid sìos le aon bhuille a mhàin d'a chlaidheamh, a lathair fèin agus a uaisle; ag radh, 'san àm cheadna, go g-caillfidh sè go cinnte a cheann mu'r d-tiocfadh leis a dheànamh. D'aontaigh Gearlan trèun, agus air a iarratas, do taisbèunadh an tìgh-airm mhòr Shacsain dò, air chor go bh-suighe sè claidheamh maith. Rinne sè fromhadh<sup>29</sup> air gach lann aca, d'a għlacadh ann a lamh agus d'a chrathadh 'san aer, agus air an uair, thuit sè as a dhorn-chur 'na mìle piosa. "A Rìgh mhòir," ar sè, "chonnaic mì na claidhmhe is fearr a tà a Sacsan, agus nì'l ceann air bith aca iomchuidh chum na h-oibre a chuir tù mo lèith. Le do chead, cuirfe me teachdaire go h-Eirinn le mo chlaidheamh fèin fħaghail agus a thabhairt chugam, agus ann sin dhéana mè an nìdh is aill leat. D'aontaigh an Rìgh, so do dħèanamh, agus tugadh an ball-airm go luath go Sacsan.

Là àiridh do bhi leagtha 'mach, thàinic na h-uaisle le chèile a thalladh f'hàda f'ħarsuing agus bhì Gearlan ann a mheadhon le bunn ramhar chrainn os a chomhair, air a raibh an pacadh ola 'na luidhe. Ann so rinne a namhaide eageoir eile, chum cairdeas an Rìgh a għabhaidh uaith. Do b'è an crochadoir a d'ullmhaigh an pacadh, agus tugadh suim mhòr airgid dò, air son go g-cuirfidh sè ann a mheadhon barra mòr iarain ionnus go g-cuirfidh sè toirmeasg

oban air bhuille neartmhar Ghearlain. Tharraing an gaisgeach a chlaidheamh, agus thug sè a dearadh go raibh faobhar maith air, andiaigh<sup>16</sup> lèith-chèad catha : agus tar eis a chrathadh ann a dhorn làidir, fuair sè è comh dionghosalta is bhì sè a riagh 'roimhe. Ag tionsadh thart dò, d'amharc sè le gruaim eagalach air an Rìgh agus air na h-uaislibh a bhì cruinn a bb-fochair a chèile, agus ann sin shiùbhal sè beagan air a chùl, thòg sè a chlaidheamh, agus le aon bhuille amhàin do ghearr sè an pacadh ola thrid sios maille leis an bharra arain a bhì ann ; agus d'f hag sè lann a chlaideimh fasta a mbunnchrainn comh daingeann sin, ionnus nar bh' f'hèadar le lamh air bith a tharraing amach, acht a mhàin an lamh a bhualt an buille. Rinne an teach gleadhreach mhòr le gair na n-uaisle da mholadh. Chuaidh an Rìgh air aghaidh agus thug sè a mhaiteamhnas don cheannard Ghaoideal go cairdeamhui. "Acht, a Ghearlain," ar sè, gad è fath na gruaimh mhòire sin, ler' amharc tù, 'nuair a bhì tu air<sup>31</sup> tì an buille a bhualadh?"—"Gabhaidh do mhòr-achd mo lèithsgeul, do bhrìgh nach bhuil me dol freagra thabh-

airt duit a d-taobh na cèiste sin," arsa Gearlan. Gidheadh, air mbèith dhò dearbhtha nach g-cuirfidh a fhreagra fearg air bith air an Rìgh, do ghlaodh sè 'mach go dàna : "A rìgh, do b' é adhbhar na gruaim sin, eadhon, le fios na neithe so thabhairt duit ; da d-tapadh a ghaisge air Ghearlain, no mu'r n-eireochadh leis a rùn a chur a n-gníomh, dhùinfeadh sè le sèalaan bhàis gach uile shùil a bhì dearcadh air, agus do shùile-sa air d-tùs !

Thaitnigh an chruadal so le Rìgh Shacsain : fuar sè a mach na cealgóire a rinne an fheall air, chuir sè d'fhiachaibh air an chrochadoir a g-crochadh air an mball, agus a nuair a bhì Gearlan ag imtheacht go h-Eirinn, phronn sè mòran tiodhlacaidh mòr luaigh air.

Focala comh-f hreagarragh 'sa n Gaelic Albannach.

1 chluinnint. 2 tlachd. 3 chruinneadh. 4 o chian. 5 àraidh. 6 roimhe so. 7 dhà. 8 coimhearsnachd. 9 bha. 10 cuirte. 11 ghlac. 12 diubh. 13 an comhnuidh. 14 feall-fholach. 15 sith. 16 an déigh. 17 cha robh. 18 bruith. 19 chomharaidh. 20 leatha. 21 cha bu theoite. 22 clùteach. 23 misneachail. 24 buairte. 25 air son. 26 fuidh. 27 nìdh. 28 cha d'rinn. 29 ceasnachadh. 30 cha n'eil. 31 dol. 32 naisg. 33 ciodhfar

## IUL AN EILEANAICH.

Le dearmad na muinntir a bha clo' bhualadh an àireimh mu dheireadh, cha do chuireadh ach dara leith an dàin so a mach.

'Nuair mhothnicheadh dha so, cha robh comas air a cheartachadh : Tha sinn aig iarrайдh maitheanais air-san a chuir d'ar n-ionnsuidh e; agus tha sinn a nis a' cur a mach an dàin mar fhuaire sinn e.

Gheibhear an cion-fàth m'an do sgrìobhadh an dàn so's an Teachdaire fa dheireadh.

Bha Ghrian 's i ar luidhe fo smal a's fo ghruaim,  
A's cuaintean a bencħaich le gèraich na Stuadh;  
Ach tha 'n t-Eithear gu treun ris a' Ghailinn a Strì',  
A'g iarrайдh gun luasgan gu cala na sith.

Bha dul-neoil nan Doirlinn a' shubhal nan Speur,  
 A's fearann no fasga do'n Sgioba cha leur ;  
 Ach gun mheatachd gun imcheist air chridhe nan sonn,  
 Shòr ghleidh iad an gabhall air Eilean nan tonn.

Deir am maraiche aosda a shuidh air an ailm,  
 Na strìochdaibh mo ghillean fo uabhar no Stoirm !  
 Bi'dh ar n' earbsa gu daingeann an àrd Righ nan Dùl,  
 Oir dheònaich a Mhaiteas na bheir Soills' agus Iùl.

Agus feuch ! mar a labhair, air Carraig nan Stuadh,  
 Suas dh'éirich le dhearsadh àrd Lòchran nan buadh;  
 An deur nach do dh'fhàsgadh le gàbhadh o shùil,  
 Shil an t'Athair nuair thuirt e " Leanabh mo rùin."

'S bha Leanabh cho Sona 's bu mhiannach le chrì,  
 Nuair a chunnaic i'n t-eithear an Cala na Sìth; .  
 'S O ! b' aoibhneach a coinneamh nuair ràinig i 'n tràlgħ  
 'S a thuirt i le aiteas—" O ! Athair mo ghràidh.

I. M. L.

## DAN DO'N BHIOBULL.

Ann V. àireamh de'n Teachdaire chuir sinn amach Dàn do'n Bhiobull a sgriobhadh le ar caraid measail am "Fior Ghaidheal." Tha sinn làn chinnteach gu'm bi ar luchd leughaidh fa chomain duinn a chuid eile do'n dàn cheudna thoirt doibh. Tha fios agam gu bheil gach ni thig o pheann an Fhòr Ghaidheil taitneach leo.

Cò a chruit is grinne ceòl ?  
 Ciod an sgeul is binne glòir ?  
 Ciod an tàisg-thigh 's luachmhoir stòr ?  
 Am Biobull.

A f hradharc e'ait' am faigh an dall ?  
 Am bacach leòinte lùs nam ball,  
 Bheir gu coiseachd e nach mall ?  
 Am Biobull.

Cò 'sgap an duibhre a's a mhùig,  
 Chlaon, a mheall, 's a dhall, mo shùil,  
 'Sa threòraich mi mar lòchran iùil ?  
 Am Biobull.

Cò bheir subhachas do'n chrì ?  
 Cò bheir misneach dha is cili ?  
 Cò ged sheachd e, bheir gu brigh ?  
 Am Biobull.

Cò an tobar fallain fuar,  
 Chaisg dhomh m' iota san an-uair ?  
 Do m' chrìdh thug fionnaireachd gu luath ?  
 Am Biobull.

Cò a shàsaicheas am bochd ?  
 Cò a chòmhdaicheas an nochd ?  
 Cò bheir saorsadh o gach lochd ?  
 Am Biobull.

Cò ait am faigh an t-oocrach lòn ?  
 Am pàiteach fior-uisge r'a òl,  
 Bheir an t-anam seartga beò ?  
 Am Biobull.

Cò bheir air an fhàsach chruidh  
 Teachd gu àilleachd agus snuadh ;  
 A sgaoileas maise air bhios buan ?  
 Am Biobull.

Fàilt ort feln a leabhair naolmh !

Fàilt ort fein a theachdair' chaoimh !

Fas am meas am bheachd a chaoioidh.

A Bhiobuill.

Am chluais do cheòl biodh binn gu bràth,

Do m' bhlas gu milis biodh gach tràth,

Do theagastg biodh a'm' chri' gach là,

A Bhiobuill

A'd' sgàthan àillidh chunn'eas thall,

An Ti mo shaorsa ghabh os laimh,

An Ti tha seasamh rium au dàlmh.

A Bhiobuill.

Aghaidh a'd' sgàthan soilleir réidh,

Sior dhearcam air, is faiceam e,

Gus na iomhaigh dealram fein.

A Bhiobuill.

O ! gabh do thurus do gach tìr,

Le d' theachdaireachd is torrail brìgh,

A dh' aiseag dhaoin' a dh'ionnsuidh sìth.

A Bhiobuill.

### BAS CARAID.

'S ann le duilichinn mhòr a chluinneas ar Càirdean air feadh na Gaeltachd gu'n do bhàsaich caraid dileas doibh, an duine aimneil, foghainteach—an Diadbair urram-aichte, deas-chainteach sin, *Andrew Thomson, D. D.* a h-aon de Mhinisterean Dhùmeideann. Cha robh curaibh'san Eaglais a sheas còir agus sochairean nan Gael ni bu tréine na an duine so air iomad àm. Is iomad còmhdailear air an do thog e a ghuth as an leith. Bha'n leas spioradail gu mòr 'na bheachd. Shaothairich e gu làdir anns na sgolean a chuireadh a mach 'nam measg; agus air aon chòmhdailear àraid chuir e le bhuidhribh ard gu ball-chrith iadsan a bha feuchainn ri Ministeir Galld' a' sparradh, a dheoin no dh'aindeoin, thairis air sgìreachd Ghaelaich.—Bha'n duine urramach so ann an àird a shláinte 'nuair a dhùisg e 'sa mhàduinn—Thuit e aig dorus a thighe fein air dha pilleadh dhachaidh san f'heasgar, gun osnadh, gun ghearan, gun fhocal as a bheul—ann an tréin a neart. Lean na míltean a chorp a dh' ionnsuidh na h-uaigne:—agus theagamh nach do chaochail pears' eaglais air àm air bith a dh' f'hàg ainm a b'airde, agus clù a b' iomraitiche na an gaisgeach Criodail so.

### CEIST.

A Theachdaire—An urrainn sibhse a mhìneachadh dhuinn mu thimchlioll Mhel-chisedec?

N. B.

### FOCAL SAN DEALACHADH.

Fhuair sinn litir a chuir Bodach nan spéuclair thugainn—deanadh e air a shocair—cha d'thainig a chìs f' hathasd bhàrr an Tombaca—chi sinn a'nn an latha no dhà.

Fhuair sinn litir a chuir Seorus nan Long d' ar n-ionnsuidh—Feuchaidh sinn 'san ath-aireamh ri cunntas a thoirt air an turus chuain sin air an robh e le *Capt. Parry*.

Fhuair sinn an sgeula mu Alasdair dubh Ghlinne-Garadh. Tha eagal oirnn gu'n tionndaidh ar leughadairean air falbh uith mar rimu Mac-Cailein mòr agus na h-maislean eile o'n trà blàdh a chuir Alasdair dubh fa'n comhair; uime sin cha taig sinn e air an àm—ach mòran buidheachais do A. B. air son a chaoimhneis.

Fhuair sinn cunntas na Mara-Ruaidhe, agus feuchaidh sinn ri àite thoirt do 'n eachdraidh thaitniech sin co luath 's a's urrainn duinn.

A'bheil ar cairdean dileas an t-Eileanach, am Fhor-Ghael—I. M'L. N. M'L. A. B. R. agus Dòmhnull, beò? B'ait leinn a chluinntinn eia mar chuir iad an Geamhradh seachad. Tha sinn cinnteach gum do sgrìobh iad mòran am feadh 's a bha iad fo'n t-sneachda. Tha fadal oirnn cluinntiu uatha.

AN

# TEACHDAIRE GAELOCH.

MIOS MEADHOIN AN EARRAICH.

XXIII. AIREAMH. 1831.

FAISNEACHD MU THIMCHIOLL NAN IUDHACH.

I. EARRANN.

*Sgapaidh mi sibh am measg nan cinneach, agus tairngidh mi claidh-eamh 'nar déigh: agus bithidh bhur fearann creachta, agus bhur bailean fàs. Théid as duibh am measg nan cinneach—agus seargaidh iadsan a dh'fhaigar dhibh as nan aingidheachd ann an dùthchaibh bhur naimhdean. Gidheadh air a shon so uile, 'nuair a bhios iad ann an tìr an naimhdean, cha tilg mi uam iad, ni mò a ghabhas mi gràin diubh, g'an sgrios gu tur:—oir is mise an Tighearn an Dia. Lebh. xxvi, 33, 38, 39, 44—Bithidh tu a' t'uamhas a'd shamhladh agus a'd leth-fhocal am measg nan uile chinneach. Sgapaidh an Tighearn thu am measg nan uile chinneach, o'n dara ceann do'n talamh eadhon gus an ceann eile do'n talamh.—measg nan cinneach sin cha'n fhaigh thu suaimhneas sam bith, ni mò bhios fois aig bonn do choise. Sa' mhaduinn their thu, Och l nach b'e'm feasgar e; agus 's an fheasgar their thu, och l nach b'i mhaduinn e; air son eagail do chridhe leis am bi eagal ort, agus air son seallaidh do shùl a chi thu. Deut. xxviii.—64, 65, 67.*

Tha nis os cionn trì mìle agus dà cheud bliadhna o'n a labhradh na briathra so le Maois, fàidh an Tighearna. Tha leabhrainaichean Mhaoris agus an t-seann Tiomnaidh gu léir, làn de'n fhàisneachd cheudna; agus ged a bhiodh na briathran air an sgrìobhadh air an latha 'n diugh, cha b' urra dhoibh a cheart chor anns a' bheil na h-Iudhaich am measg rioghachdan an t-saoghal a' leigeil ris dhuinn ann an cainnt a's fìrinniche agus a's freagarraiche. Tha am poball so air an latha 'n diugh ceart mar chunnaic agus mar dh' innis Maois o chian a bhithheadh iad. Ann an eachdraidh sin, agus 'sì is sine th'air mhaireann far a' bheil staid

nan Iudhach air a chur an céill ceart mar tha iad inu choinneamh ar sùl air a cheart àm so. An duine, no mac duine, a b' urra so innse linnteann mun do thachair e? Cha b' urrainn duine 'innse. Mo thruaighe! Cha'n 'eil fios aig duine tha beò ciod a thachras a màireach. Esan, agus esan a mhàin a b' urra 'innse, d' an léir gach ni o bhi-bhuantachd gu bi-bhuantachd—agus d' am bheil mìle bliadhna 'na shealladh mar an là 'n dé nuair theid e seach-ad.

Lìonadh e an àireamh so de'n Teachdaire gach faisneachd mu thimchioll sluagh Israel a tha ó thoiseach gu deireadh a Bhiobuill

a chur sìos. Cha'n 'eil car a chuir iad riamb dhiubh, no lochd no beud a dh 'f huiling iad, nach 'eil air 'innse anns a chainnt a's soilleire; agus leis an dearbh-chinnt a's làidire.

Tha e againn ann am fàisneachd mar bha iad ri bhi air am fògradh o'n dùthaich fèin; tha an doigh agus an t-àm anns an robh so ri tachairt, air 'innse. Thagach geur-leanmhuinn a dheanta orra—an doille féin—an gealtachd—an laigse—an allabanachd bhochd air an deach iad—cruas an eridh-eachan—an sannt do-shàsaichte—am fòirneart a dheant' orra—am masladh—an tår—am magadh 's an f hochaid a dheanta orra anns gach àite—Gidheadh mar sheasadh 's mar chinneadh iad feadh uile chèarnaibh an domhain; tha so uile air a chur sìos againn 'sa Bhiobull os cionn dà mhìle bliadhna, agus air 'innse dhuinn ceart mar tha sinn 'g a fhaicinn air a choimhlionadh air a cheart là so.

**'Seacheud chuid de'n fhàisneachd mu thimchioll an t-sluaign so, gu'm biadh iad air am fògradh o'n dùthaich fein—gu'm biadh am bailtean fàs gun neach 'gan àit-eachadh.**

An déigh léir-sgrios Ierusaleim leis na Ròmanaich, mhilladh gach baile a bhuiheadh dhoibh, agus dh'fògradh an luchd-àiteachaidh, uiread dhiubh 'sa thaing as o'n ghort a bha's an tìr, dh' fògradh iad gu léir a mach á tìr Judea, agus b' éiginn doibh teicheadh mar allabanaich thruлага do rìoghachdan coimheach,—air am mealladh le cealgair thug orra chreidsinn gu'm b'e fèin am *Messiah*, dh' eirich iad an aghaidh nan Ròmanach agus thug iad oidheirp air tìr an athraichean a bhuidhachadh air a h-ais—ach be 'n

oidheirp so thug an sgrios bu truaighe orra thainig uaithe sin 'nan rathad. Mhair an cogadh sin dà bhliadhna, agus gun labhairt air na chaidh a dhù le tinneas, le gort, agus le teine, bhàsaich sé ceud mìle fo fhaobhar a chlaidh-eimh. Air an àm so thainig sgrios eagallach orra fèin agus air an dùthaich. Thòisich an sin a gheur-leanmhuinn orra air nach d'thainig crìoch f hathasd. Chuir *Adrian*, Iompaire na Ròimhe a mach reachd gu'm biadh na h-uile Iudhach a chuireadh bonn a choise air sráid Ierusaleim no eadhon a thigeadh 'na shealladh, air a chur gu bàs.

'S iomadh linn a nis a chaidh seachad o'n a chaill iad tir Judea, agus baile mòr Ierusaleim, agus 'siomad rioghachd agus pobull a fhuair sealbh air. Bha an dùthaich sin aig Cinnich agus aig Crioduidhean agus aig Mahomedanaich: 's ainneamh pobull no sluagh nach d' fhuair ceannas orra uair no uair-eiginn—ach am measg gach atharrachadh, cha d' fhuair na h-Iudhaich riabh fhasd, o'n àm anns an d' fhògradh aisead iad, seilbh oirre. Dh' f hartluich orrasan agus orrasan amhàin, an dùthaich sin a chosnadh, ged a b' e miann an cridhe i bhi aca, agus rùn an ana-ma pilleadh d' a h-ionnsuidh. Agus cha 'n e sin amhàin, ach do na h-uile seòrsa dhaoine tha taoghal na dùthcha sin, 's e an t-Iudhach bochd a gheibh an laimhseachadh no a ghiullachd is miosa o na Turcaich aig a 'bheil seilbh innt air an àm. 'Sann san dùthaich sin tha'n tàir a's mó air a dhéanamh air: agus do gach neach a's urrainn seasamb air sráid Ierusal-eim 's esan an t-aon a's fuathaire 's a's gràineala leis na coigrich fhiadhaich tha nis 'g a tathaich.

Ach cha'n e 'mhàin gu'n d' innseadh roimh làimb gu'm biodh an sluagh so air am fògradh as an dùthach fein, ach mar an ceudna dh' innseadh ann am fàisneachd, gu'm biodh iad air an sgapadh air feadh gach rìoghachd eile dhe. Seadh o dhara ceann an t-saoghal chum a chinn eile dhe. Nach comharrachte cainnt *Amois.* ix. 9. *Oir feuch bheir mise àithne, agus criathraidh mi tigh Israeil ann an measg nan uile Chinneach, mar a chriathrar siol ann an criathar, gidheadh cha tuit an silein a's lugha dheth air an talamh.*

Mar so thachair. Cha'n 'eil dùthach an diugh air aghaidh an t-saoghal air a' bheil eachdraidh againn, anns nach 'eil na h-Iudhach r' am faotainn air faondra. Cha'n 'eil baile-mòr no àite 'n ceithir chearnaibh an domhain anns a' bheil òr no airgiod, no malairt, no daoine, anns nach 'eil Iudhach. 'S luchd tuineachaidh an domhain iad, gidheadh cha 'n 'eil dùthach no dachaидh aca bhuiteas doibh fein.

Tha slòigh eile air an dealachadh o chéile le monaidhnibh agus le aibhnichibh, le cuantaibh agus le fasaichibh; ach cha'n 'eil na nithe sin a' cur grabadh air gluasad allabanach agus faondra an shocrach nan Iudhach. Siubhail an saoghal agus mar a dh' imicheas tu o thìr gu tir, feudaidh tu a ràdh, dh' fhág mi an sluagh so agus an sluagh ud eile 'm dhéigh; so dùthach nan Russianach, so dùthach nan Suaineach, so tir nan Spainteach, so rìoghachd na Frainge, so na h-Innsean anns a' bheil na *Hindoos*; so an tir a' bheil na Turcaich, ach c'ait' am fag thu na h-Iudhach 'nad' dhéigh—c'ait' an urrainn duit a ràdhainn, 'si so tir nan Iudhach; ni mò, c'ait' a' bheil e comasach dhuit a ràdh, so tir

anns nach 'eil Iudhach. Siubhail an domhan uile, o dheas gu tuath, o 'n ear gus an iar, o mhachraighean loisgeach *Africa*, gu sneachda fuar *Siberia*, agus annta gu léir tha na h-Iudhach, agus 'nam measg gu léir cha'n'eil dachaidh nan Iudhach.

Cha'n e sin uile, ach tha iad far nach urra dhuit dol—ann an cearnaibh air nach d'f huair luchd, turuis eile ruigheachd. Muinntir na dùthcha so féin a bha o chionn bheagan bhliadhnaichean a' strì gu cearnaibh tiorail *Africa* a ruigheachd, agus air an d'f hartluich dol co fada's a bha mhiann orra, dh' fhiorsaich iad gu'n robh Iudhach 's na h-àiteachan sin, agus uapanan fhuair iad gach eòlas tha againn air na cearnaibh dorcha foluichte sin.

'S iomadh leabhar-turuis a chuir-eadh a mach 's an Roinn-Eòrpa, agus tha h-uile h-aon diubh a' dearbhadh firinn nan nithe so, air achd 's gur firinneach cainnt an Fhàidh a dh' innis o chian "bithidh iad air an criathradh am measg nan Rìoghachdan."

Cha'n 'eil e comasach ann an eachdraidh aithghearr de 'n t-seòrsa so, chur sìos na dh' eirich do'n phobull thruagh so o linn Chriosd.

Cha'n 'eil rioghachd no pobull nach robh mar gu'm biodh iad a strì ri chéile cò 'bheireadh an laimhseachadh bu mhiosa dhoibh. Ciod air bith comhstri no cogadh no aimhreit, no dealachadh baralach bha eadar riu ann an nthibh eile, chòird agus cho-aontaich iad gu léir ann an geur-leanmuinn a dheanamh air na h-Iudhach. Cha'n 'eil e comasach a ràdh ciod an rìoghachd no am pobull, co dhiùbh 's iad Cinnich, no Mahomedanaich na Crioduidhean, a phronn 's a mhurt 's a thug am barrachd sgrios orra le geur-

leanmhuinn sgaitich, f' huiltich. Sgiùrsadh iad o chearna gu cearna, o dhùthaich gu dhùthaich, agus cha d' fhuaire a h-aon diubh àite do bhonn a choise anns an robh e comasach dha a ràdh, so mo dhachaidh féin. Dh'fheuch a h-uile Iompair bha thairis air an Ròimhe bàrr a thoirt air san a chaidh roimhe ann an deuchainnibh ùra chur air ant-sluagh bhochd so. Tha iad mallaichte leis a *Choran*, leabhar creidimh nam Mahomedanach. Tha eaglais na Ròimhe anns gach linn an naimhdeas 'n an aghaidh;—agus tha e air a thoirmeasg le laghann-aibh na h-eaglais sin do neach air bith ithe no òl leò, no cairdeas a chumail riu. Tha ascaoin-eaglais a mach an aghaidh aon duine chumas cairdeas ri Iudhach. Air latha cäisg tha e ceadaichte ann an dùthchanna Phàpanach, do gach neach a choinnicheas Iudhach a bhualadh taobh a chinn. Gu bitheanta thainig binn a mach an aghaidh gach Iudhach 's an Fhraing gu léir, bha 'n stòras air a spioladh uapa, agus iad féin na dhéigh sin air am fògradh as an rioghachd. As an Fhraing bha iad seachd uairean air am fògradh. Bha iad le reachd de'n t-seòrsa cheudna air am fògradh as an *Spain*—agus tha 'm fear-eachdraidh a's fearr tha againn a'deanamh dheth gu 'n do chuireadh deich a's ochd fichead mile teaghlach air faondra as an dhùthaich sin amhain. Bha na miltean agus na deich miltean diubh gu tric air am murt's na cearnalbh sin, ann an aon seachduin, mar fhaladh do na daoine, no mar chuis-àbhachd.

Cha'n fheudar a rádh gu'n do buin muinntir na rioghachd so féin ni's fearr riu na rinn càch. Ann an Sasunn gu tric rinneadh fòirneart eagalach orra. 'S minic

a dh'éirich sluagh na dùthcha sin suas, mar aon duine chum am murt. Air còmhdbail àraig bha còig-ceud-deug dhiubh ann an aon bhaile mòr an Sasunn, York, agus chuir muinntir a bhaile rompa am murt's am marbhadh gun tròcair. Thairg na h-Iudhaich dboibh na bh'aca air aghaidh an t-saoghal air chùmhnnant gu 'n leigeadh iad as iad gun an cur gu bàs. Ach dhiùlt muinntir York so. Shocruicheadh latha áraidh chum am murt, eadar òg agus shean; ach 'nuair thuig na h-Iudhaich so 's a chunnaic iad nach sàsaicheadh ni air bith fuath agus mì-run an t-sluagh, ach am bàs, mharbh iad féin a chéile, a h ùile ceann teaghlach a' eur gu bàs na bha chòmhnuidh fo'n aon flàrdaich ris—agus an sin 'ga chur féin gu bàs. Tha so oillteil r'a éisdeachd ach gu tric rinn na h-Iudhaich an ni ceudna. Ann an aon Tùr làidir, Caisteal *Mhassada* ann am Palestine 'nuair thuig na h-Iudhaich nach robh dol as aca, 's nuair nach b'urra dhoibh seasamh ni b'fhaide, chuir iad an Caisteal agus na pailliuna dreachmhor anns an robh iad, ri theine, agus an sin chuir siad iad féin gu bàs. Mar so chaochail os ceann mile de na daoine truagha so.

Ri linn an III. Eanruig a h-aon de rìghre Shasunn, bha am miann a chûrteirean ni a dheanamh 'na ainm a thoilicheadh a dhaoine agus a chosnadh dba cairdeas na dùthcha; agus 'se an dòigh a ghabh iad, cead thoirt do na Sasunnach seachd ceud Iudhach a chur gu bàs, an tighean a spùilleadh, agus an Sionagogan a losgadh.

Ri linn a cheud rìgh Eideard, chrochadh ann an aon latha ceithir-fichead-deug Iudhach, agus dh'fhògradh càch as an Rìoghachd.

Bha air an àm sin còig-mile-deug air an cur thairis air faondra feadh an t-saoghail, agus o'n àm sin, fad ceithir cheud bliadhna cha robb Iudhach 'san Rìoghachd. Gus o chionn beagan bhliadlnaichean, bha Iudhaich air an losgadh gu bàs ann am *Portugal* air làithean féille àraighe, mar fhearas-chuid-eachd do 'n t-slùagh. 'S ann o chionn ghoirid a sguir a gheur-leanmhuinn bha air a dhéanamh orra am *Prussia*, agus 's a Ghearmailt. Ach dhùisg corruiich Eaglais na Ròimhe as ùr 'nan aghaidh, agus tha 'm Pàpa co naimlidel d'an taobl'sa bha a sheòrsa riamh.

Tha gus an latha 'n diugh reachdan an déigh reachdan air an cur a mach 'nan aghaidh ann an *Russia*. Cha'n fhaod iad tàmh a ghabhail ann an aon bhaile-mòr an *Russia* ge farsuing i, gun chead 's gun litir o'n chùirt. 'S éiginn doibh an Rìoghachd fhàgail air báirlinn aon mhionnaide.

Tha na nithe sin uile a' togail fianuis air firinn focal Dé, agus a' taisbeanadh dhuinn mar a choimhlionadh na dh' innseadh roimh làimh le Fàidhean an Tighearna. *Gum bitheadh an sluagh so air am fògradh as an dùthach fèin.* Nach faighheadh iad làrach bonn an coise do dh' àite bhuineadh dhorbh féin, *Nach bitheadh iad comasach air seasamh a mach 'an aghaidh an naimhdean.* Gu 'm bitheadh iad air am milleadh—air an sgrios—fo ocras—fo thart—ann an dì—'an cruaidh-chàs—'am bròn, agus mar chomharradh agus mur ionganta sdo rioghachdan an t-saoghail.

Thuirt Maois, *Deut.* xxviii. 59. *An sin ni an Tighearna do phlàighean iongantach, agus plàighean do shliochd, eadhon*

*plàighean mora agus maireannach, agus eucailean cràiteach agus fad-alach.* Nach fìor an f'hàisneachd so! Ciod an sluagh no an dùthach adhlfhuiling a leithid, plàigh-ean co mòr 's co maireannach. Bha iad mòr da rìreadh mar chunnaic sinn, agus bha iad mair-eannach. Mhair iad a nis ochdeud-deug bliadhna, agus cha d'thainig iad fhathasd gu crìch.

So agaibh a nis a luchd-leughaidh ionmhuinn, miurbhul mhòr fa choinneamh ar sùl. So agaibh preas Mhaois a' sìor losgadh, gidheadh gun a bhí air a mhilleadh gu tur. So agaibh fàisneachd air a tabhairt o chionn trì mìle bliadhna agus a coimhlionadh an diugh fein, air a cheart àm so fa choinneamh ar sùl. Am bheil e comasach nach cuir so an t-iongantas a's mò oirbh, agus nach éignich e sibh gu éigheach a mach—tha làmh Dhé r'a faicinn 's an eachdraidh so—Se am Biobull leabhar Dhé—se spiorad an Tighearna a dheachd e!

Tha iomad fàisneachd eile mu thimchioll nan Iudhach a's airidh air ar smuaintean, agus feuchaidh sinn iadsan a chur m' ar coinneamh 's an ath-àireamh

#### COMHRADH NA H-ATHA.

*Lachlann Bàn a' tireadh 'san àth; an sgalag agus na buachaillean a' rùsgadh caoil—Seòrus nan Long aig innse naidheachd air a thuras-cuain do cheann tuath an t-saoghal.*

*Lachlann.* An cluinn thusa mi 'ille bhàin, gabh mo chomhairle's dean suidhe, fuirich a mach no stigh: 's tog do d' fhalbhanachd,

\* Faodar làn chreideas a thoirt do gach focal a tha Seorus nan Long ag innseadh.

mar gu'm biodh cearc aig iarraidh nid; an saoil thu an leig mi 'n tìr-eadh an cunnart air do shon-sa; dean suidhe a gharrach: cha'n eil thu co iasgaidh 'nuair dh' iarrar ort gluasad.

*Seorus.* Gabh ceann buill da; an t-urram dha seach aon ni chunnaic mi riabh gu smachd a chumail air a leithid.

*Sgalag.* Theagamh a Sheòruis gu'n d'f hiosraich sibh féin sin latha g'an robh sibh.

*Seorus.* 'S coma sin dhuitse, ma dh' fiosraich thoill mi e. Gheibh an lunndaire 's gille nan car, theid mise 'n urras air, am fiachainn an luing chogaidh—ach bithidh duine'na earalas, iasgaidh, tapaidh, ùmhail air ceann a ghnothuich 's cha'n eil aite 'm faigh e giullachd a's fearr. Bha mi còig-bliadhna-fichead air luingeais cogaidh do gach seòrsa,—bha mi air mo leaghadh fo ghréin loisgich nan Innsean fo theas nach d' fhairich fuachd; agus air mo reothadh an lag na gaoithe tuath, measg sneachd air nach d' thainig aiteabh; 's bha mi sona anns gach aite. Nam bithinn a rithist òg, cha'n eil mi ag ràdh nach h-i 'n long-chogaidh bheirinn orm. Fhuair mi mo chuid féin do dheuchainnean an t-saoghail—'s ioma rutha garbh air an robh mi, agus 's iomad sealladh eagallach a chunnaic mi: ach 'dé dhe sin, tha mi 'n diugh làidir, fallain. Thainig mi gu càla sàmhach fa dheireadh: tha mo thasdan geal glan agam 'san latha—agus am fear-diolaidh a's fearr air aghaidh an t-saoghail, an Rìgh, an duine còir nach dubhairt riabh rium, cha'n eil e goireasach dhomh an diugh a Sheòruis—ach thig air t-aas a rithist. Buaidh leis fein 's le a luingeas! So a Lachlann, gabh greim tombac' air a thàill-

ibh—'Se fein a chumadh spliùcan a chuid sgioba làn.

*Lach.* C'ait' an d' fhuair thu 'n spliùcan bòidheach so a Sheòruis?

*Seorus.* Fhuair mi sin an dùthach nan ròn, fada, fada mu thuath, 's a mhuir reòta, far an robh mi leis a mharaiche ainmeil sin, *Parry*, a chaidh ni b' fhaide mu thuath na aon duine eile a dh' fheuch riabh ris.

*Lach.* So 'illean! ma tha 'n grinne caoil sin réidh, gabhaibh a nall agus suidhibh an so mu 'n aingeal, 's bheir Seòrus còir dhuiinn eachdraidh air a thurus-cuain do dhùthach nan ròn.

*Seòrus.* Ma tà ni mi sin gu deònach, ach 's eiginn do'n bhalach bhàn suidhe.

*Lach.* Dean suidhe, a shìochaire lachduinn, s na cluinneam smid a'd' bheul, fhad's tha Seòrus a labhairt. Cuir an crann air a chòmhla, Eachainn òig, 's lòn an cliabh móine 'n so làmh rium. Tha sinn a nis deas, a Sheòruis—tòisicheadh sibhse.

*Seòrus.* 'Sann a thri-bliadh-deug an earraich so a dh' f halbh mi air a cheud thurus-cuain le *Parry*, sgiobair co gleusda 's a dh'ambairc riabh ri uchd fuaraidh, agus maraiche co misneachail, eòlach 's a sheas air clàr luinge. Chuir sinn fo sgoil an Sasunn, deireadh an Earraich, agus ràinig sinn an cuan reòta mu latha Bealltuinn.

*Sgalag.* Gabhaibh mu leisgeul a Sheòruis, ach innisibh dhomh so, c'aite 'n robh sibh a' dol agus ciod a bha 'nar beachd.

*Seòrus.* Tha thu ceart; bu chòir dhomh bhi air sin innse 's a cheud dol a mach. Tha fios agam gu'n robh am baothaire sin Calum Scòladair a' cur amaideachd 'nar cinn m'an chùis so. Bha e aon

bhliadhna aig iasgach na Muice-mara, agus ar leis gur h-aithne dha gach ni.

*Sgalag.* Bha 'cheart duine 'g innse dhòmhsa gu'n do chuireadh a mach sibh air tòir cridhe na gaoithe tuath, a dh' fheuchainn am faigheadh sibh a cheart àite as a' bheil i a' séideadh; agus mar an ceudna dh'fheuchainn am faigheadh sibh a mach co as a bha na fir-chlise 'tighinn, agus ciod bu ghnè dhoibh.

*Seorus.* Am bumaileir truagh! Cha'n-eil ann ach sgonn gun tuig-se—Innsidh mise dhuit ciod a bha 'nar beachd. Tha fios agad mata, a Lachlainn, o's tù 's sine 'nam measg—tha fios agad gu bheil an saoghal cruinn, no air chumadh uibhe, ni's gairbh m'an mheadhon no m'a dhà cheann—ceart mar gu'm bi ubh ann.

*Lach.* 'Se sin, fhir mo chridhe, tha iad ag ràdh—ciod am fios tha againne. 'Bheil sibh féin 'ga chreidsinn sin.

*Sèdrus.* Gun teagamh tha mi 'ga chreidsinn—nach deach mi mu 'n cuairt ceithir thimchioll an t-saoghal — sìos an dara taobh dhe, 's a nuas an taobh eile?

*Lach.* Ubh! Ubh! a Sheòruis an ann da rireadh a tha sibh?

*Sèdrus.* Cha tig focal as mo bheul a nochd ach smior na fìrinn —'Nall a' cheirsle-shìomain sin o chùl an doruis, a's minichidh mise chùis dhuit: Ni sinn a cheirsle-shìomain sin 'na samhladh air an t-saoghal, o nach 'eil dealbh a' chruinne againn air an àm ni's fearr na i.

*Sgalag.* Nach mi féin an gille a' giùlan an t-saoghal. Sin i agaibh a nise, 's feuchaibh an toir sibh òirne cumadh an t-saoghal a thuiginn.

*Sèdrus.* Gabh a h-aon de na slatan sin 'ille bhig 's dean leth-

dusan pinne dhòmhsa. Sin thu mo ghille tapaidh—dean suidhe 'nis—agus feuchaidh mi a chùis a mhìn-eachadh. 'Si a cheirsle-shìomain so, mata, an saoghal. Cuiridh mi pinne ann an so air a mullach, agus pinne eile gu h-ìosal m'a choinneamh. Nach soilleir mata na'm biodh tu ann an luing a'sèld-adh air falbh o'n phinne so tha air mullach na ceirsle, dh' ionnsuidh a phinne eile, gu'n cailleadh tu sealladh air bun a phinne air tùs—an sin air a mheadhon, agus fa dheireadh air bàrr, a phinne. Gabh air t-aghaidh 'san luing mar tha mo làmh a' dol, agus ri ùine thig bàrr a phinne ìosal 's an t-sealladh, agus mu dheireadh tha thu aig a bhun. Gabh air t-aghaidh mar sin mu thimchioll na ceirsle agus thig thu dh' ionnsuidh a cheud phinne dh' fhàg thu—a nuas air a chùl chum a cheart àite 's an do thog thu do shiùil an latha dh' fhàg thu'n cala. 'S ann ceart mar so tha e tachairt air a chuan. Caillidh tu air tùs an cladach, agus ri ùine, bàrr nain beann. Mar tha thu gabhail air t-aghaidh tha bàrr croinn a tighinn 'san t-sealladh, tamull beag an déigh sin chì thu siùil ard na luinge—an sin na siùil ìosal, agus ma dheireadh slige an t-soitheich. Gabh thairis gu tìr chéin agus chì thu binnein nam beann a's àirde tighinn 'san t-sealladh, agus uidh air uidh, gu ruig an cladach.

*Lach.* Ar leam gu bheil mi 'gar tuig-sinn—ach nach robh sibh a' dol a dh' innse ciod a chuir *Capt. Parry* agus feadhain eile chum a chuain reòta.

*Seorus.* Air t-athais. Faic far a' bheil mo làmh dheas air a cheirsle: cuiridh mi pinne 'so—'Se sin Eilean Bhreatunn, agus a suas mar tha mo làmh a' dol air a cheirsle tha'n Roinn-Eòrpa sìneadh a

mach gus a' bheil i ruigheachd ceann tuath *Asia*, ann an so far an cuir mi pinne eile. So agad ceann mu thuath an t-seann saoghail. Calg dhìreach mu choinneamh a phinne so tha ceann tuath *America*, agus an sin cuir idh mi pinne eile. Tha *America* a' sìneadh suas gu fada mu dheas fa chomhair na Roinn-Eòrpa, agus cuan mòr ris an can iad an cuan *Atlantic* eadar riu. Nis, tha thu faicinn an dà phinne so fa chomhair a chéile—a h-aon an ceann tuath *America* agus a h-aon eile an ceann tuath *Asia*. Bha mliann oirnn fios cinnteach fhaotainn an robh caolas fosgailte eadar an dà phinne sin, eadar *America* agus *Asia*. Bha fios do ghnàth gu'n robh gach caolas agus muir anns na cearna sin reòta; ach bha toil aig Breatunn fios fhaotainn an robh e comasach slighe seòlaidh fhaotainn tre na cuantabhbh reòta sin, agus air an t-slighe sin dol a nùnn o'n chuan *Atlantic* tha eadar Breatunn agus an Roinn-Eòrpa dh' ionnsuidh a chuain mhòir tha taobh eile 'n t-saoghail —an cuan siòlchainteach.\*

*Lach.* Tha mi tuigsinn—ach innisibh so dhomh, ged a gheibheadh sibh roimh na caoil sin, agus ged a dh' amaiseadh sibh air slighe chosnadh rompa, ciod a bhuanndachd a bhiodh ann 'na dhéigh sin gu léir? C'ait' an rachadh sibh an déigh dol a mach?

*Seorus.* Tha do cheist pongail. Amhairc matà a rìs air a' cheirsle-shiòmain. So agad mar thubhairt mi, Breatunn. Taobh eile na ceirsle tha àiteachan a bhuiteas do Bhreatunn. Tha Innsean na h-airde 'n Ear—tha Rioghachdan mòra eile mar tha *China* as a bheil an *tea* a' tighinn—agus buidhnean de dh' eileanan ris a bheil

sinn a' cumail malairt. Air an àm, 's ann mu dbeas a's àbhaist do luingeas seòladh do na cearna sin: Tha'n t-astar mu dheas ana-barrach fada. Ach nach soirbh dhuit a thuigsinn 'nam faigheamhaid a mach eadar an dà phinne sin, se sin eadar *America* mu thuath agus *Asia* gu 'm buaidhaicheamhaid ath-ghoirimòr—'s gu'm faigheadh ar luingeis a nùnn do na h-innsean an ear an ùine ghoirid. Agus nach 'eil so a ritist a dearbhadh dhuit gu bheil an saoghal cruinn. Falbh thusa agus fear eile mach air blàr còmhnhard—Gabhadh fear agaibh mu dheas agus fear mu thuath, agus c'ait an coinnicheadh sibh? Cha choinnicheadh gu dilinn nam bu chòmhnhard an saoghal; ach amhaire air a cheirsle-shiòmain, dealbh an t-saoghail, agus tuigidh tu na 'm falbhadh dà chuireig o'n aon àite, nan gabhadh a h-aon diubh mu dheas, agus an t-aon eile mu thuath, agus na 'n siùbbhagh iad leis an aon luas, gu dìreach air an aghart, choinnicheadh iad, gob ri gob, calg-dhireach taobh eile na ceirsle fa chomhair an àite dh'fhabag iad.

*Lach.* Air m' fhocal firinneach tha mi 'g a d' thuigsinn—Bha toil agaibh ath-ghoirimòr fhaotainn roimh na cuain reòta mu thuath nùnn gu taobh eile an t-saoghail an àite dol mu dheas;—do bhrigh nach 'eil an t-astar co fada 'n dara rathad 's a tha e'n rathad eile. An t-urram do 'n cheirsle-shiòmain! Tog do shiùlù nia tà—gabh mu thuath—ciamar a bhuidhnean bha 'nar beachd.

*Seorus.* Ràinig sinn a mhuir reòta toiseach an t-Sambraidh, agus fhuaire sinn sinn feìn am measg eileanan eighe bha aillidh ri amharc orra, ach 'nan culaidh uamhais ri tighinn tarsuinn orra Tha'n eigh so tha snàmh nau

\* Pacific Ocean.

cuantan mòra sin, mar dhùth-chaibh farsuing fo shneachd' a gheamhraidi. Tha cuid de'n eigh-eannaich reòta sin ceithir cheud mìle air fad—agus ceud 's dà cheud mìle air leud. Tha i còig 's a sè ceud slat air tiuighead, a chuid a's mò dhi fo shàile. Tha cuid de na h-eileanan reòta sin air uairibh aig èiridh gu àirde mhòr, mar bheanntan àrda agus corrach. Tha e anabarrach cunnartach a bhi seòladh eadar na mill oillteil sin. Tha iad a' snàmh air falbh leis an t-sruth tha dol mu dheas; agus 'nuair thig iad an caramh a chéile tha 'n toirm a ni iad uamhasach r'a éisdeachd, mar gu'm biodh an saoghal a' spealgadh as a chéile 'na bhloighdibh. 'S minig a chuir sinn ar n-aghdair orra—ged a b' fhearr leinn gu mòr fuireach uapa. Ri dealradh grèine tha iad àillidh, boillsgeanta: Cha'n 'eil cumadh no dreach nach gabb iad. Saoilidh tu air uairibh gu bheil cabhlach mòr luingeas fo làn uidheam a' gabhail a nìos 'nad choinneamh—saoilidh tu 'n ath-uair gu bheil baile mòr a' tighinn 'san amharc—Chi thu ar-leat, Caisteal — turaidean — eaglaisean agus stiòbuill a' boillsgeadh ri gathaidh na gréine le gach dath's a bhreacan; air chor's gu bheil iad ciatach dreachmhòr ri amharc orra—ach am Freasdal a thèarnadh mo chàirdean o theachd eatorra!

*Sgalag.* Thuirt sibh gu'n robh iad a' snàmh leis an t-sruth—C'àite 'm bheil iad a' dol, na c'àite 'm bheil iad a' stad?

*Sèòrus.* Tha iad a' snàmh mu dheas a dh' ionnsuidh a chuain mhòir tha eadar *America* agus an Roinn-Eòrpa, agus ann am blàs nan uisgeachan tlàthas, agus fo theas gréin an t-samhraidi, tha iad a' leaghadh; ach tha cuid diubh a' fuireach anns na cearna

fuara anns an d' fhàs iad, o linn gu linn, a' sìor mheudachadh.

*Lach.* An d' fhuair sibh an seachnadh?

*Sèòrus.* Dh' fheuch sinn ris, mar a b' fhearr a b' urra dhuinn, ach fhuair sinn iomad fàsgadh cruaidh eadar riu. Ghabh sinn air ar n-aghdair a' tolladh a suas mu thuath, o latha gu latha. Air uairibh bhiomaid reòta gun chomas gluasad; ach thigeadh na dhéigh sin lunn tròm fo'n eigh a sgàineadh i le fuaim oillteil—air falbh rachadh i, a' fágail slighe fhosgailte againne. Air iomad uair rachadh stad a chur oirnn le eigh nach biodh ach ceithreamh mhile air leud, agus chitheamaid o bhàrr a chroinn, a mhuir fosgailte 'n taobh thall de. Cha bhiodh air an sin, ach na h-uile mac màthar a bhi mach gu rathad (mar gu'm faiceadh tu *Canal*) a dheanamh roi'n eigh, leud na luinge, agus a tarruing tre'n t-slighe sin le buill. Chaidh sinn mar sin air ar n-aghdair o àite gu àite; sgaoleamaid a h-uile bréid a b'urra dhuinn 'nuair a leigeadh an t-sìd leinn, a' fágail dùthaich a's dùthaich 's na h-eileanan mòra deighe. O !'s iomadh maol mòr garbh air an deach sinn seachad a' gnà smuainteachadh gu'n robh sinn an déigh an caol ceart fhaotainn, 's gu'm biomaid a nùll gu taobh eile an t-saoghal a thiota. Ciod tha agad air, ach seachduin an déigh seachduin gu'n robh sinn a' cothachadh ris—a' dol mu thuath an cois fearainn nach'eil a choimeas air aghaidh an t-saoghal mhòir—gun lus—gun chraobh—gun duilleach—gun bhlàth—gun duine bed no creutair ceithir-chasach r'a fhaicinn.

*Sgalag.* Am faca sibh idir

aon duine o'n a dh' fhág sibh 'ur dùthaich féin?

*Seòrus.* Leig dhomh air an àm 's na cuir grabadh orm—innsidh mi dhuit 'na dhéigh so mu luchd-àiteachaidh nan dùthchannan eagalach sin, is mu na beò-chreutair-ean a th' ann air muir 's air tìr— Ach dh' fhág sinn iad sin féin a nis 'nar deigh, agus ràinig sinn tìr an dòlais agus na fàsalachd anns nach robh eun ri fhaicinn air iteig, na iasg a' snàmh, ach seòrsa de muaca-mara beaga, geala, a dh'iasgaich sinn air uairibh. Ach 'se chuir iongantas a' s càlliginn do dh'eagal oirnn, gu 'n do chaill snàthad na combaiste no mar deirear rithe, an tarunn-art, a buaidh. Tha fios agaibh gu'n seas an t-snàthad iùil so no no an tarunn-art, do ghnàth anns na cearna so ris an taobh tuath;—

*Buachaille.* Nach e sud an ni chunnaic sinn ann am bogsa beag iaruinn fo ghloine air soitheach na Ceilpe?

*Lach.* Cum air do theangaidh a gharraich, na cuir stad air a sheanachas.

*Seòrus.* Cha 'n amhairceadh mata an tarunn-art ni's mò chum na h-airde tuath no chum na h-airde deas; chaill i a buaidh 's a h-éifeachd gu buileach glan, a's cha robh stà sùil a thionndadh oirre. Ach na dhèigh so uile ghabh sinn air ar n-aghaidh; Caoil ùra, agus marannan ùra a' fosgladh romhainn, agus maoil ùr' air cùi maoil a'tighinn gach latha 's an t-sealladh. Latha do na làithean, ràinig sinn àite àraidh far an d-thainig an tarunn-art no tarunn na combaiste, a rithist beò, agus gu a buaidhibh; ach an àite a gob a chumail ris an àirde tuath, sheas i calg dhìreach ris an àirde deas; a' dearbhadh léis a so gu'n deach

sinn seachad air fior chridhe na h-airde tuath, a chuid sin de'n t-saoghal ris an cum an tarunn-art a ceann c'áite air bith an càirear i. Air an latha so mu mheadhon an fhogharaidh dh' innis ar sgiobair gasda dhuinn, 's b'e sin esan! gu'n do choisinn sinn na còig mile bonn òir a ghealladh do'n cheud luing a ruigeadh an t-àite so. Cha ruig mi leas innse gu 'n do thog sinn iolach ghàirdeachais. Ceithir-la-deug na dhéigh sin chunnaic sinn nach robh stà bhi strì ni b'f haide. Bha'n geomhradh a nis a' tòiseachadh, eigh ùr a'tighinn air na h-uisgeachan. B'èiginn pilleadh agus cala acarsaid fhaotainn anns an cuireamaid seachad an geomhradb. Cha b'e sin an fhaladh, ach chuir sinn ar guala ris, agus shoirbhlich leinn. Thilg sinn acair, sinn féin agus an long eile bha 'sa chuideachd, an àite fasgach. Phaisg sinn na siùil agus ann an ceann dà latha bha sinn co teann reòta 's nach robh cumhachd air thalamh a b' urrainn ar fuasgladh,

*Lach.* An d' fhan sibh an sin fad a gheamhraidh?

*Seòrus.* 'Sinn a dh' fhan, agus ged a bha 'm fuachd coimheach 's gann a bha dì na deireas oirnn. Bha ar sàth bêidh againn—de fhèoil a phronnadh an Sasunn agus a chuireadh a suas ann an soithichean dònach, le innleachd co mòr 's ged nach robh gràinne salainn oirre, gu'n do sheas i fallain, blasda ré na h-ùine. Bha eanaraich againn gach latha—fìon a's beòir, —ach cha tugadh iad deur spioraid dhuinn, a thaobh nach robh sin téaruinte dhuinn.

*Lach.* An robh 'ur leòir connaidh agaibh — teine maith agaibh?

*Scorus.* Cha'n fhaod mi ràdh

nach robh, 's bha feum air : Chith-eadh tu an deò analach mar thig-eadh e mach as a bheul, a' tuiteam 'na cheòthraich reòta, 's 'na shneachd air an ûrlar. Nam bean-adh tu do dh'iarunn le d'làimh, gun ni eadar thu's e, dh'f hágadh tu a leud do d' chraigionn air, mar gu'n glacadh tu gàd dearg, teinnt-each.

*Lach.* A mhic chridhe ! Nach bi dùthaich na h-oillt i ! ach cia mar chuir sibh seachad an aimsir ?

*Seòrus.* Bha cuid a' leugh-adh, cuid a' sgrìobhadh ; agus bha mar fhiachaibh oirnn a h-uile latha, moch a's anmoch ruith air déigh a chéile air clàr na luinge, co luath 's a b' urrainn ar dà chois ar giùlan, a chumail lùs 'nar casan, agus bhiomaid a' dannsadh 's a' leum, 's a' seuchainn a h-uile cleas a b' fhearr na chéile chum am fuachd a chumail air falbh.

*Lach.* Ach an robh teas idir 's a ghréin air a mheadhon latha ?

*Seòrus.* Teas 'sa ghréin ! a mhic chridhe—sin a ghnùis nach faca sinne fad thrì miosan maith agus deich làithean.

*Lach.* Ciod tha thu ag ràdh ? Ne nach faca tu a ghrian fad thrì miosan a's deich lathan !

*Seòrus.* Cha'n fhaca—bu doirbh dhomh, 's gun i ann. Chaidh i fodha oirnn air latha deireannach an fhogharaidh, agus cha'n fhaca sinn an t-ath-shealladh dhi gus an deicheamh latha de cheud mhìos an Earraich.

*Lach.* Fhearaibh 's a ghaoil ! an cuala duine riamh a leithid ? an robh sibh ann an dorchadas fad thrì miosan a gheamhraidh ?

*Seòrus.* Cha robh idir. Tha freasdal an Tighearna caoimhneil anns na dùthchanna sin mar anns gach àite. Rè nan trì miosan sin tha a ghealach làn againn, gun

dol as an t-sealladh a latha na dh' oidhche ; agus nì chuireas barr-achd iongantais ort, an déigh a cheathramh-la-deug de'n mhàigh, cha teid a ghrian fodha tuille na as an t-sealladh a latha no dh' oidhche gus an teid i fodha gu buileach deireadh an fhogharaidh : air chor agus fad chòig mìosan nach'eil dealachadh sam bith eadar latha agus oidhche.

*Lach.* An robh na speuran soilleir, glan, fad nam mìosan dorcha sin ?

*Seòrus.* Bha mi dol a dh-innse dhuit, gu'n robh iad ni 's soilleire na chunnaic thusa riamh oidhche fhogharaidh san dùthaich so. Bha na fir-chlise a' cur nan car dhiubh fad na h-ùine—agus b' iad sin na fir-chlise mhòra aighearach. Cha'n 'eil cainnt agamsa bheir dhuit am beachd a's faoine air gluasad boillsgeanta siùbhagh nan soluis iongantach so. Chì thu na speuran o thaobh gu taobh, làn dhiubh—so dheich mìle cumadh agus dreach. Tha iad an dràsd buidhe, 's an prioba na sùl tha iad dearg, lasrach. Tha iad san aon leumnaich chlis, bhrisg, an dràsd —'s an ath mhionaid cha'n eil coslas dhiubh r'a fhaicinn. Cluinnidh tu iad a' spreadhadh 's a fuaimních le srann àrd, a chuireadh oillt air duine nach robh eòlach orra.

*Lach.* Cò sud a mach a' buadh aig an dorus ? Ciod tha dhì air a bhanaraich ?

*Ban.* Cuiribh a mach na buachaillean a dh' f' hodradh nam beath-aichean—tha'm buntàta air tigh-inn deth—gabhaibh a nall, a Sheòruis.

*Lach.* Cha'n 'eil comas air. Tha dòchas agam gu bheil oidhche eile 'tighinn. Cha bhi mi fèin toilichte gus an cluinn mi deireadh a ghnothaich.

*Sgalag.* Fheudail a Sheòruis, na h-innsibh focal tuille gus an suidh sinn air fad a rìs an so le chéile.

*Sèdrus.* Cha 'n innis focal, a laochain—tha mòran agam fath-asd ri innse dhuibh mu luchd-àiteachaidh nan dùthchanna sin—mu na h-*Eisgemothaich*—mu na ròin—na sionnaich gheala—na madaidh-alluidh—na math-ghamhna—na tairbh-uisge—agus iomad ni iongantach eile a chunnaic mi. Ach tha uainn a bhi gabhair a nùnn—och—och, 'se sin an t-aingeal suilbhearra taitneach tha agads' a Lachlainn—bu phriseil e 'san àite m' an robh sinn a' labhairt, ged a's dì-chuimhneach sinn air beannachadh an Tighearna 's an dùthaich shona so.

Campsie, 1831.

T. M'L.

---

#### EACHDRAIDH NA H-ALBA. 1639—1644.

*Air a toirt air a h-aghaidh o'n àireamh  
mu dheireadh.*

Cha b' fhada sheas an t-sith tholgach a rinneadh eadar Righ Tearlach agus na Cùmhantaich. Bha iad cealgach taobh air thaobh, agus déigheil air gach cothrom a ghabhail air a chéile. Bha iad làn chinnteach gu 'n tigeadh a chùis gu mèinn a chlaidheimh, agus air an aoibhar sin, rinn iad gach uidheamachadh a bha 'nan comas chum bhi deas airson cògaidh. Agus cha b' fhada gus an robh cogadh air bonn eatorra. Fhuair Righ Tearlach fios gu 'n robh na Cùmhantaich a sgrìobhadh a dh' ionnsuidh Righ na Frainge e chuideachadh leò—Bha so na cheannaire na aghaidh; agus chuir e roimhe gach dìchioll a

bha na chomas a chleachdadh chum an smachdachadh. Bha air an àm so aimhreit mhòr eadar e fein agus Pàrlamaid Shasunn; dhiùlt iad cobhair air bith a thoirt dà—ach thog e cìs, gun an toil iarraighe—fhuair e còmhnaidh ann an òr a nall á Eirinn—ghabh e 'n iasad na b' urra dha fhaotainn o chùirteirean agus o na h-uaislean a bha dlùth dha—agus mar so chuir e air chois mìle-thar-fhichead do dh'arm—leis na chuir e roimhe laimhseachadh cruaidh dbeanamh air luchd a Chùmhaint. Ach cha robh 's an arm so thog an Righ ach gràisg leibid each o shràidibh Lunnuinn nach do tharruing claidheamh riamh, agus nach mò a loisg urchair ri uchd nàmhaid.

Cha robh na Cùmhantaich air deireadh ann an cur an cuid airm cruinn. Thog iadsan còig-mìle-fichead de cheatharnaich churanta threuna—de dhaoine foghainteach lasgarra, a bha air an lònadh le eud naomh, agus fo bhòid an sochairean spioradail a chosnadhl no bàsachadh 's an oidheirp.

Chuir na Cùmhantaich rompa Sasunn a thoirt orra. Fhuair iad misneach gu so a dheanamh o litrichibh bha tighinn d'an ionnsuidh o uaislibh arda bha 's an dùthaich sin, agus a bha co fad an aghaidh an Righ 's a bha iad fein. Ach mun do thog iad orra gu Sasunn, smuaintich iad gu 'n robh e ceart càirdean an Righ air feadh Alb-uinn a smachdachadh, an earalas gu'n éireadh iad air a shon an déigh dhoibhsan an dùthaich fhàgail. Chum na crìche so chuir iad duine eudmor dhiubh a chloinn-an-Rothaich a mluimnt Shiorramachd Rois, a mach feadh chrìocha tuathach no rioghachd Rathad Aberaidhein le feachd

láidir chum sgrios a's losgadh agus creach a dheanamh air fearann gach duine nach robh càrdeil doibh. Rinn an duine fuitreach ana-cneasda so gach milleadh a's sgrios a bha na chomas—oir iochd cha robh na chòm.

Chuir iad Iar' Earraighàidheal, mac Chailein mhòir, le arm eile a mach feadh Shiorramachd Pheairt agus troimh Bhàideanach. Ma bha Mac-an-Rothaich na bhéist gun tlus gun tròcair, cha b'e Mac-Chailein bonn a b' fhearr. Cha robh ceartas no truas ann an cridhean duine so. Bha e air a bhrosnachadh gu losgadh agus gu sgrios leis an t-sannt bu mhallaichte agus leis an dìoghaltas a b' oillteala. Mhurt agus mharbh e mnathan agus clann—òg a's sean. Loisg e tighinn, 's chreach e gach fearann a bhuineadh dhoibh d' an robh e ann am fuath. Cha'n eil e comasach eachdraidh nan linntean truagh sin a leughadh gun uamhas : ged thug Dia na mhaithreas mòran maith, saorsa agus sonas d' ar dùthaich nan lorg. Bha cealg-aireachd oilteil air a chleachadh, daoine dol a mach fo chleòca creidimh agus fo shamhladh diadhachd, le ùrnuighean fada agus sailm air am bilibh—Criod agus an nuath-cheangal naomh aca mar ghlaodh-catha ; agus na dhéigh so uile, foill a's fairneart—losgadh—murt agus creach, a' comharrachadh a mach na h-uile ceum d'an turus.

Thug Mac-Chailein sgrios buileaelh air fearann nan *Ogilvies* —air moran do thir Atholl—loisg e tigh na Ceapach—chreach e Bàideanach gu léir—agus phill e fein, agus Mac-an-Rothaich air an ais le laoidhbih molaidh nam beul, agus mallachd nam miltean 'nan cois, chum dol leis na Cùmhantaich suas do Shasunn.

Thog iad orra toiseach' an t-samhraidh 'sa bhliadhna 1640, chum an Righ a ruigheachd, agus fàth an gearain a leigeil ris da. Ghabh iad air an aghaidh gun ghrabadh no bachdadhbh air bith gus an d' ràinig iad dlùth do bhaile a Chaisteil-nomha.\* Chaidh feachd Sasunnach a mach as a bhaile mhòr so 'chur stad orra — ach chuir na Cùmhantaich an ruaig orra an tiota.

Cha robh e'n comas an Righ an coinneachadh agus blâr a chur. Dhiùlt a Pharlamaid gach cobhair agus còmhinadh a thoirt da. Dh' fheuch e air an aobhar sin sith agus rèite a dheanamh riu. Leigeadh gach cùis a bha eadar e fein agus iadsan gu mèinn dhaoine measail, a dh' ainmicheadh taobh air thaobh. Cha robh aig an Righ ach géilleachduinn do gach nì chuir iad m 'a choinneamh. Fhuair am feachd Albannach ochid-ceed-gu-leth punnd Sasunnach 's an latha fhad 's a dh' fhuirich iad ann an Sasunn, agus lethcheud-mile punnd Sasunnach an latha dh'f hág iad e.

Thainig an Righ a nuas a dh' Albuinn 's a bhliadhna 1641. Cho-aontaich e 's a chùmhantaich-naomh ; agus chleachd e h-uile dìchioll chum na Cùmhantaich a thoileachadh. Chaidh e gach latha sàbaid agus gu tric air làithean eile dh' eisdeachd am ministeirean, agus shuidheadh e le coslas. cràbhach a dh' eisdeachd searmoinean a mhair o mhaduinn gu feasgar ; ach cha robh so uile ach cleòc air an leth a muigh chum am mealladh—bha e na chridhe co fuathach orra 's a bha e riamh.

'S fhada chumar cuimhne air a bhliadhna thruaigh so ann an eachdraidh na Rìoghachd. 'S ann 's a bhliadhna so a rinneadh an casgradh dì-mhillteach air luchd a

chreidimh ath-leasaichte ann an Eirinn, a's uamhsaiche air am bheil cunntas againn. Is doirbh dhuinn a chreidsinn na gniomharr-a oillteil as an robh Sír Phelim O'Neill agus na pápanaich Eireannach ciontach air an àm so. Chuireadh òg agus sean, bochd agus beartach gu bàs. Cha robh innleachd eagalach oillteil à b' urrainn an t-Abharsair e fein a chur nan cridheachan nach d' fheuch iad an aghaidh gach duine nach buineadh do Eaglais na Ròimhe. Anns a chassgairt dhò-bheartach so bhàsaich dà cheud mìle. Dhùisg am murt uamhsaich so oillt anns gach cridhe, agus thug e air na Cùmhantaich seasamh a mach na bu tréine agus na bu dearrasaiche airson an soch-airibh spioradail na rinn iad riagh; agus dhùisg an sgrios oillteil so, mar an ceudna, fuath an aghaidh an Righ agus nan Cùirteirean pápanach a bha na chomhairle.

'S a bhliadhna 1643. phill Tearlach air 'ais do Lunnuinn, agus chunnaic e gu'n robh na Sasunnach co fada na aghaidh, agus na bu cheannairciche gu mòr na muinnir Albuinn. Thog e arm chum a Pharlamaid a cheannsachadh. Bha 'n cogadh a nis air bonn, cedar an Righ agus a Pharlamaid : cogadh truagh, ful-each-lach, a thug iomad tubaist agus teugmhail thruagh na chois.

Air tùs a chogaidh so fhuair an Righ buaidh anns gach blàr, agus cha' n' cil teagamh nach biadh e air a Pharlamaid a cheannsachadh nam fuirgheadh na Cùmhantaich air an ais. Ach chuireadh a nuas Flaithean arda Sasunnach a rinn geallaídhean mòra, agus le mealladh agus brosgul a bhrosnuich na h-Albannaich gu aimh a thogail as leth na Parlamaid agus an aghaidh an Righ.

Chruinnich diadhairean foghluiinte measail a muinnir Shasunn, agus cuid a muinnir Albuinn ann an Westminster a shocrachadh gach pong agus cùis a bhuineadh do chreidimh agus do ghnothuich-ean na h-Eaglaise. Tharruing iad so a mach an nuath-cho'-cheangal naomh, anns an do cho'-aontaich a Pharlamaid. Thog Albuinn fichead mile saighdear treun, tapaidh; agus thog iad orra meadhon a gheamhraidh, suas do Shasunn, chum an Righ truagh agus a chairdean a chur fo chois.

'Sann air an àm so chuir Iarla Mhontrose cul ris na Cùmhantaich agus a thionndaidh e leis an Righ. Ghabh e gu h-olc nach d' rinneadh e fein na ard-cheannard thairis air an arm Albannach, an àite Alasdair Leslie. Thrèig e uime sin na Cùmhantaich, agus thog e a bhratach a leth an Righ. Phill e do dh' Albuinn, agus thòisich an cogadh sin air an cuala sinn co tric iomradh aig na sean-achaidhean a dh' fhalbh, agus air am fench sinn cunntas a thoirt na dhéigh so, ma chaonar sinn fein agus an Teachdaire.

*Campsie, 1831.*

T. M'L.

---

*Mu Chraobhan iongantach an t-saoghail.*

'S an àireamh mu dheireadh thug sinn cunntas seachad air cui de chraobhan iongantach an t-saoghail; agus théid sinn a nis air ar n-aghaidh gu labhairt mu sheòrs' eile dhiubh. Tha leithid so de eòlas taitneach ; na h-uile ceum mar théid sinn air ar n-aghaidh, sa h-uile craobh ùr air an cluinn sinn iomradh, gheibh sinn dearbhadh ùr air gliocas—cumhachd, agus maitheas an Tì ghlor-

mhoir a chruthaich iad agus a thug do gach aon diubh am buaidhean fein fa leith.

Cha dean sinn san Aireamh so ach cunnatas a thoirt air aon chraoibh—Ban-righ chraobhan an t-saoghail uile. Craobh fhiogais Innsean na h-àird an Ear, no a Chraobh *Bhanian*, mar theirear rithe air uairibh.

Tha mòran de'n t-seòrsa so air feadh nan Innsean, ach 'sann ann an *Hindostan* a tha'n t-aon is mò air an t-saoghal diubh. Tha i so air a h-ainmeachadh as déagh Cuil-tich, no mar a deir iad fein—Naomh iomraiteach a bha fada chòmhnuidh foidhpe, d'am b'ainm *Cubber Burr*.

'S i a chraobh mhòr fhiogais so a chraobh is dreachmhoire a chunnaitc duine riamh. Do thaobh nàdur na craoibhe so cha'n urra dhi fàillneachadh, ma leigear leatha. Tha aic' aon stoc a tha dìreadh suas gu àirde mhòr, mu bheil meurno meanglan a' fàs aisdè. Tha na meòir sin a' sineadh a mach fàda o'n stoc—agus sin mar fhichead no dà fhichead troidh o'n stoc, tha ceann nam meanglan a' lùbadh a dh' ionnsuidh an láir, agus a' freumhachadh as ùr san talamh. Tha iad so nan stuic ùra, agus a fàs nan craobhan ùr a' cur a mach mheanglan mar rinn a cheud stoc—agus nan taic fo'n chraoibh. Mar so tha mile stoc, agus am barrachd aig aon chraoibh, agus i do glìnà a' sior sgaoileadh a mach 'am farsuingeachd. Tha cuid diubh so a' togail cùig agus sè acraichean fearainn fodhpa; agus tha an geugan no am meang-lain a' sineadh a mach co fada man cuairt air gach laimh, 's gu'm feudadh 10,000 saighdear fasgadh ghabhail fo a sgàile. Tha trì mile stoc fo'n chraoibh mhoir air a bheil mi labhairt, agus a chuid is mò

dhiubh sin ni's mò na stoc na craoibhe is àirde tha fàs 'an Albuinn. Tha i o linn gu linn a' cur a mach mheanglan ùr, agus is doirbh a ràdh c' aite no c' uin a sguireas i o fhàs.

Fo sgàile na craoibhe so 's àbh-aist do na h-Innseanaich féill mhòr a chumail air gach bliadhna, far am bi air uairibh 7000 pearsa a làthair. Tha meas mòr aig na *Hindoos* oirre. Tha i'nam beachd na samhladh air an Tì d'a bheil iad a' deanamh aoraidh. Tha cuid de shagartan do ghà a chòmhnuidh foidhpe; agus iomadai tigh aoraidh air a thogail na coimhairsnachd.

Tha iomad seòrsa de bheo chrcutairean a tathaich geugan lionnhor, fasgach, fiunnar na craoibhe so. Calmain uaine—peucagan, agus iomadh seorsa de dh'eòin. Chitear nathraighean lùbach riabhach a'snàgail o ghéig gu géig—feoragain, agus gach seorsa de apachan, a' mireag 's a leumnaich air an ais agus air an aghaidh; agus seòrsa de ialtagan mòra tha tomhas sé troidhean o sgéith gu sgéith.

Cha'n e mliain gu bheil a chraobh mhòr so a' toirt fasgaidh, ach tha i mar an ceudna a' toirt lòin do gach creutair at a'ga tadh-all, le lionmhoireachd nam f-ogaisean fallain a tha cinntinn oirre.

Is minic, arsa fear-turuis ainmeil,a shuidh mi fadlatha fo sgàil na craoibhe so, a' gabhail beachd air innleachdan nan apachan, a' teag-asg an àil òig aca ; 'gam foghlum gu leum o ghéig gu géig—'gam brosgul an dara uair—agus 'gam bagradh an uair eile—agus air uairibh a' gabhail doibh gu maith sgaireil 'nuair bhiodh iad dìorrasach. Tha na h-apachan fuathach air na nathraigheibh, agus ro f'hur-achair m'an tig iad a dh' ionnsuidh an àil òig. Glacaidh iad iad gu

seòlta, 'nuair tha iad nan suain, gu gramail air amhaich; agus ruithidh iad leo chum na cloiche is dlùithe dhoibh, agus buailidh iad an cinn air a chloich gus nach fag iad sgrid anna.

Seasaidh an seorsa chraobh so ni's faide na aon seors' eile air a bheil cunntas againn. Tha cuid diubh na ceuda bliadh'n a' fàs gu h-ùrar àillidh, The e air a rádh le fear-turuis ainmeil (*Forbes*) a tha fhathast beo, gu'n do sheas e fein fo'n cheart chraoibh fhìogais far an d' fhuair Alasdair uaibh-reach, mac Righ Philip, agus a mharc-sluagh fasgadh: agus tha o sin còrr agus tri cheud bliadh-na roimh bhreith ar Slànuighear.

Cia príseil fasgadh agus sgàile na craobhë mòire so fo ghréin loisgich nan Innsean! ge h-ain-eolach an sluagh truagh, a tha trusadh gu tric foidhpe, air an Tì ghìormhor agus àrd, a chàirich i san tìr.

*Campsie*, 1831.

T. M'L.

### *An Dobhar-chù, no an Leas-leathan.\**

Nam b'àill leinn fios fhaotainn air gliocas agus gnìomhachas iongantach cuid de bheathaichean, 's èiginn beachd a ghabhail orra ann an dùthchannan iomallach agus neo-àitichte, far nach 'eil iad air an sgapadh, agus air an iomain o chéile le Mac an duine;—agus far a bheil cothrom aca air an innleachdan fein fleuchainn o linn gu linn gun bhacadh no gun sgàth.

'Measg uile bheathaichean ceithir-chosach air a bheil cùnnatas againn, cha'n 'eil creutair eil' ann a tha toirt dearbhadh air gliocas agus seòltachd co mòr ris

na Dobhar-choin. Tha iad a' teachd ni's dlùithe air a chinneadh dhaonna na aon chomunn eile tha ri fhaotainn. Cha'n 'eil an dobhar-chu leis fein 'na aonar a bheag' ni's glioca no ni's seòlta na ioma beathach eile; cha'n 'eil e co glic ri cu-chaorach, no idir co seòlta ris a mhàdadh-ruadh; ach anns na dùthcha' sin far a' bheil iad lìomhòr, agus 'nan treuda mòra, agus nach 'eil sgàth na eagal orra roi' mhac an duine, 's neònach da rìreadh r' a leughadh eachdraidh nan creatairean tapaidh so. Tha 'n dobhar-chu céin-thireach na sheòrsa creutair eadar Iasg an uisge agus beathaichean ceithir-chosach: 'S coingeis leis uisge no tìr, agus tha sinn a' smuainteachadh nach miste le 'r luchd-dùthcha cùnnatas fhaotainn air an dòigh iongantaich leis an àbhaist do na creatairean so an tighean agus am bailtean mòra a thogail. 'Siomad duine aig am bheil *Ad Beaver* air a cheann, a tha co aineolach ri naoidhean na c'che air eachdraidh a bheathaich innleachdaich o'n tugadh am bian dubh a tha 'ga còmhach.

'S ann an *America* mu thuath tha na dòbhrain dubha r'am faotainn ann an lìomhoireachd. Mu thoiseach an t.*Samhraidh* 's bith-eanta leò cruinneachadh chum am bailtean mòra a thogail.†

Thig iad cruinn o gach cèarn, 'nam buidlhean gus am bi tr' no ceithir a cheudan diubh 's an aon àite. 'S ann aig lochan-uisge no air bruaich aibhne 's àbhaist leo cruinneachadh. Ma's ann aig taobh aibhne 'se cheud ni air an tòisich iad, beinge làidir a chur tarsuing na h-aibhne, a dhruideadh a suas an uisge, chum 's gu'm biodh linne fharsuing réidh aca,

\* *The Beaver.*

† *A dam.*

agus tha'n togail so air uairibh os ceann ceud troidh air leud agus dusan troidh ann an tiughead. Tha so ro iongantach 'nuair a chuimlinicheas sinn nach 'eil na beathaichean beaga tha'ga dheanamh ach mu mheudachd na beisde-duibhe, no 'n dobhar-chu tha's an dùthach so féin.—ach 'se an t-seòltachd agus an t-innleachd leis'a 'bheil iad a' cur suas na togalach so an ni 's iongantaiche air fad.

'S gnàthach leò an obair so a thòiseachadh air a chuid sin an abhainn fara' bheil craobhan mòra fàs dlùth do blruaich na h-aibhne. Tha na craobhan so air uairibh sé agus ochd troidhean air chuairt, ach cha'n fhada bhios na beathaichean beaga, innleachdach, saothaireach so 'gan gearradh a sìos gun àsuinn gun acfhuinn ach am fiacan beaga biorach féin. Tha iad co seòlta anns an obair so 's gu'n toir iad air a chraoibh tuiteam air a cheart lag bu mhiann leò. Co luath 's a thuiteas na craobhan mòra, éiridh iad air na meuraibh 's na geugan a ghearradh dhiubh. Tha cuid-eachdan eile dhiubh a' gearradh mhaidean mu thuighead sliasaid duine, agus cuid a' gearradh caoil agus shlatan. Sparraigd iad na maidean so gu domhain 'sa ghainmchich cùl nan craobhan mòra, agus fighidh iad an caol agus barr nan craobh mu na maidean co innleachdach 's a dheanadh duine air bith. Tha buidhnean eile dhiubh a' giùlan clàbar agus criadh agus cuilc, agus luachair, agus seilisdeir leis a' bheil iad a' lònadh suas gach toll agus fosgladh, agus 'ga f'hàgail co dionach's nach teid braon uisge roimhe. Tha mòran diubh le 'n casan-toisich agus le'n earball a bualadh na criadha gu dlùth, 'ga deanamh co min,

shleamhuinn, réidh, chòmhnard 'sa b' urrainn clachair a dheanamh le spàin-aoil. Tha luchd turuis a chunnaic an obair so aig innse dhuinn, nach 'eil innleachd a b' urra mac an duine a chleachdad nach 'eil air a thaisbeanadh leis na beathaichean neònach so. Tha tuil-dhorsan aca air an obair so leis an leig iad a mach an t-uisge, agus an dùin iad suas e mar a's miannach leò.

'Nuair tha 'n linne aca ullamh, tòisichidh iad an sin air an tighean a thogail. Tha iad 'gan togail so a mach air linne air bràigh stob a bha air an sparradh gu dlùth daingeann 's a ghainmhich. Tha dà dhorus aca air an tighean, aon roin teid iad gu tir agus aon eile tre'n tilg iad iad fein's an uisge. Tha na tighean so cruinn, cuid diubh còig troidhean agus cuid diubh sé troidhean air leud. Tha cuid diubh aig a' bheil lobtaichean os ceann a chéile anns a' bheil luchd-còmhnuidh. Tha balla an tighean dà throidh air tiughead, agus an t-ùrlar air a leagail leò co réidh's ged a bhiodh täl agus locar an tsaoir air an cleachdad. Tha na tighean so air an togail le dreach agus eireachdas, agus tha iad air am plàsadh le criadh agus gainmheach oibrithe co mhìn, réidh's ged a b'e fear-cèirde a dheanadh e. Cha 'n'eil dile 's urrainn dol roimhe, agus cha'n 'eil gaoth na stoirm a's urrainn a leagail. Oibrichidh iad a chriadh le 'n cosan agus curridh iad gu feum i le 'n earbuill. 'Se 'm biadh a's taitniche leò cairt mhaoth nan craobhan, agus 's àbhaist leò mòran dhi so a thasgaidh suas fa chomhair a gheamhraidh.

Tha seòmar-taisg anns gach tigh, agus a chuid fein mar so aig gach teaghlaich. Cha'n àbhaist leò air

àm sam bith goid na méirle dheanamh air an coimhairsnaich. Tha mu dheich tighe-fichead ann an euid de bhailte, ach am bitheantas cha'n eil os ceann dusan tigh annta. Tha fichead Dòbhran air uairibh a chòmhnuidh san aontigh, an dara leth dhiubh frionn agus an leth eile boirionn. Tha sìth a's sàmhchair nam measg—tha iad saothaireach, dìchiollach, agus an lorg so, pailteas aca r'a shealbhachadh. Tha naimhdean aca, ach tha iad anabarrach seòlta g'an seachnad. 'Nuair tha cunnart dlùth bheir iad sasan no brath do chàch a chéile, le 'n earbuill a bhualadh air an uisge. Ni iad mar so fuaim a chluinnear fad' as, agus anns gach bothan 'sa blàile. Cha'n eil beatach ann a's urrainn ruigheachd air am bothain, no am milleadh. Rè 'n latha tha iad a snàmh na linne, no 'nan suidhe air an tulchainn le'm niàsan 'san uisge. Leis a so tha'n ceithreamhlì deiridh dhiubh air bhlas éisg, agus tha lannan air an earball mar chithear air iasg. Fuirghidh iad le chéile 'nam bailtean rè 'n fhoghairidh 's a gheamhraidh. 'S ann deireadh a gheamhraidh tha'n àl òg aca. 'Nuair thig iad so bheir na dòbhrain-f hirionn a choill orra, ach fuirghidh an fheaghain bhoirionn aig a bhaile a' banaltaramachd, agus a' togail an ail. Toiseach an fhogharaidh pillidh càch, agus cuiridh iad am bothain, an dreach agus an riaghailt air son a gheamhraidh, agus togaidh iad tuille thighean airson an càirdean òga.

'S ann 's a gheambradh as àbhaist leis na sealgairean dol a mach air an tòir, oir 'sann san àm sin a's prisearla 'm bian. 'Nuair a mhillear am baile aca leis na sealgairean, agus a mharbhar a chuid a's mó dhiubh bheir iadsan a

a thèarnas orra do'n choille; agus cha phill iad ni's mó a thuineachadh no thathaich ann an comunn. Dh' fhalbh am misneach agus an innleachd; agus gheibhear iad 'n am fògoraich bhochda, ghealtach, ann an tuill agus an cùirn, mar tha beathaichean fiadhaich do'n t-seòrsa 'nar dùthaich fein.

Tha bian an Dòbhrain chéint-thirich ro phrìseil air son Adaichean a dheanamh. Ach tha e co daor 's nach àbhaist leò chur ach anns na h-adhaichean a's prisearla. 'S ann an cearnaibh tuath America a's liomhoire no beathaichean so:—agus tha mòran beartais air uairibh air a dheanamh leò-san tha'g an sealg. 'Sanu 's a gheamhradh mar thubhaint mi a's àbhaist leo an sealg.

Tha na Dòbhrain a' snàmh fo an deigh, agus tha tuill aca'n sud 's an so, far an tig iad a mach a tharruing an analach. Tha na sealgairean a' càramh lin no ribe air beul gach tuill—agus mar so tha na creatairean laoghach, tuigseach, dìchiollach, tapaidh so, air an glacadh.

T. M'L.

Campsie, 1831.

#### AN LEANABH BEANNAICHTÉ

Ma thoill leanabh air bith an tainm àrd so, b' ise an t-aon mu bheil sinn a nis a'sgrìobhadh. Is òg a thugadh dhi e; oir tha e air a rádh, 'nuair bha i eadhon air a chìch, nach robh i coslach ri naoidheinean eile; na suain 's à chreidheil mun robh i bliadhna dh' aois, thug iomad aon fainear gun robh àilleachd chiùin 'na grùis—sìth shuidhichte, agus suaimhneas sèimh nach fac' iad riagh roimhe ann an aodan leinibh. Dh' éirich i air uaigneas a ghlinne san d'rugadh i mar reul ùr—dhealraich i an tiota beag 'na

làn àilleachd ; ach chaidh i fodha gu tràth, agus dh' fhág i an Gleann sin co dorcha, uaigneach 's a bha e riamb.

Cha luithe chaidh a teanga gu còmhchradh na bha a cainnt, 's a briathran comharrachte. Cha chualas caise, no crosdachd, no gearan uaipe; ach ciùin do ghnàth, gu foighidneach gràdhach.

Bha a h-athair agus a màthair bochd do thaobh nithibh saoghalta, ach bha iad saibhir ann an gràs. Bha iad làn riaraichte le 'n cuibhrinn, agus taingeil do'n Ti is àirde. Bha iad 'nan càraid dhiadhairdh, do ghnàth beò ann an spiorad na h-ùrnuigh, agus fo chumhachd saoghal eile. Bha beagan sgoile aca, agus de'n bheagan sin rinn iad làn f' heum. Bha iad 'nan urrainn am Biobull a' leughadh agus leugh iad e le càram, le ùrnuigh agus le tangealachd. 'S ann as an leabhar so a fhuair an leanabh beannaicht air a bheil sinn a labhairt a cheud sgeul a thug i, agus air gach eachdraidh agus sgeul ta ann bha còlas mòr aice mun robh i comasach air a leughadh. 'S minic a chanadh a' màthair rithe, 's i na suidhe dlù 'mach air an làr, agus is' ag iarraidh sgeul eile innse dhi as a Bhiobull. " Dean foighidinn fheudail, agus leughaidh tu sin an ùine ghearr air do shon fein." Rinn i sin ni bu tràithe na aon neach eile air an euala sinne iomradh. Mar f' huair i comas air a Bhiobull a leughadh, chinn i togarrach déigheil uime. Ghiùlaineadh i e 'na h-uchd gu ceann grianach an tighe, agus an sin air suidheagan beag a rinn a h-athair dhi, chuireadh i seachad mòran ùine a' faotainn eòlais air na duilleagaibh prisail.

Bha a buaidhean àrd, 's a beusan comharrachte a' fosgladh a mach o là gu là, gu mòr ni bu

luithe agus ni bu tràthaire na thug a h-athair agus a màthair fainear, Dh' fhosgail a h-inntinn gun f'hiös do'n t-saoghal, ceart mar chìtear seachduin de dh' aimsir bhlàth, de làithean grianach an tùs an Earraich, a' còmhdaichadh nam bruach le sòblraighean buidhe agus neònaínean àillidh, mun gann a bha dùil againn gu'n do thog a h-aon diubh an ceann. Mar so thachair dhise. Cha b' ann gun iongantas, mata a f'huair iad an leanabh so aon f'heasgar air a glùinibh ri ùrnuigh am fasgadh na craige sin, far an tric a shuidh iad fein bliadhna na dhà roimhe sin a' leughadh a Bhiobuill, agus a' guidhe air a son, agus ise an sin 'na naoidhein maothi air a chìch.

Chinn i suas gach là ann an gliocas—sa ghliocas sin a bha cumail saoghal eile do ghnàth na beachd. Dhùisg i gach maduinn le smuaintean ùra, agus le conaltradh ùr, mar gu'm biodh aingil o néamh maille rithe ann an aisling na h-oidhche. Le cloinn a ghlinne bha i subhach ait, a' siubhal leo air feadh nam bruach, 's a' measg nan Gleann ; ach an uair a chluinnit iadsan ri sùgradh àrd, agus àbhachd chridheil, cha'n f'haicte ach fiamh de ghàire tlàth, a' falbh 'sa tighinn air a gnùis chiùin. " Gu'm beannaich an Tighearn" ars' am fear-turuis, 's e 'gabhair an rathaid, " na páisdean laoghach sin, nach iad a tha cridheil ; ach co ise' a deir e, " tha 'n sud nam measg, ag amharc air a bhlàth ùir ud 'na làimh ? Nach smuainteachail tùrsach an gáir' a tha air a gnùis—an Tighearn a bhi leis an leanabh chaomh ! "

Piuthar no bràthair cha robh aice ; agus gu tric b' eiginn d'a h-athair agus d'a màthair a bhi chòmhnuidh 'am bràigh a ghlinne fada o thigheadas eile, ga fàgail 'na

h-aonar, seadh air uairibh o mhochthra gu h-anmoch. Ach cha robh fadal no airsneul oirre anns an t-sàmhclair uaignich sin, ni's mò na bha air an riabhaig ann an dubhar na fàs-choille. Cha robh i gun chairdean, oir bha bàigh eadar i a's blàithean ùr nam bruach, agus na h-eoin bheaga bha scinn air gach preas. Chinn na h-eoin bheaga èdlach uimpe. Cha robh fiamb air a h-aon diubh roimpe. Cha chuireadh am bricein-beithe stad air a chairéal mhilis, ged a thigeadh i dlù dha; agus ge h-uasal fiambahach an uiseag, cha 'n fhàgadh i a nead ged a thigeadh am páisde caomh so r'a taobh: agus cha b' iongantach sin, oir cha d' fheuch i riabh ri a làimh a chur orra, no beud a dheanamh air a h-aon diubh. Cha robh lus no blàth, no duilleach, no luibh air nach d' fheuch i èolas fhaotainn. Bha lusragan aosda mar astar mìle do thigh a h-athar agus uaithe-san fhuaire i mòran èdlais, agus tog-radh gus am barrachd fhaotainn. Shiùbhladh i mar so air feadh nam bruach, a' meòrachadh air gliocas agus maitheas neo-chrioch-nach an Ti sin a thug do gach lus agus blàth an àilleachd agus am buaidh. Bheachdaich i le mòran iongantais air dìchioll, agus saothair an t-seillein ruaidh, a' siubhal o bhlàth gu blàth, a deoghal na meala, agus 'ga giùlan dachaidh ga chòineig dhionnaich fein. Nach 'eil so a' deir ise, a' foghlum gliocais dhomhsa? Nach inntinneach crònán an t-seillein a's e ri obair—Cha bhi mise ni's faide diomhanach. Chruinnicheadh i faill-einean òg an t-seilich, an luachair uaine, agus a chuilc mhaoth, agus shuidheadh i aig taobh an t-sruthain a' figheadh nan cliabhan beaga bòidheach a tha co prìseil le

uaislean a chumail blàithean òg an t-samhraidh: Dh' f hoghlum i iad so a dheanamh gu h-innealta: agus air tàille na h-oibre so bha a chaileag chaomh so air a còmh-dachadh mun gann a bha i deich bliadh'n a dh' aois. Ach 's ann ann an leughadh a bha a tlachd mòr; ge b'e àite san suidheadh i bha'm Biobull 'na cuideachd. 'S minic a shaoil a màthair gu'n robh i a' milleadh a slàinte, leis na bha i cosg d'a h-ùine ri leughadh. Smuainicheadh i air uairibh gu'm bu chòir dhi am Biobull a għlasadh seachad, agus gun a thoirt dhi ach air àmannan sònruichte; ach bha uamhas oirre so a dheanamh. Dh' amhairc a màthair air an abuchadh thràth so; 's air an diadhacbd inhòr air an d' ràinig an leanabh beannaichte mar chomharradh air giorrad saoghail. Chanadh i gu tric 'na cridhe féin "cha 'n 'eil agam ach iasad latha dhi—cha 'n f hada gus an gairmear dhachaidh i." Cha 'n iarradh an leanabh so uaigneas a għlinne f-hàgħail air àm air bith; be'n sòlas a b' àirde bħlais i suidhe le li-athair agus le 'màthair taobh an t-sruthain a chomħnaltradħ mu għrás an Ti sin a bha na naoidhean ann am Bctlehem: esan d' an tug i a cridhe òg maoth. B'e Iosa an tainm a b' annsa leatha na gach ainm, agus gu tric mar chromadħ a màthair os cionn na leapa aice, a' għabbail cead na h-oidħċeħ dhi 's ise 'na suain, chluinneadh i an t-ainm āġħmhorāig éiridh uaipe gu h-ċosal fann, ann an aisling na h-oidħċeħ.

Bha sòlas mòr oirre air latha na Sàbaid. Bha gràdh athar aig a mhinisteir oirre. Theagħamh nach robh a h-aon 'sa choimħthional a għiūlain air falbh barrachd de na thug e seachad;—agus gu cintteach cha robh 'nam measg a h-

aon a shéinn le guth co milis agus co binn cliù an Uain. Bha gràdh aig gach neach oirre. Chuir a giùlan stòlda, a coslas neo-chionta, a diadhachd mhòr, a seanachas àrd, iongantas air gach aon a chuir eòlas oirre. Cha robh dorus a ruigeadh i nach fosgladh dhi le càirdeas, agus anns nach faigheadh i fàilte chur oirre le furan; agus mar philleadh i dhachaidh chanadh daoine aosda le osna—cha'n 'eil an leanabh beannaichte ud fad' air son an t-saoghail-sa! Thàlaidh i a co'-aoisean fein g'a h-ionnsuidh le báigh nhòr. Bha cumhachd aice thairis orra bha iongantach: dh' fhalbhadh i leò làimh air làimh air feadh nam bruach a' labhairt mu àilleachd an t-saoghail agus mu mhaiteas an Ti a chruthaich e: oir ann am beachd an leinibh naoimh so bha Dia a làthair anns gach ni, agus anns gach àite. Shileadh achlann bheaga na deòir le a seanachas àrd, agus tha e air a ràdh gu'n do dhùisg sealladh a sùl agus focail a beòil, suim agus cùram ann an cridhe na h-aoise.

Thaínig an Samhradh bu ghrian-aiche chunnacas riabh 'sa ghleann sin mu'n cuairt, agus f'huaire e ise dà-bhiliadh'n-deug a dh' aois—ach bha i 'seargadh as: an t-aodan a bha do ghnàth geal, chinn e ni bu ghile—an guth a bha do ghnàth tùrsach, chinn e ni bu tùrsache. Dh' amhairc an lighiche, 's tharruing e osna throm. Thuig a màthair mar bha. Chunnaic a h-athair an caochladh mòr a bha gach latha toirt'na chuairt, agus thionndaidh e air falbh a shùil. Bha 'm bàs a' teachd; ach cha robh feum 'innse dhi: thuig i fein gu dé bha cur oirre. Fhuair i sanas, ach cha b'ann le caraid saoghalta. Cha do labhair i ni bu trice mu 'n bhàs na b-àbhaist dhi, agus idir

cha do labhair i focal m'a bàs fein. Cha robh atharrachadh oirre, ach gu'n robh i ni bu ghràdh-aiche m'a h-athair's a màthair na bha i riamh; chrochadh i umpa o mhoch gu anmoch le anabharra gaoil. C' arson, deir i, tha sibh co tùrsach mhuladach? Na bitibh a' caoidh air mo shonsa. Mhothach iad i uair a's uair a' goid air fàlbh mar gu'm b' ann gun fhius do'n chill. Shuidheadh i air na huaigneach gorma—agus philleadh i dhachaidh agus a sùilean mar gu'm biodh i a' sile nan deur. Chinn i gach latha ni bu laige;—cha b' urra dhi coiseachd a mach gun chuideachadh; air feasgar sàbaid mu mheadhon an t-samhradh, chuidich a h-athair agus a mathair leatha dol a mach gu seòrsa do sgàil-thigh beag a thog iad dhi ceann an tighe, anns am b' àbhaist leatha sudhe a leughadh. Bha aghaidh nan speur aillidh, ciùin, bha na h-eòin a' seinn gu milis, tiambaidh 'sa choill. Ach so cha robh fonn no farum—bha sìth a's suaimhneas na sàbaid air an t-saoghal. Dh' amhairceadh i suas air na speuran àrd a's àille dreach—agus an sin air a h-athair's a màthair: bha na deoir a' tuiteam gu frasach. Cha b' urrainn dhi cumail oirre ni b' fhaide; leig i leò tuiteam—phaisg i a dà làimh—leig i a taic air a mathair—agus le dùracdh naomh agus dealas àrd, dh'aithris i 'n laoidh sin,

" Thauiig an uair; 's tha mis' a' triall,  
Chuala mi'n guth ta m'ghairm gu Dia;  
Sgureadh 'm uil' àmhghar nis, a Righ,  
'S ceadaich do t-òglach triall an sìth."

Thuit i thairis -- ghiùlain iad i thun a leapa—agus aon f'focal cha do labhair iad gus an d' thainig i as an laigse so. Thuig iad a nis gu'n robh làmh a bhàis oirre.

Dh' fhosgail i a sùilean gorma agus bha iad car tamuill ni bu ghuirme's ni bu shoilleire's ni bù bhòidhche na bha iad riagh: ach a bathais, a gruaidh, a bilean, a muineal agus a h-uchd, bha iad co geal, bha iad co fuar, ri sneachda nam beann.

Cha do labhair i ach beagan na dhéigh sin, agus am beagan sin fein bha e duilich éisdeachd. Mu thràth an fheasgair thog i a làmh 's chaidh a màthair ni bu dlùithe. 'Bheil a blieag a dhì ort 'f heudail 'sa ghràidh, ars'a màthair? Cha'n 'eil ars' ise, ann an cainnt bhriste, tha mi 'triall chum mo Dhe—na bithibh ri bròn—c'ait' a bheil m' athair? Dh'iarr i cead a ghabhail dhiubh 's na dhéigh sin cha d' fheuch i focal tuille a labhairt. Chrom a màthair os a cionn —shaoil leatha gu'n cual' i osna f'hann—phòg i a bilean fuar—agus thionndaidh i air falbh a sùil. Sheas a h-athair taobh eile na leapa—dh' fheuch e'n robh 'hanail a' teachd. Bha seòrsa de cheò tana nis air a sùilibh. Dh' amhairc an t-athair agus a mhàthair air a chéile, ach cha do labhair iad focal. Bha'n gàire ciùin fath-asd air a gnùis. Mheall so iad: ach thuit an oidhche — thainig sàmhchair fhada throm air an t-seòmar—agus fa-dheireadh thuig an t-athair agus a mhàthair gu'n do chaochail an *Leanabh beannaichte*.

B'ann air latha na sàbaid a chuir iad corp an leinibh so fo'n fhòid. Bha'n sgìreachd 's an Eaglais air an latha sin, ged bha ionadh aon nach robh comasach air an guth a thogail an àm seinn nan Salm. Cha robh 'n uaigh bheag fada 'ga deanamh no fada 'ga dùnadh— Chaidh gach aon a stigh a ris do 'n Eaglais—rinn an ministeir ùrn-uigh—tuille cha robh 'na chomhas,

cir bha gaol mòr aig' air an leanabh so. Bha h-athair agus a màthair 's an Eaglais, ach cha robh do mhisнич aig duine sùil a thionndadh air an àite 's an robh iad 'nan suidhe. Sheinneadh an viii. laoidh, 1 rann.

" O dhuine th'air do bbreith le mnaol  
- Cia tearc is truagh do làith' !  
O'n duslach thainig thu, a's théid  
Gu d' dhuslach fein gun dàil.

Sgaoil an coimhthional. Tamull beag 'na dhéigh sin thainig am ministeir agus a chàraid so a mach as an Eaglais—dhealaich esan riutha, agus phill iadsan gu bràigh a għlinne, a's mìle guidhe dùrachdach a'dol suas as an leth.

Agus a nis an tug bròn agus eridhe briste an t-athair agus a mhàthair so gu grad chum na huaigne? Na shearg iad as a diùltadh comhfhurtachd agus a' monbhur an aghaidh Dhe? Cha'n ann mar so a bha—si a chainnt a chleachd iad,

" 'Se Dia bheir dhuinn gach comh-fhurtachd,  
No ghearras iad air falbh;  
Ma thug e leis, 'se fein thug uaith:  
Beannaicht' gach uair biodh 'ainm !"

So a cheud fhocal a labhair iad taobh na leapa nuair a thilg i'n deò—so a chainnt a chleachd iad moch a 's anmoch, ionad agus ionad bliadhna na dhéigh sin, air an glùinibh le chéile, agus cha b' ann an sin amhàin, ach nuair shiùbbhladh esan am monadh 'na aonar, agus ise 'na h-aonar 'na bothan b'i so an cainnt. Bha iad ionadh bliadhna sona le chéile, toirt cliù do Dhia air son an dà-bliliadhna-dheug a fhuair iad uaithé de 'n *Leanabh Bheannaichte*.

Cumha do nighean Thighearna Chola, Baintighearna dhiadhaidh a chaochail ann an Lunnainn 1830.

*Séisd, Iorram na truaighe.*

Och ! 's mis' tha fuidh airsneul,  
Tha m'inntinn 'cur thairis le bròn;  
Ainnir uasal na h-àilleachd,  
De'n fhuil Leathanaich àghmhor, cha  
bhèò !  
'Se so 'mheudaich mo thùrsa  
Nach d' fhuair do luchd-dùthcha g'ad  
chòir,  
Ach gun Athair, gun Bhràthair,  
Ann an Lunnainn 'gad chàramh fo'n  
fhòd !

'S iomadh buaidh bh'ort r'a innse,  
'Sa chaidh cheana chur sios ann an dàn,  
Bha thu àluinn a'm pearsa,  
Bha thu iriosal, macant' thar chàch ;  
Meur de'n chraoibh thu a thuinich  
Ann an caisteal ud Dhuairt nan sàr ;  
B'e so geomhradh na dunach,  
Chrion do f hreumh, 's fhrois do dhuill-  
each gu làr !

'S mò 's buan leinn do chodal,  
'Sfad'an oidhche gun mhaduinn'na déigh!

Cha rulg ceòl ort no alghear,  
'S an tìgh chaol tha thu tathaich leat  
fèin ;

Dh' f halbh do chàileachd, 's do chlaisd-  
eachd,

Dh' f halbh do léirsinn, do mhaise 's gu  
léir,

'S tu, gun déigh air bhi fuasgailt',  
Ann am prìosan dubh fuaraidh an éig !

Och ! nach deach' do thoirt dhachaidh  
O mheasg nigheana Shasuinn 'san uair ;  
'S do chàramh le mòrachd,  
Ann an cois na traigh-mòir' mar bu dual;  
Fuidh dhìdein bhallacha àrda,  
Far am bheil do chaomh-mhàthair 'na  
suain,

'S far am feudadh do chàirdean  
Dol gach feasgar'chuir fàilte air t-uaigh !

Ach, nach suarrach mo ghearan' !  
Bhur dà uaigh a bhi sgairete an dràs ?  
Thig an uair anns an éirich  
An ùir sin gu h-éibhneach o'n bhàs:  
Tha 'ur n'anamanna àrda  
Le chéil' ann am pàras an àigh,  
Ann an cairdeas tha maireann  
Ann an dùthaich an aigheir'sa ghràidh !

MACTALLA.

Eilean Chola, 1831.

A CHAILEAG BHOIDHEACH.

Am faca sibh an cailin rinn mo bhuaireadh ?

Dh'innssinn duibh a dreach 's a cleachd'an suairece.

Ciabhan co dubh 's am fitheach, lùbach, dualach,

Gach fuitlein gu mìn, bachlach, 's ear mu'n cuairt ann ;

Gruaidhean co dearg ri caorrann air craoibh fasaich,

Fo shùil a leòn na mìltean, mìogach, nàrach ;

Deud geal dìonach 's a bheul shiobhalt' o'n d-thig òran,

A dhùisgeadh 's an aosda braise 's sgairt na h-òige :

B' f hearr leam bhi t-éisdeachd aig eadradh na feed smeòraich,

Nuar għluaiseas i 'ribheid f-heasgair, beadrach, ceòlmhor

Seang-chorp fallain aig an ainnir mar ghath gréine,

Ciochan liontach air uchd soluis corrach ceutach,

Silos co geal ri sgiath na h-eala air loch feurach,  
 No mar f'hras de shneachda maidne air bachd géige ;  
 Cas is lùthair' theid 's na caraibh, anns an t-seòmar,  
 Gu h-ùrlarach, dànnsach, ealaunh a measg òigrìdh ;  
 Troidh chruinn am bròig dhònach shocair nach lot feòirnein,  
 Co eutrom ri ceò nan glac am maduinn reòta.  
 Cha d-theid do'n chlachan di-dònaich òigh bheir bàrr ort,  
 Gu siodach, ribeineach, cleòcach, òrach, fainneach ;  
 'S beag de spòrs no dh'uail, no ghòraich ghabhas tàmh leat :  
 Gu fiugbantach, suilbheara, seòlta, stòlda, càirdeil.  
 Agad tha beannachd an truaghain 's an diol-déirce ;  
 Gu blàth-chridbeach, caoimhneil, suairce, cruaas cha spéis leat ;  
 Gu h-iriosal, fialaidh, geanail ri luchd cùilidh :  
 'S beag an t-ioghnadh ioma leannan a bhi'n déigh ort.

A. B.

---

### NAIDHEACHDAN.

Cha 'n 'eil naidheachd eil' am beul duine ach an *Reform* mòr so tha chuid a's mó de'n t-sluagh co déigheil air f'haotainn. Cha'n'eil an gnothach socruichte f'hathasd. Cha choinnich cuideachd a nis anns an labhrar focal mu ni air bith eile—cuid air a shon, agus cuid 'na aghaidh. Cha'n 'eil am bonnach beag bruich f'hathasd ; agus b'e tod nam ban mu'n sgarbh 's an sgarbh a muigh air an loch, a bbi connsachadh mu'n chùis.

'Nuair bhios e air a shocruchadh leis a Pharlamaid, oidhircipidh sìrn cunnas a thoirt m'a dhéighinn d'ar luchd-dùthcha, a thuigeas iad.

Tha cogadh fuitteach air Tìrmòr na h-Eòrpa air an àm ; agus tha a chòmhstòri a'sgaoileadh--Gu'n d' thugadh am Freasdal caomh dhuinn nach fiosraich sinn ni's mo dhi na'n fhuaim tha 'g ar ruigheachd anns na Pàipeirean-Naidheachd.

---

### FOCAL SAN DEALACHADH.

'S ann le mòr dhuilichinn a tha sinn a 'eluinnntinn o gach àite nach "eil an Teachdaire air a liubhairt gu riaghailteach, no a ruigheachd na dùthcha'nuair bu choir dha. Cha'n ann, gu deimhin, agaинне tha choire ; ach ma leanar air a sgriobhadh an déigh na Bealltuinn is faigse, gabhaidh sinn d' igh ùr air, agus feuchaidh sinn ar lahta a chumail ni's fearr na rinneadh f'hathasd.

Tha iomad litir againn o'r càirdibh lionmhòr : ach gus an urrainn duinn a ràdh co dhiubh a sheasas an Teachdaire no nach seas, an déigh na Bealltuinn, cha'n'eil e 'n ar comas fios freagradh pòngail a thoirt dhoibh. An ceann mòis bitidh fios againn ; agus 'na dhéigh sin, cha tig litir d'ar n-ionnsuidh o neach air bith nach aidiceh sinn, agus air nach d'hoir sinn ar barail.

Air an àm, Taing do'n Abarach—do A. B. R.—an Leth-Ghael—am Balbhan—au t-Eileanach, agus an Ridire mòr.

#### MEARACHDAN A CHIO-BHUALAIDH.

Tuobh-duilleig	256,	sreach o rochdar an dara leth 10,	arson tr' leugh trì
~~~	256,	~~~	21, ~~~ c'he ~~~ ciche~

AN

## TEACHDAIRE GAELACH.

MIOS A CHEITEIN,

NO MIOS DEIREANNACH AN EARRAICH.

XXIV. AIREAMH. 1831.

### II. AN DARA EARRANN DE'N FHAISNEACHD MU THIMCHIOLL NAN IUDHACH.

*Buailidh an Tighearn thu le cuthach, agus le doille, agus le h-uamhann cridhe. Smeuraichidh tu mu mheadhon-là, mar smeuraicheas an dall san dorchadas, agus cha soirbhich leat a'd shlighibh. Tha'n talamh uile 'na phronnusg, agus 'na shalann, agus 'na losgadh, nach 'eil air a chur no toirt toraidh uaithe—Their eadhon na h-uile chinnich, C'ar son a bhuin an Tighearna mar so ris an fhearann so? Ciod is ciall do theas na corruiche mòire so?—Deut. xxviii. 28; xxix. 23, 24.*

DH'FHEUCH sinn anns an àireamhl fa dheireadh mar choimhlionadh cui'd de'n fhàsneachd a rinneadh le faidhbih an Tighearna mu thimchioll nan Iudhach. Chunnaic sinn mar tha iad nan sluagh air ain fògradh as an dùthaich fein, agus nach d' fhuair iad leud bonn an coise do thir m' am feud iad a ràdh, 'Si so ar tìr fein. Chunnaic sinn a gheur-leanmuinn a rinn-eadh orra anns gach linn agus anns gach tìr; ionnas gun robh iad mar chomharadh agus mar iongantas aig uile rioghachdan an t-saoghal. Air an dòigh so m'hair an sluagh so ochd-ceud-deug bliadhna nan dearbhadh mhior-bhuiltich air firinn sheasmhaich focal an Tighearna, agus tha iad an diugh fein ma choinneamh ar sùl ceart mar dh'innis fàidhean an Tighearn o chionn tri mìle bliadhna a bhitheadh iad.

VOL. II.

Chaidh a roimh-innseadh gu'n cuireadh na h-Iudhaich cùl ris an t-soisgeul. Nach faiceadh iad sgèimh no grinneas ann an Criod, no maise sam bith gu 'm miann-aicheadh iad e; gu 'm biodh e air a chur air chùl leo, agus trid cruas an cridhe nach creideadh iad ann. Nach robb so gu firinneach air a choimhlionadh? Acasan tha an Sean Tiomadh leis gach fàisneachd shoilleir mu thimchioll a Mhesias, ach tha 'n sùilean air an druideadh, agus cha leur dhoibh esan air a bheil Maois agus na fàidhean a' labhairt. Am feadh a tha na fàisneachdan sin anns gach linn ag iompachadh nam miltean do gach sluagh eile cha 'n 'eil iad a' deanamh drùghadh sam bith air na h-Iudhaich; 's iadsan a mhàin an t-aon sluagh nach 'eil a gabhail suim dhiubh: Mar so a' coimhlionadh na fàis-

neachd, *Gum biodh an cridheachan air an cruadhachadh, agus an sùilean air an dalladh.*

Ach cha'n e mhàin gu bheil againn anns na leabhraichibh naomh, mion chunntas mu shluagh Iudea, ach mar an ceudna air an tir anns an robh an còmhnuidh. Seadh, eadhon an uair a bha am bailtean mòra làn sluaigh, agus ann an àird'an soirbheachaidh, an uair a bha'n tir a' cur thairis le pailteas, agus na muilleinean sluaigh 'ga h-àiteachadh, roi-innseadh leis na fàidhean an lomsgrios eagallach a bha ri teachd orra. Tha tir nan Iudhach co math ris na h-Iudhaich iad fein a' togail fianuis air firinn focail Dhe. Tha'n tir sin uile air an àm so mar dh' innseadli o chionn trì mile bliadh'n a bhithheadh i; agus cha'n eil dà dhùthaich air an t-saoghal is ea-coltaiche ri chéile na i mar bha i ri linn nam fàidhean, agus mar tha i air an àm so: air chor 's nach b' urrainn gliocas neach air bith a roimh-fhaicinn mar foillsicheadh Dia le a spiorad, mar bhiodh a chùis, Ach's moch a thuirt am fàidh, *Theid mis a mach 'nar n-aghaidh-sa, agus ni mi peanas oirbh seachd uairean fathast airson 'ur peacanna: agus cuiridh mi 'ur bailtean fàs, agus bheir mi lom sgriob air bhur n-ionada naomha, agus cha ghabh mi fàile 'ur boltraich chùbhraidh. Agus cuiridh mi fàs e; cha sgathar e, agus cha ruamhairear e ach fàsaidh an dris agus an droighinn ann; agus bheir mi àithne do na neulaibh nach fras iad uisge air, bitidh fàsalachd mhòr ann am meadhon na tire.*

Tha na Scriobtuir làn de chainnt mar so; tha iad co lionmhor 's nach urrainn duinn an aithris; agus iad uile a' cur an cèill duinn na fàsalachd agus na truaighe a bha

ri teachd air an tìr sin. Agus tha'n fhàisneachd cheudn' ag innseadh dhuinn gu'm buanaich an tìr anns a chor bhochd sin, am seadh a bhitheas an sluagh nam fògarrach, agus gus an tig an t-àm a tha mar an ceudna air a ghealladh, 'nuair a bhithheas iad a ris air an toirt air an ais do thìr an aithrichibh. Tha ar Slànuighear beannachte fein ag ràdh. *Luc. xxi. 24. Bithidh Ierusalem air a saltairt sìos fo na Cinnich, gus an coimhionar aimsire nan Cinneach.*

O chionn bheagan bhlàdhnaich-ean chaidh mòran de luchd-turuis o'r dùthaich fein a dh'fhaicinn na tire so, agus tha iad gu leir a' co-aontachadh sa chunntas a tha iad a' toirt seachad, nach 'eil tìr air an t-saoghal is toraiche agus is tarbhaiche na i na'm bitheadh i air a h-àiteachadh; gu bheil an t-sìd no an aimsir co chiùin thaitneach 'sa bha i riamh; agus na h-uile cothrom agus beannachadh is urrainn dùthaich a shealbhachadh thaobh naduir aice, gidheadh gu bheil i a' cur thairis le dris agus droighinn, le fòghnain agus le luibhean gun fheum, agus nach eil ach bochdainn agus fàsalachd o thaobh gu taobh. Tha a bailtean mòr a bha co ainmeil agus co cumhachdach air an sgrios co tur's gu bheil e doirbh eadhon an làraichean briste flàotainn, agus duilich a ràdh e' àit an robh iad. Is gann gu bheil cloch air muin cloiche aig a h-aon diubh. Thainig am mallachadh so, cha'n e mhàin, air an daoinibh, air am bailtibh mòra, ach mar an ceudna air am machraicibh agus air am beanntaibh àrda. Cha'n fhaicear cur no buain, cha'n faicear treud no buar, ach Iudea mar bhantraich bhochd gu h-aonarach a' caoidh; oir tha na coigrich'ga saltairt gu h-an-iochd-mhor. De na h-uile dùthaich a

chunnaic mi riamh, arsa *Volney* 'si Iudea an tìr is tarbhaiche gidheadh is fàsailé; cha'n-eil meas nach fàs innte, 's gidheadh cha'n-eil meas is fiach air 'àrach innte. Cha'n-eil e tearuinte do luchdturuisimeachd tre'n tìr, oir tha i làn de lùchd-foirneart, agus de reubainn. Cha'n-eil ròidean mòr ann, no uiread agus aon charbad no cairt san tìr. Ma tha gnothach aig duine dol o bhaile gu baile, feumaidh e fuireach gus an cruinnich cuideachd a dh'imich-eas leis 'na thurus. Cha'n-eil tighean òsd ann anns am faighear biadh no deoch. 'S eiginn do'n fhear thuruis a bhiadh agus gach goireas gu dleasachadh a thoirt leis; agus mu anamoch 'nuair a thig e chum àite anns an gabh e gu tàmh, cha'n-eil aige ri fhaotainn ach seòrsa de làraich fhosgailte far an gann is urrainn da a thaoblh a shìneadh le co liutha biasd nimhe a tha mu thimchioll. Is leòir so a leigeadh ris duinn an staid thruagh anns a bheil tìr Iudea. Thainig mallachd an Tighearn orra, o bhris iad an comh-cheangal naomh; thainig an guidheachan fein orra, mu thimchioll an t-Slanuighir, "Fhuil gun robh oirnne agus air ar cloinn."

Ach cha'n fheud sinn crioch a chur air an eachdraidh so gun aire ghabhail de na h-carrannaibh lionmhòr sin san sgriobtur far a bheil e air'ainmeachadh gu'm bi na h-Iudhaich air an tabhairt fathast dachaidh do thìr Iudea. Cha'n ainmich sinn ach earrann no dha, a tha 'ga chur so an céill. Deut. xxx. 3, 4, 5. "An sin bheir an Tighearna do Dhia air ais do blraigheanas, agus ni e iochd riut, agus pillidh e agus cruinnichidh e thu as na h-uile chinnich chum an do sgap an

Tighearna do Dhia thu. Ma dh' fhògradh neach agad gus a chuid a's ionallaiche do néamh, as a sin cruinnichidh an Tighearna do Dhia thu, agus as a sin bheir e thu: agus bheir an Tighearna do Dhia thu do'n fhearann a shealbháich t-aithriche, agus sealbháichidh tu e; agus ni e maith dhuit, agus bheir e ort fàs lionmhòr os ceann t-aithriche," Amos, ix. 14, 15. "Agus bheir mise air a h-aís a rìs bruid mo shluagh, Israel; agus togaidh iad na bailtean fasa, agus ni iad an àiteachadh; agus suidhichidh iad fion-liosan, agus òlaidh iad am fion; ni iad fòs liosan agus ithidh iad an toradh. Agus suidhichidh mise iad 'nam fearann, agus cha bhi lad ni's mò air an spònadh a nìos as an fhearann a thug mise dhoibh, deir an Tighearna do Dhia-sa." Tha na h-earranna sin, agus iomad aon eile de'n t-seorsa a' leige ris duinn co soilleir is a's urrainn cainnt a dheanamh gu'm bi na h-Iudhaich fhathast ann an Iudea, agus gu'm bi iad gu diongmhalt' air an suidheachadh innte. Tha na h-atharraichean mòr a tha dol air an adhart air an ám feadh an t-saoghal, a' toirt iomad cionfàth dhuinn gu shaoilsinn gu bheil àm coimh-lionadh na fàisneachd so a' tarruing dlù. Tha 'm fiughair fein air an àm ro àrd; agus an déigh bhi nam fògaraich ré ochd-ceud-deug bliadhna, tha sùil aca ri àm an saorsa, an t-àm anns an teich iad mar sgaoth cholaman chum an ionadaibh tàmha. Cha dearmad Dia a ghealladh dhoibh, agus cha di-chuimhnich e an cùmhnannt a rinn e riu, Isa. xlix. 16, 17. "Feuch air dearnaibh mo làmh ghearr mi thu; tha do bhallachan a'm'fhanuis an còmhnuaidh. Ni do chlann deifir; siùbhlaidh

iadsan a mach asad, a bha'gad sgrios, agus 'g ad chur fàs. Tog suas do shùilean, agus faic; tha iad so uile air an cruinneachadh ri chéile, tha iad a'teachd a' d'ionnsuidh. Mar is beò mise, deir an Tighearna, sgeadaichidh tu thu fein leo uile, mar le culaidh rìomhaich; agus ceanglaidh tu iad umad, mar ni bean-bainnse a seudan." C' uin a thòisicheas so ri bhi air a choimhlionadh, cha bhuin e dhuinn a ràdh; ach tha sinn làn chinnteach mar choimhlionadh gach fàidheadaireachd eile m'an timchioll, gu'n coimhlionar so mar an ceudna; oir labhradh e leis an Ti sin *leis a bheil là mar mhìle bliadhna, agus mile bliadhna mar aon là.*

T. M'L.

'san Fhraing, seachd-fichead mile dhiubh am *Prussia*, agus eadar *Russia*, agus *Poland* tha dlù do thri-cheud mile.

---

### *Riaghailtean chum là an Tighearn a naomhachadh,*

Smuaintichibh gu h-iomchuidh air di-sathuirne gach ni chuir ann an deagh riaghailt, chum nach cuir nithe neo-fheumail dragh oirbh air an t-Sàbaid. Smaointich gu cùramach, "Ciod an gnothach cudthromach a th' agad mu làimh! Cha'n'eil ann an gnothaichibh saoghalta ach faoin-eachd 'an coimeas ris a so. Ciod iad bùithean, loingeas, no gabhailicean, an coimeas ri Criod, ri gràs, no ri neamh? Am feud mi bhi tuille's dùrachdach ann an obair Dhe, m' anama, agus siorruidheachd? Nach bu naomha bu chòir do m'smuaintibh, do m'thograigheibh agus do m'rùin a bhi air là an Tighearna?"

2. Dean deas fa chomhair an latha naomha so—le d' chridhe agus le d' chaithe-beatha a rannsachadh. Thoir fainear ciod na peacaidh a tha agad ri aideachadhl ri bhi brònach air an son, agus ri guidhe nan aghaidh; ciod na sochairean a tha dhì ort fein no air daoin' eile a thaobh anama no cuirp; ciod na sochairean a fhuaradh; agus ciod am buidheachas a tha dligheach air an son? Smuaintich riut fein, Ciod am maith a fhuaire mi o aon Sàbaid a chaidh seachad agus gu h-àraidh o'n dòmhnaich fa dheire? An robh mo chridhe an sin dubhach arson peacaidh, no ann an teas-ghràdh do Dhia? An do làn chreid mi, agus an d' thug mi làn ùmhlachd thairis do na firinnibh a dh'fhoghlum mi 'san àm sin? Guidh gur h-e'n t-Sàbaid is faigse

### AIREAMH NAN IUDHACH.

Is cinnteach sinn nach miste le'r luchd leughaidh fios fhaotainn air lionmhoireachd nan Iudhach.	
Rannsaich sinn na h-eachdruidhean is deireannaiche agus as am mòd a dh'fheudas sinn earbsa m'an chùis so; agus f'huair sinn a mach gur i barail dhaoine geur-chuis-each, gu bheil ann an Asia da-cheud-deug mile, . . . 1200,000	
Ann an Africa ochd-ceud-mile, . . . . .	800,000
San Roinn Eorpa dà cheud thar f' hichead mile, . . . . .	2200,000
Ann an America Seachd mile, . . . . .	7000
<hr/>	
4207,000	

'Se barail cuid de dhaoine gu gu bheil iad mu-chuig-ceud-mile os ceann so; ach leis mar tha iad air an sgapadh co mòr air feadh an t-saoghail tha e doirbh am fior chunntas fhaotainn a mach. De'n àireamh so tha fishead mile ann am Breatunn; trì fishead mile

is fearr a choimhead thu riamh ; gu'm bi do chridhe ni 's ir-  
iosaille, ni 's maoithe, agus ni's  
nèamhuidh ; gu'm faigh Dia am  
barrachd glòire, agus thus' an  
tuille de bhuannachd spioradail ;  
agus gu'm bi an là so 'na earlais  
dhuítse air Sàbaid bhith-bhuan a  
ghleidheadh maille ri Dia ann an  
glòir. Gu h-àraidh asluich, " O  
Dhe nan gràs, deasaich focal iom-  
chuidh do m' anam ? Gu'n robh  
am ministeur air a shéoladh chum  
do theachdaireachd a liuthairt a  
réir do thoil ! thig a stigh do d'  
theampull, agus beannuich t' òrd-  
uighean le d'làthaireachd ! Deòn-  
aich dhomh, O Thighearna, am  
focal 'eisdeachd agus a thuiginn  
le creidiún ! O na mealladh mo  
chridhe mi ; agus cum mi o bhi  
air mo bhuaireadh leis an t-saoghal,  
no leis an droch-spiorad ! "

3. Co luath 'sa dhùisgeas tu  
air maduinn an latha naomh so,  
stiùr do chridhe agus do shùil  
ri neamh, Thoir buidbeachas do  
Dhia arson gu bheil thu faicinn  
solus Sàbaid eile ann am fearann  
nam beo, leis am feud d' anam  
gràs a shealbhachadh, 's a bhi air  
a dheanamh iomchuidh arson  
glòir. Gairm air Dia, gu'n lug-  
adh e dhuit co neo-dheas 'sa tha  
thu, gu'n gabhadh e ri d'sheirbheis  
neo-iomlan, agus do dheanamh  
saibhir le'għrasaibh agus le 'cho-  
fhurtachd.

4. Cnuasach gu dùrachdach,  
gus am maothaich do chridhe le  
thoirt fainear, aon chuid—mòral-  
achd Dhe; no gràinealachd a pheac-  
aidh, no air ro òirdheirceas Chriosd,  
agus air meud a għräidh ;—no air  
diomhanas an t-saogħaj ;—no air  
luach t-anama neo-bħàsmhoir ;—  
no, air boile agus seòltachd do  
naimhde spioradail ;—no, air meall-  
taireachd do chridhe fein ;—no,

air cràdh ifrinn ; no air aoibhneis  
nèimhe.

5. Gu cùramach coguseach,  
coillion t-aoradh teagħlaich co  
maith sa ni thu ann ad sheòmar  
uaigneach. Seall nach bi do  
sheirbhisich agus do chlann a'  
struidheadh na maidne ann an  
lùnnadireachd. Thoir orra aon-  
tachadh leat ann an leughadh, an  
seinn, agus ann an ùrnuigh. Innis  
doibh m'an deagh Mhaighstir  
da bheil thu toirt seirbhís, na soch-  
airean a shruthas o'n t-seirbhís sin,  
eadhion a bħleatha mħaireannach.  
Innis doibh an cunnart da bheil  
iad buailteach le dearmad a  
dheanamh air an t-seirbhís sin.  
Earalaich iad a bhi gu h-adhar-  
tach bunailteach a' toirt aoraidh  
do Dhia an diomhair, 'san teagh-  
lach, agus ann am follais; seadli,  
dean faire thairis orra le furachras  
agus caomhalachd.

6. An àm dol gu tigh Dhe—ma  
tha thu a' d' aonar, smuaintich,  
" O gu'n deònaciche Dia cò'dhail  
a thoirt d'a uile luchd-aoraidh,  
agus gu'm beannaiceadh e m'an-  
am ! "

7. An uair a theid thu stigh do  
thigh Dhe, tog suas do chridhe ris  
ann an smuaintibh árd mar iad  
so : " A Thighearna, gheall thu  
bhi ann am meadħon do shluagh.  
O rachadli do mħaitheas seachad  
romħainn ! Faiceamaid do chumh-  
achd agus do ghloir ann ad ionad-  
naomh ! Lùb na neamha agus  
thig a nuas. Cuireadħ do mhōr-  
achd fiamb oirnn, agus thugadħ do  
mħaitheas sòlas duinn ! "

8. Na biodh do shùil na do  
chridhe luaineach ann an tigh Dhe.  
Socraich do shùil air a mhinisteir  
do chluas air an fhocal, agus do  
chridhe air Dia.

9. Bi faċilieach mu d' għiùlan  
anns gach earringan de'n aoradh.—

Am feadh a bhios am ministeur ag aidmheil peacaidh, maothaicheadh do cridhe ris—’nuair a ghuidheas e arson tròcair, biodh t-anam sa phlosgail an geall air.—’Nuair a mholas e biodh t-uile thrograidh-ean a’moladh Dhe.—Ann an seinn shalm, deanadh do chridhe co-sheirm bhinn do’n Tighearna, chum ’nuair a bhios do ghuth àrd, nach bi do chridhe fuar neo-mhis-neachail. An uair a bhios am focal air a leughadh, no air a shearmonachadh, thoir fainear gu cùramach, “Gur e so focal De. Is e ’aithn’ a th’ann, agus am feud mise gun ghéill a thoirt di? A’ bheil e a’ bagradh nam peanas sin air peacaich, agus an e nach criothnaich mise? An iad sin a chuireanna càirdeil, a gheallaine mòr agus príseil, agus an cuir mise cùl riù? Gun robh dorsan bith-bhuan mo chridhe air am fosgladh, chum gu’n tig Righ na Glòire a steach!” ’Nuair tha ministeur a’ co-dhunadh na seirbhis na biodh cabhag ort a dh’ fhalbh (ni a tha tuille ’s tric a’ tachairt,) ach biodh fiuthair agad, agus togradh gu’n tig am beannachadh a nuas ort air mhodh éifeachdach.

10. ’Nuair a thig thu o thigh Dhe, bi air t-fhaicill nach d’thoir an droch-spiorad uait an siol a chaidh a chur, no nach miùch cùram an t-saoghal e. Na d’thigeadh cainnt dhiomhain a mach as do bheul co luath sa bhios focal De a beul a mhinisteir. Ach guidh air Dia, nach bi am focal a chual’ thu, mar uisg’ a dhòirtear air an talamh : asluich gu’n gléidh thu e air mheoghair, gu’n d’ thoir thu gràdh agus ùnhìlachd dha; gu ’n cuir e a’s do d’ ana-miannaibh, gu’m meudaich e do dhealas do Dhia, gun lòn e do bheul le deagh chainnt agus do lamhaibh le deagh oibríbh.

11. Thoir an aire mar chaitheas tu am feasgar. Tha’n cridhe ullamh gu ruidh air faoineachd, an déigh dleasnus f’hollaiseach an latha dol seachad. Mar inn focal De aon drùghadh air do chridhe, biodh e air altram gu cùramach, agus air a neartachadh le d’ aoradh teaghlach, agus t-urnuigh dhiomhair, agus mar an ceudna le d’chainnt tharbhaich riù-san a tha m’an cuairt duit.

12. M’an luidh thu sios air do leabuidh, gabh beachd air uil’ obair an latha. Biodh nàir’ort arson aon ni a dhearmaid thu, agus thoir glòir do Dhia airson aon mhaith a fluair thu. Aidich gu h-iriosal, “Gur airidh Dia air cail is fearr na th’ agadsa chum a chliu a sheinn, agus cridhe is fearr g’ a ghràdhachadh. Ged a b’urrainn domh gach ni a th’ air ’aithne a dheanamh, cha bhiodh annam ach seirbhiseach neotharbhach. Ciad e mise, mata, ’nuair tha gach dleasnas air a choiméasgadh le peacadh, agus le faillnibh gun àireamh?” Na h-earb a aon ni a rinn thu, chum gabhail riut agus airson saoraidh, ach á Criosc a mhàin. Cuir cùl ris gach muinghinn as t-fhìreantachd fein, agus bithidh dòchas agad gu’n sruth gach beannachd, agus gealladh a mhàin duitse trid fuil Criosc. Ead. le P. M’F.

### *Mu Chumadh agus Feum a Bheòil.*

Aun ’s gach linn do’n t-saoghal, bha daoine aig an robh sgil air corp-rannsachadh a’ cur an céill, o chuma agus o bhallaibh na colann, gu ’m b’ obair Bith uile-chumliachdaich agus uile-fhios-raich i. Ged tha e soilleir o’n taobh a muigh gu ’m bheil i air a dealbh le h-àrd ghliocas, air a

mheud sa rannsaichead a chuid as lugha air am bheil eòlas againn, foillsichear iomad obair iongantach, agus gheibhear a mach feum ar son gach ball faoin agus mion, a shaoileamaid nach robh math sam bith orra.

Tha ann am fosgladh a bheòil, tuilleadh do bhuill air an cruinn-eachadh còmhlaigh, agus gach aon diu a' coilionadh feum air leth, na gheibhear san fharsuingeachd cheudna ann an aon earrann eile do 'n cholainn. Tha sa cheud àite ann na fiacan, agus gun ach beag a h-aon coltach ri h-aon eile 'na cumadh, cuid diu arson gearraidh, agus cuid airson cagnaidh. Tha féithean ann air an càramh an riaghailt air seòl inn-leachdach, cuid diu na'n seasamh direach agus cuid eile na'n luidhe tarsuing, gu cur nam peirceall na'n gluasad, mar gu 'm biodh muileann a' bleith. Tha seile air an sgaoileadh a sios agus a suas, gu taiseachadh a bhìdh, 'ga dheanamh furasda a shlugadh. Tha fàireagan lionmhòr a sioladh na fluichneachd so, agus a biadh-adh nan sruithean, mar gu 'm biodh fuarain ag éiridh o'n ghrinn-eal. Agus tha féithe theannachaidh mu bhun an sgòrnain gu seòlaadh a bhìdh air dòigh àraig do'n ghoile, an deigh ullachadh leis na fiacan. Ged a shaoileas sinn gur ann le chudthrom fein a nì'm biadh téarnadh o'n bheul, cha'n ann mar sin a tha. Tuigeart so gu soilleir ma sheallas sinn air ainmhidhean ceithir-chasach, mar tha mart no each, ag ionaltradh. Cromaideadh iad an cinn air dòigh nach urrainn am biadh direadh, ach le neart nam feithean-slugaidh.

A bharrachd air so, tha obair eile dol air a h-aghaidh air an àm cheudna, aig nach 'eil gnothach sam bith ri buайдhean nam ball-

aibh a dh' ainmicheadh. Tha gaothaire rois chùl an t-shluichd so, gu leigeadh na h-analach a dh' ionnsuidh an sgamhain, air dòigh nach faigh ni air bith eile comas dol a stigh. Agus fuaithe ris an fheadan so, tha féithean gun àireamh air lionmhòrachd mu'n sgòrnán agus mu'n teangaidh, gus an guth a thogail agus a leagail, co neo-mhearrachdach agus copongail, agus le uiread comas tionndaidh agus atharrachaidh, 'sa gheibhear ann an inneal ciùil sam bith.

Ach si'n teanga ball is iongantaiche tha 'n taobh a stigh do 'n bheul. 'S fiach do h-aon air bith aire thoirt do lùthmhoireachd na teanga; ged a bhios i 'na luidhe gu socrach sàmhach, co grad, co tric, agus co freagarrach sa charaicheas i. Feumaidh gach pong air leth do chaint gluasad àraig do'n teangaidh; agus tha 'n càireean uachdrach air a chumadh air dòigh iomchuidh gu coinneachadh gach buille a thig uaire, ann an labhairt gach litir agus focal. Tha so soilleir do'n fhradharc mu ghabhar beachd air;—agus da lorg 's aithne do dhaoine fiosrach teagasc do'n bhodhar labhairt, agus gach focal a labhras neach eile a thuiginn. Nuair a dh-ionnsuiclieas leanabh bruidhinn, cha'n 'eil ach aon dòigh air an urrainn da labhairt ceart. Agus nuair a bheir sinn fainear co ealaamh sa nì'n teanga tionndadh, co cinnteach sa bhuaileas i sa cheart aite 'san còir dhi, agus co iomadach sa tha a gluasad, cha'n urrainn sinn air n'ioghnaidh a cheiltinn. Tha féithean na teanga co lionmhòr, co mion, agus co dlùth, nach urrainn do'n làimh is grinne na do'n acfhuinn is finealta an rannsachadh amach, na'n dealachadh. Ach chan-eil an àireamh, no'n innleachd leis am bheil am

freumhan caola air am figheadh feadh a chéile, ag cur grabadh air gluasad na teanga, no deanamh air dòigh sambith a h-oidheirpean faill-inneach, no a feum neo-chinnteach.

Tha daoine foghlumta aig am bheil mòran do eòlas nàdurra, a toirt an aire ann an obair a chruthachaidh, nuair a blitheas gnothach no dhà' ga'n cur air an aghaidh le aon inneal, gu'm bi aon diu, agus theagamh gu'm bi iad le chéile, neo-iomlan. Ach am bheil so fior mu'n teangaidh, co dhiù choimheadas sinn oirre mar inneal blasaid no labhairt. Tha a blàths agus a buigead, tainead a chraicinn leis am bheil i air a còmhdaich, agus na cùirneanan a tha sgaoilte air a h-uachdar, ag uidheamachadh a bhuill so co coilionta arson blasaid, agus a tha lionmhorachd agus dlùths a fèithean a'toirt dhith an comas gluasaid a tha feumail arson labhairt. Air an dòigh cheudna, ged nach 'eil ann sa bheul ach aon fhosgladh, tha gach ball air leth a tha'n taobh a stigh dheth iomlan agus coilionta:—agus a liuthad aon sa th'ann diu, cha'n eil dòmhlas no aimhreit 'nam measg, no h'aon ag cur bacadh air a h'aon eile. Mar urrainn sinn ithe agus labhairt còmhlaich, feudaidh sinn ithe car tacain, agus labhairt air an ath thiota,—mair a tha'n anail 'ga tarruing gun stad gun fhoisfad na h-ùine.

Nuair a smuainticheas sinn air na nitibh sin, nach ann againn a tha fàth a ràdh leis an t-salm-adair, "Is uamhasach agus iong-àntach a dhealbhadh mi" (Salm xxxix. 14.)—Agus gu h-àraid nuair a bheir sinn fainear, ged tha beul agus teanga aig gach creutair a tha falbh feòir no fochainn, gur ann do'n chinne-daonna amhàin a thugadh comas còmhlaich a dhean-

amh ri'n co-chreutairean, agus an smuaintean innseadh do chàch a chéile,—nach ann againn a tha aobhar a bhi taingeil arson an tiòdhlaic luachmhoir so, agus cliù a thabhairt do'n Chruithfhear a a bhuilich oirnn e.—Agus nuair a chuimhnicheas sinn air a choimeas a thug an t-Abstol do'n teangaidh, (Seumas iii. 6, 8,) 's còir dhuinn an earail a thug e dhuinn a leanailt gu dùrachdach, agus am ball beag so a cheannsachadh, chum 's nach d'thig beannachadh agus mallachadh amach as an aon bhéul.

J. M.

#### EACHDRAIDH NA H-ALBA.

'S ANN air tùs an t-Samhraidh sa bhliadhna 1644 a thainig Montrose a nuas do dh' Albuinn, le ùghdarras o'n Righ chum feachd a thogail a chur fodha a sheana chairdean na Cùmhantaich. An déigh iomad cunnart a ruith, thainig e co uaigneach sa bha na chomas, le dìthis chompanach, (e fein an riochd an seirbhisich), a' gabhail gach slighe monaidh agus gach ath-ghoirid a b'urrainn da, a' siubhal fo dhubhar oidhche, agus a' gabhail fois san là, gus an d' ràinig e tigh Innisbhraca, a bhuiineadh do charaid agus do fhear-cinnidh dha fein, a bha mar an ceudna air taobh an Righ.

Bha Montrose a nis ann am meadhon na dùthicha sin far am bu lionmhoire cairdean Thearlaich; agus chuir e fios a mach na ainm, ag àithne dhoibh éiridh le'n cuid daoine; ach bha de dh'oillt aca roimh na Cùmhantaich, an lorg an sgrios a thug iad roimhe sin air an dùthaich, agus bha cuid diubh co amharusach mu Montrose agus gu'n do dhiùlt iad air fad èiridh leis. Ma's e Morfhear Hundai fein, fhuair e a dheuch-

ainn co cruaidh o chionn ghoirid leis na Cùmhantaich 's nach robh comas aige duine chur a chòmlìnadh le Montrose : Ach cha robh an curaidh foghainteach so comasach air meatachadh fo mhealladh-dòchais. Mar dhòmhlaich cunnairt m'a thimchioll, 's ann is aird' a dh'éirich spiorad a ghaisgich. Là de na làithean, mar a bha e fein agus a charaid *Innisbhraco* a' gabhail sràid ann an gleann uaigneach, a' caoidh nach b'urrainn doibh a bheag a dheanamh as leth an Righ, thainig Gael na dhian-ruith le litir a chuir e ann an laimli *Innisbhraco*, le tearn iarrtas gu'n rachadh a cur a dh' ionnsuidh *Mhontrose*, ge b'e cearna de Albuinn san robh e. 'Sann o Alastair Mac-Cholla a bha'n litir so, ag innseadh gu'n d'thainig e air ceann an aimh a thog Iarl' Antrom, an Eirinn as leth an Righ, agus an déigh Caistéal Cheann-Locháluinn agus Mhingairi a ghilacadh, gu'n robh e air a shlighe a nall tre Bháideanach, agus a' guidlie gu'n cuireadh Montrose e fein air an ceann co luath 's a dh'fheudadh e. Cha robh dhi air Montrose ach an cuireadh; agus e air'éideadh ann am breacan an fhéile's gun ach aon duine na chois, chaidh e'n coinneamh nan Eirionnach; ach an àite nam miltean ris an robh dùil aige cha d' fhuair e ach cuig-ceud-deug, agus iad sin féin gun bli fo roghadh armachd.

B'iad a cheud chinneach a dh'éirich leis Cloinn-Phearsain. Chuir Tighearna Chluainidh, air dhà fios fhaontainn gu'n robh Montrose a-tighinn do Bháideanach, amach buidheann d' a dhaoine g' a choinneachadh. Cha robh iadfad' air asdar 'nuair a chunnaic iad cuideachd de thrupairean a-tighinn san t-sealladh, agus o nach robh

teagamh aca nach b'e *Montrose* a bh'ann ghabh iad direach nan còmhdaill. Thuig iad ann an ùine ghoirid gu'n robh iad air am mealladh; oir cò bha'n so, ach buidheann lädir de na Cùmhantaich; agus ged a bha dithis m'an aon ann diùbh, chuir Cloinn-Phearsain rompa' garbh chòmhdaill a thoirt doibh. 'Se Fear-Inereisidh bu cheannard air Cloinn-Phearsain, 'sam feadh 'sa bha e 'tarruing suas a dhaoine, mhothaich e fear dhiubh a' cromadh a chinn; thog e a bhata chum a bhualadh, ach air do'n fhear eile a cheann a thogail, cò bh'aige, ach Mac Phearsoin *Dhailifuir*, aon duine co foghainteach 'sa bha de'n chinn-each. Le iongantas dh'-sheadraich Inereisidh, cionnas a bha esan, seach gach fear eile na chrùban ri uchd an nàmhuid. "Cha robh mi, ach a' cur spor air sàil mo bhròige," a deir *Dailifuir*, gun iomaguin air bith. Spor! ars' am fear eile, c'arson air a leithid so a dh'äm? Tha gu bheil a mhiann orm mun criochnaichear an latha, a deir esan, gu'm bi deagh each agam. Rinn *Dailifuir* a mhath ga fhocal; oir chuireadh an ruaig air na trupairean air a cheud ionnsuidh, agus rinn *Dailifuir* greim air deagh steud-each leis an do lean e an ruaig, agus leis an tug e da phrìosunach a stigh.

Thug a bhuaidh so sár mheas do *Mhontrose* air na Gaedheil, agus bhosnaich e muinntir Athoil le ochd ceud fear a thighinn d'a ionnsuidh le aiteas agus sunnd, ni a thug mòr mhisneach do na h-Eirionnaich. Tamull beag na dhéigh so thainig Morfhear *Kilpont* agus Sir Iain *Drummond* le ceithir-cheud fear d'a ionnsuidh. Bha nise feachd tapaidh fo *Mhontrose*, agus cha b'ann gun fheum, oir bha Mac Chailein agus flaithe-

ean gallda eile a' cruinneachadh le 'm feachd m'a thimchioll. Chunn-aic *Montrose* gu'm b'eiginn da ionnsuidh a thoirt orra mun cruinnicheadh iad am feachd ri chéile ; agus chum so a dheanamh ghabh e'n còmhdailean an airm Ghalda fo cheannas Mhorfhear *Echo*; agus fhuair e iad air an tarruing sùas an òrdugh catha air sliabh *Tippermuir* mar cheithir mìle do Pheairt. Bha na Gaill dithis m'an aon ris, le gunnachan mòra agus marc-shluagh, ach chaidh e gu neo-sgàthach an sàs annta. B'ann air latha na Sàbaid a chuir-eadh am blàr so, agus shearmon-aich aon de mhinisteirean nan Cùmhantach g'am brosnuchadh gu cath, agus a' gealltùinn doibh làn bhuaidh. Cha robh gunna mòr no trupair fo *Montrose*, ach leis an armachd a bh'ann chuir e ann am prioba na sùl an ruraig air na Gaill. Theich na Cùmhantaich leis an oillt bu mhò. Bha iomad sodanach trom reamhar nam measg, agus leis a mhaoim a ghabh iad, 's an t-eagal a chuireadh orra, fhuaras mòran diubh marbh air an rathad mhòr gun bhuille gun urchair. Cha robh ach an aon urchair aig na h-Eirionnaich, agus dh'iarr Montrose orra iad a chumail air an làimh gus am biodh iad uchd ri h-uchd, iad a ghabhail cuimse mbaith, agus an déigh dhoibh an aon dairearach a bh-acà a' leigeadh riu, iad ga'n spada le earr an gunnaichean. Bha buidheann de na Gaedheil aig nach robh armachd air bith. "A dhaoin' aisle," arsa Montrose riu so, "cha'n'eil ball airm agaibhse, ach faicibh tha gu leòir aig na hodaich Ghalld' ud far coinneamh. Gabhaibh mo chomhairle, agus togadh gach fear agaibh dòirneag mhath chloiche, leatha sin cuireadh e as do'n Chùmhantach a

tha m'a choinneamh, deanadh e làmh air a chuid armachd, agus na dheigh sin gabhadh e dhòigh fein. B'amhuil a thachair, mar dh-fhiosraich na Gaill bhochda ; bhual an t-eagal iad agus thàr iad as. Eadar an àrfhaich' agus Peart thuit ceithir cheud de na Cùmhantaich ; cha do thuit a h-aon de fheachd *Montrose*, agus cha robh ach dithis air an leònadh. Ghilac e gach goireas a bh'aca, agus chuir e' fheachd fein nan làn uidh-eam. Lean e an ruraig gu baile Pheairt, a strìochd dha, agus air an do leag e mar ùbhla naoi mìle marg.

An déigh dha bhi tri làithean ann am Peart, chaidh e mu thuath, air an rathad gu bail' Aberaidhean. Dh'éirich cuid de uaislean na dùthcha leis, gu h-àraidh Mhorfhear *Airley* agus a dhithis mhac, daoine nach do thréig e air àm sam bith. Là de na làithean 'nuair bha iad air an turus, mu bhrise na fàire thachair ni a chuir doilgheas mòr air *Montrose*, 'se sin mort Mhorfhear *Kilpont*. Rinn-eadh so le Seumas Stiubhart *Ardvorlaich* ; bha e fein agus am flath òg urramach a mhort e, nan companaich dhileas o'n òige ; chaidil iad an oidhche roimhe sin saii aon leabaidh. Chuir an Stiubhartach an céill do Mhorfhear *Kilpont* gu'm mortadh iad *Montrose*, gun aomadh iad an t-arm gu aontachadh leis na Cùmhantaich ; chuir so oillt air *Kilpont*, las feàig an Stiubhartaich, thainig focail shearbh eatorra, agus 'se bu deireadh gu'n do thuit *Kilpont*. Theich an Stiubhartach, thug saighdeir a bh'air faire oidh-eirp air a bhaca, ach chuir e as da, agus thug e am monadh air a' deanamh a shlighe feadh ceo agus allabain gus an d'thainig e chum seachd Jarla Earraghaidheal,

a ghabli ris le cairdeas mòr. Gun teagamh bha giùlan an Stiubhart-aich ro oillteil, ach mar chaileiginn do leithsgeul faodar a ràdh gu'm b'e barail dhaoine gu'n robh e as a bheachd. O òige bha e ceannsgalach, borb, feargach 'na nàdur, agus cha robh san dùthaich uile duine co làidir ris. 'Nuair a bha e air giùlan a mhàthar, thainig air latha áraidi Ceathairne choille ris an abradh iad Allabain a cheò, dl'ionnsuidh tigh Ard-bhorlaich, (co ac' bu Chloinn Ghriogair no Dòmlinnullaich iad tha e doirbh a nis a ràdh.) dl'iarr iad biadh; chuir a bhean uasal aran agus càise air a bhord, gus an deasaichte ni b'fhearr. 'Nuair a thainig i air a h-ais, ciod a chunnaic i air a bhord ach ceann a bràthar, fear Dhruman-eireannach, air an do thachair iad sa choille, 'sa chuir iad gu bàs. Thug a bhean uasal sgread aisde, is cha b'ioghna dhi. Theich i do'n choille, agus a dhaindeoin gach siorrachas a rinn-eadh oirre cha d'fhuadaradh i rè ùine mhòr. 'Nuair a dh'amais iad oirre, bha i as a beachd, agus bhuanach i mar sin gu latha a báis.

Ghabh Montrose agus fheachd air an aghaidh gus an d' thainig iad dlù do Aberaidhean, far an do thachair na Cùmlinantaich air aig Drochaid *Dee*, fo cheannas Mhort-fhear *Burley*. Cha robh ach àireamh bheag maille ri Montrose, oir chaidh a chuid bu mhò de na Gaedheil dhachaidh, ach leis an dorlach a bha aige fhuair e sealbh air Aberaidhean; ach cha b' ann gun ni gun saothair. Choisinn Alastair Mac Cholla agus na h-Eirionnaich clù anabarrach. Chaill a h-aon de na gaisgich chridheil so a chos an teas a bhlàir--"Air mo bhaisde ars' esan, agus 's duine uasal mi nis—oir 's éigin doibh

*Trupair adheanamh dhiom*"—Thug so gaire air a chompanaich, agus chaidh iad air an aghart gu h-aighearach. Fhuair Montrose a stigh do Aberaidhean far an do chuir-eadh mòran de mhuinnitir a bhaile gu bàs. Chuir na h-Eirionnaich as doibh gun iochd. Dh' àithn iad doibh air tùs an cuid eudaich a chur dhiùbh, chum nach sal-aichte le m' fuil iad agus an sín chuir iad gu bàs iad, air ghaol an cuid eudaich a ghleidheadh dhoibh fein. Rinneadh àr anabarrach air muinnitir a bhaile thruaigh so, fad thìr làithean.

Bha Mac Chailein le feachd làidir a' leantuinn *Mhontrose*, ach a reir coslais cha robh e ro dheònach air teachd na charamh. Bha Montrose a nis air a chuairteachadh air gach taobh le naimhidhbh; agus b' éiginn da pilleadhl, a' deanamh astair a bha neoghnàthachte le arm air bith a dheanamh, agus a' fulang cruidail nach b' urrainn arm eile ach iad fein a sheasamh. Dh' fholair e a ghunnaichean mòra ann am möintich; ghabh e tre Bhàideanach far an d' fhuair iad rogha biatachd o Chloinn Phearsain. As a sin phill e tre Adhall chum Machair-Aonghais, air ais a ris do Shiorramachd Abaraidhean ann an dòchas fhathasd gu'n éireadh na Gòrdanaich leis. Ged a bha ceithir mìle fear aig Mac Chailein, cha robh de mhisneach aige na bheireadh aghaidh air Montrose ge nach robh aige ach cuig-ceud-deug fear. Cha 'n 'eil cothrom againn air mion-chunnatas a thoirt air giùlan fuileachdach Mhic-Chailein agus a chuid Cùmhantach. Mhort agus mharbh iad gun iochd gach duine nach éireadh leo. Loisg a's chreach iad fearann nan Gordanach co

buileach 's nach robh ceithir-chos-  
ach r'a fhaicinn fad an fhuinn.

Thog *Montrose* agus a dhaoine  
an cairtealan aig Caisteal *Fyvie*, far  
an robh e ann an cunnart mòr.  
Bha a chuid daoine air an sgaoil-  
eadh feadh na tire, 's gun dùil  
aige gu'n robh lànmhaid na chòir ;  
agus gun ach beagan de dhaoine  
maille ris, an uair a thainig Mac  
Chailein agus Iarla *Lothian* le  
mìltean m'a thimchioll. Chuir  
so, mar bu dùgh dhoibh, uamhas  
air muinntir *Montrose*, ach cha'n  
aithnité air fein gu'n robh eagalsam  
bith air. Thionndaidh e ri gaisg-  
each òg Eirionnach ris an dubh-  
airt e, Ciod a tha thu a' deanamh  
an sin O'Kain ? Falbh agus  
sgìùrs air falbh na biastan leibid-  
each ud, aig a bheil de dhànadas  
maoidheadh oirnn. Rinn O'Kain  
mar dh' iarradh air; ann an p' ioba  
na sùl chuir e'n ruaig orra; agus  
ghilac e mòran fùdair o na Cùmh-  
nantaich. Marbhaisg, a deir esan,  
air na trustair aig nach robh de  
mhodh na dh' fhàg riarachadh an  
fhùdar de pheileirean !

Bha nise deireadh na bliadh'n'  
ann, cha b'urrainnear na Gaedheil  
a chumail o dhol dachaидh. Thug  
*Montrose* cead an coise dhoibh ;  
agus a dh'aindeoin lionmhoireachd  
feachd Mhic-Chailein fhuair e  
fein agus a dhaoine gu sàbhailte  
as.

Sgaoil Mac Chailein a chuid  
airm, agus phill e fein a chur  
seachad a gheamhraidh ann an  
Inbheraora.

T. M'L.

### LATHA CAISG.

Ceud fàilt ort a mhaduinn—  
A mhaduinn an àigh ;

Chaomh mhaduinn gun ghrnaman,  
Gun smalan gun bhruaillean,  
Għlan rosgaibh gun smuairean  
Làn uaisl' agus gràidh ;  
Duisgs' aoibhneas neo-thruaillich  
Mhaireas buan anns gach àit' !

Biodh do ghriantsa le' h-aoibhneas  
A' boillsgeadh 's a' dears' ;  
A' fogradh 's a fuadach,  
Gach ceathaich is gruamaich  
O gach cridhe tha'n cruadal  
Fo uamhunn a bhàis ;  
A's innis gu'u bhuaħħaich  
An t-Uan anns a bhlar.

O giùlain an sgeulsa  
Do'n euslan bhochd thruagh ;  
Dha aithris le firinu—  
Dha aithris le cinnte—  
Gu'm bheil slàinte an Iosa,  
O'n mhilltear 's o'n naigh ;  
Do bhraighdibh bochd dite  
Fo bhìnne ro chruaidh.

Dha innis ged shàruich  
Car trà e na slóigh ;  
Ged dhiùlt iad le tair e—  
Ged mhasluich, ged nàraich—  
Ged dhìt iad gu bàs e  
Le tàmailt sa mhòd ;  
Gu'n d'eirich an àird e  
Le slàinte 's le glòir.

Dha innis gu'm fac' thu  
Sàr ghaisgeach nam buadh—  
A' mosgladh 's a'dùsgadh  
O chodal bu chiùine,  
Mar a mhaduinn a għnūis għeal  
Gun smuġirnein gun għruaim ;  
Gun chreachadh 's gun spuinnneadh  
An ùir leis 's an uaigh.

Dha innis gu'm fac' thu  
An gaisgeach nach fann

A'g éirldh gu buadhach  
 A'g èiridh gun għruamaich'  
 'N déigh braighdibh bochd truagħa  
   'Shaor f'ħuasgladħ á fang,  
 O'n bhàs a's o thruailleachd,  
   Le buaidh cbath gun taing.

Dha innis chum siorrachd—  
 Gur e'n grian e 's an ròd—  
 Gur e'n dīdean 's an sgà e,  
 Gur e'n Slan'ear gu bràth e,  
 Gur e'n gaisgeach nach cèarr e  
   'Nam għabhadh a's bròin ;  
 'S nach diobair gu bràth iad  
   Gu'n tar̚ iad gu glōir.

Nach aithris thu 'n sgeulsa  
   Le ēibhneas 's le mùirn ;  
 Nach aithris gu luath e—  
 Do'n lag-chridheach thruagh e—  
 Ged thionndar san uaigh e  
   Gu truaileachd 's gu smùr,  
 Gu'n éirich 's gu'n gluais e  
   Nios uaipe le sunnd.

Mar chaoin-mħaduinn shamhraidi  
   Gu'n dealraich a għruaidh ;  
 Mar chaomh mħaduinn chubħraidi,  
 Mar mhao-mħaduinn dhrùehda,  
 Gu'm bi aogasg a għnūise,  
   Gu chūram gun għruaġi :  
 'S gu'n éirich le sunnd e  
   1.e mùirn a 's le buaidh.

Dha innis ge duaichni  
   Guūis uaine a bhàis,  
 Ge h-ogluidh a sheallad—  
 Ge caol shuileach scallach,  
 Ge h-aognuidh ge h-alluidh  
   Ge sgionnach gun aġħ—  
 'S ged bħuadhaich car sealan,  
   Nach meal e am blār.

Dha innis ged rūisg e  
   'S ged spūnni e do għruaq,  
 Ged chaith e gu d'ċħul thu—  
 Ged għlais e do shuilean—  
 Ged thionndar gu smùr thu

Gu b-żei'r thu 's gu għal ;  
 Gu'n creachar da chliu e  
   'S gu'n spūnnear da bhuaidh.

O ! 'S binn leam r'a ēsdeachd  
   Do sgeulsa a lò :  
 O ! taitneach am chluais e—  
 'S ro bħlasda gach uair e—  
 O ! Cluinneam gu buan e  
   A' gluasad am chōir ;  
 Gu'n cluinneam le bnaidh e  
   'Ga luaidh ann an glōir.

Gus am faic mi mu m' choinneamh  
   Naomh chomunn nam buadh ;  
 Gus an cluinn mi gu h-àrd e  
 O'm bilibh 's o'n claraibh,  
 Am fonn ud ro ġluuinn  
   Leam is gràdhach gach uair,  
 Gu'n chreachadħ le'm' Shlàn'ear  
   Am bùs a's an uaigh.

P. G.

*Eachdraidh mu Mhurcha Gèarr.*

Cha d'fhág Mac Illeathain Lochabui, a thuit ann an eath o chionn tri cheud bliadhna, ach aon mhac, a bha san àm na leanabh ; agus għal-hu bràthair-athar, Murcha, fear Sgalasdail, a chūram air fein. Nochd e an ùine għearr gu'n robb rùn aige an oighreached fħaqtainn dha fein ; agus b'eiginn do'n oighre òg, an déigh ioma cunnart' teichcadh do dh'Eirinn, far an do għabhadh ris le mòr fhialachd, ann an tigh O'Neill. Bha bràthair-athar aig an tigh aineol-ach ciod a dh'éirich do'n ḥġanach ; agus dh'innseadħi sgeul le daimlich an ḥġanaidh gu'n deachaidh a bhàthadħi. Mheudaix Murcha a chairdean le nigħeant do Mac-Iain-Stiubhart na h-Apunn a phosadħ, teagħlach a bha ro-chumhachda ; agus leis a sin bha e 'm baraj

gu'm feudadh e an oighreachd air an d' rinn e breith-air-éiginn, a shealbhachadh, gun bhi air a bhacadh. Gidheadh cha do chaill mac a bhráthar, d'am b'ainm Murcha, sealladh air a choir. Bha e air f'hoghlum leis an triath fhlathail, ainmeil sin O'Neill, m'an abradh Baird nan àmannan sin, "Gu'n robh aoidhean an tigh O'Neill ni bu lionmhore na craobhan na coille, agus gu'n robh e ni b'f hialaidh mu mhaoin na bha'n cuan m'an mhaorach." Bha Murcha 'n aois òige air a chomharrachadh a mach airson a mhòr mhisnich, agus choisinn e àrd mheas a'measg a chompanach. 'Nuair a thainig e gu aois thug a charaid O'Neill comas da pilleadh da thlìr fein, agus chuir e leis buidheann thaghta de mhuinntir Eirinn, a ghabh os laimh falbh leis a dh'fhaotainn sealbh na h-óighreachd.

Chaidh an t-oighr' òg gu tìr ann an ionad uaigneach, air an robh e làn eòlach; agus chaidh e air aghaidh na aonar, chum fiosrachadh fhaotainn cionnas a bha'chùis roimhe. Ràinig e dlù air a Chais-teal fein, le iomad cuimhneachan ag éiridh suas 'na inntinn. Bha'n crodh sa bhuaillidh, agus an àm dha bhi dol seachad air a bhanaraich, a bha leigeil mairt, thug a bhò brioscadh aisde, agus dhoirt i'm bainne. Dh'éigh a bhanarach, *Dia le Murcha!* agus chual am fleasgach a chainnt. Bu tric leo san tir sin, gu'n d'thugta deoch bħainne do gach neach a rachadh seachad air a bhuaillidh, agus thaigeadh do Mhurche deoch air an àm so. Għabb e deoch, agus dh'fħiosraichi e de'n bhoirionnach ciod a bha i ciaillachadh leis a chainnt ud *Dia le Murcha*; oir thuig e nach robh 'n dùthaich ro għolach m'an fhear a għlaç a

chòir. Tharruing am boirionnach osnadħ throm; agus dh'fhèoraich e a h-ainm: Agus'nuair a dh'innis i, thuig e gu'm bi a bhanaltrum a bh'ann. Leig e ris di a chneas, a legeadħ fhaicinn ball-dòbhraen a bh'air a thaobh clì, thug e faireachadh dhi bhi air a faċill. Għrad aithnich a bhanaltrum dhileas e. Bha oide Mhurchaidh, (a ceud f'hear) marbh, agus bha i 'san àm sin pòsda ri dorsair a chaisteil, oifig ris an robh mōran an earbsa, agus bha e'n comas an duine so a bhi ro-fheumail do'n choigreach.

Thuirt a mhuime ris gu'n leig-eadh ise na laoigh air mheadhon na h-ath-oidhche an caramh a chruidh, agus le i'm bāirich gu'n cluinnite sa chaisteal iad: Gu'm fosgladħ a fear an geata dhise gu dol d' an ionnsuidh, agus gu'n d' thigeadh Murchadlı òg agus a dhaoine a stigh; gu'n cuireadh iad glomhar san dorsair, 's gu 'm biodh a chūis leo. Dh' ēirich dħoibh mar am miann, agus fhuair an curaidh òg gaisgeil so seilbh air daingneach läidir a shinnis.

Cha b'fħada gus an do chruinnich a dhaoine gu Murcha Gèarr, frith aimm leis an robh e 'n déigh sin air a'ainmeachadh; ach cha robh brathair-athar sa Chais-teal 'nuair chaidh a għlacad, agus chuir e roimhe ged a chaill e'n Caisteal, gu 'n gleidheadh e an oighreachd. Chaidh iomad cath a chur eatorra, agus chaidh iomad gniomh éuchdach a dheanamh air gach taobh. Bha ma dħeireadh blār suidhichte eatorra, anns an do għabb Stiubhartaich na h-Apunn le fear Sgalasdail, agus Clann Illeathain an Rois le Murcha Gear. Bħuadhaich Murcha Gear, ach cha do leig brath-athar a thagħad dheth. Fhuair Murcha Gear e na chodal ann an uamh, agus dh' fhigh e dual

d'a fholt m'a bhiodaig, air an robh  
 'ainm air a ghearradh, shàth e san  
 talamh i, agus mar so dh' fhág se  
 e. 'Nuair a mhosgail am fear eile,  
 thuig e gu grad mar thachair agus  
 thuirt e, "Thug mac mo bhráth-  
 ar buaidh orm fa dheireadh! Thug  
 a shuairceas mu'n cnairt ni nach  
 b'urrainn d'a ghaisg' a dheanamh,  
 agus cha tarruing mise tuille am  
 feast mo chlaidheamh na agh-  
 aidh." Agus sheas e ri f hocal.

P. M'F.

## AN DU-THRA SAMHRAIDH.

Tha cuileaga meanbh 's na caochain,  
 Tha'n drùchd a braonadh tlà,  
 'S na clearca-tomain sgaothach  
 A glaodhaithe feadh a chàithr' ;  
 Tha'n lon-dubh seinn gu h-aobhach  
 'S gun aon a' cur air sgàth,  
 'S clis guanach gobhlain-ghaoithe  
 Ri cluiche f haoin gu h-àrd.

Tha'n smeòrach thiamhaidh chùirteil  
 Ri luinneig chiùin air gheig;  
 Gur milis binn am brù-dearg  
 'S a ribheid chiùil air ghlèus;  
 Chaidh nead'n eoin bhuidhe-spùinneadh,  
 'S gur tòrsach e na dhéigh ;  
 Tha'n draighinn-donn gu sùrdail  
 Roi 'n phreasnaich dblù a' leum.

Tha ròs na'm bad a' dùnad,  
 'S gach blàth gu dlù 'na chéil' ;  
 Tha'm beithe brúchdadhbh cùbhraidh ;  
 A's iadh-shlat ùr-ghorm réidh,  
 Biodh càch 'san trà so dùmhlichadh  
 Do thigibh üpraid 's réisg,  
 'Se ruaig air feadh na dùthcha  
 Is rùnaiche leam f hein.

*"Cha'n òr gach ni 'dhearsas."*

## A Theachdaire uiseil,

Tha ar luchd dùthcha, mar tha  
 f hios agaibh, onorach agus aon-  
 f hillteach. 'Nuair thig iad gu  
 Galldachd, uime sin, cha'n eil a bhi  
 beò aca leis na h-Eirionnaich—  
 bheir iad an car asda thall 'sa  
 bhos. Tha aon dòigh shònruichte  
 aca—'se sin leigidh iad tuiteam do  
 shlabhraidh agus do sheul' uaire-  
 adair, no do f hainne, dlù do Gael.  
 Aon chuid tògaidh fear aca fèin an  
 sporan no leigidh e leis a Gael  
 chòir a thogail—Bheir iad air a  
 Gael a chreidsinn gur h-òr a  
 th'ann, oir 's tric le fear deanamh  
 suas riu le tuiteamas, mar gu'm  
 b'eadh, a their gur fhiach an sporan  
 an uiread so. Cha chuimhne leam  
 bliadhna o'n thainig mi do Ghlas-  
 cho nach faca mi mo luchd dùth-  
 cha mar so air an creachadh 'san  
 'suilean fosgailte. Uair a dhùraich-  
 dinn am bata a ghabhail dhoibh  
 a chionn a bhi cho sìmplidh, agus  
 uair eile a dhùraichdinn na deòir  
 a shileadh arson dhallagan bochda  
 a thainig, math-dh'f haoitde, dà  
 cheud mìle a chosnadh dà phuind  
 shasunnach agus an déigh na  
 h'uile 'ga thoirt arson luach dà  
 sgillinn, mar rinn *Domhnall Mac-  
 leoid* an uraidd! Thugadh sibhse  
 fairbheanadh dhoibh iad a bhi  
 nam faicill, agus mur gabh iad  
 rabhadh fuilingeadh iad air a  
 shon.

'S mise a Theachdaire uiseil,  
 Bhur seirbhiseach ùmhail,  
 AN GAEL ANNS A BHAILE.

Ead. le S. C.

Glascho, 1831.

## CHUM LEUGHADAIREAN AN TEACHDAIRE GHAE LAICH.

*Mo chàirdean gràdhaithe,*

'Nuair thòisich mi air e mhìosachan bheag so chur a mach cha do ghabh mi a chùram os làimh ach car aon bhliadhna. Thug mi nis dà bhliadhna de'n t-saothair gu crich, agus tha mi taingeil gu'n d' fhuair mi an uir-ead sin fein a dheananamh. O chionn mios no dhà cha robh smuaitean agam sgur dhe, am fad 's a bha e'm chomas ni air bith a chur r'a chèile bhiodh tait-neach no feumail do m' luchd-dùthcha ionmhuinn, chuirinn an suarachas gach duilgheadas agus iomaguin a bha na chois; agus ged a b' ann o chodal na h-oidhche a ghoidinn (mar a's tric a rinn mi) ùine chum an leabhar beag so 'uidheamachadh cha bhiodh mo shùil an dèigh mo shaothair, ni mò bhithinn a' gearan.

Thainig iomad ni air uairibh a'm charamh a theab mo bhrosnuchadh gu toirt thairis da—neoshuim nan daoine a shaoil leam bu choir mo chuideachadh—leisg agus suarrachas na muintir d' an robh e dligheach ann am bharail saothaireachadh leam anns an oidheirp laig a bha mi tabhairt chum maith an luchd-dùthcha: ach so uile dh' ionnsuich mi a ghìùlan le foighidinn, agus chinn mi caoin-shuarrach mu'n cairdeas. Ma dhiobair iadsan mi ris an robh mi ag amharc airson còmlinaidh, dh'éirich laoich eile air nach robh mi eòlach, air an lasadh le gràdh an dùthcha agus le togradh àrd chum a maith a chur air aghaidh, a sheas leam, le cairdeas, agus le dùrachd nach di-chuimhnich mi fhads' a's beò mi—air chor 's nach e uile gu léir dì cuideachaidh no dì cairdeis no neo-shuim agus suarrachas mòran de m'

luchd-dùthcha tha nis a' toirt orm an t-saothair so leigeil seachad, ach aobhar gu mòr a's cudthrom-aiche.

O mheadhon a gheamhraidh so chaidh seachad, cha robh e'm chomas, le briste beag a thainig air mo shlàinte, dleasdanas mo sgìreachd a choimhlionadh mar bu mhiann leam, agus tha mi 'moothuchadh gur h-éiginn domh—a dheòin no dh' aindeoin, sgur de'n Teachdaire car tamuill. Ma bhith-eas e'm chomas, (mar tha mo dhòchas gu'm bi,) töiseachadh na dhéigh so air an t-saothair cheudna, cha bli mi leisg no mi-thoileach. An fhad 's a tha mi comasach air focal a labhairt, no peannd a tharruing as leth maith mo dhùthcha thig atharrachadh mòr air mo chridhe ma gheibhear mi balbh, leisg, no lunndach. Ach ma thòisicheas mise agus mo chàirdean dileas a sheas mi f'hathasd agus a sheasas na dhéigh so, gabhaidh sinn dòigh ùr. Ma theid sinn a ris gu fairge, feuchadh sinn sgioba ni's furachala, ni's beachdala agus ni's eòlaiche air a Ghældachd fhaotainn, na iadsan ris an robh an Teachdaire an earbsa a chur d' ar n-ionnsuidh thuige so. Oidharpichidh sinn ar latha agus ar còmhaghail a chumail ni's fearr na rinn sinn, agus iomad sgeir a's oitir a sheachnadh a chuir grabadh oirnn anns an àm a chaidh seachad.

Cha 'n f'hiorsach sinn gu 'n do labhair sinn a bheag a chuireadh oilbheum air duine o'n thòisich sinn — 's ioma sgeul neònach a chuireadh d' ar n-ionnsuidh mu nithibh agus mu dhaoinibh air feadh na Gàidhealtachd a chuireadh iongantas air mòran nam biomaid air an cur a mach: ach chunnaic

sinn iomchuidh an cur fo chois. B'e ar n-iarrtas fiosrachadh, eòlas, agus fearas-chuideachd neo-lochdach, gun chron gun dolaidh thoirt d' ar luchd-dùthcha; agus thilg sinn air chùl gach ni nach robh freagarrach chum so a dheanamh. Anns an t-saothair so dh' fhiosraich sinn cairdeas o Ghàidheil nam Bailtean mòra bha osciunn aon ni a's urra' dhuinn 'ainmeachadh. Dhoibhsan agus d'ar càirdean lionmhòr air feadh na Gàidhealtachd tha sinn a' taigse mìle agus mìle taing. Airson na feaghnach sin a rinn an dìchioll chum cur as duinn, cuid diubh le gamhlas follaiseach agus cuid le *tolladh fodhainn* gu lùbach, cealgach, 'nan dòigheannan sleamhain fèin, gu'm meal iad na choisinn iad. Bha e tric 'nar beachd agus do ghnàth 'nar comas, sgailc a thoirt doibh taobh an leth-chinn, a dh' fhraigheadh agus a chuimhnicheadh iad--ach cha b'fhiach iad an t-saothair. Gabhadh cuid diubh so a nis gach comhairle mhaith a thug iad dhuinne fo shamhladh càirdeis, agus tòisicheadh iad air Teachdaire ùr 'nan dòigh fèin. Bha iad a'

talach 's a' gearan nach robh sinn a' deanamh maith—feuchadh iad fèin e—tha 'n rathad a nis réidh aca. Ma tha gràdh an dùthcha 'nan cridhe agus firinn anns gach gearan bha air an teangaидh, dearbhadh iad e. Soirbheachadh led 'san oidheirp! Mar a's luaithe theid iad fo sheòl 's ann a's fearr leinne—agus mar a's buidheiche bhios iadsan 's ann a's toilichte bhios sinne; ach cha gheall sinn a leigeil leo falach-cuain adheanamh òirnn. Ged tha 'n t-sean bhìrlinn air a tarruing gu tir car tamuill, sann chum a calcaidh, tha dòchas agam, 's cha 'n ann chum a toirt as a chéile—Cha bhi i fada dol 'na h-uidheam—cha mhò bhios dì lamhan chum a cur gu saile an latha thuigear gu'm bi feum oirre.

Slàn le luchd leughaidh an Teachdaire Ghaidhealaich, ach tha dòchas againn nach h-ann ach car tamuill.

'Smise bhur caraid dileas

*An latha chì's nach fhaic,*

TORMAID MACLEOID.

CLACHAN CHAMPSIE,  
An ceud latha de mhios a Mhàigh, }  
1831. }



# SEARMOIN.

CEUD MHIOS AN T-SAMHRAIDH.

---

EINOIN, vi. 68.

"An sin fhreagair Simon Peadar e, A Thighearn, cia dh'ionnsuidh an d' théid sinn? agadsa tha briathra na beatha maireannach."

---

'S e so an fhreagair a thug Peadar do'n cheist a chuir a Shlán-uighear ris anns an earrann air thoiseach air briathra stéigh ar teagaisg. *An dill leibhse falbh cuideachd?* Agus ann a bhi dol air ar n-aghaidh chum an stéigh so mliúneachadh, bu mhaith leam a leughadair gu'm breithnicheadh tu air peacach a bhi air doigh áraid, air a thabhairt gu geur-mhothachadh air a chiont ann am fianuis Dhe. Smuaintich air peacanna agus amaideachd òige, maille ri aingidheachd gach là an aghaidh reusain agus tuigse, agus tuaiream duine thainig gu aois a bhi air an taisbeineadh fa chomhair a shùl. Smuaintich gum biodh gach minaomhachadh là na sàbaid, agus gach mi-bheus seachdaineach, gum biodh briseadh gach àithn do cheud chlár an lagha, air an càramh ris gach lochd uaigneach agus follaiseach a rinn e air a cho'-chreutairean; gu'm biodh gach seachran o Dia an smuain, am briathar, agus an gniomh, anns an robh e ciontach air an tabhairt nan aon armaiti eagallach uamhasach an làthair sùilean inntinn; agus gu'm fac e nis ni nach do mhothaich e riagh roimhe, gun robh Dia diom-

No. 9, NEW SERIES.]

bach dheth na h-uile là do'n aimsir a chaidh seachad, gun robh oilbheum air a dheanamh air a cheartas, ùghdarris air a cur fo dhímeas, a fhreasdal air a mhi-ghnáthachadh, a ghràs air a thionndadh gu macnus, agus Dia air a sgeadachadh le corruiich, agus a bagradh peanas siorruidh na aghaidh: a pheacaidh an-tromaichte feinag amharc air san aodann, ifrinn a'fosaladh a beòil gu farsuing chum a shlugadh suas; agus cia air bith an rathad a shealladh e cha'n fhaiceadh e ni air bith ach cunnart agus truaighe ag iathadh m'an cuairt air. Ged bhiodh an duine so co foghlaimte ri Feallsanaich na Roinn-eòrpa; ged bhiodh a thàlanna mòr agus a sgoileireachd mionaideach agus farsuing; ged bhiodh a shaibhreas ro-phait; ged bhiodh gach co'-f hurtachd aimsireil aige, a tha'n comas an t-saothail a bhualeachadh. Ann an aon f'ocal, ged bhiodh e na righ os ceann an t-saothail gu leir, tha euail na anam a dh'fhàgas searbh gach toil-inntinn talmhaidh; air chor gu'm b'fhearr leis gun robh gach ni dhiubh sin astar mòr air falbh uaith. An ann a tha thu a'saoilsinn gur ann a dhìlùthaich-

eadh an duine bhiodh san staid so le uile chridheri shean iodhalaibh, chum iomaguin intinn fhuadachadh air falbh, agus sith agus fois a bhi air a thoirt d'a anam. Leig leis ma ta an oidheirp so thoirt, thugar dha làithean, seachdainean, agus mìosan air son beachd-smainteachadh air a chuspairibh talmhaidh; leig leis feuchainn an urrainn da a tharraing uapa so na lughdaicheadh a lochdan am fianuis De, na chiùinicheadh a chogais chiontach, agus na shlànuicheadh a spiorad leointe: agus a' bheil thu a' smainteachadh gu'm biodh an duine sealbhar san oidheirp; gun d'thugadh am breithneachadh so air na nithibh sin gu crích eag-al agus uamhlunn na chridhe; agus gu'm biodh a ghairdeachas co mòr 's nachl b'urrainn do righ nan uamhas fein a sgrios.

Ni h-eadh gu deimhin, ach 's ann a thionndadh e air falbh inn-tinn le gràin, agus 's ann a mhothaicheadh e ni bu mhò na rinn e riamb, cia co neo-chomasach 's a tha na nithe sin air son maithseanas peacaidh, agus slainte anama a chosnadhl dhà. 'S an staid so an rachadh an duine air a bheil sinn a' labhairt a dh' ionnsuidh oibrigh an lagha, air son a pheacaidh a għlanadh air falbh, agus air son sòlas fhaotainn d' a chridhe? Cеadaich dha ma ta, so a dheanamh—rachadh e roimh mhòran dheas-ghnàthan—leig leis amharc air spioradalachd an lagha naomh a bhris e; agus gu bheil an lagh sin ag iarraidh ùmhlachd iomlan d'a àitheanta; agus co dhiubh a sheallas e air a għiūlan san àm a chaidh seachad, no air a chor iomaguineach san àm so, am biodh na nitie so comasach air aiteas agus sith a phàirteachadh r'a

anam. O! chà bhithheadh! 's ann a bhiodh crannchur an duine a' fàs ni bu mhiosa, agus ni bu mhiosa: 'S ann a bhiodh a pheacadh a' fàs ann an àireamh—agus tomhas a chiont' a'meudachadh---sàrachadh intinn a'teachd gu àirde mhòir. Agus ciod a theireadh e san staid theinndich so? Tha mi faicinn, gun abradh e, nach foghainn an t-innleachd so air son fearg an Tighearn a thionndadh air falbh uam; tha mi faicinn nach'eil a lagh' a taigse maithseanas peacaidh do na ciontaich; gu bheil e dùnadh doruis nèimh a'm'aghaidh, nach'eil lòn spioradail aig air son coguis leointa, agus nach gabh e aithreachas air son fireanachadh an aingidl. Ged bhithheadh e comasach dhomh Dia a għrādhachadh, agus fuath a thoirt do'n pheacadh san àm tha ri teachd, tha uallach truaill'eachd air mo choguis a chaidh a chruthachadh san aimsir a chaidh seachad, nach urrainn do innleachd duin' a sgrios: agus 'se na h-uile misneach a tha'n lagh a' toirt domh, Gur mallaichte mi mā's e 's nach coilion mi uile iarrtais an lagha.

Feumaidh mi an stéigh dòchais so thréigsinn; agus cò dh'ionnsuidh a théid mi a rìs chum 's gu'm faigh mi'n seòrsa tha m' anam a' miannachadh co mòr? An téid mi dh'ionnsuidh cui'd do m' cho-chreutairean? An téid mi dh'ionnsuidh Sgriobhach agus Phairiseach, a dh'fheuch an urrainn doibhsan leigheas a thoirt dhomh air son éucail co cràiteach? Feudaidh e an t-innleachd so a chleachduinn---ach cha soirbhich leis san oidbeirp so ni 's mò na anns na chaidh ainmeachadh cheana. Gheibh e iadsan co neo-chomasach air triobluidean anama

a chiùineachadh, no agartas coguis a chumail fo chois, agus còir a thoirt dhà air fàbhar agus cairdeas an Tighearn. Ach chum am beachd leis an do thòisich sinn a leantuinn a mach ni's faide, Smuaintich gun robh an neach a fhuaire an geur-mhothachadh so, an déigh dha bhi air a thoirt gu bruach eagallaich an ea-dòchais, an déigh dha fhaotainn a mach cia neo-chomhasach 'sa tha e do nithibh cruthaichte, no do chreut-air saorsadh oibreachadh amach air son anama, an déigh dha 'n cruinne-ce a' rannsachadh air son caraid a b' urraionn a chumail suas, no cobhair air a chruidh-chais, agus fuasgladh maireannach a thoirt dha, an déigh fiosrachadh fhaotainn cia co neo-fhreagarach is a tha lagh nam modhanna da inbh chunnartaich, chailte; gu'm biodh an neach so air a thoirt an làthair pearsadhl a thaining o Dhia, a' giùlan dreuchd teachdaire nèamhaidh, ag oibreachadh miobhuilean cumhachdach, a' searmonachadh teagasan fallain, fad os ceann neart agus eolas creutair cruthaichte chur an céill.

Agus chum an còmhach bu treis a thoirt air fiughantas a naduir a thaobh clann nan daoine, gu'n do ghabh e coslas nam peacach air, agus gu'n robh e ris a bhàs fhulang nan riochd, agus gu'm buineadh dha-san a bhi na fhear-tagraidh eadar Dia agus duine, agus co'-chòrdadh a thoirt m'an cuairt eadar an creutair agus an Cruthaighear; agus gum b'e a cheart chòir-san spiorad na firinn agus a chreidimh, agus gràdh do Dhia a bhuiteachadh air a luchd-leanmuinn fein, agus iomhaigh fein a sheulachadh air an anam. Smuaintich gun do thachair am peacach air a' bheil sinn a' labhairt, air neach cosmhuil ri so ani-

meadhon àmhaghair agus iomaguin inntinn, nach faiceadh e an gradraig cia co iomchuidh 'sa bha 'n ti so air son a chor do-leigheas trid doigh sam bith eile; agus nach éigheadh e mach, 'Se so esan air a bheil m'anam air a làn steigheachadh; agus na 'n gabhadh an neach so air laimh e, agus gun àireamhadh se e am measg a dbeisciobuil; agus nan d' thugadh se e ann an co'-chomunn dlù, caoimhneil, càirdeil a mhealtruinn maille ris fein, nach measadh e an daimh so r'a Thighearn agus a Shlaniughear os ceann deich mile saoghal. Tha na nithe deacair leis an robh an duine so air a chuartachadh trid a laithean deuchainneach, a nis air an sgapadh air falbh gu tur Tha glrian a nis air éridh, agus an dorchadas air fhuadachadh air falbh—tha eadòchas a' toirt suas àite do ghairdeachas dian—eagal feolmhor, do mbisнич spioradail — iomaguin inntinn do shiochaint anama. Tha 'm peacach a fhuair an dùsgadh nèamhaidh so a nis a' meas nan uile nithe mar neo-ni an coimeas ri oirdheirceas eolais Iosa Criosd—tha e leantuinn a Shlaniughir roimh dheadh-chliù agus mhi-chliù; agus an uair tha e faicinn mòran a bha aon uair a' giùlan coslas na diadhachd, a' cùl-sheumh-nachadh agus a' tuiteam air falbh o'n ceud ghràdh; agus ged a tha daoine mòr, cumhachdach, foghluiimte an t-saoghal, a' deanamh uaill as an stòras, as an neart agus as an gliocas fein, agus a' cur cùl ri saibhreas gràs Dé, agus ris an f hocal sin a tha comasach air an deanamh glic chum slainte. Agus am feadh a tha mòran a tréigsinn bratach Ceannard slainte pobuill Dhe, tha 'n duine nuadh ann an Criosd a' dlù-leantuinn r'a Fhearsaoraidh fìrinneach fein; agus ged

bhiodh a luchd-leanmhuinn air an tanachadh agus air an lughdachadh gu deich no a dhà-dheug, theireadh an t-iompachan tairis, "A Thighearna, cia dh' ionnsuidh an d' théid mi; agadsa tha briathra na beatha maireannaich."

Anns a cheud àite, theid an Criosuidh a dh' ionnsuidh a Thighearna agus a Mhaighstir air son maitheanas peacaidh; agus a' bheil an duine maith ni's faide na so air aghaidh air a thurus neamhuidh. A bheil e cho feumail do 'n duine tha air f'hìreanachadh trid saor ghràs De, bhi 'g iarraidh maitheanas na lochdan, is a tha e do'n duine thar a' bheil am peacadh gu h-iomlan na uachdaran? Tha, cheart cho f'heumail. Agus am feum oighre na glòire dol tre a cheart sheirbhis an déigh dha a bhi air iompachadh, a bha iomchuidh d'a staid m'an deach a thoirt thairis o bhàs gu beatha? Cha 'n 'eil tràilleachd sam bith san t-seirbhis sin a nis, ach feumaidh fear asluchaiddh air son maitheanas peacaidh fathast a choilionadh—agus cia mar, m'as e's gu bheil an teagasc na theagasc fallain is urrainn do 'n teagasc eile tha 'n t' abstol a' cumail a mach eadhon ge b'e neach a ghineadh o Dhia, cha dean e peacadh. Cha 'n 'eil an t-abstol anns an earrann a dh' ainmich sinn (1 Eoin 3. 9.) air son a dhearbhadh gu bheil an Criosuidh gu h-iomlan neochiantach; ach a mhàin gu bheil e an tomhas naomh, agus is e fior eadar-theangachadh air cainnt an abstoil, nach peacaich Criosuidh sam bith do ghnàth, agus le uile chridhe, agus neart, agus anam; agus nach biodh e air a cheadachadh dha peacachadh air chor's gu 'n gearr se e fein air falbh o thròc-air an Tighearna. Tha 'n t-abstol ceudna 'g ràdh mu Chriosuidh-

ean, ann an àit' eile, Ma 's e 's gun abradh iad nach do phracaich iad, gu bheil iad a' deanamh breugaire do Dhia; agus mar so cha 'n 'eil e fior gu bheil an Criosuidh saor o chionta agus truaill'eachd am fianuis an Tighearna.

Tha sinn a nis a' tabhairt ni's faide mar dhaighneachadh air firinn an teagaing a tha sinn a' cumail a mach, gu bheil r'a f'haicinn ann san eachdruidh a tha air a cur a nuas mu dhaoine diadhaidh, gun do mhothaich iad gun robh iad nam peacaich an lèthair Dhe; agus air an aobhar sin, gun deach iad a dh' iarraidh maitheanas air son an eu-ceartan a dh' ionnsuidh an Tighearna agus an Slanuighear; agus gun iomradh thoirt acha air aon chòmhdaidh eile air son na firinn so, tha sinn a' faicinn ann an ùrnugagh an Tighearna, a tha Criosuidhean a mhàin comasach air a enr suas air mhodh iomchuidh, gu bheil aon iarrtas air a chur sios a tha guidhe, *Maith dhuinn ar fiachan*. Tha e cheart co fior, tha sinn ag aideachadh, aon uair's gun d' théid Criosuidh a dheanamh do pheacach gu 'm biodh na peacanna chuireas e 'n gniomh anns an àm a tha ri teachd, cho maith riu-san gan robh e roimhe ciontach, air a maitheadh dha--Tha so co fior's gu bheil Dià a' riagh-ladh air nèamh. Ach tha e co fior air an laimh eile, 'nuair théid peacach a thionndadh gu bhi na dhuine naomh, 's ann an sin a mhothaicheas e gu bheil aingidh-eachd a' gabhail còmhnuidh ann. Ged bha e roimh sin na luidhe fo mhòran cionta, fo mhòran truaill-eachd, cha robh fiosrachadh aige air a chreuchdan lobhta, no air a chor cunnartach. Agus air chinnt tha e giùlan reusain leis, gu 'm biodh neach air bith a tha fo thin-

neas a pheacaidh, ag aslueadh air son leighis agus fuasgladh fhaotainn uaithe.—Agus a chionn nach 'eil e a réir nàduir rioghachd nan gràs gu'm biodh am peacadh gu h-iomlan air a sgrios sa Chriosduidh air thalamh. Tha e feumail uime sin gu 'm biodh an Criosduidh a' gnàthachadh ùrnuigh co-fad 'sa bhios e anns a chorp : agus a' measg nithe eile gu 'm biodh e 'g ùrnuigh air son maitheanas na pheacaidh—agus ge b'e àit a' bheil thu, a Chriosduidh, nach feud mi argumaid chum an teagast so a dhaingneachadh a tharraing o d' chleachda fein anns a phuinc so. Tha mi cinnteach gu bheil mi 'g innseadh na fìrinn, 'nuair tha mi 'g ràdh nach fac thu riabh an tانا-caitheamh rinn am peacadh air t-anam, gus an deach do bheothachadh o'n bhàs spioradail, agus cumhachd an t-soisgeil a dheanamh aithnichte dhuit—gur ann an déigh dhuit bhi air do philltinn ri Dia a fhuaire thu eolas air ceilg do chridhe—a chunnaic thu olc a pheacaidh—gun do mhothaich thu gun robh e na eallaich a bha ro-throm a ghiùlan—gu 'n robh thu ro-iaratasach air son e bhi gu h-iomlan air a ghearradh air falbh—agus daonnan 'nuair bha thu ciontach ann am peacadh, ni a tha thu h-uile là a' deanamh, nach fac' thu t-fheum air a pheacadh sin a bhi air a ghlanadh air falbh? Gu cinnteach chunnaic—agus cha do smuaintich thu riabh, ged a bha dòchas agad gu 'n robh gràs De air a bhuileachadh ort cheana—gu 'm fòghnadh so air son t-uile chiont fholach san aimsir tha ri teachd—sann a mhothaich thu do neo-f hiachalachd ni bu mhò o'n chaoimhneas, agus o'n tròcair agus o'n ghlàdh a chaidh thaisbeineadh dhuit—agus 's ann mar is miò a

fhuaire thu o t' Athair neanluidh a mhothaich thu t-uireasbhidhean fein—'Se so an doigh san oibrich spiorad an Tighearna anns a Chriosduidh. Tha lòn air ullachadh an cùmhnan nan gràs trid an d' théid uile eu-ceartaibh sluaigh Dhe a mhaiteadh dhoibh—ach anns a cheart àm tha e air òrduchadh gu 'm faigh gach Criosduidh geur-mhothachadh air aingidh-eachd, agus gun iarr e aingidh-eachd a bhi air a sgrios. Agus an uair a bhitheas tu fa throm uallaich a pheacaidh, cò dh' ionnsuidh a theid thu air son cobhair agus slainte? Cha smuaintich thu air dol thun do ghniomharaibh fein—a dh' ionnsuidh t-airgid no t-òir, no chum do dheadh-bheusan, no dh' ionnsuidh deas-ghnàthan air bith. Fàgaidh tu na nithe faoine sin aig daoin' aineolach, an-diadhaidh gu stéigh an dòchais-san a ghlùan—ach théid thusa, flior Chriosduidh, a dh' ionnsuidh an neach o'n d' fhuaire thu cheud mhosgladh o'n bhàs spioradail. Tha fhios agad gu bheil a cheart tobar tròcair a ruidh air tùs thairis air do chridhe truaillich, fathast fosgalte dhuit. Tha fios agad nach 'eil ainm fo nèamh tre 'm feud neach sam bith bhi air a shlànuchadh ach ainm Chriosd; agus cha deanadh tu dearmad air dol d'a ionnsuidh, mar an t-aon neach is urrainn réite thoirt m'an cuairt eadar Dia agus t-anam.

Anns an dara àite. Théid an Criosduidh a dh' ionnsuidh a Thighearna air son ath-nuadhachadh gràis agus naomhachd. Nani faigheadh daoin' aingidh saorsa o pheanas a pheacaidh, ruigeadh iad airde an iarrtais, agus bliodh iad làn thoilichte le 'n staid. Tha fuath aca do naomhachd, agus do nèamh rachadh iad gu togarrach, achi gu bheil an t-slige thà treor-

achadh chum an àite ghlormhor sin na slighe chumhang neo-thaitneach, agus neo-oirdheirc nam fianuis. Cha'n e so am beachd a tha aig an duine mhaith air an stéigh so ; tha esan a' gràdhachadh diadhachd mar dhiadbachd, agus a' fuathachadh a pheacaidh mar pheacadh ; agus mothachail mar tha e air aineolas fein, mu thimchioll mòran dhleasasan, agus theagasan, agus àitheantan, gu bheil a thoil an déagh na h-uile gràs a fhuair e a phàirteachadh dhà thathast ceannairceach, a thograidhean tuille 's feolmhor, aigne tuille 's talmhuidh, a chridhe gun bhi co làn do ghràdh do Dhia's bu mhaith leis —gu bheil a pheacaidh co lionmhor 'sa bha iad riamh—anacreidmh f hathast gun atharrachadh san taobh a stigh dheth, agus an saoghal a ta na luidhe ann an aingidheachd ga bhuaireadh o'n leth a muigh ; théid an Chriosduidh a dh' ionnsuidh an ti sin anns a' bheil lànachd gráis a' gabhair còmhnuidh, air son tonhas ni 's mò dheth. Agus nach feud mi a ris a leigeadh gu d' fhiorsachadh fein O ! Chriosduidh, gu bheil thu faicinn t-fheum air gràs nuadh gach aon là. Cha'n eil thu 'g àireamh gu bheil an cumhachd nèamhuidh chaidh a bhuiileachadh ort cheana comasach ni's leoir air buaidh fhaotainn thar gach ni a bhios a cur ann ad aghaidh. Nach'eil am peacadh ag atharrachadh a choslais dbuit na h-uile là ? Nach'eil dleasasan nuadh ag éiridh suas ceart eo tric ; agus a chionn nach'eil an seann duine idir na thàmh an taobl a stigh dbiot ? Cha'n urrainn duit a chreidsinn gur e an rathad is cinnichte trid am faigh thu a chuid is fearr dheth, a' leigeil leis deananmh mar a chi e iomchuidh. Tha feum aig do chorp air aran laitheil chum

a neartachadh air son dleasnais aimsireil, agus tha e cheart cho feumail gu 'm biodh an duine nuadh ann an Criosd air a neartachadh le biadh spioradail chum toil De a dheananmh, le bhi gabhail tlachd na uile shlighibh ; agus an là sam fannaich thu ann a bhi feitheamh air Dia, 'san là sin tòisichidh do chùl-shleumhnachadh agus gheibh do nàmhuid buaidh ort, feudaidh ùine mhòr dol seachad m' am bi thu air t-aiseag chum na staid bheothail, shuilbh-earradh, ait, a chaill thu, le d'mhichùram, agus le d' dhearmad air do dhleasnas.

San treas àite. Théid an Chriosduidh a dh'ionnsuidh a Shlanuighear an là a chruaidh-chais air son saoradh o thriobluidibh. Tha poball an Tighearna ceart co buailteach do àmhghara na beatha so's a tha daoin'eile ; cha'n e sin a mhàin, ach 's ann a tha e air òrduchadh gur ann trid mòran dheuchainnean a théid an tabhairt a steach do rioghachd nèimh. Agus cha'n eil e fior gu bheil daoine maith ni 's neo-thuigsich air mi-fhortan, ni's neo-mothbachala air fulangaisibh no tha tràillean a pheacaidh. 'S ann a tha iad ni 's caomh-chridhiche a thaobh nan nithe so na tha daoin'eile ; agus an uair a bhitheas am peacaidh fein nan cion-fath d' an triobluidibh, tha an ni so a' tilgeadh mòr shearbhadas ann an cupan an deuchainn. Ach am measg nan nithe sin air fad, tha fios aig a Chriosduidh cò ris a ghairmeas e air son fuasglaidh thabhairt dha na theinn 's na charraid. Agus an uair a bhitheas duine bochd, amaideach, neo-iompaichte a' breabadh an aghaidh nan dealg, agus ag amharc ri nithibh cruth-achtae air son a chobhair sin a

thoirt dha a tha os ceann a neart, chi an Criosdaidh am meadhon oidhche dhorcha, ghruamach a bhuiridh, 'sa geur-leanmuinn, 'sa thinneas chorparra leis a' bheil e air a thoirt gu bruaich chais chorraich, eagallaich na h-uaighe, chi an Criosuidh, tha mi ràdh, eadhon san staid so, a ghrian a' dealradh gu h-aoibhneach, glor-mhor, cairdeil air anam; agus leigidh e a thaic air gairdein cumhachdach an ti sin nach smachdaich gu h-an-ioclidmhor, ach a bheir air na h-uile nithe oibreachadh air son maith anama a phobuill fein.

'Nuair tha oighreachd co'phailt m'a'ta, a feitheamh na muinntir a thig d'a rìreadh a dh'ionnsuidh Chriosd, co a shaoileadh gu'm biodh peacach sam bith, a chluin-neadh an cuireadh a tha e fein a toirt seachad am briathraighe ar teagaisg, nach biodh ealamh gus a radh maille ri Peadar, a Tl ghearna, co a ruigeas sinn ach tñu? oir is ann agadsa tha briathra na beatha maireannaich. So gun teaganh an aigne sam bu chubhaidh do gach aon againn a bhi. Ach feudaidh mothachadh comhgeur a bhi aig cuid do dhaoinibh d'an ciont agus d'an gràinealachd fein, do'n tàmait a thug iad do'n Fhearr-shaoraidh agus do'n tair a rinn iad air a ghràs is gu'm bheil eagal orra nach eil an cuireadh so, caomh mar a tha é, gan ruigheachd san; tha'n cor co ro olc, agus am peacanna a cho'-lion doigh air an an-tromachadh 's gu'm bheil an coguisean fein g'an dìteadh, agus tha a bhreith-dhùtidh co' ro cho' thromach, cheart nam beachd fein 's nach urradh iad a shaoil-sinn gu'm bi i chian air a h-atharrachadh. Chum sluagh sam bith, a th' air an coimhead air an doigh so o philltinn a dh' ionns-

uidh Chriosd, aomadh gus am barail atharrachadh sa' chuis so, thugadh iad fainear gràs gun chumadh an Fhir-shaoraidh bhean-naichte. 'Nuair bha e air thalamh cha tainig neach riamh d'a ionnsuidh a dh'iarraidh a chomhnadh a chuir se air falbh leis an diultadh. Be' beatha gach aon do'n chinne daonna aige, ionnas gu'n do ghairmeadh dheth le naimhdibh, chum oilbheum a thoirt da, Caraid chis-inhaor agus pheacach. Agus an'riochd tàmait a ghabhail do'n ainm 's ann a rinn esan uaill' as, a gabhail gach co-throm air a nochdadhl do'n t-saoghal gu'n robh e air teachd a shireadh agus a thearnadh an nì sin a blia cailte. 'S ann chum na crìche so a ghabh e an nàdur daonna d'a ionnsuidh, agus ann san nàdur sin a dh' fhuling agus a bhàsaich e; agus 's ann air a ghnothach cheudna a tha e nise air dol suas gu neamhl far am bheil e'ga nochdadhl fein am fianuis De as ar leith; chum ma pheacaicheas duine sam bith, gu'm bi fear-tag-raidh aige maille ris an Athair a sheasanh a chuis agus a dheanamh air a shon. Agus nach fhead na comharan so air iochd agus gràs an Fhir-shaoraidh foghnadh a bhuntainn air falbh ar'n eagail agus a bheothachadh ar dochais. 'Nuair a chunn'cas da-san a ghreadhnachas rioghail agus a ghloir leis am biodh se ealamh gus a chreutairean dìblidh a lionadh le sgàth agus eagal, ionann 'sa chuiteachadh, agus an'riochd sin 'nuair a b'fhiu leis gnùis caraid bhàigheil agus iochdmhoir a ghabhail d'a ionnsuidh, nach maith a dh'fheudas so dheth fein misneach a thoirt duinn gu dlùthachadh ris, agus ar cuibhrionn do'n t-suaimhneas sin iaraidh uait' a

tha esan air cosnadh d'a shluagh. Ach a bharr air so tha e fein a' toirt nan cuireannan a's laidire agus a's càirdeile do gach seorta dhaoine gu teachd d'a ionnsuidh-se chum bhi air an saoradh leis o'n uallaichibh gu leir. Air an la dheireannach là mor na féiske, tha e air innse dhuinn, gu'n do sheas Iosa, gu'n do ghlaodh se ag radh, Ma'ta tart air neach sam bith, thigeadh e 'm ionnsuidh s' agus òladh e. Feuch, ars' esan, ri eaglais thruaillidh nan Laodiceanach, a' ta mi a'm sheàsamh aig an dorus, agus a' bualadh: ma dh' éisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu 'm fogsail e 'n dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabh-aidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille rium-sa. Agus

sa' chaibideil a's deireannaich a dh'fhocal De tha e sgriobhta, Deir an Spiorad agus a bhean nuadh phosda, Thig. Agus abradh an tì a chluinneas, Thig. Agus thigeadh an neach air am bheil tart: Agus ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor. Cha 'n ann idir am briathraibh ar teagaisg amhàin, tha an Slanuighear gràsmhor a gairm pheacach d'a ionnsuidh. Tha 'n cuireadh ceudna air a thoirt doibh an iomadh earrainn a dh' fhocal De, agus air a thoirt do gach seorta, chum nach biodh aobhar aig na peacaich a's mó agus a's gealtaiche sam bith a shaoilsinn nach robh a ghairm 'gan ruigheachd-san.

W. R. M'PHUN, PUBLISHER, GLASGOW,  
W. BLACKWOOD, AND MACLACHLAN & STEWART  
EDINBURGH.

1830.

# SEARMOIN.

MIOS MEADHONACH AN T-SAMHRAIDH.

---

## 1. COR. XI. 28.

"Ach ceasnuicheadh duine e fein, agus mar sin itheadh e do'n aran so, agus òladh e do'n chupan so.

---

Bha luchd àiteachaidh Chorint, gus na sgriobhadh an litir so ciontach a dh' aingidheachd ro mhòr a thaobh an doigh mhi-riaghailteach san robh iad a' gabhail orra teachd air an adhart chum sacraimaid na suipearach, agus frith-ealadh air Dia san òrdugh mhòr sin. Bha iad air tarruing orra fein, 'na lorg so cionta ro uamharr agus breitheánais ro eagallach; agus tha'n t-abstol sa' chaibdeil so a' toirt achmhasan ro gheur dhoibh air a shon sin, a leigeil ris doibh faraon an ciont' agus an cunnart, agus a'nochdadhl dhoibh an doigh san robh e mhàin comasach dhoibh bhi air an saoradh uatha, agus b'e sin le aithreachas a ghabhail d'am peacadhl, breith a thoirt orra fein agus iad fein a dhìteadh as an leith, le pilltinna uaithe, iad fein ullachadh airson an òrdugh so, agus teachd air an adhart d'a ionnsuidh as sin suas air mhodh cubhaidh. 'S ann chum na crìche so tha e toirt doibh na h-àithn' agus an seoladh a th'againn am briathraibh ar teagaisg. Ceasnuicheadh duine e fein, agus mar sin itheadh e do'n aran so, agus òladh e do'n chupan so.—An labhairt ni's pailte o na briathraibh sin, bheir sinn oidheirp

No. 10, NEW SERIES.]

le còmhna Dhe, air a nochdadhl dhuibh,

I. Ciod a th' air a chiallachadh dhuinn le sinn fein a cheasnachadh, agus an doigh san còir dhuinn a dheanamh.

II. Cuid do na nithibh ainmeachadh dhuibh mu'm buineadh dhuinn sin fein a cheasnachadh, agus fadheoigh,

III. A leigeil ris duibh cail-eiginn do nithibh bu chòir ar n-aomadh gus an Dleasnas so a chur an gniomh gu treibh-dhireach dùrachdach.

1. Tha sin gus a nochdadhl mata, ciod a th'air a chiallachadh le sinn fein a cheasnachadh agus an doigh san còir dhuinn a dheanamh; agus tha e gun ag sam bith a'cillachadh dhuinn, mar tha e air a chur f'ar comhair's na briathruibh so, sinn fein f'hidreachadh, agus a rannsachadh, le focal De againn mar ar riaghailt, a dh'f heuchainn ciod a ghèò dhaoin' a th' annainn fein agus ciod a rinn sinn? ciod an gleus sa'bheil ar n-anama, ciod am fonn cridhe san cleachdadhl leinn a bhi, agus ciod is gnè d'ar caithe-beatha agus d'ar giùlan? chum gu'n tuig sinn'na lorg so co'

ac' is naoiñh no peacaich a th' annainn? am bheil sian fathasd an domblas an t-searbhas agus fo chuibhreach ná h-eacorach, no air ar n-aiscag gu saorsa ghlor-mhor cloinne Dhe. Is mòr a tha'n taice ri fios a bhi againn air so, oir is iadsan amhàin a th'a 'nan clann mhic agus nigheana do Dhia aig am bheil còir air sàcramaid na suipearach, agus is iad sana mhàin aig am bheil fios air sin, no air bheag sam bith aig am bheil sàr dhòchas gu 'm bheil iad d' an àireamh, a dh'f heudas teachd air an adhart chum an òrdnigh le tearuinteachd agus sòlas. 'Nuair a tha a chùis mar so, cha'n e mhàin gu'm buineadh dhuinn sinn fein a cheasnachadh, ach a thoirt fainear gun dean sinn c mar is cubhaidh. Agus chum na cìche sin is còir dhuinn tìne ghabhail d'a ionnsuidh agus dol ma thimchioll gu fior fhaicilleach agus furachair, cha bhuineadh dhuinn idir smaointeachair a chur thairis le cabhaig oidhche no dha roimh la comanach, no bhi idir a deanamh le sealladh faoin a ghabhail d'ar giulan fein. Ma ghluaiseas sinn air an doigh so bith' sinn ro ealamh gu bhi air ar mealladh. Tha iomad deagh bhuaidh a dh' f heudas a bhi air duine a tha teacd a dhéigh laimh air fior ghràs san anam; agus tha cridheachan cealgach aingidh againn a tha ealamh gu toirt air daoinibh mòr mheas a bhi aca do mhaith sam bith a tha iad a faicinn orra fein, agus beag suim a ghabhail do'n olc, agus 'na lorg so tha iad ro ealamh gu barail mhearrachdach a bhi aca dbiubh fein. Gar coimhead o bhi air ar mealladh air an doigh so, uime sin, is còir dhuinn le h-ùin' agus aithis, le faicill mhaith agus furachras sinn fein a cheasnachadh agus

a rannsachadh, a cumadh ar cridh' agus ar caithe beatha ris na h-aitheantaibh, na h-earailibh, agus na h-eisiomplairibh a th'agann air an cur f'ar comhair am focal De.'S ann an sin amhàin a tha peacadh agus naombachd gu coilonta air an leigeil ris duinn, agus's ann amhàin a' dearcadh oirnn fein san sgàthan a gheibh sinn fios cinnteach co sinn agus ciod a ghnè dhaoin'a th' annainn. Le focal De againn g' ar sedlàdh, uime sin, is còirdhuinn gach cùil uaigneach 'nar n-anamaibh a rannsachadh a mach, gach tog-radh a tha faghail caidreamh 'nar cridheachaibh fheuchainn, agus gach earrann d'ar caithe-beatha agus d' ar giulan fein a dhearbhadh; agus gabhail uime gu fior threibh dhireach agus dùrachdach mar chùis ris am bheil ar leas siorruidh an' taice; oir is ann 'na lorg so amhàin a ruigeas a leas dùil a bhi againn ri teachd air ar 'n adhart gu cubhaidh chum sàcramaid na suipearach; agus an neach a tha teacd air adhart gu cubhaidh d'a h-ionnsuidh tha e, san òrdugh mhòr so, a' dol an' cùmhanta ris an Dia a's ro àirde, sa'bheil è a'faghail a chòir fein air a bheatha mhaireannaich air a deanamh thairis dha sgiobhta le fuil an Eadar-mheadhonair. An neach air an laimh eil', a tha teacd air adhart gu neo-ionchuidh, tha esan ciontach do chorp agus a dh' f buil an t-Slanuighir, agus cionnas is dol as dha o'n dioghaltas is mò, a tha gabhail a dhànadas air bhi ciontach do pheacadh co' uamharr? 'S furasda do dhaoinibh an co'-chreutair a mhealladh, ach cha ghabh fanaid deanamh air an Dia is ro àirde. Tha so gar toirt air ar n-adhart, a nis', a dh' ainmeachadh dhuibh mar a chuir sinn romhainn san dara àite.

II. Cuid do na nithibh mu'm buineadh dhuinn sinn fein a cheasnachadh, agus,

1. 'Se nì aràidh bu chòir dhuinn a rannsachadh mur déibhin fein, mu'n gabh sinn a dhànadas teachd air ar n-adhart chum bord comanaich, am bheil sinn do rìreadh an Criosd no nach'eil. Is iad an dream a'ta ann-san amhain tha murrach air co'-chomunn spioradail a bhi aca ris, agus gus an tig daoine chum na h-inblié so tha iad neo-iomchuidh airson dlùthachadh ris an sàcramaíd na suipearach.—Tha cuid do nithibh àraidh ann, m'ata, agus ma tha sinn fiosrach iad a bhi'narn-aoradh, 's leoir e gus a nochdadhl dhuinn nach'eil sinn an Criosd. Cha'n'eil an duine sin gun teagamh an Criosd a tha gu tur aineolach air a phearsa, air a dha nàdur mar is Dia agus Duin'e, air a dhreachduibh mar ar Fear-saoraidh, agus air an ard chrich gus an tainig e dh' ionnsuidh an t-saoghail, maille ris na sochaireibh prìseil spioradail a choisinn esan leis a bhàs. Cha'n'eil an neach sin an Criosd nach faca riagh fheum fein air-san, no nach'eil slaint' an nì no neach sam bithi eile, agus ni mò a' ta esan an Criosd a tha diultadh gu ceannairceach striochdadhl d'a ughadaras, a tha dol an aghaidh a reachdaibh naomh, agus a' buanachadh am peacadhl sam bith d'a dheoin agus le fhios, no an dearmad nan dleasnas a th' air an cuir f'a chomhair. Is sgeul cinnteach nach'eil an duine sin an Criosd a tha gabhail làire d'a theagastg, d'a shoisgeul, no d'a chrann-ceusaidh, d' am bheil meas aig an fhor Chreideach mar a ghloir, maille ris an Abstol a thubhairt, Nar leigeadhl Dia gu'n deanainn-se uайл' ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Iosa Criosd. Am briath-

ruibh aithghearrcha'n'eil neach sam bith an Criosd a tha dol air adhart a caith' a bheatha gun sgòinn, gun umhaill, agus ge do robh caileiginn do dhùil aige ri bhi air a shaoradh leis, aig nach'eil miann sam bith air comh-chomunn càirdeil a bhi aige ris; ach tha an dòchas gu'n saorar e as eugmhais creidimh, no ma tha e gabhail air fein creidimh bhi aige, cha'n'eil ann ach creideas faoin a tha e toirt do chuid a dh' earrannaibh a dh' f'ocal De, gun aithreachas idir 'na chomh-chluideachd, no na gràsan sin eile, a tha ghnà sruthadh o'n chreidimh sin a shlànuicheas. Ach air an laimh eile feudaidh fios a bhi againn gu'm bheil sinn d'a rìreadh an Criosd, ma's urradh sinn le fìrinn a ràdh gu'm bheil sinn air ar cruthachadh as ùr annsan chum dheagh oibridl, gu'm bheil sinn air fagħail uaithe nàdur nuadh o'm bheil gnìomharan agus beusan nuadh a' sruthadh a tha 'gam foillseachadh fein 'nar'n uile chaithe-beatha agus għiulan. Ma'ta neach sam bith an Criosd, ars' an t-Abstol, is creutair nuadh e: chaidh na seán nithe that, feuch rinneadh na h-uile nithe nuadh. Nise ge b'e neach air an d'rinn-eadh am mùthadh so, bith'se għnà mar chūram air ûmhlachd a thoirt do thoil De mar tha i air a foillseachadh dha, agus sin cuideachd cha'n ann car tamuill, ach an còmhnuidh, bith sè'na àrd chrioch a bheatha dha-san é fein a dhearbh-adh'na f'heir-muinntir dīleas tairis d'a Shlānuigħear beannaichte, leiar agus a thoil a dheanamh an' comhnuidh; agus chì sinn, uime sin, am Fear-saoraidh e fein ag ràdh ris na h-Iudhaich a chreid ann, Ma bhuanacheas sibh a'm f'ocal-sa, bithidh sibh do rìreadh 'nar deisciobuil dhomh-sa. Comhar' eile o'n aithnich daoine gu'm bheil iad

an Criosd, agus 'se sin ma tha comh-chomunn aca maille ris 'na òrduighibh naomh'; oir mar a dh' aith' near duine o'n chonaltra tha e tadhall no san taitneach leis a bhi, air an amhuil cheudna aithnear am fior Chriosduigh, mar tha 'n t-Abstol ag ràdh, le comh-chomunn a bhi aige maille ris an Athair, agus maille r'a Mhac Iosa Criosd. Ge b'e neach tha an Criosd cuid-eachd bith' mòr eud aig' a leith a ghlòire; bith' e ro dhéigheil air colas a shoisgeil agus creidimh'na ainm a bhi air an sgaoileadh feadh an t-saoghal. Is duilich leis 'nuair tha e faicinn a chomh-chreutairean a deanamh an coire fein le'n ceannairec agus an ar amach 'na aghaidh, agus a reir a chomaïs bheir e oidheirp iompaidh a chur orra gu pilltinn o'n droch shlighibh agus teachd a steach fo bhrataich àrd Chaiptein an slainte; an neach a tha gu tur a dhiobhail nan comharan so cha 'n eil aobhar sam bith aig' a shaoilsinn gu 'm bheil e air faghail còir air toillteannais an t-Slanuighir, no gu'm bheil a réit' air a deanamh suas ri Dia; agus uime sin cha 'n 'eil còir sam bith aig' air a chuirn naomba tha Dia a buileachadh air daoinibh aig bòrd an Tighearn'. Isfeisd ghràidh sin, a tha Dia air ullachadh fa chombhair a dhearbh - chàirdean amhàin, agus nuair tha neach sam bith eil' a teachd air adhart d'a h-lionnsuidh, tha e toirt tàmait do Mhaighstir na féisd, agus a'deanamh coire mhor d'a anam fein.

Ach a thaobh na muinntir sin fein aig am bheil sàr dhòchas gnm bheil iad air faghail còir air toillteannas Chriosd, agus 'na lorg so air an toirt o pheacadh gu naomhachd, mar nach 'eil neach sam bith soirfe sa bheatha so, cha'n eil aon diùbh-san aig nach 'eil anmh-uinneachdan, uircasbhuidean agus

a lochdan fein 'na aoradh. Nise mar is ann do Chriosd 'na aonar a bhuineas sochairean príseil na slaint' a tha esan air cosnadh a bhuileachadh air a shluagh. Cha'n eil e ni's cinntiche gu 'm bheil na comharan faicinneach air an roinn o'n leith 'muigh no gu'm bheil an Slanuighear beannuicht' e fein a làthair maille r'a shluagh san òrduigh so, le a lamhuibh làn do shochairibh spioradail, calamh gus am buileach'orra. 'Si cheisd a chuireas e ris'gach aon aca, Ciod e t-iarrtas agus t-athchuinge? Nochd dhomh-sa do leonta chum gu'n leighismi iad agus d'uireasbhuideh chum gu'n dean mi an leasachadh. Mu'n tig sinn air ar n-adhart chum an òrduigh so uime sin is còir dhuinn ar cridh' agus ar caithe-beatha fein a rannsachadh chum gum bi sinn murrach air ar n-uireasbhuideh a chur an' céill dà, agus gach cneith agus leon a tha 'nar n-aoradh a leigeil ris da. Nise tha cuid do ghràsaibh sonruichte mu 'm buineadh dhuinn sinn fein a cheasnachadh mu'n tig sinn air ar n-adhart chum an òrduigh so, mar nach 'eil neach sam bith a tha 'gan diobhail iomchuidh airson dlùthachadh ri Dia ann; agus cha 'n e 'mhàin, uime sin, gu'm bu chòir dhuinn a thoirt fainear gu'm bheil sinn'gan sealbhachadh, ach dichioll a dheanamh gu'm bith iad beothail agus an cleachdadadh; agus air tùs,

1. Is còir dhuinn a thoirt fainear gu'm bi an tomhas iomchuidh colais againn, colas air cumhnanta nan gràs agus air na cumhachuibh air am feud ar réite bli air a deanamh ris an Dia a's àirde, air nàdur an òrduigh mhòir so, agus a chrioch àraigdh gus an deach a shuidheachadh; feumaidh fios a bli againn gur sàcramaid a th'ann, sin ri ràdh, mòid nò mionn

fuidh'm bheil sinn a teachd gu 'm bi sinn ùmhal freagarrach do Dhia mar ar n-àrd Righ agus Uachdar-an, gu'm bheil sinn ag gabhail ri Criosd mar àrd Chaitpein ar slaint' agus a mionnachadh a sin suas gu'm bi sinn 'nar luchd muinntir dhileas agus thairis dha, agus gu'n cathaich sinn gu treubhach fo a bhrataich-san an' aghaidh nan uil' a's naimhde dha-san agus dhuinne, — feumaidh fios a bhi againn, cuideachd san t-sàcramaid so gu'm bheil an doigh iongantach sa' bheil slainte shiorruith air a cosnadh dhuinn air f hoillseachadh a mach le comharaibh faicinn-each; gu'm bheil an t-aran air a bhriseadh 'na chomhar' air corp an Fhir-shàoraidh ghlormhoir a chaidh a bhriseadh airson ar peacannaibh, agus am fìon air fhuil a chaidh dhòrtadh, agus gu'm bheil a bhàs agus f hulangais as ar leith ri chuímhneachadh againn san òr-dugh so leis an fhonn agus an gleus anam'a'ta iomchuidh; agus mar an ceudna do gach neach a ghabhas gu cubhaidh i gu'm bheil an t-sàcramaid 'na sealadh dhoibh air an còir an cùmhnanan nan gràs faraoen thaobh Dhe agus d'ar taobh-ne—Cha leoir dhuinn fios nan nithe so bhi againn, feumaidh sinn a thoirt fainear gu'm bheil fior eolas againn orra, agus chum na crìche so 'scòir dhuinn f heuchainn gu'm bheil ioraslaichd 'na chomh-chuideachd, Aomaidh fior eolas an neach aig am bheil e gus a ràdh uime fein, maille ri Agur, "Gu cinnteach tha mise ni's mi-thuigsiche na gach neach, agus cha'n-eil tuigse duin' idir agam. Cha'n-eil mi air foghlum gliocais, no air faghail eolas air an Tì a'ta ro naomha." Is còir dhuinn mar an ceudna thoirt fainear gu'm bheil ar n-eolas a drùghadh air ar

eridh', agus a toirt toraidh ionchuidh a mach 'nar caithe-beath' agus 'nar giulan; oir mar tha'n t-Abstol Seumas ag innse dhuinn, Tha'n gliocas a'ta o neamh air tùs glan, an diaigh sin siothchail, ciùin agus so-chomhairlich, làn do thròcair agus do dheadh thorabhb, gun leith-bhreith agus gun cheilg. Air an dòigh so tha fior eolas a ghnà mar sholus na gréine soilleir agus teith; sa' cheart àm sa'bheil e soillseachadh agus a' toirt eolais do'n cheann, tha e blàthachadh a chridhe le fuath do'n olc, agus le gràdh do Dhia agus d'ar dleasnas.

2. Gràs eile mu'in buineadh do dhaoin' iad fein a cheasnachadh mu'n tig iad air an adhart chum bòrd comanaich agus se sin, Creidimh. Is gràs so a tha ro fheumail's gach earrann do bheath'an fhior Chriosduigh, agus gu sonruichte san òrdugh so. 'Se làmh an anam'e leis am bheil e a'gabhair Chriosd d'a ionnsuidh, agus tha e an' riochd beòil dha leis am bheil se ag gabhail beatha uaithe.' S iad comharan a ghràis so ma tha e fior, air tus, Gu'n dean e Criosd prìseil duinn, Dhuibhse uime sin a chreideas, ars an t-Abstol Peadar, a'ta se prìseil; a ris, Glanaidh beo chreidimh an eridhe, mar a tha'n t-Abstol ceudna a nochdadhl dhuinn, 'nuair tha e 'g ràdh a labhairt a leith nan cinpeach, "Cha d' rinn Dia eadar-dhealachadh eadar sinne agus iadsan, a' glanadh an eridhe le creidimh." Bheir beo chreidimh cuideachd toradh maith a mach sa' chaithe-beatha, 'ga nochdadhl fein le deagh oibríbh sa' ghiulan am fianuis an t-saoghal; A bharr air sin bheir e buaidh air an t-saoghal, mar tha'n t-Abstol Eoin a nochdadhl 'nuair tha e 'gradh ris na creidich gus an do sgriobh e,

Ta sibhse o Dhia, a chlann bheag,  
agus thug sibh buaidh orra-san ;  
do blri'gur mo esan a'ta annaibh-  
se, na'n ti a'ta anns an t-saoghal ;  
agus tha e mar bhuaidh air beo-  
chreidimh mar an ceudna gu'm  
bheil fior aithreachas a ghnà 'na  
chomh-chuideachd.

3. Sin gràs 'eil a'ta ro fheumail  
do gach neach leis am b'àill  
teachd air adhart gu cubhaidh  
chum bòrd comanaich ; agus 's  
iad na comharan leis an aithnear  
gu'm bheil, an gràs so fior 1.  
Gu'm bheil bròn agus nàir air an  
fhior aithreachan, cha'n ann a  
leith cuid d'a pheacannaibh amh-  
ain, a tharruing 's maith dh'fheud-  
ta, mi-chliu no calldach saogh-  
alt' air, ach a leith gach aon  
diubh. A rìs, Bith'tuille bròn agus  
doilgheis air an fhior aithreachan  
a leith ciont a pheacaidh, agus  
an tamaitl a thug e leis do'n Dia  
is àirde glòir, no a leith aon  
bhreitheanais no dioghaltais a dh'  
dh'fheudas éiridh dha fein 'na  
lorg. Chì sinn, thachair so do  
Dhaibhi, an' diaigh dha dol a  
steach gu Bhatseba. 'S iad na  
briathra san d' aidich e a chiont,  
'nuair bha e aon uair air faghail  
sealladh dheth, a't-aghaidh, t-agh-  
daidhfein amhin dopheacaich mi gu  
tròm, agus a t-fhianuis fein a Dhe,  
d'o rinn mi an t-ole-sa. Bha e air  
peacachadh gu h-aingidh ole an  
aghaidh Bhatseba, an' aghaidh  
Uriah, agus mòran d'an tuille, ach  
cha robh suim aige dheth so uile,  
no do na breitheanais a bha am  
fàidh Natan air bagairt air 'na  
lorg, an' coimeas ris an tamaitl a  
bha e air toirt le pheacadh do'n  
Ti asro àirde; agus cha bhi ni sam  
bith a chràidheas cridl' an fhior  
aithreachain an' còmhnuidh co'  
mhor ris a cheannaire agus an t-  
ar-amach a tha e le pheacadh air

deanamh an' aghaidh an De uile-  
naomh, agus 'na lorg so aomaidh  
aithreachas e gu cùl a chur ra  
pheacannaibh, agus pilltinn uatha  
gun dàil a dh' ionnsuidh an De  
sin o'n deach e air seacharan.

'Nuair tha mòran againn  
an' ùine ghearr ma'ta, a [cur  
romhlainn dlùthachadh ri Dia  
san òrdugh a's naomha d'ar  
creidimh, mar a b'àill leinn gu'n  
altaich e ar beatha, agus gu'n  
gabh e ruinn mar aoidheachan  
taitneach aig a bhòrd, o nach 'eil  
aon againn nach do rinn ceannaire  
agus ar-amach 'na aghaidh, is còir  
dhuinn ar dìchioll a dheanamh  
gu'm bi ar n-aithreachas a leith  
ar peacannaibh fior bheothail agus  
treibhdhireach. Chum na crìche  
so buineadh dhuinn oidheirp  
dhùrachdach a thoirt air ar peac-  
anna a rannsach' a mach, an àireamh,  
agus na nithean a'ta 'gan  
an-tromachadh, agus gu sonruichte  
na peacanna is uainh'r a na chéile  
d'an robh sinn ciontach. Chum  
ar peacaidhean a leirsinn is  
coir dhuinn ar caithe-beatha  
agus ar giulan a chumadh ri aith-  
eantaibh lagh naomha Dhe, ag dol  
o àitne gu h-ainh' a toirt fainear  
cia minic agus cia lion dòigh san  
do bhriseadh leinn iad, ciontach  
do'n pheacadh a th'air a thoirt  
measg leo, 's a dhearmaid sinn na  
dileasnais a th' air an àithneadh  
duinn ; Is còir dhuinn cuideachd  
chum na crìche so dearcadh air  
na h-ionadaibh san robh sinn o  
àm gu h-am a gabhail còmhnuidh,  
a' smaointeach air ar giulan fein  
annt; oir cha'n eil aon diubh 's  
nach robh sinn ciontach do pheacadh  
eiginn, agus bith' dearcadh  
air an ionad ealanh gus am  
peacadh a thoirt nar n-aire.  
Chum ar peacanna fhaicinn cuid-  
eachd is còir dhuinn a thoirt

fainear gach dàimh sa bheil sinn thaobh a chéile, mar is pàranta no clann sinn, mar is maighstir-ean no seirbhisich, mar is fir no mnài phòsda, mar is ministeire no sluagh sinn, agus an leithid e sin. Ma smaointicheas sinn air gach dàimh dhiubh so, a toirt fainear ar giulan fein annta, 's eigin duinn a chuimhneach' an iomadhni gu'n tāinig sinn a dhiaigh-làimh 's na dleasnuis a bhuineas doibh. 'Nuair a thionnsg' nas sinn air an scriutadh so an' tùs, 's maith dh'fheudta nach tig ach cuid do na peacaibh is uamhlra na cheile d' an robh sinn ciontach 'nar n-aire, ach ma leanas sinn air rannsachadh ar caithe-beath-a, a rèir nan seolanna chaidh ainmeachadh, bith aobhar ag-ainn air éighich fa-dheoigh maille ri òglach Dhe o chian gu'm bheil uilc gun chomas an àireamh ag iathadh umainn, 's gu'm bheil ar n-eusaontas air ruigheachd chum nam flaitheas; cosmuil ri neach a thionnsgnas ris na reultan àireamh mu bheul an fheasgair mu'm bheil dorchadas fòs air tuiteam air aghaidh nan speur. 'Nuair tha e tòiseachadh an tùs cha leur leis ach beagan do na reultaibh is mò na chéil; achi cha bhuanach e ach ro ghoirid 'nuair a chi e aghaidh nan speur gu tur air a chòmhachadh leo, agus gum bi iad do-àireamh thaobh lionmhoireachd.

An' diaigh dhuinn ar peacanna air an doigh so a rannsachadh amach, thugamaid fainear aaron an gràinealachd agus an cunnart; agus chum sin a leirsinn cuimhnich-eamid cia e an neach an aghaidh an d'rinneadh iad, agus ciod sinn fein a bha ciontach dhiubh. Tha iad air an deanamh an aghaidh ard Chruithean an domhain mhòir gu leir, a tha ionlan 'na mhòr-

achd agus neo-chriochnaicht an cumhachd, a chruthaich na h-uile nithe an tùs le fhocal, agus d'am bheil e ceart comh fhorasd an atharrachadh gu leir a rìs gu neo-ni; a' ta gabhail còmlinuidh an solus nach facadh sùil fheola riamh, aig am bheil slòigh fhlaitheanais gu leir a cuairteachadh a righ-chathrach, a sleuchdadh sios 'na fhianuis, agus a deanamh aoradh agus seirbhis dha, agus esan air àrdachadh co mòr os an ceann 's gu'm bheil na h-aingil sin fein a tha faicinn a ghnùis a còmhachadh an aghaidh le'n sgiathairbh, 'nuair tha iad a teachd 'na fhianuis, gun chomas doibh dealradh a ghlòir a ghiùlan. Cha'n-eil luchd àiteachadh an t-saoghal dha-san ach mar am braon uisg agus mar dhuslach na meithe, seadh cha'n-eil sna cinnich gu leir le'n greadhnachas agus le'n glòir, ach ni's lugha na diomhanas agus neo-ni 'na shealladh. Tha e co geur an eòlas 's nach 'eil e'n comas da gun gach peacadh d'am bheil sinn ciontach fhaicinn, agus co glan na naomhachd 's nach eil e comasach, 'nuair tha e 'ga fhaicinn, gun ghràin a ghabhail deth. Bha a mhaitheas duinne cuideachd mòr gun aon tomhas; thug e dhuinn ar bith, ar beatha, agus comas ar gluasad, 'se thug dhuinn ar n-anama ar ciall, agus ar tuigse, maille ri sochairibh priseil na beatha so tha làthair; thug e a Mhac fein gu bàsachadh as leith ar peacannaibh, agus air a sgàth agus maille ris tha e taigse flaith-eanas dhuinn, agus ann sna flaith-easaibh sonas a bhios mòr mar ar miann, agus maireannach mar ar n-anama neo-bhàsmhor; 's na h-ionadaibh beannaichte sin, tha esan air ullachadh fa chomhair gach neach leis an ionmhuinn e, nithe nach faca sùil, nach cual-

a cluas, agus nach tainig an eridhe duine thaobh meud an glòir. Cia gràineil agus aingidh an ni dhuinne ma'ta, saltairt air a reachdaibh naomh; a tha co cothromach mhaith 's gu'm bheil ar sìth agus ar leas san t-saoghal tha làthair fein an taice ri sinn gan coimhead! cia gràineil an nì dhuinne am briseadh 's nach 'eil ach cnuithean talmhuidh ata snàigeadh air stòl a chos, ata co mòr fo fhiachaibh air géill agus ùmhlaichd a thoirt da, faraon a leith a throcairean lionmhor d'ar taobb, a choir annainn, agus na ceanglaichean làidir fo'm bheil sinn gu leir air teachd gu bhi dil-eas ùmhal da. Chum gràinealachd ar peacanna fhaicinn cuid-eachd, thugamaid fainear co minic 'sa bha sinn ciontach dhiubh, agus comh fhad'sa bhuan-aich sinn annt' o thoisearch ar beatha gu nuig an t-àm so, agus sìn an aghaidh gach ceangal agus

còmhnhadh a bha nar tairgse gu cùl a chur ri an aghaidh thròcairean agus blreitheanais, rabhach-an agus achmhaisain o chor dhaoin' eil', an aghaidh ar mòidean baisde fein agus air àmuibh eil', an aghaidh stri Spiorad nan gràs agus achmhaisain ar cogais fein, agus so uile ge do bha fios againn air uamhas an Tighearn, agus gu'n robh fearg Dhe air a foillseachadh o nèamh an aghaidh gach uile mhi-dhiadhuidheachd agus ea-coir dhaoine. Cia mor an ciont a tha sinn air tarruing oirnn fein le so, agus cia eagallach an dioghaltas a tha dligeach dhuinn na lorg? agus nach toir a bhi rannsach' amach ar peacadhean air an doigh so geur-mhothachadh dhuinne d'an cionta? agus nach dean e air lìonadh le bròn cràiteach as an leith da ghràs a' ta fior fheumail do gach neach leis am b'áill teachd air adhart gu cubhaidh chum bòrd comanaich.

W. R. M'PHUN, PUBLISHER, GLASGOW,  
W. BLACKWOOD, AND MACLACHLAN & STEWART,  
EDINBURGH.

1880.

# SEARMOIN.

MIOS DEIREANNACH AN T-SAMHRAIDH.

MATA. XVI. 26.

"Oir ciod an tairbhe a ta ann do dhuine, ged chosnadh e an saoghal uile, agus anam fein a chall?"

ANN an coimh-cheangal nam briathra so, tha e air innseadh dhuinn gu'n do thòisich Iosa aig an àm a bha'n so air a nochdadh d'a dbeisciobluibh "Gu'm b'ëigin dha-san dol suas gu Ierusalem, agus mòran de nithe f'hlolang o na seanairibh, agus na h-àrd shagartaidh, agus na sgrìobhaichibh, agus a bhi air a chur gu bàs, agus a bhi air a thogail suas air an treas là." Tha 'n fhreagairt a thug iadsan do na nithibh so a' dearbhadh gu'n robh iad fathast aineolach air na nithibh a labhair na faidhean; "Gu'm b'ëigginn do Chriosd na nithe so f'hlolang, agus dol a steach d'a ghlòir." Luc. xxiv. 26.

Agus a chionn gun robh fios aig an Tighearna gu 'm biodh iad ann an cunnart esan àicheadh, 'nuair a chitheadh iad e air a chur bu bàs, thoisich e air cur an céill doibh gu'm feumadh gach neach leis am b' àill a bhi nan deisciobuil dha-san, e fein àicheadh, a chrann-ceusaidh a ghiùlan, agus esan a leantuinn gu dileas, trid mì-chliu, agus deadh-chliu—gun d'thugadh gach neach a dh' àicheadh esan, air eagal geur-leanmuinn, sgrios air anam fein; ach gach neach a leanadh esan gu treibhdhireach, tre chreidimh,

No. 11, NEW SERIES.]

ged a robh e air a chur gu bàs, gidheadh gu m biodh anam air a thearnadh; agus a chum am brosnachadh gu esan a leantuinn, ar-aon chum priosuin, agus chum bàis, tha e ann am briathraibh ar teagaisg a' cur fa chomhair na hinntinn, mar gu 'm biodh an saoghal uile air ceann na meidhe agus aon anam air a cheann eile; air chor's gu'm faiceadh iad co suarach's a tha'n saoghal uile, agus an làn a ta ann, 'an coimeas ri slainte an anama. "Oir ciod an tairbhe a ta ann do dhuine, ged chosnadh e an saoghal uile, agus anam fein a chall? no ciod i a mhalaire a bheir duine air son anama?"

Ann an labhairt ni's saide o na briathraibh so bheir sinn fainear air leth na tri nithe a leanas,

I. Bithidh sinn a' beachdadh air co luachmhor's a tha'n t-anam.

II. Ainmichidh sinn cuid de na cleachdanna leis a bheil mòran a sgrios an anama fein.

III. Bheir sinn fainear cuid de nithe a tha dearbhadh gu 'm bi call neo-chriochnach aig a mhuinnitir a chailleas an anama.

I. Bithidh sinn a' beachdadh-

L [Price Twopence.]

adh air co luachmhor 's a tha'n t-anam. 1. Tha e muladach ri thoirt fainear, gidheadh tha e fior, gu bheil a chuid is mò de'n t-sluagh a' caitheadh am beatha mar nach biodh anama idir aca. 'S e cànmhuinn an cridhe an còmh-nuidh, " Ciod a dh' ithis sinn, agus ciod a dh'òlas sinn, agus ciod a ni sgiamhach an fheoil dhuinn. Mar sin tha'n uile iarrtais ceangailte ris na nithe a bluineas do'n choluinn. Ach cha'n eil iad a' toirt fainear gur e'n t-anam a bhi ceangailte ris is aobhar air gur airidh an corp air meas thairis air a chuid eile de dhuslach na talmhuinn. 'Nuair a ta nluinntir is maisiclie, agus is dillse dhuinn a' faotainn a bhàis, cha luaithe tha n t-anam ga'm fàgail na dh'fhasas sgreamh, agus tomhas de ghairisinn againn roimh'n chorp. Ann am beagan do làithibh, imichidh sinn gu toileach, agus adhlaicidh sinn as ar sealladh e. Tha so a' teagast dhuinn gur còir, air a chuid is lagha, uiread mheas a bhi againn air an anam 's a tha againn air a chorp.

2. 'Nuair a chruthaich Dia an duine air tùs, ghairm e an corp o dhuslach na talmhainn, agus shéid e anail na beatha na chuinneinibh, agus dh'fhàs an duine na anam beo. Chruthaich Dia e a réir iomhaigh fein, ann an èolas, agus an naomhachd; b' ann air an anam a bha iomhaigh Dhe, 's cha b'ann air a chorp; oir cha'n eil corp aig Dia, ged a dh' fheumas sinne labhairt air mar neach aig a' bheil buill chor-porra; do bhrigh nach urradh sinn ni air bith a thuiginn mu thimchioll a mhòrachd, as eug'ais sin. 'Nuair a pheacaich an duine chaill e iomhaigh Dhe, agus thainig bàs air an anam; ach 'nuair a tha neach a' creidsinn an t-soisgeil tha e air ath-bheothachadh le

gràs, agus tha iomhaigh Dhe, a chaill e, air a h-ath-nuadhachadh air anam, air chor 's gu bheil e air a dheanamh comasach air co'chomunn a bhi aige ri Dia : gidheadh tha an corp ceart mar bha e roimhe sin. A ris aig uair a bhàis, tha'n corp a' dol a dh'ionnsuidh an duslaich as an d'thàinig e, agus coidlidh e san dùr gus an d'thig an aiseirigh; ach thèid an t-anam a dh' ionnsuidh Dhe thug uaith e, a dh' éisdeachd a bhinn, agus a dh' fhaotainn a chuibhrionn, *a réir nan nithe a rinn e sa cholainn, ma's maith, no olc.*

3. Tha e gnàthaichte leinn meas a bhi againn air gach ni a réir a luach, no na chaidh iocadh air a shon. Air an doigh so, ma bheachdaicheas sinn air meud na h-èirig a dh' ioc Criod chum anama a shluagh a shaoradh, agus a cheannach o'n bhàs, chi sinn gu bheil an t-anam prìseil 'na shealladh-san, a chruthaich agus a shaor e; oir's ann aige-san a mhàin a tha fios air a luach. Beachdaich, ma ta, air irisleachd Chriosd, air na nithibh a rinn agus a dh' fhuling e, chum dioladh a thoirt do cheartas an lagha, agus saorsadh o'n mhalluchd oibreachadh a mach d'a shluagh. Beachdaich air mar bha e air a bhuaireadh le droch dhaoine, agus diabhoil, maille ris gach anastachd eile a ghiùlain e air an talamh. Beachdaich air ann an gàradh Ghetsemane, a' cur an céill gu'n robh anam ro bhrònach, eadhon gu bàs, agus e ann an cruidh-ghleachd anama, gus an robh 'fhallas, mar blàraona fola, tuíteam trid aodaich chum an làir; ag ùrnuigh ris an Athair, nam bu chomasach e gun rachadh an cupan feirge seachad air gun e ga òl; gidheadh aig an àm cheudna,

strìochdta do thoil an Athar. Beachdaich air a rìs, air a bhrath thairis d'a naimhdibh, air a thoirt gu tall'an àrd shagairt, agus an sin, an déigh a cheasnachaidh, air a sgiùrsadhl, crùn droighinn air a sparradh ma'cheann naomha, gus an robh aghaidh ghìormhor còmhdaichte le f'huil fein, agus a naimhdean a' lùbadh an glùin, fa chomhair, chum fochaid a dheanamh air, agus ag ràdh, *Fàilte dhuit a Righ nan Iudhach.*—A rìs chòmhdaich iad a shùilean beannaichte, agus iad ga bhualadh air a ghial, agus ag ràdh, gu tailceasach, “ Dean fàidheadaireachd dhuinn a Chriosd, cò a bhuaile thu?” Am mòr shluagh, aig an an àm cheudna 'glaodhaich a mach, “ Beir uainn, ceus e, ceus e.” A dh'aon f'hocal, Beachdaich air a' giùlan a chroinn-chéusaidl gu sliabh Chalbhari, an sin air a cheusadh eadar dà ghadaiche, mar shear droch-bheairt,—f'huil air a dòrtadh, agus f'heoil air a reubadh, an t-Athair a' folach a ghnùis air, agus e ag òl a chopain shearbh sin anns an robh domblas, agus peanas a pheacaidh air am measgadh, geur-cheartas a' gabhail greim air, agus fearg Dhe, da lorg sin, air a dòrtadh air gun mheasgadh, air chor's gun robh e air eigneachadh, le meud cudthrom nam pianata a leagadh air, gu eigeach, gu cruaidh, le gul agus sgàineadh cridhe, “ Mo Dhia, mo Dhia, C' ar son a thréig thu mi!”

An sin thug e suas a spiorad. Ghlaodh e clo chumhachdach chruaidh, 's gun do “ reubadh brat-roinn an teampuill, na dhâ chuid, o mhullach gu lochdar, agus chriothnaich an talamh, agus sgoilteadh na creagan, dh' f'hosgladh na h-uaignean, agus dh'éirich mòran de chorpaibh nan naomh a

bha 'nan codal.” Mat. xxvii. 51.

4. Cha'n eil ni air bith eile leig-eas ris duinn olc a pheacaidh, agus luach an anama, cosmhuiil ri fulangais Chriosd; oir gu cinn-teach, m'ar biodh am peacadhl gràineil, agus an t-anam luach-mhor, cha'n f'huilingeadh e uiread chum peacaich a thearnadh: agus 's ann chum na crìche sin a dh'fhuiling e na h-uile nithibh. “ Gu deimhin ar n-anmluinneachd ghiùlain e, agus ar doilghiosan dh' iomchair e; ach shaoil sinne gu'n robh e air a bhualadh, air a smachdachadh le Dia, agus air a chlaoidheadh; ach lotadh e air son ar peacadhl-ne, blhruthadh e air son ar n-aingidheachd; leagadh air-san smachdachadhl ar sìth, agus le a chreuchdaibh-san shlàn-uicheadh sinne.” Isa. liii. 4, 5. Tha'n dream a ta creidsinn ann an Criosd air an “ tionndadh o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd agus o pheanas a pheacaidh. Tha Peadar a' cur an cèill gu bheil an t-saorsa so air a ceannach le fuil Chriosd amhain. “ Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do shaoradh sibh le nithibh truaillidh, mar a ta airgiod agus òr, o bhur caithe-beatha dliomhain a thugadh dhuibh o bhur sinnseachd, ach le fuil luachmuoir Chriosd, mar f'huil Uain gun chron gun smal.” 1 Pead. i. 18, 19. Tha Pòl, mar an ceudna, a' cur'an céill gu bheil a muinntir a chreid an soisgeul air an ceannach le luach mòr; agus a nis do bhrigh gur le Dia iad, gur h-ann aigean, amhain, ata coir air an seirbhis. “ Oir cheannachadh le luach sibh,” deir e, “ uime sin thugaibh glòir do Dhia le'r corp, agus le'r spiorad, a's le Dia.” 1 Cor. vi. 20. Tha na firinn-

ean so uile a'leigeadh ris duinn gu bheil an t-anam ro-luachmhor ann an sealladh Dhe; agus tha anam gach duine co'-ionann luachmhor na shealladh-san.

II. Ainnichidh sinn cuid de na cleachdaidh leis a' bheil mòran a sgrios an anama fein.

1. Nuair a pheacaicheadh an duine air tùs, chaill e fein agus an cinneadaonna uile an còir air sonas; oir dh' fhàg am peacadh iad neo-airidh agus neo-chomasach air fabhar Dhe a chosnadh. Air dhoibh a bhi, mar sin, gun sùil gu truas a ghabhail diubh, agus gun làmh chum tearnadhl, ghabh Dia truas diubh ann an tròcair, agus dh'oibrich a ghairdean fein slainte air an son. Dhealbh e innleachd na slainte, ann an comhairle shiорuidh a ghliocais; agus a ta i air a coimh-lionadh gu h-òrdail a réir gealladh Dhe an Athair, trid bàis, agus aiseirigh Chriosd o na marbh-aibh. Tha e nis ag oibreachadh trid mheadhonaibh. Dh' òrduich e d'a sheirbhisich imeachd agus an soisgeul a shearmonachadh do gach dùil; agus san àm cheudna tha e cur an céill gu'n d'théid gach neach a chreideas annsan a shaoradh, ach gu'n d'théid gach neach nach creid a sgrios. Uime sin, ma's e dleasnas sheirbhlisich an Tighearna, an soisgeul a shearmonachadh, is e dleasnas nan uile dol d'an éisdeachd; oir is e sin am meadhon a dh' òrduich Dia chum peacach a thearnadh. "Agus cionnas a chreideas iad anns an Ti air nach cuil' iad iomradh? agus cionnas a chluinneas iad gun searmonaiche?" Rom. x. 14. "Uime sin, is ann o éisdeachd a thig creidimh, agus éisdeachd tre fhealidh air Dia." Rom. x. 17. Agus cha'n e mhàin gur e dleasnas dhaoin dol a dh' éisdeachd an t-

soisgeil gu minic, ach is còir dhoibh na Scriobtuire a rannsachadh gach là, gu dùrrachdach, agus a bhi guidhe air Dia gu'm "fosgadh e an tuigse, chum gun tuigeadh iad na scriobtuirean." Eoin v. 39. "Fiosraichibh do leabhar an Tighearn, agus leughaibh." Isa. xxiv. 16. Ged a tha na dleasnais so air an cur sios co soilleir ann am focal De, is tearc iadsan a ta'g an coimhead. Aidichidh na h-uile gn bheil e ceart, agus feumail a bhi feitheamh air an Tighearn ann am meadhonaibh nan gràs; gidheadh bheir mòran leithsgeulan truagh air an aghaidh chum iad fein f'hìrinneachadh, ann a bhi deanamh dearmad air na nithe sin a choimhead. Their mòran gu bheil an eaglais fada uatha—nach'eil eudach ceart aca leis an urrainn doibh dol do 'n t-searmoin—nach d' fluair iad a bheag de fhoghlum, air chor 's nach urradh dhoibh mòran leughaidh no ùrnuaigh a dheanamh; agus air a shon sin tha dòchas aca nach agair Dia iad. Mo thruaighe! cha'n éisd Dia ris na leithsgeulan sin aig uair bàis agus breitheanais. Nam biodh duais shaoghalta ri faotainn aig gach neach a dli' f heitheadh air Dia, cha'n iadsan a bhiodh air dheireadh. Tha sin a'leigeadh ris gu bheil barrachd déagh aca air an t-saogal, na tha aca air Dia agus slaint'an anama; gu bheil iad a dh' easbluidh Dhe, agus a'deanamh éucoir air an anamaibh fein.

2. Tha gràdh an t-saoghail' na nàmhuid, agus na ribe do'n anam co mòr ris an diabhol, agus tha so comh-fhillte ann am briathraibh ar teagaisg. 'Nuair a bheachd-aicheas sinn air cleachdainn an t-sluaigh, chi sinn gu bheil sannt agus gràdh an t-saoghail a' treòr-

achadh mòran daoine gu bhi 'g innseadh bhreug, agus a'deanamh nithe a ta tâireil, spideil, agus gràineil. "Oir is e gaol an airgid freumh gach uilc." 1. Tim. vi. 10. Tha gaol an airgid a'treòrachadh gu mèirle, gu mort agus gus gach uile aingidheachd. Ach ged a gheibh mèirlich, agus an leithide sin as, air uairibh o'n chroich, cha d' théid iad as o gheur cheartas De. Ciod air bith co sedelta 'sa cheileas iad an gniomhara o shùil an co-chreutair-ibh, gheibh Dia a mach iad, agus bheir e iad uair-éiginn, chum soluis agus näire. Tha peacanna cuid do dbaoinibh follaiseach roimh-laimh, a' dol rompa chum breitheanais; agus tha peacanna dhream àraidh 'gan leantuinn. 1. Tim. v. 24. Aon f'ocal eile o Dhia ris na mèirleach, "Bithibh cinnteach gum faigh 'ur peacaidh a mach sibh." Air. xxxii. 23.

3. Tha gràdh an t-saoghal a' treòrachadh mòran do mhuinnit ar dùthcha gu bhi dol air an aghaidh leis a chleachdadhbh neo-mheasail, agus mhi-laghail sin, ris an abrar smuglaireachd, is e sin a bhi toirt air an aghaidh ceairdean, agus marsantachd, gu h-uaigneach, agus a' seachmadh na cùs a ta dligheach iocadh air an son. Tha iad so a' milleadh na muinntir a ta toirt na nithe ceudna air an aghaidh gu laghail, onorach.—tha iad a' spùinneadh an Righ, na huachdranachd, agus na dùthcha uile. Tha'n cleachdadhbh an aghaidh lagh Dhe agus dhaoine, agus cha'n fheadh gun soirbhich leo. Is ann de oibre neo tharbhach an dorchadais so mar an ceudna. "Agus na biodh comb-chomunn agaibh ri oibríbh neo-tharbhach an dorchadais, ach gu ma fearr leibh an cronachadh." Eph. v.

11. "Air an aobhar sin thugaibh do na h-uile an dlighe fein; cain dhà-san d'an dlighear cain; cùs dhàsan d'an dlighear cùs, eagal dhasan d'an dlighear eagal, agus urram dhasan d'an dlighear urram." Rom. xiii. 7.

4. Tha gràdh an t-saoghal a' treòrachadh mòran a ta fo dheagh ainm, a ta'g aideachadh diadhachd, agus a ta air doigh eile measail san dùthaich gu slaoightireachd, agus a bhi gu carach meallta' nangnoth-aichibh saoghalta. 'Nuair a bhi os iad ri reic agus ri ceannachd, 's ann a chithear ciod an stéigh air a'bheil iad. Innsidh iad gu bheil na nithe a bhitheas iad a reic mòran ni's fearr na bhitheas f'hiös aca a ta iad, an dùil ris an tuille luach f'haontainn air an son; agus bithidh iad a' cur sios air na nithibh a bhitheas iad a' ceannach, chum an luach a thoirt a nuas. Cha'n eil umhaill aca ged bhiodh cùll aig an coimhlearsnach ma gheibh iad fein buannachd. Mar sin a ta iad le'n cuilbheartaibh, agus le 'm breugan, a reic an anama fein ris an diabhol, air son beagan de'n t-saoghal. O! b' fhearr gu'n cuimhnicheadh a mhuinnit so briathran ar teagaisg. Tha iad le 'n àmhulitean a' taisbeanadh gu bheil barrachd gràidh aca do'n t-saoghal na tha aca do Dhia. Cha'n e sin a mhàin, ach tha iad a' taisbeanadh nach 'eil gràdh idir aca do Dhia. "Ma ghràdhaicheas neach air bith an saoghal, cha'n 'eil gràdh an Athar ann." J. Eoin ii. 15. Seadh is usadh do chàmhla dol troimh chrò snàth-aide na dhoibh so dol a steach do rioghachd Dhe. Tha'n dream a ta air an toirt suas mar so do'n t-saoghal, air an cumail o bhi faotainn buannachd o f'ocal De, 'nuair a ta iad ga éisdeachd. Chi

sinn ann an cosamhlachd an t-siòladair, gu bheil ro-chùram an t-saoghal so, agus mealltaireachd beartais, air an coimeas ris an droighinn, a' lìonadh agus a' bioradh a chridhe, le iomaguin agus mi-shuaimhneas, air chor 's gu bheil e *mùchadh an fhocail, agus ga fhágail gun toradh.* Tha bhi labhairt bhreug, mar an ceud-na a' dearbhàdh nach 'eil iad nan sluagh do Dhia. Oir thubhairt e, *Gu deimhin is iad mo shluagh, clann nach dean breug.* Isa. lxiii. 8. Ach is ann a tha iad nan cloinn do'n diabhol. "Tha sibhse o bhur n-athair an diabhol, agus is iad ana-mhianna-bhur n-athar a's toil leibh a dheanamh : bha esan na mhortair o thuis, agus cha d' fhan e san fhlàinn, a chionn nach 'eil fìrinn ann. 'Nuair a labhras e breug, is ann uaith fein a ta e labhairt ; oir is breugaire e, agus is e athair na bréige.' Eoin viii. 44. Agus tha Dia ag ràdh gu 'm bi an cuibhrionn air a thoirt do na h-uile bhreugairibh maille ris an diabhol agus r'a ainglibh "anns an loch a ta dearg-lasadhl le teine agus pronnusc, ni is e an dara bàs." Foill. xxi. 8. Tha iad so uile a' dearbhàdh, cha'n e a mhàin gu bheil iad a' dearmad na nithibh a bhuineas d'an sìth, ach tha iad a' deanamh dìmeas air Dia, agus air slainte an anama.

5. Tha mòran a' caitheadh am beatha mar nach biodh Dia gam faicinn, no ga'n cluinntinn. Tha 'n aigne suidhichte air nithibh truaillidhan t-saoghal, agus thà iad a' deanamh uail agus ráiteachas anns na nithibh d'am bu chòir nàire chur orra. Tha e air innse dhùinn gu bheil iad nan naimhdean do chrann-ceusaидh Chriosd, agus gur e is deircadh dhoibh bhi air an sgrios, "Oir mar

a ta mòran a' gluasad, mu 'n dubhairt mi gu minic ribh, agus mu bheil mi nis, eadhon a gul, ag ràdh ribh gur naimhdean iad do chrann-ceusaïdh Chriosd, d'an deireadh bhi air an sgrios, d'an dia am brù; agus aig a'bhéil an glòir nan nàire, aig a'bhéil an aire air ñithibh talmhaidh." Phil. iii. 18, 19. *Tha'n inntinn fheolmhòr na naimhdeas an aghaidh Dhe, agus 'na bàs ; agus tha mhuinn-tir a tha gan toirt fein thairis gu bhi deanamh toil na fèòla, agus nan smuainte a' deanamh toil na fèòla, agus nan smuainte a' dearbhàdh gu bheil iad air am beo-ghlacadh aig an diabhol chum a thoile. Cha'n eil Satan a' toirt a mach an seirbhis a dh'aindeoin, ach a ta iadsan ga 'n reic fein gu toileach chum seirbhis a dheanamh dha. Mar sin "reic Ahab e fein a dheanamh uilc ann an sùilibh an Tighearna." 1. Righ xxi. 20. "Feuch, air son 'ur do-bheartan tha sibh air bhur reiceadh." Isa. 1. 1.*

Tha cealg a chridhe co mòr, agus truaill'eachd nàduir co laidir, is gu'm bheil mòran, 'nuair a tha buaireadh fa'n comhair a' dol air an aghaidh gu bhi deanamh nithe a tha fìrinn Dhe, agus an coguis fein ag innseadh dhoibh a dhùineas iad a mach a rioghachd nèamh. O mo chairdean 'se so a mhalaир bhrònaich, daoin' a bhi reiceadh an anama, agus an còir air sonas, air son toil-inntinn a pheacaïdh ! Is ann mar sin a rinn Esau 'nuair a reic e air son aon għreibm bìdh còir a cheud-blreithe, Gin.xxv.33. Cuimhnicheamaid ciod a ta 'n t-abstol ag ràdh, a thachair dhà-san an lorg sin a dheanamh. "Oir a ta f'hi os agaibh 'nuair a b' àill leis an déigh sin am beannachadh a shealbhachadh, gu'n do dhiùltadh

e : oir cha d'f huair e ait aithreachais, (an cridhe athar) ge do dh'iarr se e gu dùrachdach le deuraibh." Eabhr. xii. 17.

III. Bheir sinn fainear cuid de na nithe a tha dearbhadh gu'm bi callneo-chriochnach aig a mhuinn-tir a chailleas an anam.

1. Tha mòran a' reic an anama fein, agus an sonais air son an t-saoghal, agus gidheadh cha'n'eil iad a'faotainn ach fior bheagan de'n t-saoghal na dhéigh sin uile. Ged a gheallas an diabhol mòran nithe do dhaoinibh, cha'n'eil e na chomas an toirt seachad. 'Nuair a labhras e breug, is ann uaith fein a ta e labhairt. Is cràiteach an ni bhi faicinn a liuthad neach 'sa tha ann am bochduinn, agus an uireasbhuiddh san t-saoghal so, gidheadh aig a'beil an cridhe co leagta ris na nithibh a ta ga'n tréigsinn 's nach urradh dhoibh sealltuinn ri Criosd. Tha iad bochd agus truagh anns an t-saoghal so, agus tha iad a'ruith gudian air an t-slige leathainn a ta treòrachadh chum sgrios agus truaighe shiorruidh. Nach ann aig an diabhol a tha bhuaidh-mheallaidh thairis orra? Ged a ta e ga'm mealladh mile uair gach là, gidheadh bheir iad creideas agus g' eill dha air thoiseach air Dia; ach cha mbeall e iad nis faide na gu ruig am bàs: oir an sin fosglar an sùilean, chum 's gu'm faic iad am mearachd, gu'm mothach iad an truaighe, agus gheibh iad siorruidheachd gu bli caoidh an amaideachd.

2. Ach ged a thionaladh duine stòras, ged a chàrnadh e cruinn òr maran duslach, cha'n'eil dearbhadh aige gun lean e ris, " Oir gu cinnteach ni saibhreas sgiathan dha fein mar iolaire a dh'itealaich-eas chum nan nèamh." Gnath. xxiii. 6. Ach ged a leanadh saibhreas ri duine, agus ged bu chom-

asach gu'n cosnadhì aon duine an saoghal uile, ciod a bhuanachd a bhiodh ann da ma chailleas e 'anam? oir an sin caillidh e'n saoghal, agus gach sonas eile maille ris. Ciod am feum a ni stòras do dhuine air leabaidh a bhàis? *Cha'n'eil tairbhe ann an saibhreas ann an là na seirge.* Gnàth. xi. 4. Cha'n iadsan aig am mò a' bheil do shaibhreas is mò sonas oir cha'n urrainn an saoghal sonas a thoirt seachad. Gun amharus, tha e doirbh a thoirt air daoine bochd so a chreidsinn; ach dh'fhaodadh am mothachadh fein do thaobh nithe eile an nì so a theaghasg dhoibh; oir tha cuid de nithe aca o'n robb sùil aca ri sonas ma'n d' f'huair iad sealbh orra, ach a nis a ta toirt cràdh agus briseadh cridhe dhoibh. Is amhul a ta chùis do thaobh an t-saoghal. Ach ged bu chomasach gu'n d' thugadh an saoghal sonas seachad, agus gu'n leanadh e ri duine rè a làithean uile, cha bhiodh ann ach sonas diombuan oir, cha'n'eil dearbhadh aig neach gu'm faigheadh e aon mhionaid de dh' uine chum a shealbhachadh. Tha so soilleir o'n chosamhlachd a leanas. "Thug fearann duine shaibhir àraighe barr pailt' uaith; smuainich e ann fein, ag ràdh, Ciod a ni mi, chionn nach'eil agam ait anns an cruinnich mi mo thoraidh? Agus thubhairt e, Ni mi so: leagaidh mi mo shaibhlean, agus togaidh mi saibhlean a's mò; agus cruinnichidh mi annta sin mo thoraidh uile, agus mo mhaoin. Agus their mi ri m'anam, Anam, a ta agad mòran do nithibh maithe air an tasgaidh fa chomhair mòrain bhliadhna; gabh fois, ith, òl a's bi subhach. Ach thubhairt Dia ris, Amadain, air an oidhche so fein iarrar t-anam uait: an sin

cò dha a bhuineas na nithe a dh' ulluich thu? Is ann mar sin a ta'n ti a thaisgeas ionmhas dha fein, agus nach eil saibhir a thaobh Dhe. Luc. 12. 16.—xii.

3. Bithidh an call a dh' fhuilingeas an dream a chailleas an anama fein do-labhairt, oir bithidh iad ga f'hulang fad siorruidh-eachd. Cha mhothaich iad so gus an d'thig am bàs. "Anns an t-saoghal so tha mòran de thròcairean ga 'n sealbhachadh aig na daoine is measa; ach cha nochd Dia am braon as lugha do thròcair do na h-aingidh anns an t-saoghal ri teachd. 'Nuair a gheibh iad bàs théid am fuadach air falbh o làthaireachd Dhe a dh'ionnsuidh ionall dorchadair an leth am muigh. "Bithidh an sin gul agus giøsgan fhiacal." Mat. viii. 12. Bithidh uile chumhachd Dhe air tionndadh nan aghaidh, agus bheir e dhoibh an cuibhrionn ann an ifrinne am meadhon an

*teine nach mùchar a chaoidh.  
Far nach bàsaich an cnuimh,  
agus nach d' théid an teine as.  
Anns an ionad oilteil sin, bithidh  
iad maille ris na deamhain, a' ful-  
ang dòruinn fo dhioghaltas teine  
shiorruidh, a réir fìrinn, agus  
geur-cheartas De. "Agus bith-  
idh deataclu am péine-san ag éir-  
igh suas gu saoghal nan saoghal."  
Taisb. xiv. 11. "Is ni eagallach  
tuiteam ann an lamhaibh an De  
bheo." Eabh. x. 31. Oir a ta  
ar Dia-ne 'na theine dian-loisg-  
each." Eabh. xii. 4. O smuain-  
ticheadh na h-aingidh ciod a tha  
Dia ag ràdh m'an chùis. "Cò  
'nar measg a ghabhas còmhnuidh  
maille ri lasraichibh siorruidh."  
Isa. xxxiii. 14. An urrainn do  
chridhe fulang, no'n urrainn do  
lamhan a bhi läidir anns na láith-  
ibh anns am buin mise riut? Mise  
Iehobhah labhair, agus ni mi."  
Esec. xxii. 14.*

W. R. M'PHUN PUBLISHER, GLASGOW,  
W. BLACKWOOD, AND MACLACHLAN & STEWART,  
EDINBURGH.

1830.

# SEARMOIN.

CEUD MHIOS AN FHOGHARAIDH.

---

GNATH. XV. 9.

"Tha slighe luchd na h-aingidheachd 'na cùis ghràin do'n Tighearna."

---

Tha e an aire cuid mhòr do luchd na h-eucorach, an dara cuid gu'm bheil an Ti a's àirde gu tur ain-eolach air na nithibh tha tachairt as t-saoghal so, no air bheag sam bith nach 'eil mòr shuim aige do ghiùlan chlann nan daoin' air talamh. Cha'n fhead iad a shaoil-slinn gu 'm bheil esan diòmach dhiubh a leith nan nithe sa' bheil an tlachd agus d'an tug iad ùigh, agus cha'n eil iad a creidsinn gu'm bheil a bheag d' an giùlan co fhuathach leis-san sa b'áill le cuid do dhaoinibh a chur 'an céill doibh; agus 'se so tha 'ga dheanamh 'na nì co fhaoin 'nam beachd a bhi ciontacli do pheacadh. 'Se an nì ris am bheil mòran air an cleachdad, agus air am bheil 'an deigh. 'S leoir am buaireadh a's lugha thort orra bhi ciontaich dheth; agus 'an riochd cur an' aghaidha bhuaividh nodol á rathad a pheacaidh, 's ann a tha iad 'an tòir air mar an nì sa' bheil an tlachd, agus air am mò am miann. Tha 'n t-ole air fàs co gnàth-aichte 's nach 'eil uamhunn aig daoin' ach roimh na peacanna a's uamharr na chéile, mar a' ta na h-uilc sin a choisneas mi-chliu do dhaoin' am measg an comh-chreutairean, no thairngeas dioghaltas saoghal't orr', agus cha'n 'eil iad.

No. 12, NEW SERIES.]

san ach tearc.—Ach, ge b'e sam bith a's barail do luchd na h-eucorach sa' chuis so, 's sgeul cinn-teach ged' tha Dia 'na theampull air neamh, nach folaichear air san beud, ach gur leur d' a rosguibh gach nì agus neach a th' ann san domhan mhòr gu h-iomlan. Tha e sgrùdadhbh cridheachan 's a rannsachadh àirnean chlann nan daoin', a' faicinn gach smainteach diomhair tha 'g éiridh suas 's an anam, a' cluinntinn gach focal tha tigh'nn o'n bheul, agus fianuiseach air ar n-uile ghiùlan; agus mar is ionmhuiinn leis a chòir, ag amharc a ghnà air na fireanaibh le deagh-glinùis, tha làrn dearbhabh againn gur fuath le'anam gach gné uilc, agus gu'm bheil slighe luchd na h-aingidheachd 'na cùis ghràin do 'n Tighearna.—'An labhairt a nise ni's pailte o na briathraibh sin bheir sinn oidheir,

I. Air slighe luchd na h-aingidheachd 'an cail a chomharrach' a mach dhuibh, agus

II. Cuid do na nithibh ain-meachadh dhuibh tha dearbhadh dhuinn gu'm bheil an t-slighe so na cùis ghràin do 'n Tighearna. Taireis labhairt ris gach aon diubh sin fa-leith. cuiridh sinn crioch air an iomlan le foghna aith-ghearr.

I. Tha sinn, matà, gu slighe  
[Price Twopence.]

na h-aingidheachd a chomharrachd a' mach. 'Se an nì araidh 's am bheil an t-àrd Chruithear air cur dealachadh eadar mac an duin agus gach creutair tha 'g àiteach' an t-saoghal-so, gu'm bheil e air buileachadh airsam 'na aonar ciall agus tuigse leis am bheil e comasach air eòlas a ghabhail air a thoil, agus ùmhlachd a thoirt d'a aitheantaibh. Nochd Dia a mhaiteas airmhodh ro iongantach ann am foillseachadh a thoil do chlann nan daoine. 'Nuair nach bu leòir an tuigse fein g'a leirsinn an deigh d'ar nàdura bhi air a thruaileadh leis a pheacadh, dh' fhoillsich e stàtuin agus a blàireitheanais agus thug e lagh naomha do chlainn Israeil a th'againn a nis am measg ar làmh, agus sin cuid-eachd air a mhìneachadh dhuinn agus air a sparradh oirnn le neach nach lugh a na aon-ghin mic an De a's ro àird.

Nise 'se aingidheachd no peacadh briseadh lagha Dhe, agus tha daoine ciontach dheth 'nuair tha iad an guth, no an gniombh, no an smuainteachadh aon chuid a dearmad ni sam bith tha Dia ag àithneadh dhoibh 'na lagh, no deanamh aon ni tha esan a' toirm-easg dhoibh; agus tha iad an sin agimeachd air slighe na h-aingidheachd, 'nuair tha iad d'an déòin agus le'm fios a tort caidreamh do pheacadh sam bith 'nan eridhe, 's a deanamh gnàth-obair dheth 'nan caithe-beatha. Goirnear slighe duine, tha fios agaibl, do'n iùl air am bheil e 'g imeachd nuair tha e triall a aon dùthaich no rioghachd gu dùthaich no rioghachd eile. Cha'n-eil annainne gu léir ach luclid cuairt 'an dùthaich choimhich air talamh. 'Si 'n uaigh ericbh ar turuis thaobh an t-saoghal so, achi

's fhada mu'n e sin ceann ar n-uighe. 'Nuair tha'n corp air a thasguidh san uaigh 's a pilltinn do'n duslach as an d-thàinig e, tha'n t-anam air atharrachadh do shaoghal siorruidh. Cha'n ionaum idir cor do gach neach san ath-shaoghal. Am feadh 'sa bhios cuid do dhaoin' air an àrdachadh gu glòir agus sonas do-labhairt, bidh daoin' eile air an sgaradh gu truaighe bhios iomlan sior-mhaireannach, agus 's ann a réir an giùlain 'sa bheatha so bhios an cor san athshaoghal air òrduchadh. An neach a chaith a bheatha gu diadhaidh naomha, bidh esan sona, an neach a għluais gu h-aingidh olc, bitbidh se truagh. Ann am focal De, uime sin, goirear slighe na fireantachd agus na beatha do 'n chaithe beatha nèamhaidh naomha sin tha treòrachadh dhaoine gu glòir agus sonas, agus slighe na h-aingidheachd agus a bhàis do'n għiul an aingidh olc sin d' an tuarasdal sgrios agus doruinn shiøruidh.

Nise tha daoin 'ag imeachd' an slighe na h-aingidheachd cha 'ne 'mhàin 'nuair tha iad a cùr ri peacailbh uamh'ra mar ata mortadh agus marbhadh, braid agus meirle, striopachas agus adhaltrannas, tha iad a gnàthachadh pheacanna eile d' am bheil beag suim aig mòran do dhaoinibh an t-saoghal, mar ata gàbbhann agus breugan, mionnan agus briathran, misg agus pòit, briseadh là na sàbaid, agus an leithide sin. Tha iad so gu léir an' aghaidh lagh Dhe, agus cha 'n 'eil teagamh nach 'eil gach neach a tha g'an cleachdadh ag imeachd 'an slighe na h-aingidheachd. Ann am briathraibh aithghearr tha gach aon ag imeachd san t-slighe so a tha deanamh gnàth-obair do ni

sam bith a tha gu calg dhìreach an aghaidh lagh agus toil De mar tha iad air am foillseachadh dha.

Ach feudaidh cuid do dhaoinibh bhi ealamh gus a ràdh, Ma tha ma seadh slighe na h-aingidli-eachd co flarsuing, am bheil aon do shliochd an duine tha toirt ùmhlachd iomlan do lagh Dhe, nach 'eil air an laimh eil'an guth, an gniomh agus an smuainteach a' teachd gach là a dhéigh laimh air a thoil, agus mu'm feudar uime sin a ràdh nach i so an t-slighe sa' bheil iad ag imeachd? Agus 's éiginn gun teagamh aideachadh nach do ghineadh riabh le mnaoith, a mach o'n Fhear-shaoraidh ghlòrmbhor amhàin, neach sam bith a thug làn ùmhlachd do lagh Dhe, agus a b'urradh 'na lorg sin a ràdh nach do ghluais e bheag no mhòr 'an slighe na h-aingidheachd. 'S i so an t-slighe 'sa'bheil an nàdur traillidh sin tha uile chlann nan daoin' a nis' a toirt leo chum an t-saoghal'gan aomadh gu gluasad, agus an cian a mhaireas iad fo chumhachd an nàdur so gheibh-ear iad an còmhnuidh ag imeachd air an t-slighe sin. 'S ann 'an so mata tha'n t-eadar-dhealachadh mòr eadar an duin' aingidh agus an t-ionracan, am feadh 'sa tha an duin' aingidh a marsuinn'an staid nàduir, gu'm bheil an t-ionracan air iompachadh o pheacadh gu naomhachd, agus le oibreachadh Spioraid Dhe air a thoirt o staid nàduir gu staid gràis. Cha'n eil 'na lorg so tighearnas nì's fhaid' aig a pheacadh air, ionnas gu'n caitheadh e a bheatha tuill' ann, no gu'n tugadh e geill da 'na anmiannuibh. Cha d'fhuair an duin' aingidh riabh sealladh iom-chuidh do chiont' agus do ghrain-ealachd a pheacaidh no d'a mhittoillteannas fein 'na lorg. Tha 'chridhe aig an olc; 'se 'nì air am

bheil a dhéigh, agus 'sam mo a thlacha agus an obair a tha e ghnà a cleachdadhbh, gun ach beag umhaill do'n tàmailt a tha e le sin a toirt do Dhia, do'n choire tha e deanamh d'a cho'-clreutairibh, no do'n truaighe ris am bheil e 'ga fhàgail fein sgaolte'na lorg. Tha sùilean an ionracain, ge'ta, air am fosgladh ionnas gu'm bheil e faicinn gur e'm peacadh olc is mò sam bith, agus an nì is màthair-aobhair do gach dòruinn agus truaighe a th' ann san domhan gu h-iomlan. Tha aithreachas goirt air gun robh e fein riamh eiontach dheth, agus tha e a nochdadhbh tréibhdhireas aithreachais le cùl a chuir ris 'na 'chaithe-beatha agus 'na'ghiùlan - Mar tha'n duin' aingidh air an laimh eil' a marsuinn fo chumhachd a pheacaidh, tha e 'n còmhnuidh' ga cbleachdadhbh 'na chaithe-beatha. Cha'n eil duine sam bith gun amharus co aingidh 's gu'm bheil e deanamh gnà obair do gach aon pheacadh. Tha lagh a rioghachd agus riaghaitl a dhùthcha cur á chomas mòran pheacanna chur an' gniomh, agus tha peacanna eil' ann gus nach'eil a nàdur fein co mòr 'ga aomadh, ach do na peacaibh air am bheil e ni's teòma na chéile tha 'n duin' aingidh gu tur fo dhaorsa, ionnas gu'm bheil e mar a bhiadh agus mar a dheoch dha a bhi gan gnàthachadh. Tha'n t-ionracan gidheallibh air'f haicill an aghaidh gach aon pheacadh, agus thar gach aon an aghaidh nam peacanna sin gus am bheil e 'ga aithneachadh fein nì's so-aomaidh na chéile. Tha esan a toirt fainear a chridhe agus a chaithe-beath' a chumadh ri lagh agus toil De mar tha iad air am foillseachadh dha, agus cha luaithe tha e toirt fainear gu'm bheil earrann sam bith d'a ghiùlan an' aghaidh toil De, na

tha e ealamh gu cùl a chur ris ged robh sin cràiteach dha mar an làmh dheas a ghearradh dheth, no 'n t-sùil dheas a spònadhl as. Cha bhuanach esan am peacadh sam bith d'ashuardheadle'dheòin agus le 'fhiös. Feudaidh an duin' aingidh gun amharus air uairibh na peacanna a's ionmhuiinn-niche leis a chuiteachadh. Tha e ealamh gu sin a dheanamh gu h-àraidi rhè lâthaibh tannis agus an-shocrach, no nuair a thairngeas iad calldach no mi-chliu saoghalt' air, ach cha luaithe bhios cothrom aig' air an olc a dheanamh, no tha e pilltinn d'a ionnsuidh a rìs mar am madadh chum a sgeathadh fcin, agus a mhuchd a chaidh nigheadh chum a h-aoineagan 'sa chlàbar. Tha'n t-ionracan, a' cur an aghaidh an uile anns gach àm, agus cha toir cliù no mi-chliu dhaoine, calldach no buannachd shaoghalt' airsan buanachadh an nì sam bith a bhios' an aghaidh lagh Dhe agus solus a chogais.

Agus cha'n mhàin gu'm bheil an t-ionracan air an doigh so a cur cùl ris an olc; tha e mar an ceudn' a' deanamh maith; agus cha'n iad cuid d'a dhleasnais amhàin tha e toirt fainear a' chur an' gniomh, ach gach aon diubh: tha suim aige do làn chuairt a dhleasnais, tha e freasdalach air bhi 'na dhleasnas do Dhia co maith 's do dhuine, 's a bhi naomha 'na 'chridhe co maith 's na chaithe-beatha; agus cha 'n e idir gaol cliù no tairbhe shaoghalta tha 'ga aomadh gu gluasad air an doigh so, ach am mùthadh beannaicht' a th' air a dheanamh 'na nàdur agus'an suitheachadh a chridhe, oir mar is dual do dheagh chraobh toradh maith a thoirt uaipe 's amhul sin a tha fìreantachd agus naomhachd a' sruthadh o'n nàdur nuadh agus nèamhuidh a th' air oibreachadh san fhor-

aithreachan agus san ionracan thrèibh dhireach. Cha'n ann uime sin, air amannuibh sunraicht'amhàin tha esan a' toirt fainear a dhleasnais a chur an gniomh, ach anns gach àm, ge b'è nì a dh' eir-eas dha 'na lorg sin thaobh an t-saoghal so. Tha e fior gun amharus nach 'eil ionracas duine sam bith co sheasmhach sa' bheatha so, 's gun téid aige air uile dhleasnais a chur an' gniomh 's gach àm, no co fhoirfe 's gu'm feud e an cur an gniomh àm sam bith air mhodh coillonta. Tha e ge'ta ghnà mar chùram air an f'hìrean uile dhleasnais a chur an' gniomh-gu trèibh dhireach, agus cha 'n 'eil nì is mê tha toirt do thoil-inntinn da na 'nuair a tha dol aige air sin a dheanamh gu cubhaidh. Le gluasad air an doigh so gu seasmhach air cheumannuibh na fìreantachd bidh eòlas air an deagh shlighe sin a fàs 'an còmhnuidh ni 's pailte, agus a thlachd innte d'a réir sin a dol gach la am meud, gus mu dheire am bi e mar a bhiadh agus a dheoch dha-san rùn agus toil Athar nèamhuidh a dheanamh, agus tha e air an doigh so cosmuil ri solus na maidne a dh' f'hàsas nì's soilleire agus ni 's seilleire gus an tig mu dheire an là iomlan. Ged' tha'n duin' aingidh air an laimb eil a' cur cuid d'a dhleasnais an' gniomh cha 'n 'eil a chridhe idir san obair, tha e 'ga dheanamh sin amhàin a thoileachadh a choguis, no chum càileginn do bhuanachd shaoghalt' a mhealtainn, agus am feadh is beag leis an f'hìrean na dh' f'heudas e dheanamh a leith a Dhe agus a Shlànughir, 's ann is mòr leis an duin' aingidh na dh' f'heumas e dheanamh mu'm feud dùil a bhi aige ri dol as o dhòruinn shiorruidh. Cha'n 'eil idir suim aige-san do làn chuairt a dhleasnais, agus na dleasnais sin a tha e tairgse chur an'

gniomh, tha e 'ga dheanamh co' chearbach 's gu'm bheil fhìreantachd fein 'na cùis ghràin do'n Tighearna. 'S leòir an leith-sgeul a's suaraiche gu toirt air an leig-eil air dearmad, agus cha 'n 'eil uair a tha e deanamh sin nach'eil e g'an aithneach ni's deacaire ri chur an gniomh. Tha e na lorg so a fàs gach là ni's fuathaise orra, ionnas gu'm bheil e'n cunnart ri h-ùine a dhleasannais a leig-eil a lion beagan is beagan, air dearmad gu tur, agus tha'fhìreantachd cosmhul ris a cheò mhoch-thràthach, agus ri drùchd na maidne a shiùbhlas gu grad air falbh. So againn a nise, m' ata, slighe luchd na h-aingidheachd agus càileiginn do'n dealachadh tha eadar e agus slighe na fìreantachd, agus mar is toigh leinne ar n-anama, thig e dhuinn ar cridh agus ar caithe-beatha fein a rann-sachadh a dh' fheuchainn co dhiùbh slighe air am bheil sinn ag imeachd. Air an dara aon diubh tha gach aon do shliochd an duin' a' siubhal na thuras tre f'hàsach an t-saoghal so, agus co chinnt-each sa tha Dia's na flaitheasuibh, mar tha slighe na fìreantachd a seòladh dhaoine chum na cathracha nèarluuidh far am bheil làn aoibhneas agus subhachas siorruidh, tha slighe na h-aingidheachd g'an treòrachadh a dh' iomall dorchadais far am bi gul agus giòsan fhiacal, agus as am bi deatach am péin ag eirdh gu saoghal nan saoghal, agus tha so 'gar toirt air ar n-adhart a nis' a dh' ainmeachadh dhuibh, mar a chuir sinn romhainn,

II. Cuid do na nithibh tha dearbhadh dhuinn gu 'm bheil slighe luchd na h-aingidheachd'na cùis ghràin do'n Tighearna.

1. Tha iomlaineachd ghlòrmhor Dhe, mata, a dearbhadh dhuinn

gu'm feum gach sligh' aingidh olc sam bith bhi gràineil'na bheachd-san. Mar tha esan coilonta sgach deagh bhuaidh tha fhios againn gum feum e bhi iomlan am fìreantachd agus an' naomhachd. 'S leur dha-san gach ni agus neach 'nan snuagh agus 'nan dreach fein, agus mar is ionmuinn leis a choir ag amharca ghnà air na fireanaibh le deagh ghnùis, cha 'n 'eil teagamh nach'eil gach gne uilc agus aingidheachd thar tomhas gràineil na bheachd-san. Ma's fuathach leis an duine dhìreach choir iad sin 'nuair tha e 'gan toirt fainear 'an caithe-beatha agus an giùlan a cho'-chreutairean, co is urradh a radh cia gràineil 'sa dh' fheumas iad a bhi do'n Ti uile ghlòrmhor sin air neamh tha faicinn gach togradh olc agus smuainenach aingidh tha faghail caidreamh 'an anam luchd na h-eucorach, d'an aithne an innleachdan mi-chneasda gu léir, agus gach droch guiomh mu'm feud iad gabhail, agus a tha ni's gloine'na rosgaibh na gu'm feud e amharca air peacadh, agus co fhoirse 'na naomhachd's gu'm bheil e faghail amaideachd 'an ainglibh na soillse fein? Agus mar tha naomhachd Dhe a dearbhadh dhuinn air an doigh so gu'm feum gach sligh' aingidh olc a bhi gràineil na bheachd-san, tha ceartas an Ti bheannaichte sin a dearbhadh dhuinn an nì ceudna. 'S esan Uachdarancothromach na cruinne a th' air toirt reachdan agus òrd-uighean co cheart d'a chreutairibh 's gur eiginn do luchd na h-aingidheachd fein aideachadh gum bheil e ceangailt' orra géill a thoirt doibh sa' cheart àm sa'bhéil iad le'm briseadh g an saltairt gach la fo'n cosaibh. Nise tha ceartas neo-chlaon an uile chumhachd-aich a' cur mar fhiachaibh air

suim gun chumadh a bhi aige do na reachduibh ro chothromach so. Cha'n fheud esan leigil leis a bhriseadh a's lugha air aon diubhl dol as gun dioghalas, no gun choi-leasachadh iòmchuidh fhaghail as a leith. 'Nuair a thuit an duine air tùs, uime sin, cha robh dol as aige o sgrios agus o dhòruinn shiorruidh gus an do sheas Mac siorruidh Dhesa bheum eadar e 'sa Chruith'ear, agus gu'n do ghabh esan air fein an dioghalas a thoill eusaontas ar ceud sinnsear. Ma bhuin an Tì a's àirde, m'ata, co gheur theann ris an duine a leith a cheud seachrain, am bheil a bharail againn gur dol as dhoibhsan a th' air an t-seachran rè ùineam beatha gu li-ionlan? Tha e fior gun amharus nachl 'eil tlachd sami bith aig an-Uile chumhachdach ann am bàs a chiontaich. Tha e le mòr fhad-fhulangas a giulan le soithichibh na feirge fein a th' air an òrduchadh gu sgrios. Agus do bhrì nachl 'eil dioghalas obann 'ga dheanamh air dhaoinibh a leith am mi-ghniomharuibh, tha niòran do luchd na h-aingidheachd a' gabhair misnich dhoibh fein gu buanachadh san olc le dòchas gun téid iad fa-dheòigh as gun dioghalas gu tur. Ach ged' tha Dia fad-fhulangach cha'n 'eil e idir a còrdadh r'a gheur cheartas gum biodh e sior f'hlangach. Ma bha éiric co' mhòr feumail a leith a cheud pheacaidh, cionnas a theid a mhuinnit as gun dioghaltas a chuir ris an olc rè àm an beatha gu tur. Ma bhuin an Ti a's àirde co' geur theann ri aonghain Mhic fein 'nuair a fhuaradh e 'an riocdh pheacach, cia eagallach an dioghalas a ni e air a mhuinnit sin a għluu ġan slighe na h-aingidheachd fad cuairt an beatha gu tur, agus a chuir an t-ole so ris gach peacadh eile da'n

robh iad ciontach, eadloin tair a dheanamh air taigse nan gràs agus saltairt air an fhuil phrīseil leis an robh i air a cosnadh dhoibh. Gu cinnteach ged'théid gach làmh am boinn le chéile cha bhi dol as aig luchd na h-aingidheachd o dhioghalas, oir brisidh Dia ceann a naimhdean agus clraiginn greannach cruaidh na muinntir 'sin a bhuanacheas 'nan ceannaire 'na aghaidh: Agus, ge b'e barail a th' aca do'n chùis san àm, cha'n 'eil aon do luchd na h-eucorach nach aithnich fa-dheoigh o'n geur f'hirosrachadh fein, gur eagallach an nì tuiteam 'an lamhaibh an De blco flior.

Agus cha'n e'mhain gu'm bheil naomhachd agus ceartas De a' nochdadhbh dhuinn gu'm feum gach slighe aingidh olc a bhi gràineil na bheachd-san, tha 'mhaiteas 'ga dhearbhadh dhuinn mar an ceudanna. Tha maiteas an Tì bheannaithe so co mhaith r'a bhuidhabh eile guleir neo-chriochnaichte. 'S fada mu'm bheil esan a' gabhair tlachd 'an truaighe aon sami bith d'a chreutairibh. B'e 'rùn nach biodh aon diubb air an sgrios ach gun sealbhaicheadh iad gu léir subhachas agus sonas. Am fad 'sa tha aingidheachd no peacadh sam bith ri chur as an leith cha'n 'eil e'n comas da sin tachairt. Tha truaighe a għnà leantuinn air a pheacadh mar thoradh, ionnas nachl 'eil e ni's nàdurra do'n teine a theas a thoirt uaithe na tha e do'n pheacadh gach neach a tha 'ga għnàthachadh a dheanamh truagh. Is éucail għräineil e leis am bheil an nàdur daonna air a thruailleadh, air chor's gu'm bheil e eu-comasach air fior shonas a mħealtuinn am fad 'ea tha e 'na aoradhb. 'Nuair nachl bu leoir aon mheadhon a b' urradh sinn a' għnàthachadh gus a buntainn air

falbh uainn, tha gràs De co'mhòr's gu'n do chuir se a Mhac fein do'n t-saoghal g'ar saoradh uatha; agus air sgàth na sola prìseil a dhoirt e cha'n e mhàin gu'm bheil maith-eanas peacaidh air a thairgse do gach neach a ghabhas ris le beochreidimh, ach tha mar an ceud-na gràsan Spioraid naomha Dhe air an gealltuinn g'an saoradh o chumhachd a' pheacaidh, agus chum an nàdur truaillidh ath-nuadhachadh agus a naomhachadh. Thaobh na muinntir a chuireas cùl ris na taigsean gràsmhor so, 'sa bhuanacheas ag im-eachd'nan slighibh mi-dhligheach, cha bhi meadhon réite tuille ri f' haghail. Tha air an laimh eile maitheas De fein 'ga aomadh gus an tiomadh thairis do sgrios agus a dhòruinn gun chumadh, air chor's nach bi sìth no sonas nan naomh ni's fhaide air an cur an' lughad le'm mi-ghniomharuibh, ach gu'm bi iad 'nan comharuibh siorruidh air' f' huath do gach gnè uilc agus aingidheachd.

2. Mar tha iomlaineachd ghlòrmhor Dhe, air an doigh so, a dearbhadh dhuinn gum feum aingidheachd do gach sedra bhi ro ghràineil leis-san, tha 'f'ocal naomha fein am briathraig labhar àrd, a cur an céill an ni ceudna dhuinn. Tha e air innse 'an sin nach Dia esan tha gabhail tlachd'an aingidheachd, agus nach gabh olc sam bith còmhnuidh maille ris, gum bheil e glòrmhor 'an naomhachd, nach seas na h-amadain, 'se sin ri ràdh, daoin' aingidh olc, na 'f'ianuis, agus gur fuathach leis uile luchd dheanamh na h-eucorach. 'Se 'm peacadh tha e air a ràdh, an nì gràineil sin is beag air 'anam; agus tha'n sin fearg Dhe air f'hoillseachadh o neamh an aghaidh gach uil' ain-

diadhachd agus eu-ceirt dhaoine. Tha na bagraidhean is eagallaich air an deanamh an lagh Dhe 'an aghaidh gach neach a bhuanacha-eas 'na cheannaire. Tha e air a nochdadh dhuinn gu'm bi diom agus fearg, trioblaid agus àmlighar air gach anam duine ata deanamh uile, ma's Iùdhach no Geintileach e; seadh a'n t-anam a pheacaicheas gum bàsaich e, agus do bhri gur e'm bàs tuarasdal a pheacaidh, agus anns a'bhàssol tha fillt'a steach cha'n e mhàin am bàs aimsireil 'sa bheil an t-anam air a sgaradh o'n chorp, ach am bàs siorruidh sa' bheil araon an corp agus an t-anam air an sgaradh o Dhia gu siorruidh, agus air an tiomadh thairis gu truaighe bhios iomlan agus sior-mhaircannach. Cionnas a bha e comasach do'n Ti a's àirde, mata am fuath iomlan a th'aige do gach olc agus aingidheachd a chur an céill air mhodh ni bu shioilleire na tha e air deanamh 'na 'thocal?

A bharr air so uile tha ni eil' a tha gu ro dhealbhach a nochdadh dhuinn am fuath a th'aig an Uile-chumhachdach do gach gnè uilc agus aingidheachd; agus 'se sin an dearbhadh a tha e air toirt duinn air so an oibrigh a fhreasail agus gu sunraicht' an stiùradh an t-saoghal so sa' bheil sinn ag gabhail còmhnuidh ach 's fiù so labhairt uime ni's pailte na gu'n tionnsagain sinn air san àm.

Nach feud na chaidh labhairt toirt oirnn aideachadh gu'm bheil d'a' rireadh slighe luchd na h-aingidheachd 'na cùis ghráin do'n Tighearna, agus ma tha sinn a' creidsinn so nach tig e dhuinn ar cridh' agus ar caithe-beatha rann-sachadh a dh fheuchainn an i sin slighe air am bheil sinn fein agimeachd no nach i? Ma tha ar

coguis ag innse dhuinn gur i,  
 'nuair tha e co soilleir gu 'm  
 bheil i seòladh gu sgrios agus dòr-  
 uinn shiorruidh, am bi sinn co ro  
 amaideach, 's gu'm buanaich sinn  
 ial nì's fhaid' innte? Air an laimh  
 eile nach tig e dhuinn gun dàil  
 sinn fein ìsleachadh am fianuis an  
 De sin o'n deachaidh sinn air  
 seachran, ar peacanna aideachadh  
 dhà-san le bròn, le näire, agus  
 cràdh cridhe maitheanas iarraidh  
 annta gu treibh-dhireach air sgàth  
 toilteanas an Fhir-shaoraidh bhean-  
 naicht'; agus sunrachadh mar a  
 pheacaich sinn roimlic so nach  
 dean sinn sin nì's mò; ach ge b'e  
 ni a rinn sinn san aimsir a chaidh  
 seachad, a so suas gun gluais sionn gu  
 seasmhach air slighe chothromach  
 'aitheanta? Cuimhnicheamaid,  
 dhinn fein gu'm bheil sinn gu tur  
 éu-comasach airson obair co  
 chruadalach. Mara b' àill leinn gu'n  
 soirbhich leinn innte, cuireamaid  
 gu dùrachdach suas athchuinge  
 Ephraim, Pill mi, O Thighearn',  
 agus bitheam air mo philleadh;  
 oir is tu an Tighearna mo Dia.  
 Dch na tugadh so oirn idir lasach-  
 adh nar dichioll fein a ghnàthach-  
 adh. 'S ann an gnàthachadh ar dì-  
 chill fein gu treibh-dhireach tha Da

a gealltuinn a ghràs a bhualeachadh  
 oirnn. Deanaibh strì ars' an Slan-  
 uighear beannachte, gu dol a stigh  
 air a gheata chumhann. Iarraibh  
 agus bheirear dhuibh, lorgaichibh  
 agus gheibh sibh, buailibh an dor-  
 us agus théid 'fhosgladh dhuibh.  
 Chum bhi air ar n-iompachadh o  
 pheacadh gu naomhachd, feumaidh  
 sinn ar n-uile dhìchioll a dhean-  
 amh gus ar gairm agus taghadh a  
 dheananmh cinnteach, oidheirp a  
 thoirt air ar peacanna gu léir a  
 rannsachadh a mach, sunrachadh  
 air cùl a chuir riutha gun bhàigh  
 ri h-aon seach a chéile, agus dì-  
 chioll a dheananmh araon air ami  
 fogairt o'r cridhe agus air an tréig-  
 sinn 'nar caithe-beatha. Agus  
 cha leòir dhuinn sgur do'n olc,  
 feumaidh sinn mar an ceudna am  
 maith a dheananmh, dìchioll a  
 dheananmh air ar n-uile dhleasnais  
 a chur an gniomh, cha 'n ann gu  
 faoin no gu cearbach, ach gu  
 treibh dhireach dùrachdach, agus  
 cha 'n ann an euid a dh' àmaibh  
 amhàin ach gu seasmhach agus an  
 còmhnuidh. 'S ann mar sin a dh'  
 fheudas dòchas a bhi againn gun  
 oibrich Dia annainn araon an toil  
 agus an gniomh d'a dheagh ghean  
 fein.

---

W. R. M'PHUN, PUBLISHER, GLASGOW.

W. BLACKWOOD, AND MACLACHLAN & STEWART,  
 EDINBURGH.

---

1830.

# SEARMOIN.

MIOS MEADHONACH AN FHOGHARAIDH.

GNATH. XV. 9.

"Tha slighe luchd na h-aingidheachd 'na cùis ghràin do'n Tighearna."

'An labhairt roimhe o na briath-ruibh sin, taireis slighe luchd na h-aingidheachd a chomharrachadh a mach, dh'ainmich sinn duibh cuid do nithibh tha dearbhadh dhuinn gu'm bheil an t-slighe so 'na cùis ghràin do'n Tighearna; mar tha, iomlaineachd ghlòrmhor Dhe, agus gu'm bheil f'ocal naomha fein am briathraibh labhar àrd ga innse dhuinn. A bhàrr air so uile, tha nj eil' a tha gu ro dhealbhach a' nochdadhbh dhuinn am fuath a th' aig an Tì a's àirde do gach gnè uilc agus aingidheachd; agus 'se sin, na comharran a tha e air toirt duinn air so 'an oibríbh a fhearsadail, agus gu sùnraicht' an' stiùradh an t-saoghal so sa' bhell sinn a' gabhail còmhnuidh. Agus théid sinn a nise, le còmhna Dhe, air ar n-adhart a dh' ainmeachadh dhuibh cuid diubh so.

1. 'S eagallach an dearbhadh, m'a ta, a thug Dia air an fhuath iom-  
lan a th' aige dh' olc agus a dh'  
aingidheachd leis an dòigh san do  
bhuin e ris na h-aingil a thuit.  
B'iad na h-aingil na creatairean a  
b' àirde inbh agus a b' oirdheirc a  
dhealbhadh le gairdein an Uile-  
chumhachdaich. Bu spioradan

glòrmhor iad a bha faicinn a ghnùis; b' iad cùrteirean f' hlaith-eanais iad a bha gu frithéalaadh dha 'an uil' oibríbh a làmh, agus am fad's a mhair iad dileas, tairis dàsan, cha 'n'eil teagamh sam bith nach robh iad thar tomhas ion-mhuinneach aig an Dia uile bheann-aicht', agus gu h-iomlan sonadh am mealtuinn a chairdeis. Ach 'nuair a chlaon iad aon uair o'n dleasnas da, ciod a dh' éirich dhoibh? Am fògairt air ball a mach a flaitheanas, agus an sgàdh gu tur o ghnùis agus o chairdeas *an Uile-chumhachdaich*. Oir mar tha'n t-abstol Peadar ag innse dhuinn, cha do chaomhain Dia na h-aingil a pheacaich, ach air dha an tilgeadh sios do ifrinn, thug e thairis iad chum bhi air an coimhead an slabhruidhibh dorchadais fa chomhair breitheanas an là mhòir. 'Se so a nis an cor. Tha iad air an claoïdh fuidh chomharruibh feirg' an Ti a's àirde, agus làn uamhuinn agus geilt-chrith, roimh thomhas dioghaltais *agus feirg* gu ro mhòr is anabarraich' a tha feitheamh orr'an déigh làimh. Cha'n eil an ni a's lugha do dhùil aca ri lasachadh sam bith fhagh-

ail a chaoidh 'nan cian. Mar is iad na ceud chreutairean an cruith-eachd Dhe a bha ciontach do pheacadh, uime sin bithidh iad nan euspairibh siorruidh air a gheur cheartas agus 'f huath do'n pheacadh.

II. Gun amharc an leith 'muigh do'n t-saoghal so tha sinn fein ag aiteachadh, cha 'n 'eil neach sam bith a bheir fainear air chòir, mar tha e air a stiùradh leis an árd *Fhear-riaghlaidh*, nach fhaic am fuath gun chumadh a th' aige-san do gach gnè uile agus aingidh-eachd air iomadh doigh 'ga nochdadh fein ann.

Chaidh an duin' a dhealbh air tùs air mhodh coilionta réir iomh-aigh ghlòrmhor an De a chruthaich e. B'e àilleagan fhlaitheanais e; agus thugadh dha uachdran-achd an t-saoghall so, a chaidh dheasachadh suas gu bhi 'na ionad còmhnuidh iomchuidh fa chomhair; agus a nochdadh a spéis àraidih dha, shuidhich an Tì a chruthaich e an duine am párras sgiamhach, far an robh gach nì bha feumail gu toilinntinn agus subhachas a thoirt da, agus *anns* an robh co'-chomunn cairdeil aige ris an árd Chruith'ear. Ach cha luaithe bha an creutair so ciontach do pheacadh na chaidh fhògairt air ball amach a párras: chaidh claidheamh lasarach chur a dhion na slighe bha *treòrachadh* gu craobh na beatha, chum nach itheadh e chaoidh tuille d'a toradh; agus cia do-àireamh na h-uile a bhrùchd na lorg so a steach do'n t-saoghal, agus leis an robh an nàdar daonna air a thruailleadh? Agus cia eagallach gach breitheanas dioghaltais leis an do nochd an t-Uile-chumhachdach am fuath iomlan a thug e dhoibh? Bha iad co lionmhor 's gu'm feudt' a ràdh nach robh an' eachdruidh

chlann nan daoine a sin suas air bheag nì, ach eachdruidh nan comharran a thug an Ti a's airde air 'fhuath do gach gnè uile agus aingidheachd, agus air a spéis a dh' fhìreantachd, agus a naomhachd. Agus mar tha'm peacadh ghnà'an aoradh chlann nan daoine, tha sinn gu nuig an la'n diugh a' faicinn am fuath iomlan a th' aig an Tì is airde dha, air a nochdadh leis na breitheanas a tha'n eusaontas agus an aingidheachd a tarruing air daoinibh fa'leith, agus air rioghachduibh agus cinnich iomlan.— Thaobbh dhaoine fa leith, Ciad a' tha toirt gu'm bheil an duine nis air a bhreith gu trioblaid, mar is dual do na sradan siubhal 'an airde? An e gu'm bheil an Dia sin, a tha iomlan am maitheas, a' gabhail tlachd sam bith 'an truaigh' a chreutairean? Is fada mu'n e, ach gum bheil an nàdur daonna nis' air a thruailleadh leis a pheacadh, agus nach 'eil aon do shliochd an duin' is urradh nì's f'haid' a ràdh, gu'm bheil e air coimhead a làmhan glan, no gu'm bheil e saor o pheacadh. 'Se so tha toirt gu'm bheil an corp o bli air a dhealbh air tùs am fairfeachd, air fàs 'na thobar euslaint' agus ghalaran, a tha gu minic co chràiteach is nach beag an f hoighidinn a tha feumail a dheanamh daoine murrach air an giùlan gu cubhaidh. 'Se'm peacadh is coir-each ris gach aon diubh so; Tha sin soilleir thaobh cuid diubh air mhodh sunraichte, do bhrigìn gu'm bheil daoine 'gan tarruing orra fein direach le'm mi-ghniombarruibh; agus d'an taobh gu léir feudar a ràdh, gur e'm peacadh a bhris air tùs slaint' agus fallaineachd a chuirp, a chuir as d'a mhaise, agus, tre cheart bhreith-eanas De, a rinn buailteach e a dh' éa-cailibh gun àireamh, leis an

leagar e fadheoigh gu h-iosal san uaigh, gu bhi 'na chobhartach aig cnuimhibh talmhainn, agus air atharrach' chum na h-ùrach as an tâinig e. Is eagallaiche na so gu leir, na h-uilc a tha'm peacadh air tarruing air an anam. 'Se is coireach ris gach imcheist agus amharus, gach uamhunn agus eagall, gach cràdh agus càradh geur leis am bheil sliochd an duine nise gu minic air an claoiadh. Tha näire agus masladh, diom agus buaireas inntinn, amhladh agus agartas coguis 'an còmhnuidh 'ga leantuinmar a thoradh. Seadh, tha e soilleir do gach neach a bheir fainear air chóir, tre cheartas agus gliocas De, gu'm bheil peacanna dhaoine gu minic a' tachairt r'an dioghaltas dligheach sa' bheatha so fein; agus le iad fein a thoir thairis a dh' olc agus a dh' aingidh-eachd, gu'm bheil daoin' am bith-eantas a' lionadh am beatha *fein* le searbhais, a toirt call air aon maoin, agus aimhreit air an gnothaichibh, gu'm bheil iad a tarruing éacaillean air an cuirp, mi-chliù air an ainm, agus uamhunn air an coguisibh. Agus thaobh nan ionracan fein, mar tha iadsan a' giùlan fuigheall peacaidh mun cuairt leo am fad sa' tha iad sa' cholruinn, chì sinn gu'm bheil an trioblaid-ean fein 'nan aoradh sa' bheatha so. Tha Dia air òrduchadh sin, a nochdadhbh gur fuathach leis am peacadh ge b'e àite sa' bheil e 'ga fhaicinn, agus nach caomhnar leis e 'na chloinn fein a tha 'nan cuspairibh air fhìor ghràdh. 'Se a thoil, am fad 'sa tha peacadh sam bith 'nan aoradh, gu'm biodh iad buailteach a dh' àmhgharuibh agus do thrioblaidibh, o nach saorar iad a chaoidh gu tur, gus an àrdaichead iad chum na h-inbhe sin sam bi iad air an glanadh o gach gnè peacaidh, agus air an

deanamh gu h-iomlan agus gu siorruidh naomha. Ach,

Cha'n ann amhàin leis na trioblaidibh a tha 'm peacadh a tarruing air daoine fa leith a tha Dia a' nochdadhbh fhuath dha an stiùradh an t-saoghalibh so; ach mar an ceudna leis na breitheanas eagallach a tha e gu minic a tarruing air rioghachdaibh agus cinnich iomlan. Tha e soilleir o eachdruidh a chinne-daonna 's gach àl gur tric a tharruing olc agus aingidheachd sgrios air na cinnich bu mhò agus air na rioghachdaibh bu chumhachdaiche. 'S iad cogadh, gortadh, agus plàigh na meadhona, sunraichte leis am bheil an Tì is aird' a smachdachadh sluagh aingidhairson am mi-ghniomharraibh, agus air uairibh 'gan sguabadh bhàrr aghaidh na talmhainn. Cò a dh' f'heudas a chur an cèill na tha an aon uair a tuiteam an' cogadb, 'nuair tha Dia àm sam bith a toirt aithn' an claidheamh a bhi air a rùsgadh chum clann nan daoin' a sgathadh as? Cia eagallach am breitheanas gortadh 'nuair nach 'eil na speuran a toirt seachad am feur-thuinn, no an talamh a thoradh, ionnas gu'm bheil tìr bheartach air a deanamh fàs airson aingidheachd an t-sluaigneach a tha 'ga h-àiteachadh. Thachair sin air mhodh ro chomharraichte do thalamh Israel fein ri linn Ahaib, 'nuair a thug Dia air na fitheach leis an toil an cobhartach, òglach Elias a bheathachadh aig sruth Cherit, agus nach d' thainig uisge no feurthuinn air an fhearann car thri bliadhna agus shèa mìosan, ionnas gu'n robh an speur os an ceann mar phràis agus an talamh mar iarunn; agus e' arson a thachair sin, ach a chionn gu'n do thréig an cinneach ceann-airceach sin an Dia a chruthaich iad, agus gu'n robh iad air claonadhbh a

thaoibh gu aingidheachd agus iodhol-adhradh. Tha 'phlàigh cuideachd 'na comharra ro eagallach air fearg an Uile-chumhachdaich, 'nuair tha na mìltean a tuit-eam air an làimh dbeis agus chì, le sgrios obann nach feud neart no innleachd dhaoin' a chasgadh. Cha robh àl riabh do'n t-saoghal 's nach do nochd an Tì a's àirde fhuath do'n olc leis na breitheanais so a chur an' gnìomh an ceann eiginn do'n talamh. Ach am measg gach comharra faicsinneach a thug Dia do'n t-saoghal air fhuath do'n olc, cha'n-eil aon diubh co eagallach ris an dile. 'Nuair a lionadh an talamh le foirneart, agus a thruaill gach uile fheoil a slighe, chuir Dia dile, no tuil air saoghal do dhaoine mi-dhiadhaidh; agus cia eagallach an dearbhadh air an fhuath gun tomhas a th' aige-san do gach gnè uilc agus aingidheachd, 'nuair a chuireadh as do na mìltibh do chlann nan daoin' as an leith mar chòmhlaigh; seadh, 'nuair a sguabhadh sliochd an duine gu h-iomlan amach, saor o ochd pearsa amhàin, a dh' aon bheum bharr aghaidh na talmhuinn leis.

B'eagallach cuideachd an dearbhadh a thug Dia air fhuath do'n olc, leis an sgrios a rinn e air Sodom agus Gomorrah, agus na bailtean aingidh eil' a bha 'nan coimhearsnachd, 'nuair a fhras e tein' is pronnusc orra nuas o neamh, leis an robh an còmhnràd sin, a bha roimhe mar ghàradh Dhe airson mais' agus beartais, air atharrachadh 'na pholl gràineil, agus a marsuinn 'na chomharra do gach linn air an fhuath iomlan a th'aig an Tì a's àirde do dh'olc agus a dh' aingidheachd. Dh' fheudamaind ainmeachadh cuideachd chum na crìche so, an sgrios eagallach a thàinig fadheòigh air

baile Ierusaleim, 'nuair a thilg Dia na h-Iudhaich dheth o bhi 'nan sluagh sùnraicht' aige, agus mar tha an cinneach ceannairceach sin gu nuig an la'n diugh air an sgapadh feadh an t-saoghail gun àite-còmhnuidh sam bith bunailteach ac', airson an aingidheachd agus am mi-chreidimh. Air an dòigh so, leis na breitheanais a tha 'n eusaontas air tarriuing faraoen air daoinibh fa leith, agus rioghachd-uibh agus air cinnich ionlan, tha Dia air nochdadhbh air mhodh ro chomh-arraicht am fuath iomlan a th' aige do'n olc.

III. Ni eil' is fiù dhuinn a thoirt fainear 'an giùlan an Uile-chumhachdaich thaobh chlann nan daoin' agus 'se sin, ge do chunncas dàsan, an doimhneachd a ghliocais agus a ghràis, saors'a dheònachadh do'n chinne-daonna o'n truaighe eagallach a tharruing iad orra fein leis an olc, gidheadh gu 'n tug e fainear gu 'm biodh an t-saorsa so air a h-oibreac'h a mach, agus air a buileachadh air dhiòigh a tha nochdadhbh air a mhodh is dealbhaiche gur e'm peacadhbh an ni gràineil sin is beag air'anam-sa. Chum na crìche so, chì sinn nach tugadh e maithean-as do'u chinne-daonna 'nan cionta, 's nach biodh e réidh riu air chumha ni bu lughna geur fhulangais agus bàs craiteach aon-ghin Mhic fein 'nan nàdur. Agus 'nuair a bheir sinn fainear air an dara làimh mòrachd neo-chriochnaicht' an Tì a dh' fhuiling as ar leith, agus air an làimh eile meud nam fulangais a ghiùlain e, a tharruing uaithe-san goirt eighich agus deoir, agus a thilg e an cruidh-ghleachd anama co' mòr; 'nuair a bheir sinn fainear gu'm bu toil leis an Tighearn' esan a bhruthadh air an dòigh so, 'sa thoirt gu bròn

co cràiteach; agus 'nuair a chuimhnichreas sinn gu'm b'e 'm peacadh, ni h-e a pheacadh fein, (oir bha e gu h-iomlaa naomh' agus neo-lochdach,) ach gu'm b'iad ar peacaidh-ne bu choireach r'a gheur fhulangais; gu'n do leònadh e air son ar n-eusantais-ne, gun do bhruthadh e airson ar n-aingidh-eachd, cia eagallach an dearbhadh a tha e toirt duinn air an fhuath iomlan a thug an Ti a's àirdé do'n olc, agus air an rùn shuidhicht' a th' aige-san gu dioghaltas a dheanamh air. Nam feudadh e bithe gu'n leigeadh e leis a pheacadh dol àm sam bithe as gun dioghaltas, c'uin bu dòchadh so a thachairt na 'nuair a dh' fhoillsicheadh aon-ghin Mic a ghràidh an riochd luchd na h-aingidheachd air talamh? Agus san àm sin fein cha ghabhadh a shùil truas, agus cha chaomhnadh a làmh; ach leis na buillibh a leag e air-san, 'nuair a nochdadh e 'nar riochd, 'sa ghabh se air fein an dioghaltas a thoill ar n-eusaontais, chuir Dia an céill do fhlaitheanas agus do thalamh gu'm bheil am peacadh thar tomhas fuathach 'na shealladh-san. Air an dòigh so 'sa, cheart àm san robh Dia a' toirt an dearbhadh a b'iogantaich' air saibhreas a ghràis agus a thròcair, do pheacaich chaillte, thug e fainear sin a dheanamh air dòigh a bha nochdadh air a mhodh bu dealbhaich' am fuath iomlan a th'aige do'n olc. Fadheoigh, Cha'n ainmich sinn ach aon nì eil' a tha nochdadh dhuinn co fuathach 'sa tha slighe luchd na aingidheachd do'n Uile-chumhachdach, agus 'se sin an dioghaltas siorruidh a ni e 'an saoghal eil' air gach neach a bhuanachaes san t-slighe so gu crìch am beatha. Fendaidh Dia giùlan le daoin' aingidh ri h-àm an deuchainn air

talamh, agus tha e gu minic 'ga dheanamh sin, agus gach aon là a dòrtadh a thiodhlacan prìseil orr' an cùrsadh a f'hreasdal; ach a thaobh na muinnitir sin a chuir-eas a nise cùl ri taigse nan gràs, agus a chruadhaicheas am muineal san olc, cha mheal iad a bheag do thoradh na saors' a tha Dia air deònachadh do dhaoinibh; air an laimh eile, tha'n Slanuighear e fein ag innse gur e sgrios agus dòruinn shiorruidh is cuibhrionn doibh an saoghal eile. Tha'n dòruinn so air a foillseachadh dhuinn air iomadh doigh le Dia'na fhocal. Tha e air innse dhuinn gu'm bi'n cuibhrionn aca san Loch a'ta losgadh le tein' agus pronnusc; gu'm bi deatach am péin ag éiridh suas gu saoghal nan saoghal; gu'm bi iad air an tilg-eadh do dhorchadas, iomallach no an dùi-neul dorchadais far am bi gul, agus caoidh, agus gios-gan fhiacall; nach bàsaich an cnuimh, agus nach téid an teine as; agus gun deanar peanas orra, le sgrios siorruidh o làthair an Tighearna 'so ghlòir a chumhachd Feudaidh peacaich rag-mhuinealach beag suim a ghabhail dheth so uile san ám, ach nam biodh iad gu aon phlathadh fhaghail do'n dòruinn so le sùilbh an cuirp, nam biodh iad gu droch spioraid agus daoin' aingidh fhaicinn air an claoïdh an taobh a stigh agus an leith 'muigh dhoibh, leis gach nì a dh' fheudas am beatha a dheanamh cràiteach anshocrach, agus truagh, cha b' urradh iad a chuir ni b' f'haid' an ag gu'm bheil aingidheachd do gachi seorsa gràineil leis an Uile-chumhachdach, agus b' eigin doibh aideachadh gur eagallach an nì tuiteam an làmhuibh an De bheò fhior. Feudaidh sinn a bhi cinnteach nach deanadh athair

càirdeil nan uile am feasd diogh-altais air a chreutairibh fein air an dòigh so, mu'r biodh a ghliocas, a cheartas, agus a naomhaichd, mar is e Uachdaran cothromach an domhain, 'ga dheanamh sin feumail. Tha e, amòr mòr chàirdreas dhuiinne, air cur nam bagraidhean is eaga'llaich' an' céill an aghaidh luchd deanamh uile 'na f'ocal, chum iompaidh a chur orra-san gu cùl a chur r'an droch shligibh, agus gu'n téid iad 'na lorg sin as o'n dioghaltas a tha dligeach dhoibh. Ach mar gabh iad-san rabhadh uatha sin, ach gu'm buan-aich iad nan ceannaire agus 'nan ar' amach cha'n 'eil umhail nach dean a cheartas agus 'f'hìrinn le chéil', agus an t-suim a th' aige faraon d'a ùghdarras fein, agus do dheagh riaghaitt an domhain mhòir gu h-iomlan, esan aomadh fadheoigh gus na bagraidhean so a chur gu léir an gniomh.

Mar cho'-dhunadhl a nise do'n iomlan, thugamaid fainear cuid do na nitibh a dh' f'heudas sinn fhoghlum o na chaidh a labhairt o na briathraibh so, agus,

1. Air tùs, 'Nuair tha'm peacadh co ro ghràineil le Dia, nach 'eil so a nochdadh ciont agus amaideachd na muinntir sin a tha gabhlail tlachd san olc, seadh da'm bheil e 'na chùis fhanoid, no aig am bheil beag suim dheth. Tha'n duine glic a toirt fainear gur am-dain iad a ni cùis fhanoid do'n pheacadh; agus nach lionmhor na h-amadain sin air feadh an tsaoighail, an riochd aithreachas a ghabhail d'am peacannaibh, a tha deanamh gnà obair do'n olc, agus d'am bheil e 'na aobhar ghàire agus 'na chùis fhanoid? Ach nach e'n amaideachd is mòr tlachd a ghabhail 'an nì a tha co ro ghràineil leis an Dia uile-bhleannichte; cùis fhan-

oid a dheanamh do'n nì sin a rinn aidhbhearsairean do na h-aingil, a dh' f'hogair ar ceud sinnisir à párras, agus is coireach ris gach truaigh' agus trioblaid a thàinig, no a dh' f'heudas teachd air aon sam bith do chlann nan daoine? C'arson nach toir a mhuinntir so fainear'na thrà gu'n dean na peacanna sa' bheil an tlachd, mur cuir iad le h-àithreachas treibh dhireach cùl ri, an treòruchadh gu cinnteach fadheoigh gu sgrios agus dòruinn shiorruidh? Agus ge do robh am peacadh 'na aobhar ghàire, no 'na chùis sgeig agus fochaid ac' am meadhon an òil agus an aidheir air talamh, ciod a bharail a bhios aca dheth air cheann na h-uaire sin, nuair a thogas iad màiile ris a gheòcaire shaibhir, an sùilean suas 'an ifrinn, air dhoibh bli ann am piantaibh. Is goirt an t-achmhastan a bheir an aingidheachd dhoibh san àm sin, 'nuair a dh' aithneas iad o'n géur f'hiösachadh féin gur olc agus searbh an nì dhoibh gu'n do pheacaich iad 'an aghaidh Dhe.

2. 'Nuair tha'm peacadh co fhuathach le Dia, nach iriosal bu chòir dha gach aon againn f'hàgail, gu'm bheil ar nàdair fèin co mòr air a thruailleadh leis, agus gu'n robh sinn air a choilion dòigh ciontach dheth 'nar caithe-beatha agus 'nar giùlan. Thaobh na muinntir sin nach 'eil fathasd air an iompachadh o pheacadh gu naomhaichd, feadar a ràdh gum bheil uachdranachd aig a pheacadh 'nan anamaibh, agus gu'm bheil iad gu tur to a chumhachd. Agus thaobh na muinntir sin fèin aig am bheil an nàdair air ath-nuadbachadh agus air a naomhachadh le Spiorad De, ged nach 'eil uachdranachd ni's l'haid' aig a pheacadh orrasan, tha e a ghnà 'nan aoradh. Oir

ma deir sinn nach 'eil peacadhl againn, ars' an t-Abstol, tha sinn 'gar mealladh fein, agus ni'm bheil an fhìrinn annainn. Cha'n eil dleasnas mu'm bheil sinn ag gabhail nach 'eil air a thruailleadh leis. Nach ional bu chòir dha so, ma ta gach aon againn a leagadh am fianais an De sin a'ta fior-ghlan naomha, le bròn agus aithreachas tréibhdhireach a leith ar peacanna, agus ag gabhail gràin dinn fein 'an duslach agus an' luathre as leith ar n-aingidheachd gu léir.

3. Thugamaid fainear o na chaidh labhairt o na briathraibh so, co priseil 'sa bhuiineadh do'n Fhear-shaoraidh bheannaichte sin a bhi againn, a thàinig chum sinne thearnadh o'r peacannaibh. 'Nar staid chailt'air talamh tha sinn far-aon fo chiont agus fo chumhachd a pheacaidh, eu-comasach air sinn fein a thearnadh, agus as eugmhais Fear-saoraidh glòrmhor, uime sin, bha sinn ris deth gu siorruidh. Nise 'se Iosa Criod, am Fear-saoraidh so. Le ùmhlachd, eadh-oin gu bàs, tha esan air toirt làn dioladh do cheartas De as leith eusaontais chloinn nan daoine; ionnas gu'm feud dùil a bhi againn ri maitheanas 'nar peacaibh air a sgàth-san an' lorg aithreachas a ghabhail; agus le f'ocal, agus gràsaibh an Spioraid bheannaichte naomha, tha e làn chomasach air iad-san a bheir iad fein thairis dà a shaoradh o chumhachd a pheacaidh, ionnas nach bi uachdranachd aig' orra ni's mò. Cia priseil bu chòir dhia so an Slanuighear bean-naicht' a dheanamh dhuinn! Mar is mòid a chì sinn do chiont agus do chunnart a pheacaidh, bith' an tuille meas againn do'n Tì ghìormhor sin, tré 'm feud sinn amhàin a bhi air ar saoradh uaithe, agus ruigheachd air glòir agus fior shonas.

Fadheòigh, 'Nuair tha'm peacadhl co ro ghráineil le Dia, thugadh so oirne a ghnà bhi air ar faicill uaithe; agus peacanna dànaidh gu h áraidh, no peacadhl sam bith d'am bheil sinn ciontach d'ar deòin agus le'r fios a sheachnadh mar dheanamaid am bàs. Am fad sa tha iad sin 'nar n aoradh, tha feirg Dhe oirnn gu cinn-teach; agus cha'n eil e comasach gu'm bi sinn féin no ar seirbhis taitneach aige-san. Ma 'ta spéis agam do'n olc a'm chridh' ars' an Salmadair, cha'n éisd an Tighearna mi; agus tha e air innse dhuinn gu'm bheil lobairt luchd na h-aingidheachd 'na cùis ghràin do'n Tighearna. Biodh e, uime sin, thar gach ni mar chùram air gach aon againn a nàdùr fhaotainn air ath-nuadhachadh agus a naomhachadh, agus a chridh' air a ghlanadh o ghràdh a pheacaidh, agus o chumhachd gach droch thogradh agus ana-miann; gus an tachair so cha'n fheind an caithe beatha agus an giùlan am feasd a bhi naomha. Gnàthaicheamaid a chiall agus an tuigs' a tha Dia air buileachadh oirnn chum na crèche so, agus mar nach foghainn iad idir dhìubh féin, bitheamaid bitheant agus dùrachdach 'an urnuigh re Dia airson còmhnhadh a Spioraid bheannaichte. Feumaidh sinn tre chreidimh teachd a dh-ionnsuidh Chriosd mar Léigh mòr an anama a tha Dia air àrdachadh gu 'bhi 'na Phrionns' agus 'na Shlanuighear a thoirt aithreachais seachad, agus maitheanas peacaidh, agus neach a tha e air cur gar beannachadh le sinn a thionnda air falbh o'r 'n aingidheachd. Feumaidh sinne sinn féin a thoirt thairis dà-san, agus da thrid-san do'n Dia uile-bheannaichte, mar dhream a'ta beò o na marbhaibh, agus ar buill 'nan armaibh Fir-

cantachd do Dhia, le rùn suidhichte trid a ghràis, nach rioghach am peacadh ni's fhàide 'nar cuirp bhàsmhor,'s nach tugamaid géill d'a 'na ana-miannaibh. Agus air dhuinn sinn fein a thoirt thairis do Dhia tre Chriosd air an dòigh so, agus cùl a chur r'ar peacann-aibh. bitheamaid a ghlinà air ar faicill uatha, agus cathaicheamaid 'nan aghaidh; cuireamaid an aghaidh fior thoisearch an uilc 'sa chridhe; bitheamaid air ar faicill gu sùnraeht 'o na peacaibh sin a tha gabhail gu furasd' umainn, d'am bheil sinn ni's so-aomadh na chéil'; agus gu'm bu fearr leinn an trioblaid is mò fhulang na bhi ciontach do pheacadh sam bith d'ar deòin agus le'r fios. G'ar n-aomadh gu gluasad air an dòigh so cuimhnicheamaid gu'm bheil sùilean an De sin ata fior-ghlan naomha oirnn anns gach ionad, agus gu'm feum sinn an ùine

ghearr freagairt an làthair caithir a bhreitheanais a leith nan uile nithe a rinn sinn sa' cholunn, agus faotainn d'a réir sin, air mbaith no air olc. An sin, iadsan a rinn maith, a bhuanach gu foighidneach an deagh oibribh, thig iad amach chum ais-éirigh na beatha, agus builicheadh glòir agus sonas do-labhairt orra mar an oighreachd bhith-bhuan; ach iadsan a rinn olc thig iad amach chum ais-eirigh an dìteidh, agus bheirear dhoibh diomb agus fearg, trioblaid agus àmhghar mar chuibhrionn shiorruidh. Gu'n ullaicheadh Dia gach aon againne fa chomhair na h-inbhe sin sam bi spiorada nam fìrein air an deanamh foirfe, far an dealraich iad am maise na naomhachd, agus sam bi iad iomlan 'an sonas a chaoidh nan cian, eir sgàth an t-Slanughir bheannaichte. *Amen.*

---

W. R. M'PHUN, PUBLISHER, GLASGOW.

W. BLACKWOOD, AND MACLACHLAN & STEWART,  
EDINBURGH.

---

1830.

# SEARMOIN.

MIOS DEIREANNACH AN FHOGHARAIDH.

---

LUC. vi. 47, 48, 49.

" Gach neach a thig a'm' ionnsuidhsa, agus a chluinneas mo bhriathra, agus a ni iad, feuchaidh mi dhuibh co ris, is cosmhuile : ri duine a thog tigh agus a chladh-aich domhain, agus a chuir a bhunait air carraig : agus an uair a thàinig an tuil, bhuail an sruth gu dian air an tigh, agus cha b' urrainn e charachadh, oir bha e air a shuidheachadh air carraig : Ach an ti a chluinneas, agus nach dean, is cosmhuile ri duine a thog tigh air an talamh gun bhunait, air an do bhuail an sruth gu dian, agus air ball thuit e ; agus bu mhòr tuiteam an tighe sin."

---

Ged tha luchd aidmheil Criosaidh, cosmhuil ri chéile ann an ioma ni : ged a tha 'n aon nàdur aca uile, agus ged tha iad buailteach do na h-aon uireasbhuidhith, agus do na h-aon trioblaidibh ; gidheadh tha dealachadh mòr agus cudthromach eatorra. Tha cuid diubh réidh ri Dia trid Iosa Criosd : tha cuid eile 'nan naimhdibh dha. Bitidh cuid diubh sona gu bràth, agus bitidh cuid diubh truagh gu bràth. Tha ar ceann teagaisg, a' cumail a mach dliuinn an eadar-dhealachaidh so. Thugaibhse, uime sin an aire, agus feuchaidh cò chuideachd d'am buin sibh fein. Gu'n tugadh an Spiorad Naomh dhuibh cluas gu éisdeachd, agus tuigse gu breithneachadh, am feadh a bheir mi oidheirp air leig-eil ris dhuibh, anns a cheud àite, ciod anns an robh na daoine so,— an luchd-togalach so mu'm bheil an Slanuighear a' labhairt cosmhuil ri chéile : Agus, anns an *dara*

No. 14. NEW SERIES.]

àite, ciod anns an robh iad *eucosmhuil*.

Bha iad cosmhuil ri chéile, 'sa cheud àite, chionn gu'n robh iad araon 'nan luchd togalach. Bha iad araon ag obair. Tha e soilleir uaithe so gu'n robh'n dara fear co math ris an fhear eile a' deanamh aidmheil creidimh agus diadhachd. Cha robh 'm fear a thog a thigh air an talamh ni's mò na'm fear a thog air a charraig e dìomhain. Tha e soilleir, uime sin, nach robh e do'n àireamh sin a tha siubhal air dòigh f'hollaiseach f'huasgalite air an t-slighe leathann. Bha e deanamh aidmheil, agus bha e ri saothair. Tha an Slanuighear a' labhairt mu dhaoine a tha cluinniinn, agus a' leughadh, agus, air an leith am muigh, aig am bheil meas air an t-soisgeul : tha e labhairt umpsasan aig an robh colas air a theagasc, air aitheantaibh, agus air a gheallaibh. Tha e ro-ullamh leinn, so a leigeil asar

O

[Price Twopence.

cuimhne. Tha e ullamh leinn breth a thoirt air muinntir eile, agus a smuaineachadh gur ann riusan a tha earailean agus rabhaidh focail Dhe air an labhairt. Ach thugamaid an so aire dhuinn fein : Ceasnaccheamaid sinn fein, amhaireamh a steach air ar cridheachaibh fein. Cuimhnich-eamaid gu'n robh iad so araon a' cluinntinn briathra Chriosd. A ris, anns an dara àite, Bha iad cosmhuil ri chéile, chionn gu'n do thog iad araon tigh. Thog iad araon tigh, agus 's i'n aon chrìoch a bh' aca gu sin a dheanamh. Thog iad e gu bhi 'na àite-còmhnuidh dhoibh,—na àite-dòn, tearuinteachd, agus suaimhneis,—na dhachaidh airson tìreileachd agus fois. Agus nach 'eil crioch éiginn mar sin againne an uair a tha sinn a' deanamh aidmheil creidimh agus diadhachd. Nach 'eil sinn 'g aideachadh bli'n tòir air dion, fasgadh, agus tearuinteachd. Nach 'eil sinn ag iarraidh bunait air an seas sinn 'nuair a thig an stoirm, 'nuair a thig àmhghar gun fhàradh,—'nuair a thig am bàs ga'r gairm gu cuntas. An sin nach mòr am feum air fasgadh o dhoirionn corruiach Dhe—Agus tha na tighean a tha luchd aidmheil a' togail cosmhuil ri chéile. Tha iad uile a' cluinntinn aoin soisgeil, ag gairm air an aon Tighearn, ag aideachadh gu bheil iad a' cur an dòchas san aon Slànuighear, agus an tòir air an aon àite fein, neamh.

Anns an *treas* àite bha'n luchdtogalach cosmhuil ri chéile a thaobh gu'n robh 'n tighean araon air am feuchainn. Thainig an tuil orra araon. Bhual an sruth gu dian orra le chéile. Shéid na gaotha orra araon. Theid ar creidimh-ne, mar an ceudna, fheuchainn luath no mall. Theagamh gu'n deach fheuchainn

cheana : mar deach, théid. Thig àm a bhuairidh,—àm na deuchainn, àm an dearbhaidh. Feuchar an sin ciod a th' annainn,—ciod an greim a th' aig ar creidimh air ar n-inntinn,—ciod a bhuaidh-naomh-achaidh a th' aige air ar cridhe, ciod a bhuaidh-oibreachaidh a th' aige air ar beatha, Feudaidh na deuchainnean teachd oirnn aig caochladh àm, agus air caochladh dòigh. Thig iad air cuid an uair a dhealaicheas siad iad fein o shaoghal olc truaillidh,—air cuid eile le trioblaid,—air cuid le buaireadh làdir. Co fad 's a tha'n saoghal, an fheòil, agus an diabhal a cogadh nar n-aghaidh bitidh deuchainnean againn. Gus an tig là na deuchainn, cha bhi fios againn ciod a th' annainn fein. Am seadh tha fè ann cha 'n 'eil cothrom aig duine gu 'chreidimh a dhearbadh. 'S i uair a bhuaireadh, 's e àmhghar, 's e goinne : 's e euslaint a dhearbas dhuinn ciod sinn fein. Agus nach ioma peacadh agus anmhuiinneachd a leigeas iad so ris duinn. Ach ge nach biadh na buairidh so idir ann, cha bhi e 'nar comas dearbhadh an là sin a sheachnadh a leigeas ris nithe uaigneach a chridhe. Air an là sin gairmear an saoghal gu léir gu caithir breitheanais Chriosd. An sin taisbeanar lomnochd gach neach a tha 'ga mhealladh fein. An sin leigear ris gu follaiseach an cealgair. Agus an sin, mar an ceudna, taisbeanar am fior-chreideach aig an robh cridhe briste agus spiorad brùite, gu minic am feadh a bha e air thalamh ; an sin taisbeanar e làn gàirdeachais agus glòire.

An fhad so, mata, tha'n dà fhear-togalach so cesmhuil ri chéile ;—an fhad so tha'n cealgair agus am fior chreideach cosmhuil ri cheile. Tha iadsan a tha

'nan creidich ann an ainm amháin gu tric co cosmhul riusan a tha 'nan creidich da rìreadh, 's gu bheil e gu minic eu-comasach dealachadh a dheanamh eatorra. Theagamh gu bheil fios aca fein air, 's theagamh nach 'eil. Cha mhòide gur eòl dhoibh fein e no do dhaoinibh eile, no do ainglibh. Ach 's eòl do Dhia e a rannsaicheas agus a sgrùdas an cridhe. Gidheadh tha 'n dealachadh so, ged tha e rè ùine air fholach, co mòr agus cudthromach's gu bheil tearnadh, no sgrios anam an crochadh air. Feudaidh coslas cràbhach, agus giùlan neo-lochdach, agus aigneas togarach a bhi aig neach, am feedh a tha 'anam ann an cunnart,—am feedh a tha e ann an domblas na seirbhe : Ach na togaibh cearr mi: tha cràbhadh, agus giùlan Criosuidh, agus aigneas suidhichte air nithibh a ta shuas co feumail, 's nach urrainn neach air bith a bhi'na fhior chreideach as an eugmhais—Air eagal gu'm meallamaid sinn fein ann an cùis co-cudthromach, feuchamaid a nis ciod anns an robh an dà fhear-togalach so en-cosmhul ri chéile—ciod anns ami bheil an dealachadh a bh' eatorra a' co-sheasamh—Bha'n dealachadh so, mata, anns a cheud àite eatorra, Gu'n do thog an dàra fear a thigh le gliocas, agus le amharc roimhe; agus gu 'n do thog am fear eile e gu neo-umhailleach,—gun amharc roimhe. 'Nuair a thòisich iad air togail feudaidh e bith gu'n robh fè mhòr ann : cha robh a ghaoth a' séideadh; 's cha mhò bha na tuilltean ag at suas, Bha'n dara fear dhiubh air a mhealladh leis an t-sid chiùin a bh' ann; agus thog e 'thigh mar nach fòbh ghaoth no uisce ri teachd air a chaoidh,—mar nach robh bhunait ri dhearbhadh idir. Ach thog am fear eile

'thigh mar neach aig an robh fiughair ri gaoth agus uisce—ri doininn garbh, agus ri tuillibh sgriosach : thog e tigh a sheasadh an aghaidh na stoirm. Cosmhul ris an fhear togail ghlic so, tha'm fior-chreideach a thaobh faicill agus furacharis. Tha daoine eile toilichte le creidimh a chuireas an coguis 'na cadal, a bheir orra amharc subhaileach, agus deagh-bheusach an làthair an co-chreutairean. Cha'n eil amharc rompa aca: cha'n eil spiorad fein-cheasanachaidh aca: cha'n eil miann dùrachdach aca 'n déigh na firinn. Agus ciod is aoibhar dha so? Tha, nach 'eil eòlas aca air an éucailibh spioradail,—air gràineileachd a pheacaiddh, agus air corruiach Dhe'na aghaidh. Cha d' fhuair iad fathasd eòlas air a phlàigh a tha 'nan cridhe. Cha'n fhaca iad fathast an cionta trid sgàthan lagha Dhe. Cha do mhothaich iad fathasd an staid dhìte chaillte gus an tug am peacadh iad. Cha'n fhac iad fathasd an cunnart anns am bheil iad a thaobh peanas siorruidh. Cha'n eil beachd' cléart Sgriobturail aca air lagh, air ceartas,—air naomhachd Dhe. Cha'n ann mar so a tha esan a thog a thigh air carraig; cha'n ann mar so a tha 'm fior-clreideach. Dh'fhoillsich an Spiorad Naomh dha a staid thruagh chailte; thaisbean e dha 'uireasbhuidhean, agus na h-uilc agus na cunnairt da 'm bheil e buailteach. Cha'n e'n cràbhadh, uime sin, a chuireas a choguis 'na cadal; agus a thoilicheas a choimhlearsnaich mu 'n cuairt air, a dh' fhoghnas leisean. Tha e'n tòir air mothanas,—air neart,—air naomhachd, air slàinte; tha creidimh a dhìth air a thoilicheas Dia trid Iosa Criod: tha cràbhadh a dhìth air a bhios taitneach 'na làthairsan. Tha e 'g amharc

roimhe,—'g amharc a dh' ionn-suidh saoghail siorruidh. Tha e ri saothair chum bunait a leagail a sheasas an aghaidh na stoirm. Tha creidimh aige chumas suas e, 'nuair thréigeas gach sòlas tal-mhaidh e. Tha dòchas aige chumas suas e 'nuair a bhios a choguis 'g a lot, 'nuair a bhios Satan 'g a chasad, 'nuair bhios am bàs a' teachd am fagus da. Tha àite dion aige d'a anam o gach cunnart,—o gach uamhann. San dara àite, bha 'n dara aon do 'n luchd togail so saothaireach agus dìchiollach; agus bha 'n t-aon eile leisg agus neo-chùramach. Thog an dara fear a thigh air an talamh, far nach robh ach beag saothreach feumail: ach thugaibh fainear dìchioll an fhir eile: chladdhaich e domhain 's a charraig. An sin, am feadh a tha 'chomh-fhear tegail a' cur an àird a 'thighe gu luath, tha esan, le mòr-shaothair, a' gearradh air falbh na cloiche airson bunait daingeant—Tha 'n dealachadh ceudna so ri thoirt fainear am measg luchd aidmheil Criosduidh. Tha e 'na ni furasta aidmheil chràbhach a dheanamh. Chi sinn cuid a' gabhail o's làimh earbsa bhi aca chuireas iognadh air cuid eile. Am mios no dha ràinig iad nam barail fein, inbhe nach d' rainig muinnitir eile le bliadhnaibh saothair, ùrnuigh, agus cathachaidh spioradail. Tha iad ullamh gus a chlach mhullach a chuir air an togail mu'n robh ùine aca ach gu math a chlach-bhunachair a leagail. Nis, cha'n-eil a chridhe againn a ràdh gu bheil iad so uile 'g am mealladh fein le earbsa fhaoin; oir tha'n Spiorad Naomh ag oibreachadh air caochladh dhòighean: Ach so theireamaid ruibh gun sibh a dh'fhuireach toilichte le ni co grad. Tha obair ur n-anama'ra

h-obair mhòr agus chudthromach a ghabhlas saothair agus dìchioll; agus air uairibh ta na nithe is deacaire san obair so folachte o shùilíbh ar co-chreutairean. Se'n cridhe a ghabhas an càram, agus an ro aire is mó. An sin, cladhaichibh domhain. Feuchaibh ri ur cridhe irisleachadh, a mbaothachadh, a bhriseadh. Feuchaibh ri tuigse f'aghail air aingidheachd anabarrach:—ri gràin a ghabhail d'a shalachar. Deanaibh strì gu 'cheannaire a chur fo chois; gu anam ianna chlaoïdh. Deanaibh strì gu lionadh le gràdh Dhe;—gu 'theothadh le sealadh d'a ghràs tearnaidh;—gu 'dheanamh 'na àite còmhnuidh do Dhia trìd an Spioraid. Bithibh'nur creidich ghnioimhach, dhìchiollach, fhaireach, fhaicilleach, fhéin-cheasnachail. Mur so bithidh sibh nìs tearuinte na bhi 'g altrum ro anabhiarr carbasa 'S fearr dhuibh eagal agus ball-chrith, san t-saoghal chunnartach so, na gàirdeachas thar tothas. 'S fhearr an comhara bhi tric san uaigneas, na bhi deannah farum fhollaiseach. Mar chraobhan fireantachd a phlann-daich an Thighearn, gu ma fearr leibh 'ur freumhan a chur domhain san talamh na 'ur cinn a thogail an àird gu h-uaibhreach: gu ma fearr leibh a bhi deas airson sian a gheamhraidh, na airson greadhnachas agus fè an t-samhlaidh. Thugaibh a mach toradh; ach biodh e 'na thoradh 'na àm: biodh e 'na thoradh bhios chuni glòir Dhe.

Anns an *treas* àite tha dealachadh cudthromach eile againn ri thoirt fanear a thaobh an luchd-togalach so. Thug an dara fear an aire do bhunachar a thighe: ach rinn am fear eile dearmad sa chùis sin. Bha bunait aig togail an dara aoin; agus bha 'm bunait

sin air carraig : ach bha togail an aoin eile gun bhunachar idir. Theagamh gu 'n robh 'n t-àite bòidheach, taitneach do 'n t-sùil, agus an sin, gun smuain tuillidh mu thimchioll, thog e 'thigh; ged dh' fheudas e bhith, cuideachd, gun deach rabhadh thoirt dha nach robh ach gain-eamh san àite san do ghabh e os làimh togail. An so mar an ceudna feudar an dealachadh a th' eadar am fior chriosduidh agus an cealgair fhaicinn. 'S e Iosa Criosd a charraig air am bheil am fior chreideach a' bonntachadh; ach tha esan a tha 'na flear aidmheil amhlàin a' cur a dbleasdanais, urnuighean, agus aignean an àite Chriosd. Ma ghabhas e eagal mu shiorruidheachd smuainichidh e air na rinn e,—air na dh' fhuling e,—air na mhothaich e; agus an sin gabhaidh e sìth mhealltach. Ann an cùis an fhior-chreidlich tha na nithe so uile mar bhonn dòchais air an cur air cùl. Feudaidh e bhi air a bhuaireadh gu 'thaic a leagail orra; ach 's e miann, 's e spairn anama sin a chumail fa chois. Tha fios aige nach 'eil bunachar eile dòchais ann ach iobairt Chriosd; agus gur bàs do 'n anam a dhòchas a leagail air bunachar air bith eile. Tha e, uime sin, a' cur cùl r'a fhìreanteachd fein, agus a' cur uil' earbsa ann am fireanteachd an Tighearn Iosa Criosd. Tha e teicheadh airson dòn a dh' ionnsuidh Chriosd, tha 'g a shuidheachadh fein airson amhain. Anns an tha e faotainn gach ni tha dhìth air,—gach ni tha dh'fheum air. Tha Criosd dha 'na uile anns na h-uile: Tha tuigse aige gu 'm biodh e cailte as eugmhais ge b' air bith co inbheach 's bhiodh e ann an aidmheil. Tha e cluinntinn briath-

ran Chriosd, agus tha e 'g an deanamh; agus 'se sin an teisteas, an dearbhadh a th' aige gu bheil a chreidimh fior: Gidheadh cha 'n e dhòchas e. Tha 'dhòchas leagte air a phriomh chlach oisinn a chuireadh ann an Sion,—a th' air a taghadh le Dia agus luach-mhor.

Anns an àite ma *dheireadh*, tha dealachadh ann a thaobh *crioch* an luchd-togalach so. Ann an dùchannaibh na h-airde an ear tha na h-uisgeachan ni's truime, agus a' mairsinn ni's fhaide na san dùthach sam bheil sinne chòmhnuidh. An àm an uisge tha tuiltean a' ruith gu bras a nuas eudan nam beann,—co bras 's nach seas togail air bith rompa nach 'eil ro diongmhalta. Tha doininn gharbh, mar an ceudna, a' teachd leis an uisge. Tha ghaoth a' séideadh gu dian air chor's gu bheil na togalaichean is fearr ann an cunnart. Tha ar Slanuighear, anns a chosamhlachd so, a'cumail a mach dhuinn a leithid so a stoirm. Tha e cumail a mach dhuinn an uisge a' teachd anuas, na tuiltean ag éiridh gu h-anabarrach, a ghaoth a' séideadh; agus le chéile a' sguabadh gach ni air thoiseach orra. 'S ann an sin tha uair na deuchainn. An seas an da thigh ud? Tha 'n tuil a' bualadh orra gu dian. Tha 'n dara aon air chrith cheana; agus a'ris, mar ann am priobadh na sùla —air a sguabadh as an t-sealladh. B'e so an tigh aig nach robh bunachar; b'e so an tigh chaidh thogail air a ghaineamh. Tha saothair agus costus an fhir togail a nis caillte. Cha'n'eil àite còmhnuidh no fasgaidh nis aige. Tha am-aideachd a nis air a leigeil ris gu soilleir; agus tha e air a chur gu näire. Agus thugaibh fainear an t-àm anns an do thuit a thigh.

Thuit e anns an stoirm, àn t-àm a bu mhò 'fheum air. Mur so, tha esan a tha 'g a mhealladh fein a'tuiteam. Tha àmhíghar 'ga chur ann an eu-dòchas. Tha eag-al a bhàis, theaganadh, g'a chur fo gheilt: no tha buaireadh a' teachd air, agus 'ga thilgeil bun os ceann. Tha'n saoghal 'ga tharruing ann an iib, agus 'ga shalachadh, gus am bheil e ma dheireadh a' cur dheth coslas na diadhachd. Tha peacadh ionnnhuinneach eiginn 'ga tharruing ann am braighdeanas, 'g a blàrath, agus 'g a mhilleadh.

Ach ged sheasadh e'n aghaidh nan nithe so uile, thig àm anns an dearbhar a chreidimh. Air là bhreitheanas dearbhar obair gach duine mar le teine. An sin meallar dòchas mhìltean. Am feadh a tha iad fein agus an càirdean a'deanamh brionnal, agus ag radh, Sìth, Sìth, thig am bàs; agus ciod a leanas? Milleadh obann agus uamhasach. 'S mòr tuiteam an tighe sin,—co mòr, co eagallach 's nach dean siorruidheachd a chàradh suas: co mòr 's co uamhasach 's nach leigear am feasd a cuimhne e. Tha daoine a' deanamh turidh 'nuair a tha mòran da 'n co-chreutairibh air an slugadh suas, agus air an cur a dhìth le crith-thalamhainn,—nuair a tha bailtean mòr agus ionraiteach air an tilgeil bun os ceann: ach ciod sin ann an coimeas ri sgrios aon anam. 'Nuair a chunnaitcimeire na Ròimhe teampull Ierusalaim 'na lasair theine, shil e na deòir, ach ciod losgadh agus milleadh na h-aitreibh bhreagh agus ghreadh-naich sin, ann an coimeas ri sgrios siorruidh anam neo-bhasmhor? Cha do shìn an Tighearn a ghairdean a mach, chum an Teampull a shaoradh; ach chuir e aon-ghin Mic a dh' ionnsuidh an t-saoghal gu bàsachadh air a chrann-ceus-

aidh, chum anama, neo-bhasmhor a thearnadh.

Seallamaid a nis air an tigh ud eile. Tha e air a bhonntachadh air carraig. Bhual an sruth co dian air 'sa bhual e air an tigh eile; Ach cha'b'urrainn e uiread 's a charuchadh, agus ni's lugha na sin a thilgeil bun os ceann. Agus ciod a ni ciurram airsan a tha leagail a thaince air carraig nan aosda? Ciod a chuireas doilghios air? Feudaidh àmhíghar a lùbadh ach cha'n urrainn e 'mhilleadh. Feudaidh an nàmhaid teachd a steach mar thuil: Feudaidh geur-leanmuinn agus buaireadh a chur ann an eagal: ach cha'n urrainn e thilgeil bun os ceann. Agus thigeadh am breitheanas deireannach: cha'n'eil esan fo iomaguin. Feudaidh na mìltean tuiteam r'a thaobh agus deich miltean aig a dheas làimh,—an saoghal agus gach ni th' ann a bhi air a sgrios. Tha thighsan tearuinte, 'na chuimhneachan glòrmhor air gràs-tearnaidh an Tighearna.

Chrìochnaich sinn a nis na bh' agaínn ri ràdh mu'n chosamhlachd so. Tha fòghnaidh ri tharruing uaithe bu chòir greimeachadh air ar eridheachaibh—An so, tha sinn a' faicinn ciod an ni àraidh gus am bheil an soisgeul air a shònraichadh. Tha e na chungaidh leighis airson gach tinneas spioradail. Tha e na chungaidh a leighiseas an t-anam airson siorruidheachd. 'Se 'chrìoch shònraichte an t-anam a thearnadh. So am beachd a th' aig an fhior chreideach air. Tha e sìreadh slainte anama d'a thrid. Tha feum aig air comhf hurtachd co math ri daoin' eile; agus tha e taingeil nuair a gheibh se e. Ach cha'n e sin an ni àraidh feumail a tha dhìth air. Tha e fo chùram, chum gu'n téid gn math leis air a.

cheann ma dheireadh — chum, nuair a thig am bàs gu'm bi àite tearuinteachd aige airson sìorruidheachd. — An e so an ni àraidh tha sibhse'g iarraidh? An e so cuspair 'ur n-aoraidh, 'ur n-ùrnuigh,—'ur dòchais? An do smuainich sibh gu dùrachdach air a so? Am feadh a tha làithean agus bliadhnan a' dol seach gu luath: am feadh a tha saothair, agus àmhghar agus tinneas 'g ur greasad a dhí ionnsuidh a bhàis, am bheil sibh a cuimhneachadh gu bheil anama priseil neo-bhàsmhor agaibh ri thearnadh, gu bheil ifrinn agaibh ri sheachnadh, gu bheil neamh agaibh ri bhuidhinn? Tha mòran nach 'eil a' smuaineachachadh idir air a so: cha'n'eil ni is fhaide o'n smuaintibh. Tha daoine a' togail airson an t-saoghal gu càramach agus gu dìchiollach. Cia anabarr ro-chùram agus saothair dhaoine airson nithe faoin nach mair: Ach airson sìorruidheachd cha'n eil iad a'togail idir. Ma tha iad a' toirt oidheirp idir air fasgadh chur suas dhoibh fein, cha'n'eil ann ach faoin luibh sgàil a sheargas a ghaoth, agus a bheir an iomghaoth leatha. — Agus am bi chùis mar so leibh a chaoidh. Bitidh e mar sin leibh gu uair 'ur bais, mur mosgail sibh,—mur gairm sibh air Dia ga 'r dùsgadh suas gu aire agus càram,—mar rùnaich sibh gach ni a chall roimh 'ur n-anama neo-bhàsmhor. — A ris o'n chosamlachd so feudaidh sinn a thuigsinn ciod e fìordhiadhachd. Cha'n annan am foirm, an creud, am mothachadh, an eagal a nis agus an dòchas a ris a tha e co-sheasamh. Tha e air a chumail a mach dhuinn 'nar ceann-teagaisg mar thogail, mar obair, saothair a tha dol uigh air n-uigh air aghaidh. S'e

chrìoch araidh th' aig diadhachd tearnadh an anama; agus tha e dùsgadh gu sbairn dhùrachdach airson na crìche sin;—gu bhi 'g oibreachadh a mach na slàinte sin le eagal agus ball-chrith. Agus tha'n dichioll sin air a chileachdadhl, cha'n ann an rathad fèin-fhlìreanteachd, no réir gliocas talmhaidh; ach anns an rathad a shònraich Dia.—anns an rathad a th' air f hoillseachadh an soisgeul Chriosd. Tha ar Slanuighear e fein a' deanamh dealachaidd eadar esan a tha 'ra che rideach da rìreadh, agus esan a tha 'na che rideach ann an ainm amháin. Tha'n dara aon a' deanamh a bhriathran, agus cha'n'eil an t-aon eile 'gan deanamb. So, an dealachadh àraidh eadar diadhachd agus mì-dhiadhachd,—eadar nèamh agus ifrinn. Am bheil 'ur creidimh se, de'n t-scorsaghniomhach so. Am bheil e'g 'ur n éigneachadh gu briathran Chriosd a chur an céill. Cha leoir dhuibh f hiosrachadh dhibh féin, An cuala sinn mu shlàinte Chriosd? am bheil sinn'g a miannachadh? Am bheil 'ar cridheachan a' lasadh an taobh a stigh dhinn ann am fiughairis. Ach an d' iarr sibh da rìreadh a dh' ionnsuidh Chriosd air a shon. An do ghabh sibh r'a gheallaibh, chum gu'm faigheadh sibh e. Agus cionnas a tha sibh a' teachd beo san t-saoghal. Seallainn air 'ur n-ais,—air na làithibh a chaidh seachad. An robh 'ur beatha 'na beatha fèin-àicheadh, irisleachd, ùrnuigh, gràidh a tha 'g 'ur 'n éigneachadh gu saothair ann an obair 'ur n-anama? Ciod e gné 'ur n-inntinn 'sa cheart àm? Am bheil sibh a' suidhe an so, cha'n e amháin ag éisdeachd gu furachair, agus a réir coslais cràbhach: Ach am bheil sibh a' suidhe an so mar bha Muire aig casaibh

Chriosd a' chluinnntinn abhriathran, chum gu'n téid sibh, agus gu'n dean sibh iad. An e cainnt ur cridhe aig an ám so féin, a Thigh-earna, ciod a b' aill leat nise dheanamh? Mur fuiling sibh ceistean mar so, tha sibh ann an cunnart. Ged bhiodh éolas, agus eud, agus mothachadh, agus ainm a bhi diadhaidh agaibh, tha sibh ann an cunnart. Ged tha 'ur tigh àrd, cha'n 'eil e tearuinte. Bithibh, uime sin, gnòmhach, dìchiollach, saothreach: no mar bi, bithidh sibh gun àite-còmhnuidh, bithidh sibh gun fhois d' 'ur n-anamaibh. O'n earrainn so do f'ocal Dhe, feudaidh sinn gliocas fior-dhiadhachd f'haicinn. Ach ciod sin gliocas? Tha gliocas duine a' co-sheasamh ann a bhi 'n tòir air deagh chrìoch le deagh mheadhon-aibh. Tha gliocas, uime sin air a thaisbeanadh ann an diadhachd. Cha'n e amhàin a chrìoch a th' aig diadhachd a tha 'g a dhearbhadh 'na ghliocas; oir tha gach creidimh mearachdach ag aideachadh gu bheil deagh chrìoch aige san amharc: cha mhò tha dìchioll gu ruigheachd air a chìch sin a' taisbeanadh gliocais; oir rinn am

fear-togalach amaideach co math ris an f'hear-togalach ghlic, saothair. Thog an dara fear tigh co math ris an f'hear eile. 'S iad na meadhona a tha daoine a' cleachadh a tha gu h-àraidh 'g an taisbeanadh a bhi glic. Agus 's iad na meadhonan ùmhachd do àithantaibh Chriosd, iarraidh dhùrachdach an déigh slàinte anns an rathad a shònraig Dia. So an diadhachd nach f'aillich. Thá esan glic chum slainte a tha ri saothair air an dòigh so. 'S beannaichte an seirbhiseach sin a gheibh a Thigearn 'nuair a thig e a' deanamh mar sin. Ged théid an saoghal seachad mairidh esan a chaoidh. Ach na tuitibh ann am mearachd. Ged tha'n cosamhlachd so air a thoirt dhuinn, chumar brosnachadh gu ùmhachd a thoirt do thoil Dhe, agus chum na dleasdanais a tha mar f'hiachaibh oirnn a chur an gnòmh le dìchioll. Ged is e ar n-ùmhachd an f'hianuis a th' againn air dùrachd air n-aidmheil; cha'n 'eil sinn ri shaolsinn gu bheil aon ni is urrainn sinn fein a dheanamh toilltinneach air slainte. Do Dhia a mhàin buinidh glòir ar slainte.

W. R. M'PHUN, PUBLISHER, GLASGOW.

W. BLACKWOOD, AND MACLACHLAN & STEWART,  
EDINBURGHII.

1830.

# SEARMOIN.

CEUD MHIOS A GHEAMHRAIDH.

---

GNIOMH. xvi. 30.

Agus air dha an tabhairt amach, thubhairt se, A mhaighistirean ciod is còir dhomh  
dheanamh ehum gu'n sàbhalar mi?

---

Cha 'n 'eil ceisd, a dh' fheudar fheòraich le h-aon sam bith do'n chinne-daonna, is cudthromaiche na cheisid a tha fear coimhead a phrìosuin, sna briathruibh sin, a' cur ri Pol agus Silas; agus is ceisd i a th' aig gach aon ri chur as a leith fein. Chruthaiceadh sinn gu leir gu bhi gu h-iomlan sonadh no truagh 'an saoghal siorruidh, taireis céilidh ghearr na beatha so a chrìochnachadh. 'S ann mar a chaiteas sinn ar n'ùin' air talamh a dh' éireas duinn an diaigh làimh, agus mar nach 'eil f'hiös againn ciod a dh' fheudas là no oidhche thoirt mu'n cuairt, thig e dhuinn, am feadh 'sa ghoirnear, an là'n diugh dheth, f'heòraich cionnas a dh'f heudas sinn dol as o thruaighe gun chumadh, agus ruigheachd air sonas gun chrìoch. Tha e soilleir gu'm bheil ar sonas gu tur an taice ri sinn a mhealtuinn càirdeas an De mhòir sin, a ghairm sinn air tùs gu beatha. 'S ann da-san amhàin a bhuineas ar deanamh subhach no dubhach, sonadh no truagh gu saoghal nan saoghal. Thaobh nàduir, tha sinn 'nar cuspairibh air 'f heirg. Tha sinn a teachd truaillidh agus

No. 15. NEW SERIES]

ciontach do'n t-saoghal. Tha eucail an aoradh gach aon againn a tha 'gar deanamh gràineil 'na shùilibh-san, o nach fheud sinn sinn fein a shaoradh, agus a bheir gu cinnteach ar bàs mur buinear air falbh iad. 'S fhada, ge'ta, mu'm bheil sinn air ar fàgail a dhiobhail dòchais. Tha slainte shiorruidh air dhoigh ro iongantach, air a cosnadh dhuinn, tha i nise 'nar taigse, agus cha 'n 'eil neach a gheibh còir air an t-slainte sin nach saorar gu cinnteach o thruaighe, agus nach àrduibhears ri h-ùine gu gloir agus sonas bith-bhuan. 'Se doigh, uime sin, sa bheil sinn a'cur romhainn labhairt ribh a nise ni's pailte o na briathruibh so a nochdadh dhuibh uatha,

I. Cionnas tha slainte shiorruidh air a h-oibreac'h amach dhuinn.

II. Cionnas a dh' f'heudas sinne còir f'haghail air an t-slainte sin.

Chum gu'n tuigeamaid, mata, cionnas tha slainte shiorruidh air a h-oibreac'h amach do'n chinne daonna tha e iomchuidh dhuinn sealltuinn air ar n-ais air an doigh san do thuit an duine o cheud inbhe, agus san do chaill e càird-eas an De is ro àirde. 'Nuair a

chruthaicheadh an duine air tÙs thàinig e a lamhuibh a Chruith-eir le ionhaigh dhealbhach fein air anam. Bha a lagh scriobhta air clàruibh feolmhor a chridhe. Le geur eolas air a thoil bha e làn chomasach air ùmhachd iomlan a thoirt dith, agus a thlachd 'na coillionadh mòr mar a chomas. 'Na lorg so bha còir aig' air geannaith agus cairdeas Athar neamhuidh, bha solus a ghnùis a dealrachadh air an còmhnuidh, agus ga aomadh gu buanachadh san staid so, agus ga choimhead o dhol air seachran, chuireadh beatha is bàs roimhe le geallanuibh agus bagruibh co' sheasmhach ri bunachar fhlaitheanais agus na tal-mhuinn. Bha focal Dhe fein aig' air a shon, le riár agus a thoil a dheanamh gu'm mealadh e beatha gun bhàs agus sonas gun dòruinn; ach air a cheart là san rachadh e 'n aghaidh àithne-san, gu'm faigh-eadh e gu cinnteach bàs. An aghaidh gach gealladh agus bagradh dhiubh so, chlaon an duine o shlighe a dhleasnis, chreid e athair nam breug roimh Dhia na fir-inn, blris e àithne a Thighearn, agus sa' cheart àm sin bhàsaich e an seadh spioradail; dh' fhàgadh shòis e leis an' lagh, dh' fhàs e buailteach do dh' fheirg an Tì is àirdé, agus 'na lorg sin do'n bhàs aimsireil agus shiorruidh. Air an doigh so thuit an duine o cheud ghràdh do mhaiteas agus do naomhachd, agus chaill e shubhachas agus a shonas mar chòmhla: Agus cha'n e idir an ceud duin' amhàin a bha'n call deth. Thàinig an dòruinn cheudna air a shliochd gu h-iomlan, oir le coire aon duine thàinig breith-eanas air gach aon chum diteadh. Agus a bhàrr air so, 'nuair a chlaon an duine o dhileasdanas thruaileadh an tobar as an robh an nàd-

ur daonna gu sruthadh, agus co is urradh nì glan sam bith a thoirt as an nì sin ata neo-ghlan? Tha uile chlann nan daoin' a nis' a teachd salach chum an t-saoghail, ionhaigh Dhe air a duthadh bharr an anama, am peacadh air a luadh 'nan nàdur, ionnus, ged' nach biodh peacadh gin idir ri agairt orra, nach'eil iad nì's mó comasach air an ùmhachd iomlan sin a thoirt do lagh Dhe, leis an robh iad gu chàirdeas a chosnadhl, tha gach aon aca thaobh nàduir 'nan oighreachuibh air fheirg, agus bhiodh iad ris deth gu siorruidh mur biodh dorus dòchais agus rathad dol as air fhosgladh dhoibh o'n dòruinn. Chum leirsinn cionnas tha so ri f haghail leotha, 'sa tha slainte air a h-oibreac'h amach dhoibh, 's còir dhuinn aire shùrraicht a thoirt, ciod an nì a chuir air tÙs eadar an duin' agus a Chruithearn, mar nach ruig e leas a shaolsinn gu'm bi Dia am feasd réidh ris gus am buinear air falbh uaithe an nì sin a thoill air tÙs, a dhiomb dha, agus o bhi'na charaid do Dhia a rinn 'na nàmhaid e. Cha'n eil umhaill, m'a'ta, nach e'm peacadh a chuir air tÙs eadar Dia agus an duine. Oir 'nuair a thug an Dia sin a bhuilich a bheatha air gu saor, agus ris an robh e'n taice airson gach nì a bh' aige no dh' fheudadh e'm feasd a shealbhachadh, nuair thug an Dia sin lagh dha mar riaghait d'a bheusaibh, agus lagh mar an ceudna a bha dheth fein naomha, ceart, agus maith, bha an duine fo na cean-glaichibh bu laidire gus a choimhead gu h-iomlan, agus le striochadh dha air an dòigh so chuireadh e onoir air an lagh, agus bheireadh e glòir do'n fhear-lagha. An riochd so, 'nuair a bhriseadh leis e thug e di-meas air an lagh, agus rinn e tàir air ùghdarras, agus thug

e toibheum do naomhachd an Tì is àirde. Ach mar tha esan iomlan am maitheas gu duais iomchuidh a bhualeachadh air fior naomhachd, tha e mar an ceudna nì's gloine 'na rosquibh na gu'm feud e ambarc air peacadh, agus nì's géire 'na cheartas na gu'n leig e leis an eusaontas is lughad dol as gun dioghaltas. Mu'r feudadh am peacadh, uime sin, an nì gràineil sin is beag air anams, abhi air a bhuntainn air falbh uatha, cha robh e comasach do neach sam bith do'n chinne-daonna gnùis an Uile - chumhachdaich am feasd fhaicinn an càrdeas. Nise chum na crìche sin, bha e feumail, cha'n e'mhàin gu'm biodh lan dioladh air a thoirt do cheartas De as leith eusaontas a chinne-daonna, agus sin cuideachd sa cheart nàdur a chiontaich ; bha e mar an ceudna feumail gu'm biodh nàdur an duin' air ath-nuadhach' agus air a naomhachd, ionnus gu'm biodh e mur-rach air ùmhachd nuadh agus threibhdhireach a thoirt do lagh agus a dh' àitheantaibh an àrd Chruitheir.

Ach cionnas a b'urradh an duine coi'-leasach'a thoirt air an dòigh so do cheartas De? no cia leis a dh' fheudadh e deanamh suas airson uilc a dheanadais? Cha robh e comasach gu'n deanadh fuil tharbh no ghabhar peacadh a bhuntainn a chaoidh air falbh; seadh ged iobradh e a cheud-ghin airson a chiont', agus toradh a chuirp airson eusaontais anama, cha chomh-fhreagrach e r'a chiont' agus cha toilicheadh e geur cheartas an De mhòir. Agus mu dheimhin ùmhachd fein, abramaid gum biodh i iomlan, cha bhiodh ann ach na bha dligeach do'n lagh, agus air an aobhar sin cha b'urradh i freagairt airson nam peacanna a chaidh seachad. Ach a nise, 'nuair tha'n

duine, cha'n e 'mhàin air call a gheur eolais air toil De, ach air fàs co truaillidh 'na nadur is 'nuair tha lagh Dhe 'ga nochdadh dha, nach 'eil e aon chuid toileach no comasach air géill a thoirt da, an riocdh deanamh suas airson a lochda le fior ùmhachd, 's arn a tha e gach aon là a cuir an àireamh an' lionmhoiread le eas-umhlachd. Mar tha clann nan daoin' air an dòigh so, gu tur eu-comasach dhìubh fein air co'-leasach a thoirt do cheartas De, 'se 'm bàs tha 'n lagh ag agairt, agus tha e 'gan tiomadh thairis gu sgrios agus dòruinn do-labhairt, gu ceartas De a thoileachadh le bli 'nan cuspairibh siorruidh air a dhiomb agus air a chorruich. So a nise cor gach aon do shliochd an duine thaobh nàduir, gun chomas da, thaobh aon neart a th'aige sein dol as o'n dòruinn.

Na 'm biodh e comasach, ceartas De a thoileachadh a leith eusaontas a chinne daonna, tre eadar-mheadhonaireachd neach eile, bhiodh am balladh dealachaidh eadar Dia agus duin' an' sin air a leagadh sios; agus dh' f'heudadh Dia tròcair a nochdadh do pheachaibh gun toibheum d'a naomhachd, agus gloir a cheartais còrdadh ri slainte a chinne-daonna. Ach co bha iomchuidh airson seasamh sa bheum so, no comasach *le fuil a chridhe fein* air teine feirg an Uile-chumhachdaich a bhathadh, 'nuair bha i air tì sliochd an duin' a dhuthadh as le sgrios bith-bhuan? An robh duine san fheoil ris am feudta gniomh co' chruadalach, co beag sa shamh-lachadh? no am measg slòigh fhlaiteanais a bha foghainteach airson gniomh co deacair. 'Nam measg gu leir cha d'fhuaradh aon chòmhagh iomchuidh do 'n chinne-daonna. Rinn, gidheadh,

tròcair gairdeachas thar breitheanais; agus air an dòigh so fein, m'eadhon a chuir a thròcair gun chumadh an toiseach air seol, agus a dhealbhadh an doimhne a ghliocais, rinn an t-Uile-chumhachdach, eadhoin an Dia sin ris an do chuir sinn gu h-aingidh cùl, agus a dhiult sinn le tàir, ar slainte oibreach' amach. G' ar coimhead o dhol sìos do'n t-slochd fhuair esan éiric air ar son; leag e còmhnaidh ar n-anam'air neach a tha uile chomasach air ar sìth a chosnad, agus ghráidhaich e 'n saoghal co mhòr, 's nach do chaomhainn e aon-ghin Mic a ghráidh, ach thug e thairis air ar son-ne e. Ghabh esan gu togarrach ar càis 'na laimh; agus 'nuair bha sinn 'nar fògaraich o ghràs, agus ar slainte co deacair 's nach fheudadh neach sam bith anam fein a shaoradh o'n dòruinn, san àm bhrònach sin, 'nuair nach robh sùil gu truas a ghabhail dinn, no neach a dheanadh còmlina ruinn, ghabh esan air fein smachdachadh ar sìth, agus 'nuair bha sinn 'nar luidhe 'nar fuli thuit e ruinn bhi beo. Mar bu Dia esan, bha e uil'-fhoghainteach airson na h-oibre, comasach air feirg an De mhòir a ghiùlan, agus air Dia agus an duin' a dheanamh réidh ri chéile. Agus chum na crìche so an coi' lionadh na h-aimsir, rinn-eadh 'na dhuin' e chum dioladh a thoirt do cheartas De, a leith eus-aontas chlann nan daoine sa'cheart nàdur a chiontaich. Chuitich e glòir fhlaitheanais, chuir e dheth a thrusgan sólais, agus ge do bha e beartach, rinn se e fein bochd air ar son-ne, ch'um gu'm bith' mìle air ar deanamh beartach trid a bhochdainn-se. Dh' fhàs an Ti sin a bha 'na Dhia o shiorruidh-cachd 'na mhaothran gun treòir, fhuaradh an Ti tha 'na chéann-

ard air na bheil do mhìltibh air neamh mar an neach a b' is' am measg an t-sluagh air thalamh; Dh' fhàs tobar gach sonais 'na dhuine doilghiosach agus air a chleachdadh ri bròn, agus rinneadh àilleagan fhlaitheanais 'na ghràin daoin agus 'na thàir nan slogh; anns a' chruth so thug esan làn ùmh-lachd do'n lagh sin a bhris sinne le tàir, choilion e gach fireantachd as ar leith, agus taireis dol mun cuairt a ghnà a deanamh maith air talamh, għleachd e fadheoigh ri guin an éig, agus thug se anam fein suas mar iobairt airson peacaidh; striochd Prionnsa na beatha do chumhachd a bhàis, agus thaisgeadh an Ti sin, nach fheud neamh nan neamh a chuairsteach, an tigh cuthann caol na h-uaighe. Ach sa' cheart àm so, nuair nach robh umhaill aig a naimhdibh mi-runach nach robh iad air faghail càis deth, 'sa bha fiuth-air aca ri cur as da chumhachd gu tur, thuit iad fein san t-slochd a thochaill iad fa chomhair, agus bha esan san àm so fein a faobhachadh uachdranachdan agus chumhachdan, a tort bruidam braighdeanas, 'sa cosnadh sàr thiodhlacan do chloinn nan daoine. Le ùmh-lachd, le fħulangais, agus le bhàs bhuin e air falbh gach ni a bha cur eadar Dia agus an duine, agus na lorg sin thug e chreach a beul an leomhainn bheuchdaich; bħrutħ e ceann na nathracha nimhe, chlaoidh e cumbachd a pheacaiddh, thug e'n għath as a bhàs, agus dh'atharrach e'n uaigh o bhi 'na priosun dorch-adais gu bith na h-ionad tāimh sau coimheadar duslach nam firean gu tearuante fa chomhair eiseirigh chum glòire. Le ùmh-lachd ion-lan-sa dh'ärdaich se 'n lagħ, agus làn fħoillsiech e a għlōir; agus le fħulangais agus leis a bhàs

nochd e air a mhodh a b' eagall-aiche cionta, cunnart, agus olc a pheacaidh, sa cheart nàdur a chiontaich thug e lan dioladh do cheartas De, a leith eusaontas chlann nan daoin' agus phàigh esan an fheorluing dhei'reannach do'n aimheach sin a bha sinn air càrnadh suas. Air an dòigh so rinn esan gach ni a bha feumail gu Dia agus an duin a dheanamh réidh ri chéil', a' toirt glòir do Dhia sna h-àirdibh sa' cheart àm san robh e g'oibreach amach sìth air talamh agus deagh-ghean do chlann nan daoine, agus mar dhearbadh gu'n robh ceartas De làn toilicht', agus an obair a ghabh e mu làimh críochnaichte, chuireadh fo sgaoil e le barantas o Bhreitheamh ceart-bhreitheach na cruinne. Dh'éirich e suas le buaidh air an treas là, agus tha e nis air àrdachadh gu bhi 'na Phrionns' agus na Shlanuighear a thoirt aithreachais seachad agus maitheanas peacanna. 'S esan a nis,' an t-slighe, an fhírin agus a bheatha, agus cha tig neach sam bith a dli' ionnsuidh Dhe' ach trìd-san. Cha'n'eil slaint 'an neach air bith eile oir cha 'n 'eil ainm air bith eile fo neamh *air a thoirt am measg dhaoine* tre'm feud sinne bhi air ar saoradh. Ach air a sgàth-san, cha'n e 'mhàin gu 'm bheil maitheanas peacaidh air a ghealltuinn do gach aon aig am bheil còir air a thoiltteannais, ach tha còmhnaidh an Spioraid bheannaichte naoimh, chum an nadur ath-nuadhach' agus a naomhachadh, càrdeas De agus gach sochair phriseil a tha sruthadh o ghràdh air an deanamh cinnteach. So agaibh am briath-raibh aithghearr' an dòigh sa' bheil slainte ro ghlòrmhor air a h-oibreach' amach airson peacai chaillette do shliochd an duine.

'Nuair a thuigeas sinn, m'ata, an dòigh sam feud sinn còir fhaghail air toillteannais an Fhir-shaoraidh, bith' fios againn cionnas tha càrdeas De agus slainte shiorruidh ri 'm faghail leinn, oir n'i'm bheil a nis aon dìteadh dhoibh-san a tha an Iosa Criosd *do rireamh, ach measar iad le Dia mar aon ris-san* agus tha iad a cheana 'nan cuspairibh air a ghràdh, 'nan oighreachaibh air Dia, agus 'nan comh-oighreachuibh maille ri Criosd air oighreachd a'ta neo-thruaillidh, neo-shalach, agus nach searg achaoidh as, a th'air a coimhead f'an comhair anns na neamh-uibh.

Labhair sinn a nis ris a cheud cheann-teagaisg, agus theid sinn, le còmhnaidh Dhe, a nis' air ar naghart a nochdadh, mar a chuir sinn romhainn,

II. Cionnas a dh' flicendar còir fhaghail air an t-slàinte ghilormhor sin a tha air mliodh eo iongantach air a h-oibreach' amach do chlann nan daoine.

Cha'n'eil ni sam bith ni's soilleir' air a chur sìos sna scriobtuiribh, no gur ann amhàin trc fhior chreidimh an Criosd, agus le h-aithreachas treibhdhreach thaobh Dhe, a tha e comasach dhuinn còir fhaghail air toillteannais an Fhir-shaoraidh, agus 'na lorg sin air càrdeas De, agus gach sochair eil' a choisinn esan le bhàs. As eug'ais creidimh, ars' an t-Abstol, cha'n'eil e comasach Dia a thoileachadh; ach an ti a chreideassa' mhac, ars' an Slanuighear fein, tha bheatha mhaireannach aige, agus cha tig e clum damnaidh. Agus air an amhail cheudna Mur gabh sibh aithreachas, ars' an Slanuighear, sgriosar sibh uile mar an ceudna. 'Se creidimh, mata, freumh gach gràis eile san

anam, o'm bheil iad gu leir a fàs suas agus air am beatachadh. Nise 'se creidimh, am briathruibh an Abstoil, brigh nan nithe ri 'm bheil dòchas agus dearbhadh nan nithe nach faicear. 'S ann tre chreidimh a tha sinn ag aideachadh gu'm bheil an Dia ann, agus gu'm bheil an Ti is àird' ionmlan anns gach buaidh mhoir agus oirdheire; gu'n robh e ann o shioruidheachd agus gur esan a chaoidh nan cian an Ti ceudna, gun choslas mùthaidh no sgàile tionndaidh. Tre chreidimh tha sinn ag aideachadh gu 'n do dhealbhadh na h-uile nithe faicsinneach agus neo-fhaicsinneach le f'ocal; agus mar a chruthaich e'n saoghal le chumhachd, gu 'n bheil e'n còmhnuidh 'ga chumail suas agus'ga stiuradh le f'hreasdal: *tha sinn ag aideachadh gu'n do chruthaich e mac an duine réir ionhaigh fein, agus roar a rinn e comasach e air eolas a ghabhail air a thoil, agus air a coimhead, gu'm bheil e ghnà fianaiseach air a ghiùlan, gur ionmhuinn leis còir agus ceart, agus gu'm builich e sonas do-labhairt air gach aon a ni a riad air chòir, ach dòruinn gun choimeas air gach aon a chlaonas o shlighe, 'sa bhuanacheas sa pheacadh.* Ann am briathruibh aithghearra, cha chuir fior chreidimh ag ann an ni sam bitl a th'air a nochdad do dhaoinibh air sliabh an f'hoillseachaidh. Cha'n e 'mhain gu'n gabh e ris gach ni a th'air a chur sios am focal De mar nithe a tha annta fein ionchuidh, ionmholt' agus maith. Measaidh e slighean an Uile-chumhachdaich gu h-ionmlan naomha, uil' aitheantan ceart, a bhreitheanais co'-thromach, agus le dearbh-fhios nach tig focal a thàinig a beul an Ti is àird' am feasd gu neo-brìgh, measaidh e

a gheallanna agus a bhagraidhean araon fior agus seasmhach. Ach beachdaichidh creidimh gu sunraicht' air an t-slainte sin a th'air a taigse do dhaoinibh san t-soisgeul le *h-iongantas,irisleachd agus gràdh*, agus chith e an Criosd, agus an Rathad na slainte trid-san gliocas agus cumhachd Dhe air am foillseachadh gu clann nan daoin' a chosnadh dha fein, agus peacach a shaoradh o thruaighe do-labhairt, agus an àrdachadh gu sonas gun chrich. Tha'n creidimh so feumail gur' treorach' a dh' ionnsuidh Dhe, ach cha leoir e; Mur dean ar creidimh ach sgeimh agus maise na diadhachd amhàin a nochdad dhuinn, cha'n fhoghainn e idir g'ar deanamh taitneach 'na shullibh-san. Bha'n creidimh so aig na ceudaibh a bha gabhail orr' eol as a bhi ac' air Dia, ach an oibrribh a dh' aichein e; d' an robh an creidimh air an aobhar sin 'na an-tromach' air an diteadh. 'S an 'nuair a ruigeas e'n cridhe, 'nuair a mhaothaicheas e'n t-anam, 'nuair a dh' atharraicheas e daoin' o dhochadas gu solus, 'sa dh'iompaicheas e iad o pheacadh gu naomhachd, 's ann an sin amhàin a ni e taitneach iad an sealladh Dhe. Agus 's ainmig leis drùghadh air daoин' air an dòigh so, gus am faic iad an truaighe fein, as eug'ais còir air na nithibh sin, nach'eil r'am faghail ach tre chreidimh. Gus am faic daoine gu'm bheil dòruinn shioruidh dligheach dhoibh, agus nach f'head iad a bhi sonadh mur meal iad cairdeas De, tha iad ealamh gus iad fein a thoileachadh le nithibh na beatha so 'mhàin mar an cuibhrionn. 'S an 'nuair a chith iad nach 'eil tearuinteachd dhoibh sa'bheatha so fein mur bith Uachdaran an domhain an deagh ghean doibh, agus ge b'e ciod is cor dhoibh sa' bheatha

so, gu'n tig an t-àm anns nach dean nì air talamh a bheag a dh' fheum dhoibh, 's nach ceannaich saibhreas na cruinne feith no fois doibh, 's nach coisinn cumhachd no cairdeas dhaoine dìdein dhoibh, ach san tig crìoch am feasd air an subhachas, agus san tuit iad an dòruinn shiorruidh mur bi iad an' cairdeas ri Dia. 'S an 'nuair a bheir daoine fainear, air an dòigh so na tha'n taice ri iad a bhi'n si-réite ris an Ti is aird, 'a dh' iarras iad e air choir, 'sa chuireas iad suas gu treibh dhireach athchuinge an t-Salmadar, A Thighearna, tog suas oirn-ne solus do ghnùise. Agus 's an 'nuair a thuigeas iad an staid chaillte thaobh nàduir, 'nuair a bheir iad fainear an truaill-eachd fein, lion-mhoireachd ciont', agus cunnart am peacanna, agus cia eu-comasach 'sa tha iad air slaint' a chosnadhl dhoibh fein; 's ann an sin a bhios Criod ionmuinneach aig daoinibh, 'sa bhios meas mòr aca d'a thoileannais agus d'af hulangais. Agus 'nuair tha iad a cluinnntinn, air an laimh eile san t-soisgeul, air a mhoid 's gu'n robh an cionta gu'm bheil an Slanuighear sin a dhiult iad roimhe, 's maith dh' fheadta gu minic le tar, fathast a taigse gabhail riu, gu cairdeil, agus air a sgàthsan gu'm bheil an Dia sin ris an do chuir iad gu h-aingidh cùl, agus o'n deachaidh iad air seacharan mar chaoraich chaillte, 'na dhiaigh so gu leir a taigse bhi reith riu, an gabhail an àireamh a chloinne agus an àrdachadh gu h-aoibhneas a th' air dol thar labhairt agus làn do ghloir, tha'n cridhe sin cruaidh mar mhìr do'n chloich-mhuilinn iochdraich air nach drùigh maith-eas, tròcair agus fad-fhulangas co iongantach, anns nach dùisg iad gràdh d'a Dhia agus d'a

Shlanuighear, agus nach leagh iad sìos le bròn agus fior aithreachas airson a mhi-shuariceas agus eas-umhlachd d'an taobh. 'Se so an ceud ghràs a dh' oibricheas creidimh san anam, an ceud cheum air slighe fìreantachd, agus an dorus cuthann sin air am feum sinn dol a stigh, ged is ann le strì agus spairn, ma's miann leinn gluasad san t-slighe sin a tha treorach' a dh' ionnsuidh na cathracha neamhuidh.

Comh chinnteach 'sa chuireas craobh f'hallain meur amach, no bheir deagh gheug a toradh uipe, oibrichidh fìor chreidimh aithreachas; agus ma tha'n t-aithreachas fìor agus treibh dhireach mùthaidh e araon suidheachadh na h-inntinn, agus 'na lorg so caithe-beath' agus giulan an duin' air am bi e. Bha'n t àm ann, 's maith a dh' fheadta, san robh beag umhaill aige do'n pheacadh, agus san robh a chridhe suidhicht' air gach olc o'm feudadh e subhachas sam bith a ghealltuinn da fein, agus nach cosnadhl mòr näire no mi-chliu dha am measg a cho'-chreutairean; ach 'nuair tha a shùilean aon uair air am fosgladh, ionnus gur leur leis gach nì 'nan snuadh agus 'nan dreach fein tha e faicinn gur e'm peacadh galar screataidh agus gath-puinnsean an anama, leis am bheil an eas-onoir is mò air a toirt do Dhia, agus a bheir gu cinnteach a bhàs mur buinear air falbh e. Bha'n diadhachd uair-eigin, 's maith a dh' fheadta, 'na cùis fhanoid aige, no air bheag sam bith air a cur an' suarachas leis; ach tha e nis' a faicinn, gur i àrd ghìldòir agus mais'an nadurdhaonna, agus an t-slighe tha 'mhàin a treorachadh gu sìochaith ro bhuan agus subhachas ro phait. Ge do bha e aon uair gun umhaill nach

biodh e tearuinte do bhrigh nach robh peacadh uamhar sam bith ri chur as a leith, agus gu'n robh e comh mhaith r'a choimhearsnaich mun cuairt da, ged' nach robh e aig daoinibh ri ràdh mu dheimhin gu'n robh e air itheadh suas gu tur le cràbhadh, air dha eolas ni's coilionta f'haghail air toil De, tha e faicinn thaobh nàduir gu'm bheil a chridhe cealgach, aigne feolmor, agus inntinn truaillidh; gu'n robh 'na lorg so breithneachadh smuaintean a chridhe olc, agus sin an' còmhnuidh, ionnus gu'm bheil a nise uilc gun chomas an àireamh ag iathadh mun cuairt da, leis am bheil e air toirt masladh do Dhia, air dùsgadh suas f'hearg agus a chorruich, agus leis am bheil anam fein air a leonadh; tha aithreachas air uime sin, agus tha e gabhail gràin deth fein an duslach agus an' luathre. Tha geur mhothachadh aig an fhior aithreachan do'n truaighe sin ris an d'fhlàg se e fein sgaoilte le pheacannuïbh; tha e doilich ma bha iad 'nan cùis oilbheim, 'nan ceap-tuisle, no ma rinn e ea-coir sam bith leo d'a bhràth-raibh do'n chinne-daonna; ach 'se

tha gu sùnraichte 'ga lònadh le hamhladh gu'n tug e le eusaontas masladh do'n Dia is àirdé glòir, do'n Tì a chruthaich, a chum suas e, agus ris am bheil e ghnà an taice; agus gu'n tug e toibheum do'n t-Slanuighear a cheannaich e, a deanamh tarcais air a ghràdh, 'sa toirt air a chreuchdan mar gum b'eadh sileadh as ùr; 'Se so tha seach gach nì a gonadh anam,' a tarruing iomad osann o chliabh, 'sa fuasgladh nan deur o rosguibh. Mar tha e nis' a faicinn a pheacanna 'nan snuadh fein, tha e mar iongantas leis gu'n do ghiulain an Dia a tha ro naomha co' f'hada le aingidheachd, agus 'nuair tha e cluinnntinn, gur aon air sgàth a ghràis a th' air a nochdadhbh do dhaoinibh san t-soisgeul a tha e comh f'had' air a chaonadh, 's f'hada mu'n gabh e misneach o so gu buanachadh san olc. Air an làimh eile, 's ann a mheudaicheas e bhròn agus a näire, 'nuair a chuimhnicheas e gu'n robh e comasach air peacachadh an' aghaidh gràidh comh iongantach, 'sa dh' aomas so e gu piltinn gun dàil o dhroch shligibhadh ionnsuidh an De sin o'n deach e air seacharan.

W. R. M'PHUN, PUBLISHER, GLASGOW.

W. BLACKWOOD, AND MACLACHLAN & STEWART,  
EDINBURGH.

1830.











